

BRIGH NAM FACAL

Faclair Ur don Bhun-sgoil

air a dheasachadh le

Richard A.V. Cox

Clann Tuirc
2007

Air fhoillseachadh airson na ciad uarach an Albainn an 1991 le Roinn nan Cànan Ceilteach, Oileath Ghlaschu.

An dàrna h-eagan seo, le ceartachaidhean beaga, air fhoillseachadh le Clann Tuirc, Tigh a' Mhaide, Ceann Drochaid, Siòrrachd Pheairt FK17 8HT.

Air a chlò-bhualadh sa Chuimhrig le Gwasg Gomer, Llandysul.

ISBN 978-0-9549733-8-4

© Richard A.V. Cox 1991, 2007

Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith den leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith, no air dòigh sam bith, gun chead ro làimh bhon fhoillsichear.

Chuidich Comhairle nan Leabhraichean am foillsichear le cosgaisean an leabhair seo.

Ro-ràdh

Gabhaidh am faclair seo a-steach barrachd air 9,000 falal, agus dèiligidh e ri barrachd air 10,000 mìneachadh. Tha na h-altan air an rèiteachadh mar a leanas:

1. Tha am falal a mhiniclear air a chò-bhualadh ann an litrichean **tiugha**.
2. Ann an litrichean *claona*, gheibhear seòrsa an fhacail:
 - (a) *ainmear*, a tha na ainm do dhuine no nì, mar **cù**, **doras**, **màthair**. Mar as trice tha ainmearan *fireann* no *boireann*.
 - (b) *buadhair*, a bheir tuairisgeul air ainmear, no a leasaicheas a chiall, ma **buidhe**, **mòr**, **tana**.
 - (c) *clisgear*, a chleachdar gus iongnadh, toileachas, pian 7c a shealltann, mar *obh*, *hoigh*.
 - (d) *co-ghniomhair*, a dh'innseas càite, carson, ciamar no cuine a thachras rudeigin, mar **a-nochd**, **a-rithist**, **còmhla**.
 - (e) *gniomhair*, a dh'innseas na bhios cuideigin no rudeigin a' dèanamh no a' faireachdainn, mar **coisich**, **ith**, **sgriobh**.
 - (f) *naisgear*, a cheanglas facail no abairtean ri chèile, mar **ach**, **agus**, **ma**.
 - (g) *riochdair*, a chuirear ro ainmear no riochdair gus sealltann ciamar a tha e ceangailte ri falal eile, mar **air**, **le**, **ri**. Gheibhear an tuiseal a dh'fheumas ainmear an dèidh roimheir an seo cuideachd, m.e. *tabhartach*, *ginideach*.
- Ma tha dà fhacal den aon sheòrsa ann a sgrìobhar coltach ri chèile, tha iad air an comharrachadh *ainmear*¹ agus *ainmear*², *gniomhair*¹ agus *gniomhair*² 7c mar fo **goc** agus **luchd**.
3. Ann an litrichean **tiugha**, gheibhear cumaidhean eile de dh'fhacal:
 - (a) le *ainmearan*, mar as trice gheibhear na cumaidhean ginideach agus iolra, mar fo **làmh**: gin, **làimhe**, iol, **làmhan**.
 - (b) le *buadhairean*, an riochd coimeasach, mar fo **bog**: *coim*, **buige**.
 - (c) le *roimhearan*, gheibhear na cumaidhean a chleachdar mar eisimpleir le alt, buadhair seilbheach, no riochdair.
- Air uairean, gabhaidh falal a sgrìobhadh air dà dhòigh, mar fo **balg**: (no **bolg**). Air uairean, cleachdar cumadh eile de dh'fhacal ann an suidheachaidhean àraighe, mar fo **cha**: (cuideachd **chan**).
4. Am mìneachadh. Nuair a bhios barrachd air aon chiall aig falal, tha iad air an cur ann an òrdugh 1, 2, 3 7c.

Tha cuid de chiallan air an comharrachadh *aosta* no *neo-fhoirmeil* gus barrachd cuideachaidh a thoirt dhut air an cleachdad. A thuilleadh air seo, air uairean gheibhear facal no abairt mar *gràmar, eaglais, leis an alt*, gus am mineachadh no an cleachdad a dhèanamh nas soilleire.

5. Air uairean, ann an litrichean *claona*, tha abairt no rosg-rann ann gus beachd a thoirt dhut ciamar as urrainn dhut facal a chleachdad.
6. Ann an litrichean **tiugha** air loidhne ùir, gheibhear facail a tha co-cheangailte ris a' phriomh fhacal, m.e. fo **dùin** *gniomhair*, gheibhear an t-ainmear *gniomhaireach* **dùnadhf**.

Dualchainnt Air uairean chi thu cumaidhean de dh'fhacail no facail nach cleachdar anns an dualchainnt agad fhèin. Air uairean, thèid do chur gu facal eile le òrdugh no abairt mar *faic, faic fo, airson*, no *co-ionann ri*. Mar as trice, molaidh *faic* am facal eile a chleachdad. Innsidh *faic fo* gu bheil am facal a tha agad co-cheangailte ri facal eile air dòigh air choreigin is gum faigh thu fiosrachadh ma dheidhinn fon fhacal eile. Innsidh *airson* gur h-e gjorrachadh, cumadh neo-fhoirmeil, no mearachd a tha anns an fhacal agad, agus gum biodh e na b' fheàrr am facal eile a chleachdad. Cha bhi *co-ionann ri* a' moladh gu bheil an dàrna facal nas fheàrr na am facal eile, ach gu bheil iad co-ionann ri chèile agus a cheart cho math ri chèile.

A thaobh chunntairean òrdail (*ciad, dara, treas 7c*), chan eil am faclair seo a' leantainn dualchainnt sam bith. An seo, cleachdar a' *chiad fhear* agus a' *chiad tè*, ach an *còigearm fear* agus a' *chòigearm tè* a ràir gnè an ainmeir.

Chaidh am faclair iarraidh le Buidheann Comhairleachaidh na Bun-sgoile ann an 1990. Airson an cuid leabhraichean cloinne a chur thugam, tha mi fada an comain an luchd-foilleachaidh a leanas: Christian Focus Publications, Clò Chaillean, Comhairle nan Eilean, Comhairle nan Sgoiltean Araich, An Comunn Gaidhealach, Dun Eisdtein, Gairm Publications, Dòmhnull Iain MacLeod (airson Chlo-beag), Oilthigh Ghlaschu (Ròinn nan Cànan Ceilteach), Oilthigh Obar Dheathain (Ròinn na Ceiltise), Ròinn na Gaidhealtachd agus Ròinn Shrath Chluaidh.

Bu chaomh leam taing a thoirt do Dhòmhnull Iain MacLeod, Lisa Storey, agus Rhoda Dhòmhnullach a chuidich le bhith a' sgrùdadh pàirt den fhaclair fhad is a bha e ga dhèanamh; ach gu h-àraidh do Iain MacDhòmhnull a chuidich an dà chuid le leabhraichean agus litreachadh, agus don Ard-ollamh Ruaraidh MacThòmais airson a' chuideachaidh mhoir a rinn e dhomh le bhith a' leughadh cha mhòr a h-uile h-alt. Is e mo choire-sa ma tha mearachd sam bith ann fhastast.

Giorrachaidhean agus Briathran

	abairt	<i>phrase</i>
	abairt naisgeil	<i>conjunctive phrase</i>
	abairt gniomhaireach	<i>verbal phrase</i>
7	agus	<i>and</i>
7c	agus mar sin air adhart	<i>et cetera</i>
	ainmear	<i>noun</i>
	àicheil	<i>negative</i>
	àithneach	<i>imperative (mood)</i>
	ainmear gniomhaireach	<i>verbal noun</i>
	ainmear trusaidh	<i>collective noun</i>
	alt	<i>article</i>
b.	boireann	<i>feminine</i>
	buadhair	<i>adjective</i>
	buadhair àireamhail	<i>numeric adjective</i>
	buadhair seilbheach	<i>possessive adjective</i>
bun.	bunasach	<i>radical (case)</i>
	clàs	<i>clause</i>
	clisgear	<i>interjection</i>
	co-ghniomhair	<i>adverb</i>
	co-ghniomhaireil	<i>adverbial</i>
coim.	coimeasach	<i>comparative (degree)</i>
	cunntair òrdail	<i>ordinal numeral</i>
	cuspair	<i>object</i>
	cùisear	<i>subject</i>
	dàimheach	<i>relative</i>
	dìreach	<i>direct</i>
.i.	eadhon	<i>namely, i.e.</i>
eis.	eisimeileach	<i>dependent</i>
f.	fireann	<i>masculine</i>
	fulangach	<i>passive (voice)</i>
gin.	ginideach	<i>genitive</i>
	gniomhair	<i>verb</i>
	gniomhair neo-riaghailteach	<i>irregular verb</i>
	gniomhair riaghailteach	<i>regular verb</i>
	gniomhaireach	<i>verbal</i>
	guth	<i>voice</i>
	iar-leasachan	<i>suffix</i>
iol.	iolra	<i>plural</i>

	leasaichte	<i>augmented</i>
m.e.	mar eisimpleir	<i>for example</i>
	mion-fhacal	<i>particle</i>
	mion-fhacal aireamhail	<i>numeric particle</i>
	mion-fhacal ceisteach	<i>interrogative particle</i>
	mion-fhacal co-ghnìomhaireil	<i>adverbial particle</i>
	mion-fhacal naisgeil	<i>conjunctive particle</i>
	modh	<i>mood</i>
	naisgear	<i>conjunction</i>
	naisgear leasaichte	<i>augmented conjunction</i>
	neo-dhireach	<i>indirect</i>
	neo-eisimeileach	<i>independent</i>
	neo-riaghailteach	<i>irregular</i>
	riochdair	<i>pronoun</i>
	riochdair ath-bhualteach	<i>reflexive pronoun</i>
	riochdair dàimheach	<i>relative pronoun</i>
	riochdaireil	<i>pronominal</i>
	ro-leasachan	<i>prefix</i>
	roimhear	<i>preposition</i>
	roimhear leasaichte	<i>augmented preposition</i>
	roimhear riochdaireil	<i>prepositional pronoun</i>
	rosgrann	<i>sentence</i>
	seilbheach	<i>possessive</i>
sg.	singilte	<i>singular</i>
	spreigeach	<i>active (voice)</i>
tabh.	tabhartach	<i>dative (case)</i>
	taisbeanach	<i>indicative (mood)</i>
	tràth	<i>tense</i>
	tràth cumhach	<i>conditional tense</i>
	tràth neo-choileanta	<i>imperfect tense</i>
	tràth caithe	<i>past tense</i>
	tràth làthaireach	<i>present tense</i>
	tràth teachdail	<i>future tense</i>
	tuiseal	<i>case</i>

Ainmean-Aite

Eileanan ann an Albainn

Arainn	I; Eilean Idhe
Arcaibh	Ille
Barraigh	Leòdhas; Eilean Leòdhais
Bearnaraigh	Lios Mòr, <i>gin.</i> Lios Moir
Beinn na B̄hadhla	Luinn; Eilean Luinn
Beul na h-Uamha	Lunga
Bhatarsaigh	Muile
Bòd, <i>gin.</i> Bòid	Orasaigh
Canaigh	Pabaigh
Cearrara	Ratharsaigh; Ratharsair
Cinn-Tìre	Rùm; Eilean Rùm; Eilean Ruma
Colbhasa	Saoil
Colla	Sealtainn
Cumraigh	Sgalpaigh
Diùra	Sgarba
Eige; Eilean Eige	An Sgarp
Eilean nam Muc	Siùna
Eilean Mhàrtainn	Stafa
An t-Eilean Sgitheanach, <i>gin.</i> an Eilein Sgitheanaich	Tannaraigh
Eirisgeigh	Tarasaigh
Eisteal	Tiriodh; Tirimhe
Giogha	Tursa
Griomasaigh	Uibhist a Deas
Na Hearadh	Uibhist a Tuath
Hiort	Ulbha

Na h-Eileanan Breatannach

Alba *b.*, *gin.* na h-Alba(nn), *tabh.* Alba(inn)
A' Chòrn *b.*
A' Chuimrigh *b.*
Eilean Mhanainn
Eirinn *b.*, *gin.* na h-Eireann
Sasainn *b.*

Na Prìomh Dhùthchannan san Roinn Eòrpa

Albàinia *b.*
A' Bheilg *b.*
Breatainn *b.*
Bulgàiria *b.*
An Danmhairc *b.*
An Eadailt *b.*
An Eilbheis *b.*
Eirinn *b.*
An Fhraing *b.*
A' Ghearmailt *b.*
A' Ghrèig *b.*
Innis Tile *b.*
Iùgo-Slàbhia *b.*
Lucsamburg *b.*
Nirribhidh *b.*
An Olaind *b.*
An Ostair *b.*
A' Phòlainn *b.*
A' Phortagail *b.*
An Rioghachd Aonaichte *b.*
An Ruis *b.*; Ruisia *b.*
Romàinia *b.*
An t-Seic *b.*
An Spàinn *b.*
An t-Suain *b.*
Suòmaidh *b.*
An Tuirc *b.*
An Ungair *b.*

Cuid de Dhùthchannan Eile

Ameireagaidh *b.*
Astràilia *b.*
Canada *b.*
An Eipheit *b.*
Na h-Innseachan *iol.*
Israel *b.*
An t-Seapan *b.*
Siona *b.*
Na Stàitean Aonaichte *iol.*

AN GNIOMHAIR RIAGHAILTEACH I

CUIR (a)

SPREIGEACH	TAISBEANACH			AITHNEACH
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	cuiridh	chuireas	cuir	sg. 1 cuiream 2 cuir 3 cuireadh e iol. 1 cuireamaid 2 cuiribh 3 cuireadh iad
CAITHTE	chuir	do chuir		
CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA	sg. 1 chuirinn 2 chuireadh tu 3 chuireadh e iol. 1 chuireamaid chuireadh sinn 2 chuireadh sibh 3 chuireadh iad	cuirinn cuireadh tu cuireadh e cuireamaid cuireadh sinn cuireadh sibh cuireadh iad		

CUIR (b)

FULANGACH	TAISBEANACH			AITHNEACH
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	cuirear	chuirear	cuirear	cuir(t)ear
CAITHTE	chuireadh	do chuireadh		
CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA	chuirte/ chuirist(e)	cuirte/ curist(e)		

AN GNIOMHAIR RIAGHAILTEACH II

FAG (a)

SPREIGEACH	TAISBEANACH			AITHNEACH
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	fàgaidh	dh'fhàgas	fàg	sg. 1 fàgam 2 fàg 3 fàgadh e iol.
CAITHTE		dh'fhàg	do dh'fhàg	1 fàgamaid 2 fàgaibh 3 fàgadh iad
CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA	sg. 1 dh'fhàgainn 2 dh'fhàgadh tu 3 dh'fhàgadh e iol. 1 dh'fhàgamaid dh'fhàgadh sinn 2 dh'fhàgadh sibh 3 dh'fhàgadh iad	fàgainn fàgadh tu fàgadh e fàgamaid fàgadh sinn fàgadh sibh fàgadh iad		

FAG (b)

FULANGACH	TAISBEANACH			AITHNEACH
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	fàgar	dh'fhàgar	fàgar	fàg(t)ar
CAITHTE		dh'fhàgadh	do dh'fhàgadh	
CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA		dh'fhàgte/ dh'fhàgaist(e)	fàgte/ fàgaist(e)	

GNIOMHAIREAN NEO-RIAGHAILTEACH

ABAIR (a)

SPREIGEACH	TAISBEANACH			AITHNEACH
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	their	their	abair	sg. 1 abram 2 abair 3 abradh e
CAITHTE	thuirt/ thubhairt		tuit/ tubhairt	iol. 1 abramaid 2 abraibh 3 abradh iad
CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA	sg. 1 theirinn 2 theireadh tu 3 theireadh e iol. 1 theireamaid theireadh sinn 2 theireadh sibh 3 theireadh iad		abrainn abradh tu abradh e abramaid abradh sinn abradh sibh abradh iad	

ABAIR (b)

FULANGACH	TAISBEANACH			AITHNEACH
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	theirear	theirear	abrар	abrар
CAITHTE	thuirteadh/ thubhairteadh		tuirteadh/ tubhairteadh	
CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA	theirte/ dh'abairte/ theirist(e)		abairte/ abairist(e)	

NOTA: an àite abrainn, abram, abrar, 7c, gheibhear abairinn, abaiream, abairear, 7c, cuideachd.

GNIOMHAIREAN NEO-RIAGHAILTEACH

BEIR (a)

SPREIGEACH	TAISBEANACH			AITHNEACH
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	beiridh	bheireas	beir	sg. 1 beiream 2 beir 3 beireadh e iol. 1 beireamaid 2 beiribh 3 beireadh iad
CAITHTE	rug		do rug/ d'rug	
CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA	sg. 1 bheirinn 2 bheireadh tu 3 bheireadh e iol. 1 bheireamaid bheireadh sinn 2 bheireadh sibh 3 bheireadh iad	beirinn beireadh tu beireadh e beireamaid bheireadh sinn beireadh sibh beireadh iad		

BEIR (b)

FULANGACH	TAISBEANACH			AITHNEACH
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	beirear	bheirear	beirear	beir(t)ear
CAITHTE	rugadh		do rugadh/ d'rugadh	
CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA	bheirte/ bheirist(e)		beirte/ beirist(e)	

GNIOMHAIREAN NEO-RIAGHAILTEACH

CLUINN (a)

SPREIGEACH	TAISBEANACH			AITHNEACH
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	cluinnidh	chluinneas	cluinn	sg. 1 cluinneam 2 cluinn 3 cluinneadh e iol.
CAITHTE	chuala		cuala	1 cluinneamaid 2 cluinnibh 3 cluinneadh iad
CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA	sg. 1 chluinninn 2 chluinneadh tu 3 chluinneadh iol. 1 chluinneamaid chluinneadh sinn 2 chluinneadh sibh 3 chluinneadh iad	cluinninn cluinneadh tu cluinneadh e cluinneamaid cluinneadh sinn cluinneadh sibh cluinneadh iad		

CLUINN (b)

FULANGACH	TAISBEANACH			AITHNEACH
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	cluinn(t)ear	chluinn(t)ear	cluinn(t)ear	cluinn(t)ear
CAITHTE	chualas/ chualadh		cualas/ cualadh	
CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA	chluinnte/ chluinnist(e)		cluinnte/ cluinnist(e)	

GNIOMHAIREAN NEO-RIAGHAILTEACH

DEAN (a)

SPREIGEACH	TAISBEANACH			AITHNEACH
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	nì	nì	dèan	sg. 1 dèanam 2 dèan 3 dèanadh e iol.
CAITHTE	rinn		do rinn/ d'rinn	1 dèanamaid 2 dèanaibh 3 dèanadh iad
CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA	sg. 1 dhèanainn 2 dhèanadh tu 3 dhèanadh e iol. 1 dhèanamaid dhèanadh sinn 2 dhèanadh sibh 3 dhèanadh iad		dèanainn dèanadh tu dèanadh e dèanamaid dèanadh sinn dèanadh sibh dèanadh iad	

DEAN (b)

FULANGACH	TAISBEANACH			AITHNEACH
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	nithear/ nitear	nithear/ nitear	dèan(t)ar	dèan(t)ar
CAITHTE	rinneadh		do rinneadh/ d'rinneadh	
CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA	dhèante/ dhèanaist(e)		dèante/ dèanaist(e)	

GNIOMHAIREAN NEO-RIAGHAILTEACH

FAIC (a)

SPREIGEACH	TAISBEANACH			AITHNEACH
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	chi	chì	faic	sg. 1 faiceam 2 faic/ fhaic 3 faiceadh e
CAITHTE	chunnaic/ chunna		faca	iol. 1 faiceamaid 2 faicibh 3 faiceadh iad
CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA	sg. 1 chithinn 2 chitheadh tu 3 chitheadh e iol. 1 chitheamaid chitheadh sinn 2 chitheadh sibh 3 chitheadh iad		faicinn faiceadh tu faiceadh e faiceamaid faiceadh sinn faiceadh sibh faiceadh iad	

FAIC (b)

FULANGACH	TAISBEANACH			AITHNEACH
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	chithear	chithear	faic(t)ear	faic(t)ear
CAITHTE	chunnacas/ chunnacadh		facas/ facadh	
CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA	chite/ chithist(e)		faicte/ faicist(e)	

GNIOMHAIREAN NEO-RIAGHAILTEACH

FAIGH (a)

SPREIGEACH	TAISBEANACH			AITHNEACH
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	gheibh	gheibh	faigh	sg. 1 faigheam 2 faigh 3 faigheadh e iol.
CAITHTE	fhuair		d'fhuair	1 faigheamaid 2 faighibh 3 faigheadh iad
CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA	sg. 1 gheibhinn 2 gheibheadh tu 3 gheibheadh e iol. 1 gheibheamaid gheibheadh sinn 2 gheibheadh sibh 3 gheibheadh iad	faighinn faigheadh tu faigheadh e faigheamaid faigheadh sinn faigheadh sibh faigheadh iad		

FAIGH (b)

FULANGACH	TAISBEANACH			AITHNEACH
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	gheibh(t)ear	gheibh(t)ear	faigh(t)ear	faigh(t)ear
CAITHTE	fhuaras/ fhuaradh		d'fhuaras/ d'fhuaradh	
CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA	gheibhte/ gheibhist(e)		faighte/ faighist(e)	

GNIOMHAIREAN NEO-RIAGHAILTEACH

RACH (a)

SPREIGEACH	TAISBEANACH			AITHNEACH
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	thèid	thèid	tèid	sg. 1 racham 2 rach 3 rachadh e
CAITHTE	chaidh		deach/ deachaidh	iol. 1 rachamaid 2 rachaibh 3 rachadh iad
CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA	sg. 1 rachainn 2 rachadh tu 3 rachadh e iol. 1 rachamaid rachadh sinn 2 rachadh sibh 3 rachadh iad	rachainn rachadh tu rachadh e rachamaid rachadh sinn rachadh sibh rachadh iad		<i>no</i> theirigeam, 7c <i>àicheil:</i> na teirigeam, 7c

NOTA: an àite **rachainn**, **rachadh tu**, 7c, gheibhear **dheighinn**, **dheigheadh/dheadh tu** (*eis.* **deighinn**, **deigheadh/deadh tu**) no **reighinn**, **reigheadh/readh tu** (*eis.* **d'reighinn**, **d'reigheadh/d'readh tu**), 7c, cuideachd.

RACH (b)

NEO-PHEARSANTA	TAISBEANACH			AITHNEACH
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	thèidear	thèidear	tèidear	rach(t)ar
CAITHTE	chaidheas		deachas	<i>no</i> theirigar <i>àicheil:</i> na teirigar
CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA	rachte/ dheighte/ dheighist(e)/ reighte	rachte/ dheighte/ dheighist(e)/ d'reighte		

GNIOMHAIREAN NEO-RIAGHAILTEACH

RUIG (a)

SPREIGEACH	TAISBEANACH			AITHNEACH
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	ruigidh	ruigeas	ruig	sg. 1 ruigeam 2 ruig 3 ruigeadh e iol.
CAITHTE	ràinig		do ràinig/ d'ràinig	1 ruigeamaid 2 ruigibh 3 ruigeadh iad
CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA	sg. 1 ruiginn 2 ruigeadh tu 3 ruigeadh e iol. 1 ruigeamaid ruigeadh sinn 2 ruigeadh sibh 3 ruigeadh iad	ruiginn ruigeadh tu ruigeadh e ruigeamaid ruigeadh sinn ruigeadh sibh ruigeadh iad		

RUIG (b)

FULANGACH	TAISBEANACH			AITHNEACH
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	ruigear	ruigear	ruigear	ruig(t)ear
CAITHTE	ràinigeadh/ ràinigear/ räineas/ ruigeadh		do ràinigeadh/ do ràinigear/ do räineas/ do ruigeadh	
CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA	ruigte/ ruigist(e)		ruigte/ ruigist(e)	

NOTA: an àite do ràinigeadh, 7c, gheibhear d'ràinigeadh, 7c, cuideachd.

GNIOMHAIREAN NEO-RIAGHAILTEACH

THIG (a)

SPREIGEACH	TAISBEANACH			AITHNEACH
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	thig	thig	tig	sg. 1 thigeam 2 thig 3 thigeadh e
CAITHTE	thàinig		tàinig	iol. 1 thigeamaid 2 thigibh 3 thigeadh iad
CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA	sg. 1 thiginn 2 thigeadh tu 3 thigeadh e iol. 1 thigeamaid thigeadh sinn 2 thigeadh sibh 3 thigeadh iad		tiginn tigeadh tu tigeadh e tigeamaid tigeadh sinn tigeadh sibh tigeadh iad	<i>aicheil:</i> na tigeam, 7c

THIG (b)

NEO-PHEARSANTA	TAISBEANACH			AITHNEACH
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	thig(t)ear	thig(t)ear	thig(t)ear	thig(t)ear <i>aicheil:</i> na tig(t)ear
CAITHTE	thàinigear/ thàinigeas/ thàineas/ thàineas		tàinigear/ tàinigeas/ tâineas/ tâineas	
CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA	thigte/ thigist(e)		tigte/ tigist(e)	

GNIOMHAIREAN NEO-RIAGHAILTEACH

THOIR (a)

SPREIGEACH	TAISBEANACH			AITHNEACH
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	bheir	bheir	toir/ tabhair	sg. 1 thoiream 2 thoir 3 thoireadh e iol.
CAITHTE	thug		tug	1 thoireamaid 2 thoiribh 3 thoireadh iad
CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA	sg. 1 bheirinn 2 bheireadh tu, <i>no</i> 1 thoirinn 2 thoireadh tu, <i>no</i> 1 thugainn 2 thugadh tu, 7c	toirinn toireadh tu, <i>no</i> tabhairinn tabhaireadh tu, <i>no</i> tugainn tugadh tu, 7c	<i>aicheil</i> : na toiream, 7c <i>no</i> tabhaiream, 7c <i>no</i> bheiream, 7c	

NOTA: an àite **thoiream**, 7c, gheibhear sg. 1 **thugam**, 2 –, 3 **thugadh e**, *iol.* 1 **thugamaid**, 2 **thugaibh**, 3 **thugadh iad**, cuideachd.

THOIR (b)

FULANGACH	TAISBEANACH			AITHNEACH
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH	
TEACHDAIL	bheirear	bheirear	toirear/ tabhairear/ tugar	thoir(t)ear/ thugar
CAITHTE	thugadh/ thugas		tugadh/ tugas	
CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA	bheirte/ thoirte/ bheirst(e)/ thugte/ thugaist(e)		thoirte/ tabhairst(e)/ toirist(e)/ tugte/ tugaist(e)	

GNIOMHAIREAN NEO-RIAGHAILTEACH

BI (a)

SPREIGEACH	TAISBEANACH			AITHNEACH
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH	
LATHAIREACH	tha	tha	(bh)eil/ (b)eil	sg. 1 bitheam 2 bi 3 bitheadh e iol.
TEACHDAIL	bidh/ bithidh	bhios/ bhitheas	bi	
CAITHTE	bha		robh	1 bitheamaid 2 bithibh 3 bitheadh iad
CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA	sg. 1 bhithinn 2 bhitheadh tu 3 bhitheadh e iol. 1 bhitheamaid bhitheadh sinn 2 bhitheadh sibh 3 bhitheadh iad	bithinn bitheadh tu bitheadh e bitheamaid bitheadh sinn bitheadh sibh bitheadh iad		

NOTA: an àite **bhitheadh tu**, **bhitheamaid**, 7c, gheibhear **bhiodh tu**, **bhiomaid**, 7c, cuideachd.

BI (b)

NEO-PHEARSANTA	TAISBEANACH			AITHNEACH
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH	
LATHAIREACH	thathar/ thatar/ thathas	thathar/ thatar/ thathas	(b)eilear/ (b)eileas	bithear/ bitear
TEACHDAIL	bithear/ bitear/ bitheas	bhithear/ bhitear/ bhitheas	bithear/ bitear/ bitheas	
CAITHTE	bhathar/ bhatar/ bhathas		robhar/ robhas	
CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA	bhite/ bhithist(e)		bite/ bithist(e)	

SPREIGEACH	TAISBEANACH		
TRATH:	NEO-EISIMEILEACH	DAIMHEACH	EISIMEILEACH
LATHAIREACH	is/ 's	as mas	cha(n) an/ am nach gur guma mur ge cò dè nas
CAITHTE/ CUMHACH/ NEO-CHOILEANTA	bu/ b'	a bu ma bu	cha bu am bu nach bu gum bu mur bu ge bu cò bu dè bu na bu

A

a [ə]

a' chiad litir san aibidil.

a buadhair seilbheach¹dheth; a' buntainn dhà: *athair is a mhàthair.***a buadhair seilbheach²**dhith; a' buntainn dhi: *a h-athair is a màthair.***a mion-shacal àireamhail**air a chleachdadh ro chunntairean: *a h-aon, a dhà, 7c.***a mion-shacal ceisteach**(cuideachd **an**, **am**, àicheil **nach**)
air a chleachdadh gus ceistean a chur: (direach) *a bheil duine ann?*; *am bi thu aig an taigh a-màireach?*; *nach eil an t-acras ort?*; (neo-dhireach) *chan eil fhios agam a bheil e ann.***a mion-shacal dàimheach**(cuideachd **a dh'**, àicheil **nach**)
(leis a' ghniomhair is **as**, **nach**)
air a chleachdadh an déidh naisgearan agus cho-ghniomhairean ceisteach: *nuair a bhios mi sgith; ged nach eil an t-acras orm; 'e sin mar a bha e; carson a tha thu a' dèanamh sin?***a mion-shacal naisgil**(cuideachd **an**, **am**, àicheil **nach**)
air a chleachdadh an déidh naisgearan (m.e. **far**, **gus**) agus a' cho-ghniomhair **caite**: *fuirich gus am faic thu seo; caite am bi thu a' fuireach?; tha mi a' dol don leabaidh gus nach bi mi sgith a-màireach.***a riochdair dàimheach¹**(cuideachd **a dh'**, àicheil **nach**)
(leis a' ghniomhair is **as**, **nach**)am fear a; an tè a; an fheadhainn a:
seo an duine a bha ag iarraidh obair; leugh an leabhar a thug mi dhut!; bha tòrr ann nach do rinn iad; cò nach bi ann a-nochd?; *seo an còta nach caomh leam; sin am fear as fheàrr leam.***a riochdair dàimheach²**(cuideachd **an**, **am**, **n**, **m**, àicheil **nach**)air a chleachdadh an déidh roimheir (an abairtean dàimheach neo-dhireach): *seo an taigh anns a bheil sinn a' fuireach; seo an duine dhan tug mi an t-airgead; sin duine ris nach bi mi a' bruidhinn.***a roimhear¹**(cuideachd **a dh'**)(le buadhair seilbheach **gam gad ga/ga gar gur gan/gam**)
gus: *thàinig iad a shealltainn orm an-dè;* *chaidh e a dh' iarraidh bainne, thig gam iarraidh feasgar!***a roimhear²**(cuideachd **a dh'**)do: *chaidh an càr a bhualadh; bha e air cus bìdh a cheannach.***a roimhear³ (+ tabh.)**(cuideachd **a dh'**)airson **de**: *leth uair a thide.***a roimhear⁴ (+ tabh.)**(cuideachd **a dh'**)airson **do**: *chaidh e a dh' Obar Dheathain***à roimhear (+ tabh.)**(ron alt **às**)(ron riochdair dhàimheach **a² às**)(ro bhuadhair seilbheach **às**)(cumaidhean riochdaireil **asam(sa)**)**asad(sa) às(-san)/aiste(se) asainn(e)****asaibh(se) asta(san))**

1 bho; air falbh bho; a-mach à: *leig i èigh aiste; chaidh iad a-mach às an taigh; fhuair mi truinnsear às a' phreas; às a chiall; chaidh an càr a-mach à sealladh; thuit e às a chèile.* 2 de; le: *tha flùr air a dhèanamh à arbhar.* 3 le; a' buntainn do: 's ann à Glaschu a tha e.

a' buadhair (*an t-alt*)
faic fo an

a' roimhearr
(cuideachd ag)
(le buadhair seilbheach **gam gad ga/ga gar gur gan/gam**)
air a chleachdadadh leis a' ghnìomhair bi agus ainmear gniomhaireach, le brigh leanailteach: *bha mi a' leughadh fad uair a thidé; chan eil mi ga iarraidh air ais; dè a tha thu ag ràdh?*

ab f.
(no **aba**)
gin. **aba** *iol.* **abachan**
ceannard ann an abaid.

abachadh f.
gin. **abachaidh**
a' fàs abaich.

abaich *buadhair*
coim. **abaiche**
deiseil gus a bhuain no gus ithe, 7c.

abaich *gniomhair*
fàs abaich.
abachadh f.

abaichead f.
gin. **abaicheid**
a bhith abaich.

abaid f.
gin. **abaide** *iol.* **abaidean**
1 grunnan thogalach far am bi

manaich no cailleachan-dubha a' fuireach. 2 comann mhanach no chailleachan-dubha. 3 eaglais a tha no a bha ann an abaid.

abair *gniomhair neo-riaghailteach*
1 dèan facail led ghuth; labhair; can: *thuirt e rium nach robh e a' tighinn; theirinn gum bi là math ann a-maireach; their iad rud sam bith.* 2 air a chleachdadadh gus innseadh dè cho math no dè cho dona, 7c, is a tha cuideigin no rudeigin: *abair sin!; abair là math!; abair gu bheil e mòr!*
ràdh f.

abairt b.
gin. **abairte iol.** **abairtean**
1 grunnan beag de dh'fhasail; ionradh aithghearr. 2 **abairt naisgeil** abairt a tha na naisgear.

àbhacas f.
faic **àbhachdas**

àbhachd b.
a bhith àbhachdach; aighear; spòrs.

àbhachdach *buadhair*
coim. **àbhachdaiche**
éibhinn; comaig; aighearach.

àbhachdas f.
gin. **àbhachdais**
spòrs; aighear.

abhag b.
gin. **abhaig** *iol.* **abhagan**
seòrsa de chù beag èasgaidh.

abhagach *buadhair*
coim. **abhagaiche**
coltach ri abhaig; greannach; mi-shoighidneach.

abhainn b.

gin. aibhne iol. aibhnichean
uisge a' ruith tro chlais; allt mòr.

àbhainn b.

faic àmhainn

àbhaist b.

gin. àbhaiste iol. àbhaistean
an dòigh àbhaisteach a bhith a'
dèanamh rudan; nòs; cleachdad;
b'e an àbhaist a bhith a' dol chun na
mòintich leis a' chrodh; is àbhaist
dhut a bhith annoch; mar as
àbhaist; san àbhaist.

àbhaisteach buadhair

coim. àbhaistiche
a thachras gu tric no fad na tide; a
bhios an dùil; cumanta.
àbhaisteachd b.

a-bhànn co-ghniomhair

sìos.

a bharrachd co-ghniomhair
nas mò; cuideachd: *mur tèid thu*
ann, cha tèid mise ann a bharrachd.

a bharrachd air roimhear (+ tabh.)
a' fàgail às; a thuilleadh air.

a bhàrr air roimhear (+ tabh.)
a bharrachd air; a thuilleadh air.

abharsaig b.

iol. abharsaigean
poca air a ghiùlan air do dhruim.

abhcaid b.

iol. abhcaidean
rudeigin a chanas tu no a nì thu gus
an déan daoine gàire; fealla-dhà.

abhcaideach buadhair

coim. abhcaidicte

a bheir air daoine gàire; làn fealla-dhà.

abhcaideachd b.

a bhèan-uiridh co-ghniomhair
co-ionann ri a bhòn-uiridh.

a bhith abairt ghniomhaireach

(no bhith)

a' tighinn ann am bith; a' tighinn
beò.
faic fo bi

ablach f.

gin. ablaich iol. ablaich, ablaichean
1 closach; cairbh. 2 facal a chanar ri
duine nuair a chuireas tu sios air,
no nuair a nì thu tarì air.

a bhòn-dè co-ghniomhair

an là ro an-diugh.

a bhòn-raoir co-ghniomhair
an oidhche ro a-raoir.

a bhòn-uiridh co-ghniomhair
a' bhliadhna ro an-uiridh.

a-bhos co-ghniomhair
an seo; gun a bhith thall.

a bhroinn roimhear (+ gin.)
a-steach ann an.

abradh gniomhair neo-riaghailteach
(agus abraibh, 7c)
faic fo abair

abstol f.

gin. abstoil iol. abstoil, abstolan
fear den dà fhéar dheug a
chuireadh a shearmonachadh le
Criod.

AC

giorrhachadh de *an déidh Chriosd,*
air a chleachdad le bliadhna air a

- aca(san) roimhear riochdaireil**
 cunnadadh bho cheann-bliadhna
 Chriosd: stèidhich *Calum Cille*
manachainn ann an Eilean I
timcheall air 563 AC.
- aca(san) roimhear riochdaireil**
 faic fo aig
- acadamh f.**
gin. acadaimh iol. acadamhan
 1 colaiste no sgoil. 2 comann a
 ghabhas gnothach ri ealain no
 rannsachadh.
- acair f. agus b.**
iol. acraichean
 nì trom air a cheangal ri bàta le
 slabhraidih no ròpa agus air a leigeil
 gu grunn na mara gus nach gluais
 am bàta.
- acaire f. agus b.**
iol. acraichean
 tomhas talmhainn co-ionann ri
 4,840 de shlathan ceàrnach.
- acarsaid b.**
gin. acarsaide iol. acarsaidean
 1 àite sam faigh bàta air acair a
 leigeil. 2 cala.
- acfhainn b.**
gin. acfhainne iol. acfchainnean
 uidheam airson obair àraidh a
 dhèanamh.
- acfchainneach buadhair**
coim. acfhainniche
 aig a bheil an acfhainn a
 dh'fheumas; deiseil gus obair
 shònraichte a dhèanamh.
- ach naisgear**
 gidheadh; an dèidh sin: *tha teatha*
ann, ach chan eil bainne ann.
- ach roimhear (+ bun.)**
- aca(san) roimhear riochdaireil**
 a-mhàin; saor o: *cha robh ann ach*
mise; 's e a bha ann ach càr.
- acha f.**
 faic **achadh**
- ach a naisgear**
gus a: seall ach a bheil e air tighinn;
trobhad ach am faic thu seo!
- achadh f.**
gin. achaidh iol. achaidhean,
achannan
 1 pios talmhainn, mar as tric air a
 chuartachadh le feansa no callaid,
 airson àitich no airson beathaich-
 ean a chumail ann. 2 lèana; raon.
- a-chaoidh co-ghniomhair**
 gu bràth; an-còmhnaidh: *cha tèid*
mi a chéilidh orra a-chaoidh; a-
chaoidh tuilleadh; bidh mi a-chaoidh
a' caoidh nach robh cù agam.
- achd b.**
iol. achdan, achdannan
 lagh air a dhèanamh leis a'
 Phàrlamaid.
- a cheana co-ghniomhair**
 mu thràth.
- a chianaibh co-ghniomhair**
 o chionn ùine goirid.
- a chionn roimhear (+ gin.)**
 airson; air sgàth: *a chionn seo.*
- a chionn is gu naisgear**
 oir; airson gu; o: *feumaidh mi*
rudeigin ithe a chionn is gu bheil an
t-acras orm.
- achlais b.**
gin. achlaise iol. achlaisean
 roinn na bodhaige fo cheann shuas
 do ghàirdén.

a chlisg *co-ghniomhair*
gu h-obann.

a chum *roimhean (+ gin.)*
1 gu. 2 a chionn.

a chum is gu *naisgear*
gus a.

acraich *buadhair*
coim. acraiche
ag iarraidh biadh ithe; a bhith leis
an acras.

acras f.
gin. acrais
faireachdainn gu bheil feum agad
air biadh ithe.

acrasach *buadhair*
coim. acrasaiche
co-ionann ri **acraich**.

actair f.
iol. actairean
cleasaiche ann an dealbh-chluich
no film.

ad b.
gin. aide iol. adan
ball-aodaich airson a' chinn.

adag b.¹
gin. adaig iol. adagan
iasg-mara a ghabhas ithe.

adag b.²
gin. adaig iol. adagan
aireamh de sguaban arbhair air an
cur còmhla.

a dh'aindeoin *roimhean (+ gin.)*
ged a tha rudeigin air tachairt no a'
tachairt: *a dh'aindeoин sin.*

a dh'aithghearr *co-ghniomhair*
ann an uine gohirid; gu luath.

a dh'ionnsaigh *roimhean (+ gin.)*
gu; gus.

adha f.
iol. ainean
fáireag na bodhaige a ghlanas an
fhuil.

adhairc b.
co-ionann ri **adharc**.

adhaltranas f.
gin. adhaltranais
a bhith neo-dhileas dhad chéile le
bhith a' co-ghineadh le cuideigin
eile.
adhaltraiche f., adhaltranach
buadhair

adhar f.
gin. adhair
an t-àite os ar cionn nuair a bhios
sinn a-muigh; speur.

adharc b.
gin. adhairec iol. adharcán
seòrsa de chnàmh biorach a bhios
a' fás air ciùn thairbh, mhait,
rùdan, 7c; cabar.

adharcach *buadhair*
coim. adharcaiche
air a bheil adharcan; mar adhairc.

adharcain-luachrach f.
gin. agus iol. adharcain-luachrach
eun-raoin a choimheadas mar gum
biodh seòrsa bonaide air a cheann;
curracag.

adhart f.
gin. adhaint
adhartas.
faic fo air **adhart**

adhartas f.
gin. adhartaís

1 a' gluasad air thoiseach; a' gluasad air adhart. **2** leasachadh.
adhartach buadhair

neach à Afraga.

Afraganach buadhair

adhbhar *f.*

gin. **adhbhair** *iol.* **adhbharan**
innsidh seo dhut carson a nì thu
rudeigin, no carson a tha rudeigin
ann: *rinn mi air an adhbhar sin e.*

ag roimhear
faic fo a'

adhbharachadh *f.*

gin. **adhbharachaidh**
a bhith na adhbhar do rudeigin.

agad(sa) *roimhear riochdaireil*
faic fo **aig**

adhbharaich *gniomhair*

bi na adhbhar do rudeigin.
adhbharachadh *f.*

agaibh(se) *roimhear riochdaireil*
faic fo **aig**

adhbrenn *b.*

gin. **adhbrenn** *iol.* **adhbrennean**
an t-alt aig ceann shìos na lurgainn
agus os cionn na troighe.

agair *gniomhair*
tagair.
gaairt b.

a dhìth *co-ghniomhair*
faic fo **dìth**

agalladh *f.*
gin. **agallaidh**
a' coinneachadh ri cuideigin gus
ceistean a chur air, no gus
còmhradh a dhèanamh air
rudeigin.

adhlacadh *f.*

gin. **adhlacaidh**
a' cur neach no nì fo thalamh; a'
tiodhlacadh.

agallaich *gniomhair*
coinnich ri cuideigin gus ceistean a
chur air, no gus còmhradh a
dhèanamh air rudeigin.
agalladh *f.*

adhlaic *gniomhair*
cuir neach no nì fo thalamh;
tiodhlaic.
adhlacadh *f.*

agallamh *f.*
gin. **agallaimh** *iol.* **agallamhan**
coinneamh le cuideigin gus ceis-
tean a chur air, no gus còmhradh a
dhèanamh air rudeigin.

adhradh *f.*
gin. **adhrайдh** *iol.* **adhraidhean**
a' moladh Dhè no dè: *dèan adhradh*
do Dia!

agam(sa) *roimhear riochdaireil*
faic fo **aig**

Afraga *b.*

an t-ainm air tè de na còig mòr-
roinnean.

agh *f.*
gin. **aighe** *iol.* **aighean**
bò dà bhliadhna.

Afraganach *f.*
gin. agus *iol.* **Afraganaich**

àgh *f.*
gin. **àigh**

1 sonas. 2 sealbh; fortan.

aghaidh b.

gin. **aghaidhe** *iol.* **aghaidhean**

1 roinn toisich a' chinn; aodann: *fhalbh is nigh d' aghaidh!* 2 roinn toisich rudeigin. 3 a bhith beadaidh no dàna: 's ann ort a tha an aghaidh! 4 **an aghaidh** fa chomhair. 5 air aghaidh air adhart.

aghaidh-choimheach b.

gin. **aghaidh-coimhich** *iol.*

aghaidhean-coimheach

còmhdaich air an aghaidh a chaitheas tu gus nach aithnich duine thu.

aghann b.

gin. **aighne**, **aghainne** *iol.* **aigh-eannan**, **aghannan**

pana tana san tèid biadh a bhruch ann am blonaig no ann an ola.

aghastar f.

gin. **aghastair** *iol.* **aghastaran**

ball no ròpa air a chur timcheall air ceann eich gus an gabhar os làimh e.

àghmhor *buadhair*

coim. **àghmhoire**

sona.

àghmhorachd b.

a **ghnáth** *co-ghniomhair*

an-còmhnaidh; gu bràth.

agus *naisgear*

(no is, 's)

1 a bharrachd air; a thuilleadh air: *aran is ìm; 's e droch là a tha ann, agus tha i fuar; fhalbh is faigh sin dhomh!* 2 le; seach gu; fhad is a: *bha sinn a' snàmh sa mhuir agus an aimsir cho math.* 3 mar a: *se seo an*

t-aon gheansaidh is a bha orm an-dè;
(le **cho**) *tha e cho math is a bha e a-*
riamh; dè cho àrd is a tha e?

agus gu *naisgear*

(no is **gu**)

1 gus: *bha e cho duilich is nach d'fhuair mi air a dhèanamh.* 2 an abairtean naisgeil: *a chum is gu, a chionn is gu.*

a **h-uile** *buadhair*

faic fo **uile**

àibheis b.

gin. **àibheise** *iol.* **àibheisean**

1 clais no toll a tha uabhasach domhainn; àite glè dhomhainn. 2 am muir.

àibheiseach *buadhair*

aibhne b.

faic fo **abhainn**

aibhse b.

co-ionann ri **taibhse**.

aibidil b.

gin. **aibidile** *iol.* **aibidilean**

na lítrichean a gheibhear ann an cànán air an cur ann an órduagh sònraichte.

aibidileach *buadhair*

aice(se) *roimhear* *riochdaireil*

faic fo **aig**

àicheadh f.

gin. **àicheidh**

1 a' cantainn nach eil rudeigin fior.
2 a' diùltadh.

àicheidh *gniomhair*

1 can nach eil rudeigin fior. 2 diùlt.
àicheadh f.

aicheil *buadhair*
coim. **àicheile**
 a dhiúltas; nach gabh dèanamh.

aideachadh *f.*
gin. **aideachaидh**
 1 ag aithneachadh agus a' cantainn
 gu bheil rudeigin fior; ag
 aontachadh gun do thachair no
 gun tachair rudeigin. 2 a' cantainn
 gun do rinn thu rudeigin ceàrr.

aidh *clisgear*
 1 co-dhiù; uill. 2 air a chleachdadh
 gus bròn no sgìths a shealltainn:
aidh! *aidh!*

aidh *co-ghniomhair*
 seadh.

aidhear *f.*
gin. **àidheir** adhar.

aidich *gniomhair*
 1 aithních agus can gu bheil
 rudeigin fior; aontach gun do
 thachair no gun tachair rudeigin;
 gabh ri. 2 can gun do rinn thu
 rudeigin ceàrr.
aideachadh *f.*

aidmheil *b.*
gin. **aidmheile** *iol.* **aidmheilean**
 1 rudeigin a dh'aidicheas tu. 2
 creideamh.
aidmheileach *buadhair*

aifreann *f.*
gin. **afrinn**
 deas-ghnàth san Eaglais Chait-
 ligich san gabhar fion agus aran
 beannaichte.

aig *roimhear* (+ tabh.)
 (cumaidhean roichdaireil **agam**(sa)
agad(sa) **aige**(san) **aice**(se)
againn(e) **agaibh**(se) **aca**(san))

1 faisg air; ri taobh: *aig a' bhòrd; aig an uinneig.* 2 a' seilbheachadh; an cois; còmhla ri: *seo an taigh agam; dè na tha agad de dh'airgead?*; nach eil leabhar agad? 3 le: *chan eil fios agam air; a bheil cuimhne agad?* 4 airson: *chaidh agad air an rud a bha ceàrr; chan eil aige air sin; bha e na lèigh aig an rìgh.*

aige(san) *roimhear* *riochdaireil*
 faic fo **aig**

aige sin *co-ghniomhair*
 aig sin.

aigeach *f.*
gin. agus *iol.* **àigich**
 each fireann.

aigeann *f.*
gin. **aigeinn** *iol.* **aigeannan**
 1 am muir. 2 àite glè dhomhainn. 3
 an **t-Aigeann** a Deas an t-àite
 timcheall air a' Phòla a Deas. 4 an
t-Aigeann a **Tuath** an t-àite
 timcheall air a' Phòla a Tuath.
aigeannach *buadhair*

áigh *f.*
 1 sonas. 2 sealbh; fortan.
aigheach *buadhair*

aighear *f.*
gin. **aighir**
 aoibhneas.

aighearrach *buadhair*
coim. **aighearaiche**
 aoibhneach; sona.

aighne *b.*
 faic fo **aghann**

aigne *b.*
 1 nàdar duine; mèinn. 2 inntinn;
 spiorad.

aigeach *buadhair*

ailbhean f.

gin. ailbhein iol. ailbheanan
beathach uabhasach mòr le sròin
fhada agus cluasan mòra air.

ailbhinn b.

gin. ailbhinne

1 seòrsa creige a tha glè chruaidh. 2
pios ailbhinne no meatailte
cruaidhe air a chleachdadh gus
sradagan a dhèanamh.

àile f.

1 am measgachadh de ghasan
timcheall air an t-saoghal, agus a
bhios sinn a' tarraing mar anail. 2
fàileadh.

àileadh f.

co-ionann ri àile.

aileag b.

gin. aileig iol. aileagan
seòrsa slugaidh àrd-ghuthaich a nì
thu nuair a thèid stad aithghearr a
chur air d' anail.

àilean f.

gin. agus iol. àilein
lèana; glasach; blàr.

àilgheas f.

gin. àilghis
miann no toil àraidh.
àilgheasach.

àill b.

1 toil; miann. 2 b' **àill leibh** abairt a
chleachdas tu nuair a
dh'fhaighnicheas tu gu modhail dè
a bha cuideigin ag ràdh.

àilleach *buadhair*

coim. àillliche
bòidheach; eireachdail.

àilleachd b.

àilleag b.

gin. àilleig iol. àilleagan
1 seud. 2 tè àilleach.

àilleas f.

co-ionann ri **àilgheas**.
àilleasach *buadhair*

àillidh *buadhair*

àlainn; maiseach.

aillse b.

galar sam bi mill chronail a' fàs sa
chorp.

aillseach *buadhair*

ailm b.

gin. ailme iol. ailmean
1 co-ionann ri failm. 2 leamhan.

ailtire f.

iol. ailtirean
cuideigin a dhealbhais
togalaichean.
ailtireachd b.

aimhleas f.

gin. aimhleis
a bhith crosta agus buaireasach.

aimhleasach *buadhair*

coim. aimhleasaiche
crosta agus buaireasach.
aimhleasachd b.

aimhreit b.

gin. aimhreite iol. aimhreitean
1 argamaid no connsachadh a
bhios làdir no feargach. 2 a'
milleadh sìth no fois cuideigin.
aimhreiteach *buadhair*

aimsir b.

gin. aimsire
1 side: bha sinn a' snàmh sa mhui

agus an aimsir cho math; droch aimsir. 2 tiota no ùine shònraichte; àm.

aimsireil buadhair

a' gabhail gnothaich ris an aimsir no tide.

ain-deòin b.

1 a bhith ain-deònach. 2 a dh'aindeoin ged a tha rudeigin air tachairt no a' tachairt: a dh'aindeoin sin.

ain-deònach buadhair

coim. **ain-deònaiche**
gun a bhith deònach.

àinean f.

faic fo **adha**.

aineolach buadhair

coim. **aineolaiche**
gun fhios air rudeigin no air mòran rudan.

aineolas f.

gin. **aineolas**
a bhith aineolach; ainfhios.

ainfhios f.

gin. **ainfhios**
aineolas.

ainfhiosrach buadhair

coim. **ainfhiosraiche**
aineolach.

aingeal f.

gin. **aingil** *iol.* **ainglean**
1 teachdaire bho Dhia. 2 neach a tha glè chòir no glè bhrèagha.

aingidh buadhair

coim. **aingidhe**
olc.
aingidheachd b.

ainm f.

gin. **ainme** *iol.* **ainmean,**
ainmeannan
an rud a chanas tu ri rudeigin: dè an t-ainm a tha ort?; 's e Pàdraig an t-ainm a tha air; dè as ainm dhà?; tè dom b' ainm Mòrag.

ainmeachadh f.

gin. **ainmeachaidh**
1 a' toirt ainm do chuideigin no rudeigin. 2 a' toirt iomradh air chuideigin no rudeigin.

ainmear f.

gin. **ainmeir** *iol.* **ainmean**
1 facal a tha na ainm do dhuine no ni: 's e ainmeanan a tha ann am facail mar 'biadh', 'cù', 'searg', agus 'taigh'. 2 **ainmear gniomhaireach** ainmear air a chleachdad, gu h-àraidh còmhla ri gniomhair, gus sealltainn na tha cuideigin a' déanamh, a' faireachdainn, 7c: *tha 'sgriobhadh'* na **ainmear gniomhaireach ann an 'tha mi a' sgriobhadh'**, 'tha mi ag iarraidh litir a sgriobhadh', agus 'feumaidh mi litir a sgriobhadh'.

ainmeil buadhair

coim. **ainmeile**
air aithneachadh le mòran dhaoine; iomraiteach.

ainmhidh f.

gin. **ainmhidhe** *iol.* **ainmhidhean**
rud sam bith a tha beò agus a gheibh air gluasad; beathach; creutair.

ainmich gniomhair

1 thoir ainm do chuideigin no rudeigin. 2 thoir iomadh air chuideigin no rudeigin.

ainmeachadh f.

ainmneach *buadhair*

1 (gràmar) a tha ag ainmeachadh a' chùiseir: *an tuiseal ainmneach*. 2 a ghabhas gnothach ri ainmeanan.

ainmneach *f.*

gin. **ainmnich**
an tuiseal ainmneach.

ainneamh *buadhair*

coim. **ainneimhe**
gun a bhith tric; gann.

ainneart *f.*

gin. **ainneirt**
fòirneart.
ainneartach *buadhair*

ainnir *b.*

gin. **ainnire** *iol.* **ainnirean**
maighdeann.

ainnis *b.*

gin. **ainnise**
bochdainn.

ainniseach *buadhair*

coim. **ainnisiche**
bochd.

aintighearn *f.*

gin. **aintighearna** *iol.* **aintighearnan**
cuideigin a riaghlas daoine air dòigh neo-thruacanta agus fòirneartach.

aintighearnas *f.*

air *co-ghniomhair*
a dh'obair: *cuir an solas air!*

air *roimhear¹* (+ tabh.)

(cumaidhean riochdaireil **orm(sa)** **ort(sa)** **air(san)/oirre(se)** **òirnn(e)** **oirbh(se)** **orra(san)**)

1 aig no thairis air mullach rudeigin: *air a' bhòrd; tha fitheach air an achadh.* 2 mu: *chan eil sinn a'*

bruidhinn ortsa; bheir mi iomradh air sin fhathast; cha robh air ach sin a dhèanamh. 3 a chionn: *air an adhbhar sin.* 4 fo bhuaidh; le: *a bheil an t-acras ort?; tha am pathadh mòr orm; bha eagal a bheatha air.* 5 aig: *tha e math air ball-coise.* 6 aig uair no àm sòraichte; am feadh: *air a' mhadainn; air an oidhche; air uairean; tha e air saor-làithean; bidh sinn air fèill a-màireach.* 7 o; an aghaidh: *carson a dh'halbh thu orm?; an do dhùin e an doras ort?* 8 ri phàigheadh le: *cuimhnich gu bheil dà nota agam ort fhathast!* 9 air an duine no an nì air an cuirear beannachd no mallachd: *O, m' eudail air!; mo mhionnan air!* 10 an àite; air pris: *cheannaich mi air 50 sgillinn e; an d'fhuair thu càil air?* 11 de: *bha iad air bheag maise.* 12 a dh'aindeoin: *air cho beag is a tha e.* 13 air a chleachdadhbh ann an sreach de chiallan ann an iomadh abairt: *air c(h)ùl; air chall; air chuairt; air deireadh.*

air *roimhear²*

an dèidh: *air dhomh èirigh, dh'ith mi mo bhracaist; a bheil thu air sin a dhèanamh mu thràth?*

air *roimhear³*

faic **ar**

air(san) *roimhear riochdaireil*
faic fo **air**¹

air adhart *co-ghniomhair*

1 air thoiseach; air beulaibh. 2 nas shearr; am feabhas: *tha e a' tighinn air adhart glè mhath.*

air aghaidh *co-ghniomhair*
air adhart.

air ais co-ghniomhair

1 gus no anns an àite às an tainig
thu: *fhalbh air ais!* 2 air falbh: *tha
an taigh air ais bhon rathad.* 3 gu
tide no cor a bha ann; air deireadh:
cuir air ais an t-uaireadair!

air ball co-ghniomhair

anns a' bhad.

air beulaibh roimhear (+ gin.)

aig no faisg air aghaidh no toiseach
rudeigin; ro: *tha gàrradh air
beulaibh an taighe; thuit an duine air
mo bheulaibh.*

air bhog co-ghniomhair

a' fleòdradh.

air bhonn co-ghniomhair

air chois.

airec b.

gin. airce
bochdainn; a bhith air a thrèigsinn.

airec b.

gin. airce iol. àircean

1 an Airc am bàta san deach Noah
agus a theaghlaich às an Tuil. 2 ciste
mhòr.

air chall co-ghniomhair

an dèidh a chall: *bha a' chaora air
chall.*

air chois co-ghniomhair

an-àird; air toiseachadh; a
dh'obair; air bhonn: *cuine a chaidh
a' bhuidheann seo a chur air chois?*

air choreigin co-ghniomhair

(air a chleachdadh mar bhuadhair
an dèidh ainmeir)
no fear eile; no té eile: *nì mi là air
choreigin e; thig e air ais uair air
choreigin an ath-sheachdain.*

air chor is gu naisgear

cho fad is gu; air chumha is gu.

air chùl co-ghniomhair

air dheireadh.

air chùl roimhear (+ gin.)

air an taobh thall; an dèidh: *bha
gàrradh mòr aca air chùl an taighe.*

air chumha roimhear (+ gin.)

an crochadh air.

air chumha is gu naisgear

cho fad is gu; air chor is gu.

air cùlaibh roimhear (+ gin.)

air chùl.

àird b.

(no **àirde**)

gin. àirde iol. àirdean

1 àite àrd; beinn. 2 rubha. 3 seòladh
a rèir na combaiste: *an àird an ear;*
*an àird a deas; an àird an iar; an àird
a tuath.* 4 cho àrd no iosal is a tha
guth no pong ciuil. 5 **an-àird** shuas;
suas.

air deireadh co-ghniomhair

a' tighinn an dèidh chàich; aig an
deireadh: *bha mise an toiseach, esan
sa mheadhan, agus thusa air
deireadh.*

air dheireadh co-ghniomhair

1 air chùl; an dèidh: *tha iad fada air
dheireadh.* 2 slaodach: *tha an
t-uaireadair air dheireadh.*

aire b.

1 a' coimhead agus ag èisteachd:
thug iad an aire don tidsear. 2 **thoir**
an aire air gabh càram; bi
faiceallach; coimhead an dèidh:
thoir an aire ort fhèin!
faic faire

aireach *buadhair**coim.* **airiche**a' toirt an aire air nithean;
faiceallach.**air eagal gu** *naisgear*gus nach tachair rudeigin; gun
fhios nach: *ruith am balach air falbh*
*air eagal gum faiceadh duine e.***àireamh b.***gin.* **àireimh** *iol.* **àireamhan**1 samhla no facal a dh'innseas co
mheud a tha ann: *tha an dà chuid*
'tri' agus '3' nan àireamhan. 2 fear
no tè ann an sreach de dh'òrain,
phiosan ciùil, 7c. 3 meud: *bha*
àireamh dhaoine a' feitheamh aig
*ceann an rathaid.***àireamhail** *buadhair***àireamhachd** *b.*an t-eòlas no an rannsachadh air
cunntairean; cunntas.**àireamhair** *f.**iol.* **àireamhairean**inneal a thomhaiseas àireamhan, a
ní suimeannan.**àireamh-fòn** *b.**gin.* **àireimh-fòn** *iol.* **àireamhan-fòn**
àireamh a bhuineas do dh'fhòn
àraidh, agus a chleachdas tu ann a
bhith a' déanamh ceangal ris.**air fad** *co-ghniomhair*

1 gu lèir. 2 air feadh.

air falbh *co-ghniomhair*aig astar; gun a bhith anns an àite
àbhaisteach: *tha e air saor-làithean*
*agus bidh e air falbh fad seachdaine.***air feadh** *roimhear* (+ *gin.*)1 fad na slighe tro; o cheann gu
ceann: *bhiodh na balaich a' cluiche**ball-coise air seadh a' chladaich; air*
feadh an àite. 2 rè: bha mi a'
leughadh air feadh an là. 3 am
measg: thug iad biadh seachad air
*feadh nan daoine.***airgead** *f.**gin.* **airgid**1 buinn agus notaichean air an
cleachdadhbh airson nithean a
cheannach. 2 meataitl luachmhor
gheal agus dheàrrsach.
airgeadach *buadhair***airgead-pòcaid** *f.**gin.* **airgid-pòcaid**suim bheag de dh'airgead a
bheirear do phàiste gus an caith e i
mar a thogras e fhéin.**airidh** *buadhair*1 a tha còir aige urram no spèis
fhaighinn; math: *cùis airidh.* 2
freagarrach. 3 **airidh** **air** a bu chòir
a bhith aige: *bha sin airidh air duais.***àirigh** *b.**gin.* **àirighe** *iol.* **àirighean,** **àirichean**
bothan air a' mhòintich sam biodh
daoine a' fuireach airson greise as
t-samhradh.**air leth** *co-ghniomhair*1 eadar-dhealaichte bho nithean
eile; neo-chumanta; neo-
àbhaisteach. 2 ri aon taobh: *cuiridh*
*sinn an corr air leth gus a-màireach.***air mhodh eile** *co-ghniomhair*

air neo; no.

air muin *roimhear* (+ *gin.*)air mullach no air druim rudeigin:
air muin eich.

àirne *b.*

iol. àirnean
co-ionann ri àra.

àirneis *b.*

bùird, cathraichean, preasan, agus
nithean eile a ghabhas gluasad, air
am bi feum agad anns an taigh.

air neo *naisgear*

ma: thachras rudan air dòigh eile;
no: cuir nad phòcaid e, air neo
caillidh tu e.

air sgàth *roimhear* (+ *gin.*)
airson.

airson *roimhear* (+ *gin.*)

1 do; air sgàth: *an dèari thu sin air*
mo shon? 2 a chionn; do bhrigh:
gheibh thu do mhì-shealbh airson
sin. 3 an taic: *a bheil thu an aghaidh*
seo no air a shon? 4 cho fada ri:
airson tri miosan.

airson gu *naisgear*

a chionn is gu: *dh'fhuirich sinn a-*
staigh airson gun robh e cho fuar.

air tàllibh *roimhear* (+ *gin.*)
a chionn; mar thoradh air.

air thoiseach *co-ghniomhair*

1 air adhart: *cò a tha air thoiseach?*
2 luath: *tha an t-uaireadair air*
thoiseach.

air thoiseach air *roimhear* (+ *tabh.*)
air beulaibh: *ràinig e air thoiseach*
orm.

ais *ainmear*

faic fo air ais

aiseag *f.*

gin. aiseig iol. aiseagan
1 bàta a ghiùlaineas daoine no

nithean thairis air abhainn no cuan
cumhang; a' giùlan dhaoine, 7c, air
an dòigh seo. 2 rudeigin a bheir thu
air ais do chuideigin; a' toirt
rudeigin air ais.

aiseal *b.*

gin. aiseil iol. aisealan
an crann tro mheadhan cuibhle
agus air am bi a' chuibhle a'
tionndadh.

aiseal *f.*

gin. aiseil iol. aisealan
co-ionann ri asal.

aisean *b.*

gin. aise ne iol. aisnean, aisnichean
fear de na cnàmhan cam os cionn a'
mheadhain.

aiseirigh *b.*

a' tighinn beò a-rithist.

Aisia *b.*

(*leis an alt*)
an t-ainm air tè de na còig mòr-
roinnean.

Aisianach *f.*

gin. agus iol. Aisianach
neach às an Aisia.
Aisianach buadhair

aisig *gniomhair*

1 giùlain daoine no nithean thairis
air abhainn no cuan cumhang. 2
thoir rudeigin air ais; déan rudeigin
mar a bha e roimhe.

aiseag *f.*

aisling *b.*

gin. aislinge iol. aislingean
rudeigin a chì no a smaoinicheadas
duine, gu h-àraidh na chadal;
bruadar.

aiste(se) roimhear leasaichte
faic fo à

aiste *b.*

iol. **aistidhean**
pios goirid de sgríobhadh air
cuspair sònraichte.

ait *buadhair*

coim. **aitte**
1 aoibhneach; subhach. 2 fior
thoilichte. 3 eòbhinn; sùgach.

àite *f.*

iol. **àitean, àitichean, àiteachan**
ionad sònraichte; rum; ball, bad.

àiteach *f.*

gin. **àitich**
1 a' cleachdadh fearann gus
luibhean a chur. 2 a' toirt fás air
luibhean, 7c.

àiteachd *b.*

tuathanachas.

àiteal *f.*

gin. agus *iol.* **aiteil**
1 sealladh aithghearr. 2 cuairt ùine.
3 meud glè bheag de rudeigin.

àiteamh *f.*

gin. **aiteimbh**
an t-àm nuair a leargas an
sneachd.

àiteann *f.*

gin. **aitinn**
fiadh den chraobh-aitinn.

àiteas *f.*

gin. **aiteis**
mire; toileachas.
àiteasach *buadhair*

àite-coise *f.*

iol. **àitean-coise**

earrann rathaid le stíallan geala
oirre airson luchd-coiseachd a dhol
tarsainn.

àite-fuirich *f.*

iol. **àitean-fuirich**
seòmar airson lòistinn.

àite-iathaidh *f.*

iol. **àitean-iathaidh**
àite a tha air iathadh le callaid,
gàrradh, feansa, 7c: 's e àite-
iathaidh a tha ann am buaile.

àiteigin *riochdair*

àite nach aithních thu.

àite-stad *f.*

iol. **àitean-stad**
àite far an urrainn dhut, no far am
feum thu, stad.

àite-suidhe *f.*

iol. **àitean-suidhe**
àite far am bi duine a' suidhe.

àite-tasgaidh *f.*

iol. **àitean-tasgaidh**
àite san tèid nithean a thasgadh: 's
e àite-tasgaidh airson leabhracchein
a tha ann an leabharlainn.

àite-teine *f.*

iol. **àitean-teine**
roinn seòmair far a bheil an teine
agus a' chagailt.

attheamh *f.*

gin. **aitheimh** *iol.* **attheamhan**
aonad sia troighean, air a
chleachdadh gus doimhne uisge a
thomhas.

athghearr *buadhair*

coim. **athghearra, aithghiorra**
1 goirid. 2 obann; luath. 3 a
dh'athghearr ann an ùine goirid;

gu luath.

aithghearrachd b.

aithisg b.

gin. **aithisge iol. aithisgean**
cunntas no iomradh air rudeigin.

àithn gniomhair

òrdaich.

àithne b., àithneadh f.

àithne b.

éolas; ag aithneachadh cuideigin
no rudeigin: *an aithne dhut e?*; *a*
bheil aithne agad air?

àithne b.

iol. **àithntean**

1 òrdugh naomh. 2 ag òrdachadh.

àithneach buadhair

den riochd de ghniomhair a bheir
seachad òrdugh: *tha 'greas' na*
riochd àithneach ann an 'greasaibh
oirbh!'.

àithneachadh f.

gin. **àithneachaidh**

1 a bhith eólach air cuideigin no
rudeigin. 2 a' tuigsinn gu bheil thu
eólach air cuideigin no rudeigin a
chunnaic thu mu thràth.

àithnich gniomhair

1 bi eólach air cuideigin no
rudeigin. 2 bi fios agad cò a tha ann
an cuideigin seach gum faca tu mu
thràth e; tuig gu bheil thu eólach air
rudeigin a chunnaic thu mu thràth:
dh' aithnichinn a-rithist e an àite sam
bith.

àithneachadh f.

aitreachail buadhair

a' gabhail aithreachas; duilich; a'
gabhail eagal.

aithreachas f.

gin. **aithreachais**

a' faireachdainn duilich no bròn-
ach mu dheidhinn rudeigin; a'
faireachdainn duilich airson rud-
eigin a rinn thu.

aithris b.

gin. **aithrise iol. aithrisean**

rudeigin a dh'aithriseas tu; iom-
radh: *bha aithris mu dheidhinn an*
eilein sa phàipear-naidheachd an-
dè.

aithris gniomhair

inns; inns rudeigin a dh'ionnsaich
thu.

aithris b., aithriseadh f.

àitich gniomhair

1 cleachd fearann gus luibhean a
chur. 2 thoir fás air luibhean, 7c.
àiteach f., àiteachadh f.

aitreabh f.

gin. **aitreibh iol. aitreibhan**
togaich.

àl f.

gin. **àil**
ainmhidhean òga.

alabhan f.

faic **ailbhean**

àlainn buadhair

coim. **àlainne**

1 maiseach, àillidh, grinn. 2 tlachd-
mhor, taitneach.

àlainneachd b.

Albàinianach f.

gin. agus *iol.* **Albàinianaich**

neach à Albàinia.

Albàinianach buadhair

Albais b.*gin.* Albaise

cànan a bhruidhnear ann an Albainn; Beurla Ghallda.

Albannach f.*gin.* agus *iol.* Albannach

neach à Albainn.

Albannach buadhair**alcol f.***gin.* alcoil

1 lionn gun dath air a dhèanamh le bhith a' brachadh siúcar no stalc. 2 deoch-làidir.

allaidh buadhair*coim.* allaidhe

fiadhaich; gun a bhith callda; gun a bhith soitheamh.

allt f.*gin.* agus *iol.* uillt

uisge a' ruith tro chlais; abhainn bheag; sruth.

alltan f.*gin.* agus *iol.* alltain

allt beag.

alt f.*gin.* uilt *iol.* altan

1 an t-àite far an tig nithean ri chèile; ceangladh. 2 an t-àite far an ceanglar dà chnàmh: alt meòir. 3 aiste; pàipear. 4 rudeigin air a chur ann an liosta. 5 am buadhair a chleachdar gus nì àraidh ainm-eachadh: cleachdaidh tu an t-alt ma chanas tu 'am bòrd', 'an doras', 'an t-slàinte', 7c.

attachadh f.*gin.* attachaidh

1 a' cur fàilte air cuideigin. 2 a' toirt taing do chuideigin. 3 ùrnaigh ghoirid ro no an dèidh tràth bidh.

altaich gniomhair

1 cuir fàilte air cuideigin; faighnich mu dheidhinn cuideigin. 2 thoir taing do chuideigin.

attachadh f.**altair b.***gin.* altarach, altaire *iol.* altairean
am bòrd aig ceann a-staigh eaglaise, mar as trice le crois na seasamh air.**altraim gniomhair**

1 tog clann cuideigin eile mar gur ann leat fhèin a tha iad; àraich. 2 coimhead an dèidh cuideigin a tha tinn; eiridнич. 3 cùm gu cùramach nad ghàirdeanan.

altram f., alramadh f.**altram f.***gin.* altraim

1 a' togail clann cuideigin eile ma gur ann leat fhèin a tha iad; ag àrach. 2 a' coimhead an dèidh cuideigin a tha tinn; ag eiridneachadh. 3 a' cumail rudeigin gu cùramach nad ghàirdeanan.

altramas f.**am buadhair (an t-alt)**faic fo **an****am buadhair seilbheach**faic fo **an****am mion-fhacal ceisteach**faic fo **a****am mion-fhacal naisgeil**faic fo **a****am riochdair dàimheach**faic fo **a²****am roimhear**faic fo **an**

àm *f.**gin.* **ama** *iol.* **amannan**1 ùine; aimsir. 2 aig **amannan** air uairean, an-dràsta is a-rithist.**a-mach** *co-ghniomhair*a' dol às; gun a bhith a' dol a-steach: *chaidh an duine a-mach chun a' ghàrraidh.***amadan** *f.**gin.* **agus iol.** **amadain**

1 cuideigin gun chiall; cuideigin nach còrd ri duine. 2 cuideigin ann an soirceas a bheir air daoine gáire; tuaiscear.

amaideach *buadhair**coim.* **amaidiche**

mar amadan; górách.

amaideas *f.**gin.* **amaideis**

a bhith amaideach.

a-màireach *co-ghniomhair*

an là às dèidh an-diugh.

amais *gniomhair*1 cuimsich. 2 lorg; tachair ri: *dh'amais mi air.***amas** *f.***amar** *f.**gin.* **amair iol.** **amaran, amraichean**

1 soitheach mòr a chumas uisge. 2 clais.

amar-ionnlaid *f.**gin.* **amair-ionnlaid iol.** **amaran-ionnlaid**

soitheach mòr sam bi thu gad nighe fhèin.

amar-snàimh *f.**gin.* **amair-snàimh iol.** **amaran-snàimh**

àite uisge gus snàmh ann.

amas *f.**gin.* **amais**

1 a' cuimseachadh. 2 a' lorg.

am barr *co-ghniomhair*

suas; am mullach.

am badeigin *co-ghniomhair*

an àiteigin.

am bitheantas *co-ghniomhair*

mar as àbhaist; an cumantas.

am-bliadhna *co-ghniomhair*

a' bhliadhna seo.

am broinn *roimhear (+ gin.)*

ann; a-staigh ann.

ambaileans *b.**iol.* **ambailleansan**

carbad-eiridinn.

Ameireaganach *f.**gin.* **agus iol.** **Ameireaganaich**

neach à Ameireagaiddh.

Ameireaganach *buadhair***amen** *co-ghniomhair*

guma h-amhlaidh a bhitheas.

am fad *co-ghniomhair*'a rèir cho fad is a tha rudeigin: *bha am bord sia troighean am fad.***am fad is** *naisgear*

fhad is; am feadh is.

am feadh is *naisgear*am fad is, fhad is: *thuit e na chadal am feadh is a bha mi a' leughadh.***am-feast** *co-ghniomhair*

a-chaoidh; gu bràth.

amh buadhair*coim.* **aimhe**

1 gun a bhrúich. 2 neo-abaich.

amhach b.*gin.* **amhaiche iol.** **amhaichean**1 roinn na bodhaighe a cheanglas an ceann ri na guailnean; muineal. 2 roinn chumhang botail, 7c. 3 sgòrnan: *tha rudeigin nam amhaich.***a-mhàin** *co-ghniomhair*dìreach; gu simplidh; ach: *chan e a-mhàin gun do cheannaich e dà chèic, dh'ith e gu lèir iad cuideachd; mise a-mhàin.***àmhainn b.***gin.* **àmhainne iol.** **àmhainnean**

àite dùinte san tèid nithean a bhrúich no a theasachadh.

amhairc *gniomhair*

seall.

amharec f.**amharas f.***gin.* agus *iol.* **amharais**

teagamh.

amharasach *buadhair***amharec f.***gin.* **amhairc**

a' sealltann.

a mheasg *roimhear* (+ *gin.*)

a-steach ann am meadhan rudeigin.

àmhghar f.(no **àmhghair**)*gin.* **àmhghair iol.** **àmhgharan**

bròn, pian, no trioblaid a tha glè mhòr; sàrachadh.

amblaidd *buadhair*1 coltach; mar an ceudna. 2 **guma****h-amhlaidh a bhitheas** air a ràdh aig deireadh ûrnáigh, sailm, 7c; amen.**amhran f.***gin.* agus *iol.* **amhrain**

co-ionann ri òran.

am measg *roimhear* (+ *gin.*)1 air a chuartachadh le; an; air feadh: *choisich iad am measg nan craobh.* 2 eadar: *roinn sinn na h-ùblan nar measg.***am mullach** *co-ghniomhair*

suas; suas don uachdar; am bàrr.

a-muigh *co-ghniomhair*às; air falbh; gun a bhith a-staigh: *tha iad a-muigh aig na caoraich.***an buadhair** (*an t-alt*)(cumaidhean **an**, **am**, **a'**, **na**, **nan**, **nam**)air a chleachdadh ann a bhith ag ainmeachadh ni àraidi; a' comharrachadh nì no neach sònraichte: *am baile; an taigh agam; a' chaileag sin.***an buadhair seilbheach**(cuideachd **am**)dhiubh; a' buntainn dhaibh: *an athair is am màthair.***an mion-fhacal ceisteach**

faic fo a

an mion-fhacal naisgeil

faic fo a

an riochdair dàimheachfaic fo a²**an roimhear** (+ *tabh.*)(cuideachd **ann an**, **am**, **ann am**)(ron alt **anns**)(cumaidhean leis an alt **san**, **sa**, **sna**)

(ron riochdair dhàimheach a²
anns)
(le buadhair seilbheach **nam nad**
na/na nar nur nan/nam)
(cumaidhean riochdaireil
annam(sa) **annad(sa)** **ann(san)**
innte(se) **annainn(e)** **annaibh(se)**
annta(san))
1 am broinn: anns a' bhaile; tha
sùilean brèagha annad. 2 a-steach:
cuir anns a' bhogsa e! 3 air feadh; rè:
ann am mionaid; sa gheamhradh.

an-abaich buadhair

coim. **an-abaiche**
gun a bhith abaich.

anabarr f.

gin. **anabarra**
cus de rudeigin; tuilleadh is a'
chòir.

anabarrach buadhair

coim. **anabarraiche**
1 cus; ro mhòr. 2 glè; uabhasach:
anabarrach math.

ana-bhlasta buadhair

air a bheil blas glè thaitneach.

ana-caith gniomhair

caith barrachd de rudeigin na
dh'fheumas tu; mill rudeigin gun
adhbharr.
ana-caitheamh f.

ana-ceart buadhair

coim. **ana-ceirte**
gun a bhith ceart.
ana-ceartas f.

anacothrom f.

gin. **anacothruim**
1 ana-ceartas. 2 bochdainn. 3 a
bhith lag a chionn droch shláinte.
anacothromach buadhair

ana-creideas f.

gin. **ana-creideis**
a bhith gun chreideas, neo-dhileas,
làn teagaimh, 7c: *tha mi a' déanamh*
ana-creideas ann an sin.

an aghaidh roimhear (+ gin.)

fa chomhair.

anail b.

gin. **analach iol.** **anailean**
1 an t-àile a tharraingeas duine;
deò. 2 **leig anail gabh fois:** *leig d'*
anail!

anainn b.

gin. **anainne iol.** **anainnean**
oir mullach taighe a' bhos a'
stobadh a-mach bho mhullach
nam balla.

an-àird co-ghniomhair

shuas; suas.

an àite roimhear (+ gin.)

anns an àite san robh rudeigin eile:
bheir mi dhut seo an àite sin.

an àiteigin co-ghniomhair

ann an àite nach aithnich thu.

analachadh f.

gin. **analachaidh**
a' leigeil agus a' tarraig a'nail.

analach f.

leig agus tarraig d' anail.
analachadh f.

a-nall co-ghniomhair

gus an t-àite seo.

anam f.

gin. **anma iol.** **anman, anmannan**
an roinn de dhuine a tha do-
fhaicsinneach agus, a ràir feadh-

ainn, a mhairesas beò an dèidh dha
bàsachadh.

ana-mhòr buadhair
uabhasach mòr.

anann f.

gin. agus *iol.* **anainn**
meas mòr sùghmhor le craiceann
gathach air.

anarag b.

gin. **anaraig iol.** **anaragan**
seacaid thiugh bhìlath air a bheil
cochall.

anart f.

gin. **anairt iol.** **anairt, anartan**
1 stuth air a dhèanamh à lion, air a
chleachdadh airson aodach-leapa,
tubhailtean-bùird, 7c, a
dhèanamh. 2 nithean air an
dèanamh às an aodach seo.

anart-leapa f.

gin. **anairt-leapa**
pios mòr aodaich thana a chuirear
air leabaidh.

an-asgaidh co-ghniomhair
ri shaighinn gun a phàigheadh.

an ath- ro-leasachan

(air a chleachdadh ann an co-
ghniomhairean)
as fhaisge; a-rithist; an dara: *an*
ath-là; *an ath-oidhche;* *an ath-*
bhliadhna; *an ath-dhoras.*

faic *ath-*

an ath-bhliadhna co-ghniomhair
a' bhliadhna seo a' tighinn.

an ath-dhoras co-ghniomhair
san taigh ri taobh an fhir agadsa.

an ath-là co-ghniomhair
an là an dèidh an là seo: *dh'fhalbh e*
Diluain, ach thill e an ath-là.

an ath-mhìos co-ghniomhair
am mìos seo a' tighinn.

an ath-oidhche co-ghniomhair
(no **an athoidhch**)
an oidhche às dèidh a-nochd.

an ath-sheachdain co-ghniomhair
an t-seachdain seo a' tighinn.

anbharr f.
co-ionann ri **anabarr.**

an ceann roimhear (+ gin.)
1 an dèidh: *an ceann trì là.* 2 **an**
ceann a chèile còmhla.

an-ceartuair co-ghniomhair
1 an-dràsta; aig an uair seo. 2 a
dh'aithghearr.

an cèin co-ghniomhair
thall thairis; sad air falbh.

an coinneimh roimhear (+ gin.)
gu; a choinneachadh ri.

an cois roimhear (+ gin.)
còmhla ri; faisg air.

an comhair roimhear (+ gin.)
gu: *thuit e an comhair a chinn.*
faic **comhair**

an-còmhnaidh co-ghniomhair
gach uair; daonnan: *bhiodh iad an-*
còmhnaidh a' snàmh sa mhuir as
t-samhradh.

an cumantas co-ghniomhair
am bitheantas; mar as àbhaist.

an-dè co-ghniomhair
an là ro an-diugh.

an deaghaidh roimhear
an déidh.

an dèidh roimhear (+ gin.)
1 nas anmioche na: *théid mi a-mach an déidh na bracaist.* 2 seach; air chùl: *là an dèidh là.* 3 air lorg: *tha am polas na dhèidh.* 4 a dh'aindeoin: *bha a' ghaoth ann ach an dèidh sin cha robh tiormachadh ann.*

an-diugh co-ghniomhair
air an là seo; an-dràsta.

an-dràsta co-ghniomhair
1 direach aig an àm seo. 2 timcheall air an àm seo; air na làithean seo: *dè a tha thu a' dèanamh an-dràsta?* 3 an-ceartuair; a dh'aitighearn: *dèan an-dràsta e!*; mar sin leat *an-dràsta!* 4 *an-dràsta* 's a-rithist uaireannan.

an ear co-ghniomhair
faic fo ear

an-earar co-ghniomhair
an là às déidh a-màireach.

an-earbsa b.
dith earbsa.
an-earbsach buadhair

an ear-dheas co-ghniomhair
leitheach-slighe eadar an ear agus deas: *an ear-dheas is a bhith an ear;* *an ear-dheas is a bhith deas.*

an ear-thuath co-ghniomhair
leitheach-slighe eadar an ear agus tuath; *an ear-thuath is a bhith tuath;* *an ear-thuath is a bhith an ear.*

anfhann buadhair
coim. **anfhainne**
fann; lag.
anfhannachd b.

an-fhoiseil buadhair
1 gun fhois. 2 siùblach.
an-fhois b.

an iar co-ghniomhair
faic fo iar

an iar-dheas co-ghniomhair
leitheach-slighe eadar an iar agus deas: *an iar-dheas is a bhith deas;* *an iar-dheas is a bhith an iar.*

an iar-thuath co-ghniomhair
leitheach-slighe eadar an iar agus tuath: *an iar-thuath is a bhith an iar;* *an iar-thuath is a bhith tuath.*

an-iocdmhor buadhair
coim. **an-iocdmhoire**
gun truas; neo-thruacanta.
an-iocdmhorachd b.

a-nìos co-ghniomhair
suas à àite as isle; a-nuas.

a-nis co-ghniomhair
faic **a-nise**

a-nise co-ghniomhair
(no **a-nis**, nise, nis)
aig an àm seo: *tha mi deiseil dheth a-nis;* (*an-dràsta*) *tha e ag obair aig an taigh a-nis;* (*ri teachd*) *dè a leughas tu nis?*; (*mar chlisgear*) *nise, sguir dheth!*

annoch buadhair
coim. **annoch**
gun a bhith tràth; fadalach.

ann(san) roimhear riochdaireil
faic fo **an**

ann co-ghniomhair

air a chleachdadhl leis a' ghniomhair bi, a' sealtainn gu bheil rudeigin ann am bith: 's e là math a tha ann; a bheil duine ann?; chan eil càil ann.

annad(sa) roimhear riochdaireil
faic fo an**annaibh(se) roimhear riochdaireil**
faic fo an**annainn(e) roimhear riochdaireil**
faic fo an**annaladair f.**
iol. annaladairean
cuideigin a chleachdas annalair.**annaladh f.**
gin. annalaidh iol. annalaidean
a' déanamh tomhas, a' fuasgladh cheistean: bha e ag annaladh co mheud duine a bha anns a' bhaile; dèan annaladh air na h-àireamhan seo!**annalair f.**
iol. annalairean
inneal a nì tomhasan, a dh'fhuasglas ceistean, 7c, gu luath agus air a cheann fhéin; coimpíutar: chuir sinn am fiosrachadh tron annalair.**annam(sa) roimhear riochdaireil**
faic fo an**ann am roimhear**
faic fo an**ann an roimhear**
faic fo an**ann an seo co-ghniomhair**
co-ionann ri an seo.**ann an sin co-ghniomhair**

co-ionann ri **an sin**.

annas f.

gin. annais iol. annasan

1 rudeigin a tha gann. 2 rudeigin a tha ùr-nodha no neo-àbhaisteach.

annasach buadhair

coim. annasaiche

1 a tha neònach, neo-chumanta, 7c. 2 a tha ùr-nodha.

annlan f.

gin. agus iol. annlain

1 spiosradh no sabhs a chuirear air biadh eile. 2 biadh blasta a dh'itheas tu còmhla ri buntàta no rus.

anns roimhear

faic fo an

annsa buadhair
faic fo **ionmhainn****annsachd b.**

1 gràdh; gaol. 2 peata.

annta(san) roimhear riochdaireil
faic fo an**a-nochd co-ghniomhair**
an oidhche seo.**ain-riaghailt b.**

gin. ain-riaghailte
dith riaghaltais.

ain-riaghailteach buadhair

ànradh f.

gin. ànraidh iol. ànraidhean
1 stoirm. 2 trioblaid; mi-fhortan.

an seo co-ghniomhair

(no **ann an s(h)eo**)

a-bhos; anns an àite seo: *a bheil gu*

*leòr an seo?; a bheil cuimhne agad
air a' phàrtaidh a bha againn an seo
an-uiridh?*

anshocair b.

*iol. anshocran
mi-thoileachas; cràdh; pian.*

anshocair *buadhair*
coim. anshocaire
anshocrach.

anshocrach *buadhair*
coim. anshocraiche
pianail; mi-chosfhurstail; draghail.

an sin *co-ghniomhair*
(no ann an s(h)in)
thall; air falbh: *thachair mi ris an
sin; cha robh duine an sin an-diugh.*

antaidh *b.*
iol. antaidhean
piuthar dhad athair no dhad
mhàthair.

antalop *b.*
iol. antalopan
bocanach.

an toiseach *co-ghniomhair*
a' tighinn ro châch: *nì mi seo an
toiseach agus an uair sin nì mi sin.*

an-tresaich *co-ghniomhair*.
an oidhche às déidh an ath-
oidhche.

an uair a *naisgear*
co-ionann ri **nuair a**

an uair sin *co-ghniomhair*
an déidh sin: *thàinig e a-null chun a'
bhùird, agus an uair sin shuidh e
sios.*

a-nuas *co-ghniomhair*

1 sios à àite as àirde. 2 suas à àite as
isle; a-nios.

an-uiridh *co-ghniomhair*
a' bhliadhna ron tè seo.

a-null *co-ghniomhair*

1 gus an t-àite sin. 2 **a-null** is **a-nall**
air ais agus air adhart.

a-nunn *co-ghniomhair*
co-ionann ri **a-null**.

aobhar *f.*
faic **adhbhar**

aobrann *f.*
faic **adhbrann**

aocoltach *buadhair*
coim. aocoltaiche
co-ionann ri **eu-coltach**.

aodach *f.*
gin. aodaich iol. aodaichean
1 nithean a chuireas tu ort airson
do chorp a chòmhdachadh;
trusgan. 2 stuth air fhighe à clòimh,
canach, naidhlean, 7c; clò.

aodach-brèige *f.*

gin. aodaich-bhrèige
aodach coimheach a chaitheas tu
gu pàrtaidh, air Oidhche Shamhna,
7c; culaidh-choimheach.

aodach-leapa *f.*

gin. aodaich-leapa
an t-aodach a chuirear air
leabaidh; anaist-leapa, plaidi-
chean, 7c.

aodach-oidhche *f.*

aodach a chaitheas tu anns an
leabaidh.

aodann *f.**gin.* **aodainn** *iol.* **aodainnean**1 roinn toisich a' chinn; aghaidh:
aodann bréagha. 2 uachdar
rudeigin.**aodannan** *f.**gin.* agus *iol.* **aodannan**1 còmhach air an aghaidh a
chaitheas tu gus d' aghaidh a
dhion; masg. 2 aghaidh-
choimheach.**aodomhainn** *buadhair**coim.* **aodoimhne**co-ionann ri **eu-domhainn**.**aog** *f.**gin.* **aoig**

bàs.

aogas *f.**gin.* **aogais** *iol.* **aogaisean**

gnùis; dreach; iomhaigh.

aoibhinn *buadhair**coim.* **aoibhinne**

1 tolichte. 2 taitneach; ciatach.

aoibhneach *buadhair**coim.* **aoibhniche**1 sona; suilbhìr; subhach. 2 glè
shona; ait. 3 taitneach.**aoibhneas** *f.***aoidh** *b.**gin.* **aoidhe** *iol.* **aoidhean**faic **ùidh**²**aoidionach** *buadhair*gun a bhith dionach; a leigeas bùrn
a-steach.**aoigh** *f.**iol.* **aoighean**1 duine aig a bheil cuireadh a
thadhal no a dh'fhuireach anns antaigh agad. 2 cuideigin a tha a'
fuireach ann an taigh-òsta.**aoigheachd** *b.**iol.* **aoigheachdan**1 rudeigin a thèid a dhèanamh gus
daoine a thoileachadh. 2 a' toirt
seachad biadh is deoch do
dh'aoighean.**aoigheil** *buadhair**coim.* **aoigheala**

fial; ait; aighearach.

aoin *gniomhair*co-ionann ri **aonaich**.**aonadh** *f.***aois** *b.**gin.* **aoise** *iol.* **aoisean**1 cho sean is a tha cuideigin no
rudeigin: *dè an aois a tha thu?*; *tha e*
ochd bliadhna deug a dh'aois an-
diugh. 2 seann aois: *nuair a thig e gu*
aois; *bha e na làn aoise.* 3 linn; ùine.**aol** *f.**gin.* **aoil**pùdar geal air a chleachdadh ann a
bhith a' dèanamh saimeant no
airson talamh a thorachadh.**aol-tàthaidh** *f.**gin.* **aoil-tàthaidh**measgachadh de ghainmhich,
shaimeant, agus uisge, air a
chleachdadh gus breighean a
thàthadh còmhla.**aom** *gniomhair*

lùb; crom.

aomadh *f.***aomadh** *f.**gin.* **aomaidh**

a' lùbadh; a' cromadh.

aon <i>buadhair àireamhail</i>	aon <i>buadhair àireamhail</i>
1 a' roichdachadh neach no nì na aonar: <i>aon là; aon chaileag; aon duine cloinne.</i> 2 a-mhàin: 's e seo an t-aon duine aig a bheil leabhar. 3 ionann: 's e seo an t-aon chòta is a bha orm an-dè.	aonaich <i>gniomhair</i> dèan na aon rud; ceangail còmhla. aonachadh <i>f.</i>
aon <i>f.</i> agus <i>b.</i> (air leth a h-aon) an àireamh 1, a' roichdachadh neach no nì na aonar: <i>a h-aon dhiubh; gach aon; chan eil ann ach an t-aon.</i>	aonais <i>ainmear</i> faic às aonais.
aona <i>buadhair</i> faic fo aona deug	aonan <i>riochdair</i> aon; aon duine; aon ni.
aonach <i>f.</i> <i>gin. aonaich iol. aonaichean</i> 1 beinn. 2 móinteach.	aonar <i>ainmear</i> fear no tè air leth, gun a bhith còmhla ri fear no tè eile: <i>tha mi nam aonar san taigh; a bheil i na h-aonar?</i>
aonach <i>f.</i> <i>gin. aonaich</i> a' plosgartach: <i>bha aonach orm an dèidh dhomh ruith dhachaigh.</i>	aonarach <i>buadhair</i> <i>coim. aonaraiche</i> 1 mi-thoilichte a chionn is gu bheil thu nad aonar. 2 uaigneach. aonarachd <i>b.</i>
aonachadh <i>f.</i> <i>gin. aonachaidh</i> a' ceangal rudan ri chèile; rudeigin a chaidh a chur ri chèile.	aonaran <i>f.</i> <i>gin. aonarain iol. aonaranan</i> cuideigin a bhios a' fuireach na aonar, agus a bhios a' cumail air falbh bho dhaoine eile.
aonad <i>f.</i> <i>gin. aonaid iol. aonadan</i> 1 meud a chleachdar ann a bhith a' tomhas no a' cunnadh. 2 fear no tè a-mhàin. 3 còmhlan de dhaoine no nithean a bhuineas do chèile.	aonaranach <i>buadhair</i> <i>coim. aonaranaiche</i> co-ionann ri aonarach. aonaranachd <i>b.</i>
aona deug <i>buadhair</i> leanaidd seo an deicheadh fear: <i>an t-aona fear deug.</i>	aon-deug <i>buadhair</i> agus <i>ainmear</i> an àireamh 1; a h-aon a bharrachd air a deich: <i>a h-aon-deug; aon fhear deug; aon chathair deug; aon uair deug.</i>
aonadh <i>f.</i> <i>gin. aonaidh iol. aonaidhean</i> 1 buidheann; club. 2 rudeigin a chaidh a chur ri chèile.	aon-làir <i>buadhair</i> aig a bheil aon làr a-mhàin. aon-rathadach <i>buadhair</i> aon-slighe.
	aon-slighe <i>buadhair</i> far am feum trafaig dol gus an aon àird: <i>sràid aon-slighe.</i>

aonta f.

co-ionann ri aontadh.

aontach buadhair

coim. aontaitche

a chanas gu bheil rudeigin ceart.

aontachd b.

aontachadh f.

gin. aontachaidh

1 a' smaoineachadh an aon rud; a' dol le cuideigin no rudeigin. 2 ag aonachadh.

aontadh f.

(no aonta)

gin. aontaidh iol. aontaidhean

co-chòrdadh; rèite.

aontaich gniomhair

1 smaoinich an t-aon rud; rach le. 2 ceangail; cuir ri chéile.

aontachadh f.

aoradh f.

faic adhradh

aosta buadhair

sean.

aotraman f.

gin. agus iol. aotramain

roinn na bodhaige a tha mar bhalg, sam bi mùn a' cruinneachadh.

aotrom buadhair

coim. aotruime

1 gun a bhith trom; air bheag cudthrom. 2 gun a bhith cudthromach.

aotromachd b.

apa b.

iol. apaichean

muncaidh gun earball: 's e apaichean a tha ann an goiriolathan agus siompansaidhean.

aparan f.

gin. aparin iol. aparain, aparanan

ball-aodaich a chaitheas tu air roinn thoisich na bodhaige gus d' aodach a chumail glan.

apraged f.

gin. apragoid iol. apragoden

meas sùghmhor dearg-bhuidhe le cloich na mheadhan.

ar buadhair seilbheach

dhinn; a' buntainn dhuinn: ar n-athair is ar màthair.

ar gniomhair neo-riaghailteach

saoilidh; shaoil: ar leam; ar leatha.

ar roimhear

(no air, thar)

(air a chleachdadh ro fishead) thairis air; a bharrachd air: tri ar fishead; ceithir-deug ar fishead.

àr f.

gin. agus iol. àir

1 a' marbhadh mòran dhaoine no bheathaichean. 2 cath.

ar-a-mach f.

sabaid an aghaidh riaghaltais; gun a bhith a' toirt gèill no ùmhachd do dh'ùghdarris, gu h-àraidh do riaghaltas: rinn an sluagh ar-a-mach an aghaidh an cuid righ.

àra b.

gin. àrann, àrainn iol. àirnean

dubhag.

àrach f.

gin. àraich

a' togail clann no bheathaichean òga; ag altramadh.

àradh f.

gin. àraidh iol. àraidhean

inneal airson direadh suas no sios rudeigin, air a dhèanamh à dà earrainn dhirich (de dh'fhiodh, mheatailt, no ròpa) le crainn-tharsainn etarra.

àraich gniomhair

tog clann no beathaichean òga; altraim.

àrach *f.*

àraid buadhair

coim. **àraide**

1 àraidh. 2 neònach.

àraidh buadhair

coim. **àraidhe**

1 direach am fear seo; direach an tè seo; sònraichte; air leth: *duine àraidh; là àraidh a bha seo; gu h-àraidh seo.* 2 eadar-dhealaichte bho dhaoine no nithean eile.

Arainneach *f.*

gin. agus *iol.* **Arainnich**

neach à Arainn.

Arainneach buadhair

aran *f.*

gin. **arain**

biadh air a dhèanamh le bhith a' fuineadh flùr, uisge, agus mar a' trice beirm.

aran-coirce *f.*

gin. **arain-choirce**

aran air a dhèanamh le coirce.

aran-eòrna *f.*

gin. **arain-eòrna**

aran air a dhèanamh le eòrna.

aran-milis *f.*

gin. agus *iol.* **arain-mhilis**

bonnach; brioscaid; cèic.

a-raoir *co-ghniomhair*
an oidhche ro a-nochd.

ar-aon *co-ghniomhair*
(no *araon*)
eadar; na dhà, an dithis; uile: *ar-aon sinne agus iadsan; na taighean againn ar-aon.*

arbhár *f.*

gin. **arbhair**

1 coirce abaich. 2 gràn.

àrc *b.*

gin. **àirc, àirce iol.** **àrcan**

1 rùsg den chraibh-àirc. 2 pìos den rùsg seo a chleachdar gus botal, 7c, a dhùnad; corcrais.

Arcach *f.*

gin. agus *iol.* **Arcaich**

neach à Arcaibh.

Arcach buadhair

àrcan *f.*

gin. **àrcain iol.** **àrcanan**

àrc; corcrais.

arc-eòlas *f.*

gin. **arc-eòlais**

àrsaidheachd.

àrd buadhair

coim. **àirde**

1 a' ruighinn fada suas; mòr; fada: 's e fear àrd a tha ann. 2 urramach; uasal. 3 fuaimneach: *bha e a' bruidhinn ro àrd.*

àrd *f.*

gin. **àird iol.** **àrdan**

co-ionann ri **àird.**

àrdachadh *f.*

gin. **àrdachaidh**

a' déanamh no a' fàs nas àirde.

àrdaich gniomhair

dèan no fàs nas àirde.
àrdachadh *f.*

àrdaichear *f.*

gin. àrdaicheir *iol.* àrdaicheadan
inneal airson daoine no luchd a
chur sìos no suas ann an togalach.

àrdan *f.*

gin. àrdain
pròis; moit; uabhar.

àrdanach buadhair

coim. àrdanaiche
pròiseil; uaibhreach.
àrdanachd *b.*

àrd-bhàillidh *f.*

iol. àrd-bhàillidhean
an duine a ghabhas comhairle baile
os làimh.

àrd-dhraoidh *f.*

iol. àrd-dhraoidhean
an draoidh as cudthromaiche.

àrd-dhrùidh *f.*

faic àrd-dhraoidh

àrd-easbaig *f.*

iol. àrd-easbaigean
priomh easbaig.

àrd-fhèill *b.*

gin. àrd-fhèille *iol.* àrd-fhèillean
feill shònraichte.

àrd-ghuthach buadhair

coim. àrd-ghuthaiche
aig àird do ghutha; fuaimneach.

àrd-inbheach buadhair

coim. àrd-inbhiche
de inbhe no ire a tha àrd.
àrd-inbhe *b.*

àrd-inntinneach buadhair

coim. àrd-inntinniche
àrdanach; faoin.

àrd-ollamh *f.*

gin. àrd-ollaimb *iol.* àrd-ollamhan
neach-teagaig den ire as àirde ann
an oilthigh; proifeasair.

àrd-sgoil *b.*

gin. àrd-sgoile *iol.* àrd-sgoiltean
sgoil airson cloinne a tha mu dhà
bhliadhna dheug a dh'aois.

àrd-sheanadh *f.*

gin. àrd-sheanaidh *iol.* àrd-sheanaidhean
coinneamh mhòr de bhuill Eaglais
na h-Alba no na h-Eaglaise Saoire.

àrd-urram *f.*

gin. àrd-urram
urram mòr.

àrd-ùrlar *f.*

gin. àrd-ùrlair *iol.* àrd-ùrlaran
ùrlar tote, gu h-àraidh fear ann an
taigh-cluiche.

a rèir roimhean (+ *gin.*)

1 am beachd; mar a theirear: *a rèir*
nan naidheachdan bidh an t-uisge
ann a-nochd fhathast ach, dham rèir
fhèin, cha bhi. 2 an coimeas ri.

a-rèist co-gniomhair

anns an t-suidheachadh sin; ma-
thà; uime sin: *mur eil thu ag iarraidh*
sin, dè a tha thu ag iarraidh a-rèist?

argamaid *b.*

gin. argamaide *iol.* argamaidean
1 a' bruidhinn ri cuideigin gun
aontachadh; trod; connsachadh. 2
adhbar; mineachadh.
argamaideach buadhair

a-riamh *co-ghniomhair*
an-còmhnaidh; daonnan: *cha robh mi a-riamh ann an Glaschu; bhithinn a-riamh na chomain.*

àite san gleidhean buill-airm,
peilearan, 7c.

a-ris *co-ghniomhair*
co-ionann ri **a-rithist.**

ars *gniomhair easbhaidheach*
faic **arsa**

a-rithist *co-ghniomhair*
1 às ùr; uair eile: *bha i aig an dotair a-rithist.* 2 fhathast; nas anmoiche: *thig a-steach a-rithist!* 3 **an-dràsta** 's a-rithist uaireannan.

arsa *gniomhair easbhaidheach*
thuirt: *arsa esan rium* thuirt esan rium.

arm *f.*
gin. agus *iol.* **airm**
1 àireamh mhòr de dhaoine air an ionnsachadh a bhith a' sabaid air tir. 2 grunn dhaoine.

àrsaidh *buadhair*
glè shean.

armachadh *f.*
gin. **armachaidh**
1 a' toirt buill-airm do chuideigin. 2 a' déanamh deiseil airson cogaidh.

àrsaidheachd *b.*
an t-eòlas no an rannsachadh mu laraichean àrsaidh.
àrsair *f.*

armachd *b.*
còmhdach meatailt gus daoine no nithean a dhòn an cogadh.

arspag *b.*
gin. **arspaig** *iol.* **arspagan**
eun-mara mòr air a bheil druim dubh.

armaich *gniomhair*
1 thoir buill-airm do chuideigin. 2 déan deiseil airson cogaidh.
armachadh *f.*

as *gniomhair neo-riaghailteach*
cumadh dàimheach de is.

armaichte *buadhair*
air armachadh.

as *roimhear*
airson **anns:** *as t-earrach; as t-samhradh; as t-fhoghar.*
faic fo **an**

armailt *f.*
gin. **armailte** *iol.* **armailtean**
arm.

às *co-ghniomhair*
1 a-mach: *leig às sin!* 2 dheth: *cuir às an solas!* 3 **às sin** à sin.

àrmann *f.*
gin. agus *iol.* **àrmainn**
laoch; gaisgeach.

às *roimhear (+ tabh.)*
faic fo à

arm-lann *b.*
gin. **arm-lainn** *iol.* **arm-lannan**

às(-san) *roimhear leasaichte*
faic fo à

asad(sa) *roimhear leasaichte*
faic fo à

asaibh(se) *roimhear riochdaireil*
faic fo à

asaidich *gniomhair*

cuidich le breith leanaibh.
asaid *b.*

asainn(e) *roimhear leasaichte*
faic fo à**asal** *b.*

gin. **asail** *iol.* **asalan**
beathach a tha mar each beag le
cluasan fada air.

asal-stiallach *b.*

gin. **asail-stiallaich** *iol.* **asalan-**
stiallach
beathach mar each le stiallan dubh
is geal air.

asam(sa) *roimhear leasaichte*
faic fo à**às aonais** *roimhear (+ gin.)*
gun; às eugmhais: *cha tèid mi don*
*bhaile às d' aonais.***asbhuan** *b.*

na gasan goirid de dh'arbhar a
dh'fhàgar san talamh an dèidh na
buana.

ascair *f.*faic **asgair****às deaghaidh** *roimhear (+ gin.)*
an dèidh.**às dèidh** *roimhear (+ gin.)*
an dèidh.**a seo** *co-ghniomhair*
faic **an seo****às eugmhais** *roimhear (+ gin.)*
às aonais; gun.**asgaidh** *b.***gin.** **asgaidhe** *iol.* **asgaidhean**

1 tiodhlac. 2 **an asgaidh** ri fhaighinn
gun a phàigheadh.

asgair *f.**iol.* **asgairean**

comharradh sgrìobhaidh (') a
chleachdar gus sealltainn gun
deach litirichean fhàgail às;
cleachdaidh tu asgair nuair a
sgriobhas tu 'm' athair' gus
sealltainn gu bheil 'o' air fhàgail às.

a sin *co-ghniomhair*
faic **an sin****a siud** *co-ghniomhair*
faic **an siud****às leth** *roimhear (+ gin.)*
air sgàth.**asta(san)** *roimhear leasaichte*
faic fo à**a-staigh** *co-ghniomhair*
ann; am broinn: *a-staigh san taigh.***astar** *f.*

gin. agus *iol.* **astair**
1fad na slighe eadar dà àite; fad. 2
cho tric is a għluiseas no a
thachras rudeigin; luaths.

a-steach *co-ghniomhair*
a' dol ann; a' dol a bhroinn: *thig a-*
*steach!***a-stigh** *co-ghniomhair*
faic **a-staigh****Astràilianach** *f.*
gin. agus *iol.* **Astràiliānach**
neach à Astràilia.
Astràilianach *buadhair***at** *f.**iol.* **atan**

àite air atadh air a' bhodhaig.
atmhor buadhair

athair do chèile.

at gniomhair
fàs mòr; bòc; sèid.
atadh f.

athaisg b.
faic **aithisg**

atadh f.
gin. **ataidh**
a' fàs mòr; a' bòcadh; a' sèideadh.

ath-aithris gniomhair
aithris rudeigin a-rithist.
ath-aithris b.

atamadaig buadhair
fèin-ghluasadach.

a thaobh roimhear (+ gin.)
a' gabhail gnothaich ri.

ath buadhair
(*air a chleachdadh ron ainmear*)
1 (leis an alt) as fhaisge; a-rithist:
gabhaidh mi an t-ath bhus; is mise an
t-ath dhuine; aig deireadh na h-ath
sheachdaine. **2** (ann an co-
ghniomhairean) **an ath-**: *an ath-là;*
an ath-oidhche; an ath-bhliadhna;
an ath-dhoras.

atharrachadh f.
gin. **atharrachaidh**
a' déanamh no a' fàs eadar-
dhealaichte; rudeigin a tha eadar-
dhealaichte.

àth b.
gin. **àtha iol.** **àthan**
àmhainn airson crèadhadaireachd,
breigichean, 7c, a chruadhachadh.

atharraich gniomhair
dèan no fàs eadar-dhealaichte;
mùth.
atharrachadh f.

àth f.
iol. **àthan**
àite far am faigh thu air coiseachd
tarsainn air abhainn no allt;
fadail.

atharrais gniomhair
dèan dìreach an t-aon rud ri
cuideigin eile.
atharrais b.

ath- ro-leasachan
1 a-rithist: *ath-sgrùdadadh; an t-Ath-*
Leasachadh. **2** air ais: *ath-dhioladh.*
faic **an ath-**

ath-bheothaich gniomhair
dèan beothail a-rithist.
ath-bheothachadh f.

athair f.
gin. **athar iol.** **athraichean**
pàrant fireann.

ath-bhuailteach buadhair
(gràmar) a tha buailadh air ais; a
tha a' déligeadh ri rudeigin a
chaidh roimhe: 's e riochdair *ath-*
bhuailteach a tha ann an 'fhein'.

athair-céile f.
gin. **athar-chéile iol.** **athraichean-**
céile

ath-chruthaich gniomhair
dèan no cruthaich a-rithist.
ath-chruthachadh f.

ath-dhèan gniomhair
dèan rudeigin a-rithist.
ath-dhèanamh f.

ath-dhiol *gniomhair***ath-dhiol** *gniomhair*

pàigh air ais.

ath-dhioladh *f.***ath-ionomhaigh** *b.**gin.* **ath-ionomhaighe** *iol.* **ath-ionomhaighean**
faileas.**ath-leasachadh** *f.**gin.* **ath-leasachaidh**1 a' leasachadh rudeigin a-rithist;
rudeigin a chaidh a leasachadh a-
rithist. 2 **an t-Ath-Leasachadh** an
t-àm anns an ochdamh linn deug
nuair a chaidh beachdan agus
teagasc nan eaglaisean Pròstanach
a stèidheachadh.**ath-leasaich** *gniomhair*

leasaich rudeigin a-rithist.

ath-leasachadh *f.***ath-nuadhaich** *gniomhair*dèan rudeigin mar a bha e roimhe,
no cuir rudeigin ùr na àite.**ath-nuadhachadh** *f.***ath-obair** *b.**gin.* **ath-obrach** *iol.* **ath-obraichean**
obair air a dèanamh a-rithist; ath-
sgräudadh.**ath-sgriobh** *gniomhair*

sgriobh rudeigin an dara h-uair.

ath-sgriobhadh *f.***ath-sgrùd** *gniomhair*dèan no rannsaich rudeigin a-
rithist; deasaich no dèan deisel
airson deuchainne, 7c.**ath-sgrùdadh** *f.***ath-sgrùdadh** *f.**gin.* **ath-sgrùdaidh**

a' dèanamh rudeigin a-rithist; a'

deasachadh no a' dèanamh deisel
airson deuchainne, 7c; ath-obair.**a thuilleadh air** *co-ghniomhair*
a bharrachd air; ach.**B****b** [bē]

an dara litir san aibidil.

bà-bà *ainmean*cadal; leabaidh: *a' dol bà-bà.***babhstair** *f.**iol.* **babhstairean**

cluasag fhada.

bac *f.**gin.* **baic, baca** *iol.* **bacan**1 bacan; bacadh. 2 bruthach;
leathad.**bac** *gniomhair*1 cuir rudeigin ann an rathad
cuideigin no rudeigin. 2 dèan
duilich do chuideigin rudeigin a
dhèanamh. 3 cuir stad air rudeigin;
caisg. 4 cuir dàil ann an rudeigin.
bacadh *f.***bacach** *f.**gin.* **agus iol.** **bacaich**cuideigin nach urrainn coiseachd
ceart.**bacadh** *f.**gin.* **bacaidh**1 a' cur rudeigin ann an rathad
cuideigin; a' cur stad air rudeigin;
a' cur dàil ann an rudeigin. 2 an rud
a nì seo.

bacan f.*gin.* agus *iol.* **bacain**1 maide no bata a chealachdar gus
beathaichean a bhacadh. 2 rud sam
bith a bhacas. 3 bata, gu h-àraidh
fear le ceann lùbte air.**bachall** f.*gin.* **bachaill** *iol.* **bachallan**am bata ceann-lùbte a bhios aig
easbaig, 7c; bacan.**bachlach** *buadhair**coim.* **bachlaiche**

làn bhachlag.

bachlag b.*gin.* **bachlaig** *iol.* **bachlagan**lùb no cearcall, gu h-àraidh de
dh'fhault.**bachlaich** *gniomhair*

cuir bachlagan nad fhault.

bachlachadh f.**bad** f.*gin.* **baid** *iol.* **badan**1 àite; ball. 2 bagaid feòir, fuit,
itean, 7c, air an cumail no a' fas
còmhla. 3 preas; dos. 4 doire;
badan. 5 anns a' **bhad** anns a'
mhionaid; an-dràsta fhèin.**badan** f.*gin.* **badain** *iol.* **badanan**

doire.

badeigin *riochdair*

àite nach aithnich thu.

badhar f.faic **bathar****badhbh** b.*gin.* **baidhbh** *iol.* **badhbhan**sean bhoireannach ghrànd; caill-
each; buitseach.**Badhlach** f.*gin.* agus *iol.* **Badhlaich**

neach à Beinn na Bhadhlach.

Badhlach *buadhair***baga** f.*iol.* **bagannan**

mâileid; poca.

bagaid b.*gin.* **bagaide** *iol.* **bagайдean**àireamh de nithean air an ceangal
ri chéile: *bagaid de dh'fhion-*
*dearcan.***bagайдеach** *buadhair***bagair** *gniomhair*thoir rabhadh gun dèan thu cron
air cuideigin mur dèan e an rud as
miann leat; maoidh.**bagairt** b., **bagradh** f.**bagairt** b.*iol.* **bagairtean**rabhadh gun dèan thu cron air
cuideigin mur dèan e an rud as
miann leat; a' toirt rabhadh mar
seo.**bàgh** f.*gin.* **baigh** *iol.* **bàghan**, **bàghannan**àite far an crom an cladach a-
steach; camas.**bagradh** f.*gin.* **bagraídh**

a' bagairt.

bàic f.*iol.* **bàicichean**(neo-fhoirmeil) rothar no baidhs-
agal; motair-rothar no motair-
baidhsagal.**bàidh** b.*gin.* **bàidhe**

rudeigin còir a nì thu do chuideigin

eile; a' cuideachadh dhaoine eile;
fàbhar.

baidhc f.
faic bàic.

bàidheil *buadhair*
coibhneil.
bàidhealachd b.

baidhsagal f.
gin. baidhsagail *iol.* baidhsagalan
carbad dà-chuibhleach air iomain
le na casan air na troigheanan;
rothar.

baile f.
iol. bailtean
1 baile-beag, clachan. 2 baile-mòr.
3 baile-mòr, cathair.

bailead f.
gin. baileid *iol.* baileadan
òran no dàn a tha simplidh, gu
h-àraidh a dh'innseas sgeulachd.

baile-beag f.
gin. baile-bhig *iol.* bailtean-beaga
grunn thaighean agus thogalach-
ean eile air an dùthaich; clachan.

baile-mòr f.
gin. baile-mhòir *iol.* bailtean-mòra
1 àite air a bheil mòran thogalach
(taighean, bùithtean, oifisean,
taighean-ceàirde, 7c) faisg air a
chèile; àite nas mò na baile-beag. 2
cathair.

baile-puirt f.
iol. bailtean-puirt
baile aig a bheil port no cala.

bailliùn f.
iol. bailiùnaichean
balg cruinn no ugh-chruthach a tha

làn àile no gas gus an èirich e san
adhar.

bàillidh f.
iol. bàillidhean
fear-riaghlaidh oighreachd.

bàine b.
a bhith bàin.

bàinead b.
gin. bàineid
a bhith bàin.

baineann *buadhair*
boireann.

bainne f.
1 lìonn geal a tha a' tighinn bho
shinean bheathaichean gus an
leanaban a bhiathadh. 2 bainne lom
bainne a chaidh a bhàrr a thoirt às.
3 bainne goirt blàthach.

bainNSE b.
faic fo banais

bainsio f.
iol. bainsiothan
inneal-ciùil mar ghiotàr, le corp
cruinn air.

bàir b.
gin. bàire *iol.* bàirean
1 frith-rathad; rathad. 2 tadhail.

bàirdse b.
iol. bàirdsichean
bàta fada caol, gu tric air a
cleachdadhbh air canàlan.

bàirneach b.
gin. bàirnich *iol.* bàirnichean
maorach a cheanglas e shéin gu
teann ri creagan.

baist *gniomhair*

gabh cuideigin a-steach don eaglais
 Chriosdail le bhith ga fhrasadh le
 uisce no ga chur fodha ann an
 uisce, agus mar as trice a' toirt
 ainm baistidh air.
baisteadh *f.*

Baisteach *f.*

gin. agus *iol.* **Baistich**
 Criosdaidh a chreideas nach bu
 chòir do dhaoine a bhith air am
 baisteadh gus an tuig iad na tha e a'
 ciallachadh.

baisteadh *f.*

gin. **baistidh**
 a' gabhail cuideigin a-steach don
 eaglais Chriosdail le bhith ga
 fhrasadh le uisce no ga chur ann an
 uisce, agus a' toirt ainm baistidh
 air.

bàite *buadhair*

faic bàthte

bàil *f.*

gin. agus *iol.* **bàil**
 dannsa foirmeil.

bàla *f.*

faic bàlla

balach *f.*

gin. agus *iol.* **balaich**
 neach fireann òg; gille.

balachan *f.*

gin. agus *iol.* **balachain**
 balach beag.

balach-cruidh *f.*

gin. agus *iol.* **balaich-cruidh**
 gille-cruidh.

balbh *buadhair*

coim. **bailbhe**

gun chomas bruidhinn; tosdach.

balbhachd *b.*

balbhan *f.*

gin. agus *iol.* **balbhain**
 cuideigin a tha balbh.

balg *f.*

(no **bolg**)

gin. agus *iol.* **builg**
 1 roinn na bodhaige sa bheil an
 stamag. 2 poca. 3 at mar bhuilgean
 a gheibhear air a' chraiceann; leus.

balgair *f.*

gin. **balgaire** *iol.* **balgairean**
 1 sionnach. 2 duine carach.

balgam *f.*

gin. **balgaim** *iol.* **balgaman**
 làn a' bheòil; rud beag: *gabh*
balgam teatha!

balgan *f.*

gin. agus *iol.* **balgain**
 luibh, gun dhuilleagan gun
 bhlàthan, a dh'fhasas air muin
 luibhean eile no air stuth lobhte;
 caochag.

balgan-buachair *f.*

gin. agus *iol.* **balgain-buachair**
 balgan bàn a ghabhas ithe.

balg-buachrach *f.*

co-ionann ri **balgan-buachair**.

ball *f.*

gin. agus *iol.* **buill**

1 cuideigin a bhuiteas do chlub no
 do chomann. 2 roinn den
 bhodhaig, m.e. cas, gàirdean,
 sgiath. 3 bad; àite. 4 co-ionann ri
 bàlla. 5 còrd; ròpa. 6 air ball anns a'
 bhad.

balla f.

iol. ballachan, ballaichean
aon de thaobhan togalaich no
seòmair: *tha dealbhan air a' bhalla*
san taigh againn.

bàlla f.

iol. bàllaichean
1 nì cruinn a chleachdar ann an
iomadh cluich. 2 rudeigin cruinn.

ball-acfhainn f.

gin. agus *iol.* buill-acfhainn
innleachd a chleachdar gus obair
shònraichte a dhèanamh; inneal.

ballach buadhair

coim. ballaiche
guireanach; breac.

ball-airm f.

gin. agus *iol.* buill-airm
ní a chleachdar gus daoine eile a
ghoirteachadh ann an cath no
sabaid.

ball-àirneis f.

gin. agus *iol.* buill-àirneis
aon phios àirneis, mar bhòrd,
chathair, 7c.

ballan f.

gin. ballain *iol.* ballanan
tuba; cùdainn.

ball-aodaich f.

gin. agus *iol.* buill-aodaich
ní a chaithreas tu; cuid aodaich a
chuireas tu ort.

ball-basgaid f.

gin. buill-basgaid
cluich sam bi daoine a' feuchainn ri
balla a thilgeil tro chearcall a bhios
air a cheangal deich troighean os
cionn an urlair.

ball-coise f.

gin. buill-coise
cluich sam bi dà sgioba a'
feuchainn ri bàlla a chur a-steach
tro phuist an fhir eile.

ball-dòbhrain f.

gin. agus *iol.* buill-dòbhrain
ball beag dorch air craiceann
duine.

ball-gineamhainn f.

gin. agus *iol.* buill-ghineamhainn
roinn na bodhaige a chleachdar
airson gineamhainn.

ball-maise f.

gin. agus *iol.* buill-maise
ní a chuireas tu air no ann an
rudeigin gus am bi e a' coimhead
brèagha; rudeigin a chaithreas tu
gus am bi thu a' coimhead brèagha.

ballrachd b.

1 na buill de bhuidhinn, chlub, 7c. 2
a bhith nad bhall de bhuidhinn,
chlub, 7c.

ball-seirce f.

gin. agus *iol.* buill-seirce
1 comharradh beag air a chaith-eamh
air an aghaidh mar
sgeadachadh. 2 ball-dòbhrain no
comharradh nàdarrach eile air a'
chraigean.

ball-stèidhe f.

gin. buill-stèidhe
cluich Ameireaganach a tha
rudeigin coltach ri cuairtean.

balùn f.

faic bailiùn

bàn buadhair¹

coim. bàine

1 gun a bhith dorch; soilleir; 's e falt
bàn a tha oirre. **2** geal; fionn.

bàn buadhair²

coim. **bàine**

1 gun a bhith air àiteach. **2** gun
chàil sgrìobhte air.

bàn- ro-leasachan

soilleir: **bàn-dhearg;** **bàn-ghlas;** **bàn-**
ghorm.

bana-bhudseach b.

gin. **bana-bhudsich** *iol.* **bana-**
bhudsichean
buidseach boireann.

banacharaid b.

gin. **banacharaide** *iol.*
banachairdean
caraid boireann.

bana-chliamhainn b.

gin. **bana-chleamhná** *iol.* **bana-**
chleamhnán
am boireannach a tha pòsta rid
mhac.

ban-dia b.

gin. **ban-dè** *iol.* **ban-diathan**
dia boireann.

ban-diùc b.

iol. **ban-diùcan**
bean no banstrach diùc.

bànak b.

gin. **bànaig** *iol.* **bànanagan**
1 iasg-mara a tha càirdeach don
bhreac. **2** bradan air tighinn air ais
bhon mhuir airson na ciad uarach.

bana-ghaisgeach b.

gin. agus *iol.* **bana-ghaisgich**
gaisgeach boireann.

banail buadhair

coim. **banaile,** **banala**

de no coltach ri boireannaich;
freagarrach do bhoireannaich.

banais b.

gin. **bainNSE** *iol.* **bainNSEAN**

1 an fhéis an dèidh pòsaidh.
2 pòsadh.

banal f.

co-ionann ri **bannal.**

banaltram b.

gin. **banaltraim** *iol.* **banaltraman**
cuideigin a tha an dreuchd aige ri
bhith a' coimhead an dèidh
dhaoine a tha tinn no goirt.

bana-mhaighistir-sgoile b.

iol. **bana-mhaighistirean-sgoile**
1 bean-teagaig ann an sgoil. **2** a'
phriomh bhean-teagaig ann an
sgoil.

bana-mhaighistir b.

iol. **bana-mhaighistirean**

1 facal air a chleachdadh ro ainm
boireannaich phòsta nuair a
bhruidhneas no a sgrìobhas tu gu
deas-ghnàthach ma deidhinn (air a
ghiorrachadh gu A' Bh):
sgrìobhaidh mi gus a' Bhana-
mhaighistir NicLeòid a-màireach. **2**
bean-teagaig.

banana f.

iol. **bananathan**

meas le craiceann buidhe air.

bana-phronnsa b.

iol. **bana-phronnsan**

1 nighean do righ no bhàrnigh. **2**
boireannach no nighean ann an
teaghlaich rioghail. **3** bean
prionnsa.

banarach *b.*

gin. **banaraich** *iol.* **banaraichean**
boireannach no nighean a bhios ag
obair ann an taigh-bainne; té a
bhios a' bleoghan.

banca *f.*

iol. **banca**
taigh-gnothaich a bhios a' frith-
ealadh airgead.

bancair *f.*

iol. **bancairean**
cuideigin a bhios ag obair ann am
banca.

bancaireachd *b.*

an gnothach a bhios banca a'
dèanamh.

banchag *b.*

gin. **banchaig** *iol.* **banchagan**
banarach.

ban-iarla *b.*

iol. **ban-iarlan**
bean no bantrach iarla.

ban-iompair *b.*

iol. **ban-iompairan**
1 iompair boireann. 2 bean
iompair.

ban-leòmhann *b.*

gin. agus *iol.* **ban-leòmhainn**
leòmhann boireann.

bann *f.*

gin. **bainne** *iol.* **bannan, banntan**
1 stiall chruinn de rudeigin. 2 stiall
aodaich airson leòn a
chòmhdachadh.

bannal *f.*

gin. **bannail** *iol.* **bannalan**
cruinneachadh de dhaoine; còmh-
lan; dream; gràisg.

banntach *f.*

gin. **banntaich** *iol.* **banntaichean**
1 innleachd air am bi doras, 7c, a'
gluasad nuair a dh'fhosglas e;
lùdag. 2 ceangal.

bantrach *b.*

gin. **bantraich** *iol.* **banutraichean**
boireannach a bhàsaich an duine
aice.

bantrach *f.*

gin. **bantraich** *iol.* **banutraichean**
duine a bhàsaich a' bhean aige.

ban-ogha *b.*

iol. **ban-oghaichean, ban-oghachan**
leanabh boireann aig mac no
nighean dhut.

bàrnigh *b.*

gin. **bàrnighe** *iol.* **bàrnighrean**
1 boireannach a chaidh a crùndadh
mar cheannard air dùthach. 2
bean rìgh.

bàrnighinn *b.*

co-ionann ri **bàrnigh**.

ban-rùnaire *b.*

iol. **ban-rùnairean**
rùnair boireann.

ban-sgoilear *b.*

gin. **ban-sgoileir** *iol.* **ban-sgoilearan**
bàna-mhaighistir-sgoile.

ban-sìth *b.*

faic **bean-sìthe**

bantrach *f.* agus *b.*

gin. **bantraich** *iol.* **banutraichean**
co-ionann ri **bantrach**.

baobh *b.*

faic **badhbh**.

baoghalta *buadhair*
gòrach; amайдeach.
baoghaltachd *b.*

an loidhnichean goirid, mar as trice
le ruith no rannaigheachd shòn-
raichte; dàn.

baoit *b.*
1 maghar. 2 baoiteag.

bargan *f.* agus *b.*
gin. **bargain** *iol.* **bargain**, **barganan**
cùmhnant.

baoiteag *b.*
1 cnuimh-thalmhainn. 2 maghar;
baoit.

bàrr *f.*
gin. **barra** *iol.* **barran**
1 mullach. 2 **am bàrr** am mullach. 3
bàrr a' **bhainne** an earrann as
làidire den bhainne; uachdar a'
bhainne. 4 **a bhàrr air** a bharrachd
air; a thuilleadh air.

baoth *buadhair*
coim. **baoithe**
amaideach; simplidh; neo-ghlic.

barra *f.*
faic **bara**

bàr *f.*
gin. **bàir** *iol.* **bàraichean**
bòrd, seòmar no togalach far am
fritheilear deochannan agus air
uairean biadh.

barrach *f.*
gin. **barraich**
geugan; mullaichean chraobh.

bara *f.*
iol. **barachan**, **baraichean**
cairt bheag airson nithean a
ghiùlan.

Barrach *f.*
gin. agus *iol.* **Barraich**
neach à Barraigh.
Barrach *buadhair*

barail *b.*
gin. **baraile** *iol.* **barailean**
beachd.

barraill *f.*
iol. **baraillean**
1 soitheach fiodha le taobhan
croma air; buideal. 2 seadan gunna.

bàrc *f.*
gin. **bàrca**, **bàirc** *iol.* **bàrcannan**
1 bàta beag; eathar. 2 bàta mòr tri-
chrannach.

bàrd *f.*
gin. agus *iol.* **bàird**
cuideigin a sgriobhas bàrdachd;
filidh.

bàrdachd *b.*
sgriobhadh air a rèiteachadh ann

1 na tha nas mò; meud as mò;
tuilleadh: *a bheil thu ag iarraidh*
barrachd buntàta?; *tha barrachd*
dheth ann. 2 **barrachd** air còrr agus;
barrachd agus: *tha barrachd* air
fichead againn sa chlub; *chan eil mi*
ag iarraidh barrachd air sin. 3 **a**
bharrachd nas mò; cuideachd: *mur*
tèid thu ann, *cha teid mise ann a*
bharrachd. 4 **a bharrachd** air a'
fàgail às; a thuilleadh air: *na leugh*
thu càil a bharrachd air sin an-
diugh?

barragach *buadhair*
coim. **barragaiche**
làn bàrr a' bhainne; air a

dhèanamh le bàrr no lè stuth
coltach ris.

barraid *b.*

gin. **barraide** *iol.* **barraidean**
mullach; bàrr; meall.

barrail *buadhair*

coim. **barrala**
ro mhath; deagh.

barrall *f.*

gin. **barraill** *iol.* **barraillean**
iall airson bròg a dhùnadh.

barrantas *f.*

gin. **barrantais**
1 geall. 2 ùghdarris.

bàrr-staimh *f.*

gin. **barra-staimh**
duilleagan an staimh, gu bitheanta
leis an do rinneadh ceilp; bragaire.

bas *b.*

gin. **boise** *iol.* **basan**
roinn na làimhe air an taobh a-
staigh, eadar na meòir agus caol an
dùirn.

bàs *f.*

gin. **bàis**
crioch na beatha; eug; aog.

bàsachadh *f.*

gin. **bàsachaidh**
a' dol bàs.

bàsaich *gniomhair*

sguir a bhith beò; thig gu crìch; eug;
caochail: *bhàsaich an cù.*
bàsachadh *f.*

bascaid *b.*

faic **bascaid**

basgaid *b.*

gin. **basgaide** *iol.* **basgaidean**
soitheach, air a dhèanamh le
stíallan cuilce no fiodha.

basgaid-sgudail *b.*

iol. **basgaidean-sgudail**
basgaid airson pàipear caithte, 7c,
a chumail.

bata *f.*

iol. **bataichean**

1 maide no bioran a tha caol agus
fada, a chleachdar airson taice a
thoirt dhut nuair a bhios tu a'
coiseachd. 2 bata a chleachdar ann
an iomadh cluich; caman.

bàta *f.*

iol. **bàtaichean**

inneachd air a togail airson
fleòdraidh agus siubhail air uisce;
eathar.

bàta-foluaimein *f.*

iol. **bàtaichean-foluaimein**
bàta beag a thèid glè luath.

bàta-iasgaich *f.*

(no **bàt-iasgaich**)
iol. **bàtaichean-iasgaich**
bàta às am bi daoine ag iasgach.

batail *f.*

iol. **batailean**
blàr; cath.

bàt-aiseig *f.*

co-ionann ri **aiseag**.

batal *f.*

faic **batal**

batan *f.*

gin. **batain** *iol.* **batain, batanan**
bioran goirid, gu h-áraidh fear a

chleachdar gus luchd-ciúil a
stiùireadh.

sa mhuir. 2 cuir às; smàl.
bàthadh *f.*

bataraidh *f.*

iol. **bataraidhean**
innleachd airson dealan a thàsgadh
agus a sholaradh.

bàthach *b.*

gin. **bàthaich,** **bàthcha** *iol.*
bàthaichean
togalach airson bhò.

bàta-ràmh *f.*

iol. **bàtaichean-ràmh**
bàta a ghluaiseas tu le bhith a'
cleachdadh ráimh.

bàthadh *f.*

gin. **bàthaidh**
1 a' marbhadh cuideigin ann an
uisge. 2 a' smàladh.

bàta-sàbhalaidh *f.*

iol. **bàtaichean-sàbhalaidh**
bàta-teasairginn.

bàthaich *b.*

iol. **bàthaichean**
co-ionann ri **bàthach**.

bàta-siùil *f.*

gin. **bàtaichean-siùil**
bàta air a h-iomain leis a' ghaoith
a' sèideadh air, no seachad air,
seòl.

bathais *b.*

iol. **bathaisean**
roinn na h-aghaidhe os cionn nam
mala; maoil; clàr aodainn.

bàta-smùid *f.*

iol. **bàtaichean-smùid**
bàta air a h-iomain le deataich.

bathar *f.*

gin. **bathair**
nithean a thèid an ceannach agus
an reic; maoin.

bàta-teasairginn *f.*

(no **bàta-teasraiginn**)
iol. **bàtaichean-teasairginn**
bàta airson daoine a shàbhalaigh
aig muir.

bàthte *buadhair*

air a bhàthadh.

bàta-teine *f.*

iol. **bàtaichean-teine**
bàta air a cur na theine am measg
bhàtaichean eile gus an losgadh.

beach *f.*

gin. **beacha** *iol.* **beachan**
1 seillean. 2 speach.

bàta-tumaidh *f.*

iol. **bàtaichean-tumaidh**
bàta as urrainn siubhal fon mhuir.

beachd *f.*

gin. **beachda** *iol.* **beachdan**
1 rudeigin air an do smaoinich thu.
2 an dòigh air an smaoinich thu air
rudeigin; barail: *dè do bheachd air
seo?*

bàth *gniomhair*

1 marbh rudeigin no cuideigin le
bhith ga chur fon uisce gus am
mùch e: *chaidh an duine a bhàthadh*

beachdachadh *f.*

gin. **beachdachaidh**
a' gabhail beachd; a'
smaoineachadh.

beachdaich *gniomhair*

gabh beachd; smaoinich.
beachdachadh *f.*

beachdail *buadhair*

a ghabhas gnothaich ri beachdan,
chan ann ri nithean.

beachd-smaoinich *gniomhair*

1 coimhead rudeigin. 2 smaoinich
air rudeigin gu cùramach.
beachd-smaoineachadh *f.*

beach-lann *b.*

gin. beach-lainn *iol.* beach-lannan
sgeap.

beadaidh *buadhair*

coim. beadaidhe
gun spèis; mì-mhodhail; dàna.
beadaidheachd *b.*

beag *buadhair*

coim. lugha, bige
1 gun a bhith mòr; meanbh; goirid:
duine beag. 2 òg; clann bheag. 3
suarach; neo-chudhromach. 4
neo-thaitneach: is beag orm sin. 5
gann: chan eil ach glè bheag dhiubh
ann; is beag gun robh gu leòr agam is
gann gun robh gu leòr agam; is
beag nach do thill e theab e tilleadh.
6 spiocach.

beagan *co-ghniomhair*

rud beag; rudeigin: tha i beagan
fuar an-diugh.

beagan *f.*

gin. beagain
aireamh bheag de dhaoine no
nithean; rud beag; meud beag: cha
do rinn mi ach beagan obrach.

beag-nàrach *buadhair*

gun nàire.

beairteach *buadhair*

faic beartach

beairteas *f.*

faic beartas

bealach *f.*

gin. agus *iol.* bealaich

1 slighe chumhang eadar dà chnoc;
cadha. 2 rathad air a ghabhail an
àite an rathaid àbhaistich: *ghabh*
mi bealach air an t-slighe dhach-
aigh.

bealaidh *f.*

preas le blàthan buidhe no buidhe-
dhearg air.

Bealltainn *b.*

gin. Bealltainne
a' chiad là den Mhàigh: là buidhe
Bealltanne.

bean *b.*

gin. mnà, mnatha tabh. mnaoi *iol.*
mnathan
1 tè a tha pòsta ri duine àraidi. 2
boireannach.

bean *gniomhair*

1 fairich rudeigin led làimh no led
mheòir; làimhsich: *bhean e ris a'*
bhòrd. 2 buail rudeigin gu socair;
suath ann. 3 bi glè fhaisg air
rudeigin gus nach bi rum eadar. 4
gabh gnothaich ri; buin ri.
beantainn *f.*

bean-bainnse *b.*

gin. mnà-bainnse *iol.* mnathan-
bainnse
boireannach a tha a' pòsadh;
boireannach nuair a phòsas i.

bean-eiridinn *b.*

gin. mnà-eiridinn *iol.* mnathan-

eiridinn
banaltram.

beann *b.*
faic fo **beinn**

beannachadh *f.*

gin. **beannachaidh**

1 a' miannachadh no a' tort
sonas do chuideigin. 2 a' cantainn
gu bheil neach no nì naomh; a'
dèanamh neach no nì naomh. 3
beannachd.

beannachd *b.*

iol. **beannachdan**

1 beannachadh: *thoir mo bheann-*
nachd dhà nuair a chì thu e!; *dh'fhàg*
e beannachd agad nuair a dh'fhalbh
e. 2 ùrnaigh. 3 rudeigin leis a bheil
thu toilichte. 4 **beannachd** leat
abairt a chanas tu ri duine nuair a
dhealaicheas tu ris.

beannag *b.*

gin. **beannaig** *iol.* **beannagan**

stíall aodaich a chaithreas tu mud
cheann no mud ghuailnean.

beannaich *gnìomhair*

1 miannaich no thoir sonas do
chuideigin. 2 can gu bheil neach no
nì naomh; dèan neach no nì
naomh.

beannachadh *f.*

beannaichte *buadhair*
air a bheannachadh.

bean-phòsta *b.*

gin. **mnà-pòsta** *iol.* **mnathan-pòsta**
boireannach a tha pòsta.

bean-sìthe *b.*

(no **bean-shìthe**)

gin. **mnà-sìthe** *iol.* **mnathan-sìthe**
sithiche boireann.

bean-taighe *b.*

gin. **mnà-taighe** *iol.* **mnathan-taighe**
1 bean-phòsta. 2 an tè leis a bheil
an taigh. 3 tè a shritheileas
aoighean.

beantainn *f.*

1 a' faireachdainn rudeigin led
làimh; a' làimhseachadh. 2 a'
suathadh ann an rudeigin. 3 a'
gabhlair gnothaich ri rudeigin.

bean-teagaisg *b.*

gin. **mnà-teagaisg** *iol.* **mnathan-**
teagaisg
neach-teagaisg boireann.

bean-uasal *b.*

gin. **mnà-uaisle** *iol.* **mnathan-uasal**
1 boireannach. 2 boireannach
modhail no onarach. 3 boireann-
ach de theaghlaich cudthromach. 4
(leis an alt) air a chur ro ainm
boireannaich uaisle (air a ghiorr-
achadh gu A' Bh-Uas)

beàrn *b.*

gin. **beàrn**, **beàirn** *iol.* **beàrnan**
1 fosgladh ann an rudeigin; eag. 2
stad no briseadh ann an rudeigin.
beàrnach *buadhair*

beàrnan-bride *f.*

gin. agus *iol.* **beàrnain-bhride**
luibh air a bheil blàth buidhe agus
duilleagan eagach.

Beàrnarach *f.*

gin. agus *iol.* **Beàrnaraich**
neach à Beàrnaraigh.
Beàrnarach *buadhair*

beàrr *gnìomhair*

1 geàrr feusag. 2 geàrr le siosar,
deamhais, 7c; rùisg.
beàrradh *f.*¹

bearradair f.*iol. bearradairean
borbair.***bearradh f.²***gin. bearraidh
a' gearradh feusag; a' cleachdad
siosar, deamhais, 7c; a' rùsgadh.***bearradh f.***gin. bearraidh iol. bearraidhean
creag chas.***beart b.¹***gin. beairt iol. beartan
1 inneal. 2 inneal airson fighe.***beart b.²***gin. beairt iol. beartan
rudeigin air a bheil fios agad;
fiosrachadh.***beartach buadhair***coim. beartaiche**aig a bheil mòran airgid no seilbh;
saidhbhir.***beartas f.***gin. beartais
a bhith beartach.***beart-chlò b.***gin. beairt-chlò iol. beartan-clò
inneal airson clò fhighe.***beatha b.***iol. beatannan**1 an tide eadar breith agus bàs; *fad do bheatha*. 2 's e *do bheatha* abairt
air a cleachdad mar fhreagairt
nuair a bheir cuideigin taing do
dhuine. 3 *mar do bheatha* cho mòr,
cho luath, cho cruaidh, 7c, is as
urrainn dhut: *bha iad ag obair mar
am beatha*.***beathach f.***gin. beathaich iol. beathaichean
ainmhidh; creutair.***beathachadh f.***gin. beathachaidh
a' biathadh.***beathach-mara f.***gin. beathaich-mara iol.
beathaichean-mara
beathach a bhios a' suireach sa
mhuir.***beathadach f.***gin. agus iol. beathadaich
dà-bheathach molach donn a
thogas taighean ann an uillt.***beathaich gnìomhair***thoir biadh do rudeigin; gabh
biadh; biath.***beathachadh f.****beath-eachdraiche f.**
*iol. beath-eachdraichean
cuideigin a sgiobhas eachdraidh
air beatha cuideigin.***beath-eachdraidh b.***gin. beath-eachdraidhe iol. beath-
eachdraidhean
eachdraidh air beatha cuideigin.***bèibidh f.***iol. bèibidhean
naoidhean; leanabh.***beic b.***gin. beice iol. beiceannan
a' cur na dara coise air chùl na coise
eile, agus a' lùbadh nan glùinean:
*rinn am boireannach beic ron
bhànrigh.**

bèicear *f.*

gin. bèiceir *iol.* bèicearan
fuineadair.

bèiceireachd *b.*

1 nithean a chaidh am fuineadh. 2 a' fuineadh.

bèile *b.*

iol. béllichean, bèileachan
ultach mòr feòir, connlaich, 7c,
mar as trice air a cheangal gu
teann.

Beilgeach *f.*

gin. agus *iol.* Beilgich
neach às a' Bheilg.
Beilgeach *buadhair*

beilleag *b.*

gin. beilleig *iol.* beilleagan
bile; lip.

being *b.*

gin. beinge *iol.* beingean
1 suidheachan fada. 2 bòrd fada aig
am bi thu ag obair.

beinn *b.*

gin. beinne *iol.* beanntan, *gin.iol.*
beann
cnoc glè àrd.

beinn-theine *b.*

gin. beinn-teine *iol.* beanntan-teine
beinn le toll air a' mhullach aice às
am bi làbha a' dòrtadh air uairean.

beir *gniomhair neo-riaghailteach*

1 thoir rudeigin lèat bho àite gu àite
eile; giùlain. 2 **beir air** faigh gréim
air; *beir air mo làimh*. 3 thoir gu
cinneas, gu h-àraidh beir clann:
cuine a bheireas i an leanabh?,
rugadh mi aig an taigh.

breith *b.*, **beirtinn** *f.*

beireachdann *b.*

a' beirtinn.

beirm *b.*

gin. beirme
stuth a chleachdar ann a bhith a'
dèanamh aran, leann, fion, 7c.

beirsinn *f.*

co-ionann ri beirtinn.

beirtinn *f.*

1 a' toirt rudeigin leat bho àite gu
àite eile; a' giùlan. 2 a' breith.
faic **beir** *gniomhair*

bèist *b.*

gin. bèiste *iol.* bèistean
co-ionann ri biast.

beithe *b.*

fiodh den chraoibh-bheithe.

beò *buadhair*

coim. beòtha
ann am bith; beothail: *a bheil thu*
beò? a bheil thu nad dhùisg? a bheil
thu ag èisteachd?

beòshlaint *b.*

gin. beòshlainte *iol.* beòshlaintean
an dòigh air am bi thu beò; gu leòr
airgid airson na beatha gnàthaich;
teachd-an-tìr.

beothachadh *f.*

gin. beothachaidh
a' dèanamh rudeigin beothail; a'
fás beothail.

beothaich *gniomhair*

dèan no fás beothail no nas
beothaile.

beothachadh *f.*

beothaichte *buadhair*

air a bheothachadh.

beothail *buadhair***beothail** *buadhair**coim.* **beothaile**

bèò; èasgaidh; làn lùiths no sùird.

beothalachd *b.***beuc** *f.**iol.* **beucan**

glaodh; èigh.

beuc *gniomhair*

glaodh; èigh.

beucadh *f.***beucadh** *f.**gin.* **beucaidh**

a' glaodhach; ag èigheach.

beucaich *b.*

a' beucadh.

beud *f.**iol.* **beudan**cron; ciùrradh: *is mòr am beud.***beugaileid** *b.**iol.* **beugaileidean**

sgian air a chur air ceann feadan gunna.

beul *f.**gin.* agus *iol.* **beòil**1 roinn na h-aghaidhe a dh'fhosglas gus ithe agus bruidhinn: *dùin do bheul!* 2 fosgladh: *beul na h-uaimhe.***beulaibh** *ainmear*faic air **beulaibh****beul-aithris** *b.*

sgeulachdan, òrain, fiosrachadh, creideamhan, 7c, air an cur bho ghinealach gu ginealach.

beum *f.**gin.* **beuma** *iol.* **beuman, beumannan**

1 buille; leòn. 2 gearradh. 3

sruthadh làdir de dh'uisge.

beur *buadhair**coim.* **bèire**

tapaidh agus èibhinn; geur.

beurla *b.*1 cainnt; cànan. 2 **Beurla, Beurla****Shasannach** a' bheurla a bhruidhnear ann an Sasainn. 3 **Beurla Ghallda** a' bheurla a bhruidhnear ann an Albainn; Albais.**beus** *b.**gin.* **beusa** *iol.* **beusan**

1 feart àraidh no am modh a tha aig duine. 2 deagh-bheus.

beus *buadhair**coim.* **bèise, beusa**

a' gabhail a-steach nam fuaimean as isle ann an ceòl.

beusach *buadhair**coim.* **beusaiche**

gun a bhith a' smaoineachadh cus air cho math is a tha thu; ciatach; measail; deagh-bheusach.

beusachd *b.***bha** *gniomhair neo-riaghailteach*faic fo **bi****bhan** *b.**iol.* **bhanaichean**

làraidh bheag.

bhàsa *b.**iol.* **bhàsaichean**

soitheach air a chleachdad airson flùraichean a chumail, no mar bhall-maise.

bhatar *gniomhair neo-riaghailteach*(agus **bhathar, bhathas**)faic fo **bi**

bheat b.

gin. **bheata** *iol.* **bheataichean**
lighiche a choimheadas an déidh
ainmhidhean.

bheil *gniomhair neo-riaghailteach*

(agus **bheilear**, **bheileas**)
faic fo **bi**

Bhèineas b.

an dara planaid bhon ghrèin.

bheir *gniomhair neo-riaghailteach*

(agus **bheireadh**, 7c)
faic fo **thoir**

bhi *ainmear gniomhaireach*

airson **bhith**

bhiadh *gniomhair neo-riaghailteach*

(agus **bhios**)
faic fo **bi**

bhith *ainmear gniomhaireach*

faic a **bhith**

bhitheadh *gniomhair neo-riaghailteach*

(agus **bhitheadh**, 7c)
faic fo **bi**

bho (a) *naisgear*

co-ionann ri **o**

bho *roimhear*

co-ionann ri **o**

bho chionn *roimhear*

co-ionann ri **o** **chionn**

bhod *roimhear leasaichte*

faic fo **o**

bho dheireadh *co-ghniomhair*

co-ionann ri **mu** **dheireadh**.

bhom *roimhear leasaichte*

faic fo **o**

bhon *roimhear leasaichte*

faic fo **o**

bhon a *naisgear*

co-ionann ri **on a**

bhor *roimhear leasaichte*

faic fo **o**

bhos *co-ghniomhair*

faic **a-bhos**

bhos *roimhear*

co-ionann ri **os**.

bhos cionn *roimhear*

co-ionann ri **os cionn**.

bhot *gniomhair*

tagh; déan roghainn.
bhotadh f.

bhotadh f.

gin. **bhotaidh**
a' déanamh taghadh no roghainn.

bhuabhbh(se) *roimhear riochdaireil*

(agus **bhuainn(e)**, **bhuaipe(se)**,
bhuaithe(san))
faic fo **o**

bhuaithe *co-ghniomhair*

co-ionann ri **uaithe**.

bhuam(sa) *roimhear riochdaireil*

faic fo **o**

bhuapa(san) *roimhear riochdaireil*

faic fo **o**

bhuat(sa) *roimhear riochdaireil*

faic fo **o**

bhur *buadhair seilbheach*

co-ionann ri **ur**.

bi gniomhair neo-riaghailteach

1 air a chleachdadh gus sealltann
gu bheil rudeigin ann an àite, cor,
no suidheachadh áraidh: *tha mi
sgith; a bheil iad an sin? bha i trang;
a bheil thu gu math? tha an cù fon
bhòrd; tha am post aig an doras; tha
sneachd air a' bheinn.* 2 **bi ann** bi
beò; bi ann am bith: *a bheil gu leòr
bainne ann? cò a tha ann?* 3 **bi nad** bi
san aon shuidheachadh car ùine:
*muair a bha mi nam bhalach; tha i na
tidsear; bha sinn nar suidhe air an
tràigh; a bheil thu nad dhùisg
fhathast? tha e na chadal.* 4 **bi a'** bi
an gniomh, bi a' dèanamh
rudeigin: *bha mi a' sgrìobhadh litir;
tha e a' leughadh a' phàipeir; am bi
thu ag obair aig an taigh a-
màireach?* 5 **bi ri** bi an sàs ann an
rudeigin, bi a' gabhail rudeigin: *tha
e ri sgrìobhadh leabhar an-dràsta; a
bheil thu riutha?* 6 **bi gu no gus** bi a'
dol a dhèanamh rudeigin: *tha e gu
dùnadh an dorais; tha mi gu
bàsachadh leis an acras.* 7 **bi air** bi
an dèidh rudeigin a dhèanamh: *a
bheil thu air ithe? a bheil thu air a
bhith anns a' bhùth ùir fhathast?* 8 **bi
agad air** gabh dragh; bi cothrom
air: *chan eil agam air.* 9 **bi airson** bi
ag iarraidh: *a bheil thu airson falbh
an-dràsta?* 10 **bi agad ri** 's fheudar
dhut: *bidh agam ri tighinn air ais
feasgar.* 11 **bi agad** bi a'
seilbheachadh: *a bheil gu leòr airgid
agad? chan eil tide agam an-dràsta.*
12 **bi ort** caith; fuing: *a bheil
brògan ort? 's e falt ruadh a tha
oirre; a bheil am pathadh ort?* 13 **bi
annad** bi agad nad chorpa: *tha pian
nam stamaig; tha sùilean bréagha
annad.*
(a) **bhith abairt gniomhaireach**

biadh f.

gin. **bidh, bidhe** iol. **biadhan**

1 nì a dh'itheas creatairean; lòn:
tha am biadh deiseil. 2 am biadh air
ithe gu bracaist, gu dinneir, 7c;
diathad. 3 **biadh-maidne** bracaist. 4
biadh-meadhan-là am biadh air ithe
am meadhan an là; ruisean. 5
biadh-feasgair am biadh air ithe
feasgar; dinnear.

biadh gniomhair

faic **biath**
biadhadh f.

biadh-maidne f.

gin. **bidh-maidne** iol. **biadhan-**
maidne
bracaist.

bial f.

faic **beul**

bian f.

gin. agus iol. **bèin**
craigann beathaich; seiche.

biast b.

gin. **bèiste** iol. **biastan**
1 beatach; ainmhidh. 2 cuideigin
nach caomh leat.
biastail buadhair

biastag b.

gin. **biastaig** iol. **biastagan**
fríde.

biast-dubh b.

(no **biast-dhubh**)
gin. **bèist-duibhe** iol. **biastan-dubha**
dòbhran.

biath gniomhair

thoir biadh do chuideigin no
rudeigin; gabh biadh.
biathadh f.

biathadh f.

gin. **biathaidh**

a' toirt biadh do chuideigin no rudeigin; a' gabhail biadh.

bìd f.

gin. **bide** *iol.* **bìdean**

1 bideadh. **2** bideag. **3** biog.

bìd gnìomhair

geàrr no gabh rudeigin led fhiaclan.

bideadh f.

bìdeach buadhair

coim. **bidiče**

1 a bhios a' bideadh. **2** co-ionann ri biodach.

bìdeadh f.

gin. **bìdihd**

a' gearradh no a' gabhail rudeigin led fhiaclan.

bìdeag b.

gin. **bideig** *iol.* **bìdeagan**

mìr; pìos; rud beag.

bìdean f.

gin. **bidein** *iol.* **bìdeanan**

binnean.

bìdh gnìomhair neo-riaghailteach

faic fo **bi**

bìdhe f.

co-ionann ri **biadh**.

bìg gnìomhair

co-ionann ri **biog**.

bigeil b.

bìge buadhair

faic fo **beag**

bìgeadaich b.

a' biogail.

bile b.¹

iol. **bilean**

1 fear de dhà oir a' bheòil; lip. **2** an roinn de phana, shiuga, 7c, a bhios a' stobadh a-mach, agus às am bi thu a' dòrtadh lionn. **3** duilleag feòir; bileag.

bileach buadhair

bile f.²

iol. **bilean**

achd ùr a tha ga sgrùdadh leis a' Phàrlamaid.

bileag b.

gin. **bileig** *iol.* **bileagan**

1 aon de na roinnean dathte ann am blàth luibhe. **2** duilleag feòir; bile. **3** cunntas. **4** ticead.

bile-bhudhe b.

gin. **bile-buidhe** *iol.* **bilean-buidhe**

luibh air a bheil blàthan budhe, a dh'fhasas ann an achaidhean.

bine b.

faic **biona**

binid b.

gin. **binide**

stuth a chleachdar airson bainne a bhinn-deachadh ann a bhith a' déanamh cáise.

binn b.

gin. **binne**

1 breitheanas. **2** dàn; bàs.

binn buadhair

coim. **binne**

1 fonnmhor. **2** co-chòrdach; co-sheirmeach.

binndich gnìomhair

dèan no fàs nas tighe: *binndichidh bainne agus fuil nuair a leigeas tu ris*

an àile iad.

binndeachadh *f.*

binnean *f.*

gin. agus *iol.* **binnein**

1 mullach cnuic. 2 cnoc biorach.

binneas *f.*

gin. **binneis**

a bhith binn.

bioball *f.*

gin. agus *iol.* **biobaill**

leabhar naomh na h-eaglaise

Criosdail.

bioballach *buadhair*

biobhar *f.*

gin. **biobhair** *iol.* **biobharan**

beathadach.

biodach *buadhair*

coim. **biodaiche**

meanbh; glè bheag.

biodag *b.*

gin. **biodaig** *iol.* **biodagan**

sgian bhiorach a chleachdar mar

bhall-airm.

biodh *gniomhair* *neo-riaghailteach*
faic fo **bi**

biog *b.*

gin. **bioga** *iol.* **biogan**

1 fuaim beag geur mar a nì eun. 2

fuaim; facial: *cha chuala mi biog às.*

biogach *buadhair*

biog *gniomhair*

déan biog.

biogail *b.*

biogail *b.*

a' déanamh fuaim mar eun.

biolar *b.*

gin. **biolair**

luibh uaine a ghabhas ithe.

biona *b.*

iol. **bionaichean**

soitheach mòr domhainn.

biona-stùir *b.*

iol. **bionaichean-stùir**

biona airson sgudal, stùr, 7c, a chumail.

bior *f.*

gin. **biora** *iol.* **bioran**

1 ceann geur de rudeigin. 2 rudeigin air a bheil bior. 3 dealg a dh'fhasas air luibh. 4 bioran airson fighe.

biorach *b.*

gin. **biorach** *iol.* **bioraichean**

scòrsa èisg-mhara.

biorach *buadhair*

coim. **bioraiche**

1 air a bheil bior. 2 geur.

bioran *f.*

gin. agus *iol.* **biorain**

1 pios rudeigin a tha fada agus tana; maide. 2 innleachd airson buill-aodaich a chrochadh air sreang.

biorna *b.*

co-ionann ri **piorna**.

biorra-crùidein *f.*

iol. **biorrachan-crùidein**

eun beag dathach a gheibhear faisg air uisge.

biorramaid *b.*

gin. **biorramaide** *iol.* **biorramaidean**

1 structair aig a bheil bun ceàrnach agus ceithir taobhan a chlaonas suas gu binnean. 2 sean chàrn-

cuimhne Eiphiteach air chumadh
biorramaide.

biorramaideach *buadhair*

biorraraig *b.*

co-ionann ri **piorbhaig**.

biotais *f.*

luibh air a bheil freumh cruinn
dearg, a cheileachdar mar għlasraich
no airson siūcar a dhèanamh.

birlinn *b.*

iol. **birlinnean**

seann sheòrsa bàta air a h-iomain
le ràimh.

biteadh *gniomhair neo-riaghailteach*

(agus **bitear**, **biteas**)

faic fo **bi**

bith *b.*

1 a' bheatha. 2 rudeigin beò. 3 an
saoghal. 4 **air bith**, **ar bith** air an
t-saoghal, ann am bith: *ge b' e air*
bith cāite an robh e; ciod air bith a
rinn e? 5 **as bith** ge b' e air bith, cò
air bith. 6 **sam bith** (jar-leasachan)
gun diofar ciod air bith: *rud sam*
bith; là sam bith; uair sam bith.

bith *ainmear gniomhaireach*

faic a **bhith**

bith *b.*

gin. **bithe**

lionn dubh a tha tiugh agus
glaodhach, agus a cheileachdar gu
h-àraidh ann a bhith a' togail
ròidean.

bith-bhuan *buadhair*

coim. **bith-bhuaine**

a sheasas a-chaoidh; sìorraidh.

bith-bhuantachd *b.*

bitheadh *gniomhair neo-riaghailteach*

(agus **bitheam**, **bitheamaid**)

faic fo **bi**

bitheanta *buadhair*

1 tric; cumanta. 2 leanailteach;
sior.

bitheantas *f.*

gin. **bitheantais**

1 a' tachairt gu tric; cumantas.

2 **am bitheantas** mar as àbhaist.

bithear *gniomhair neo-riaghailteach*

(agus **bitheas**)

faic fo **bi**

bith-eòlas *f.*

gin. **bith-eòlais**

an t-eòlas no an rannsachadh air
nithean beò.

bith-eòlasach *buadhair*

bithibh *gniomhair neo-riaghailteach*

(agus **bithidh**, **bithinn**)

faic fo **bi**

bithis *b.*

iol. **bithisean**

tarrag le druim sniomhach oirre.

bithiseach *buadhair*

coim. **bithisiche**

a chuireas car air char air chumadh
cuaireig.

biùg *f.*

smid.

biùgan *f.*

gin. **biùgain** *iol.* **biùgain**, **biùganan**
solas no lampa beag a għabhas
giùlan; leus.

biùrna *b.*

co-ionann ri **piorna**

blad f.

gin. agus *iol.* **blaid**
cab; beul.

blaigeard f.

co-ionann ri **bleigeard**.

blais *gniomhair*

ith rud beag bidh gus am faic thu dè
an coltas a tha air.

blasad f., **blasadh** f.**blàr** f.

gin. **blàir** *iol.* **blàran**
1 cath. 2 talamh rèidh; còmhnard.

blas f.*gin.* **blais**

1 an coltas air biadh nuair a
ghabhas tu e. 2 an dòigh air an can
thu rudeigin; dòigh-labhairt;
dualchainnt.

blasachadh f.

gin. **blasachaidh**
a' toirt blas do rudeigin.

blasad f.*gin.* **blasaid**

1 ag ithe no ag òl rudeigin gus am
faic thu dè an coltas a tha air. 2
blasad **bìdh** rud beag bidh; biadh no
diathad glè bheag; grèim bìdh.

blasadh f.

gin. **blasaidh**
a' blasad.

blasach *gniomhair*

thoir blas do rudeigin.

blasachadh f.**blasta** *buadhair*

làn blas; air blas math.

blat f.

faic **blad**

blàth *buadhair**coim.* **blàithe**

1 an ire mhath teth; gun a bhith
fuar. 2 coibhneil.

blàth f.*gin.* **blàith** *iol.* **blàthan**

an earrann de luibh sam fàs an siol
no am meas; flùr.

blàthach b.*gin.* **blàthaich**

an lionn a bhios air fhàgail nuair a
ni thu im à bainne.

blàthachadh f.*gin.* **blàthachaidh**

a' déanamh rudeigin blàth.

blàthaich *gniomhair*

dèan no fàs blàth.

blàthachadh f.**blàths** f.*gin.* **blàiths**

1 a bhith blàth; teas.

2 coibhneas.

bleideag b.*gin.* **bleideig** *iol.* **bleideagan**

pios tana aotrom de rudeigin:
bleideagan *sneachda*; *bleideagan-*
coirce.

bleigeard f.*gin.* **bleigeird** *iol.* **bleigeardan**

slaoghtear.

bleith b.*gin.* **bleithe**

a' pronnadh.

bleith *gniomhair*

1 pronn grànn gus min a dhèanamh:
bhleith sinn an t-arbhar. 2 pronn.

bleith b.

bleoghaín *gniomhair*

faigh bainne à boin no beathach
eile.
bleoghan *b.*

bleoghaínn *gniomhair*

saic **bleoghaín**
bleoghaínn *b.*

bliadhna *b.*

iol. **bliadhnachan**, **bliadhnaichean**
1 an tide a chaitheas an talamh ann
a bhith a' dol timecheall air a'
ghrèin; dà' mhios dheug: *tri*
bliadhna. 2 **am-bliadhna** a'
bhliadhna seo.

bliadhñach *f.*

gin. agus *iol.* **bliadhñaich**
beathach a tha aon bhliadhna de
dh'aois.

bliadhñail *buadhair*

a' tighinn no a' tachairt a h-uile
bliadhna.

Bliadhna Ur *b.*

(*leis an alt*)
gin. **na Bliadhna Uire**
1 an t-àm aig toiseach bliadhna
eile. 2 **Bliadhna Mhath Ur!** abairt a
chleachdar gus fáilte a chur air
daoine aig an àm seo.

blian *gniomhair*

bi nad shuidhe no nad laighe gu
cofhurtail anns a' ghrèin.
blianadh *f.*

bligh *gniomhair*
bleoghaín.**blobhsa** *b.*

iol. **blobhsaichean**
ball-aodaich coltach ri lèine.

bloc *f.¹*

gin. **bloca** *iol.* **blocaichean**
ciùb no pios fiodha air a
chleachdadh mar dhèideig.

bloc *f.²*

gin. **bluic** *iol.* **blockan**
co-ionann ri ploc.

bloigh *b.*

gin: **bloighe** *iol.* **bloighean**
pios no bideag rudeigin.

bloinigean-gàrraidh *f.*

gin. **bloinigein-gàrraidh**
glasraich dhubb-ghorm.

blonag *b.*

gin. **blonaig**
saill gheal à mucan, air a
cleachdadh ann a bhith a'
deasachadh biadh.

bò *b.*

gin. **bà tabh**, **boin** *iol.* **bà** *gin.iol.* **bò**
beathach boireann mòr air àrach
airson a bhainne agus sħeola.

boban *f.¹*

gin. agus *iol.* **bobain**
iteachan.

boban *f.²*

gin. agus *iol.* **bobain**
dadaidh.

bò-bhainne *b.*

gin. **bà-bainne**
bò a bhios ga bleoghan.

bobhla *f.*

iol. **bobhlaichean**
soitheach cruinn; cuach.

bobbstair *f.*

iol. **bobbstairean**
co-ionann ri **babbstair**.

boc *f.*

gin. agus *iol.* **buic**
1 gobhar fireann. **2** fiadh fireann;
 damh.

boc *gniomhair*

gluais le bhith a' gearra-leum.
bocadh *f.*, **bocail** *b.*

bòc *gniomhair*

at; sèid.
bòcadh *f.*

bocach *buadhair*

coim. **bocaiche**
 a bhocas.

bocadaich *b.*

gin. **bocadaiche**
 a' bocadh.

bocadh *f.*

gin. **bocaidh**
 a' gluasad le bhith a' gearra-leum.

bocail *b.*

a' bocadh.

bòcan *f.*

gin. agus *iol.* **bòcain**
1 sithiche olc. **2** taibhse.

bocanach *f.*

gin. agus *iol.* **bocanaich**
 beatheach coltach ri fiadh beag, a
 gheibhearr ann an Afraga agus anns
 an Aisia.

bochd *buadhair*

coim. **bochda**
1 gun a bhith beartach. **2** tinn.

bochdainn *b.*

gin. **bochdaine**
 a bhith bochd; ainnis.

bocsá *f.*

iol. **bocsáichean**
 co-ionann ri **bogsa**.

bocsáig *gniomhair*

faic **bogsáig**

bod *f.*

gin. agus *iol.* **boid**
 roinn na bodhaige leis an dèan
 fireannach mùn.

bodach *f.*

gin. agus *iol.* **bodaich**
1 fireannach aosta. **2** (neo-
 fhoirmeil) fear-pòsta; cèile.

bodach-feannaig *f.*

gin. agus *iol.* **bodaich-feannaig**
 bodach-ròcais.

bodach-ròcais *f.*

gin. agus *iol.* **bodaich-ròcais**
 iomhaigh de dhuine ann an seann
 aodach air a dhéanamh airson
 eagal a chur air eòin gus nach ith
 iad na pòran.

bodach-sneachda *f.*

gin. agus *iol.* **bodaich-sneachda**
 cruth duine air a dhéanamh le
 sneachd.

bodha *f.*

iol. **bodhachan**
 creag anns a' mhuir, gu h-àraighe tè
 a thèid a bhàthadh aig muir-làn.

bodhaig *b.*

gin. **bodhaige** *iol.* **bodhaigean**
 corp duine.

bodhair *gniomhair*

dèan bodhar.
bòdhradh *f.*

bodhar *buadhair**coim.* **buidhre**

gun chomas cluinntinn; ain-deònach rudeigin a cluinntinn.

bodhar *f.**gin.* **bodhair** *iol.* **bodharan**

cuideigin a tha bodhar.

bòdhradh *f.**gin.* **bòdhraidh**

a' déanamh cuideigin no rudeigin bodhar.

bòdhran *f.**gin.* **bòdhrain** *iol.* **bòdhranan**

seòrsa druma a chumas tu leis an dara làimh fhad is a bhios tu ga bhualadh le bioran leis an làimh eile.

bodraig *gniomhair*

cuir dragh air; sàraich.

bodraigeadh *f.***bog** *buadhair**coim.* **buige**1 gun a bhith cruaidh no teann; a thèid a chur gu furasta ann an cumadh ùr. 2 maoth. 3 tais. 4 **bog fluech** glè fliuch.**bog** *f.**gin.* **buig** *iol.* **bogachan**1 boglach. 2 **air bhog** a' fleòdradh.**bogach** *b.**gin.* **bogach** *iol.* **bogaichean**

boglach.

bog *gniomhair*¹1 déan bog: *tha an lèine a' bogadh ann an uisce.* 2 **am bogadh** ga bhogadh; an sàs ann am boglaich. **bogadh** *f.***bog** *gniomhair*²gluais gu luath, sìos is suas: *bha na craobhan a' bogadan leis a' ghaoith.* **bogadan** *f.*, **bogadh** *f.***bogachadh** *f.**gin.* **bogachaídh**

1 a' déanamh rudeigin bog. 2 a' bogadan.

bogadaich *b.**gin.* **bogadaiche**

a' bogadan.

bogadan *f.**gin.* **bogadain**

a' gluasad gu luath, sìos is suas; a' crathadh; a' bogadaich.

bogadh *f.**gin.* **bogaídh**

1 a' déanamh rudeigin bog. 2 a' bogadan.

bogaich *gniomhair*¹

déan bog.

bogachadh *f.***bogaich** *gniomhair*²gluais gu luath, sìos is suas; crath. **bogachadh** *f.***bog-chridheach** *buadhair**coim.* **bog-chridhiche**

gealtach.

bogha *f.**iol.* **boghachan**

1 lùbadh. 2 seòrsa ceangail le lùban ann. 3 seòrsa biorain airson cluiche air an fhidhill. 4 ball-airm airson saighdean a thilgeil.

bogha-frois *f.**gin.* **bogha-frois** *iol.* **boghachan-frois**

bann lùbte de dhathan a chì thu

nuair a dheàlraicheas a' ghrian
tron uisge: *tha seachd dathan sa
bhogha-fhrois: dearg, dearg-
bhuidhe (orains), buidhe, buidhe-
ghorm (uaine), gorm, gorm-liath
(guirmeanach), agus liath (bàn-
phurpaidh).*

boglach *b.*

gin. boglaich iol. boglaichean
talamh bog; féith.

bogsa *f.*

iol. bogsachean
1 soitheach air a dhèanamh le
fiodh, cairt-bhòrd, 7c; ciste. 2
bogsa-ciùil.

bogsa-ciùil *f.*

iol. bogsachean-ciùil
inneal-ciùil so-ghiùlan a bhios tu a'
fàsgadh gus àile a shèideadh tro
sheadanan.

bogsadh *f.*

a' bogsaigeadh.

bogsa-èisg *f.*

iol. bogsachean-èisg
bogsa sam bi iasg ga chumail.

bogsa-fòn *f.*

iol. bogsachean-fòn
lann bheag anns a bheil fòn as
urrainn do dhuine sam bith
cleachdad.

bogsaig *gniomhair*

sabaid le na dùirn.
bogsaigeadh *f.*

bogsair *f.*

iol. bogsairean
cuideigin a bhios a' bogsaigeadh.

bogsa-litrichean *f.*

iol. bogsachean-litrichean

bogsa airson litrichean a chuireas
tu air falbh, no airson litrichean a
bhios gan libhrigeadh.

bòid *b.*

gin. bòide iol. bòidean
1 geall cudthromach no sòlaimte. 2
mionn.

Bòideach *f.*

gin. agus iol. Bòidich
neach à Bòd.
Bòideach buadhair

bòidheach *buadhair*

coim. bòidhche
maiseach; riomhach.
bòidhchead *b.*

boile *b.*

1 cuthach: *tha i air bhoile.* 2 fearg. 3
gluasad no brosnachadh mòr.

boillsg *f.*

gin. boillsge iol. boillsgean
gath-solais, gu h-àraidh fear a
bhios a' falbh is a' tighinn.

boillsg *gniomhair*

deàrrsaich, gu h-àraidh le gathans-
solais a bhios a' falbh agus a'
tighinn.

boillsgeadh *f.***boillsgeach** *buadhair*

coim. boillsgiche
a' bhoillsgeas; glè shoilleir;
lainnireach.

boillsgeadh *f.*

gin. boillsgidh
a' deàrrsadhbh, gu h-àraidh le
gathans-solais a bhios a' falbh is a'
tighinn.

boin *b.*

faic fo bò

boineid *b.*

faic bonaid

boinne *b.*

iol. boinnean, boinneachan
rud beag uisce no lionn; braon.

boinneag *b.*

gin. boinneige *iol.* boinneagan
boinne bheag.

boireann *buadhair*

1 den ghnè a bheireas leanaban; *tha boireannaich, nigheanan is ceartan uile boireann*. 2 (gràmar) tè de dhà ghnè de dh'ainmearan: 's e ainmearan boireann a tha ann am facail mar 'cluas', 'làmh', 'piseag', agus 'piuthar'.

boireannach *f.*

gin. agus *iol.* boireannaich
neach inbheach boireann; bean.

boireannta *buadhair*

coltach ri boireannach; le cuid de dh'fheartan boireannaich: *fear boireannta*.

bois *b.*

faic bas

boiseag *b.*

gin. boiseig *iol.* boiseagan
1 làn na boise. 2 buille leis a' bhois.

boiteag *b.*

gin. boiteig *iol.* boiteagan
co-ionann ri baoiteag.

bola *f.*

iol. bolaichean

am meas de chanach, lion, 7c.

bòla *f.*

faic bobhla

boladh *f.*

gin. bolaidh *iol.* bolaidhean
fâileadh.

bolcàna *f.*

iol. bolcànanathan
beinn-theine.

bolg *f.*

co-ionann ri **balg**.

bolgan *f.*

gin. bolgain *iol.* bolgain, bolganan
1 innleachd chruinn air a dèanamh à glainne airson solas dealain a dhèanamh. 2 am freumh cruinn de chuid de luibhean, a chuirear fo thalamh. 3 faic **balgan**.

bolt *f.*

*gin.*olta *iol.* boltaichean
crann.

boltaig *gniomhair*

cuir pàipear air balla, 7c.
boltaigeadh *f.*

boltaigeadh *f.*

gin. boltaigidh
an seòrsa pàipeir thiugh, mar a strice le pàtrán air, a chuirear air balla, 7c; a' cur pàipear mar seo air balla, 7c.

boltrach *f.*

gin. agus *iol.* boltraich
fâileadh; boladh.

boma *f.*

iol. bomaichean
innleachd a spreadhas.

bonaid *f.* agus *b.*

gin. bonaide *iol.* bonaidean
1 seòrsa aide, gu tric cruinn. 2 an còmhach os cionn inneal càir.

bonaid-snàimh *b.**iol.* **bonaidean-snàimh**bonaid air a caitheamh ann a bhith
a' snàmh.**bonn** *f.**gin.* agus *iol.* **buinn**1 an earrann as isle; an earrann air
am bi rudeigin na sheasamh; bun. 2
bonn na coise. 3 pìos airgid air a
dhèanamh à meatailt. 4 bonn-
cuimhne. 5 air **bonn** air chois; an-
àird; a dh'obair.**bonnach** *f.**gin.* agus *iol.* **bonnaich**cèic bheag air a déanamh à coirce
no eòrna, 7c.**bonnach-uighe** *f.**gin.* agus *iol.* **bonnaich-uighe**measgachadh ròsta de dh'uighean,
gu tric le annlan de chaise, 7c, na
bhoirinn.**bonn airgid** *f.**gin.* agus *iol.* **buinn airgid**1 bonn-cuimhne a tha nas isle na
bonn òir. 2 pìos airgid.**bonn-a-sia** *f.**gin.* agus *iol.* **buinn-a-sia**bonn airgid Breatainnach a b'
àbhaist a bhith air luach sia
sgillinn.**bonn-cuimhne** *f.**gin.* agus *iol.* **buinn-cuimhne**pìos meatailte air a chumadh mar
chearcall, rionnaig no chrois, air a
thoirt do dhuine a chionn is gun do
rinn e rudeigin gaisgeil no fior
mhath.**bonn-dubh** *f.**gin.* **buinn-dhuibh** *iol.* **buinn-dhubha**
sàil.**bonn òir** *f.**gin.* agus *iol.* **buinn òir**bonn-cuimhne a tha nas uaisle na
bonn airgid.**borb** *buadhair**coim.* **buirbe**

1 brùideil. 2 fiadhaich.

borbachd *b.***borbair** *f.**iol.* **borbairean**gruagaire airson fhireannach;
bearradair.**borbhan** *f.**gin.* **borbhain**

crònán; torman.

bòrd *f.**gin.* agus *iol.* **bùird**1 pìos àirneis le mullach rèidh agus
casan oirre: *tha am biadh air a'*
bhòrd. 2 earrann rèidh de
dh'fhiodh; dèile; clàr. 3 còmhlan
dhaoine a stiureas gnothach. 4
ùrlar air bàta. 5 air **bòrd** air bàta. 6
bòrd locha bruach locha.**bòrd-dubh** *f.**gin.* **bùird-dhuibh** *iol.* **bùird-dubha**,**bùird-dhubha**bòrd dorch air an sgriobh thu le
caile.**bòrd-geal** *f.**gin.* **bùird-ghile** *iol.* **bùird-gheala**bòrd soilleir air an sgriobh thu le
peann datthe.**bòrd-iarnaigidh** *f.**gin.* agus *iol.* **bùird-iarnaigidh**bòrd air am bi thu ag iarnaigeadh
aodach.**bòrd-sgeadachaidh** *f.**gin.* agus *iol.* **bùird-sgeadachaidh**

dreasair le sgàthan ann an seòmar-cadail no seòmar-sgeadachaidh.

taigh beag no fasgadh; both beag; bothag.

bòrd-sgrìobhaidh *f.*

gin. agus *iol.* **bùird-sgrìobhaidh**
bòrd air am bi thu a' sgrìobhadh.

bracaist *b.*

(*leis an alt*)

gin. **bracaiste** *iol.* **bracaistean**
a' chìad bhiadh a dh'itheas tu air an là.

bòrd-snàimh *f.*

gin. agus *iol.* **bùird-snàimh**
bòrd fleòdraidh a chuidicheas duine ri snàmh.

brach *gniomhair*

1 atharrach gu ceimigeach fo bhuaidh stuth mar bheirm: **brachar leann agus fion**. 2 cruinnich lionn buidhe sa chraiceann a chionn ataidh: **bha an neasgaid làn brachaidh**. 3 lobh.
brachadh *f.*

bòstail *buadhair*

coim. **bòstale**
àrdanach, gu h-àraidh ann a bhith a' bruidhinn; bragail.

brachadh *f.*

1 ag atharrachadh rudeigin gu ceimigeach fo bhuaidh stuth mar bheirm. 2 lionn buidhe air a chruinneachadh sa chraiceann a chionn ataidh.

botal *f.*

gin. agus *iol.* **botail**
soitheach caol-mhuinealach airson lionn no deoch a chumail; buideal.

bradan *f.*

gin. agus *iol.* **bradain**
iasg mòr ion-ithe le feòil bhàndheirg ann.

botal-teth *f.*

gin. **botail-theth** *iol.* **botail-teth**
botal rubair a lionas tu le uisge teth gus leabaidh a bhlàthachadh.

brag *f.*

gin. **braig**
fuaim árd agus obann.

bòtann *f.*

gin. **bòtann** *iol.* **bòtannan**
brògan rubair no plastaig a thig suas gus na glùinean.

bragadaich *f.*

a' bragail.

both *f.*

gin. **botha** *iol.* **bothan**
taigh beag no fasgadh.

bragail *b.*

a' déanamh fuaim mar bhrag: **bha an t-uisge a' bragail air an uinneig**.

bothag *b.*

gin. **bothaig** *iol.* **bothagan**
both beag; bothan.

bragail *buadhair*

coim. **bragaile**
bòstail: *duine bragail*.

bothan *f.*

gin. agus *iol.* **bothain**

bragraire *f.*

bàrr-staimh.

braiceast *b.**co-ionann ri bracaist.**chuir e braoisg air.*
braoisgeach *buadhair***braich** *b.**gin. braiche*

eòrna air a thiormachadh, a chleachdar gu h-àraidh ann a bhith a' togail leann.

braoisgeil *b.***1** a' dèanamh braoisg. **2** a' dèanamh cabaireachd.**braid** *b.**gin. braide*

goid; mèirle.

braen *f.**gin. agus iol. braoin***1** boinne. **2** ciùbhran.**braoineach** *buadhair***braidean** *f.**gin. agus iol. braidein*

mèirleach.

bras *buadhair**coim. braise***1** cabhagach agus neo-chùramach; buailteach a bhith a' dèanamh rusan gun smaoineachadh. **2** dàna; gaisgeil. **3** beothail; dian. **4** luath; èasgaidh.**braise** *b.***bràigh** *f.*¹*gin. bràighe, bràghad iol.*
*bràigheachan***1** an roinn as àird de rudeigin:
bràigh na beinne. **2** *bràigh a' chuirp* am broilleach: *losgadh-bràghad.***brat** *f.**gin. brata iol. bratan*

còmhdaich.

bràigh *f.* agus *b.2**gin. bràighe iol. bràighdean*

cuideigin a chumas tu mar phriosanach no fo bhagairt bàis gus am faigh thu an rud a tha thu ag iarraidh.

bratach *b.**gin. brataich iol. brataichean***1** pios aodaich dhatte, mar as trice le pátran air, air a chleachdadh mar chomharradh. **2** pios páipeir air a bheil coltas brataich.**braighdeanas** *f.**gin. braighdeanais*

a bhith air a cheangal; an sàs ann am prìosan; daorsa.

brataig *b.**gin. brataig iol. bratagan*

burras.

bràiste *b.**iol. bràistean*

ball-maise a cheanglas tu ri aodach.

bràth *f.**gin. bràtha***1** breitheanas. **2** sgrios. **3** **gu bràth,** **gu là bràth** a-chaoidh.**branndaidh** *b.*

deoch-làidir air a dèanamh à fion.

brath *gniomhair***1** bi neo-dhileas do chuideigin. **2** nochd rudeigin a bu chòir a bhith air a chumail na rùn.**brathadh** *f.*

brathadair f.*iol. brathadairean*

cuideigin a bhrathas cuideigin eile.

brathadh f.*gin. brathaidh*

1 a bhith neo-dhileas do chuid-eigin. 2 a' nochdadh rudeigin a bu chòir a bhith air a chumail na rùn.

bràthair f.*gin. bràthar iol. bràithrean*

fear no balach aig a bheil na h-aon phàrantan is a tha aig cuideigin eile.

bràithreil buadhair, bràithreachas f.**bràthair athar f.***gin. bràthar athar iol. bràithrean***athar**

bràthair dhad athair.

bràthair-céile f.*gin. bràthar-chèile iol. bràithrean-***céile**

bràthair dhad chéile.

bràthair màthar f.*gin. bràthar màthar iol. bràithrean***màthar**

bràthair dhad mhàthair.

brat-làir f.co-ionann ri **brat-ùrlair**.**brat-ùrlair f.***iol. bratan-ùrlair*

còmhdach airson an ùrlair.

breab f.*gin. breaba iol. breaban*

buille coise.

breab gniomhair

1 buail cuideigin no rudeigin led

chois. 2 gluais do chasan gu lùthmhòr. 3 stamp.

breabadh f.**breabair f.¹***iol. breabadairean*

cuideigin a bhios ag obair beart-chlò.

breabair f.²*iol. breabadairean*

frìde le casan fada caola oirre.

breabadh f.*gin. breabaidh*

1 a' bualadh rudeigin led chois. 2 a' gluasad do chasan gu lùthmhòr. 3 a' stampadh.

breabail b.*gin. breabaille*

a' breabadh.

breac b.

(leis an alt)

gin. brice

tinneas gabhaltach.

breac buadhair*coim. brice*

1 còmhdaichte le buill bheaga; ballach. 2 còmhdaichte le iomadh dath.

breac f.*gin. agus iol. bric*

iasg-locha breac.

breacadh-seunain f.co-ionann ri **breac-sheunain**.**breacag b.***gin. breacaig iol. breacagan*

cèic; bonnach.

breacaist b.co-ionann ri **bracaist**.

breacan *f.*

gin. **breacain** *iol.* **breacain**,
breacanan
 ball-aodaich breacanach a bha na
 aon phios, mar phlaide mhòir, leis
 an dèanadh tu an dà chuid feileadh
 agus mullach a thigeadh tarsainn
 air do ghuailnean.

breacanach *buadhair*

coim. **breacanaiche**
 air a chòmhachadh le pátran
 cheàrnag; mar bhreacan.

breacan-beithe *f.*

gin. agus *iol.* **breacain-bheithe**
 eun-ciùil beag.

breac an t-sil *f.*

gin. agus *iol.* **bric an t-sil**
 eun beag a chrathas earball.

breac-bhallach *buadhair*

coim. **breac-bhallaiche**
 air a chòmhachadh leis a' bhreac-
 sheunain.

breac-òtraich *b.*

(*leis an alt*)
gin. **bric-òtraich**
 galair san nochd guireanan deurga
 air a' chraiceann.

breac-sheunain *b.*

(*leis an alt*)
gin. **bric-sheunain**
 buill bheaga dhonna air a'
 chraiceann.

brèagha *buadhair*

grinn; bòidheach: *là brèagha;*
caileag bhrèagha.

brèaghaich *gniomhair*

dèan rudeigin brèagha.
brèaghachadh *f.*

Breatannach *f.*

gin. agus *iol.* **Breatannaich**
 neach à Breatainn.
Breatannach *buadhair*

breic *b.*
faic **breig**

breice *b.*

faic **breige**

brèid *f.*

gin. **brèide** *iol.* **brèidean**
 1 pios aodaich, gu h-àraidh airson
 toll a chàradh. 2 àite a tha eadar-
 dhealaichte ri choimhearsnachd:
bha brèid ola anns a' ghainmhich. 3
 beannag.
brèideach *buadhair*

breig *b.*

gin. **breige** *iol.* **breigean**
 casgan, mar eisimpleir ann an càr.

breige *b.*

iol. **breigichean**, **breigeachan**
 ceap beag de chrèadh chruaidh air
 a chleachdadh ann a bhith a' togail
 thaighean.

breigeire *f.*

iol. **breigirean**
 oibricle a bhios a' togail nithean le
 breigichean.

brèige *buadhair*

meallta; mi-nàdarrach: *fiacail*
bhrèige.

breisleach *f.*

gin. **breislich**
 1 a bhith troimh-chèile. 2 a bhith a'
 bruidhinn gun chiall. 3 trom-
 laighe.
breisleachail *buadhair*.

breisleachadh f.

gin. **breisleachaidh**
breisleach; a' dol am breisleach.

breislich *gniomhair*

1 bi troimh-chèile; bi tuathal. 2
bruidhinn gun chiall.
breisleachadh f.

breith b.1

1 a' toirt gu bith; a' faighinn
leanabh; a' beirtinn: *chaidh an*
leanabh a bhreith san taigh-eiridinn.
2 **breith air** a' faighinn gréim air
rudeigin; a' beirtinn air.

breith b.2

breitheanas; a' breithneachadh.

breitheamh f.

co-ionann ri **britheamh**.

breitheamhnas f.

gin. **breitheamhnais**
a' toirt breith ann an co-fsharpais,
7c.

breitheanas f.

gin. **breitheanais** *iol.* **breitheasan**
1 a' breithneachadh; a' toirt breith.
2 a' breithneachadh ann an cùirt
lagha. 3 beachd cuideigin.

breithneachadh f.

gin. **breithneachaídh**
1 a' cur romhad dè a tha ceart agus
dè a tha ceàrr; a' toirt breith. 2 a'
toirt breith ann an cùirt lagha.

breithnich *gniomhair*

1 cuir romhad dè a tha ceart agus
dè a tha ceàrr, no dè a tha nas
fheàrr agus dè a tha nas miosa, 7c;
thoir breitheanas. 2 breithnich ann
an cùirt lagha.

breithneachadh f.

breòite *buadhair*
faic **breòthte**

breòth *gniomhair*

1 déan aosta agus fann; caith. 2
lobh. 3 brùth.
breothadh f.

breòthte *buadhair*

aosta agus fann; caithe; brùthte.
breòthteachd b.

breug b.

gin. **brèige** *iol.* **breugan**
rudeigin nach eil ceart no fior;
rudeigin nach e an fhìrinn a dh'aon
ghnothach.
breugach *buadhair*

breugaire f.

iol. **breugairean**
cuideigin a dh'innseas breug.

breugnachadh f.

gin. **breugnachaidh**
ag innseadh bhreug.

breugnaich *gniomhair*

inns breugan.
breugnachadh f.

breun *buadhair*

coim. **bréine**
lobhte; mosach.

breunan f.

gin. agus *iol.* **breunain**
rud sam bith a tha breun.

briaghá *buadhair*

faic **bréaghá**

briathar f.

gin. **briathair** *iol.* **briathran**
1 falal no abairt: *briathran*
teicneolach. 2 falal.

briathrach *buadhair**coim.* **briathraiche**

1 le mòran fhacal. 2 bruidhneach.

brìb *b.**gin.* **brìbe** *iol.* **brìbean**, **brìbeachan**
airgead no tiodhlac a thairgear do
dhuine gus am faighean buaidh air.
brìbeireachd *b.***brìb** *gniomhair*taig **brìb** do chuideigin.
brìbeadh *f.***brìd** *gniomhair*

tàrmaich.

brideadh *f.*, **brideachadh** *f.***brìgh** *b.*1 ciall; seagh. 2 a' ghnè as
cudthromaiche ann an ni. 3 sùgh. 4
neart. 5 **do bhrìgh** airson; a chionn.**briod** *f.**gin.* **brioda** *iol.* **briodan**,
briodaichean
seòrsa; gnè; siol.**briogais** *b.**iol.* **briogaisean**ball-aodaich a chaiteas tu air an
roinn as isle den bhodhaig, le dà
earrainn gus na casan a chòmh-
dachadh; triubhas.**briogais-snàimh** *b.**iol.* **briogaisean-snàimh**briogais ghoirid a chaiteas tu
nuair a bhios tu a' snàmh.**brìogh** *b.*faic **brìgh****brìoghmhor** *buadhair**coim.* **brìoghmhoire**

làn brìgh.

brìoghmhorachd *b.***briosg** *gniomhair*

gluais no leum gu h-obann; clisg:

*bha na h-eich a' briosgadh.***briosgadh** *f.*, **briosgail** *b.***briosgadh** *f.**gin.* **briosgaidh**

a' gluasad no a' leum gu h-obann.

briosgaid *b.**gin.* **briosgaide** *iol.* **briosgaidean**
taois air a suineadh na cèic bhig
bhrisg.**briosgail** *b.**gin.* **briosgaile**

a' briosgadh.

bris *gniomhair*1 rach am mìrean; sgar: *bhris a'*
ghlainne nuair a thuit i. 2 rach an
aghaidh (lagha, gill, dùile, 7c);
chaidh an lagh a bhriseadh. 3 sgur a
bhith ag obair ceart: *tha an càr*
briste. 4 faigh a-steach no a-mach:
bhris iad a-steach don bhanca. 5
(mu thuinn) sgap. 6 (mun aimsir)
atharraich: *bha i brèagha air a'*
mhadainn ach bhris an aimsir
feasgar. 7 **bhris an là** dh'èirich a'
ghrian.
briseadh *f.***briseach** *buadhair**coim.* **brisiche**

brisg.

briseadh *f.**gin.* **brisidh**1 a' dol am mirean; a' sgaradh. 2 a'
dol an aghaidh rudeigin. 3 a' sgur a
bhith ag obair ceart. 4 a' faighinn
a-steach no a-mach à aite. 5 (mu
thuinn) a' sgapadh. 6 (mun aimsir)
ag atharrachadh.

briséadh-dùil *f.*

gin. brisidh-dùil *iol.* brisidhean-dùil
1 an fhaireachdainn bròin a gheibh
thu nuair nach fhaigh thu rudeigin
ris an robh dùil agad. 2 na bheir an
fhaireachdainn seo dhut.

briséadh-là *f.*

gin. brisidh-là *iol.* brisidhean-là
an t-àm nuair a dh'èireas a' ghrian;
camhanach.

brisg *b.*

gin. brisge *iol.* brisgean
slis thana thioram de bhuntàta
ròsta.

brisg buadhair

coim. brisge
furasta a bhriseadh; pronn.
brisgealachd *b.*

brist *gniomhair*

co-ionann ri bris.
bristeadh *f.*

briste *buadhair*

1 a tha air a bhriseadh. 2 aig nach
eil airgead; nach fhaigh air
fhiachan a phàigheadh.

bristeach *buadhair*

co-ionann ri briseach.

britheamh *f.*

gin. britheimh *iol.* britheamhan
1 cuideigin a bheir breith ann an
cùirt-lagha. 2 cuideigin a bheir
breith ann an co-sharpais, 7c.

broc *f.*

gin. agus *iol.* bruic
beathach dubh-liath le sriantan
geala air a cheann, a bhios a'
suireach fo thalamh.

brochan *f.*

gin. agus *iol.* brochain
biadh lionna, mar as trice air a
dhéanamh à min-choirce agus
uisge no bainne.

brod *f.*

gin. bruid *iol.* brodan
bioran no bata leis am bi thu a'
broadadh rudeigin.

brod *gniomhair*

1 brosnaich; gluais. 2 stuig.
brodadh *f.*

bròg *b.*

gin. bròige *iol.* brògan
còmhach làidir airson na coise:
cuiridh mi orm brògan gus nach bi
mo chasan goirt air an rathad.

bròg-cleasachd *b.*

gin. bròig-cleasachd *iol.* brògan-
cleasachd
bròg bhog a chaitheas tu nuair a
bhios tu a' cluiche.

bròg-cuibhle *b.*

gin. bròig-cuibhle *iol.* brògan-
cuibhle
roilear-spèlidh.

bròg-eich *b.*

gin. bròig-eich *iol.* brògan-eich
crudha.

bròg-mhòr *b.*

gin. bròig-mòire *iol.* brògan-mòra
bròg mhòr throm.

bròg na cuthaig *b.*

luibh beag dathach.

bròg-spèlidh *b.*

gin. bròig-spèlidh *iol.* brògan-
spèlidh
spèil.

broidse f.

iol. broidsichean
bráiste.

broilleach f.

gin. broillich iol. broillichean
roinn toisich na bodhaige eadar an
amhach agus am meadhan; cliabh.

broinn b.

faic fo brù

bròn f.

gin. bròin
1 a bhith mi-shona no brònach: *tha*
mi fo bhròn. 2 a bhith a' caoidh: *bha*
am baile am bròn.

brònach buadhair

coim. brònache
mi-shona; túrsach; muladach.

bronn b.

faic fo brù

brosnachadh f.

gin. brosnachaidh
a' toirt air cuideigin a bhith a'
faireachdainn läidir, èasgaidh, 7c;
brodadh; cuideachadh.

brosnachail buadhair

a bhrosnaicheas; cuideachail.

brosnach *gniomhair*

thoir air cuideigin a bhith a'
faireachdainn läidir, èasgaidh, 7c;
gluais; dùisg; *bhrosnaich e sinn a*
bhith misneachail; chaidh a bhros-
nachadh *gus an robh e làn feirg.*
brosnachadh f.

brot f.

gin. brota iol. brotan
biadh lionna air a dhèanamh à
feòil, glasraich, 7c; eanraich.

broth f.

gin. brotha iol. brothan
bréid dearg no buill dhearg air a'
chraiceann.
brothach buadhair

brù b.

gin. bronn, broinne tabh. broinn iol.
brùthan
1 machlag. 2 meall. 3 **am broinn**
ann; a-staigh ann: *tha ceithir*
seòmraichean am broinn an taighe.
4 **a bhroinn** a-steach ann an.

bruach b.

gin. bruach iol. bruaciean
an talamh ri taobh aibhne, locha,
7c; oir.

bruadar *gniomhair*

dèan bruadar.
bruadar f., bruadaradh f.

bruadar f.

gin. bruadar iol. bruadaran
nithean a chi, ma b' fhior; no a
smaoinicheas duine fhad is a bhios
e na chadal; aisling.

bruadaradh f.

gin. bruadaraidh
a' deànamh bruadar.

brùchd *gniomhair*

1 leig gaoth bhon stamaig gu
fuaimneach a-mach ás a' bheul. 2
thig a-mach gu luath.
brùchdad f.

brùdhearg f.

gin. brùdheirge iol. brùdheargan
eun beag donn le broilleach dearg
air.

bruich buadhair

coim. bruiche
air a bhruch.

bruich gniomhair

1 deasaich biadh. 2 deasaich biadh ann an uisge goileach.
bruich b.

brùid f.

gin. **brùide** *iol.* **brùidean**
1 duine neo-thruacanta. 2 beathach; biast.

brùideil buadhair

coim. **brùideile**

1 mar bhrùid. 2 glè mhòr.

bruidheann b.

co-ionann ri **bruidhinn**.

bruidhinn gniomhair

abair rudeigin; labhair: *bha mi a'*
bruidhinn ris a' phosta an-diugh.
bruidhinn b.

bruidhneach buadhair

coim. **bruidhniche**

math air bruidhinn; a' bruidhinn
gu mòr; còmhraiteach.

bruis b.

gin. **bruise** *iol.* **bruisean**
sguab bheag airson glanaidh,
peantaidh, falt a sgioblachadh, 7c.

bruis gniomhair

co-ionann ri **bruisig**.
bruisseadh f.

bruis-chinn b.

gin. **bruis-cinn** *iol.* **bruisean-cinn**
bruis airson falt a' chinn a
sgioblachadh; bruise-fhuilt.

bruis-fhiacan b.

iol. **bruisean-fhiacan**
bruis bheag airson d' fhiacan a
ghlanadh.

bris-fhuilt b.

iol. **bruisean-fault**
bris airson am falt a
sgioblachadh.

bruisig gniomhair

glan; sgùr; sguab.
bruisigeadh f.

bruis-pheant b.

gin. **bris-peant** *iol.* **bruisean-peant**
bris a chleachdar airson
peantaidh.

brùth gniomhair

1 dèan comharradh air a'
chraigean le bhith ga bhualadh. 2
put rudeigin gu cruaidh; sàth.
bruthadh f.

bruthach f. agus b.

gin. **bruthaich** *iol.* **bruthaichean**
1 leathad. 2 bruach.

bu gniomhair neo-riaghailteach

faic fo is

buabhall f.

gin. agus *iol.* **buabhaill**
beathach ceithir-chasach Ameir-eaganach, le ceann molach mòr
agus druim crotach air.

buachaille f.

iol. **buachaillean**
cuideigin a choimheadas an dèidh
cruidh.

buachailleachd b.

ag iomain crodh; a' coimhead an
dèidh cruidh.

buachailllich gniomhair

iomain crodh; coimhead an dèidh
cruidh.

buachailleachd b.

buachar *f.*

gin. **buachair**
inneir cruidh.

buadh *b.*

gin. **buaidh** *iol.* **buadhan,**
buadhanan
beus; tälann; uidheamachd.

buadhach *buadhair*

coim. **buadhaiche**
1 buadhmrhor. **2** tälantach; deagh-bheusach.

buadhachadh *f.*

gin. **buadhachaidh**
a' toirt buaidh air cuideigin; a' buannachadh.

buadhaich *gniomhair*

thoir buaidh air cuideigin;
buannaich.
buadhachadh *f.*

buadhair *f.*

iol. **buadhairean**
(gràmar) falal a bheir tuairisgeul
air ainmear, no a leasaicheas a
chiall: 'e buadhairean a tha ann am
facail mar 'mòr', 'gorm', 'sgith', 7c.
buadhaireach *buadhair*

buadhmrhor *buadhair*

coim. **buadhmrhoire**
aig a bheil buaidh.

buadraig *gniomhair*

co-ionann ri **bodraig**.
buadraigeadh *f.*

buaic *b.*

gin. **buaice** *iol.* **buaicean**
siobhag.

buaidh *b.*

gin. **buaidhe** *iol.* **buaidhean**
1 a' dèanamh no a' faighinn na bha

thu ag iarraidh no a' miannachadh;
soirbheas: *fhuir e buaidh aig an
obair*. **2** buaidh ann an cath, 7c:
thug iad buaidh orra. **3** cumhachd:
*rinn iad mar a bha mi ag iarraidh a
chionn is gun robh buaidh mhòr
agam orra; bha e fo bhuaidh geas a'
bhuidhsich.*

buail *gniomhair*

bean rudeigin le neart; sgailc:
bhuail an càr an gàrradh le brag.
bualadh *f.*

buaile *b.*

iol. **buailean**
achadh san cumar beathaichean,
gu h-àraidih crodh; àite-iathaidh.

buailteach *buadhair*

coim. **buailtiche**
dòcha; coltach: *tha an t-side
buailteach do chaochladh*.

buailteachd *b.*

1 a bhith buailteach. **2** comas
nàdarrach; tälann.

buain *b.*

gin. **buana**
an t-àm nuair a bhuainear an
t-arbhar, 7c; foghar.

buain *gniomhair*

geàrr arbhar, móine, 7c.
buain *b.*

buaine *b.*

cho buan is a tha rudeigin; fad.

buaire *gniomhair*

1 thoir air cuideigin a bhith a'
faireachdainn mì-thoilichte; cuir
dragh air cuideigin. **2** feuch ri toirt
air cuideigin rudeigin ceàrr a
dhèanamh.
buaireadh *f.*, **buaireas** *f.*

buaireadh *f.*

gin. **buairidh**
trioblaid; iomagain; dragh.

buaireas *f.*

gin. **buaireis**
trioblaid; iomagain; dragh.

buaireasach *buadhair*

coim. **buaireasaiche**
a bhuaireas; a chuireas dragh air
cuideigin.

bualadh *f.*

gin. **bualaiddh**
a' beantainn ri rudeigin le neart; a'
toirt buille do chuideigin no
rudeigin; buille; sgailc.

buamastair *f.*

iol. **buamastairean**
duine faoin bragail; amadan.

buán *buadhair*

coim. **buaine**
a sheasas; maireannach.

buana *b.*

faic fo **buain**

buannachadh *f.*

gin. **buannachaidh**
a' déanamh nas fheàrr ann an
cluich, sabaid, 7c.

buannachd *b.*

iol. **buannachdan**
1 an t-airgead a gheibh thu ma
reiceas tu rudeigin air barrachd na
bha e a' cosg; prothaid. 2 rudeigin
air a bhuannachadh.

buannaich *gniomhair*

bi nas fheàrr ann an cluich, sabaid,
7c; coisinn; buidhinn.

buannachadh *f.*

buar *f.*

gin. agus *iol.* **búair**
còmhlan de bheathaichean, gu h-
áraidh de chrodh, a bhios a'
biathadh còmhla.

bucайд *b.*

gin. **bucайдe** *iol.* **bucайдean**
soitheach le làimh air airson uisce,
7c, a ghiùlan; cuinneag.

bucall *f.*

gin. agus *iol.* **bucall**
inneachd a dhùineas crios, bann,
bròg, 7c.

bucas *f.*

gin. agus *iol.* **bucais**
bogsa.

buiceil *b.*

gin. **buiceile**
a' bocadh.

buideal *f.*

gin. agus *iol.* **buideil**
1 botal. 2 baraille.

buidealair *f.*

iol. **buidealairean**
seirbhiseach fireann.

buidhe *buadhair*

1 dath soilleir; dath na gréine. 2 **là**
buidhe Bealltainn uair air
choreigin.
buidhe f.

buidhe ro-leasachan

lc fiannh buidhe: *buidhe-dhonn;*
buidhe-dhearg; *buidhe-ghorm.*

buidheach *buadhair*

coim. **buidhiche**
taingeil.
buidheachas *f.*

buidheag b.

gin. **buidheig** *iol.* **buidheagan**
1 eun-raoin beag. 2 luibh buidhe.

buidheagan f.

gin. agus *iol.* **buidheagain**
an earrann bhuidhe ann an ugh.

buidheag an t-samhraidh b.

luibh fiadhaich buidhe.

buidheann f. agus b.

gin. **buidhne** *iol.* **buidhnean**
1 còmhlan; dream. 2 gnothach;
companaidh; cuideachd.

buidheann-cluich b.

gin. **buidhne-cluich** *iol.* **buidhnean-cluich**
còmhlan de chloinn òig a bhios a'
cluiche còmhla gu riaghailteach,
fhad's a bhios inbhich a' cumail
sùil orra.

buidhinn *gniomhair*

1 bi nas sheàrr ann an cluich,
sabaid, 7c; buannaich. 2 faigh
rudeigin nach robh agad mu
thràth.

buidhinn b.

buidhre b.

a bhith bodhar.

buidseach f. agus b.

gin. **buidsich** *iol.* **buidsichean**,
buidseachan
cuideigin a chleachdas draoidh-
eachd gus rudan dona a
dhéanamh.
buidseachd b.

buidsear f.

gin. **buidseir** *iol.* **buidsearan**
feòladair.
buidsearachd b.

buidsídh f.

iol. **buidsídhean**
eun Astràilianach, air a chumail gu
tric mar pheata.

buil b.

gin. **buile**
1 an rud a thachras a chionn is gun
do thachair rudeigin eile; toradh. 2
crioch; coileanadh: *chaidh an obair*
a thoirt gu buil. 3 buaidh.

buileach *buadhair*

1 iomlan; slàn: *chan eil e buileach*
glen. 2 **gu buileach** gu h-ionlan; air
fad; gu lèir. 3 a-rithist; nas mò: *bha*
mi nas sheàrr an-diugh, ach tha mi
nas sheàrr buileach a-nochd.

buileachadh f.

gin. **buileachaidh**
a' toirt rudeigin, m.e. duais, do
chuideigin.

buileann b.

gin. **builinn** *iol.* **buileannan**
aran anns a' chumadh san deach
fhuineadh; lof.

builgean f.

gin. **builgein** *iol.* **builgeanan**
1 bàlla tana trid-shoilleir de lionn
air a lionadh le àile no gas. 2 bàlla
beag àile ann an lionn: *tha an*
t-uisge cho teth is gu bheil
builgeanan a' tighinn air.

builgeanach *buadhair*

coim. **builgeanaiche**
làn bhuilgean; mar bhuilgean.

buidlich *gniomhair*

thoir rudeigin do chuideigin:
bhuilich iad duais orm.
buileachadh f.

buille b.*iol.* **buillean, builleannan**

1 sgайл chruidh no bualadh. 2 cudthrom sònraichte air a chur air rudeigin. 3 buille ann an ceòl.

buille-cinn b.*iol.* **buillean-cinn**

buille a bheir thu do bhàlla, 7c, led cheann.

buin gniomhair1 **buin do** bi le: *cò dhà a bhuineas an leabhar seo?* 2 **buin do** bi càirdeach do: *cò dhà a bhuineas tu?* 3 **buin ri** gabh gnothach ri; bean ri.**buntainn f.****buinig gniomhair**faic **buinnig****buinne b.***iol.* **buinneachan**

1 sruth. 2 eas.

buinneach b.*(leis an alt)**gin.* **na buinnich**

galar a bheir ort a bhith a' cac ro thric.

buinneag Bhruisealach b.*gin.* **buinneig Bruisealaich iol.****buinneagan Bruisealach**

glasraich bheag uaine.

buinnig gniomhair

ceannsaich; thoir buaidh air rudeigin.

buinteanas f.*gin.* **buinteanais**

a' buntainn ri no a bhith co cheangailte ri rudeigin a tha ga dhèanamh, 7c.

buintinn f.co-ionann ri **buntainn**.**bùirean f.***gin.* agus *iol.* **bùirein**
beuc.**bùirich b.**

beucaich; glaodhadh.

Bulgàirianach f.*gin.* agus *iol.* **Bulgàirianaich**

neach à Bulgàirianach.

Bulgàirianach buadhair**bumailear f.***gin.* **bumaileir iol.** **bumailearan**
duine mòr gòrach.**bumpair f.***iol.* **bumpairean**

crann air beulaibh no air chùl carbaid gus a dhion ann an tubaist.

bun f.*gin.* **buna, buin iol.** **buin, bunan**

1 bonn. 2 freumh. 3 an t-àite san tèid abhainn a-steach ann an Loch no anns a' mhuiir. 4 bun-dealain.

bunadas f.*gin.* **bunadas iol.** **bunadasan**

tòiseachadh rudeigin; an t-àite far an do thòisich rudeigin.

bunailteach buadhairco-ionann ri **bunaiteach**.**bunait f.** agus *b.**gin.* **bunaite iol.** **bunaitean**

rudeigin aig am bi thu a' tòiseachadh; rudeigin ris an cuir thu tuileadh; stèidh.

bunaiteach buadhair

seasmhach; daingeann.

bunasach *buadhair**coim.* **bunasaiche**

1 a bha ann bhon toiseach; as tráithe. 2 (grámar) **an tuiseal**
bunasach am priomh chumadh de dh' ainmear a gheibhearr ann am faclair, agus a théid a chleachdadh an dà chuid mar chùisear agus mar chuspair: *tha na facail 'fear' agus 'leabhar' san tuiseal bhunasach ann an 'thug am fear leabhar don chaileig'.*

bunasach *f.**gin.* **bunasaich**

an tuiseal bunasach.

bun-bheachd *f.*

gin. **bun-bheachda** *iol.* **bun-bheachdan**
rudeigin air an do smaoinich thu; smuanin; beachd.

bun-craoibhe *f.*

gin. agus *iol.* **buin-chraoibhe**
stoc craoibhe.

bun-dealain *f.*

gin. agus *iol.* **buin-dealain**
an innleachd san tèid cnag-dealain.

bun-os-cionn *co-ghniomhair*

air a thionndadh gus am bi am mullach aig a' bhonn.

bun-sgoil *b.*

gin. **bun-sgoile** *iol.* **bun-sgoiltean**
sgoil airson cloinne òige.

buntainn *f.*

1 a bhith le. 2 a bhith càirdeach do.
3 a' gabhail gnothaich ri; a' beantainn ri.
faic **buin gniomhair**

buntanas *f.**gin.* **buntanais**co-ionann ri **buinteanas**.**buntàta** *f.**(ainmean trusaidh)*

glasraich a dh'fhásas fon talamh.

bùrach *f.**gin.* **bùraich**

a bhith troimh-chèile, mí-sgiobalta, tuathal, 7c: *bha e ann am bùrach.*

bùrn *f.**gin.* **bùrn**

uisge.

burraidh *f.**iol.* **burraidean**

1 amadan. 2 duine gruamach. 3 farainm air cat.

burras *f.**gin.* agus *iol.* **burrais**

creutair fada snàigeach a thèid na dhealan-dè no leòman.

bus *f.*¹*iol.* **busaichean**

carbaid mòr san siubhail daoine.

bus *f.*²*gin.* **buis** *iol.* **buis, busan**

1 beul. 2 bile; lip. 3 gruaidh.

busach *buadhair**coim.* **busaiche**

1 air a bheil bilean mòra. 2 gruamach; dùr.

but *f.*co-ionann ri **put.****bùth** *b.*

gin. **bùtha** *iol.* **bùithtean, bùthan**
togaich far an ceannach daoine nithean.

buthaid b.

gin. **buthaide** *iol.* **buthaidean**
peata-ruadh.

bùth-èisg b.

iol. **bùithtean-èisg**
bùth san gabh iasg ceannach.

bùth-leabhraichean b.

iol. **bùithtean-leabhraichean**
bùth san gabh leabhraichean
ceannach.

C**c [c̪]**

an treas litir san aibidil.

cab f.

gin. agus *iol.* **caib**
(neo-fhoirmeil) beul.

cabadaich b.

gin. **cabadaiche**
a' déanamh cabaireachd.

càbag b.

gin. **càbaig** *iol.* **càbagan**
càise mór cruinn.

cabaireachd b.

a' bruidhinn gu luath, no gu
h-amaideach; a' bruidhinn cus.

càball f.

gin. **càbaill** *iol.* **càbaill, càballan**
ròpa, uèir, no cuibhreach a tha
tiugh.

cabar f.

gin. agus *iol.* **cabair**
1 adharc: *cabair feidh.* 2 pòla. 3
meangan; geug.

cabhadh f.

gin. **cabhaidh** *iol.* **cabhaidhean**
cathadh.

cabhag b.

gin. **cabhaig**
a' gluasad gu luath; a' déanamh
rudeigin gu luath; a' greastainn ort:
dèan cabhag!; *bha e ann an cabhag.*

cabhagach *buadhair*

coim. **cabhagaiche**
a bhios ann an cabhaig.

cabhlach f.

gin. **cabhlach** *iol.* **cabhlaichean**
aireamh de bhàtaichean, phléan-
aichean, 7c, a bhuineas don aon
dùthach no bhuidhinn.

cabhsair f.

iol. **cabhsairean**
ceum cruidh ri taobh rathaid.

càbraid b.

a' sgreuchail agus a' sgreadail.

cabstair f.

iol. **cabstairean**
earrann srian eich a thèid na bheul.

cac f.

gin. **caca**
biadh caithte às a' bhodhaig.

cac *gniomhair*

leig biadh caithte a-mach às a'
bhodhaig.

cac f., cacadh f.

càch *riochdair*

gin. **chàich**
na daoine eil; na daoine air fhàgail;
bheir mi an còrr do chàch; *ràinig mi*
an dèidh chàich.

cachaileith b.

gin. cachaileithe iol. cachaileithean
1 ni a dhùineas agus a dh'fhosglas
 ann an gàrradh, feansa, 7c; geata. **2**
 a' bhuidheann de thri stoban le dà
 bhioran air am mullach ann an
 cnagaire.

cadal f.

gin. cadail

an cor sam bi na sùilean dùinte, an
 corp na thàmh, agus an inntinn
 neo-fhiosrach; suain.

cadalach buadhair

coim. cadalaise
 leis a' chadal.

cadha f.

iol. cadhan
 bealach.

cafaidh f. agus b.

iol. cafaidhean
 taigh-bidh beag.

cagait b.

gin. cagailte iol. cagailtean
 an lär fo no timcheall air teine.

cagainn gniomhair

pronn rudeigin led fhiaclan;
 cnàmh.

cagnadh f.

cagair gniomhair

bruidhinn glè ional; bruidhinn gu
 diomhair.
cagar f.

cagar f.

gin. cagair iol. cagairean

1 fuaim no guth ional, air a
 dhèanamh le bhith a' cagar. **2** rùn;
 eudail.

cagarach buadhair

cagarsaich b.

gin. cagarsaiche
 a' cigar.

cagnadh f.

gin. cagnaidh
 a' pronnadh rudan led fhiaclan; a'
 cnàmhadh.

caibe f.

iol. caibeannan, caibeachan
1 spaid. **2** pic le lainn leathain air.

caibeal f.

gin. caibeil iol. caibealan
1 togalach airson adhraidh
 Chriosdail. **2** eaglais bheag, no
 earrann eaglaise.

caibideil f. agus b.

iol. caibideilean
 earrann leabhair.

caidil gniomhair

dèan cadal: *a bheil e fhathast na
 chadal?; na chaidil thu gu math?*
cadal f.

caidreibh f.

gin. caidreibh
1 a' dèanamh rudeigin sònraichte
 còmhla ri cuideigin eile. **2** ceangal.
caidreabhach buadhair

càil b.

gin. càile iol. càiltean
1 feart; cor; neart. **2** a'
 miannachadh ithe.

càil f.

rud sam bith: *a bheil càil ann? cha
 do dh'ith mi càil.*

cailc b.

gin. cailce iol. cailcean
1 bioran bog geal air a chleachdad
 airson sgriobhaidh. **2** seòrsa creige

a tha bog agus geal.

caileag b.

gin: caileige *iol.* caileagan
neach boireann òg; nighean.

càilear buadhair

coim. càileire
blasta; taitneach.

cailin b:

iol. cailinean
caileag; maighdeann.

caill gnìomhair

1 bi às aonais rudeigin, gu h-àraidh seach nach fhaigh thu lorg air tuilleadh: *na chaill thu do sporan?* 2 a bhith gun bhuannachadh ann an cluiche, 7c: *chaill iad 4 seach 2.* 3 fás slaodach: *tha an t-uaireadair a' call. call f.*

cailleach b.

gin. caillche *iol.* cailleachan
1 boireannach aosta. 2 (neo-fhoirméil) bean; cèile. 3 cailleach-dhubh. 4 boireannach a tha aosta agus grànda.

cailleach-dhubh b.

gin. caillich-duibhe *iol.* cailleachan-dubha
ball de chomann diadhaidh airson bhoireannach.

cailleach-oidhche b.

gin. cailllich-oidhche *iol.* cailleachan-oidhche
eun-àir sa bheil sùilean mòra: *is àbhaist cailleachan-oidhche a bhith air iteig air an oidhche.*

caime b.

iol. caimean
1 a bhith cam. 2 lùb.

càin b.

gin. cànach, càine *iol.* càintean cis.

càin gnìomhair

1 déan trod ri cuideigin. 2 can rudeigin neo-thaitneach nach eil fior mu dheidiinn cuideigin.
càineadh f.

cainb b.

gin. cainbe
clò tiugh làidir; canabhas.

caineal f.

gin. caineil
spiosradh buidhe-dhonn.

cainnt b.

gin. cainnte *iol.* cainntean

1 facail air am bruidhinn no air an sgrìobhadh. 2 na facail air an cleachadh ann an dùthaich no àite sònraichte le còmhlan dhaoine sònraichte; teanga. 3 seòl de chomharraighean agus shamhlaidhean gus fiosrachadh a thoirt seachad: *cainnt annalaир.*

caiptean f.

gin. caiptein *iol.* caipteanan

1 ceannard air bàta, ann am pléana, ann an sgioba, 7c. 2 oifigeach san arm; ceann-seachd.

càir b.

gin. càire

1 bleideagan meanbh geala de chraiceann marbh ann am falt duine. 2 caoir.

càir gnìomhair

co-ionann ri càraich.
càradh f.

cairbh b.

gin. cairbhe *iol.* cairbhean

corp marbh beathaich no eòin; closach.	dèan leathair de sheiche beathaich. cartadh <i>f.</i>
càirdeach buadhair <i>coim.</i> càrdiche a bhuineas don aon teaghlaich: <i>tha Dòmhnull Iain Ruaraidh càirdeach do Ruaraidh.</i>	cairt-bhòrd <i>f.</i> <i>gin.</i> cairt-bhùird pàipear tiugh agus rag.
càirdeas <i>f.</i> <i>gin.</i> càrdeis 1 mar a tha daoine càirdeach do chèile; dàimh. 2 ceangal càirdeil eadar dithis, dà bhuidhinn, dà dhùthaich, 7c.	cairt-cluiche <i>b.</i> <i>gin.</i> cairt-chluiche <i>iol.</i> cairtean-cluiche fear de bhuidhinn chairtean a chleachdar gus cluichean a dhèanamh.
càirdeil <i>buadhair</i> <i>coim.</i> càrdeile a bhios mar charaid; coibhneil agus cuideachail: <i>tha i glè chàirdeil rium.</i>	cairteal <i>f.</i> <i>gin.</i> cairteil <i>iol.</i> cairtealan aon de na ceithir earrannan san deach, no san deigheadh, rudeigin a roinneadh: <i>cairteal na h-uarach</i> coig mionaidean deug.
càirdineal <i>f.</i> <i>gin.</i> càirdineil <i>iol.</i> càirdinealan fear de na priomh easbaigean san Eaglais Chaitligich.	cairtear <i>f.</i> <i>gin.</i> cairteir <i>iol.</i> cairtearan cuideigin a stiùireas cairt.
càirean <i>f.</i> co-ionann ri càreas	cairt-iùil <i>b.</i> <i>iol.</i> cairtean-iùil dealbh-chumadh de uachdar an t-saoghal, a' sealltainn bhailtean, bheanntan, aibhnichean, 7c; mapa.
càreas <i>f.</i> <i>gin.</i> càreis roinn a' bheòil a chumas na fiaclan.	caisbheart <i>b.</i> co-ionann ri caiseart.
cairt <i>b.</i> <i>gin.</i> cairteach <i>iol.</i> cairtean 1 pàipear rag; píos dheth seo. 2 cairt-cluiche. 3 cairt-iùil. 4 carbad airson luchd a ghiùlan. 5 sgriobhainn oifigeil a tha a' toirt chòirean do dhuine; sgriobhainn lagha. 6 rùsg craobhe. 7 lus na cairteach luibh aig a bheil blàthan mòra agus a dh'fhàsas ann an uisge.	càise <i>f.</i> <i>iol.</i> càisean biadh meadhanach cruaidh air a dhèanamh à slaman a' bhainne.
caiseal <i>f.</i> <i>gin.</i> caiseil <i>iol.</i> caisealan co-ionann ri caisteal.	caiseart <i>b.</i> <i>gin.</i> caiseirt brògan, bòtannan, 7c.

Càisg *b.*

(leis an alt)

gin. **Càisge**an là no a' chuairt ùine a bhios a'
cuimhneachadh aiseirigh Chriosd.**caisg** *gniomhair*1 cuir stad air rudeigin; bac; sguir. 2
cùm rudeigin a-steach.
casgadh *f.***caisreag** *b.*gin. **caisreig** *iol.* **caisreagan**
bachlag.**caisteal** *f.*gin. **caisteil** *iol.* **caistealan**
seann togalach a tha làidir agus
daingeann; caiseal; dùn.**caïte** *co-ghniomhair*cò an t-àïte: *caïte a bheil thu a' dol?***caith** *gniomhair*1 cleachd rudeigin gus am bi e a' fàs
aosta, gun sheim, 7c. 2 cuir
seachad tide no ùine. 3 bi le aodach
ort. 4 sad no tilg a-mach.
caitheamh *f.***caitheamh** *b.*

(leis an alt)

gin. **na caitheimh**seòrsa galair a bheir buaidh mar as
trice air an sgamhan.**caitheamh-beatha** *f.*gin. **caitheimh-bheatha**

giùlan; modhan.

caithris *gniomhair*cùm faire; coimhead.
caithris *b.***caithriseach** *buadhair*coim. **caithrisiche**

faiceallach; faireil.

caithriseachd *b.***caithte** *buadhair*

air a chaitheamh.

Caitligeach *f.*gin. agus *iol.* **Caitligich**
ball den eaglais air a bheil am Pàpa
na cheannard.
Caitligeach *buadhair***càl** *f.*gin. agus *iol.* **càil**
glasraich chruinn uaine.**cala** *f.*(no **caladh**)
gin. **cala**, **calaidh** *iol.* **calaidhean**
àite san urrainn do bhàtaichean
fasgadh fhaighinn, no san cuir iad
an luchd gu tir; acarsaid.**càl-colaig** *f.*gin. agus *iol.* **càil-cholaig**
colag.**calg** *f.*gin. **cuilg**
1 bior; rudeigin biorach. 2 falt
beathaich, gu h-àraidh air a'
mhuiineal; fionnadh.
calgach *buadhair***càl-gruthach** *f.*gin. **càil-ghruthaich** *iol.* **càil-**
ghruthach
colag.**call** *f.*gin. **calla**1 na chaill thu; rudeigin a chaill
thu: 's e call mòr a bha ann dhuinn
nuair a dhùin an taigh-ceàirde. 2 **air**
chall air a chall, an déidh a chall:
dh'fhalbh an cù agus chaidh e air
chall.

calla *buadhair*co-ionann ri **callda**.**callaich** *gniomhair*

dèan callda.

callachadh *b.***callaid** *b.**gin.* **callaide** *iol.* **callaidean**sreath de phreasán timcheall air
achadh, 7c; fál; lann.**callda** *buadhair*gun a bhith fiadhaich no cunnart-
ach; soitheamh.**calltainn** *f.*

fiodh den chraobh-challtainn.

calma *buadhair*

1 gaisgeil. 2 neartmhòr.

calmachd *b.***calman** *f.**gin.* **calmain** *iol.* **calmanan**eun a ghabhas ionnsachadh dol
dhachaigh à àite sad air falbh.**calpa** *f.¹**iol.* **calpan**, **calpannan**airgead no seilbh a ghabhas
cleachdadh gus beartas eile a
dhèanamh.**calpa** *f.²**iol.* **calpan**, **calpannan**

earrann chùil na coise, fon ghlùin.

cam *buadhair**coim.* **caime**

gun a bhith dìreach; crom; lùbte.

cama-chasach *buadhair**coim.* **cama-chasaiche**air a bheil casan a lùbas a-mach aig
na glùintean.**camag** *b.**gin.* **camraig** *iol.* **camagan**comharradh a chleachdar na
chàraid gus facail no àireamhan a
chuartachadh: *tha camagan*
cruinne (), *camagan ceàrnach* [],
camagan lùbach {}, *agus camagan*
biorach < > ann.**camagach** *buadhair**coim.* **camagaiche**

bachlach.

caman *f.**gin.* **camain** *iol.* **camain**, **camanan**bata airson iomain, goifl, 7c, a
chluiiche.**camara** *f.**iol.* **camarathan**

inneal airson dealbhan a thogail.

camas *f.**gin.* agus *iol.* **camais**

1 bàgh cam. 2 lùb ann an abhainn.

càmas *f.**gin.* agus *iol.* **càmais**soitheach airson nithean a chum-
adh; molldair.**càmhal** *f.**gin.* agus *iol.* **càmhail**beathach mòr le amhaich fhada air
agus meall no dhà air a dhruim:
cleachdar càmhail san fhàsaich
*seach gun seas iad ùine mhòr gun ol.***camhanach** *b.*(no **camhanaich**)*gin.* **camhanaich**

briseadh-là.

cam-lùb *b.**gin.* **cam-lùib** *iol.* **cam-lùban**

bachlag.

campa f.

iol. campaichean
àite sam bi daoine a' suireach ann
an teantaichean, bothain, 7c.

campadair f.

iol. campadairean
cuideigin a bhios a' fuireach ann an
campa.

campaich gniomhair

gabh saor-là ann an campa; dèan
campa.

campachadh f.

can *gniomhair easbhaidheach*
abair; labhair: *can seol;* *cha chanainn sin;* *bha e a' cantainn rium nach robh e ga iarraidh.*
cantainn f., cantail b.

cana f.

iol. canaichean
cantastair.

canabail f.

iol. canabailean
neach a dh'itheas feòil dhaoine.

canabhas f.

gin. canabhas
1 clò tiugh làidir; cainb. 2 pìos
canabhas air am bi thu a'
peantadh.

canach f. agus *b.*

gin. canaich
1 stuth maoth geal a' còmhdaich-
adh siol luibhe; cotan. 2 snàth air a
dhèanamh às an stuth seo. 3
aodach air a dhèanamh à snàth
canaich.

cànan b.

gin. cànaine *iol. cànainean*
co-ionann ri cànan.

canàiridh b.

iol. canàiridhean
eun-ciùil beag buidhe.

canàl f.

gin. canàil *iol. canàlan*
abhainn bhrèige; clais.

canan f.

gin. agus iol. canain
gunna mòr trom.

cànan f.

gin. agus iol. cànaín
facail air an ràdh no air an
sgriobhadh; cànaín.

canastair f.

iol. canastaírean
soitheach meatailt a chumas biadh,
deoch, 7c.

Canèidianach f.

gin. agus iol. Canèidianach
neach à Canada.
Canèidianach buadhair

cangarù f.

iol. cangaruthan
beathach Astràilianach a bhios a'
leum air a chasan deiridh làidir: *tha pòcaidean ann an cangaruthan boireann sam bi iad a' giùlan an àil.*

cantail b.

a' cantainn.

cantainn f.

gin. cantainne
ag ràdh; a' labhairt.

caoch f.

gin. caoich
cuthach.

caochag *b.**gin.* caochaig *iol.* caochagan
balgan.**caochail** *gniomhair*1 atharraich. 2 bàsaich; eug.
caochladh *f.***caochan** *f.**gin.* caochain *iol.* caochanan
saobh-shruth.**caochladh** *f.**gin.* caochlaidh
1 àireamh de sheòrsaichean eadar-
dhealaichte de nithean; iomadh. 2
atharrachadh. 3 a' bàsachadh.**caochlaideach** *buadhair**coim.* caochlaidhe
buailteach do chaochladh.
caochlaideachd *b.***caog** *gniomhair*priob.
caogadh *f.***caogach** *buadhair**coim.* caogaiche
1 a chaogas. 2 le na sùilean air an
leth-fhosgladh.**caogad** *f.**gin.* caogaid *iol.* caogadan
leth-cheud.**caoidh** *gniomhair*bi brònach, gu h-àraidh a chionn is
gun do bhàsaich cuideigin.
caoidh *b.***caoidhteas** *f.*

faic cuidhteas

caoimhneil *buadhair**coim.* caoimhneile

coibhneil.

caoimhneas *f.***caoin** *buadhair**coim.* caoine
1 caomh; taitneach. 2 maoth. 3
min.**caoin** *gniomhair*1 guil. 2 caoidh.
caoineadh *f.***caointeach** *buadhair**coim.* caointiche
a chaoineas; muladach.**caoir** *b.**gin.* caoire
lasraichean no boillsgean de
theine.**caoiteag** *b.**gin.* caoiteig *iol.* caoiteagan
faic cuidhteag**caol** *buadhair**coim.* caoile
1 gun a bhith tiugh; tana. 2 gun a
bhith leathan; cumhang.**caol** *f.*¹*gin.* caoil *iol.* caoiltean
craobh air a bheil geugan caola a
thèid an lùbadh gu furasta;
seileach.**caol** *f.*²*gin.* caoil *iol.* caoil, caoiltean
1 rudeigin caol. 2 caolas.**caolan** *f.**gin.* caolain *iol.* caolain, caolanan
innidh.**caolas** *f.**gin.* agus *iol.* caolais
sreath caol uisge eadar dà mhuir.

caol dùirn f.

roinn thana do ghàirdein os cionn na làimhe: *tha sniomh ann an caol mo dhùirn.*

caol-mhuinealach buadhair

coim. **caol-mhuinealaiche**
air a bheil muineal caol.

caomh buadhair

coim. **caomha, caoimhe**

1 còir; maoth; ciùin. 2 **is caomh le** is toigh le: *cha chaomh leam cofaidh dubh a chionn is gu bheil e cho searbh.*

caomhalachd b.

caomhain gniomhair

1 sàbhail rudeigin, gu h-àraidh airgead, gus an gabh e cleachdad a-rithist. 2 bi càramach ann a bhith a' caitheamh airgead.

caomhnadh f.

caomhantach buadhair

coim. **caomhantaiche**

1 càramach ann a bhith a' caitheamh airgead. 2 spòcach.

caomhnadh f.

gin. **caomhnaidh**

1 a' sàbhalaichd rudeigin, gu h-àraidh airgead, gus an gabh e cleachdad a-rithist. 2 a bhith càramach ann a bhith a' caitheamh airgead.

caor b.

gin. **caora iol. caoran**

dearc; dearc den chraoibh-chaorainn.

caora b.

gin. **caorach iol. caorach, caorich**
beathach air a ghleidheadh airson a chlòimhe agus sfeòla.

caoran f.

gin. agus *iol.* **caorain**
mir mònach.

caorann b.

gin. **caorainn**
fiodh den chraoibh-chaorainn.

capall f.

gin. agus *iol.* **capaill**
1 each-obrach. 2 each beag.

car co-ghniomhair

rudeigin; gu math: *tha e car fliuch an-diugh.*

car f.

gin. **cuir iol. caran**
1 lùb; tionndadh; fiaradh: *chuir an t-each car den pheile.* 2 cleas; mealladh: *thug e car às.* 3 cuairt; sgrìob: *thug e car mun cuairt air a' bhaile.* 4 **cuir car, cuir caran** tionndaidh gu luath; rach mun cuairt gu luath; cuir mun cuairt gu luath: *chuir iad car leis a' chnoc; cuir car air a' chosaidh leis an spàin seo!* 5 **car mu char** a' cur charan; a' tionndadh an comhair a' chinn.

càr f.

gin. **càir iol. càraichean**
inneal air iomain le motair.

car roimhear (+ tabh.)

air feadh: *fuirich ann an sin car greis!*

car a' mhuitlein f.

iol. **caran a' mhuitlein**

leum sam bi thu a' tionndadh san adhar, a' cur do cheann agus do chasan thairis air a' chèile gus an ruig thu sios air do chasan.

carabhan f. agus *b.*

gin. **carabhain iol. carabhanaichean**

taigh beag air cuibhlichean a chleachdar le luchd-siubhail no le daoine air saor-làithean.

carach buadhair

coim. caraiche
math air daoine a mhealladh; seòlta.

carachadh f.

gin. carachaiddh
a' gluasad; a' tòiseachadh air gluasad.

carachd b.

a' gleac.

caractar f.

gin. caractair *iol.* caractaran
pearsa.

càradh f.

gin. càraidh

1 a' cur rudeigin ceart; a' dèanamh rudeigin a chaithd a mhilleadh cho math is a bha e roimhe. 2 a' cladhach; ag adhlacadh.

carago f.

iol. caragóthan

luchd no bathar air bàta no ann am pléana.

caraich gniomhair

gluais, dèan gluasad; tòisich air gluasad: *na caraich, suidh far a bheil thu; ma charaicheas tu, tuitidh tu.*

carachadh f.**càraich gniomhair**

1 cuir rudeigin ceart; dèan rudeigin a bha air a mhilleadh cho math is a bha e roimhe: *chàraich e mo bhrògan.* 2 cladhach; adhlaic.

càradh f.**caraiche f.**

iol. caraichean
gleacadair.

càraig b.

gin. càraide *iol.* càraidean
1 dà rud coltach ri chèile; paidhir; dithis. 2 dithis a rugadh aig an àm às an aon mhàthair; dà bheathach a rugadh aig an aon àm às an aon mhàthair.

caraid f.

iol. cairdean

1 cuideigin as caomh leat, as caomh leis thu. 2 cuideigin a bhios cuideachail no còir. 3 cuideigin anns an teaghlaich agad.

caran co-ghniomhair

rudeigin; beagan: *tha e caran gorach.*

carbad f.

gin. carbaid *iol.* carbadan

1 inneal gus daoine no nithean a ghiùlan air tir no anns an adhar. 2 càr. 3 earrann trèana.

carbad-adhair f.

gin. carbaid-adhair *iol.* carbadan-adhair

inneal a thèid air iteig; itealan sam bith.

carbad-eiridinn f.

gin. carbaid-eiridinn *iol.* carbadan-eiridinn

carbad gus daoine tinn no leònta a ghiùlan.

carbad-motair f.

gin. carbaid-motair *iol.* carbadan-motair

carbad air iomain le motair: *tha càraichean, busaichean, agus làraighean nan carbadan-motair.*

carbad-smàlaidh f.

gin. carbaid-smàlaidh *iol.* carbadan-smàlaidh
carbad mòr a ghiùlaineas daoine
agus uidheam gus teintean a smàladh.

carbad-speura f.

gin. carbaid-speura *iol.* carbadan-speura
carbad-adhair air a dhealbhadh
airson siubhail anns na speuran.

carghanach f.

gin. agus *iol.* carbhanaich
iasg-locha.

càrd gniomhair

cir snàithleach clòimh, canaich, 7c,
gus snàthainnean ro bheag a thoirt
aiste.

càrdadh f.**càrdagan** f.

gin. agus *iol.* càrdagain
seacaid fhigte.

Carghas f.

(leis an alt)
gin. Carghas
a' chuairt ùine de mu shia
seachdainean ron Chàisg.

cargu f.

faic carago

càrn f.

gin. agus *iol.* cairn, cùrn
1 tòrr de chlachan.
2 cnoc.

càrn gniomhair

dèan càrn de rudeigin; fàs mar
chàrn; taisg.

càrnadh f.**càrnabhaile** f.

iol. càrnabhailean
fèill.

càrnabhan f.

gin. agus *iol.* càrnabhan
daolag.

càrnadh f.

gin. càrnaidh
a' déanamh càrn de rudeigin; a' fàs
mar chàrn; a' tasgadh.

càrnaid b.

gin. càrnайд *iol.* càrnaidhean
flùr gàrraidh le fàileadh milis
dheth.

càrnán f.¹

gin. càrnain *iol.* càrnain, càrnanan
càrn; càrn beag.

càrnán f.²

gin. càrnain *iol.* càrnanan
daol-dhubh.

càrn-cuimhne f.

gin. agus *iol.* càrn-chuimhne
iomhaigh, togalach, 7c, air a chur
suas mar chuimhneachan air duine
no tachartas air choreigin.

carragh b.

gin. carraigh *iol.* carraighean
1 clach mhòr, 2 càrn-cuimhne.

carraig b.

gin. carraige *iol.* carraigean
1 clach mhòr no carragh, gu
h-àraidh tè ris a' mhuir. 2 creag;
creag chas.

carraigean f.

gin. carraigtein
seòrsa feamann-deirge a ghabhas
ithe.

carson *co-ghniomhair*

cò as adhbhar; cò as coireach:
carson a bha thu annoch?

cartadh *f.**gin. cartaidh*

1 a' toirt inneir a-mach à bàthaich.
2 a' déanamh leathair de sheiche
beathaich.

earthannas *f.**gin. carthannais*

coibhneas; seirc; càirdeas.

cartùn *f.**gin. cartùin iol. cartùnaichean*
dealbh-éibhinn.**cas** *b.**gin. coise iol. casan*

1 roinn na bodhaige fon adhbhainn; troigh: *bonn mo choice*. **2** roinn na bodhaige eadar an troigh agus a' chruachann: *bhris e a chas*. **3** làmh spaide, 7c. **4 an cois** còmhla-ri; faisg air: *thàinig a' ghaoth agus bha an t-uisge na cois*. **5 air chois** air bhonn; an-áird; a dh'obair. **6 de chois** a' coiseachd: *an deach thu ann dhad chois?*

cas *buadhair**coim. caise*

1 a bhios ag èirigh gu luath: *leathad cas*. **2** feargach; crosta. **3** obann; aithghearr.

caise b.

càs *f.**gin. càis iol. càsan*

duilgheadas; trioblaid.

casachan *f.**gin. agus iol. casachain*
troighean.**casad** *f.**gin. casaid iol. casaidean*

an gniomh no am fuaim a nì thu ann a bhith a' casadaich. **2** tinneas a bheir ort a bhith a' casadaich gu tric.

casadaich *gniomhair*

leig an t-àile gu luath às do sgamhan.

casadaich b.**casa-eigeil** *buadhair*

le casan aig a bheil na corragan ceangailte ri chèile mar eige.

casa-gobhlach *buadhair**coim. casa-gobhlaiche*

le cois air gach taobh rudeigin.

casaid *b.**gin. casaide iol. casaidean*

1 a' cantainn gu bheil cuideigin coireach do rudeigin. **2** gearan.

casaidich *gniomhair*

dèan casaid air cuideigin.

casaidich b.**cas-cheum** *f.**gin. cas-chèim iol. cas-cheuman,**cas-cheumannan*

ceum a bhios cas a' gabhail; sinteag.

cas-chrom *b.**gin. cois-cruim iol. casan-croma*

seòrsa spaide a chleachdte airson talamh a threabhadh.

casgadh *f.**gin. casgaidh*

1 a' cur stad air rudeigin; a' bacadh; a' sgur. **2** a' cumail rudeigin a-steach.

casgan f.

gin. casgain *iol.* casgain, casganan
innleachd a chuireas stad air
rudeigin; breig.

casruisgte *buadhair*

gun bhrògan no stocainnean ort.

cas-shruth f.

gin. cas-shrutha, cas-shruith *iol.*
cas-shruthan
eas.

cast f.

co-ionann ri casad.

castaich *gniomhair*

co-ionann ri casadaich.

cat f.

gin. agus *iol.* cait
beathach beag molach, gu tric air a
chumail mar pheata.

catalog f.

gin. cataloig *iol.* catalogan
clàr; liosta.

cáth b.

gin. càtha
cochall gràin.

cath f.

gin. catha *iol.* cathan, cathannan
sabaid eadar buidhnean mòra;
blàr.

cath *gniomhair*

sad no tilg a-mach; caith.
cath f.

càth *gniomhair*

fasgain; siolaidh.
càthadh f.

cathachadh f.

gin. cathachaidh

a' còmhraigeadh; a' sabaid.

cathadh f.

gin. cathaidh *iol.* cathaidhean
1 boinneagan uisce air an
sgaoileadh san adhar no air
mullach rudeigin. 2 meall sneachda
air a chàrnadh leis a' ghaoith;
cabhadh. 3 sneachd air a
sgaoileadh san adhar leis a'
ghaoith.

cathaich *gniomhair*

còmhraig; sabaid.
cathachadh f.

cathair b.

gin. cathrach *iol.* cathraicean
1 suidheachan, mar as tric le cùl;
séithear. 2 baile glè mhòr, nas
cudthromaiche na baile-mòr.

cathair-eaglais b.

gin. cathair-eaglaise *iol.* cathair-
eaglaisean
eaglais mhòr chudthromach.

cathair-ghàirdeanach b.

gin. cathrach-gàirdeanaich *iol.*
cathraicean-gàirdeanach
cathair le gàirdeanan air gach
taobh dhith.

cath-bhudheann b.

gin. cath-bhudhinn *iol.* cath-
bhuidhnichean
aonad aimh a ghabhas a-steach dà
chuideachd no barrachd.

cè f.

bàrr a' bhainne.

cead f.

a' cantainn gur urrainn do dhuine
rudeigin a dhèanamh; a' leigeil do
duine rudeigin a dhèanamh: *thug
iad cead dhomh.*

ceadach buadhair

coim. **ceadaiche**
a cheadaicheas nithean; a
dh'fhuilingeas nithean gun
ghearan; gun a bhith cruaidh.

ceadaich gniomhair

thoir cead.
ceadachadh f.

ceadaichte buadhair

air a cheadachadh.

ced-dol-thairis f.

iol. **ceadan-dol-thairis**
sgriobhainn oifigeil a dh'sheumas
tu ma thèid thu thall thairis.

ceadha f.

co-ionann ri **cidhe**

ceàird b.

gin. **ceàirde iol.** **ceàirdean**
obair a dh'sheumas sgil làimhe;
sgil.

ceala-deug f.

ceithir là deug; dà sheachdain.

cealg b.

gin. **ceilge**
a' mealladh cuideigin.

cealgach buadhair

coim. **cealgaiche**
meallta.

cealgair f.

iol. **cealgairean**
cuideigin a mheallas cuideigin eile.

cealla b.

iol. **ceallan**

1 earrann bheag bhiodach ann an
creatairean no luibhean beò. 2

innleachd airson sruth dealain a
dhèanamh gu ceimigeach.

ceallach buadhair**ceangail gniomhair**

cuir nithean ri chèile; aonaich.

ceangal f., ceangladh f.**ceangailte buadhair**

air a cheangal.

ceangal f.

gin. **ceangail iol.** **ceanglaichean**
1 rudeigin a chaidh a chur ri chèile;
aonadh; aonachadh. 2 an t-àite far
an deach dà rud a chur ri chèile. 3 a'
cur rusan ri chèile.

ceangladh f.

gin. **ceanglaidh**
ceangal; a' ceangal.

ceann f..

gin. **agus iol.** **cinn**
1 earrann a' chuirp far a bheil an
eanchainn, na sùilean, agus am
beul. 2 comas inntinn: *tha ceann*
math aige. 3 ceannard. 4 deireadh,
crioch, no mullach rudeigin. 5 **an**
ceann an dèidh: *an ceann greiseig;*
an ceann seachdaine. 6 **an ceann** a
chèile còmhla.

ceannach f.

gin. **ceannaich**
a' faighinn rudeigin le bhith ga
phàigheadh.

ceannaich gniomhair

faigh rudeigin le bhith ga
phàigheadh.
ceannach f.

ceannaiche f.

iol. **ceannaichean**
cuideigin a cheannaicheas no a
reiceas nithean.

ceannard f.

gin. ceannaird *iol.* ceannardan
cuideigin a threòraicheas; cuid-eigin a stiùreas; ceann-feadhna.

ceann-bhaile f.

iol. ceann-bhailtean
am baile as cudthromaiche ann an dùthaich.

ceann-bliadhna f.

gin. agus *iol.* cinn-bhliadhna
cuimhneachan air an là a rugadh duine; co-là-breith.

ceann-cinnidh f.

gin. agus *iol.* cinn-chinnidh
ceannard ann an cinneadh; ceann-feadhna.

ceann-feachd f.

gin. agus *iol.* cinn-fheachd
oifigeach san arm; caiptean.

ceann-feadhna f.

gin. agus *iol.* cinn-fheadhna
1 ceannard. 2 ceann-cinnidh.

ceann-fhal f.

gin. ceann-fhalail *iol.* ceann-fhalail,
ceann-fhalan
facal no facail aig toiseach pios clò-bhualaidh no sgríobhaidh.

ceann-fine f.

gin. agus *iol.* cinn-fhine
ceannard ann am fine; ceann-cinnidh.

ceann-là f.

(no ceann-latha)

gin. agus *iol.* cinn-là
1 là den mhios no den bhliadhna nuair a thachras rudeigin. 2 an là mu dheireadh airson rudeigin sònraichte a dhéanamh.

ceann-lùbte buadhair

air a bheil ceann a tha air a lùbadh:
bata ceann-lùbte.

ceann-pholan f.

gin. ceann-pholain *iol.* ceann-pholan
creutair meanbh a bhios beò ann an uisge agus a thèid na losgann.

ceannruisgte buadhair

gun ad, beannag, 7c, ort.

ceannsaich gniomhair

1 thoir buaidh air cuideigin no rudeigin; cuir rudeigin fod smachd; stiùir rudeigin. 2 dèan rudeigin callda no soitheamh.
ceannsachadh f.

ceannsaiche f.

iol. ceannsaichean
duine a bhios a' ceannsachadh dhaoine no nithean eile; deachdaire.

ceann-simid f.

gin. ceann-simide *iol.* ceann-simidean
ceann-pholan.

ceann-suidhe f.

gin. agus *iol.* cinn-shuidhe
an duine a bhios an dreuchd aige ri stiùireadh comann, buidheann, 7c.

ceann-uidhe f.

gin. agus *iol.* cinn-uidhe
1 an t-aite dha bheil thu a' dol. 2 na tha thu a' feuchainn ri dhéanamh; cuimse.

ceap f.¹

gin. cip *iol.* ceapan, ceapann
1 pios teann de rudeigin; ploc; cnap. 2 inneal air an déanar brògan. 3 céis fhiodha san glaiste

casan dhaoine mar pheanasach-adh. **4** rudeigin air a dhealbhadh gus ainmhidhean a ghlacadh; ribe.

ceap *f.*²

gin. **ceapa**, **cip** *iol.* **ceapan**,
ceapannan

ball-aodaich airson a' chinn, mar
as trice le binnean air.

ceapach *buadhair*

ceap *gniomhair*

bac; stad.

ceapadh *f.*

ceapach *f.*

gin. agus *iol.* **ceapaich**

àite sam bi thu a' toirt fàs air
flùraichean, luibhean, 7c.

ceapaire *f.*

iol. **ceapairean**

dà shlisinn arain is ime le feòil,
càise, 7c, eatarra.

ceapan *f.*

gin. **ceapain** *iol.* **ceapanan**

ceap beag.

cearbach *buadhair*

coim. **cearbaiche**

dualtach ri bhith a' bualadh no a'
leagail nithean, no ri bhith a'
dèanamh rudan góirach; slaodach;
luideach.

cearbachd *b.*

cearban *f.*

gin. **cearbain** *iol.* **cearbanan**

iasg-mara mòr le fiaclan biorach
ann.

cearc *b.*

gin. **circe** *iol.* **cearcan**

1 an t-eun boireann àbhaisteach a
gheibhear air tuathanas, 7c. **2** eun
boireann sam bith.

cearcall *f.*

gin. **cearcaill** *iol.* **cearcail**,
cearcallan

1 cumadh cruinn agus rèidh, mar
bhonn airgid no mar chuibhle;
cuairt. **2** rudeigin air a bheil coltas
cearcail.

cearcall-meadhan *f.*

gin. agus *iol.* **cearcaill-mheadhain**
co-ionann ri **meadhan-chearcall**.

cearcall sùla *b.*

roinn dhathte na sùla.

ceàrd *f.*

gin. **ceàird** *iol.* **ceàrdan**

cuideigin a bhiodh a' siubhal na
dùthcha a' càradh phraisean,
phoitean, 7c.

ceàrdach *b.*

gin. **ceàrdaich** *iol.* **ceàrdaichean**
an t-àite sam bi gobha ag obair.

ceàrn *f.*

gin. **ceàrnaidh** *tabh.* **ceàrn**, **ceàrnaidh** *iol.* **ceàrnaidhean**

àite; coimhearsnachd; sgìre.

ceàrnach *buadhair*

coim. **ceàrnaiche**

1 air a bheil ceithir taobhan direach
agus co-ionannach, agus ceithir
ceart-uilnean. **2** de no a' gabhail
gnothaich ri ceàrnan.

ceàrnag *b.*

gin. **ceàrnag** *iol.* **ceàrnagan**

1 cumadh ceàrnach. **2** àite air a
chuartachadh le togalaichean.

ceàrnagach *buadhair*

coim. **ceàrnagaiche**

ceàrnach.

ceàrr buadhair*coim.* **cearra, ciorra**

1 gun a bhith fior; mearachdach:
tha mi air mearachd a dhèanamh
agus tha rudan fada ceàrr a-nise. **2**
cili: air an làimh cheàrr.

ceàrraiche f.*iol.* **ceàrraichean**

cuideigin a chluicheas air cairtean,
 7c, airson airgid.

ceàrrachas f.**ceart buadhair***coim.* **ceirte**

1 fior; gun mhearachd: *an e sin an uair cheart?* **2** freagarrach. **3** deas:
air an làimh cheirt. **4** direach.

ceart co-ghniomhair

1 glè mhath; *tha mi a' dol leat:*
ceart, nì mi sin! **2** direach: *bhuail an aon smuain iad ceart còmhla.* **3** a
cheart cho direach cho: *tha sin a cheart cho math ri seo.*

ceartachadh f.*gin.* **ceartachaidh**

1 rudeigin a chaidh a chur ceart. **2**
 a' cur rudeigin ceart.

ceartaich gniomhair

1 dèan ceart. **2** cuir nithean ann an
 òrdugh no suidheachadh ceart;
 rèitch. **3** lorg mearachdan;
 comharrach.

ceartachadh f.**ceartas f.***gin.* **ceartais**

a bhith ceart no cothromach;
 cothromachd.

ceart-cheàrnach f.*gin.* **ceart-cheàrnaich** *iol.* **ceart-cheàrnachan**

cumadh, rèidh le ceithir taobhan

direach agus ceithir ceart-uilnean
 ann.

ceartuair co-ghniomhair*faic an-ceartuair***ceart-uilinn b.***iol.* **ceart-uilnean**

uilinn de cheithir fishead ceum is a
 deich.

ceasnachadh f.*gin.* **ceasnachaidh**

1 liosta de cheistean air cuspair no
 cuspair ean sònraichte. **2** a' cur
 cheist air cuideigin.

ceasnaich gniomhair

1 cuir ceist air cuideigin; sgrùd.
2 cuir ceistean air cuideigin mu
 theagasc diadhaidh na h-eaglaise
 Criodail.

ceasnachadh f.**ceathach f.***gin.* agus *iol.* **ceathaich**

ceò.

ceatharnach f.*gin* agus *iol.* **ceatharnaich**

1 saighdear. **2** gaisgeach. **3** duine
 làidir.

ceathrad f.*gin.* **ceathraig** *iol.* **ceathradan**
 dà fhichead.
ceathramh buadhair

leanaидh seo an treas fear.

ceathramh f.*gin.* **ceathraimh** *iol.* **ceathramhan**
 a' cheathramh cuid.
ceathramh deug buadhair

leanaيدh seo an treas fear deug.

ceathrar *f.* agus *b.*

a h-aon a bharrachd air triúir:
ceathrar chaileagan.

cèic *b.*

gin. **cèice** *iol.* **cèicean**
measgachadh de fhlùr, uighean,
im, 7c, air fhuineadh.

cèidse *b.*

iol. **cèidsichean**

soitheach air a dhèanamh à crainn
no uèirichean, san cumar eòin no
ainmhidhean.

ceil *gniomhair*

falaich.

cleith *b.*

cèile *f.*

1 fear no tè a tha pòsta. 2 a **chèile** (le
roimhean) iad fhèin; e fhèin, i fhin;
bha iad a' bruidhim ri chèile; tha na
taighean faisg air a chèile; thuit iad
às a chèile.

ceileir *gniomhair*

seinn mar eun; seinn gu binn.

ceileireadh *f.*

cèilidh *f.* agus *b.*

iol. **cèilidhean**

1 tadhail: *thig mi a chèilidh ort a-*
nochd. 2 pártaidh. 3 dannsa.

ceilp *b.*

gin. **ceilpe**

an luath a gheibhte le bhith a'
losgadh seamainn, a chleachdte
airson siabann, 7c, a dhèanamh.

ceilteach *buadhair*

coim. **ceilteche**

a bhios a' cumail rudan am falach;
rùnmhor.

Ceilteach *f.*

gin. agus *iol.* **Ceiltich**

1 ball de na slòigh a bhruidhneas
cànan Ceilteach, i.e. a' Ghàidhlig
(Albannach, Eireannach, no
Mhanainneach), a' Chuimris, a'
Chòrnais, no a' Bhreatannais. 2
ball de shluagh a gheibhte air feadh
na Roinn Eòrpa.

Ceilteach buadhair

ceimig *b.*

iol. **ceimigean**

stuth a chleachdar no a gheibhear
ann an ceimigeachd.

ceimigeachd *b.*

1 an dòigh air am bi stuthan mar
dhùilean a' coimeasgachadh agus
a' toirt buaidh air a chèile. 2 a'
rannsachadh seo.

ceimigear *f.*

gin. **ceimigeir** *iol.* **ceimigearan**

eòlaiche ann an ceimigeachd.

cèin *buadhair*

coim. **cèine**

1 fad air falbh; iomallach. 2
sgitheil.

cèin-chead *f.*

iol. **cèin-cheadan**

cead-dol-thairis.

cèir *b.*

gin. **cèire**

stuth sleamhainn a thèid a
leaghadh gu furasta: *bidh cèir ga*
cleachdadh gus coinnlean, liomh, 7c,
a dhèanamh.

ceirsle *b.*

iol. **ceirslean**

1 bàlla snàtha. 2 stoc no gas cail.

cèis b.*gin. cèise iol. cèisean*

1 còmhach airson litrichean. 2 structair rag air an cuirear rudeigin; cnàmhan: *céis baidhsagail.*

cèiseag b.*gin. cèiseig iol. cèiseagan*

1 bogsa beag rèidh le stiall iùil-tharraingeach na bhroinn, a chleachdar airson ceòl, 7c, a chlàrachadh; teip. 2 cèis bheag.

cèis-sgèithe b.*iol. cèisean-sgèithe*

tè de na cèisean sam bi cuid de fhridean a' lùbadh nan sgiathan aca nuair nach bi iad air iteig.

cèis-streap b.*iol. cèisean-streap*

structair, mar as trice air a dhéanamh à crainn iarainn, air am bi clann a' streap.

ceist b.*gin. ceiste iol. ceistean*

1 rudeigin a dh'fhaighnicheas tu: *chan eil freagairt agam air a' cheist sin; cuir ceist orm!* 2 tòimhseachan; imcheist.

ceisteach buadhair*coim. ceistiche*

a chuireas ceist.

ceisteachan f.*gin. agus iol. ceisteachain*

liosta de cheistean; ceasnachadh.

ceistear f.*gin. ceisteir iol. ceistearan*

1 cuideigin a chuireas ceistean. 2 cuideigin a chuireas ceistean à leabhar-cheist.

Cèitean f.*(leis an alt)**gin. a' Chèitein*

an còigeamh mìos den bhliadhna; a' Mhàigh.

ceithir buadhair agus ainmear

an àireamh 4; a h-aon a bharrachd air a trì: *a ceithir; ceithir pinn.*

ceithir-chasach buadhair

air a bheil ceithir casan.

ceithir-chuibhbleach buadhair

air a bheil ceithir cuibhlichean.

ceithir-deug buadhair agus ainmear

an àireamh 14; a h-aon a bharrachd air a tri-deug: *a ceithir-deug; ceithir càraichean deug.*

ceò f. agus b.*gin. ceò, ceotha iol. ceothannan*

1 àile tais sgòthach; ceathach. 2 deatach uisge air a co-dhlùthachadh air uinneig, sgàilean, 7c.

ceòl f.*gin. ciùil*

fuaim taitneach no inntinneach air à dhéanamh le inneal no leis a' ghuth.

ceòl-gàire f.*gin. ciùil-gàire*

toileachas; mire.

ceòlmhor buadhair*coim. ceòlmhoire*

1 taitneach a chluinntinn. 2 math air ceòl; a bhios a' gabhail suim ann an ceòl.

ceòl-mòr f.*gin. ciùil-mhòir*

ceòl clasaigeach airson na pioba.

ceòthar *buadhair**coim.* **ceòthaire**
làn ceòtha.

tarragan.

ceusadh *f.***ceud** *buadhair*faic **ciad****ceud** *f.**iol.* **ceudan**còig fichead: *a ceud; trì cheud; ceud*
fear; bha iad ann nan ceudan.
ceudamh (*cunnair òrdail*) *f.***ceudameatair** *f.**iol.* **ceudameatairean**

aon cheudamh de mheatair.

ceud-chasach *f.**gin.* agus *iol.* **ceud-chasaich**
frìde air a bheil mòran chas.**ceudna** *buadhair*1 ceart; aon: *an dòigh cheudna; am*
fear ceudna. 2 **mar an ceudna** anns
an aon dòigh; cuideachd.**ceum** *f.**gin.* **ceuma, cèim** *iol.* **ceumannan,**
ceuman1 carachadh no gluasad air a
dhèanamh leis a' chois nuair a
bhios tu a' coiseachd, a' ruith, 7c;
cas-cheum; sinteag: *gabh ceum!* 2
am fuaim a nì seo. 3 staidhre. 4
frith-rathad. 5 ire. 6 duais air a
thoirt do chuideigin ann an
oilthigh, colaiste, 7c, an déidh dhà
cùrsa a dhèanamh gu
soirbheachail.**ceus** *f.**gin.* **ceusa** *iol.* **ceusaichean**
soitheach a chumas aodach, 7c.**ceus** *gniomhair*cuir cuideigin gu bàs le bhith ga
chrochadh air crann no crois le**cha** *mion-fhacal àicheil*(cuideachd **chan**)facal air a chleachdadh gus
rudeigin a dhiùltadh no àicheadh:
chan eil mi a' dol ann; cha chuir mi
geansaидh orm idir; cha robh mi
sgith; chan fhaic mi càit; (le is) cha
*tusa an duine a rinn e!***chaidh** *gniomhair neo-riaghailteach*(agus **chaidheas**)faic fo **rach****chan** *mion-fhacal àicheil*faic fo **cha****chaoidh** *co-ghniomhair*faic **a-chaoidh****cheana** *co-ghniomhair*faic **a cheana****cheerie** *co-ghniomhair*faic **tioraidh****chì** *gniomhair neo-riaghailteach*(agus **chitheadh**, 7c)

seall fo faic

cho *co-ghniomhair*1 san dòigh seo no san dòigh sin:
carson a tha e cho dona? 2 glè; ro:
tha i cho fuar an-diugh, nach eil? 3
san aon dòigh; gus an aon ire: *chan*
eil e cho math riutsa; cho rag ri bòrd;
chan fhaic mi sin cho math is a chi mi
seo; dè cho àrd is a bha an duine ud?;
*tha e a cheart cho beartach ri righ.***cho fad is gu** *naisgear*

air chor is gu; air chumha is gu.

chon *roimhear*
co-ionann ri **chun**.
faic **gu**

chon sin *co-ghniomhair*
thuige sin.

chuala *gniomhair neo-riaghailteach*
(agus **chualas**)
faic fo **cluinn**

chuca(san) *roimhear riochdaireil*
faic fo **gu**¹

chugad(sa) *roimhear riochdaireil*
(agus **chugaibh(se)**, 7c)
faic fo **gu**¹

chuice(se) *roimhear riochdaireil*
(agus **chuige(san)**)
faic fo **gu**¹

chuige *co-ghniomhair*
co-ionann ri **thuige**.

chum *roimhear*
faic a **chum**

chun *roimhear*
faic fo **gu**¹

chunnaic *gniomhair neo-riaghailteach*
(agus **chunna**, **chunnacadh**,
chunnacas)
seall faic

cia *riochdair*
co-ionann ri **cò**.

ciabh *b.*
gin. **ciabha** iol. **ciabhan**
pios fault; bachlag.

ciad *buadhair*
1 a' tighinn ro chàch uile: a' **chiad**
fhear; a' **chiad duine**; a' **chiad mhios**.
2 nas cudthromaiche.

ciad-fhuasgladh *f.*
gin. **ciad-fhuasglaidh**
faochadh agus cuideachadh air an
toirt do chuideigin air a leòn mas
nochd lighiche no mas tèid a chur
don taigh-eiridinn.

ciall *b.*
gin. cèille tabh. cèill, **ciall** iol. **ciallan**
1 toinisg; reusan: chan eil **ciall aige**;
tha iad às an **ciall**. 2 brigh: dè as **ciall**
don fhacal seo? 3 twigse; gliocas: làn
cèille. 4 eudail; luaidh: mo **chiall!** 5
air a cleachdadh gus iongnadh a
shealltainn: a **chiall!**

ciallach *buadhair*
coim. **ciallaiche**
1 a bhith làn cèille; tuigseach. 2 glic.
3 càramach; faiceallach.

ciallachadh *f.*
gin. **ciallachaidh**
a' cur rudeigin an cèill; a'
comharrachadh; a' rùnachadh.

ciallaich *gniomhair*
cuir rudeigin an cèill; comharrach; rùnach.
ciallachadh *f.*

ciamar *co-ghniomhair*
cò an doigh: **ciamar a ni mi sin?**,
ciamar a tha thu?

cia mheud *co-ghniomhair*
co-ionann ri **co mheud**.

cian *buadhair*
coim. cèine
1 fada; iomallach. 2 sgitheil.

cian *f.*
gin. agus tabh. cèin
1 astar; fad. 2 an cèin sad air falbh;
thall thairis. 3 a **chianaibh** o chionn
ùine goirid.

cianail buadhair*coim.* **cianaile, cianala**

1 brònach; túrsach. **2** uaigneach; aonarach. **3** sgìtheil. **4** èibhinn. **5** glè; fior.

cianalach buadhair*coim.* **cianalaiche**

brònach, gu h-àraidh seach gu bheil thu ag iarraidh dhachaigh.

cianalas f.

gin. **cianalais**
a bhith cianalach.

ciar buadhair*coim.* **cèire**

dath dorch; dubh-liath; dubh-dhonn.

ciatach buadhair*coim.* **ciataiche**

1 mìn agus brèagha; eireachdail; taitneach. **2** measail; ceart; beusach.

ciatachd b.**cidhe f.***iol.* **cidhean**

1 balla ann an cala far an ceanglar bàtaichean. **2** balla no ùrlar a sheasas a-mach ann an cala.

cidsin f.*iol.* **cidsinean**

seòmar sam bi thu a' deasachadh agus a' bruich biadh.

cileagram f.*gin.* **cileagrain** *iol.* **cileagraman**

aonad tomhais co-ionann ri 1000 gram no timcheall air dà phunnd gu leth.

cilemeatair f.*iol.* **cilemeatairean**

aonad de dh'fad co-ionann ri

1000 meatair, no timcheall air $\frac{3}{5}$ de mhile.

cill b.*gin.* **cille iol.** **cillean, cilltean**

1 seòmar lom ann an eaglais, manachainn, 7c. **2** (aosta) eaglais.

cinn gniomhair

fàs; meudaich.
cinninn f.

cinneach f.

gin. agus *iol.* **cinnich**
cinneadh.

cinneadail buadhair*coim.* **cinneadaile**

1 de no a' gabhail gnothaich ris a' chinneadh agad fhéin. **2** a' cumail air leth bho dhaoine eile.

cinneadh f.*gin.* **cinnidh iol.** **cinnidhean**

1 còmhlan theaghlaichean aig a bheil, mar as trice, an aon shinnsearachd; fine. **2** clann; sliochd. **3** treubh; còmhlan. **4** sloinneadh; ainm deireannach.
cinneadas f.

cinneas f.

gin. **cinneis**
fàs; toradh.

cinnt b.*gin.* **cinnte**

1 rudeigin a tha a' dol a thachairt gu cinnteach. **2** a bhith cinnteach.

cinnteach buadhair*coim.* **cinntiche**

a' creidsinn gu bheil thu ceart no gum faigh thu air rudeigin a dhéanamh; dearbhta: *chan eil mi cinnteach às; chan eil mi cinnteach air.*

cinntinn f.

a' fàs; a' meudachadh.

ciobair f.

iol. ciobairean

duine a bhios an dreuchd aige ri
bhith a' cumail sùil air caoraich.

cioch b.

gin. ciche iol. ciochan

tè de na roinnean air bodhaig
boireannaich san déanar bainne.

ciod *riochdair*

dè; cò: *ciod e tha thu ag ràdh?*; *ciod air bith a rinn e?*

ciog *gniomhair*

co-ionann ri **giog**.

ciogail b.

ciomach f.

gin. agus iol. ciomaich

eucorach ann am priosan; priosan-
ach.

ciomachas f.

ciombal f.

faic tiompan

cion f.

1 lochd; dìth; easbhaidh. 2 miann.

cionn *ainmear*

1 a chionn airson. 2 a chionn is gu
airson gu; oir. 3 (bh)o chionn o; ro.
4 (bh)os cionn nas àirdé na.

cionnas *co-ghniomhair*

co-ionann ri **ciamar**.

ciont f.

(no **cionta**)

gin. cionta iol. ciontan

1 a' faireachdainn gun do rinn thu
rudeigin ceàrr. 2 coire; cron.

ciontach *buadhair*

coim. ciontaiche

a tha air rudeigin ceàrr a
dhéanamh.

ciontachd b.

ciontach f.

gin. agus iol. ciontaich

eucorach; coireach.

ciontachadh f.

gin. ciontachaidh

a' déanamh ciont.

ciontaich *gniomhair*

dèan ciont.

ciontachadh f.

ciopair f.

iol. ciopairean

sgadan air a chiùraigeadh ann an
toit.

ciora b.

iol. cioran, ciorachan

uan a tha na pheata.

ciotach *buadhair*

coim. ciotaiche

a chleachdas mar as trice na làimhe
cli; gearbach.

cipean f.

gin. cipein iol. cipeanan

stob; post; bacan.

cìr b.

gin. cìre iol. cìrean

1 innleachd airson d' fhalt a
sgioblachadh. 2 cìrean. 3 cìr-
mheala.

cìr *gniomhair*

sgioblach d' fhalt le cìr.

cireadh f.

cirean f.¹

gin. cirein *iol.* cirein, cireanan

1 an earrann dhearg fheòlmhor air mullach ceann coilich. 2 comharradh no samhladh air cinneadh àraidi.

cirean f.²

gin. cirein

seòrsa seamann-duibhe a tha glè ghoirid agus a dh'fhàsas aig mullach an làin.

cìr-mheala b.

gin. cìr-meala *iol.* cìrean-meala

structair cèire air a dhèanamh le seileanan gus mil agus uighean a chumail.

cìs b.

gin. cìse *iol.* cìsean

1 airgead a dh'fheumas daoine páigheadh don riaghaltas; càin. 2 mál. 3 ùnnlagh.

ciste b.

iol. cisteachan

1 bogsa mòr làidir. 2 ciste-càir. 3 ciste-laighe.

ciste-càir b.

iol. cisteachan-càir

an earrann airson mhàileidean ann an càr.

ciste-dhràbhraichean b.

iol. cisteachan-dhràbhraichean

ball-airneis le dràbhraichean ann.

ciste-laighe b.

iol. cisteachan-laighe

a' chiste fhada san tiodhlaicear no loisgear marbhan.

ciùb f.

iol. ciùban

rudeigin air a bheil sia taobhan

ceàrnach.

ciùbach *buadhair*

ciùbhran f.

gin. agus *iol.* ciùbhrain

uisge aotrom; fras.

ciudha b.

iol. ciudhaichean

sreath no loidhne de dhaoine a' feitheamh ri rudeigin.

ciùin buadhair

coim. ciùine

1 sèimh; sàmhach. 2 gun a bhith air a bhrosnachadh.

ciùineachadh f.

gin. ciùineachaidh

a' déanamh no a' fàs ciùin; a' täladh.

ciùineas f.

gin. ciùine

a bhith ciùin; sàmhchair.

ciùinich gniomhair

dèan no fàs ciùin; tälaidh.

ciùineachadh f.

ciùraig gniomhair

déilig ri biadh gus an seas e nas fhaide; gabhaidh iasg a chiùraigeadh ann an toit.

ciùraigeadh f.

ciùran f.

co-ionann ri ciùbhran.

ciùrr gniomhair

goirtich.

ciùrradh f.

ciùrrail buadhair

coim. ciùrraile

goirt; a chiùrras.

ciùrrte *buadhair*
air a chiùrradh.

clab *f.*
gin. **claib** *iol.* **claban**

beul mòr fosgailte; beul air fhàgail
fosgailte; craos.

clabach *buadhair*

coim. **clabaiche**

leis a' bheul air fhàgail fosgailte;
craosach.

clabar-snàimh *f.*

gin. **clabair-snàimh** *iol.* **clabaran-**
snàimh

innleachd a chaitheas tu air do
chois gus snàmh a dhèanamh nas
fhasa.

clabhstair *f.*

iol. **clabhstairean**

slighe chòmhdaitche timcheall air
lios no ri taobh cathair-eaglaise,
manachainne, 7c.

clach *b.*

gin. **cloiche** *iol.* **clachan**

1 mèinnear cruaidh daingeann
anns nach eil meatait. 2 mir den
mhèinnear seo; creag bheag. 3 siol
cruaidh a gheibhearr am meadhan
sirise, plumaise, 7c. 4 14 punnd (de
chudthrom). 5 magairle.

clach *gniomhair*

tilg clachan air cuideigin.
clachadh *f.*

clachair *f.*

iol. **clachairean**

duine a bhios an dreuchd aige ri
bhith a' gearradh agus a'
deasachadh chlach.

clachan *f.*

gin. agus *iol.* **clachain**

1 clach bheag. 2 baile-beag. 3
staran.

clachan-meallain *ainmear iolra*
boinneagan uisge reòthte.

clach-ghràin *b.*

gin. **cloich-gràin**

seòrsa creige a tha glè chruaidh.

clach-iùil *b.*

gin. **cloich-iùil** *iol.* **clachan-iùil**
pios meatailte a tharraingeas
iarann no stàilinn thuige, agus a
chomharracheas an àird a tuath
nuair a thèid a chrochadh anns an
adhar.

clach-mhuilinn *b.*

gin. **cloich-muilinn** *iol.* **clachan-**
muilinn

tè de dhà chloich reìdh a
chleachdar airson gràn a bhleith
ann am muilinn.

clach sùla *b.*

roinn na sùla a tha mar bhàlla.

cladach *f.*

gin. **cladaich** *iol.* **cladaichean**

1 an tìr ri taobh na mara; oir na
mara. 2 bòrd locha.

cladh *f.*

gin. **cladha**, **claidh** *iol.* **cladhan**

àite san tèid daoine marbh
adhlacadh.

cladhach *f.*

gin. **cladhaich**

a' gluasad talamh; a' dèanamh toll
san talamh; a' ruamhar.

cladhaich *gniomhair*

gluais talamh; dèan toll san
alamh; ruamhair.

cladhach *f.*

cladhaire f.*iol.* **cladhairean**
gealtaire.inneal-ciùil gaoith air a dhèanamh
à fiadh.**cladhaireach** *buadhair**coim.* **cladhairiche**
gealtach.
cladhaireachd b.**clais** b.*gin.* **claise** *iol.* **claisean**
1 dìg. 2 drèana.**claisneachd** b.

comas cluinntinn.

cladhan f.*gin.* agus *iol.* **cladhain**
allt beag; dìg.**clàist** *gniomhair*(no **claist**)

cluinn.

clàistinn b.**clag** f.*gin.* agus *iol.* **cluig**
1 innleachd mheatailt mar chlogaid
airson seirm a dhèanamh, agus a
bhuailear le bioran meatailt na
broinn. 2 inneal-ciùil mar seo.**clamhan** f.*gin.* agus *iol.* **clamhain**
eun-air coltach ris an iolaire.**clann** b.*gin.* **cloinne tabh.** **cloinn**1 leanaban, páisteann: *tha dithis*
chloinne aca; aon duine cloinne. 2
fine: *Clann Raghnaill.***clann-nighean** b.*gin.* **cloinn-nighean**
nigheanan.**claoïdh** *gniomhair*1 dèan sgith; caith. 2 cuir dragh air;
dèan crion air.**claoïdh** b., **claoïdheadh** f.**claoñ** *buadhair**coim.* **claoine**

gun a bhith direach; air fhiaradh.

claoñ *gniomhair*1 rach air fhiaradh. 2 rach às an
rathad. 3 cuir ceàrr; thoir air
cuideigin rudeigin a chreidsinn.**claoñadh** f.**claoñ-shùileach** *buadhair**coim.* **claoñ-shùiliche**
anns a bheil sùil chlaoin.**claireann** f.*gin.* **clraiginn** *iol.* **claignean**
1 an structair de chnàmhan ann an
ceann duine. 2 àrd a' **chlraiginn** àrd
a' ghutha: *bha an leanabh a' rà nail*
*àrd a' chlaiginn.***claimhean** f.*gin.* **clàimhein** *iol.* **clàimheanan**
inneachd airson doras no chach-
aileith a dhùnadadh.**clairneid** b.*iol.* **clairneidean**

clàr f.*gin. clair iol. claran*

1 rud sam bith a tha rèidh, mar raon. **2** bòrd fiadha; dèile. **3** bòrd-dubh; bòrd-geal. **4** liosta de dh'ainmean, de dh'fhacail, 7c. **5** pios rèidh cruinn de phlastaig a nì ceòl no fuaimean nuair a thèid a chur air inneal-clàir.

clàraich gniomhair

1 sgiroibh sios rudan a thachras. **2** cuir ceòl no fuaimean eile air clàr, teip, 7c. **3** rach nad bhall de chlas, chomann, 7c.

clàrachadh f.**clàr-aodainn f.**

gin. clair-aodainn iol. claran-aodainn
bathais; maoil.

clàr-fhiacail b.*iol. clair-fhiacail*

aon de na fiaclan toisich a bhios math air bideadh.

clàr-gnothaich f.

gin. clair-gnothaich iol. claran-gnothaich
liosta de nithean rin déanamh.

clàr-iarrtais f.

gin. clair-iarrtais iol. claran-iarrtais
pios pàipeir air an dèan thu iarrtas airson rudeigin.

clàr-innse f.

gin. clair-innse iol. claran-innse
liosta a dh'innseas dè a tha am broinn rudeigin, mar leabhar, 7c; clàr.

clàr-oideachais f.

gin. clair-oideachais iol. claran-oideachais
cùrsa foghlaim no rannsachaidh.

clàrsach b.*gin. clarsaich iol. clarsaichean*

inneal-ciùil le teudan air an sìneadh thairis air cèis, agus a bhios tu a' spionadh.

clàrsair f.*iol. clarsairean*

cuideigin a chluicheas air a' chlàrsach.

clas f.*iol. clasaichean*

còmhlan cloinne, oilleanaich, 7c, air an teagast còmhla.

clàs f.*iol. clasan*

(gràmar) earrann de rosg-rainn le cuid gniomhair: *tha dà chlàs ann an 'tha an t-uise ann, ach chan eil e fuar'*.

clasaigeach buadhair*coim. clasaigiche*

1 den litreachas, 7c, a bhuineas do na Ròmanach no na Greugaich. **2** gnàthach; suidhichte; cudthromach.

clasrum f.*gin. clasruim iol. clasruman*

rum-teagaisg.

clas-sgoile f.*iol. clasan-sgoile*

clas no còmhlan de sgoilearan ann an sgoil.

cleabach buadhair*co-ionann ri cliobach.***cleachd gniomhair**

dèan obair le rudeigin: *na chleachd thu a' chir seo?*

cleachdadh f.

cleachdad

gin. cleachdaidh *iol.* cleachdaidhean
an dòigh air an tèid rudeigin a
dhèanamh; àbhaist; nòs.

cleachdte

buadhair
1 air a chleachdad. 2 cleachdte ri
air rudeigin a dhèanamh roimh;
eòlach air: *dh'fhas mi cleachdte ris
an fhuaim*.

cleas

gin. cleasa *iol.* cleasan
1 gniomh calma. 2 rudeigin air a
dhèanamh gus cuideigin a mheall-
adh; spòrs. 3 cluich. 4 dèideag.

cleasachd

a' cluiche; a' dèanamh chleasan.

cleasaiche

iol. cleasaichean
1 cuideigin a bhios a' cluiche ann
an dealbh-chluich no film; actair;
neach-cluiche. 2 duine eibhinn;
cuideigin a dh'innseas fealla-dhà;
amadan.

cleas-chluich

gin. cleas-chluiche *iol.* cleas-
chluichean
dealbh-chluich, film, 7c, a bheir air
daoine gaire.

cléir

gin. cléire
daoine air an ceadachadh seirbh-
eisean a stiùireadh ann an eaglais
Chriosdail.

cléireach

gin. agus *iol.* clérich
duine a bhios an dreuchd aige ri
bhith a' clàrachadh chunntasan, a'
dèiligeadh ri páipearan ann an
oifis, 7c.

cléireachail

buadhair
1 de no air a dhèanamh le clérich. 2
den chléir.

cleite

b.
(no cleit)
iol. cleitean, cleiteachan
1 beinn. 2 creagan os cionn na
mara. 3 (Hiort) taigh-stòir.

cleith

b.
a' cur am falach.

cleòc

f.
(no cleòca)
gin. cleòca *iol.* cleòcan, cleòcannan
ball-aodaich, mar as trice gun
mhuinichillean, a chrochas tu
bhàrr do ghuailnean.

cli

buadhair
gun a bhith air do làimh dheis;
ceàrr: *air do làimh chli*.

cliabh

f.
gin. agus *iol.* cléibh
1 broilleach; an structair de
chnàmhan sa bhroilleach. 2
basgaid a thèid air an druim no air
muin eich. 3 seòrsa basgaide airson
giomaich no crùbagan a ghlacadh.
4 sreach de chòig loidhnichean co-
shinte air an sgriobhar ceòl.

cliamhainn

f.
gin. cleamhna *iol.* cleamhnan
an duine a tha pòsta rid nighinn.

cliath

b.
gin. cléithe *iol.* cliathan
1 cèis mheatailt a chuirear thairis
air fosgladh, no a chumas connadh
ann an teine; grèata. 2 innleachd
throm air a slaodadh thairis air an
alamh gus an ùir a bhriseadh sios.

cliath *gniomhair*

bris ùir le cléith.

cliathadh *f.***cliathach** *b.*co-ionann ri **cliathaich**.**cliathaich** *b.**iol.* **cliathaichean**1 taobh na bodhaige. 2 taobh
rudeigin: *cliathaich na beinne*.**cliob** *gniomhair*1 tuislich. 2 creim. 3 luaisg bho
thaobh gu taobh.**cliobadh** *f.***cliobach** *buadhair**coim.* **cliobaiche**

1 cearbach. 2 garbh; molach.

cliomaid *b.**gin.* **cliomaide** *iol.* **cliomaidean**an t-side àbhaisteach ann an ceàrn
sònraichte.**clis** *buadhair**coim.* **clise**

grad; obann.

cliseachd *b.***clisg** *b.*(no **clisge**)*gin.* **clisge** *iol.* **clisgean**1 gluasad obann, gu h-àraigdh a
chionn eagail. 2 **a-chlisg** gu h-
obann.**clisg** *gniomhair*dèan gluasad obann, gu h-àraigdh a
chionn eagail.**clisgeadh** *f.***clisgeach** *buadhair**coim.* **clisgiche**1 buailteach do chlisgean. 2 grad;
obann.**clisgear** *f.**gin.* **clisgeir** *iol.* **clisgearan**(gràmar) falal no abairt a sheallas
iongnadh, pian, toileachas, 7c: 's e
clisgearan a tha ann an 'hoigh!',
'halò!', agus 'eubag!'. **clisg-phuing** *b.**gin.* **clisg-phuinge** *iol.* **clisg-****phuingean**(gràmar) an comharradh (!) a
chleachdar an déidh chlisgear.**cliù** *f.*

1 a bhith ainmeil.

2 moladh.

cliùiteach *buadhair**coim.* **cliùtiche**

1 ainmeil. 2 ionmholta.

cliùthaich *gniomhair*

dèan ainmeil; mol.

cliùthachadh *f.***clò** *f.¹**gin.* **clòtha** *iol.* **clòitean, clòithean**1 stuth air fhighe à canach, clòimh,
nàidhlean, 7c; aodach. 2 **clò-mòr**.**clò** *f.²*(no **clòdh**)*gin.* **clòdha** *iol.* **clòdhan**1 facail no dealbhan air an clò-
bhualadh. 2 inneal a nì seo.**clòbha** *b.**iol.* **clòbhan**a' ghucag thiormaichte de
chraoibh chrioch-ghrèinich.**clobha** *f.**iol.* **clobhan, clobhachan**inneal air a bheil coltas siosair a
chleachdar gus nithean a thogail.

clòbhar *f.**gin.* clòbhair
seamrag.àite far am bi cailleachan-dubha a'
còmhnaidh agus ag obair.**clobhd** *f.**gin.* clobhda *iol.* clobhdan
pios beag aodaich air a chleachdadh
airson glanaidh, 7c.**clod** *f.**gin.* cluid, cloda *iol.* cluid, clodan
cnap talmhainn; cnap ùire; foid.**clobhd-sgùraidh** *f.**iol.* clobhdan-sgùraidh
clobhd cruaidh airson sgùraidh.**clòdh** *f.*co-ionann ri clò².**clobhsa** *f.**iol.* clobhsaichean
1 slige choitcheann ann an
togalach. 2 àite air a chuartachadh
le togalaichean. 3 rathad a tha
dùinte aig a cheann thall.**clogad** *f.**gin.* clogaid *iol.* clogadan
co-ionann ri clogaid.**clò-bhuail** *gniomhair*cuir facail, dealbhan, comharr-
aidhean, 7c, air pàipear le inneal.
clò-bhualadh *f.***clogaid** *b.**gin.* clogaide *iol.* clogaidean
còmhdach làidir airson an ceann a
dhion.**clò-bhuailte** *buadhair*

a chaidh a chlò-bhualadh.

clòimh *b.**gin.* clòimhe
1 olann. 2 iteach.
clòimhteach *buadhair***clò-bhualadair** *f.**iol.* clò-bhualadairean
duine a bhios a' clò-bhualadh
nithean.**clòimhteachan** *f.**gin.* agus *iol.* clòimhteachain
còmhdach bog tiugh airson na
leapa.**clò-bhualadh** *f.**gin.* clò-bhualaidh
a' cur fhacal, dhealbh, chomh-
arradh, 7c, air pàipear le inneal.**clò-mòr** *f.**gin.* clò-mhòir
clò tiugh air a dhèanamh air
beartan anns na h-Eileanan Siar,
gu h-àraidh ann an Leòdhas.**clò** *f.*

co-ionann ri gleoc.

clò na Hearadh *f.*

clò-mòr.

clò-chadal *f.**gin.* clò-chadail
a bhith cadalach; cadal aithghearr.**closach** *b.**gin.* closaich *iol.* closaichean
corp marbh beathaich no eòin;
cairbh.**clochar** *f.**gin.* clochair *iol.* clocharan**clòsaid** *b.**gin.* clòsaide *iol.* clòsaidean
rum beag.

clò-sgriobh gniomhair

cleachd clò-sgriobhadair.
clò-sgriobhadh f.

clò-sgriobhadair f.

iol. clò-sgriobhadairean
inneal le meòir a bhuaileas tu gus
litrichéan, 7c, a chlò-bhualadh air
pàipear.

clò-sgriobhaiche f.

iol. clò-sgriobhaichean
cuideigin a bhios an dreuchd aige ri
bhith a' clò-sgriobhadh.

clostar f.

gin. clostair
1 bragadaich agus glagadaich; am
fuaim a nì thu nuair a thuiteas tu gu
cearbach gu lár. 2 faic **clabhstair**.

cluain b.

gin. cluaine *iol.* cluainean,
cluaintean
achadh; lèana; glasraich.

cluaran f.

gin. cluarain *iol.* cluaranan
luibh fiadhaich air a chòmhdaich
adh le gathan, air am bi blàthan
purpaidh.

cluas b.

gin. cluaise *iol.* cluasan
1 roinn a' chinn leis an cluinn thu:
tha mo chluasan goirt. 2 làmh mias
no soithich.

cluasag b.

gin. cluasaig *iol.* cluasagan
poca agus stuth bog na bhroinn air
an laigh ceann duine, gu h-àraidh
san leabaidh.

cluas-fhail b.

gin. cluas-fhaile *iol.* cluas-fhailean
fainne-cluais.

club f.

iol. clubaichean
còmhlan dhaoine a bhios a'
coinneachadh seach gum bi iad a'
gabhair suim san aon rud;
buidheann.

clùd f.

gin. clùid *iol.* clùdan
1 brèid; luideag. 2 co-ionann ri
clobhd.

cluich f.

(no cluiche)
gin. cluiche *iol.* cluichean,
cluicheannan
rudeigin a chluicheas tu, mar as
trice le riaghailtean; geama; gèama:
se cluich a tha ann am ball-coise.

cluich gniomhair

1 gabh páirt ann an geama, cleas,
7c: *bha na balaich a' cluiche ball-*
coise air an rathad. 2 déan ceòl no
fuaim air inneal-ciùil no inneal-
clàir.

cluich f., **cluiche** f.

cluich-bùird f.

gin. cluich-bhùird *iol.* cluichean-
bùird
cluich a nitheair air bòrd no clàr
àraidh: *'s e cluichean-bùird a tha*
ann am fidhcheall agus ann an
dàmais.

cluich-cneutaig f.

gin. cluich-chneutaig
cluich air a dhèanamh le racaidean
agus bàlla beag, no cneutaig, air
lios le lion thairis air a mheadhan.

cluicheadair f.

iol. cluicheadairean
cuideigin a bhios a' cluiche inneal-
ciùil, geama, no ann an dealbh-
chluich, 7c.

cluicheadair-chlàr *f.*

iol. cluicheadairean-chlàr
inneal-clàir.

cluicheag *b.*

gin. cluicheig *iol.* cluicheagan
dèideag.

cluich-raoin *f.*

iol. cluichean-raoin
cluich a dhèanar air raon no
achadh: *se cluich-raoin a tha ann*
am ball-coise.

clùimhteach *buadhair*

faic clòimhteach

cluinn *gniomhair neo-riaghailteach*

1 leig fuaimean a-steach do na
cluasan; èist: *an cluinn thu mi?*; *cha*
chuala mi guth. 2 faigh fios air
naidheachdan, 7c: *an cuala tu cò a*
bha a' tighinn?
cluinntinn *b.*

cnag *b.*

gin. cnraig *iol.* cnagan
1 brag; bualadh. 2 **cnag-dealain.** 3
cnag-anairt bioran airson aodach a
chrochadh. 4 **cnag na cuise** an rud
as cudthromaire sa chuis.

cnag *gniomhair*

1 dèan fuaim le bhith a' cagnadh
biadh cruaidh, a' coiseachd air
clachan beaga, 7c. 2 dèan brag;
buail.

cnagadh *f.*

cnagadaich *b.*

gin. cnagadaiche
a' cnagadh.

cnagair *f.*

gin. cnagaire
cluich air a dhèanamh eadar dà

sgioba le bàlla, dà bhata, agus dà
chachaileith.

cnag-dealain *b.*

gin. cnaig-dealain *iol.* cnagan-
dealain
am pios leis an cuirear uèir dealain
a-steach ann am bun-dealain;
plucan.

cnàimh *f.*

gin. cnàmha *iol.* cnàmhan,
cnàimhean
co-ionann ri cnàmh.

cnàimhneach *f.*

gin. agus *iol.* cnàimhnich
a' cheis de chnàmhan a tha no a
bha am broinn bodhaig duine no
beathaich.

cnàimhseag *b.*

gin. cnàimhseig *iol.* cnàimhseagan
dearc bheag dhearg.

cnàmh *f.*

gin. cnàimh *iol.* cnàmhan
1 aon de na piosan cruaidh ann an
cnàimhneach. 2 (iolra) structair;
cèis; dealbh.
cnàmhach *buadhair*

cnàmh *gniomhair*

cagainn.
cnàmhadh *f.*

cnàmh-droma *f.*

gin. agus *iol.* cnàimh-dhroma
an sreach de chnàmhan sios
meadhan an droma.

cnap *f.*

gin. cnapi *iol.* cnapan
1 ploc; ceap; meall. 2 cnoc.
cnapach *buadhair*

cnap-starra f.

(no cnap-starradh)
gin. cnap-starraidh iol. cnap-starraighean
 bacadh; starradh: *bha cnap-starra tar�ainn air an rathad agus chan shaigheamaid seachad air.*

cnatan f.

gin. agus iol. cnatain
 tinneas a bheir air do shròin sileadh
 agus a ni do sgòrnan goirt; fuachd.

cnead f.

fuaim fada domhainn a sheallas
 pian no àmhghar: *rinn e cnead nuair a thuit e.*

cnèadaich gniomhair

bean ri cuideigin nò rudeigin gu gràdhmhòr.

cnèadachadh f.

cneasta buadhair

truacanta; caomh; beusach.

cneutag b.

gin. cneutaig iol. cneutagan
 bälla; bälla beag.

cniodaich gniomhair

faic cnèadaich

cnò b.

gin. cnò, cnotha iol. cnothan
 1 meas le slige chruaidh air. 2 pìos
 còsach de mheatailt a thèid air crann.

cnoc f.

gin. agus iol. cnuic
 earrann talmhainn nas àirde na an tir mun cuairt.

cnoc gniomhair

co-ionnan ri gnog.

cnocach buadhair

coim. cnocaire
 làn chnoc.

cnocan f.

gin. agus iol. cnocain
 cnoc beag.

cnò-còco b.

iol. cnothan-còco
 cnò mhòr ughach a dh'fhàsas air craobhan-pailm.

cnot f.

gin. cnota iol. cnotan
 snaidhm; ceangal.

cnuas gniomhair

1 cagainn gu luath; giosg. 2
 beachdaich.
cnuasadh f.

cnuasaich gniomhair

1 beachdaich. 2 cnuas.
cnuasachadh f.

cnuimh b.

gin. cnuimhe iol. cnuimhean
 1 an t-àl aig iomadh seòrsa cuileig.
 2 cnuimh-thalmhainn. 3 fride sam
 bith gun chnàmh-droma, gun
 chasan, 7c, mar chnuimh-
 thalmhainn, dheala, 7c.

cnuimh-thalmhainn b.

gin. cnuimh-talmhainn iol.
cnuimhean-talmhainn
 creutair beag snàigeach a bhios beò
 anns an ùir.

cò riochdair

(gun chudthrom co)
 cò an duine; dè an rud: cò a tha ag
 iarraidh briosa?; cò leis a tha am
 baga seo?; cò am baile às a bheil
 thu?; chan eil fios agam co leis a tha
 an leabhar seo.

co- ro-leasachan

le chèile; ag aontachadh; gus an aon ire: co-chomann; co-obraich; co-ionann; co-ghniomhair.

co aca naisgear

air a chleachdadh gus tè de dhà roghainn a thoirt a-steach: *feumaidh sinn an taigh a sgioblachadh co aca a thig iad no nach tig.*

co-aimsireil buadhair

coim. **co-aimsireile**

1 a' buntainn don aon àm; comhaoiseach. 2 ùr; nuadh.

co-alta f.

iol. **co-altan**

duine sam bith a chaidh a thogail san aon teaghlach san deach thu fhèin a thogail.

co-aois f.

faic comhaois

co-aoiseach buadhair

co-aontaich gniomhair

1 aontaich ri chèile. 2 aonaich no ceangail còmhla; measgaich.
co-aontachadh f.

cobhair b.

gin. **cobhrach, coibhre**

cuideachadh.

cobhaireach buadhair

cobhan f.

gin. **cobhain iol. cobhanan**

ciste; bogsa: *cobhan airgid.*

co-bhann b.

gin. **co-bhuinn, co-bhoinn iol. co-bhannan**

1 co-chòrdadh; cùmhnan. 2 **ann an co-bhuinn ri còmhla ri.**

cobhar f.

gin. **cobhair**

cop.

cobharach buadhair

cobhartach f. águs b.

gin. **cobhartaich**

creach.

cobhartaich b.

faic **comhartaich**

co-bhuail gniomhair

buail ann an rudeigin.

co-bhualadh f.

còbhuth b.

gin. **còbhutha iol. còbhuthan**

bùth mhòr san tèid iomadh nì eadar-dhealaichte a cheannach; mòr-bhùth.

còbla f.

iol. **còblaichean**

bàta beag.

coc f.

(no **coca**)

co-ionann ri **goc¹.**

còc f.

connadh teann air a dhèanamh à gual.

còcaire f.

iol. **còcairean**

duine a bhios a' dèanamh còcaireachd.

còcaireachd b.

a' deasachadh no a' bruich biadh.

cochall f.

gin. agus *iol.* **cochaill**

1 an còmhach tioram air siol; plaosg. 2 ball-aodaich de dh'aodach bog airson an ceann a

	co-cheangail <i>gniomhair</i>
chòmhdaichadh. 3	cochall a' chridhe ciall; toinisg: <i>chaidh i à</i> <i>cochall a cridhe leis an eagal.</i>
co-cheangail <i>gniomhair</i>	
	ceangail an dara rud còmhla ris an rud eile.
	co-cheangal <i>f.</i> , co-cheangladh <i>f.</i>
co-cheangailte <i>buadhair</i>	
1	air a cho-cheangal ri rudeigin eile.
2	a tha a' gabhail gnothaich ri rudeigin eile.
co-chomann <i>f.</i>	
gin. agus <i>iol.</i> co-chomainn	daoine a' fuireach còmhla ann an còmhlann no ann an cinneadh; comann.
co-chòrd <i>gniomhair</i>	
aontaich; rach le.	
co-chòrdadh <i>f.</i>	
co-chòrdach <i>buadhair</i>	
<i>coim.</i> co-chòrdaiche	
1	a cho-chòrdas; aontach. 2 co- sheirmeach.
co-chòrdail <i>buadhair</i>	
<i>coim.</i> co-chòrdaille	
	a thèid còmhla ri chèile.
co-chruinnich <i>gniomhair</i>	
cruiinnich nithean còmhla ri chèile.	
co-chruinneachadh <i>f.</i>	
còco <i>f.</i>	
1	deoch theth air blas teòclaid. 2 am pùdar às am bi thu a' dèanamh na dighe seo.
co-dhèanta <i>buadhair</i>	
nach eil nàdarrach; a chaidh a chur ri chèile.	
	co-dheth <i>co-ghniomhair</i>
	co-dhiù no co-dheth co-dhiù.
	co-dhiù <i>co-ghniomhair</i>
	1 as bith dè a thachras; as bith dè a tha ann: <i>chan eil mise a' dol ann co-</i> <i>dhiù.</i> 2 air a' chuid as lugha: <i>bha iad</i> <i>a-muigh no co-dhiù Dòmhnaill.</i> 3 an dèidh sin: <i>tha mi tinn;</i> co-dhiù, <i>cha tèid mi dhan leabaidh.</i>
	co dhiubh <i>naisgear</i>
	air a chleachdadhbh gus tè de dhà roghainn a thoirt a-steach: <i>pòsaidh</i> <i>mi thu co dhiubh a bhios tu beartach</i> <i>no a bhios tu bochd.</i>
	co-dhlùthraig <i>gniomhair</i>
	1 dèan uisge no lionn nas tighe no nas làidire. 2 dèan rudeigin nas lugha no nas giorra. 3 rach na lionn: <i>co-dhlùthraigidh toit air</i> <i>uinneagan fuara.</i>
	co-dhlùthachadh <i>f.</i>
	co-dhùin <i>gniomhair</i>
	1 criochnaich. 2 cuir rudeigin romhad.
	co-dhùnadadh <i>f.</i>
	co-eagraich <i>gniomhair</i>
	thoir air daoine no nithean a bhith ag obair còmhla ri chèile gu ceart.
	co-eagarachadh <i>f.</i>
	co-eignich <i>gniomhair</i>
	thoir air cuideigin rudeigin a dhèanamh.
	co-eigneachadh <i>f.</i>
	cofaidh <i>f.</i>
	<i>iol.</i> cofaidhean
	1 pùdar 'no gràinnean air an dèanamh à pònaid de phreas a dh'fhàsas sna criochan-grèine. 2 deoch theth air a dèanamh leis a' phùdar seo.

co-fharpais b.

gin. co-fharpaise iol. co-fharpaisean
cluich, rèis, 7c, sam bi thu a'
feuchainn ri bhith nas shearr na
duine eile.

co-fhlaitheas f.

gin. co-fhlaitheis iol. co-
fhlaitheasan

1 còmhlan de dhùthchannan ag
obair còmhla ri chèile. 2 an Co-
fhlaitheas comann de Bhreatainn
agus de dhùthchannan eile, mar
Chanada, Astràilia, 7c.

co-fhoghar f.

gin. co-fhoghair iol. co-fhoghairean
consan.

co-fhreagair *gniomhair*

1 inns dè na nithean a tha coltach ri
chèile. 2 bi math ri taobh rudeigin
eile: *tha an dath sin a' co-fhreagairt*
seo. 3 dèan mac-talla.

co-fhreagairt b.

co-fhulangach *buadhair*

coim. co-fhulangaiche

1 a thuigeas beachdan no
faireachdainnean cuideigin eile. 2
co-chòrdail; freagarrach do chèile.
co-fhulangas f.

cofhurtaich *gniomhair*

dèan cofhurtail; furtaitch.
cofhurtachadh f.

cofhurtail *buadhair*

coim. cofhurtaile

1 taitneach ri chleachdad, ri
chaitheamh, 7c. 2 saor o dhragh is
phian.

cofhurtachd b.

cogadh f.

gin. cogaidh iol. cogaidhean
sabaid eadar nàiseanan no arm;

ùine mhòr de leithid.

cogail *buadhair*

cogais b.

gin. cogaise iol. cogaisean
ag aithneachadh dè a tha ceàrr
agus dè a tha ceart.
cogaiseach *buadhair*

co-ghin *gniomhair*

aoaich le cuideigin eile air dòigh
ghineamhainn, mar as trice leis an
fhireannach a' cur a bhoid ann am
faighean a' bhoireannaich.

co-ghineadh f., co-ghineamhainn f.

co-ghniomhair f.

iol. co-ghniomhairean

facal a dh'innseas dhut ciamar,
cuine, càite, no carson a thachras
rudeigin: 's e co-ghniomhairean a
tha ann am facail mar 'a-staigh', 'a-
nochd', agus 'a dh'aitghearr'.
co-ghniomhaireil *buadhair*

coibhneas f.

gin. coibhneis

a bhith coibhneil.

coibhneil *buadhair*

coim. coibhneile

deas gu daoine eile a chuideach-
adh; càrdeil; còir; bàidheil.

coidse b.

iol. coidsichean

1 bus aon-lair a chleachdar air
tursan fada. 2 carbad tréana. 3
carbad air iomain le eich.

còig *buadhair* agus *ainmear*

an àireamh 5; a h-aon a bharrachd
air a ceithir: a còig; còig
mionaidean.

còig-cheàrnach f.

gin. còig-cheàrnaich iol. còig-

cheàrnachan

cumadh reidh le còig taobhan air.

còig-deug *buadhair agus ainmear*

an àireamh 15; a h-aon a bharrachd air a ceithir-deug; a *còig-deug; còig leabhairchean deug.*

còigeamh *buadhair*

leanaidh seo an ceathramh fear.

còigeamh deug *buadhair*

leanaidh seo an ceathramh fear deug.

còignear *f.* *agus b.*

a h-aon a bharrachd air ceathrar; *còignear chailleach.*

coigreach *f.*

gin. *agus iol.* **coigrich**

duine à dùthaich eile; eilthireach.

coigreach *buadhair*

coileach *f.*

gin. *agus iol.* **coilich**

eun fireann.

coileach-gaoithe *f.*

gin. *agus iol.* **coilich-ghaoithe**

innleachd a sheallas cò às a tha a' ghaoth a' tighinn.

coileach-Frangach *f.*

gin. **coilich-Fhrangaich** *iol.* **coilich-Fhrangach.**

eun-Frangach fireann.

coilean *f.*

gin. **coilein** *iol.* **coileanan**

comharradh (:) a chealachdar gus eisimpleirean, liostaichean, 7c, a thoirt a-steach.

coilean *gniomhair*

dèan gu buileach; cuir crioch air

rudeigin.

coileanadh *f.*

coileanta *buadhair*

air a choileanadh; sgileil; deas.

coilear *f.*

gin. **coileir** *iol.* **coilearan**

1 earrann buill-aodaich a thèid timcheall air d' amhaich. 2 bann amhaich airson beathaich.

coilion *gniomhair*

faic **coilean**

coilionadh *f.*

coill *b.*

1 cionta. 2 **cuir fon** **choill** cuir cuideigin air falbh às a' chomann san do rinn e cionta air choreigin.

coille *b.*

iol. **coilltean**

mòran chraobh a' fàs còmhla.

coillteach *buadhair*

coilleag *b.*

gin. **coilleig** *iol.* **coilleagan**

maorach bán a ghabhas ithe; srùban.

coillear *f.*

gin. **coilleir** *iol.* **coillearan**

cuideigin a bhios ag obair ann an coille, a' gearradh fiadha, 7c.

coimeas *f.*

gin. **coimeis**

1 an t-aon sheòrsa; coltas; leithid:

cha robh a choimeas ann. 2 an

coimeas ri seach: *chan eil seo cho*

math an coimeas ri sin.

coimeas *gniomhair*

dèan coimeas.

coimeas *f.*

coimeasach *buadhair**coim.* **coimeasaiche**

1 den aon sheòrsa; co-ionannach. 2 (gràmar) **buadhair** **coimeasach** buadhair a chuireas an dara rud an coimeas ris an rud eile: *tha 'làidire' na bhuadhair coimeasach ann an 'an duine as làidire' agus 'tha an duine seo nas làidire na an duine sin'*.

coimeasgaich *gniomhair*

measgaich gu buileach.

coimeasgachadh *f.***coimheach** *buadhair**coim.* **coimhiche**

1 neònach; àraig. 2 de no à dùthach eile.
coimhechas *f.*

coimheach *f.**gin.* agus *iol.* **coimhich**

coigreach.

coimhead *gniomhair*(no **coimhid**)

1 seall airson greiseig: *bha mi a' coimhead nan daoine a' dol seachad air an rathad; bha e a' coimhead air leabhar.* 2 **coimhead ri** feith ri, bi an dùil ri: *tha mi a' coimhead ris an t-samhradh.*
coimhead *f.*

coimhearsnach *f.**gin.* agus *iol.* **coimhairsnaich**

nàbaidh.

coimhairsnachd *b.**iol.* **coimhairsnachdan**

an t-àite no an sgìre timcheall.

coimheatailt *b.**gin.* **coimheatailte** *iol.* **coimheatailtean**

meatailt a chaidh a déanamh à measgachadh de mheatailtean.

coimhlion *gniomhair*faic **coilean****coimig** *buadhair*faic **comraig****coimpiutar** *f.**gin.* **coimpiutair** *iol.* **coimpiutaran** inneal a ni tomhasan, a dh'fhuasglas ceistean, 7c, gu-luath agus air a cheann fhèin; annalair.**coin** *f.*faic fo **cù****coinean** *f.**gin.* agus *iol.* **coinein**
coineanach.**coineanach** *f.**gin.* agus *iol.* **coineanaich**
beathach molach agus cluasan fada air; rabaid.**còinneach** *b.**gin.* **còinnich**

luibh a dh'fhàsas ann an àitichean fluecha agus air nach bi blàthan.

coinneachadh *f.**gin.* **coinneachaidh**
a' tighinn còmhla à àitichean cedar-dhealaichte.**coinneal** *b.**gin.* **coinnle** *iol.* **coinnlean**

bioran cèire agus siobhag troimhe a bhios a' leigeil solas nuair a bhios e a' losgadh.

coinneamh *b.**gin.* **coinneimh** *iol.* **coinneamhan**

1 àm nuair a thig daoine còmhla gus còmhradh, deasbad, 7c, a dhèanamh: *bha coinneamh ùrnraigh anns an eaglais a-raoir.* 2 **an**

coinneimh gu; a choinneachadh ri.
3 mu **coinneimh** an aghaidh.

coinnich *gniomhair*

thig còmhla à àitichean eadar-dhealaichte: *choinnich mi ris anns a' bhùth an-dè*.

coinneachadh f.

coinnleir f.

iol. **coinnleirean**

innleachd a chumas coinneal no coinnlean.

co-ionann *buadhair*

coltach; den aon sheòrsa: *tha tri agus trì co-ionann ri sia (3 + 3 = 6)*.

co-ionannachd b.

co-ionannach *buadhair*

coim. **co-ionannaiche**

co-ionann.

co-ionnan *buadhair*

faic **co-ionann**

còir b.

gin. **còire, còrach** *iol.* **còraichean**
1 rudeigin a tha ceart is cothromach: *bu chòir dhomh falbh an-dràsta; chan eil còir agad sin a dhèanamh*. 2 ceartas. 3 cuid: *tuilleadh's a' chòir*.

còir *buadhair*

coim. **còire**

coibhneil; laghach; snog; deas: *duine còir*.

coirce f.

gràn às an dèanar biadh do dhaoine agus do bheathaichean: *tha lite air a dèanamh à coirce*.

coire b.

iol. **coireannan**

1 rudeigin an aghaidh an lagha; rudeigin a tha ceàrr; cron. 2 ag ràdh gu bheil duine no nì as adhbhar do rudeigin a tha ceàrr.

coire f.¹

iol. **coireachan**

1 soitheach meatailt le cluais agus feadan air, air a chleachdadh airson uisge a ghoil. 2 soitheach mòr cruinn airson nithean a ghoil.

coire f.²

iol. **coireachan**

glac no gleann cruinn am measg bheann.

coireach *buadhair*

coim. **coiriche**

1 air a bheil an coire; ciontach. 2 as **coireach** as adhbhar: *cò a bu choireach ri sin?; dè as coireach nach eil thu a' dol ann còmhla riinn?* **coireachd** b.

coireach f.

gin. agus *iol.* **coirich**

cuideigin a nì coire; eucorach..

coireachadh f.

gin. **coireachaidh**

a' deasachadh; a' rèiteachadh.

coireachadh f.

gin. **coireachaidh**

a' cur coire air cuideigin.

coireachail *buadhair*

coim. **coireachaile**

a lorgas coireannan.

coirich *gniomhair*

cuir coire air cuideigin.

coireachadh f.

còirich gniomhair
deasaich; réitich.
còireachadh f.

coiridh f.
biadh air a dhèanamh le spòsraidh
a bheir blas teth dha.

coiseachd b.
a' gluasad no a' siubhal air do
chasan air astar ábhaisteach; a'
gabhall ceum.

coisich gniomhair
gluais no siubhail air do chasan air
astar ábhaisteach; gabh ceum:
choisich am bodach sìos an rathad.
coiseachd b.

coisinn gniomhair
1 faigh rudeigin le bhith ag obair
air a shon: *bidh e a' cosnadh airgead
math an-diugh.* 2 faigh rudeigin
mar dhuais; buannaich.
cosnadh f.

còisir b.
gin. còisire, còisre iol. còisirean
1 còisir-chiùil. 2 còmhlan de luchd-
ciùil.

còisir-chiùil b.
gin. còisir-ciùil iol. còisirean-ciùil
còmhlan sheinneadairean.

coisrig gniomhair
1 can gu bheil rudeigin naomh:
*chaidh an togalach a choisrigeadh
mar eaglais.* 2 thoir seachad gu
buileach: *choisrig i a beatha gus an
obair sin.* 3 thoir iomradh air ainm
cuideigin aig toiseach leabhair, 7c,
mar shambla air càirdeas no taing.
coisrigeadh f.

coisrigte buadhair
naomh; air a choisrigeadh.

coitcheann buadhair

coim. coitcheanna
1 a' buntainn don a h-uile duine; air
a chluinnntinn no air fhaicinn leis a
h-uile duine. 2 cumanta;
ábhaisteach.

coitcheanta buadhair
co-ionann ri **coitcheann**.

coitheanal f.
gin. coitheanail iol. coitheanalan
na daoine a' gabhall páirt ann an
seirbhéis eaglaise.

co-là-breith f.
iol. co-làithean-breith
cuimhneachan air an là a rugadh
duine; ceann-bliadhna.

cola-deug f.
còig là deug; dà sheachdain.

colag b.
gin. colraig iol. colagan
càl le ceann mòr de bhlàthan geal
air.

colaiste b.
iol. colaistean
àite san lean daoine orra rudeigin
ionnsachadh an déidh dhaibh an
sgoil fhàgail.

colann b.
gin. colainn, colna iol. colainneann
corp; bodhaig.

colbh f.
gin. agus iol. cuilbh
1 staca. 2 rudeigin a tha fada agus
caol: *sgríobh e colbh anns a'*
phàipear-naidheachd.

collach buadhair
faic **coltach**

Collach *f.*

gin. agus *iol.* Collaich
neach à Colla.
Collach *buadhair*

collas *f.*

faic *coltas*

coltach *buadhair*

coim. coltaiche
den aon sheòrsa; den aon dreach;
den aon choltas: *tha i glè choltach ri*
màthair.

coltas *f.*

gin. coltais

1 mar a tha rudeigin no cuideigin a'
coimhead; dreach: *dè an coltas a*
bha oirre?; *dè as coltas dhith?* 2 an
t-aon sheòrsa; coimeas; leithid. 3 a
bhith an dùil: *a rèir coltais, bidh i*
tioram an-diugh.

com *f.*

gin. agus *iol.* cuim

broilleach; bodhaig duine, gun a
bhith a' gabhail a' chinn, nan
gàirdeanan, no nan casan a-steach.

coma *buadhair*

1 gun a bhith toilichte no mì-
thoilichte; gun a bhith a' gabhail
dragh; gun a bhith a' gabhail suim
ann an rudeigin: *tha mi coma;* *is*
coma leam sin; *coma leat!* 2 **nach**
coma! chan eil e gu diosfar!

comaig *buadhair*

coim. comage
éibhinn; ábhachdach.

comaig *f.*¹

iol. comagean
cuideigin a tha éibhinn; cuideigin a
tha làn fealla-dhà.

comaig *f.*²

iol. comagean
pàipear-éibhinn.

comain *b.*

iol. comainean

1 rudeigin a dh'fheumas tu a
dhèanamh; dileastanas. 2 fiachan:
tha mi fada nad chomain airson na
rinn thu dhomh.

comaineach *buadhair*

comain *f.*

iol. comainean
comanachadh.

comanaich *gniomhair*

com-pàirtich anns an deas-ghnàth
Chriosdail, san gabhar fion agus
aran beannaichte.
comanachadh *f.*

comanaiche *f.*

iol. comanaichean

cuideigin a chom-pàirticheas anns
a' chomanachadh.

comann *f.*

gin. agus *iol.* comainn

1 daoine a' fuireach còmhla ann an
còmhlan no ann an cinneadh; co-
chomann. 2 buidheann.

comannach *buadhair*

coim. comonnaiche

de no ceangailte ri co-chomann;
sòisealta.

comar *f.*

gin. comair *iol.* comaran
inbhír.

comas *f.*

gin. comais

gun urrainn dhut rudeigin a
dhèanamh; an cumhachd agus an
sgil airson rudeigin a dhèanamh:

*tha comas bruidhinn aig an leanabh
mu thràth; comas inntinn.*

comasach buadhair

coim. **comasaiche**

comas a bhith agad: *tha an gille gu
math comasach aig an sgoil.*

comataidh b.

iol. **comataidhean**

còmhlan dhaoine air an suidheachadh
gus rudeigin sònraichte a
dhèanamh.

combaist b.

gin. **combaiste iol.** **combaistean**

inneal a sheallas dhut càite a bheil
an àird a tuath, 7c.

comh- ro-leasachan

faic **co-**

comhachag b.

gin. **comhachaig iol.** **comhachagan**
seòrsa caillich-oidhche; cailleach-oidhche.

comhair b.

1 seòladh; àird. 2 an comhair a'
chinn a' gluasad no a' tuiteam leis a'
cheann aig an toiseach: *thuit e an
comhair a chinn.* 3 an comhair a'
chùil a' gluasad leis a' chùl air
thoiseach. 4 fa **chomhair** an
aghaidh.

comhairle b.

iol. **comhairlean**

1 am beachd a bheir duine dhut air
dè a nì thu no dè a bu chòir dhut a
dhèanamh. 2 còmhlan dhaoine air
an taghadh gus rudeigin a
dhèanamh, gus còmhradh mu
dheidhinn rudeigin, 7c.

comhairleach f.

gin. agus *iol.* **comhairlich**

cuideigin a bheir comhairle dhut.

comhairlich gniomhair

thoir comhairle do chuideigin.

comhairleachadh f.**comhairliche f.**

iol. **comhairlichean**

neach air a thaghadh gus suidhe air
comhairle.

comhaois f.

iol. **comhaoisean**

cuideigin a tha an aon aois riut
fhèin: *mo chomhaoisean.*

comhaoiseach buadhair**comharra f.**

co-ionann ri **comharradh.**

comharrachadh f.

gin. **comharrachaidh**

1 a' cur stràc, àireamh, litir, 7c, air
rudeigin gus dealachadh a
dhèanamh eadar e fhèin agus
rudeigin eile. 2 a' ceartachadh. 3 a'
mothachadh.

comharradh f.

gin. **comharrайдh** *iol.*

comharraidhean

1 ball, loidhne, smal air rudeigin. 2
àireamh, litir, 7c, air a chur air pios
obrach gus sealltainn gu bheil e
ceart. 3 ni a riochdaicheas rudeigin;
samhladh.

comharradh-ceiste f.

gin. **comharrайдh-ceiste** *iol.*

comharraidhean-ceiste

an comharradh ? a chuirear an
dèidh ceiste.

comharrach gniomhair

1 cuir stràc, àireamh, litir, 7c, air rudeigin gus dealachadh a dhéanamh eadar e fhèin agus rudeigin eile. 2 ceartaich. 3 mothach.

comharrachadh f.

comhart f.

gin. **comhart iol.** **comhartan**
am suaim a nì cù, sionnach, 7c.

comhartaich b.

gin. **comhartaiche**

a' déanamh chomhartan: *bha an cù ud a' comhartaich fad na h-oidhche.*

còmhdaich f.

gin. **còmhdaich iol.** **còmhdaichean**
rudeigin a chòmhdaicheas; brat.

còmhdaich gniomhair

cuir aon rud air mullach air no timcheall air rud eile.

còmhdauchadh f.

còmhdaichte buadhair

air a chòmhdauchadh.

còmhdailean b.

gin. **còmhdaileach iol.** **còmhdailean**
coinneamh mhòr airson còmhraidh.

co mheud co-ghniomhair

cò an àireamh: *co mheud duine a tha againn sa chlas?*

còmhla co-ghniomhair

1 le nì no neach eile; le chèile: *bidh an dithis aca a' dol don sgoil còmhla.*
2 ri chèile; air an ceangal.
3 **còmhla ri** le.

còmhla f.

(no **còmhladh**)

gin. **còmhlaideh iol.** **còmhlaidean**

nì a dhùineas agus a dh'fhosglas ann an doras; doras.

còmhladh co-ghniomhair

co-ionann ri **còmhla**.

còmhlàn f.

gin. agus *iol.* **còmhlain**

1 àireamh dhaoine, bheathaichean, no nithean a bhuineas do chèile air dòigh air choreigin; buidheann. 2 aonad beag de shaighdearan.

còmhlàn-ciùil f.

gin. agus *iol.* **còmhlain-chiùil**
còmhlàn de luchd-ciùil.

còmhla ri roimhean (+ tabh.)

cuide ri; maille ri; le.

còmhnaidh b.

gin. **còmhnaidhe iol.** **còmhnaidhean**

1 an t-àite sam bi thu a' fuireach; taigh; fàrdach. 2 a' fuireach: *bha e a' còmhnaidh anns a' bhaile seo nuair a bha na bhalach.* 3 **an-còmhnaidh** daonnan.

còmhnard buadhair

coim. **còmhnaerde**

1 a' dol bho thaobh gu taobh. 2 rèidh.

còmhnard f.

gin. **còmhnaird iol.** **còmhnardan**
âite rèidh; talamh rèidh; blàr.

còmhradh f.

gin. **còmhraidh iol.** **còmhraidhean**
bruidhinn eadar dithis no barrachd.

còmhrag b.

gin. **còmhraig iol.** **còmhragan**
sabaid; cath; stri.

còmhrag-dithis *b.*

gin. còmhraig-dithis *iol.*
 còmhragan-dithis
 còmhrag eadar dithis.

còmhraig *gniomhair*

dèan còmhrag no sabaid.
 còmhraigeadh *f.*

còmhraiteach *buadhair*

coim. còmhraithe
 math air còmhradh; a' bruidhinn
 gu mòr.

còmhstri *b.*

iol. còmhstrithean
 aimhreit fhuaimneach; stri chud-
 thromach; còmhrag.

com-pàirt *b.*

gin. com-pàirte *iol.* com-pàirtean
 a bhith a' gabhail pàirt ann an
 rudeigin; com-pàirteachadh.

com-pàrtich *gniomhair*

1 thoir naidheachd, fiosrachadh,
 beachdan, 7c, do dhaoine eile. 2
 gabh pàirt ann an rudeigin. 3 cluich
 ceòl airson seinneadair, 7c.
 com-pàirteachadh *f.*, com-pàrtiche
f.

companach *f.*

gin. agus *iol.* companaich
 caraid a tha còmhla riut.

compañaidh *f.* agus *b.*

iol. compañaidean
 buidheann; cuideachd.

companas *f.*

gin. companais
 caidreabh.

computar *f.*

airson coimpiutar

comraich *b.*

gin. comraiche *iol.* comraichean
 fasgadh; dion; àite sàbhailte.

comraig *gniomhair*

dòn.
 comraich *b.*

con *f.*

faic fo cù

còn *f.*

iol. cònaichean
 1 nì a tha cruinn aig a' bhonn agus
 biorach aig a' mhullach. 2 còn
 reòiteig.

cònach *buadhair*

conaire *b.*

iol. conairean
 paidirean.

co-naisg *gniomhair*

ceangail nithean ri chèile.
 co-nasgadh *f.*

conaltrach *buadhair*

coim. conaltraiche
 dèidheil air daoine, còmhradh, 7c;
 càirdeil.

conaltradh *f.*

gin. conaltraidh
 1 còmhradh. 2 a bhith dèidheil air
 daoine a bhith còmhlà riut.

conasg *f.*

gin. conaisg
 preas gathach le blàthan beaga
 buidhe air.

co-nasgadh *f.*

gin. co-nasgaidh *iol.* co-nasgaidhean
 a' ceangal nithean ri chèile;
 ceangal.

conastabal f.

gin. conastabail *iol.* conastabalan
ball coitcheann den pholas.

connadh f.

gin. connaidh
rudeigin a thèid a losgadh airson
teas no cumhachd a dhèanamh: 's e
connadh a tha ann an gual agus ola.

connadh-làmhaich f.

gin. connaidh-làmhaich
nithean spreadhaidh mar pheil-
earan, 7c, a chleachdar ann an
còmhraig.

connlach b.

gin. connlach
na gasan tioram de dh'arbhar an
dèidh dhà bhith air a bhuan.

cònnrag f.

gin. cònnraig *iol.* cònnragan
consan.

connsaich gniomhair

dèan trod; dèan argamaid.
connsachadh f.

connspeach b.

iol. connspeachan
1 seòrsa mòr de speach. 2 speach.

connspaid b.

iol. connspaidean
deasbad; argamaid; còmhstri.

conntraigh b.

gin. connraighe *iol.* connraighean
an seòl-mara as isle.

consal f.

gin. consail *iol.* consalan
riochdaire oifigeil à aon dùthaich a
bhios a' còmhnaidh ann an
dùthaich eile.
consalach buadhair

consan f.

gin. agus *iol.* consain
litir nach eil na fhuaimreig: *san*
fhacal 'cathair', tha c t h agus r nan
consain.

co-obraich gniomhair

dèan rudeigin còmhla ri cuideigin
eile.

co-obrachadh f.**co-ogha** f.

iol. co-oghachan, co-oghaichean
páiste do bhràthair no phiuthar
dhad phàrantan.

co-oibrich gniomhair

co-ionann ri **co-obraich**.
co-obair b., co-oibreachadh f.

co-oibriche f.

iol. co-oibrichean
cuideigin a dh'obraicheas còmhla
ri duine no daoine eile.

cop f.

gin. cuip, cop
meall geal de bhulgeanan geala air
no ann an lionn; cobhar.
copach

còp gniomhair

1 tionndaidh rudeigin bun-os-
cionn. 2 cuir rudeigin air an oir
aige. 3 fág salchar, 7c, an àiteigin.
còpadh f.

copag b.

gin. copaig *iol.* copagan
luibh le freumh fada agus
duilleagan leathan air.

copan f.

gin. copain *iol.* copanan
cupa; cùp.

copar *f.*

gin. **copair**

meatailt ruadh-dhonn: *cleachdar copar gus uèir, buinn airgid, 7c, a dhèanamh.*

cor *f.*

gin. **coir, cuir**

1 mar a tha cuideigin no rudeigin; staid: *dè do chor?* 2 beart, tachartas, 7c, co-cheangailte ri duine no nì; cuis: *na dean sin air chor sam bith.* 3 **air choreigin** no fear no té eile: *là air choreigin; duine air choreigin.* 4 **air chor** is gu cho fad is gu.

corca *f.*

co-ionann ri coirce.

corcraig *buadhair*

dath dorch eadar dearg agus gorm; purpaidh.

corcais *b.*

iol. **corcaisean**

ceann botail; àrc.

còrd *f.*

gin. agus *iol.* **cùird**

ròpa tana.

còrd *gniomhair*

1 déan toilichte, aoibhneach, 7c: *a bheil e a' còrdadh riut?; chòrd sin rium uabhasach math.* 2 smaoinich an t-aon rud ri cuideigin eile; aontaich.

còrdadh *f.*

coreigin *riochdair*

faic air **choreigin**

còrn *f.*

gin. agus *iol.* **cùrn**

1 meall beag cruaidh air do chois. 2 adharc air a chleachdadhbh mar

chupa. 3 inneal-ciùil praise a bhios tu a' seòideadh.

Còrnach *f.*

gin. agus *iol.* **Còrnach**

neach às a' Chòrn.

Còrnach *buadhair*

còrnair *f.*

iol. **còrnairean**

cùil; uilinn.

coron *f.*

gin. **coroin** *iol.* **coronan**

crùn.

corp *f.*

gin. agus *iol.* **cuirp**

1 craiceann, feòil, cnàmhan, 7c, de chreutair sam bith. 2 corp duine; bodhaig. 2 corp duine a tha marbh; marbhán.

corpailear *f.*

gin. **corpaileir** *iol.* **corpailearan**

saighdear direach fo shàirdseant.

còrr *f.*

1 na tha air fhàgail, air aon taobh, 7c; fuigheall: *an ith thu an còrr den bhiadh?* 2 **còrr** is barrachd air.

corra *buadhair*

gun a bhith fad na tide; a thachras an-dràsta is a-rithist: *thèid mi don bhaile-mhòr corra uair san t-seachd-ain.*

corra-biod *ainmear*

1 corragan na coise: *bha e air a chorra-biod.* 2 **an corra-biod** mi-shoighidneach; gearanach.

corrach *buadhair*

coim. **corraiche**

1 neo-rèidh. 2 cas. 3 neo-sheasmhach.

corrach-shod *b.**gin.* **corraich-shod**luibh le blàth buidhe air, a
dh'fhàsas ann an àitichean boga.**corrag** *b.**gin.* **corraig** *iol.* **corragan**

meur làimhe no meur coise.

corra-ghlas *b.**gin.* **corra-ghlais** *iol.* **corra-ghlasan**co-ionann ri **corra-ghritheach**.**corra-ghritheach** *b.**gin.* **corra-grithich** *iol.* **corrachan-**
gritheacheun-tràghad le casan agus amhaich
fhada air, a bhios a' biathadh ann
an uisge.**corra-mhonaidh** *b.**gin.* **corra-monaidh** *iol.* **corrachan-**
monaidheun mòr le amhaich fhada agus
casan fada caol air.**corran** *f.**gin.* agus *iol.* **corrain**1 ball-acfhainn mar speal bhig a
chumas tu nad làimh. 2 rubha
cruinn.**còrr is** *co-ghniomhair*barrachd is; barrachd air: *tha còrr*
*is fichead nota agam sa bhanca.***còrr-mhial** *b.**gin.* **còrr-mhiala** *iol.* **còrr-mhialan**
seòrsa cuileig a bhios a' bideadh.**còs** *f.**gin.* **còis** *iol.* **còsan**

àite còsach; lag.

còsach *buadhair**coim.* **còsaiche**le àite falamh na bhroinn; gun a
bhith teann; falamh.**cosamhlachd** *b.**iol.* **cosamhlachdan**1 sgeulachd air a h-innseadh gus
rudeigin a theagascg. 2 co-
ionannachd.**cosg** *gniomhair*bi air pris àraidh: *cosgaidh seo dà*
*nota.**cosg f., cosgadh f.***cosgail** *buadhair**coim.* **cosgaile**

a' cosg mòran airgid.

cosgais *b.**gin.* **cosgaise** *iol.* **cosgaisean**
pris rudeigin.**co-sheirm** *b.**gin.* **co-sheirme**co-aontachadh taitneach de
dh'fhuaimean ceòlmhor.**co-sheirmeach** *buadhair***co-shìnte** *buadhair*de loidhnichean a bhios an-
còmhnaidh aig an aon astar bho
chèile.**cosmhail** *buadhair**coim.* **cosmhale**

coltach; co-ionann.

cosmhalachd *b.*co-ionann ri **cosamhlachd**.**cosnadh** *f.**gin.* **cosnaidh** *iol.* **cosnaidhean**a' faighinn rudeigin, gu h-àraidh
airgead, le bhith ag obair air a
shon; obair.

cost gniomhair

co-ionann ri **cosg.**
cost f., **costadh** f.

costa f.

iol. **costaichean**
oirthir.

cot b.

gin. **cota** *iol.* **cotaichean**
leabaidh leanaibh air a bheil
taobhan àrda.

còta f.

iol. **cotaichean**
ball-aodaich le muinichillean air, a
chaitheas tu air mullach aodaich
eile.

còta-bàn f.

gin. **cota-bhàin** *iol.* **cotaichean-bàna**
aodach boireannaich air a chaith-
eamh fo dhreas no sgiort.

còta-leapa f.

iol. **cotaichean-leapa**
ball-aodaich sgaoilte a chaitheas tu
air mullach aodaich-oidhche.

cotan f.¹

gin. **cotain**
canach.

cotan f.²

gin. agus *iol.* **cotain**
crò no fasgadh beag airson laoigh
no beathaich eile.

cothaich gniomhair

1 coisinn; buannaich. 2 dèan
argamaid. 3 dèan stri; gleac.
cothachadh f.

cothrom f.

gin. **cothruim** *iol.* **cothroman**
1 àm nuair a gheibh thu air
rudeigin a dhèanamh nach shaigh

thu air a dhèanamh aig amannan
eile; fàth: *nì mi sin nuair a bhios an*
cothrom agam. 2 cor: *tha e an*
cothrom math. 3 sreath de
chomharraighean, no de dh'irean
airson rudeigin a thomhas; inneal-
tomhais; meidh. 4 ceartas.

cothromach buadhair

coim. **cothromaiche**
1 ceart; deas. 2 co-ionannach. 3 ri
dhèanamh; freagarrach.
cothromachd b.

cothromaich gniomhair

1 dèan no bi co-ionann; cuir air
mheidh. 2 dèan tomhas. 3 dèan no
bi seasmhach; suidhich.
cothromachadh f.

co-thuit gniomhair

tachair aig an aon àm ri rudeigin
eile.
co-thuiteam f.

co-thuiteamas f.

gin. **co-thuiteamais** *iol.* **co-**
thuiteamasan
rudeigin a thachair no a thachras
aig an aon àm ri rudeigin eile.

cràbhach buadhair

coim. **cràbhaiche**
diadhaidh.

cràdh f.

gin. **cràidh**
pian; goirtreas.

cràg b.

co-ionann ri **cròg.**

cragan f.

co-ionann ri **crogan.**

craiceann f.

gin. **craiginn**, **craigne** *iol.* **craignean**

1 còmhach a-muigh de chorp neach no beathaich. 2 còmhach a-muigh de mheas no glasraich. 3 craiceann air fàs air mullach lionna.

cràidh gnìomhair
lèir; goirtich.
cràdh *f.*

cràidh-teach buadhair
faic **cràiteach**

cràiteach buadhair
coim. **cràitiche**
pianail; dòrainneach.

crann *f.*
gin. agus *iol.* **crainn**

1 pòs fada de stuth cruaidh: *crann meatailt*; *crann fiolla*. 2 bioran meatailt air an cuirear cnò. 3 inneal airson treabhaidh. 4 pòla air bàta air an cuirear seòl. 5 craobh. 6 inneal airson nithean trom a thogail no a ghlusasad. 7 crois shiarach, mar air bratach na h-Albann. 8 **an Crann** bratach na h-Albann. 9 **cuir crann** déan roghainn le bhith a' taghadh an dara leth de bhonn airgid nuair a thilgear san adhar, no le bhith a' taghadh shràbh, 7c.

crannag *b.*
gin. **crannraig** *iol.* **crannagan**
1 muidhe. 2 cùbaid.

Crann-arain *f.*
gin. **crainn-arain**
an còmhlan de na seachd reultan as soilleire san reul-bhad *Ursa Major*.

crann-ceusaidh *f.*
gin. agus *iol.* **crainn-cheusaidh**
1 innleachd mar chrois air an ceusadh daoine. 2 **an Crann-**

Ceusaidh a' chrois air an deach Criod a cheusadh, air a chleachdadh mar shamhla air Criosalachd.

crann-fiona *f.*

gin. **crainn-fiona**
luibh air am fàs dearcan às an déanar fion.

crann-ola *f.*

gin. agus *iol.* **crainn-ola**
innleachd airson ola a thoirt a-mach às an talamh.

crann-sgaoilidh *f.*

gin. agus *iol.* **crainn-sgaoilidh**
innleachd airson dealbhan tele-bhisein, 7c, a chraobh-sgaoileadh.

crann-tarsainn *f.*

gin. agus *iol.* **crainn-tharsainn**
crann còmhnràd, gu h-àraidh fear eadar dà chrann dhireach.

craobh *b.*

gin. **craoibhe** *iol.* **craobhan**
luibh àrd air a bheil duilleagan, meangain, agus stoc reamhar fiadhach; crann.

craobhag *b.*

gin. **craobhaig** *iol.* **craobhagan**
1 craobh bheag. 2 doire.

craobh-àirc *b.*

gin. **craoibh-àirc** *iol.* **craobhan-àirc**
craobh air a bheil rùsg aotrom a chleachdar airson àrcan a dhèanamh.

craobh-aitinn *b.*

gin. **craoibh-aitinn** *iol.* **craobhan-aitinn**
craobh shior-uaine le dearcan puinnseanach oirre; craobh-staoine.

craobh-bheithe *b.*

gin. craoibh-beithe *iol.* craobhan-beithe
craobh sheargach le meangan
chaola oirre.

craobh-challtann *b.*

gin. craoibh-calltann *iol.* craobhan-calltann
craobh bheag le cnothan oirre.

craobh-chaorainn *b.*

gin. craoibh-caorainn *iol.* craobhan-caorainn
craobh le dearan beag dearg oirre.

craobh-chrithinn *b.*

gin. craoibh-crithinn *iol.* craobhan-crithinn
craobh le duilleagan oirre a bhios
air chrith.

craobh-chuilinn *b.*

gin. craoibh-cuilinn *iol.* craobhan-cuilinn
craobh shior-uaine le duilleagan
gathach oirre.

craobh-dharaich *b.*

gin. craoibh-daraich *iol.* craobhan-daraich
craobh le dearan glas searbh oirre,
a bhios a' fàs ann an cochaill mar
chupannan.

craobh-fhaidhbhile *b.*

gin. craoibh-faidhbhile *iol.*
craobhan-faidhbhile
craobh le rùsg min agus duilleagan
liomharra oirre.

craobh-fheàrna *b.*

gin. craoibh-fearna *iol.* craobhan-fearna
craobh a gheibhear mar as trice
faisg air uisge.

craobh-gheanmchnò *b.*

gin. craoibh-gheanmchnò *iol.*
craobhan-gheanmchnò
craobh air a bheil cnothan mòra
ann an cochaill ghathach, ach a
dh'fhàsas cruaidh agus donn nuair
a thioramaicheas iad.

craobh-ghiuthais *b.*

gin. craoibh-ghiuthais *iol.* craobhan-
ghiuthais
craobh shior-uaine le duilleagan
mar shnàthadan oirre.

craobh-iubhair *b.*

gin. craoibh-iubhair *iol.* craobhan-
iubhair
craobh shior-uaine le dearan
dearg oirre.

craobh-leamhain *b.*

gin. craoibh-leamhain *iol.*
craobhan-leamhain
craobh àrd le duilleagan garbh
oirre.

craobh-mheas *b.*

gin. craoibh-meas *iol.* craobhan-
meas
craobh sam bith air am fàs meas.

craobh-phailm *b.*

gin. craoibh-pailm *iol.* craobhan-
pailm
craobh chrioch-ghrèineach air a
bheil duilleagan mòra.

craobh-ruise *b.*

gin. craoibh-ruise *iol.* craobhan-
ruise
craobh bheag le blàthán geal agus
dearcan dubh oirre.

craobh-sgaoil *gniomhair*

cuir fiosrachadh gu iomadh àite no
duine, m.e. le bhith a' cleachdadh

rèidio no telebhisean.

craobh-sgaoileadh f.

craobh-sgithich b.

gin. **craobh-sgithich** *iol.* **craobhan-**
sgithich

craobh ghathach le dearcan ruadh
oirre.

craobh-sheilich b.

gin. **craobh-seilich** *iol.* **craobhan-**
seilich

craobh le geugan caola oirre a thèid
an lùbadh gu furasta.

craobh le meanganan caola a
ghabhas lùbadh gu furasta.

craobh-sheudair b.

gin. **craobh-sheudair** *iol.* **craobhan-**
sheudair

craobh shior-uaine le fiadh cruaidh
cùbhraidih innte.

craobh-staoine b.

gin. **craobh-staoine** *iol.* **craobhan-**
staoine

craobh-aitinn.

craobh-ubhail b.

gin. **craobh-ubhail** *iol.* **craobhan-**
ubhail

craobh sheargach le meas cruinn
dearg, buidhe, no uaine oirre.

craobh-uinnsinn b.

gin. **craobh-uinnsinn** *iol.* **craobhan-**
uinnsinn

craobh le rùsg airgeadach agus siol
mar dhà sgèith oirre.

craos f.

gin. **craois** *iol.* **craosan**

1 clab. **2** a dh'itheas cus.

craosach buadhair

coim. **craosachte**

1 ag ithe cus; geòcach. **2** clabach.

craosaire f.

iol. **craosairean**

geòcaire.

crasg b.

gin. **craisg** *iol.* **crasgan**

bata fada a thèid fo achlais duine a
tha bacach.

crasgach buadhair

coim. **crasgaiche**

1 fiarach; a thèid tarsainn.

2 cearbach; tomadach.

crasgag b.

gin. **crasgaig** *iol.* **crasgagan**

beathach-mara air chumadh réil.

crath gniomhair

1 gluais gu luath sios is suas no bho
thaobh gu taobh: *chrath i a làmh*
ris. **2** bi air chrith.

crathadh f.

crathadair f.

iol. **crathadairean**

innleachd airson rudeigin a
chrathadh: *crathadair-uisge*.

crè b.

co-ionann ri **crèadh**.

creach b.

gin. **creiche** *iol.* **creachan**

1 nithean a chaidh an goid. **2**
sgrios. **3** **mo chreach!** clisgear a
chleachdar gus bròn no jongnadh a
shealltainn.

creachach buadhair

creach gniomhair

goid, spùinn, gu h-àraigd an àm

cogaidh.

creachadh f.

creachan f.

gin. **creachain** *iol.* **creachanan**

maorach mòr, mar choilleig mhòir.

creachann f.

gin. creachainn *iol.* creachann
beinn chreagach.

crèadh b.

gin. crèadha, crèadhadh
seòrsa de dh'ùir ghlaodhaich.
crèadhach buadhair

crèadhadaireachd b.

poitean, cupannan, truinnsearan,
7c, air an dèanamh à crèadh
fhuinte.

creag b.

gin. creige *iol.* creagan
1 clach mhòr; cnap mòr cloiche. 2
cnoc beag. 3 àite cas os cionn na
mara.

creagach buadhair

creagach f.

gin. creagaich
ag iasgach bho chreagan ri taobh
na mara.

creagan f.

gin. creagain *iol.* creagain,
creaganan
cnoc; tom.

creag-ola b.

gin. creig-ola
ola a gheibhear fo thalamh, a
chleachdar gus peatrain agus
paireafain a dhèanamh.

creamh f.

gin. creamha
luibh coltach ri winnean.

creamh-gàrraidh f.

gin. creamh-ghàrraidh
glasraich air a bheil duilleagan fada
agus blas uinnean.

crèana b.

iol. crèanaichean
crann.

creathail b.

gin. creathaile *iol.* creathailean
1 cot do naoidhean. 2 cèis no
structair a chumas rudeigin suas.

creathlag b.

gin. creathlaig *iol.* creathlagan
faic creithleag

crèibeilt f.

iol. crèibeiltean
gartan.

creic gnìomhair

co-ionann ri reic.

creid gnìomhair

1 smaoinich gu bheil rudeigin fior
no gu bheil cuideigin ag innseadh
na firinn.

2 bi den bheachd: *cha chreid mi
nach bi an t-uisge ann an-diugh.*
creidsinn f.

creideamh f.

gin. creideimh *iol.* creideamhan
1 rudeigin a chreideas tu. 2 na bhios
duine a' creidsinn mu Dhia no
dhiathan agus mar a nì e adhradh;
diadhachd.

creidmheach buadhair

creideas f.

gin. creideis
creidsinn; earbsa: *cha toir mi
creideas dhà.*
creideasach buadhair

creidhean f.

gin. creidhein *iol.* creidheanan
cailc no peansail a tha dathte.

creids f.

airson creidsinn

creidsinn f.

1 a' smaoineachadh gu bheil
rudeigin fior no gu bheil cuideigin
ag innseadh na firinn. 2 a bhith de
bheachd àraidh.

creim gniomhair

gabb bidean beaga de rudeigin;
spiol.
creimeadh f.

crèis b.

gin. **crèise**
sail,
crèiseach buadhair

creithleag b.

gin. **creithleig** iol. **creithleagan**
fride itealachaidh a bhios a'
deoghal fuil.

creubh f.

gin. **crèibh**, **creubha** iol. **creubhan**
1 corp; marbhán. 2 creutair. 3 co-
ionann ri crè.

creubhag b.

gin. **creubhaig** iol. **creubhagan**
1 corp beag; creubh beag. 2 mo
chreubhag! abairt a chleachdar gus
iongnadh, eagal, 7c, a shealltainn.

creud b.

gin. **creuda** iol. **creudan**
sreach no cunnatas de
chreideamhan.

creutair f.

iol. **creutairean**
beathach no duine beò; ainmhidh;
beathach.

criadh b.

faic crèadh

criathar f.

gin. **criathair** iol. **criatharan**
siolachan, gu h-àraidh fear a
chleachdar anns a' ghàrradh.

criathraich gniomhair

cleachd criathar; siolaidh.
criathrachadh f.

cridhe f.*iol.* **cridheachan**

1 roinn na bodhaige a chuireas an
shuil mun cuairt. 2 meadhan
rudeigin. 3 cruadal.

cridheil buadhair*coim.* **cridheile**

1 sona; suilbhír; sunndach. 2
misneachail; dàna.
cridhealas f.

crioch b.*gin.* **criche** iol. **criochan**

1 an earrann mu dheireadh de
rudeigin; deireadh, ceann. 2
loidhne no puing air nach fhaigh
thu seachad, no air nach bu chòir
dhut a bhith a' dol seachad; iomall.
3 loidhne a sheallas iomall, m.e.
eadar dà dhùthaich.

crioch-ghrèine b.*gin.* **crìch-gréine** iol. **criochan-gréine**

1 loidhne mu 23½ de phuingean
deas no tuath air a' mheadhan-
chearcall. 2 na **criochan-gréine** an
t-àite eadar na loidhnichean seo.
crioch-ghrèineach buadhair

criochnaich gniomhair

cuir crioch air rudeigin; déan
rudeigin deiseil.

criochnachadh f.**criochnaichte** buadhair

air a criochnachadh.

criogaid b.

gin. **criogaide**
cnagair.

criom *gniomhair*

co-ionann ri **creim**.
criomadh f.

criomag b

pios; mìr.

crion *buadhair*

coim. **crine**
tioram; seargach; fàs.

crion *gniomhair*

fàs tioram; caith; searg.
crionadh f.

crioplach f.

gin. agus *iol.* **crioplaich**
bacach.

crios f.

gin. **criosa** *iol.* **criosan**
1 stiall leathair, 7c, a chaitheas tu
mud mheadhan. 2 bann.

Criosdachd b.

an còmhlan de Chriosdaidhean air
seadh an t-saoghail.

Criosdaidh f.

iol. **Criosdaidhean**
cuideigin a chreideas ann an
Criosd.
Criosdalachd b.

Criosdail *buadhair*

coim. **Criosdaile**
de Chriosd no Chriosdaidhean.

crios-làimh f.

iol. **crios-làimh**
crios airson caol an dùirn a
sgeadachadh.

crios-muineil f.

gin. **crios-mhuineil** *iol.* **criosan-**
muineil
crios airson am muineal a
sgeadachadh.

crios-rubair f.

iol. **criosan-rubair**
crios air a dhèanamh à rubair, gu
h-àraidh fear a chleachdas tu nuair
a dh'ionnsaicheas tu snàmh.

crios-sàbhalaidh f.

gin. **crios-shàbhalaidh** *iol.* **criosan-**
sàbhalaidh
cearcall de stuth a bhios a'
fleòdradh, a chleachdar gus
cuideigin a chumail suas ann an
uisge.

criostal f.

gin. **criostail** *iol.* **criostalan**
mèinnear trid-shoilleir gun dath, a
tha mar ghlainne.

cripleach f.

faic **crioplach**

crith b.

gin. **crithe** *iol.* **crithean**
crathadh socair: *bha i air chrith leis*
an fhuachd.

crith *gniomhair*

crath gu socair; déan crith.
crith b.

critheanach *buadhair*

coim. **critheanaiche**
1 a tha air chrith. 2 a chuireas air
chrith thu; eagalach.

critheann f.

gin. **crithinn**
fiadh den chraobh-chritheann.

crith-thalmhainn *b.*

gin. **crith-talmhainn** *iol.* **crithean-**
talmhainn
crathadh clisgeach láidir den
talamh.

crò *f.*

gin. **crotha, crothadh** *iol.* **croitean**
1 àite-iathaidh, gu h-àraidh airson
chaorach no ghobhar. 2 an toll
beag an ceann snàthaid.

croch *gniomhair*

1 cuir rudeigin air cnaig, tarraig,
7c: *chaidh an dealbh a chrochadh air*
a' bhalla; tha na còtaichean an
crochadh air an doras. 2 marbh
cuideigin le bhith ga chrochadh air
ròpa a theannaicheas timcheall air
amhaich.
crochadh *f.*

crochadair *f.*

iol. **crochadairean**
innleachd airson nithean a chro-
chadh air: *crochadair-còta.*

crochadair *f.*

iol. **crochadairean**
cuideigin a bhios an obair aige ri
crochadh dhaoine air an diteadh
gu bàs.

crochadh *f.*

gin. **crochaidh**
1 a' cur rudeigin air cnaig, tarraig,
7c. 2 a' marbhadh cuideigin le
bhith ga chrochadh air ròpa a
theannaicheas timcheall air
amhaich. 3 **an crochadh air** an urra
ri: *tha e an crochadh air dè a tha thu*
ag iarraidh.

crochte *buadhair*

an crochadh; air a chrochadh.

crodh *f.*

gin. **cruidh**
beathaichean bà agus tairbh;
spreidh.

crodh-bainne *f.*

gin. **cruidh-bhainne**
crodh a bhios gam bleoghan.

crò-dhearg *buadhair*

coim. **crò-dheirge**
dubh-dhearg.

cròg *b.*

gin. **cròige** *iol.* **crògan**
1 làmh mhòr; làmh. 2 spuir, ine.

crogall *f.*

gin. agus *iol.* **crogaill**
pèist mhòr le craiceann tiugh,
earball fada, agus peircill ana-
mhòr oirre.

crogan *f.*

gin. **crogain** *iol.* **crogain, croganan**
soitheach air a dhèanamh à crèadh
no gainne.

crogan-silidh *f.*

gin. **crogain-silidh** *iol.* **crogain-,**
croganan-silidh
crogan, mar as trice air a
dhèanamh à gainne, airson silidh,
7c, a chumail.

croghall *f.*

co-ionann ri **crogall.**

cròic *b.*

gin. **cròice** *iol.* **cròicean**
adharc feidh; cabar.

croich *b.*

gin. **croiche** *iol.* **croichean**
céis no structair air an tèid
eucorach a chrochadh.

crois b.*gin. croise iol. croisean*

1 comharradh mar + no x. 2 samhladh air a' Chrann-Cheusaidh, no air Criod air a' Chrann-Cheusaidh. 3 **crois rathaid** àite far an tèid dà rathad tarsainn air a chèile: *stad am bus aig crois an rathaid.*

croit b.¹*gin. croite iol. croitean*

tuathanas beag.

croit b.²*gin. croite iol. croitean*

meall beag: *bha croit air druim an duine.*

croitear f.*gin. croiteir iol. croitearan*

duine aig a bheil croit.

croitse b.*iol. croitseachan*

crasg.

crom buadhair*coim. cruime*

air a chromadh; cam; lùbte.

crom gniomhair

1 déan cam; déan crom. 2 crùb; lùb.

3 rach sios: *chrom e bhon each.***cromadh f.****cromag b.***gin. cromaig iol. cromagan*

1 comharradh (,) a chleachdar gus stad aithghearr a thoirt a-steach ann an rosg-rainn no gus nithean ann an liosta a chumail air leth. 2 **cromagan turrach** comharraidhean '' a chleachdar ro agus an dèidh facail air an labhairt. 3 dubhan.

croman f.*gin. agus iol. cromain*

ball-acfhainn goirid a chumas tu nad làmhan, airson ùir a bhriseadh.

cromanachd b.

cluich coltach ri camanachd a tha cumanta ann an Sasainn.

cron f.*gin. agus iol. croin*

1 rudeigin ceàrr a mhilleas duine no nì; mearachd. 2 goirteachadh: *rinn thu cron orm.* 3 coire; ciont.

cronail buadhair*coim. cronaile*

a ni cron air cuideigin no rudeigin.

crònan f.*gin. crònain*

1 a' gabhal fonn led bheul dùinte. 2 a' déanamh fuaim leantainneach mar sheilean. 3 srann.

crònanach buadhair**crosgach buadhair**co-ionann ri **erasgach**.**crosgag b.**co-ionann ri **erasgag****crosta buadhair**(no **crost**)

1 feargach; droch-nàdarrach. 2 a' déanamh rudan dona.

crostachd b.**crotach buadhair***coim. crotache*

air a bheil croit; air a bheil druim crom.

crotal f.*gin. crotail*

luibh air a bheil coltas tioram, a

dh'fhàsas air creagan, ballachan,
craobhan, 7c.

cruach b.

gin. **cruaiche** *iol.* **cruachan**
1 meall de rudeigin: *tha e a-muigh
aig a' chruaich a' faighinn mòine.* 2
beinn.

cruach gniomhair
càrn.
cruachadh f.

cruachann b.

gin. **cruachainn** *iol.* **cruaichnean**
roinn chnàmhach na bodhaige
eadar an t-sliasaid agus am
meadhan.

cruadal f.

gin. **cruadal**
1 duilgeadas; cunnart. 2 a bhith
làidir; misneach.

cruadalach buadhair

coim. **cruadalaiche**
1 duilich; trioblaideach; cunnart-
ach. 2 làidir; misneachail.
cruadalachd b.

cruadhaich gniomhair

1 dèan no fàs cruaidh. 2 dèan no fàs
làidir.
cruadhachadh f.

cruaidh b.

gin. **cruaidhe**
stàilinn.

cruaidh buadhair

coim. **cruaidhe**
1 teann; daingeann; gun a bhith
bog. 2 gun truas. 3 le oidhirp
mhòir; dìcheallach: *ag obair gu
cruaidh.*

cruaidh-chàs f.

gin. **cruaidh-chàis** *iol.* **cruaidh-**
chàsan
tuiteamas no suidheachadh obann
a bhios cunnartach no cud-
thromach; cunnart; trioblaid.

cruan f.

gin. **cruain**
1 stuth déalrach airson meatailt,
soithichean crèadha, 7c, a chòmh-
dachadh; peant déalrach. 2
uachdar cruaidh nam fiacail.

cruas f.

gin. **cruais**
a bhith cruaidh.

crùb gniomhair

1 ìslich do chorp, led chasan agus
do ghàirdeanan air an lùbadh. 2
crom. 3 snàig; èalaidh.
crùbadh f.

crùbach buadhair

coim. **crùbaiche**
1 a chrùbas. 2 bacach.

crùbadan f.

gin. **crùbadain**
a' crùban; a' crùbadh.

crùbag b.

gin. **crùbaig** *iol.* **crùbagan**
partan.

crùbain gniomhair

co-ionann ri **crùb:** *bha e na chrùban
ri taobh an teine.*
crùban f.

crùdh gniomhair

cuir crudha air each.
cruidheadh f.

crudha f.

gin. **cruidhe** *iol.* **cruidhean**

pios meatailte air a chumadh mar U
a bhios each a' caitheamh air bonn
a choise; bròg-eich.

cruidheadh f.

gin. cruidhidh
a' cur crudha air eich.

cruinn buadhair

coim. cruinne

1 air a chumadh mar chearcall no
bhàlla. 2 air an cruinneachadh;
còmhla: *thàinig iad cruinn*. 3 gun
mhearachd; ceart; grinn.
cruinthead f.

cruinne ainmear

bun. an cruinne *gin.* na cruinne *iol.*
cruinnean
1 rudeigin air a chumadh mar
bhàlla. 2 cruinne-cè.

cruinneachadh f.

gin. cruinneachaidh
1 rudeigin a chruinnich thu. 2 a' cur
rudan còmhla; a' tionnal.

cruinne-cè f.

gin. na cruinne-cè
1 an saoghal. 2 an domhan.

cruinn-eòlas f.

gin. cruinn-eòlais
an t-eòlas no an rannsachadh mun
t-saoghal, agus mu chliomaid,
mhuinnirean, agus thoradh an
t-saoghal.

cruinnich gniomhair

thig còmhla; cuir nithean còmhla;
tionail; tog.
cruinneachadh f.

cruinn-leum f.

gin. cruinn-lèim *iol.* cruinn-leuman
an seòrsa lèim as urrainn dhut
dèanamh bhon àite air a bheil thu

nad sheasamh.

crùisgean f.

gin. crùisgein *iol.* crùisgeinean
lampa ola.

cruit b.

gin. cruite *iol.* cruitean
clàrsach.

cruit-chòrd a b.

iol. cruit-chòrdan
inneal-ciùil mar phiàna, ach le na
teudan air an spionadh, chan ann
air am bualadh.

cruitear f.

gin. cruiteir *iol.* cruitearan
cuideigin a chluicheas air a' chruit.

cruitheachd b.

iol. cruitheachdan
1 rudeigin a chaidh a chruth-
achadh. 2 a' Chruitheachd an
cruthachadh a rinn Dia.

cruithear f.

gin. cruitheir *iol.* cruithearan
1 cuideigin a chruthaicheas
rudeigin. 2 an Cruithear Dia.

Cruithneach f.

gin. agus *iol.* Cruithnich
ball de shluagh a bha ann an
Albainn mas do ràinig na Gaidheil.

cruithneachd b.

seòrsa gràin len dèanar min-fhlùir.

crùn f.

gin. crùin *iol.* crùintean
1 ball-aodaich sgeadachaiddh air-
son a' chinn, gu h-àraidh fear air a
chaitheamh le righ no bàrnigh. 2 an
righ no a' bhàrnigh. 3 bonn airgid
Breatannach a b' àbhaist a bhith
air luach còig tastanan.

crùn gniomhair

dèan righ no bàrnigh de chuideigin.
crùnadh *f.*

a thachras gu riaghailteach; càrsa:
cuairet na gréine. 4 ùine; fad ùine. 5
cearcall.

cuaireach buadhair

cruth *f.*

gin. **crutha** *iol.* **cruthan, cruthannan**
1 cumadh; dealbh. 2 dreach.

cuaireag *b.*

gin. **cuaireteig** *iol.* **cuaireteagan**

1 cuairt bheag. 2 cuartachadh de
ghaoith no uisge. 3 pios sniomhite
de mheatailt a chlisgeas air ais an
dèidh dhut fhàsgadh: *tha an*
leabaidh seo math airson bogadain
seach gu bheil cuaireteagan na
broinn.

cruthaich gniomhair

1 thoir rudeigin ann am bith; dèan;
dealbh. 2 dèan rudeigin nach do
rinn duine eile mu thràth.
cruthachadh *f.*

cuairtean ainmear iolra

cluich sam bi daoine a' feuchainn ri
bàlla a bhualadh agus ruith
timcheall air cuairt.

cruthraigheachd *b.*

iol. **cruthraigheachdan**
co-ionann ri **cruitheachd**.

cuairt-ghaoithe *b.*

gin. **cuairt-gaoithe** *iol.* **cuairtean-**
gaoithe
cuaireag; oiteag.

cuala gniomhair neo-riaghailteach

(agus **cualas**)

faic fo cluinn

cuان f.

gin. **cuain** *iol.* **cuantan**
muir; fairge.

Cuan Sèimh *f.*

(*leis an alt*)

gin. a' **Chuain Shèimh**
an cuan a tha eadar na
h-Ameireagaidhean air an taobh
an ear, agus an Aisia is Astràilia air
an taobh an iar.

cuach *b.*

gin. **cuach** *iol.* **cuachan**

1 cupa mòr. 2 faic cuthag.

Cuan Sgithe *f.*

(*leis an alt*)

an cuan eadar an t-Eilean
Sgitheanach agus na h-Eileanan
Siar; earrann den Mhaoil.

cuagach buadhair

coim. **cuagache**
cearbach; bacach.

cuaille f.

iol. **cuaillean**

bata trom, gu h-àraidh airson
bualaidh.

cuairet *b.*

gin. **cuairete** *iol.* **cuairetean**

1 turas no loidhne a tha cruinn:
cuairet rèise. 2 turas nuair a bhios tu
a' coiseachd: *chaidh e air chuairt*. 3
sreath de nithean no thuitemasan

Cuan Siar f.*(leis an alt)***gin. a' Chuain Siar**

an cuan eadar an Roinn Eòrpa
agus Ameireagaidh mu thuath.

cuaraidh f.*iol. cuaraidhean*

àite far an tèid clach, sgléat, 7c, a
thogail às an talamh; doca.

cuaran f.

gin. cuarain iol. cuarain, cuaranan
bròg aotrom air a bheil iallan a
cheanglar timcheall air a' chois.

cuartaich gniomhair

bi no rach timcheall air rudeigin air
fad.
cuartachadh f.

cùb gniomhair

cùm rudeigin a-steach.
cùbadh f.

cùbaid b.

gin. cùbaide iol. cùbaidean
àrd-ùrlar dùinte far am bi an
searmonaiche na sheasamh ann an
eaglais; cùbainn; crannag.

cùbainn b.

gin. cùbainne iol. cùbainnean
cùbaid.

cubhaidh buadhair*coim. cubhaidhe*

1 ri fhaighinn. 2 freagarrach. 3
dligeach.

cùbhraidh buadhair*coim. cùbhraidhe*

air a bheil fàileadh milis no
taitneach.

cucair b.*iol. cucairean*

innleachd airson biadh a bhruich.

cù-chaorach f.*gin. agus iol. coin-chaorach*

cù a bhios ag obair le caoraich.

cùdainn b.*iol. cùdainean*

tuba; mias.

cudromach buadhair*faic cudthromach***cudthrom f.***gin. cudthruim*

1 cho trom is a tha rudeigin: *chan eil ann ach 7 clachan de chudthrom.*

2 pìos meatailte de chudthrom
àraidh air a chleachdadh air
cothrom. 3 eallach. 4 rudeigin as
fhiach dhut dèanamh no smaoineachadh
air. 5 an neart a
chleachdas tu ann a bhith ag ràdh
facal cudthromach.

cudthromach buadhair*coim. cudthromache*

1 a bu chòir dhut a bhith a'
smaoineachadh air; air a bheil
cudthrom. 2 cumhachdach; aig a
bheil buaidh mhòr.

cuibheall b.*co-ionann ri cuibhle.***cuibheasach buadhair***coim. cuibheasaiche*

1 a tha gu leòr; a nì a' chùis. 2
meadhanach.

cuibhil gniomhair

gluais baidhsagal, cairt, no rud
eigin air a bheil cuibhlichean.

cuibhleadh f.**cuibhle b.***iol. cuibhlichean, cuibhlean*

inneal cruinn a bhios a' tionndadh
air aiseil; roth.

cuibhleadh *f.*

gin. cuibhlidh

a' gluasad baidhsagal, cairt, no
rudeigin air a bheil cuibhlichean.

cuibhle-stiùiridh *b.*

iol. cuibhlichean-stiùiridh

cuibhle airson càr, làraidh, 7c, a
stiùireadh.

cuibhle-uisge *b.*

iol. cuibhlichean-uisge

cuibhle air a h-iomain le uisge.

cuibhlich *gniomhair*

co-ionann ri cuibhil.

cuibhleachadh *f.*

cuibhreach *f.*

gin. cuibhrich *iol.* cuibhrichean

slabhraids.

cuibhreachadh *f.*

gin. cuibhreachaidh

a' ceangal cuideigin no rudeigin le
cuibhreach no slabhraids.

cuibhreann *f.*

gin. cuibhrinn *iol.* cuibhreannan,

cuibhrinnean

roinn; cuid.

cuibhrich *gniomhair*

ceangail cuideigin no rudeigin le
cuibhreach no slabhraids.

cuibhreachadh *f.*

cuibhrig *b.*

gin. cuibhrige *iol.* cuibhrigean

plaide.

cuibhrig-bùird *b.*

iol. cuibhrigean-bùird

tubhailte-bùird.

cuid *b.*

gin. codach tabh. cuid iol.

codaichean

1 pàirt; roinn; feedhainn: thàinig
cuid de na daoine; 's e sin do chuid-
sa; cuid eile. 2 seilbh. 3 an dà chuid –
agus eadar – agus: tha mi ag
iàrraiddh an dà chuid bainne agus
siùcar. 4 aon chuid – no an t-aon rud
no an rud eile: chan òl mi aon chuid
teatha no cofaigh. 5 an dara cuid –
no an t-aon rud no an rud eile:
dh'fhág mi mo chòta an dara cuid
san sgoil no aig an taigh.

cuideachadh *f.*

gin. cuideachaидh

rudeigin feumail a ni thu air sgàth
cuideigin eile; a' déanamh rudeigin
a tha feumail air sgàth cuideigin
eile.

cuideachail *buadhair*

coim. cuideachaile

a chuidiceas; a bhios deònach do
chuideachadh.

cuideachd *b.*

iol. cuideachdan

1 companaich; càirdean; muinntir.

2 companaidh; buidheann;
comann.

cuideachd *co-ghniomhair*

nì no neach a bharrachd; mar an
ceudna: 's e là math a tha ann agus
tha i blàth cuideachd; a bheil thusa
a' tighinn don bhaile cuideachd?

cuideachdail *buadhair*

coim. cuideachdaile

a tha math air coinneachadh agus
bruidhinn ri daoine; déidheil air
cuideachd.

cuideam *f.*

co-ionann ri cudthrom.

cuideigin riochdair

duine.

cuide ri roimhean (+ tabh.)

còmhla ri; le.

cuidhteag b.*gin. cuidhteig iol. cuidhteagan*
seòrsa de dh'iasg-mara ion-ithe.**cuidhteas f.***gin. cuidhteis iol. cuidhteasan*
1 abairt sgriobhte a' cantainn gu
bheil airgead air fhaighinn. **2 faigh**
cuidhteas de faigh saorsainn o: *an*
d'fhuair thu cuidhteas den chnatan
*fhathast?***cuidich gniomhair**dèan rudeigin a tha feumail air
sgàth duine eile: *an cuidich thu mi?*;
an cuidich thu rium; *an cuidich thu*
*team?***cuideachadh f.****cùil b.***gin. cùile iol. cùiltean***1** an t-àite san tig dà loidhne,
rathad, no bhalla ri chèile; oisean. **2**
àite ann an seòmar sam bi earrann
den bhalla air a stèidheachadh air
ais bhon chòrr; àite coltach ri seo. **3**
clòsadaid.**cuilc b.***gin. cuilce iol. cuilcean***1** luachair àrd le ceann maoth agus
tiugh. **2** gas de luachair no de
dh'fheur fada. **3 cuilc Innseanach**
luibh àrd le gasan cruaidh agus
còsach air; gas den luibh seo.**cuileag b.***gin. cuileig iol. cuileagan*fríde bheag itealachaidh le dà
sgèith oirre.**cuileag-ghorm b.***gin. cuileig-guirme iol. cuileagan-*
gorma
cuileag mhòr le druim gorm oirre.**cuilean f.***gin. cuilein iol. cuileanan*
1 cù òg. **2** leòmhann, sionnach,
mathan, 7c, a tha òg.**cuileann f.***gin. cuilinn*
fiadh den chraoibh-chuilinn.**cuimhne b.****1** an comas a bhith a' cumail
rudeigin nad inntinn, no a' toirt
rudeigin nad inntinn mar a thogras
tu: *is cuimhne team;* *tha cuimhne*
agam air an là sin. **2** rudeigin a
chuimhnicheas tu. **3** an earrann am
broinn annalair far an gleidhean
fiosrachadh.**cuimhneachadh f.***gin. cuimhneachaidh*
a' cumail rudeigin nad inntinn; a'
toirt rudeigin nad inntinn.**cuimhneachan f.***gin. agus iol. cuimhneachain*
1 rudeigin a chumas nì no neach
nad chuimhne: *chaidh seo a thogail*
mar chuimhneachan air na daoine a
bhàsaich sa chogadh. **2** là air a
chuimhnicheas tu air rudeigin
àraidh a thachair air an aon là ann
am bliadhna roimhe.**cuimhnich gniomhair**bi cuimhne agad air rudeigin: *an do*
*chuimhnich thu air sin?***cuimhneachadh f.****cuimir buadhair***coim. cuimire*

1 goirid; pongail. 2 sgiobalta. 3 eireachdail.

Cuimreach f.

gin. agus *iol.* Cuimrich
neach às a' Chuimrigh.
Cuimreach buadhair

cuimse b.

iol. cuimsean
rudeigin air am bi thu a'
cuimseachadh.

cuimsich gniomhair

cùm gunna, 7c, a dh'ionnsaigh
rudeigin; amais: cuimsich an gunna
air an lär.

cuimseachadh f.

cuine co-ghniomhair

cò an ùine: cuine a bhios sinn a'
falbh?

cuing b.

gin. cuinge *iol.* cuingean
1 innleachd a cheanglas dà
bheathach còmhla. 2 rudeigin a
dh'fheumas tu déanamh; comain. 3
bacadh. 4 (leis an alt) tinneas a
bheir buaidh air comas tarraing
analach; an sac.

cuinneag b.

gin. cuinneige *iol.* cuinneagan
1 bucaid; soitheach. 2 bucaid
airson bainne a chumail.

cuinnean f.

gin. cuinnein *iol.* cuinneanan,
cuinnlean
fear den dà fhosgladh san t-sròin.

cuip b.

gin. cuipe *iol.* cuipean, cuipeachan
stíall no ball de leathar air a
chleachdadh gus daoine no
beathaichean a bhualadh.

cuip gniomhair
buail le cuip; sgiùrs.
cuipeadh f.

cuir gniomhair

1 gluais rudeigin gu àite, gu ire, 7c;
suidhich: cuir am bainne air a'
bhòrd, curidh mi beagan airgid air
leth. 2 thoir air cuideigin no
rudeigin dol a dh'àite: chuir e air
falbh an litir; cuir fios orm a-
màireach!; curidh mi fios chugad
aig deireadh na seachdaine; chaidh
am balach a chur air gnothach don
bhaile. 3 thoir gu buil; déan: chaidh
an taigh-ceedairde a chur air chois an-
uiridh; nach cuir thu do rùn an cèill?;
chuir e leabhar ùr an clò; cuir air
chuimhne e!; chaidh an leanabh a
chur air ghul; chuir e nam aghaidh. 4
cuir siol, 7c, san talamh gus an téid
iad nan lùibhean: chuir sinn am
buntàta ann an àite na b' fheàrr am-
bliadhna. 5 cuir (sneachd) déan
sneachd. 6 cuir a-mach foillsich;
diobhair. 7 cuir a-mach air rach an
aghaidh duine: chuir iad a-mach air
a chèile. 8 cuir air déan solas, teine,
7c; cuir dragh air. 9 cuir ort cuir
aodach ort. 10 cuir às smál; sgrios:
chaidh an teine a chur às; chuir an
truaghan às dha fhèin. 11 cuir thuige
déan solas, teine, 7c: cuir thuige an
teine! 12 cuir dhìot cuir aodach
dhìot, rùisg. 13 cuir ris déan, bi an
sás ann: dè a tha thu a' cur ris an-
dràsta? 14 cuir fodha cuir rudeigin
sios ann an uisge, 7c. 15 cuir
romhad déan roghainn: chuir mi
romham gun deighinn a shnàmh
feasgar. 16 cuir umad cuir aodach
umad, cuir aodach ort.
cur f.

cuireadh f.

gin. curidh *iol.* curidhean
ag iarraidh air cuideigin a thighinn

gu pàrtaidh, cèlidh, coinneamh,
7c.

cuirm b.

gin. cuirme *iol.* cuirmean
1 fèill, fèis. 2 aoigheachd. 3 cuirm-chnuic.

cuirm-chiùil b.

gin. cuirm-ciùil *iol.* cuirmean-ciùil
aoigheachd no cur-seachad le ceòl.

cuirm-chnuic b.

gin. cuirm-cnuic *iol.* cuirmean-cnuic
diathad air a h-ithe air taobh a-muigh agus air falbh bhon taigh.

cuirmeach buadhair

coim. cuirmiche
fheadhach; subhach.

cùirt b.

gin. cùirte *iol.* cùirtean
1 cùirt-lagha. 2 lùchaint; pàileis. 3 na daoine a bhios mar as trice aig lùchaint rìgh no bàrnighe.

cùirtean f.

gin. cùirtein *iol.* cùirteanan
co-ionann ri cùrtair.

cùirtear f.

gin. cùirteir *iol.* cùirtearan
co-ionann ri cùrtair.

cùirteil buadhair

coim. cùirteile

1 modhail; còir; suairc. 2 a' leantainn'nòs na cùirte.
cùrtealachd b.

cùirt-lagha b.

iol. cùirtean-lagha
àite sam bi daoine a' cur romhpa an deach an lagh a bhriseadh; mòd.

cùis b.

gin. cuise *iol.* cuisean

1 rudeigin a dh'fheumas tu dèanamh no smaoineachadh air; gnothach: 's e cùis chudthromach a bha ann. 2 adhbhar: bha bàs an duine na chùis bhròin. 3 dèan a' chùis air faigh air rudeigin a dhèanamh; soirbhich leat.

cuis clisgear

(air a rádh ri beathaichean)
fhalbh!; teich!

cuisean f.

gin. cuisein *iol.* cuiseanan
pillean.

cùisear f.

gin. cùiseir *iol.* cùisearan
(gràmar) an duine no an nì a bhios a' dèanamh a' ghniomh ann an rosg-rainn: tha am facal 'mi' na chùisear ann an 'tha mi a' sgriobhadh litir' agus 'dùinidh mi an doras'.

cùis-lagha b.

iol. cuisean-lagha

connsachadh, tagradh, 7c, a thèid a bheachdachadh ann an cùirt-lagha.

cuisine b.

iol. cuislean

1 aon de na pioban sa chorp tron ruith an shuil; fèith. 2 loidhne no stiall ann an duilleig, creig, 7c.

cuislean f.

gin. cuislein *iol.* cuisleanan
1 feadan na pioba. 2 duiseal.

cuisine-chiùil b.

gin. cuisle-chiùil *iol.* cuislean-chiùil
duiseal.

cùiteag *b.**faic cuidhteag***cuithe** *b.**iol. cuitheachan*

1 sloc. 2 buaile. 3 meall. 4 cuithe
sneachda cathadh. 5 cuithe ceò
sgòth ceò.

cùl *f.**gin. cùil iol. cùiltean*

1 an roinn as fhaide air falbh bho
aghaidh rudeigin; druim: *cùl a'*
chinn; bha iad nan suidhe cùl ri cùl. 2
air c(h)ùl air an taobh eile; an
dèidh: *tha e air chùl an dorais.*

cùlaibh *ainmean**faic air cùlaibh***culaidh** *b.**gin. culaidhe iol. culaidhean*

1 ball-aodaich. 2 deise aodaich.

culaidh-choimheach *b.**gin. culaidh-coimhich iol.**culaidhean-coimheach*

aodach coimheach a chaitheas tu
gu pàrtaidh, Oidhche Shamhna,
7c.

cularan *f.**gin. cularain iol. culararan*

glasraich fhada uaine a ghabhas
i the gun a bruich.

cullach *f.**gin. agus iol. cullaich*

torc.

cùl-mhùtaireachd *b.*

a' toirt nithean a-steach ann an
dùthaich gu diomhair agus gu neo-
laghail.

cùl-mhùtaire *f.***cultar** *f.**gin. cultair iol. cultaran*

fás na h-intinn, ealain, ciùil, 7c.
cultarach *buadhair*

cum *gniomhair*

dèan cruth; dealbh; *chum e a'*
chrèadh.

cumadh *f.***cùm** *gniomhair*

1 bi gun chur rudeigin air falbh;
cùm grèim air rudeigin; glèidh:
cumaidh sinn an còrr gus a-
màireach. 2 gabh a-staigh; gabh am
broinn; *a bheil poc a ann a chumas*
am buntàta?; *cumaidh am botal seo*
leth-phimnt bainne. 3 cuimhnich air
lagh, feill, nós, 7c; *bidh Oidhche*
Challainn ga cumail direach ro Là
na Bliadhna Uire. 4 **cùm ort** lean
ort; rach air adhart le rudeigin. 5
cùm ris rach air adhart le rudeigin
an dèidh dhuilgheadasan.

cumail *b.***cumadh** *f.**gin. cumaidh iol. cumaidhean*

1 mar a tha rudeigin a' coimhead;
cruth; dealbh. 2 a' dèanamh cruth;
a' dealbhadh. 3 **air chumadh** air a
chumadh coltach ri; mår.

cumail *b.**gin. cumalach*

1 a bhith gun chur rudeigin air
falbh; a' gleidheadh rudeigin. 2 a'
gabhair am broinn.

*faic cùm gniomhair***cuman** *f.**gin. agus iol. cumain*

soitheach airson uisge, 7c, a
ghiùlan; peile; bucaid.

cumanta *buadhair*

ábhaisteach; gnàthach; a' tachairt

gu tric; coitcheann: *tha faoileagan cumanta ri taobh na mara.*
cumantas f.

cumha b.

iol. cumhachan
1 rudeigin a dh'heumas tachairt ma bhios rudeigin eile a' dol a thachairt. **2** air **chumha** an crochadh air. **3** air **chumha is gu** cho fad is gu; air chor is gu.

cumha f.

iol. cumhachan
1 caoidh; caoineadh. **2** marbhrann.

cumhachd f. agus b.

iol. cumhachdan
1 neart; spionnadh. **2** comas; úghdarris. **3** cumhachd dealain, 7c.

cumhachdach *buadhair*

cumhang *buadhair*

coim. cuinge
 gun a bhith leathan; caol: *rathad cumhang.*
cumhangachd b.

cùmhnant f.

gin. cùmhaint iol. cùmhnantan
1 co-chòrdadh rudeigin a cheannach no reic. **2** co-chòrdadh foirmeil. **3** cumha.

cunbalach *buadhair*

coim. cunbalaiche
1 coismhach; daingeann. **2** rèidh. **3** ciallach; glic.
cunbalachd b.

cungaidh b.

iol. cungaidhean
1 na stuthan a chleachdar gus rudeigin a dhèanamh; uidheam. **2** ball-acfhainn. **3** cungaidh-leighis.

cungaidh-leighis b.

iol. cungaidhean-leighis
 stuth a leasaicheas pian no a shlànaicheas galar; droga.

cunnart f.

gin. cunnairt iol. cunnartan
 rudeigin a tha cunnartach; gàbhadh.

cunnartach *buadhair*

coim. cunnartaiche
 dualtach rid mharbhadh no goirteachadh.

cunnradh f.

gin. cunnraídh iol. cunnraighean
 cùmhnt.

cunnt *gniomhair*

1 can àireamhan ann an òrduigh ceart. **2** cleachd àireamhan gus fios fhaighinn co mheud duine no ni a tha ann. **3** gabh duine no ni a-steach san àireamh: *bha triùir ann, gun a bhith a' cunntadh an tideir.*
cunntadh f.

cunntair f.

iol. cunntairean
 samhladh no falal a dh'innseas co mheud a tha ann: *chan eil ann ach na tri.*

cunntas f.

gin. cunntais iol. cunntasan
1 a' cunntadh. **2** (matamataig) a' déanamh an dara rud co-ionann ris an rud eile; rudeigin a chanas seo, m.e. $2 + 2 = 4$. **3** an t-eòlas no an rannsachadh air cunntairean; ag annaladh le cunntairean; àireamhachd. **4** rudeigin a sheallas na tha agad ri phàigheadh; bileag. **5** réiteachadh gus airgead a chumail ann am banca. **6** an àireamh de phuingean no de thadhalaichean

air a buannachadh ann an cluiche; sgòr. 7 tuairisgeul; mineachadh.

cuntair f.

iol. cuntairean

bòrd fada aig am frithilear daoine ann am bùth, 7c.

cùp f.

s. cùpa *iol.* cùpannan

cupa; copan.

cupa f.

iol. cupannan

soitheach beag às am bi thu ag òl uisge no lionn; copan; cùp.

cupan f.

gin. cupain *iol.* cupain, cupanan

1 cupa beag. 2 cupa; copan.

cùpon f.

gin. cùpoin *iol.* cùponan

plos páipeir a bheir cead dhut rudeigin a dhèanamh no rudeigin fhaighinn.

cur f.

gin. cuir

1 a' gluasad rudeigin gu àite, gu ire, 7c; a' suidheachadh. 2 a' toirt air cuideigin no rudeigin dol a dh' àite. faic cuir gniomhair

curach b.

gin. curaich *iol.* curaichean

1 bàta aotrom cruinn. 2 curach Innseanach curach fhada chaol.

curaiddh f.

iol. curaidhean

gaisgeach; laoch.

cùrainn b.

gin. cùrainne *iol.* cùrainnean

flanainn.

cùram f.

gin. cùraim *iol.* cùraman

1 aire; faiceall; ciall. 2 dragh. 3 a' coimhead an dèidh rudeigin agus a bhith coireach airson rud sam bith a thèid ceàrr; uallach. 4 iompachadh.

cùramach buadhair

coim. cùramaiche

1 a bheir an aire air rudeigin; faiceallach; ciallach. 2 a ghabhas dragh. 3 a choimheadas an dèidh rudeigin agus a bhios coireach airson rud sam bith a thèid ceàrr. 4 air iompachadh.

cur na mara f.

tinneas na mara.

currachd b.

co-ionann ri currag.

currag b.

gin. curraig *iol.* curragan

bonaid boireannaich.

curran f.

gin. currain *iol.* currain, curranan

glasraich dhearg-bhuidhe.

currcag b.

gin. currcraig *iol.* currcagan

adharcan-luachrach.

cur-ris f.

a' cur an dara rud còmhla ris an rud eile.

cùrsa f.

iol. cùrsaichean

1 an àird sam bi rudeigin a' dol. 2 sreach de leasanan, dheuchainnean, 7c. 3 sreach de thuiteamasan a thachras gu riaghailteach; cuairt a

cur-seachad *f.**gin.* **cuir-seachad**

rudeigin taitneach a nì thu nuair
nach bi obair agad ri déanamh;
rudeigin a nì thu gus an tide a chur
seachad.

curtair *f.**iol.* **curtairean**

pìos aodaich air a chrochadh air
uinneig no doras; cùrtean.

cus *f.**gin.* **cuis**

barrachd air na bha air iarraidh;
meud mòr: *dh'ith mi cus agus tha mi*
a-nise làn.

cuspair *f.**iol.* **cuspairean**

1 rudeigin air a bheil duine a'
bruidhinn, 7c; gnothach. 2
(gràmar) rudeigin air an tèid
buaidh a' ghniomhair: *tha am facal*
'doras' na chuspair ann an 'dùin an
doras!', agus 'dh'fhosgail mi an
doras'.

cuspaireach *buadhair***cut** *gniomhair*

thoir am mionach à iasg, 7c.
cutadh *f.*

cutair *f.**iol.* **cutairean**

cuideigin a bhios a' cutadh.

cuthach *f.**gin.* **cuthaich**

1 rudeigin ceàrr led inntinn; a bhith
gun chiall; boile: *bha an truaghan*
air chuthach. 2 fearg: *bha e dearg*
leis a' chuthach.

cuthag *b.*
gin. **cuthaig** *iol.* **cuthagan**
eun a nì fuaim mar 'cu-cù'.**D****d** [dē]

a' cheathramh litir san aibidil.

da/dà(san) *roimhear riochdaireil*faic fo **do****dà** *buadhair àireamhail*

an àireamh 2; a h-aon a bharrachd
air a h-aon: **dà sgillinn**; **dà bhalach**;
dà làimh.

faic **dhà ainmear****da** *roimhear leasaichte*faic fo **do****dà-bheathach** *f.**gin.* **dà-bheathaich** *iol.* **dà-****bheathaichean**beathach a dh'fhaodas a bhith beò
an dà chuid air talamh agus anns a'
mhuir.**dà-bheathach** *buadhair***dachaидh** *b.*faic **dachaigh****dachaigh** *b.**iol.* **dachaighean**

1 an taigh sam bi thu a' fuireach. 2
an t-àite sam bi thu a' faireachd-
ainn cofhurtail, aig an taigh, 7c.

dà-chànanach *buadhair**coim.* **dà-chànanache**

a bhruidhneas dà chànan.

dà-chuibhleach *buadhair*

air a bheil dà chuibile.

dad *f.*

1 nì beag neo-chudthromach. 2 rud
sam bith: *a bheil dad math agaibh?*
chan eil dad air fhàgail.

dadaidh f.

iol. **dadaidhean**
(neo-fhoirmeil) athair.

dadam f.

gin. agus *iol.* **dadam**
earrann mheanbh de rudeigin; an
earrann as lugh a gheibhean ann
an stuth; smùirnean.
dadamach *buadhair*

dà-dheug *buadhair àireamhail*

12; a h-aon a bharrachd air a
h-aon-deug; **dà fhear dheug**; **dà**
chaileig dheug; **dà uair dheug**.
faic **dhà-dheug** *ainmear*

dà-fhillte *buadhair*

le dhà; a tha na phaidhir; dùbalte;
air a dhèanamh à dà earrainn.

daga f.

gin. **daige iol.** **dagan**
gunna beag a chleachdar le aon
laimh.

daibh(san) *roimhear roichdaireil*
faic fo do**dàibhean** f.

gin. **dàibheir** *iol.* **dàibhearan**
cuideigin a bhios a' dàibhigeadh.

dàibhig *gniomhair*

1 rach fodha ann an uisge, gu
h-àraidh fa chomhair do chinn;
tum. 2 rach sios gu luath.

dàibhigeadh f.

daidhnasar f.

gin. **daidhnasair** *iol.* **daidhnasaran**
beathach mòr a bha beò bho
chionn ùine glè mhòr.

dail b.

gin. **dalach** *iol.* **dailean**
1 lèana; achadh. 2 gleann.

dàil b.

gin. **dàlach iol.** **dàlaichean**
1 a bhith air a chumail air ais; a
bhith annoch; maille: *chuir e dàil*
annam. 2 an ùine eadar dà
thachartas; an t-àite eadar dà ni. 3
a' leigeil do chuideigin rudeigin a
phàigheadh nas ammoiche: *cheann-*
aich sinn telebhisean ùr air dhàil
shia mìosan. 4 coinneamh; còmh-
dhail. 5 **an dàil** an coinneimh; a'
com-pàirteachadh.

dàileach *buadhair*

coim. **dàiliche**
1 buailteach a bhith a' cur dàil ann
an rudan; màirnealach. 2 neo-
chinnteach.
a bhith annoch; neo-chinnteach.

dàimh f. agus b.

1 cárdeas. 2 a bhith déidheil air
cuideigin no rudeigin; gràdh.

dàimheach *buadhair*

coim. **dàimhiche**
coimeasach; ceangailte ri rudeigin
eile air dòigh air choreigin.

daingeann *buadhair*

coim. **daingeinn**, **daingne**
láidir; cruaidh; teann; seasmhach.

daingneach b.

gin. **daingnich** *iol.* **daingnichean**
1 àite daingeann. 2 dùn; caistéal.

daingneachadh f.

gin. **daingneachaidh**
1 a' déanamh no a' fás daingeann. 2
a' dearbhadh.

daingnich *gniomhair*

1 déan daingeann. 2 dearbh
rudeigin gus am faic thu a bheil e
fior.

daingneachadh f.

dàinig *gniomhair neo-riaghailteach*
airson tàinig

dall *buadhair*
coim. *doille*
1 gun chomas faicinn. 2 gun tuigsinn.

dall *gniomhair*
1 déan cuideigin no rudeigin dall. 2 meall.
dalladh *f.*

dalladh *f.*
gin. *dallaidh*
1 a' déanamh cuideigin no rudeigin dall. 2 a' mealladh.

dallag an fheòir *b.*
iol. **dallagan an fheòir**
beathach beag a tha rudeigin coltach ri luch.

dallag an fhraoich *b.*
dallag an fheòir.

dallaran *f.*
gin. **dallarain** *iol.* **dallaranan**
cuideigin a tha dall.

dallaran-feòir *f.*
gin. **dallarain-** *iol.* **dallaranan-feòir**
dallag an fheòir.

daltag *b.*
gin. **daltaig** *iol.* **daltagan**
ialtag.

dam *f.*
gin. **dama** *iol.* **damaichean**
balla air a thogail thairis air abhainn gus uisge a chumail air ais.

dàmais *b.*
cluich-bùird airson dithis, le 12 de mhireanan an duine.

damh *f.*

gin. agus *iol.* **daimh**
1 fiadh fireann. 2 tarbh air a spothadh.

Dàmhair *b.*
(leis an alt)
an deicheadh mìos den bhliadhna.

damhan-allaidh *f.*
gin. agus *iol.* **damhain-allaidh**
creutair beag le ochd casan air, a bhios air uairean a' sniomhadh eigeachan gus frídean a ghlacadh.

dàn *f.*
gin. **dàin**
1 a' chumhachd a bheir nithean gu buil, a bheir orra tachairt. 2 na bhios a' tachairt no na tha air tachairt mu thràth do dhuine: 's ann a bha siud an dàn dhà!

dàn *f.*
gin. **dàin** *iol.* **dàin, dàna**
1 pìos bàrdachd. 2 bàrdachd; dànachd. 3 **dàn spioradail** laoidh.

dàna *buadhair*
1 gaisgeil; calma; gun eagal. 2 árdanach; ladarna. 3 beadaidh; mìmhodhail.
dànadás *f.*

dànachd *b.*
bàrdachd.

Danmhairceach *f.*
gin. agus *iol.* **Danmhaircich**
neach às an Danmhairc.
Danmhairceach *buadhair*

danns *gniomhair*
gluaise ri ruith ciùil.
dannsadh *f.*

dannsa f.*iol.* **dannsaichean**

1 pòs ciùil no sreach de għluasadan airson dannsaidh. 2 cèilidh no partaidh aig am bi daoine a' dannsadħ.

dannsadħ f.*gin.* **dannsaidh**

a' gluasad ri ruith ciùil; a' dèanamh dannsa.

dannsair f.*iol.* **dannsairean**

cuideigin a bhios a' dannsadħ.

daoibhear f.faic **dàibhear****daoibhig** *gniomhair*faic **dàibhig****daoibhigeadh** f.**daoimean** f.*gin.* **daoimein** *iol.* **daoimeanan**

seud glè chruaidh a nochdas mar għlainne shoilleir.

daoine f.faic fo **duine****daoine-sith** *ainmear iolra*

sithichean.

daolag b.*gin.* **daolaig** *iol.* **daolagan**

fride air a bheil cèisean-sgèithe cruaidhe.

daolag-bhreac-dhearg b.*gin.* **daolaig-bric-deirge** *iol.***daolagan-breac-dearga**

daolag itealachaidh le cèisean-sgèithe dearga agus buill dhubh orra.

daolag-dhearg-bhreac b.co-ionann ri **daolag-bhreac-dhearg**.**daol-dhubh** b.

gin. **daoil-duibhe** *iol.* **daolan-dubha**
seòrsa de dhaolaig dhuibh.

daonda *buadhair*co-ionann ri **daonna**.**daonna** *buadhair*

de dhaoine; a tha na dhuine.

daonnan *co-ghniomhair*

an-còmhnaidh.

daor *buadhair**coim.* **daoire**

gun a bhith saor; cosgail.

daorach b.*gin.* **daoraich**

an cor sam bi duine an dèidh dha a bhith ri òl deoch-làdir; misg.

daorachail *buadhair**coim.* **daorachaile**

a chuireas an daorach ort.

daorsa b.

gun chomas teichidh; ann am priosan; braighdeanas.

dar *roimhear leasaichte*faic fo **do****dara** *buadhair*

leanaidh seo a' chiad shear: *seo an dara fear a thàinig a-steach; san dara h-àite; air an dara làimh tha e math, air an làimh eile tha e ro dhaor; tha e an dara cuid milis no searbh.*

darach f.*gin.* **daraich**

fiadh den chraoibh-dharaich.

dara deug buadhair

leanaidh seo an t-aona fear deug.

da-rireadh co-ghniomhair

co-ionann ri **da-riribh**.

da-riribh co-ghniomhair

(no **dha-riribh**)

1 glè: *bha sin math dha-riribh.* **2** a' smaoineachadh gu bheil rudeigin cudthromach, neo-éibhinn, 7c.

dàrna buadhair

(no **dàrnacha**)

co-ionann ri **dara**

dàrna deug buadhair

co-ionann ri **dara deug**

dasg f.

faic **deasg**.

dà-sheaghach buadhair

coim. **dà-sheaghache**

neo-chinnteach; le barrachd air aon chiall.

dà-sheaghachas f.

dàta f.

fiosrachadh.

dath f.

gin. **datha iol.** **dathan**

1 a' bhuaidh a bhios aig gathan solais: 's e *dathan a tha ann an dearg, gorm, buidhe*, 7c. **2** stuth a chleachdar gus dath a chur ann an rudeigin.

dath gniomhair

cuir dath ann an rudeigin.

dathadh f.

dathach buadhair

coim. **dathache**

làn datha; làn dhath.

dathadh f.

gin. **dathaidh**

a' cur dath ann an rudeigin.

dath-dhall buadhair

coim. **dath-dhoille**

gun chomas dealachadh a dhèanamh eadar cuij de dhathan.

dathte buadhair

air a bheil dath sònraichte.

dè ríochdair

dè an rud; cò: *dè a tha sin?*; *dè an uair a tha e?*; *dè a bhios tu ag iarraidh gu bracaist?*

de roimhear (+ tabh.)

(cuideachd **dhe**, **de dh'**, **a dh'**, **a**)

(leis an alt **den**, **dhen**)

(leis an ríochdair dhaimheach a² **de dem den no dhe dhem dhen**)

(le buadhair seilbheach **dem ded de/de der der den/dem**, no **dhem**, 7c)

(cumaidhean ríochdaireil

dhiom(sa) **dhiott(sa)**

dheth(san)/dhith(se) **dhinn(e)**

dhibh(se) dhiubh(san), no **diom(sa)**,

7c)

1 à, a-mach à: *gabhairidh mi rud beag dheth; piös den cheic; roinn den dùthach; gin a theaghlaich.* **2** air falbh bho; bhàrr: *thuit na leabhrachean den sgeilp; cuir do gheansaидh dhiot; gheàrr mi an ceann den lof.* **3** a' cumail; le; air a

dhèanamh à: *bha a' bhùth làn de rudan beaga; àireamh mhòr de dhaoine; a leithid de dh'shear; dhà no thrì a bhliadhnaichean; a cheart uimhir de dh'airead; cupan de phàipear.* **4** gin; sam bith: *chan eil a dh'fhiös agam; a bheil a bhainne ann?*

deach *gniomhair neo-riaghailteach*
 (agus **deachaidh**)
 faic fo **rach**

deachas *gniomhair neo-riaghailteach*
 faic fo **rach**

deachd *gniomhair*
 1 bruidhinn no leugh rudeigin gu
 h-àrd gus an sgrìobh cuideigin eile
 e. 2 innis do dhuine an rud a nì e;
 òrdaich.
deachdadh *f.*

deachdaich *gniomhair*
 co-ionann ri **deachd**.
deachdachadh *f.*

deachdaire *f.*
iol. **deachdairean**
 cuideigin a bhios a' deachdadh.

deadh *gniomhair neo-riaghailteach*
 faic fo **rach**

deadhan *f.*
gin. agus *iol.* **deadhain**
 pears-eaglais cudthromach ann an
 cathair-eaglais, 7c.

deagh *buadhair*
(air a chleachdadh ron ainmear)
 math; barrail: *deagh dhuine*.

deaghaidh *b.*
gin. **deaghaidhe** *iol.* **deaghaidhean**
 co-ionann ri **dèidh**.

deagh-bheus *b.*
gin. **deagh-bheusa** *iol.* **deagh-bheusan**
 mathas; seòrsa sònraichte de
 mhathas: *se deagh-bheus a tha ann*
an ionracas.
deagh-bheusach *buadhair*

deach *gniomhair neo-riaghailteach*

deagh-ghean *f.*
gin. **deagh-gheana**
 deagh-thoil; coibhneas.

deagh-thoil *b.*
gin. **deagh-thoile**
 a bhith cairdeil no coibhneil;
 deagh-ghean.
deagh-thoileach *buadhair*

deal a *b.*
iol. **dealan**, **dealachan**
 seòrsa cnuimhe a bhios a' deoghal
 ful.

dealachadh *f.*
gin. **dealachaidh**
 1 a' fàgail. 2 diofar.

dealalich *gniomhair*
 1 fàg: *dhealaich iad ri chèile*. 2 can
 gu bheil diofar ann: *dealalich eadar*
sin agus seo!
dealachadh *f.*

dealan *f.*
gin. **dealain**
 seòrsa cumhachd a chleachdar
 airson soillseachaidh, teasachaidh,
 agus airson innealan iomain.
dealain *buadhair*

dealanach *f.*
gin. agus *iol.* **dealanaich**
 gath solais san adhar am meadhan
 stoirmé.

dealanachadh *f.*
gin. **dealanachaidh**
 1 a' cur dealan ann an rudeigin. 2 a'
 toirt air rudeigin obrachadh le
 dealan.

dealanaich *gniomhair*
 1 cuir dealan ann an rudeigin. 2
 thoir air rudeigin obrachadh le

dealan.

dealanachadh f.

dealanair f.

iol. dealanairean

cuideigin a bhios an dreuchd aige ri
dèligeadh ri uidheam dealain.

dealan-dè f.

gin. dealain-dè *iol.* dealanan-dè

frìde le sgiathan mòra geala no
dathte oirre.

dealasach *buadhair*

coim. dealasaiche

ag iarraidh gu mòr rudeigin a
dhèanamh.

dealas f.

dealbh f. agus b.

gin. dealbha, deilbh *iol.* deilbh,

dealbhan

1 iomhaigh air a dèanamh le peant,
peansail, camara, 7c. 2 cruth;
cumadh. 3 pátran; cnàmhan; cèis;
structair: *dealbh beart*.

dealbh *gniomhair*

1 tarraig dealbh airson aodach,
togalach, inneal, 7c, a dhèanamh. 2
cum; tog. 3 beachdaich air dè a ni
thu.

dealbhadh f.

dealbh-chluich f. agus b.

gin. dealbh-chluich, deilbh-chluich

iol. deilbh-chluich, dealbhan-chluich

sgulachd air a cluiche air àrd-ùrlar
no air a craobh-sgaoileadh air an
réidio no an telebhisean.

dealbh-chumadh f.

gin. dealbh-chumaidh *iol.* dealbh-
chumaidhean

dealbh a mhìnichreas rudeigin, mar
a chaidh a dhèanamh, 7c; diagram.

dealbh-èibhinn f. agus b.

iol. dealbhan-èibhinn

1 dealbh a tha èibhinn. 2 stiall de
dhealbhan. 3 film beothaichte.

dealg b.

gin. deilg *iol.* dealgan

I príne. 2 gath biorach air luibh.

deàlrach *buadhair*

coim. deàlraiche

a dhéàrlas; boillsgeach;
lainnireach.

deàlradh f.

gin. deàlraidh

a' déàrrsadh; a' boillsgeadh.

deàlraich *gniomhair*

deàrrsaich; boillsg.

deàlradh f.

dealt f. agus b.

gin. dealta

boinneagan beaga uisce a nochdas
air mullach nithean a-muigh tron
oidhche; drúchd.

dealtach *buadhair*

deamhais f.

iol. deamhaisean

ball-acfhainn airson clòimh
chaorach a ghearradh.

deamhan f.

gin. agus *iol.* deamhain

diabhal.

deamhnaidh *buadhair*

dèan *gniomhair neo-riaghailteach*

1 cuir crioch air obair; coilean
obair no gniomh: *dèan d' obair!*;
rinn e leum. 2 dèilig ri rudeigin;
fuasgail: *cha dèan mi an tòimh-
seachan seo.* 3 bi freagarrach: *nì sin
a' chùis.* 4 faigh air adhart;
soirbhich leat: *ciamar a rinn thu?*

*nach math a rinn thu! 5 cuir rudeigin
ri chèile; cruthaich; dealbh: rinn mi
cèic an-diugh. 6 coisinn: bidh e a'
dèanamh mòran airgid an-dràsta.
dèanamh f.*

dèanadach buadhair

coim. dèanadaiche

1 math air obair; dicheallach. **2**
gniomhach.

dèanadas f.

dèanamh f.

gin. dèanaimh

1 a' cur crìoch air obair; a'
coileanadh obair no gniomh. **2** a'
dèiligeadh ri rudeigin. **3** a bhith
freagarrach. **4** a' faighinn air
adhart; a' soirbheachadh leat. **5**
a' cur rudeigin ri chèile; a'
cruthachadh; a' dealbhadh. **6** a'
cosnadh.

deann b.

*gin. deanna iol. deannan
neart; gluasad luath; luaths.*

deannan f.

gin. deannain iol. deannanan

1 deann. **2** deann-ruith: *bha e na
dheannan sios an Rathad. 3 gun a
bhith beagan, ach gun a bhith
mòran: deannan bhliadhnaichan.*

deann-ruith b.

*gin. deann-ruithe
cabhag mhòr; a' ruith glè luath.*

deanntag b.

*gin. deanntaige iol. deanntagan
luibh air a bheil duilleagan a
chuireas guin annad; feanntag.*

dèanta buadhair

(no **dèante**)
air a dhèanamh.

dearbh buadhair

coim. dearbha

1 ceudna; ceart; an t-aon: *is tù an
dearbh dhuine a bha mi ag iarraidh;
seo an dearbh rud. 2 dearbh
cinnteach glè chinnteach. 3 gu
dearbh(a) gu fior, gu deimhinn.*

dearbh gniomhair

1 seall gu bheil rudeigin fior. **2**
feuch; cuir gu deuchainn. **3** seall gu
bheil cuideigin coireach ri rudeigin.
dearbhadh f.

dearbhachd b.

gealladh; barrantas.

dearbhadh f.

gin. dearbhaidh

1 a' sealtainn gu bheil rudeigin
fior: *a bheil dearbhadh air sin? 2 a'
feuchainn; a' cur gu deuchainn. 3 a'
sealltainn gu bheil cuideigin
coireach ri rudeigin.*

dearbhaich gniomhair

co-ionnan ri **dearbh.**
dearbhachadh f.

dearbhta buadhair

(no **dearbhte**)
cinnteach; air a dhearbhadh.

dearc b.

*iol. dearcan
meas beag, mar as trice a tha
sùghmhòr.*

dearcag b.

*gin. dearcaig iol. dearcan
dearc; dearc bheag.*

dearc-dharaich b.

*gin. dearc-daraich iol. dearcan-
dharaich
am meas cruaidh searbh den
chraoibh-dharaich.*

dearg *buadhair**coim.* **deirge**

1 dath na folá. **2** (mar ro-leasachan) glè, gu tur: *dearg fiadhaich; dearg amadan.*

dearg *f.***dearg-** *ro-leasachan*

le fiambh dearg: *dearg-dhonn; dearg-bhuidhe.*

deargad *b.**gin.* **deargaid** *iol.* **deargadan**

fríde bheag gun sgiathan oirre a bhios a' deoghal fuil.

deargann *b.**gin.* **deargainn** *iol.* **deargannan***co-ionann ri deargad.***deargnaich** *gniomhair*

déan no fás dearg.

deargnachadh *f.***dearmad** *f.**gin.* **dearmaid** *iol.* **dearmadan**

1 rudeigin air fhágail às; rudeigin nach deach a dhéanamh. **2** a bhith gun déiligeadh ri rudeigin: *an do leig thu air dhearmad e?*

dearmadach *buadhair**coim.* **dearmadaiche**

a leigeas rudeigin air dhearmad; neo-chúramach. **dearmadachd** *b.*

dearmaid *gniomhair*(no **dearmad**)

1 fág rudeigin às; bi gun rudeigin a dhéanamh. **2** bi gun déiligeadh ri rudeigin.

dearmad *f.***deàrrs** *gniomhair*

cuir a-mach no tilg air ais solas; bi soilleir; déalraich.

deàrrsadhbh *f.***deàrrsach** *buadhair**coim.* **deàrrsaiche**

a bhios a' deàrrsadh.

deàrrsadhbh *f.**gin.* **deàrrsaidh**

a' cur a-mach no a' tilgeil air ais solas; a' déalradhbh.

deàrrsaich *gniomhair**co-ionann ri deàrrs.***deàrrsachadh** *f.***deàrrsanta** *buadhair*

deàrrsach.

deas *buadhair agus ainmear**coim.* **deise**

1 an àird air do làimh dheis ma bhios tu a' coimhead chun an ear: *a' fuireach mu dheas; a' dol a deas/ gu deas; a' tighinn on deas/ à deas; tha an taigh aige deas air a' bhaile; an taobh deas/ a deas/ mu dheas/ o dheas.* **2** às no den àird a deas: *gaoth dheas.* **3** **an làmh dheas** an làmh cheart: *tha e air do làimh dheis.* **4** deiseil. **5** èasgaidh.

deasachadh *f.**gin.* **deasachaidh**

1 a' déanamh deiseil; a' cur an òrdugh; ag ullachadh. **2** rudeigin a dheasaich thu.

deasaich *gniomhair*

1 déan deiseil; cuir an òrdugh; ullaich. **2** bruich. **3** déan rudeigin (páipear-naidheachd, iris, 7c) deiseil gus fhoillseachadh. **3** cuir film no clárachadh san òrdugh as toigh leat.

deasachadh *f.***deasaichte** *buadhair*

air a dheasachadh.

deasbad f.

gin. deasbad *iol.* deasbadan
1 còmhradh; argamaid. **2**
 connsachadh.

deasbaid gniomhair

1 bi a' còmhradh ri duine eile mu
 dheidhinn cuspair air choreigin. **2**
 connsaich.

deasbaireachd b.**deasg f.**

gin. deasga *iol.* deasgan
 seòrsa bùird aig am bi thu a'
 sgrìobhadh no a' leughadh.

deas-ghnàth f.

gin. deas-ghnàith *iol.* deas-ghnàthan
 na gniomhan sólaimte a nithear aig
 pòsadh, adhlacadh, no tachartas
 cudthromach eile.

deas-ghnàthach buadhair**deas-labhrach buadhair**

coim. deas-labhraiche
 fileanta.

deatach b.

gin. deataiche *iol.* deataichean
1 gas faicsinneach air a dhèanamh
 le teas; toit. **2** gas no smùid le
 fàileadh làidir dhith.

deataich gniomhair

rach na dheataich.
deatachadh f.

deatamach buadhair

coim. deatamaiche
1 riatanach. **2** dealasach.

ded roimhear leasaichte

faic fo **de**

de dh' roimhear leasaichte

faic fo **de**

deic b.

gin. deice *iol.* deicichean
 bòrd bàta.

deich buadhair agus ainmear

an àireamh 10; a h-aon a
 bharrachd air a naoi: *a deich; deich*
taighean.

deichead f.

gin. deicheid *iol.* deicheadan
 deich bliadhna: *sheas an cogadh fad*
deicheid.

deicheamh buadhair

leanaigh seo an naoidheamh fear.

deichnear f. agus b.

a h-aon a bharrachd air naoinear:
deichnear cloinne.

dèideadh f.

(leis an alt)
gin. dèideidh
 pian a dh'fhaicheadar nuair a bhios
 fiacail goirt.

dèideag b.

gin. dèideig *iol.* dèideagan
1 rudeigin leis an cluich thu: *thug*
mi dèideag don leanabh. **2** clach
 chruinn; molag.

dèidh b.

gin. dèidhe *iol.* dèidhean
 miann; rùn; gaol.
 faic an **dèidh**

dèidheil buadhair

coim. dèidheala
1 as toigh leat gu mòr; measail: *tha*
mi dèidheil air cèicean. **2** gaolach;
 gràdhach.

deidhinn roimhear

faic mu **dheidhinn**

deifir b.

gin. deifire
1 cabhag. 2 diosar.

deifrichte *buadhair*
faic diofarachte

deigh b.

gin. deighe
uisge reòthte; eigh.

deigheadh *gniomhair neo-riaghailteach*
(agus deigheamaid, 7c)
faic fo rach

deilbh b.

gin. deilbhe *iol.* deilbhean
co-ionann ri dealbh.

deilbh *gniomhair*
co-ionann ri dealbh.

dèile b.

gin. dèilidh *iol.* dèilean, dèileachan
bòrd fiodha; clàr.

dèile-bhogadain b.
iol. dèilean-bogadain
làir-mhaide.dèilig *gniomhair*
gabh gnothach ri rudeigin; déan
rudeigin a dh'fheumas a bhith ga
dhéanamh: *bha sinn a' dèiligeadh*
ris a' cheist fad an latha.
dèiligeadh f.deimhinn *buadhair*
(no deimhinne)
coim. deimhinne
1 fior: *deimhinn sgeul.* 2 *gu*
*deimhinn gu dearbh.*dèine b.
dealas; dùrachd.

dèirc b.

gin. dèirce *iol.* dèircean
1 a' toirt airgead, cuideachadh, 7c,
do dhaoine eile air a bheil dith. 2 na
bheirear do dhaoine eile.

dèirceach *buadhair*

coim. dèirciche
1 bochd. 2 deònach dèirc a thoirt
do chuideigin.
dèirceachd b.

dèirceach f.

gin. agus *iol.* dèircich
cuideigin a dh'iarras dèirc.

deireadh f.

gin. deiridh *iol.* deiridhean
1 crìoch; ceann; cùl: *aig deireadh an*
leabhair; deireadh na seachdaine;
deireadh an là. 2 *air dheireadh* air
chùl; slaodach: *a bheil thu air*
dheireadh led obair? 3 *air deireadh*
a' tighinn an dèidh chàich; aig an
deireadh: *cò a ràinig air deireadh?* 4
bho no **mu** **dheireadh** aig an
deireadh; as ùr; as fhaisge: *ràinig*
sinn mu dheireadh an dèidh trì
uairean a thide; *sin an là mu*
dheireadh a bha mi ann; *mu*
dheireadh thall.

deireannach *buadhair*

coim. deireannaiche
a' tighinn aig an deireadh; mu
dheireadh.

deis *buadhair*

coim. deise
1 deiseil. 2 deas; èasgaidh.

deisciobal f.

gin. agus *iol.* deisciobail
1 duine a leanas creideamh, a cho-
aontachas le cuideigin eile agus a
chuid bheachdan. 2 fear den dà fhìr
dheug a lean Iosa an toiseach.

deise *b.**iol.* **deiseachan**

buill-aodaich a chuireas tu ort
còmhla, m.e. seacaid agus briogais
no sgiort.

deiseil *buadhair**coim.* **deiseala**

1 comasach no deònach a bhith a'
dèanamh rudeigin no a bhith ga
chleachdadh anns a' bhad; ullamh.
2 a bhith air rudeigin a
chrionachadh: *a bheil thu deiseil*
den leabhar agam fhathast? 3 a
ghluaiseas air slighe a rêu làmhan
uaireadair. 4 a għluaiseas air slighe
na gréine.

deise-snàimh *b.**iol.* **deiseachan-snàimh**

ball-aodaich a chuireas tu ort nuair
a bhios tu a' snàmh.

dèisinn *b.**gin.* **dèisinne**

a' faireachdann nach caomh leat
cuideigin no rudeigin; sgreamh.

dèisinneach *buadhair***deis-oidhche** *b.**iol.* **deiseachan-oidhche**

seacaid agus briogais sgaoilte a
chaitheas tu anns an leabaidh.

deit *b.**gin.* **deite** *iol.* **deitichean**

am meas de sheòrsa àraidh de
chraoibh-phailm.

dem *roimhear leasaichte*faic fo **de****dè mar** *co-ghniomhair*co-ionann ri **ciamar.****den** *roimhear leasaichte*faic fo **de****deò** *b.*

1 anail; àile.

2 a' bheatha.

deoc *gniomhair*

deoghail; sùgh.

deocadh *f.***deoch** *b.**gin.* **dighe** *iol.* **deochannan**

uisge no lionn airson òl.

deoch-làidir *b.**gin.* **digh-làidire** *iol.* **deochannan-làidir**deoch anns a bheil alcol: 's e
deochannan-làidir a tha ann an
*uisge-beatha agus leann.***deoghail** *gniomhair*gabbh lionn no àile a-steach nad
bheul fhad is a bhios tu a' tarraig
trod bhilean; sùgh.**deoghal** *f.***deònach** *buadhair**coim.* **deònache**deiseil agus toilichte na dh'iaras
cuideigin a dhéanamh; toileach: *a*
*bheil thu deònach air?***deòin** *b.***deònaich** *gniomhair*

ceadaich.

deònachadh *f.***der** *roimhear leasaichte*faic fo **de****deth(san)** *roimhear riochdaireil*faic fo **de****deuchainn** *b.**gin.* **deuchainne** *iol.* **deuchainnean**1 dearbhadh air rudeigin: *cuir gu*
deuchainn e! 2 dearbhadh air sgil no
eòlas cuideigin: *bith deuchainn*

*againn san sgoil a-màireach. 3
duilgheadas.
deuchainneach buadhair*

deucon f.

*gin. deucoin iol. deucoin, deuconan
1 (na h-eaglaisean Pròstanach)
oifgeach neo-chléireachail ann an
eaglais. 2 (an Eaglais Chaitligeach)
pears-eaglais fo shagart.*

deudach buadhair

*coim. deudaiche
a thaobh fhiaclan; fiaclach.*

deug iar-leasachan

deich: a h-aon-deug; a dhà-dheug.

deugachadh f.

*(no deugnachadh)
a' ruighinn trì bliadhna deug a
dh'aois: tha e air deugachadh.*

deugaire f.

*iol. deugairean
neach tri bliadhna deug gu naoi
bliadhna deug a dh'aois.*

deugan ainmear iolra

*na bliadhnanachan trì-deug gu naoi-
deug.*

deugnachadh f.

co-ionann ri deugachadh.

deur f.

*gin. agus iol. déoir
boinneag uisge a thig às an t-sùil
nuair a bhios tu a' gul.*

dh' mion-fhacal

*air a chleachdadh air uairean ro
ghniomhairean (i. ro chumaidh-
ean neo-eisimeileach de
ghniomhairean mar ith agus fàg
sna tràthan caithe, neo-choileanta
agus cumhach): dh'iar mi air*

*leabhar a cheannach dhomh;
dh'fhuirichinn an seo nam b' urrainn
dhomh; dh'shaodadh sin a bhith.*

dha *roimhear (+ tabh.)*
do: thug mi dha Calum e.

dha *roimhear leasaichte*
faic fo do

dha/dhà(san) *roimhear riochdaireil*
faic fo do

dhà *ainmear*
an àireamh 2; a h-aon a bharrachd
air a h-aon: *a bheil dhà ann?*; *chan
eil ann ach na dhà.*
faic **dà** *buadhair*

dhachaigh *co-ghniomhair*
gus an taigh: *chaidh mi do na
bùithtean agus an uair sin chaidh mi
dhachaigh.*

dhad *roimhear leasaichte*
faic fo do

dhà-dheug *ainmear*
an àireamh 12: *co mheud mìos a tha
ann am bliadhna? – tha dhà-dheug.*
faic **dà-dheug** *buadhair*

dhaibh(san) *roimhear riochdaireil*
faic fo do

dham *roimhear leasaichte*
(agus **dhan**, **dhar**)
faic fo do

dha-rìribh *co-ghniomhair*
co-ionann ri **da-rìribh**.

dha sin *co-ghniomhair*
do sin.

dhe *roimhear leasaichte*
faic fo de

dhed roimhear leasaichte
faic fo de

Crìosdaidh, nan Iùdhach, agus
nam Mohamadanach.

dhem roimhear leasaichte
faic fo de

diabhal f.

gin. diabhal iol. diabhan

1 spiorad no duine olc. 2 an
Diabhal am prìomh spiorad de
dh'olc agus nàmhaid Dhè sa
chreideamh Chrìosdaidh.

diabhlaidh buadhair

dhen roimhear leasaichte
faic fo de

diadhachd b.

na bhios duine a' creidsinn mu
Dhia no dhiathan agus mar a nì e
adhradh; creideamh.

dher roimhear leasaichte
faic fo de

diadhaidh buadhair

coim. diadhaidhe

1 de no a' gabhail gnothaich ri
diadhachd. 2 a leanas creideamh gu
riaghailteach.

dheth co-ghniomhair
1 air falbh; sios: *thuit an similear*
dheth. 2 air falbh bho obair: *bha mi*
dheth dà là. 3 às: *chaidh na solais a*
chur dheth. 4 air fàs lobhте, 7c: *tha*
am bainne dheth. 5 **dheth seo** de seo.

dhi/dhi(se) roimhear riochdaireil
faic fo do

diagram f.

gin. diagraim iol. diagraman

dealbh a mhìnicheas rudeigin, mar
a chaidh a dhèanamh, 7c; dealbh-
chumadh.

dhibh(se) roimhear riochdaireil
(agus **dhinn(e)**, **dhiom(sa)**,
dhiot(sa), **dhith(se)**, **dhiubh(san)**)
faic fo de

diallaid b.

faic **dìollaid**

dhomh(sa) roimhear riochdaireil
(agus **duh(i)t(sa)**, **dhuibh(se)**,
dhuiinn(e))
faic fo do

diamhair buadhair

faic **dìomhair**

dhur roimhear leasaichte
faic fo do

dian buadhair

coim. **dène**

dealasach; le neart; le cabhaig.

di/dì(se) roimhear riochdaireil
faic fo do

Diardaoin f.

an còigeamh là den t-seachdain.

dia f.
gin. **dè** iol. **diathan**

dias b.

gin. **dèise** iol. **diasan**

bagaid sil air gas arbhair.

1 neach no nì don déanar
adhradh. 2 **Dia** cruithear an
domhain an creideamh nan

diathad b.

(leis an alt)

iol. diathadan

1 am prìomh bhiadh no lòn air an là; dinnear. 2 biadh; lòn.

dibh(se) roimhear riochdaireil
faic fo de**dibhearsan f.****gin. dibhearsain**

1 cur-seachad; toileachas. 2 spòrs; fanaid.

dicheall f.**gin. dìchill**

1 obair chruaidh; a' cleachdadhlùths. 2 oidhirp.

dicheallach buadhair**coim. dicheallaiche**

math air obair; déanadach; gniomhach; faiceallach: *bha iad ag obair gu dicheallach.*

di-cheannaich gniomhair

thoir ceann cuideigin dheth le claidheamh, 7c.

dì-cheannadh f.**di-chuimhnich gniomhair****co-ionann ri diochuimhnich.****di-chuimhneachadh f.****Diciadain f.**

an ceathramh là den t-seachdain.

didearachd b.

a' toirt sùil air cuideigin no rudeigin gu luath no gu diomhair; a' coimhead tro fhosgladh beag.

Didòmhnaich f.

a' chiad là den t-seachdain; Là na Sàbaid.

difir f.

co-ionann ri diofar.

dig b.**gin. dige iol. digean**

toll fada air a chladhach san talamh airson uisge a chumail no a thoirt air falbh; clais; drèana.

digear f.**gin. digeir iol. digearan**

carbad air a bheil innleachd mar spaid airson cladhaich.

dighe b.

faic fo deoch

Dihaoine f.

an siathamh là den t-seachdain.

dile b.**gin. dileann, dilinn tabh. dilinn**

1 tuil. 2 **dile bhàthte** uisge trom. 3 **gu dilinn** gu bràth.

dilinn b.

co-ionann ri dile.

dileab b.**gin. dileib iol. dileaban**

rudeigin air a thoirt do chuideigin ann an tiomnad.

dileas buadhair**coim. dilsé**

a ghabhas earbsa a chur ann.
dilseachd b.

Diluain f.

an dara là den t-seachdain.

Dimàirt f.

an treas là den t-seachdain.

dìnichen anmear iolra

briogais, mar as trice gorm, air a déanamh à aodach làidir.

dinn(e) roimhear riochdaireil

faic fo de

dinn *gniomhair*

1 put mòran nithean a-steach ann
an àite le neart. 2 lìon rudeigin glè
làn.
dinneadh *f.*

dinnear *b.*

(*leis an alt*)

gin. *dinnearach iol.* **dinnearan**
am prìomh bhiadh no lòn air an là;
diathad.

dinneir *b.*

faic *dinnear*

diobair *gniomhair*

fàg; trèig.

diobradh *f.*

diobhair *gniomhair*

thoir biadh air ais às an stamaig
tron bheul; cuir a-mach.

diobhairet *f.*

diobradh *f.*

gin. *diobraidih*

a' fàgail; a' trèigsinn.

diochuimhneach *buadhair*

coim. *diochuimhniche*

buailteach do rudan a
dhiochuimhneachadh.
diochuimhne *b.*

diochuimhnich *gniomhair*

bi gun chuimhne air rudeigin.

diochuimhneachadh *f.*

diofar *f.*

gin. *diofair*

1 cudthrom: *chan eil diofar ann.* 2
gu diofar cudthromach: *chan eil e*
gu diofar.

diofaraithe *buadhair*

eadar-dhealaichte.

diogail *gniomhair*

bean ri craiceann cuideigin gu
h-aotrom gus an dèan e gaire, no
gus am bi e greannach.
diogladh *f.*

diogailteach *buadhair*

co-ionann ri **diogalach**.

diogalach *buadhair*

coim. *diogalaiche*

1 a dhioglas. 2 a ghabhas diogladh.

diogail *gniomhair*

co-ionann ri **diol.**

dioghladh *f.*

dioghaltas *f.*

gin. *dioghaltais*

a bhith a' dèanamh cron air
cuideigin a chionn is gun do rinn e
cron ort no air caraid dhut;
gamhlas.

dioghladh *f.*

gin. *dioghlaidh*

a' dioladh.

dioghras *f.*

gin. *dioghras*

a bhith èasgaidh agus dealasach a
thaobh cuideigin no rudeigin.

dioghrasach *buadhair*

diogladh *f.*

gin. *dioglaidh*

a' beantainn ri craiceann cuideigin
gu h-aotrom gus an dèan e gaire,
no gus am bi e greannach.

diol *gniomhair*

1 pàigh rudeigin, gu h-àraidh
fiachan: *an do dhiol thu an t-airgead
dhà?* 2 dèan cron air cuideigin a
chionn is gun do rinn e cron ort no
air caraid dhut.
dioladh *f.*

diolain buadhair

air a bħreith nuair nach robh a phàrantan pòsta.
diolanas f.

diol-dèirce f.

iol. diol-dèircean
dèirceach.

dìollaид b.

gin. diollaide *iol.* diollaidean
1 suidheachan air innleachadh airson a chur air muin eich, càmhail, 7c. 2 an suidheachan air rothar.

diom(sa) roimheар riochdaireil
faic fo de**diomb f.**

1 a' faireachdainn nach caomh leat cuideigin, gu h-àraidih a chionn is gu bheil thu den bheachd gun do rinn e crón ort, no a chionn is gu bheil thu ag eudach ris. 2 mì-thoileachas.

diombach buadhair

coim. diombaiche
mì-thoilichte; air a bhuaireadh.

diombuan buadhair

coim. diombuaine
deiseil gu luath; seachad gu luath; aithghearr.

diombain buadhair

coim. diomhaine
1 leisg. 2 gun sheum; faoin. 3 gun obair.
diomhanas f.

diomhair buadhair

coim. diomhaire
1 nach bu choir dhut a bhith ag innseadh no a' sealltainn do dhaoine eile. 2 nach aithnich a

h-uile duine.

diomhaireachd b.**dion f.**

gin. diona
a' cumail cuideigin nò rudeigin sàbhailte; fasgadh; tèarmann.

dion gniomhair

thoir dion no fasgadh do chuideigin nò rudeigin.
dion f., diònadh f.

dionach buadhair

coim. dionache
1 a dhionas; fasgach; sàbhailte. 2 a chumas a-mach uisge, àile, 7c.

dionta buadhair

(no *dionte*)
air a dhion an aghaidh rudeigin: glainne dhionta.

diosail f.

connadh air a dhèanamh à ola airson einseanan àraidih.

diosg f.

co-ionann ri giøsg.

diosg gniomhair

co-ionann ri giøsg.
diosgail b.

diosganaich b.

gin. diosganaiche
a' diosgail.

diosgo f.

iol. diosgothan
1 àite no pàrtaidh far an cluichear clàran airson dannsaidh. 2 an acfhainn airson clàran a chluiche airson dannsaidh.

diot(sa) roimheар riochdaireil

faic fo de

direach *buadhair**coim.* **dìriche**

1 gun a bhith cam. 2 a' dol sios agus suas; gun a bhith còmhnard. 3 deas; ceart.

direach *co-gníomhair*

1 a-mhain: *tha mi direach ag iarraidh uisge.* 2 gu dearbh; gu cinnteach: *direach sin.* 3-gus: *bha e direach a' suidhe air cathair nuair a rainig mi.* 4 an-ceartuair; an-dràsta: *tha e direach air falbh.*

direachadh *f.**gin.* **direachaídh**

a' déanamh no a' fás direach.

dìreadh *f.**gin.* **dìridh**

a' dol suas; a' streap.

dirich *gniomhair*¹

dèan no fás direach.

direachadh *f.***dirich** *gniomhair*²

rach suas; streap.

dìreadh *f.***Disathairne** *f.*

an seachdamh là den t-seachdain.

disinn *f.**gin.* **disne** *iol.* **disnean**

ciùb agus àireamhan (1 gu 6) air a thaobhan, air a chleachdadh ann an cluichean.

disne *b.*co-ionann ri **disinn**.**dit** *gniomhair*

1 can gu bheil thu gu tur an aghaidh rudeigin. 2 their breith-eanas air eucorach: *chaidh an duine*

a dhiteadh gu bàs. 3 dearbh.

diteadh *f.*, **díteach** *buadhair***dith(se)** *roimhear riochdaireil*
faic fo **de****dith** *f.**gin.* **dithe**

1 rudeigin nach eil agad ach a tha thu ag iarraidh, no air a bheil feum agad. 2 a **dhith** a bhith gun rudeigin: *a bheil càil dhad dhith?* 3 a **dhith air** a bhith gun rudeigin: *dè a tha e dhith ort?*

dithean *f.**gin.* **dithein** *iol.* **dithein**, **ditheanan**
flùr; blàth; sithean.**dithich** *gniomhair*

sgrios; marbh.

ditheachadh *f.***dithis** *b.**iol.* **dithisean**(no **dithist**)

1 a dhà, air a chleachdadh mar as trice nuair a bhruidhneas tu mu dhaoine: *dithis shear;* *dithis chloinne;* *bha an dithis againn aig a' chèilidh.* 2 càraid: *shuidh sinn sios nar dithisean.*

dithreabh *b.**gin.* **dithreibh** *iol.* **dithreabhan**
fàsach.**diù** *buadhair*air luach: *cha diù leam sin.*
faic **fiù** *buadhair***diù** *f.*

1 luach; fiach. 2 dragh; cùram: *cha robh diù agam dheth.*
faic **fiù** *f.*

diubh(san) roimhear riochdaireil
faic fo de

dleastanas f.

*gin. dleastanais iol. dleastanasan
na bu chòir dhut a bhith a'
dèanamh.*

diùc *f.*
iol. **diùcan**
uachdaran glè chudthromach.

diligent

cóir; dleastanas; lagh.
dligheach buadhair

diùdo *b.*
dòigh Sheapanach air gleac agus
fèin-dhòn.

dlùth *buadhair*

coim. dlùithe

1 faisg. **2** tiugh; dòmhail.
dlùths *f.*

diùid *buadhain*
coim; diùid

a' gabhail eagal ro bhith a'
bruidhinn no a' coinneachadh ri
daoine eile.

diùide *b.*
a bhith diùid.

dlùthach *gniomhair*

thig faisg air cuideigin no rudeigin.
dlùthachadh *f.*

diúlt *gniomhair*
1 can nach gabh thu rudeigin. 2 bi
gun rudeigin a cheadachadh.
diúltadh *f.*

do buadhair seilbhreach

dhiot; a' buntainn dhut: d' athair is
do mhàthair.

diumb *f.*
faic diomb

do mion-shacal

(cuideachd **do dh'**)
air a chleachdadh air uairean ro
ghniomhairean (i. ro chumaidh-
ean eisimeileach de ghníomhairean
san tráth chaithe): *an do*
cheannaich thu biadh an-diugh?; *cha*
do rinn iad cail; *nach do dh'ith thu gu*
leòr?; *thuirt e gun do dh'fhalbh e mu*
thráth.

diumbach *buadhain*
faic diombach

do *rainhear* (+ *tabh.*)

(cuideachd do dh', a dh', a'

(leis an alt don, dhan'

(leis an riochdair dhàimheach *a² do*
dom don no dha dham dhan)

(le buadhair seilbheach dham dhad
dha/dha dhar dhur dhan/dham, no)

dhomh(sa) dhu(i)t(sa) dha/dhi no
dhà(san)/dhi(se) dhuinn(e)

diùrrais *b.*
gin. diùrraise *iol.* diùrraisean
1 rùn; diomhaireachd. 2 a)
bruidhinn gu diomhair, air leth, 7c;
bha na balaich a' diùrrais eatarra
fhèin.

dleasnas *f.*
co-jonann ri dleastanas.

dhuibh(se) **dhaibh(san)**, no
domh(sa), 7c)
1 don taobh a-staigh; a-steach ann;
chaidh iad dhan bhaile; do na
bùithtean. 2 a bhith air a ghabhail
no air a chleachdadh le: *thug mi don*
duine e. 3 mu; mar a bhuineas e ri:
dè a thachair dhut?; *an aithne dhuibh*
i?; cha b' urrainn dha tighinn; is
pailte brù na biadh dhut. 4 air feadh:
a dh'oidhche is a là. 5 a' buntainn
do: 's e caraid dhomh a bha innse;
bràthair dhomh. 6 air a chleachd-
adh ann an clàs aimsireil gus an
cùisear a thoirt a-steach: *air dhomh*
falbh; là dhomh a' dol dhachaigh. 7
ann an roimhearan fillte: *a réir;* a
chionn; *a thaobh;* *a dh'ionnsaigh.*

do-àireamh buadhair

gun àireamh; nach gabh cunntadh.

dòbhran f.

gin. agus iol. **dòbhrain**
beathach molach agus earball fada
air, a bhios a' suireach faisg air
uisge.

do bhrìgh roimhean (+ gin.)

airson; a chionn.

doca f.¹

iol. **docan**
cuaraidh.

doca f.²

iol. **docan, docaichean**
port; cala.

docair f.

iol. **docairean**
duine a bhios ag obair ann am port.

dòcha buadhair

1 **is dòcha gu** tha e coltach gu: *is*
dòcha gum bi an t-uisge ann fhathast

a chionn is gu bheil i cho dorch a-
muigh. 2 **is dòcha gu** dh'fhaodte gu.

dòchas f.

gin. **dòchais iol. dòchasan**

1 ag iarraidh rudeigin a dh'fhaodas
tachairt; dùil: *tha mi an dòchas nach*
bi an t-uisge ann an-diugh. 2 ni no
duine a bheir dòchas dhut.

dòchasach buadhair

do-chnàmh f.

(leis an alt)

pian a dh'fhairieas tu nuair a
bhios e duilich biadh a
chnàmhadh.

doctair f.

co-ionann ri **dotair.**

dod roimhean leasaichte

faic fo **do**

do dh' mion-fhacal

faic fo **do**

do dh' roimhean

faic fo **do**

do-fhaicsinneach buadhair

coim. **do-fhaicsinniche**
nach gabh faicinn.

dòigh b.

gin. **dòighe iol. dòighean**

1 mar a ni thu rudeigin; rian: *air an*
dòigh seo. 2 òrdugh: *chaidh an taigh*
a chur air dòigh. 3 cor: *dè an dòigh a*
tha ort? 4 **air dòigh** glè thoilichte:
tha mi air mo dòigh. 5 **air dòigh** is
gu gus a.

dòigh-beatha b.

iol. **dòighean-beatha**

mar a bhios tu beò, a' gabhail a-
steach do bheachdan, do ghiùlain,
agus nan nithean a bhios agad

timcheall ort; seòl-beatha.

dòigheil *buadhair*

coim. **dòigheala**

1 air dòigh; ann an òrdugh. 2 air do dhòigh; glè thoilichte.

dòigh-labhairt *b.*

iol. **dòighean-labhairt**

an dòigh air a chanas tu rudeigin; blas.

dòigh-siubhail *b.*

iol. **dòighean-siubhail**

an dòigh air am bi duine a' siubhal.

dòil *f.*

airgead air a phàigheadh do dhuine gun obair.

doile *b.*

iol. **doilichean**

liùdhag.

doilgheas *f.*

gin. **doilgheis**

sàrachadh; goirteachadh.

doille *b.*

a bhith dall.

doilleir *buadhair*

coim. **doilleire**

dorch; gun a bhith soilleir.

doilleireachd *b.*

doilleirich *gniomhair*

dèan no fàs nas doilleire; duibhrich.

doilleireachadh *f.*

doimhne *b.*

1 cho domhainn is a tha rudeigin. 2 an **doimhne** am muir; uisge domhainn; àite domhainn.

doimhne *buadhair*

faic fo **domhainn**

doimhneachd *b.*

cho domhainn is a' tha rudeigin.

doimhnich *gniomhair*

dèan rudeigin nas doimhne; fàs domhainn.

doimhneachadh *f.*

doineann *b.*

gin. **doininn** *iol.* **doineannan**

gaoth glè làidir le mòran uisge, sneachda, 7c; stoirm.

doineannach *buadhair*

doirbh *buadhair*

coim. **doirbhe**

duilich; gun a bhith furasta.

doirbheadas *f.*

doire *f.* agus *b.*

iol. **doirean**, **doireachan**

còmhan de chraobhan; coille bheag; badan.

doireach *buadhair*

dòirt *gniomhair*

1 thoir air lionn ruith à soitheach: *dòirt an teathal*; *dhòirt mi am bainne*

air a' bhòrd. 2 ruith; sil: *bidh na h-uillt a' dòrtadh sa gheimhradh*. 3 (an t-uisge) sil: *tha e a' dòrtadh a-muigh*.

dòrtadh *f.*

dol *f.*

a' falbh.

faic fo **rach**

dol-a-mach *f.*

an t-sligte a-mach à àite.

dol-a-steach *f.*

an t-sligte a-steach do dh'àite.

dola *b.*
faic doile

dolaidh *b.*
1 cron; goirteachadh: *chaidh a chur a dholaidh.*
2 call; lochd.

dolair *f.*
iol. **dolairean**
aonad de dh'airgead sna Stàitean Aonaichte, ann an Canada, Astràilia, agus ann an cuid de dhùthchannan eile.

dom *roimhear leasaichte*
faic fo do

domh(sa) *roimhear riochdaireil*
faic fo do

dòmhail *buadhair*
coim. **dòmhala**
air meud mòr; reamhar; tiugh; dlùth.

domhain *buadhair*
faic **domhainn**

domhainn *buadhair*
coim. **doimhne**
1 a' dol sios slighe fhada bhon mhullach; gun a bhith tana. 2 leathan; *preas domhainn.* 3 cud-thromach; trom.

domhan *f.*
gin. **domhain**
a h-uile càil ann am bith air an talamh agus anns an fhànas.

dòmhlaichd *b.*
cho dòmhail is a tha rudeigin.

don *roimhear leasaichte*
faic fo do

dona *buadhair*
coim. **miosa**
gun a bhith math; olc.

donas *f.*
gin. **donais**
1 a bhith dona; cron. 2 **an Donas** an Diabhal.

donn *buadhair*
coim. **duinne**
1 dath na talmhainn. 2 air a dhubhadh leis a' ghrèin. 3 leis an daoraich.

donn- *ro-leasachan*
le fiambh donn: *donn-dhearg; donn-uaine.*

donnal *f.*
gin. **donnail** *iol.* **donnalan**
fuaim fada àrd a nì ainmhidh a bhios ann am pian; ulfhart.

donnalaich *b.*
gin. **donnalaiche**
a' déanamh dhonnal.

dòrainneach *buadhair*
coim. **dòrainniche**
pianail; cràiteach.
dòrainn *b.*

doras *f.*
gin. **dorais** *iol.* **dorsan**
1 an t-slighe a-steach do rudeigin: *bha an cù na sheasamh ann an doras an taighe; dùin an doras!* 2 an nì a bhios a' dùnadh na slighe seo; còmhla.

doras-mòr *f.*
gin. **dorais-mhòir** *iol.* **dorsan-mòra**
an doras aig beulaibh togalaich; am priomh dhoras.

dorch <i>buadhair</i>	dòs <i>gniomhair</i> thoir cungaidd-leighis do bheathach.
(no dorcha)	dòsadh <i>f.</i>
coim. <i>durche</i>	
gun solas no gun mhòran solais; doileir; dubh: <i>oidhche dhorch.</i>	
dorchadas <i>f.</i>	dosgadh <i>f.</i> co-ionann ri dosgainn .
<i>gin.</i> dorchadais	
a bhith dorch.	
dòrlach <i>f.</i>	dosgainn <i>b.</i> <i>iol.</i> dosgainnean
<i>gin.</i> agus <i>iol.</i> dòrlaich	call mòr no tubaist mhòr; mi- fhortan.
1 làrn na làimhe; làrn an dùirn: <i>thog mi dòrlach gainmhich nam làimh.</i> 2	dosgainneach <i>buadhair</i>
grunnan.	
dòrn <i>f.</i>	dotag <i>b.</i>
<i>gin.</i> agus <i>iol.</i> dùirn	<i>gin.</i> dotaig <i>iol.</i> dotagan
1 làmh air a dùnadh gu teann le na meòir air an cumail a-steach. 2	puing; ball.
làmh innleachd.	
dorra <i>buadhair</i>	dotair <i>f.</i>
faic fo duilich	<i>iol.</i> dotairean
dorradas <i>f.</i>	neach air ionnsachadh gus daoine tinn a shlànachadh; lighiche.
<i>gin.</i> dorradais	
cho doirbh no duilich is a tha rudeigin; doirbheadas.	
dorsair <i>f.</i>	dòtaman <i>f.</i>
<i>iol.</i> dorsairean	(no dotaman)
1 cuideigin a tha an dreuchd aige ri bhith a' coimhead an déidh dol-a- steach togalaich. 2 portair.	<i>gin.</i> dòtamain <i>iol.</i> dòtamanan
dòrtadh <i>f.</i>	dèideag a chuireas caran.
<i>gin.</i> dòrtaidh	
1 a' toirt air lionn ruith à soitheach. 2 a' ruith; a' sileadh.	
dos <i>f.</i>	drabasta <i>buadhair</i>
<i>gin.</i> dois <i>iol.</i> dois, dosan	1 gun a bhith finealta no modhail. 2
preas; bad.	draosta.
dosach <i>buadhair</i>	
	drabbhair <i>f.</i>
	<i>iol.</i> dràbhaircian
	soitheach ann am ball-àirneis a ghabhas tarraig a-mach agus a- steach.
	dràc <i>f.</i>
	<i>gin.</i> dràic <i>iol.</i> dràcan
	lach fireann; ràc.
	dragh <i>f.</i>
	<i>gin.</i> dragha <i>iol.</i> draghannan
	a' smaoineachadh air rudeigin dona a dh'fhaodas tachairt;

iomagain; buaireadh; trioblaid:
sguir a bhith a' cur dragh orm!

dragh gniomhair
slaod rudeigin trom.
draghadh f.

draghail buadhair
coim. **draghala**
1 a chuireas dragh air cuideigin. 2 a
ghabhas dragh.

dràgon f.
gin. **dragoin iol.** **dragoin, dragonan**
uilebheist fiadhaich faoinsgeulach.

dràibh gniomhair
co-ionann ri **dràibhig**.
dràibheadh f.

dràibhear f.
gin. **dràibheir iol.** **dràibhearan**
cuideigin a stiùireas càr, trèana, 7c.

dràibhig gniomhair
stiùir càr.
dràibhigeadh f.

dràm f.
co-ionann ri drama.

drama f.
iol. **dramaichean**
meud beag de dheoch-làidir.

dràma f.
iol. **dràmathan**
1 dealbh-chluich. 2 a' sgriobhadh
no a' déanamh dhealbhan-
chluiche. 3 sreach de thachartasan
gluasadach.

dranndan f.
gin. **dranndain**
crònán; srann; grùnsgal.

draoidh f.

iol. **draoidhean**

1 duine a nì rudan iongantach no
cleasan nach urrainn, mar as trice,
do dhaoine eile déanamh. 2 sagart
den t-sean chreideamh Cheiltich.

draoidheil buadhair, draoidheachd
b.

draosta buadhair

gun a bhith ciatach no beusach; glè
oilbheumach.

drathair f.

faic **drabhair**

drathais ainmean iolra
co-ionann ri **drathars**.

drathars ainmean iolra

ball fo-aodaich a chaitheas tu
eadar am meadhan agus na
sliasiadean.

dreach f.

gin. **dreacha iol.** **dreachan**

1 an coltas a tha air rudeigin: *bha e*
àlainn na dhreach; *na chòta dubh*
bha e air dhreach an fhithich. 2
iomhaigh; dealbh.

dreag b.

gin. **dreige iol.** **dreagan**

pios creige no meatailte a
ghluaiseas tron shànas agus a
loisgeas nuair a thig e faisg air an
talamh.

dreallag b.

gin. **dreallaige iol.** **dreallagan**

suidheachan air a chrochadh air
slabhraidh no ròpa, 7c, gus an
urrainn dhà gluasad air ais is air
adhart.

dream f.

gin. **dreama iol.** **dreamannan**

1 còmhlan; buidheann. **2** sluagh; muinntir.

drèana b.

iol. **drèanaichean**

1 piob no dig airson uisge no giodar a thoirt air falbh; sàibhean. **2** dig; clais.

dreasa b.

iol. **dreasaichean**

ball-aodaich le sgiort agus mullach ar-aon.

dreasair f.

iol. **dreasairean**

ball-àirneis le sgeilpichean, dràbhairchean, no preasan ann.

dreathan-donn f.

gin. **dreathain-duinn iol.** **dreathain-donna**

eun beag biodach donn.

drèin b.

gin. **drèine iol.** **drèinean**
braoig.

dreis b.

co-ionann ri **greis**.

dreiseag b.

co-ionann ri **greiseag**.

dreuchd b.

iol. **dreuchdan**

1 obair; an seòrsa obrach a nì duine. **2** gnothach; oifis.

dreuchdail buadhair

coim. **dreuchdala**

1 de no a' gabhailean gnothaich ri dreuchd. **2** a nì obair riaghailteach airson airgid: *cluicheadair dreuchdail*.

driamlach f. agus *b.*

gin. **driamlach iol.** **driamlach,**

driamlaichean

loidhne a chleachdar airson iasg a ghlacadh.

driftear f.

faic **drioftair**

drile b.

iol. **drilichean**

1 ball-acfhainn airson tuill a dhèanamh; sniomhaire. **2** eacarsaich air a h-ath-dhèanamh ann an ionnsachadh cogaidh, ann an lùth-chleas, 7c.

drilich gniomhair

dèan toll le sniomhaire.

driligeadh f.

drioblaig gniomhair

breab bâlla fhad is a bhios tu nad ruith gus am fuirich am bâlla dlùth rid chasan.

drioblaigeadh f.

drioftair f.

iol. **drioftairean**

seòrsa bàta-iasgaich.

drip b.

gin. **dripe**

a bhith dripeil no trang.

dripeil buadhair

coim. **dripeala**

1 a' dèanamh mòran; trang. **2** làn gniomhachd.

dris b.

gin. **drise iol.** **drisean**

preas gathach le meas sùghmhor dubh air.

driùchd f.

co-ionann ri **drùchd**.

dròbh *f.**gin.* dròibh *iol.* dròbhan1 buar cruidh a tha ga iomain. 2
margadh.**dròbhair** *f.**iol.* dròbhairean

duine a bhios ag iomain crodh.

droch *buadhair*

(air a chleachdadh ron ainmear)

1 dona; olc: droch là; droch dhuine.

2 truagh.

drochaid *b.**gin.* drochaide *iol.* drochaideancnàmhain no structair air a thogail
thairis air abhainn, rathad-iarainn,
no rathad, gus an tèid daoine
seachad.**droch-bheus** *b.**gin.* droch-bheusa *iol.* droch-
bheusandonas; seòrsa sònraichte de
dhonas: se droch-bheus a tha ann a
bhith a' goid.**droch-nàdarrach** *buadhair**coim.* droch-nàdarracheaig a bheil nàdar feargach;
aimhleasach.**droga** *b.**iol.* drogaichean, drogannan1 stuth a leasaicheas pian no a
shlànaicheas tinneas; cungaideh-
leigheas.2 stuth a bheir buaidh air comas
mothachaidh.**droman** *f.**gin.* dromain

ruis.

drucha *f.*

dealt.

drúchdach *buadhair***drùdhag** *b.**gin.* drùdhraig *iol.* drùdhagan

boinneag.

druid *b.**iol.* druideaneun beag dubh no donn a bhios a'
dèanamh mòran fuaime.**drùidh** *f.*

faic draoidh

drùidh *gniomhair*1 déan bog fluch. 2 tràigh. 3 thoir
buaidh air rudeigin; déan cron air
rudeigin: drùidh e orm.drùidheadh *f.***druim** *f.**gin.* droma *iol.* dromannan1 an roinn as fhaide air falbh bho
aghaidh rudeigin; cul. 2 roinn na
bodhaige eadar na guailnean agus
am màs. 3 roinn fada rudeigin a tha
nas àirdé na an còrr dheth: druim
cnuic.**druis** *b.*

co-ionann ri dris.

druma *b.**iol.* drumaicheaninneal-ciùil air a bheil craiceann air
a shineadh gu teann, agus a
bhuileas tu le bioran gus fuaim a
dhèanamh.drumair *f.***drumaireachd** *b.*

a' cluiche air druma.

du(i)t(sa) *roimhear* *riochdaireil*

faic fo do

duais b.*iol. duaisean*

1 rudeigin a bheirear do chuideigin a chionn is gun do rinn e math. 2 rudeigin a bheirear gu h-oifigeil do chuideigin a bhios air rudeigin a dhèanamh gu soirbheachail.

duaisich gniomhair

thoir duais do chuideigin.
duaiseachadh f.

dual f.¹*gin. duail iol. dualan*

rudeigin a gheibh thu bhod shinnsearan; rudeigin a bu chòir a bhith agad; còir.

dualach buadhair**dual f.²***gin. duail iol. dualan*

1 pios fault; fultean. 2 falt le piosan air an sniomhadh còmhla.

dualach buadhair**dualag b.***gin. dualraig iol. dualagan*

dual fault; dual bheag.

dualaich gniomhair

dèan dualan fault.

dualachadh f.**dualchainnt b.***gin. dualchainnte iol.***dualchainntean**

an dòigh air am bi daoine a' bruidhinn ann an sgire àraidh.

dualchas f.*gin. dualchais*

1 buailteachd nàdarrach do rudeigin a dhèanamh no fhaireach-dainn. 2 feartan a gheibh thu bhod phàrantan no bhod shinnsearan.

dualchasach buadhair, dualchasachd b.

dualtach buadhair*coim. dualtaiche*

a tha ag iarraidh no a tha buailteach do rudeigin a dhèanamh: *tha e dualtach dhà a bhith gruamach fad na tide.*

duan f.*gin. agus iol. duain*

dàn, gu h-àraidh fear airson seinn; laoidh.

duanag b.*gin. duanaig iol. duanagan*

duan beag; luinneag.

dù bailte buadhair

dà-fhillte.

dubh buadhair*coim. duibhe*

1 dath glè dhorch, gun a bhith geal; dath a' ghuail. 2 **dubh dorch** glè dhorch. 3 glè shalach. 4 brònach.

dubh f.*gin. duibh*

1 an dath dubh. 2 lionn dubh no dathte air a chleachdadh airson sgrìobhaidh no clò-bhualaidh.

dubh gniomhair

1 dèan no fàs dubh no dorch. 2 **dubh às** cuir às.

dubhadh f.**dubh- ro-leasachan**

dorch: *dubh-dhonn; dubh-ruadh; dubh-liath.*

dubhach buadhair*coim. dubhaiche*

brònach; túrsach.

dubhadh f.*gin. dubhaidh*

1 a' dèanamh no a' fàs dubh no

dorch. 2 **dubhadh na gréine** àm nuair a thig a' ghealach eadar a' ghrian agus an talamh gus an tèid a' ghrian am falach. 3 **dubhadh na gealaich** àm nuair a thig a' ghrian eadar a' ghealach agus an talamh gus an tèid a' ghealach am falach.

dubhag *f.*

gin. **dubhaig** *iol.* **dubhagan**
aon de dhà fhàireig sa bhodhaig a bheir stuthan neo-fheumail às an fhuil, a' saighinn cuidhteas dhiubh anns a' mhùn; àra.

dubhairt *gniomhair neo-riaghailteach*
(agus **dubhairteadh**)
airson tubhairt

dubhan *f.*

gin. agus *iol.* **dubhain**
1 pios de mheatailt lùbte airson rudan a chrochadh air, no airson iasg a ghlacadh; cromag. 2 innleachd airson nithean a dhùnadadh.

dubhar *f.*

gin. **dubhair**
àite air a dhòn bho sholas soilleir: *bha e na shuidhe fo dhubhar na craoibhe.*

dubh-cheannach *f.*

gin. agus *iol.* **dubh-cheannaich**
caora gheal le aodann dubh oirre.

dubh-cheist *b.*

iol. **dubh-cheisteán**
ceist dhiomhair no fhalaichte.

dubh-fhacal *f.*

gin. **dubh-fhacail** *iol.* **dubh-fhacail,**
dubh-fhaclan
rudeigin diomhair; töimhseachan; imcheist.

Dùblachd *b.*

(leis an alt)
an dara miost deug den bhliadhna; an Dùdlachd.

dùbhlann *f.*

gin. agus *iol.* **dùbhlain**
1 ag iarraidh air cuideigin rudeigin duilich a dhèanamh, stri a ghabhail, 7c: *thug e dùbhlann dhomh a' bheinn a dhireadh.* 2 a' cantainn no a' sealltainn nach dèan thu rudeigin: *thug am balach dùbhlann don pholas.*

dubh-nota *f.*

iol. **dubh-notaichean**
comharradh ciùil, air a sgrìobhadh .

dubh sùla *f.*

an roinn dhubbh anns an t-sùil: *fásaidh dubh na sùla nas lugha san t-solas.*

dùblaich *gniomhair*

1 dèan no fás a dhà uiread cho mòr.
2 fill rudeigin.
dùblachadh *f.*

ducs *f.*

an sgoilear as fheàrr ann an sgoil no clas-sgoile.

dùdach *b.*

gin. **dùdaiche** *iol.* **dùdaichean**
1 inneal a bheir rabhadh le fuaim. 2 inneal-ciùil pràise mar thrombaid bhig.

dùdag *b.*

gin. **dùdaig** *iol.* **dùdagan**
co-ionann ri **dùdach**.

Dùdlachd *b.*

(leis an alt)
an Dùblachd.

duibh(se) *roimhear riochdaireil*
faic fo do

duibhre *b.*
an t-eadar-sholas air an oidhche.

duibhrich *gniomhair*
dèan no fàs nas duibhe.
duibhreachadh *f.*

dùil *b.¹*
gin. dùile iol. dùilean
dòchas; creideamh: *tha dùil againn ris a-màireach; bha mi an dùil.*

dùil *b.²*
gin. dùile iol. dùilean, dùiltean
stuth nach gabh briseadh sios: 's e
dùilean a tha ann an copar agus pronnasg.
dùileach *buadhair*

duileasg *f.*
gin. duilisg
scòrsa feamann-deirge a ghabhas
ithe.

duilghe *buadhair*
faic fo **duilich**

duilgheadas *f.*
gin. duilgheadais iol. duilgheadasan
rudeigin a tha duilich no cruaidh;
dorradas.

duilich *buadhair*
coim. duilghe, dorra
1 gun a bhith furasta; doirbh. 2 a'
faireachdainn a' bhròin no an
truais.

duilleach *f.*
gin. duillich
duilleagan chraobh, phreas, agus
luibh.

duilleachan *f.*
gin. agus iol. duilleachain
pios pàipeir air a chlò-bhualadh le
fiosrachadh mu dheidhinn rud-eigin.

duilleag *b.*
gin. duilleige iol. duilleagan
1 earrann luibhe no craobhe a' fàs
à taobh gaise, a tha mar as trice
uaine agus rèidh. 2 pios pàipeir ann
an leabhar no iris.

dùin *gniomhair*
1 cuir doras, ceann, geata, 7c,
thairis air fosgladh, toll, 7c: *dùin an doras!; dùin do bheul!* 2 fàs dùinte:
dhùin an doras. 3 cuartaich. 4
criochnaich.
dùnad *f.*

duine *f.*
iol. daoine
1 neach fireann inbheach; fear:
dh'fhàs am balach na dhuine mòr. 2
neach; pearsa. 3 urra; fear no tè: *a bheil duine ann?*

duineil *buadhair*
coim. duineala
fearail.

duine-uasal *f.*
(no **duin-uasal**)
gin. duine-uasail iol. daoine-uasal
1 fear. 2 duine modhail no onarach.
3 duine a bhuineas do theaghlaich
cudthromach.

duinn(e) *roimhear riochdaireil*
faic fo do

dùinte *buadhair*
1 air a dhùnad; gun a bhith
fosgailte. 2 air a chuartachadh. 3
criochnichte; deiseil.

duirt <i>gniomhair neo-riaghailteach</i>	duirt <i>gniomhair neo-riaghailteach</i>
(agus duirteadh)	dùr <i>buadhair</i>
airson tuirt	<i>coim.</i> dùire
	1 gruamach. 2 cruidh; rag-mhuinealach.
duiseal <i>b.</i>	dur <i>roimhear leasaichte</i>
<i>gin.</i> duiseil <i>iol.</i> duisealan	faic fo do
inneal-ciùil a tha na phìob fhada le tuill ann a dhùinear le na meòir no le luamhanan.	
dùisg <i>gniomhair</i>	dùrachd <i>f.</i>
1 sgúir a chadal; mosgail: <i>dùisg!</i> ; <i>a bheil thu nad dhùisg fhathast?</i> 2 brosnaich.	<i>iol.</i> dùrachdan
dùsgadh <i>f.</i>	1 dicheall; dèine. 2 deagh-thoil; deagh-ghean. 3 le dùrachd , le deagh-dhùrachd abairt a chleachdar aig deireadh litreach.
Duitseach <i>f.</i>	dùrachdach <i>buadhair</i>
<i>gin.</i> agus <i>iol.</i> Duitsich	<i>coim.</i> dùrachdaiche
neach às an Olainn.	1 dicheallach; dian. 2 fior; da-rìribh. 3 deagh-thoileach.
Duitseach <i>buadhair</i>	
dùlan <i>f.</i>	dùraig <i>gniomhair</i>
faic dùbhlann	1 bi gaisgeil no mì-mhodhail gu leòr gus rudeigin a dhèanamh. 2 miannaich.
dùmhail <i>buadhair</i>	dùraigeadh <i>f.</i>
faic dòmhail	
dump <i>f.</i>	dùr-amhairec <i>gniomhair</i>
<i>iol.</i> dumpaichean	dùr-choimhead.
ôtrach.	dùr-amharc <i>f.</i>
dùn <i>f.</i>	durcan <i>f.</i>
<i>gin.</i> agus <i>iol.</i> dùin	<i>gin.</i> agus <i>iol.</i> durcain
1 togalach air a dhòn gus am bi e duilich ionnsaigh a thoirt air; caisteal. 2 cnoc; beinn.	meas craoibh-giuthais, craoibh-seudair, agus de chuid de chraobhan sior-uaine eile.
dùnadhbh <i>f.</i>	dùr-choimhead <i>gniomhair</i>
<i>gin.</i> dùnaidh	coimhead gu h-ùidheil; coimhead rudeigin airson àine móire.
1 a' cur ceann, doras, geata, 7c, thairis air fosgladh, toll, 7c. 2 a' fàs dùinte. 3 a' cuartachadh. 4 a' criochnachadh.	dùr-choimhead <i>f.</i>
dùnan <i>f.</i>	dùrdail <i>b.</i>
<i>gin.</i> agus <i>iol.</i> dùnain	<i>gin.</i> dùrdaille
1 dùn beag. 2 sitig.	a' déanamh fuaim mar a nì calman.
	dùrdalan <i>f.</i>
	<i>gin.</i> agus <i>iol.</i> dùrdalain

daolag mhòr liath-dhonn a tha
dèidheil air duilleach ithe.

dusan f.

gin. agus *iol.* **dusain**
còmhlan de dhà-dheug: *tha dusan
gu leth co-ionann ri 18.*

dùsgadh f.

gin. **dùsgaidh**
1 a' sgor a chadal; a' mosgladh. 2 a'
brosnachadh.

duslach f.

gin. **duslaich**
stùr.

dust f.

stùr.
dustach buadhair

dust *gniomhair*

co-ionann ri **dustaig.**
dustadh f.

dustaig *gniomhair*

gian stùr bhàrr rudeigin.
dustaigeadh f.

dustair f.

iol. **dustairean**
clobhd airson stùr a ghlanadh
bhàrr nithean.

dùthaich b.

gin. **dùthcha iol.** **dùthchannan**
1 roinn an t-saoghail far am bi
cinneadh àraidh a' fuireach; tir: 's e
dùthaich a tha ann an Albainn. 2 tìr
air a bheil thu glè eòlach. 3 àite
nach eil na bhaile: *tha e a' fuireach
air an dùthaich.*
dùthchail buadhair

dùthchas f.

gin. **dùthchais**
1 an t-àite no an dùthaich san do

rugadh duine. 2 an dùthaich no an
nàisean dom buin duine. 3 nòsan,
cànan, creideamhan, 7c, a gheibh
thu bhod phàrantan no bhod
shinnsirean.

dùthchasach *buadhair,* **dùthchas-**
achd b.

E

e [e]
a' chòigeamh litir san aibidil.

e(san) ríochdair

(làidir è)
am fear air am bi duine a'
bruidhinn: *chunnaic mi an-dè e;* *am
bi esan a' tighinn a-nochd
cuideachd?*; *choinnich mi ris, is è a'*
dol a-mach.

eabar f.

gin. **eabair**
poll.

eacarsaich b.

gin. **eacarsaiche** *iol.* **eacarsaichean**
1 a' cleachdadh na bodhaige gus
am bi i slàn agus làidir. 2 obair
àraidh air a dèanamh gus am bi thu
a' fàs cleachdte rithe.

each f.

gin. agus *iol.* **eich**
beathach ceithir-chasach air a
chleachdadh airson marcachd,
tarraing chairtean, 7c: *air muin
eich.*

each-aibhne f.

gin. agus *iol.* **eich-aibhne**
beathach ana-mhòr Afraganach a
bhios a' còmhnaidh faisg air uisge.

eadar-sholas f.

gin. agus *iol.* **eadar-sholais**
an uair eadar an là is an oidhche,
no eadar an oidhche is an là; an
uair direach ro éirigh na gréine no
an déidh laighe na gréine.

eadar-theangachadh f.

gin. **eadar-theangachaith**
1 a' cur cànan eile air rudeigin. **2**
pios sgriobhaidh, 7c, a chaidh a
chur bho aon chànan gu cànan eile.

eadar-theangaich *gniomhair*

cuir cànan eile air rudeigin: *chaidh*
an leabhar Gàidhlig seo eadar-
theangachadh don Bheurla.
eadar-theangachadh f.

èadhar f.

gin. **èadhair**
1 adhar. **2** àile.

eadhon *co-ghniomhair*

1 direach; fiù agus. **2** 's e sin
(air a ghiorrhachadh gu *i.*): *bha*
dithis againn ann, eadhon mi fhìn is
Dòmhnull.

eadradh f.

gin. **eadraidh** *iol.* **eadraighean**
àm bleoghaín.

eadrag b.

gin. **eadraig** *iol.* **eadragan**
innleachd a nì buille nas laige, gu
h-àraidh tè air carbad tréana, no
aig ceann rathaid-iarainn.

eadrainn(e) *roimhear riochdaireil*

faic fo **eadar**

eag b.

gin. **eige** *iol.* **eagan**
1 gearradh fada caol ann an
uachdar rudeigin. **2** beàrn; clais.

eagach *buadhair*

coim. **eagaiche**
beàrnach.

eagal f.

gin. **eagail**
1 faireachdainn gun éirich rudeigin
dona no neo-thaitneach dhut;
fiamh: *ghabh e eagal; bha an t-eagal*
air ron mhuir. **2** aithreachas; bròn:
tha eagal orm nach shaigh mi ann a-
máireach. **3** **air eagal gu** gus nach
tachair rudeigin.

eagalach *buadhair*

coim. **eagalaiche**
1 làn eagail. **2** uabhasach.
eagalachd b.

eagarsaidh f.

iol. **egarsaidhean**
eacarsaich.

eag-eòlas f.

gin. **eg-eòlais**
eòlas mu chreutairean agus
luibhean beò nan cuiid
choimhearsnachd.

eaglais b.

gin. **eglaise** *iol.* **eglaisean**
togalach airson adhraidh
Chriosdail: *thèid mi don eaglais aon*
uair san t-seachdain; *Eaglais na*
h-Alba; *an Eaglais Chaitligeach;* *an*
Eaglais Easbaigeach; *an Eaglais*
Shaor.
eaglaiseil buadhair

eala b.

gin. **eala**, **ealadh** *iol.* **ealachan**
eun mòr geal agus amhach fhada
air.

èalaidh *gniomhair*

1 snàig; crùb. **2** falbh, gu h-àraidh

gun fhios aig duine eile.
èalaidh b.

ealain b.

gin. **ealaine** *iol.* **ealainean**
a'тараing no a' togail dhealbh,
a' sgrìobhadh bàrdachd, rosg, 7c, a
bhios bréagha, inntinneach, cud-
thromach, 7c.

ealamh *buadhair*

coim. **ealaime**
1 deas; èasgaidh. 2 luath; grad. 3
freagarrach.
ealamhachd b.

ealanta *buadhair*

1 sgileil; eòlach. 2 math air ealain.

ealdhain b.

co-ionann ri **ealain**.
ealdhanta *buadhair*

eallach f.

gin. agus *iol.* **eallaich**
1 rudeigin a thèid a ghiùlan; luchd;
uallach. 2 am meud a ghabhas
giulan.

ealt b.

(no **ealta**)
gin. **ealta** *iol.* **ealtan**
còmhlan de dh'èoin.

ealtainn b.

gin. **ealtainne** *iol.* **ealtainnean**
1 innleachd air a bheil lann glè
gheur, a chleachdar gu h-àraidh
airson bearraidh. 2 inneal airson
bearraidh.

eanchainn b.

gin. **eanchainne** *iol.* **eanchainnean**
1 an roinn am broinn mullach a'
chinn a ghabhas a' bhodhaig os
làimh. 2 inntinn.

eangarra *buadhair*

1 èasgaidh. 2 crosta; droch-
nàdarrach.

eanraich b.

gin. **eanraiche**
brot.

ear *ainmear*

an t-àite san èirich a' ghrian: a
fuireach san ear; a' dol an ear/ chun
an ear; a' tighinn on ear/ às an ear;
tha an taigh aige an ear air a' bhaile;
an taobh an ear.

earalaich *gniomhair*

thoir seachad comhairle gum bu
chòir do chuideigin rudeigin
sònraichte a dhèanamh; feuch r
toirt air cuideigin rudeigin a
dhèanamh.
earalachadh f.

earb b.

gin. **earba** *iol.* **earbaichean**
seòrsa de dh'fhiadh beag.

earb *gniomhair*

creid gu bheil duine no nì math
firinneach, no làdir; thoir creidea
do chuideigin: *chan earb mi asad.*
earbsadh f.

earball f.

gin. agus *iol.* **earball**
1 an roinn a sheasas a-mach bh
mhàs beathaich no èdin. 2 rudeigin
a bhios coltach ri seo.

earbsa b.

a' faireachdainn gur urrainn dhu
creideas a thoirt do chuideigir
nach eil *earbsa agad asam?*; nach e.
earbsa agad annam?
earbsach *buadhair*

earbsadh *f.**gin. earbsaidh*

a' creidsinn gu bheil duine no nì
math, firinneach, no làdir; a' toirt
creideas do chuideigin.

càrlas *f.**gin. agus iol. càrlais*

1 airgead a gheibh thu airson obair
nach do rinn thu fhathast; iasad. 2
cairt no pios páipeir a chleachdar
an àite airgid airson clàran,
leabhrachean, 7c, a phàigheadh.

earrach *f.**gin. agus iol. earrach*

an ràith nuair a thòisicheas a' chuid
as mò de luibhean air fàs, eadar an
geamhradh agus an samhradh:
fásaidh na làithean nas fhaide as t-earrach.

earradh *f.**gin. earrайдh iol. earraidhean*

éideadh; aodach.

earrann *b.**gin. earrainn iol. earrannan*

pàirt de rudeigin; cuid.

eas *f.**gin. easa iol. easan*

carrann uillt far am bi an t-uisge a'
tuiteam; cas-shruth.

easag *b.**gin. easaig iol. easagan*

eun le earball fada air, a shealgar
gu tric.

easaonta *b.**iol. easaontan*

a bhith de bheachd eadar-
dhealaichte bho chuideigin eile.

easaontach *buadhair***easaontachd** *b.*co-ionann ri **easaonta**.**easaontaich** *gniomhair*

bi de bheachd eadar-dhealaichte
bho chuideigin eile.

easaontachadh *f.***easbaig** *f.**iol. easbaigean*

duine cudthromach anns a' chlèir a
ghabhas os làimh a h-uile h-eaglais
ann an sgìre.

easbaigeach *buadhair***easbhaidh** *b.**gin. easbhaidhe iol. easbhaidhean*

dith; feum.

easbhaidheach *buadhair**coim. easbhaidhiche*

nach eil gu lèir ann; air a bheil
rudeigin a dhith.

eascaraid *f.**iol. eascardean*

nàmhaid.

èasgaidh *buadhair**coim. èasgaidhe*

1 deas; ealamh; gnòmhach. 2
deònach air rudan a dhèanamh do
chuideigin eile; comaineach.

èasgaidheachd *b.***easgann** *b.**gin. easgainn iol. easgannan*

iasg fada coltach ri nathair.

eas-urramach *buadhair**coim. eas-urramaiche*

gun a bhith urramach.

eathar *f.* agus *b.**gin. eathair iol. eathraighean*

bàta beag.

	etarra(san) roimhear riochdaireil
etarra	<i>roimhear riochdaireil</i> faic fo eadar
eatorra	<i>roimhear riochdaireil</i> faic fo eatarra
èibh	<i>gniomhair</i> faic èigh èibheach b.
èibhinn	<i>buadhair</i> <i>coim.</i> èibhinne 1 a bheir ort gàire a dhèanamh; sùgach; ait. 2 neònach; àraig.
èibhleag	b. <i>gin.</i> èibhleige iol. èibhleagan mir beag guail, mònach, no fiodha, ann an teine a tha a' dol às.
èideadh	f. <i>gin.</i> èididh iol. èididhean aodach; trusgan.
eidheann	b. <i>gin.</i> eidhne luibh sior-uaine le duilleagan gleansach air, a bhios a' direadh.
èifeachdach	<i>buadhair</i> <i>coim.</i> èifeachdaiche a nì a' chùis; aig a bheil buaidh; a bheir gu buil; a choileanas.
eige	b. <i>iol.</i> eigeachan lion tana glaodhach air a shniomadh le damhan-allaidh.
Eigeach	f. <i>gin.</i> agus <i>iol.</i> Eigich neach à Eilean Eige. Eigeach <i>buadhair</i>
èigeantach	<i>buadhair</i> <i>coim.</i> èigeantaiche a dh'fheumas tu; deatamach.
	etarra(san) roimhear riochdaireil
eigeil	<i>buadhair</i> <i>coim.</i> eigeile mar eige; làn eigean.
eigh	b. <i>gin.</i> eighe uisge reòthte; eighre; deigh.
eigh	b. <i>gin.</i> èighe iol. èighean, èigheachan rudeigin a chanas tu le guth àrd; glaodh; gairm.
eigh	<i>gniomhair</i> 1 bruidhinn gu h-àrd; glaodh; gairm; <i>sguir a bhith ag èigheach!</i> dh'èigh e orm a thighinn a-nall. 2 abair rudeigin no cuir rudeigin an ceill gu follaiseach. èigheach b., èigheachd b.
eighe	b. <i>iol.</i> èigheachan ball-acfhainn meatailt leis am bi thu a' suathadh ann an nithean gus am bi iad minn no rèidh.
èigheach	b. <i>gin.</i> èighich èigh; a' dèanamh èigh.
èigheachd	b. co-ionann ri èigheach .
eighre	b. uisge reòthte; eigh.
eigin	<i>iar-leasachan</i> (<i>riochdaire air a chleachdadh le ainmear</i>) fear no té nach aithnich thu: rudeigin; àiteigin; air choreigin.
èiginn	b. 1 duilheadas; trioblaid: <i>bha am bàta an èiginn a chionn na stoirme.</i> 2 feum. 3 ainneart. 4 air èiginn cha

mhòr; dìreach; le duilgheadas: *beò air èiginn; thog e a' chlach air èiginn.*
èiginneach buadhair

eil gniomhair neo-riaghailteach
 faic fo bi

Eilbheiseach *f.*
gin. agus *iol.* **Eilbheisich**
 neach às an Eilbheis.
Eilbheiseach buadhair

èildear *f.*
gin. **èildeir iol. èildearan**
 ball cudthromach de eaglais;
 fairfeach.

eile buadhair
 a bharrachd; gun a bhith coltach ri
 seo: *seo duine eile a' tighinn; a bheil*
thu ag iarraidh buntàta eile?; seall
dhomh an làmh eile!; cò eile?; agus
rud eile dheth.

eileadh *f.*
 co-ionann ri fèileadh.

eilean *f.*
gin. **eilein iol. eileanan**
 talamh no tir air a cuartachadh le
 uisge; innis.

eilear gniomhair neo-riaghailteach
 (agus **eileas**)
 faic fo bi

eilid *b.*
gin. **èilde iol. èildean, eildean**
 fiadh boireann.

eiltireach *f.*
gin. agus *iol.* **eiltirich**
 1 coigreach. 2 cuideigin a thèid a
 dh'fhuireach ann an dùthaich eile.

einnsean *f.*
gin. **einnsein iol. einnseanan**

1 inneal motair. 2 carbad a
 tharraingeas trèana.

einnsean-smàlaidh *f.*
gin. **einnsein-smàlaidh iol.**
einnseanan-smàlaidh
 carbad-smàlaidh.

Eipheiteach *f.*
gin. agus *iol.* **Eipheitich**
 neach às an Eipheit.
Eipheiteach buadhair

eireachdail buadhair
coim. **eireachdala**
 bòidheach; grinn.
eireachdas *f.*

eireag *b.*
gin. **eireig iol. eireagan**
 cearc òg; isean.
'Eireannach *f.*
gin. agus *iol.* **Eireannaich**
 neach à Eirinn.
Eireannach buadhair

èirich gniomhair
 1 rach suas; seas. 2 thig às an
 leabaidh. 3 tachair: *dè a dh'èirich*
dhut? 4 déan ar-a-mach.
èirigh *b.*

eiridneachadh *f.*
gin. **eiridneachaидh**
 a' coimhead an dèidh cuideigin a
 tha tinn; ag altram.

eiridнич gniomhair
 coimhead an dèidh cuideigin a tha
 tinn; altraim.
eiridneachadh *f.*

èirigh *b.*
 1 a' dol an-àird; a' seasamh. 2
 tachartas. 3 ar-a-mach.

Eirisgeach f.*gin. agus iol. Eirisgich*

neach à Eirisgeidh.

Eirisgeach *buadhair***eirmseach** *buadhair**coim. eirmsiche*

tapaidh; luath; tuigseach; eòlach.

èis b.*gin. èise iol. èisean*

1 dàil; maille; bacadh. 2 fois; faochadh. 3 dith; easbhaidh. 4 lorg.

5 deireadh.

èiseil *buadhair***eisimeileach** *buadhair**coim. eisimeiliche*1 an eisimeil. 2 den riochd de ghniomhair a leanas naisgearan, mion-fhacail, 7c, mar 'cha', 'nach', agus 'gu', m.e. 'cha **dèan** mi sin'.**eisimealachd** b.co-ionann ri **eisimeil**.**eisimeil** b.*gin. eisimeile*a bhith an crochadh air cuideigin no rudeigin; a bhith an urra ri cuideigin no ri rudeigin eile: *tha e an eisimeil a nàbaidh biadh a chearnach dha*.**eisimpleir** f.*iol. eisimpleirean*

1 rud sam bith a sheallas dè an coltas a tha air rudeigin no ciamar a dh'obraigheas e. 2 duine no nì a bu chòir dhut a leantainn.

eisimpleireach *buadhair***eist** *gniomhair easbhaidheach*co-ionann ri **ist**.**èist** *gniomhair*

thoir an aire gus an-cluinn thu

rudeigin: *bha mi ag èisteachd ris an rèidio.***èisteachd** b.**eitean** f.*gin. eitein, eitne iol. eitmean*an roinn ann am meadhan rudeigin: *eitean ubhail*.**eithear** f. agus b.*gin. eitheir iol. eithrichean*co-ionann ri **eathar**.**elebhean** f.faic **aibhean****eòl** f.eòlas: *an eòl dhut sin?***eòlach** *buadhair**coim. eòlaiche*làn eòlais, tuigse, 7c; ag aithneachadh: *a bheil thu eòlach air an duine ud?***eòlaiche** f.*iol. eòlaichean*

cuideigin a tha glè eòlach air cuspair sònraichte.

eòlas f.*gin. eòlais iol. eòlasan*1 rudeigin a dh'ionnsaich thu; fios; tuigse: *chan eil mòran eòlais agam air iasgach*. 2 sgil; comas. 3 a' rannsachadh nithean agus a' dearbhadh bheachdan air mar a dh'obraigheas iad no mar a chaidh an **dèanamh**; fiosrachadh air fhaighinn san doigh seo: *'s e eòlas a tha anns an iocshlaint*.**eòlas-leighis** f.*gin. eòlais-leighis*

an t-eòlas no an rannsachadh air faochadh thinneasan.

eòrna *f.*

gràm às an dèanar braich.

dhèanamh.

2 neo-chomasach.

eu-comasachd *b.***Eòrpach** *f.*gin. agus *iol.* **Eòrpaich**

neach às an Roinn Eòropa.

Eòrpach *buadhair***eucorach** *f.*gin. agus *iol.* **eucoraich**

1 cuideigin a bhriseas an lagh; coireach. 2 duine no pàiste a tha mi-mhodhail no fanaideach.

eub *clisgear*co-ionann ri **eubag**.**eud** *f.*

1 a' faireachdainn mì-thoilichte no feargach a chionn is gu bheil thu a' creidsinn gu bheil cuideigin nas fheàrr no nas sealbhaiche na thusa. 2 dealas; dioghras.

eubag *clisgear*

abairt a cbleachdar gus pian a shealltann.

eudach *f.*gin. **eudaich**a' faireachdainn eud: *bha e ag eudach ri bhràthair.***eubh** *gniomhair*

faic eigh.

eubhach *b.*, **eubhachd** *b.***eudachd** *b.*

eud.

euchd *f.**iol.* **euchdan**

rudeigin a rinn thu gu soirbheachail; rudeigin a rinn thu.

eudail *b.*gin. **eudail**, **eudalach** *iol.* **eudailean**1 cuideigin dha bheil mòran gaoil agad; annsachd: *m' eudail!* 2 ulaidh.**eucoir** *b.*gin. **eucorach** *iol.* **eucoirean**

gniomh a bhriseas an lagh.

eucoireach *buadhair***eudar** *ainmear*co-ionann ri **feudar**.**eu-còir** *buadhair**coim.* **eu-còire**

nach eil còir.

eudmhòr *buadhair**coim.* **eudmhoire**

làn eud.

eudmhòrachd *b.***eu-coltaich** *buadhair**coim.* **eu-coltaiche**

gun a bhith coltaich ri rudeigin.

eu-coltas *f.***eu-dòchas** *f.*gin. **eu-dòchais**

a' faireachdainn gu bheil thu gun dòchas.

eu-dòchasach *buadhair***eu-comas** *f.*gin. **eu-comais** *iol.* **eu-comasan**

1 dith cumhachd no comais. 2 neo-chomas.

eu-domhainn *buadhair**coim.* **eu-doimhne**

nach eil domhainn; tana.

eu-comasach *buadhair**coim.* **eu-comasaiche**

1 aig nach eil comas rudeigin a

eug *f.*

gin. èig
bàs.

eug *gniomhair*

bàsaich; caochail.
eugadh *f.*

eugmhais *ainmear*

faic às **eugmhais**

eugsamhail *buadhair*

coim. **eugsamhla**
de sheòrsaichean eadar-
dhealaichte.
eugsamlachd *b.*

eun *f.*

gin. agus *iol.* **èoin**
beathach iteach air a bheil dà sgéith
agus dà chois.

eun-àir *f.*

gin. agus *iol.* **èòin-àir**
eun a bhios beò le bhith a'
marbhadh agus ag ithe bheathaich-
ean eile.

eun-ciùil *f.*

gin. agus *iol.* **èòin-chìùil**
eun aig am bi seinn cheòlmhor.

eun-dubh an sgadain *f.*

iol. **èòin-dhubha an sgadain**
eun-mara dubh agus geal le gob
fada caol air.

eun-fraoich *f.*

gin. agus *iol.* **èòin-fhraoich, èòin-**
fraoich
eun mòr le casan iteach air.

eunlaith *b.*

gin. **eunlaithe**
èoin; còmhlan de dh'èoin; ealt.

eun-mara *f.*

gin. agus *iol.* **èòin-mhara**
eun a bhios a' fuireach faisg air a'
mhuir.

eun-raoin *f.*

gin. agus *iol.* **èòin-raoin**
eun a bhios a' fuireach air an
achadh, air a' mhachair, 7c.

eun-tràghad *f.*

gin. agus *iol.* **èòin-tràghad**
eun a bhios a' biathadh air an
tràigh.

eun-tumaidh *f.*

gin. agus *iol.* **èòin-tumaidh**
eun-mara a ghlacas iasg le bhith a'
tumadh anns an uisge.

eun-Frangach *f.*

gin. **èòin-Fhrangaich** *iol.* **èòin-**
Fhrangach
eun mòr a chumar airson fheòla.

euslaint *b.*

gin. **euslainte** *iol.* **euslaintean**
tinneas.

euslainteach *buadhair*

coim. **euslaintiche**
gun a bhith slàn no fallain; tinn.

euslainteach *f.*

gin. agus *iol.* **euslaintich**
duine tinn.

F**f** [ef]

an t-siathamh litir san aibidil.

fàbhar *f.*

gin. **fàbhair** *iol.* **fàbharan**
rudeigin còir a nì thu do

chuideigin; bàidh: *an dèan thu fàbhar dhomh?*

fàbharach buadhair
coim. **fàbharaiche**
cuideachail.

fabhra *f.*
iol. **fabhran**
1 aon de na fuithean a dh'fhàsas
air sgàile na sùla; rosg. 2 sgàile sùla.

faca *gniomhair neo-riaghailteach*
(agus **facadh**)
seall faic

facal *f.*
gin. **facail** *iol.* **facail, facalan**
1 litir no còmhlan de litrichean a
chiallaicheas rudeigin nuair a thèid
an sgrìobhadh; briathar. 2 fuaim
no còmhlan de dh'fhuaimean a
chiallaicheas rudeigin nuair a thèid
an ràdh. 3 iomradh aithghearr;
abairt. 4 gealladh: 's e sin a thuirt e,
agus m' fhacal air!'; *thug mi m'*
fhacal dhà nach dèanann a-rithist e.
faclach *buadhair*

facas *gniomhair neo-riaghailteach*
seall faic

fa chomhair *co-ghniomhair*
an aghaidh; mu choinneimh.

fa chùil *co-ghniomhair*
an comhair a' chùil.

fa chùis *roimhean* (+ *gin.*)
air adhbhar; airson.

faclair *f.*
iol. **faclarean**
leabhar sam faigh thu fios air dè as
ciall do dh'fhacal agus ciamar a
sgrìobhas tu e.

factaraidh *f.*
iol. **factaraidhean**
taigh-ceàirde.

fad *f.*
gin. **faid**
1 cho fada is a tha rudeigin; feadh:
tha e òirleach a dh'fad; tha e a' dol am fad. 2 astar. 3 fad ùine: *bidh sinn air falbh fad seachdaine; fad an là; fad na tide.* 4 **air fhad** bho cheann
gu ceann. 5 **air fad** gu lèir; air feadh.
6 **am fad** is am feadh; fhad is.

fàd *f.*
gin. **fàid** *iol.* **fàdan**
ceap mònach.

fada *buadhair*
(no **fad**)
coim. **faide**
1 mòr bho aon cheann gus an
ceann eile: *rathad fada.* 2 slighe
fheada: *tha e fad air falbh; fad às.* 2 a'
toirt mòran ùine: *feuch nach bi thu fada gun thighinn!*; *bha sinn cho fada air a' mhòintich is nach do ràinig sinn an taigh mus robh e dorch; o chionn fhada.*

fadachadh *f.*
gin. **fadachaidh**
a' dèanamh rudeigin nas fhaide; a'
sineadh.

fadachd *b.*
1 ag iarrайдh rudeigin; a bhith fo
bhròn seach nach eil cuideigin
còmhla riut: *an robh fadachd ort?* 2
a' fàs sgith no mì-fhoighidneach
seach nach eil rudeigin a' tachairt:
bha fadachd orm nach robh am bus a' tighinn. 3 dàil.

fadaich *gniomhair*
dèan nas fhaide; sìn.
fadachadh *f.*

fadal f.*gin.* **fadail**co-ionann ri **fadachd**.*mi a' faicinn carson a tha thu a'*
dèanamh sin.
faicinn b.**fadalach buadhair***coim.* **fadalaiche**1 a' tighinn an dèidh na h-uarach
ceirte; anmoch. 2 a' tighinn faisg
air an deireadh. 3 slaodach.
fadalachd b.**faiceall b.***gin.* **faicill**

cùram; ciall.

fad-chasach buadhair*coim.* **fad-chasaiche**

le casan fada air.

faiceallach buadhair*coim.* **faiceallaiche**cùramach; a bheir an aire; ciallach.
faiceallachd b.**fadhail b.***gin.* **fadhail**, **fadhlaich** *iol.*
fadhlaichean1 àite far am faigh thu air coiseachd
tarsainn air abhainn no allt; ath. 2
stíall talmhainn eadar dá loch.**faiche b.***iol.* **faichean**

talamh rèidh feurach; rèidhlean.

faicill b.co-ionann ri **faiceall**.**fa dheireadh co-ghniomhair**co-ionann ri **mu dheireadh**.**faicilleach buadhair**co-ionann ri **faiceallach**.**faicsinneach buadhair***coim.* **faicsinniche**a ghabhas faicinn no tuigsinn gu
furasta; follaiseach.**faicsinneachd b.****faide b.**

cho fada is a tha rudeigin.

fàidh f.*gin.* **fàidhe iol.** **fàidhean**cuideigin aig am bi fios air dè a
bhios a' tachairt san àm ri tighinn;
fiosachte.**faidhbhile b.**

fiadh den chraoibh-fhaidhbhile.

fagas buadhairco-ionann ri **faisg**.**faic gniomhair neo-riaghailteach**1 cleachd do shùilean gus am faigh
thu eòlas air nithean, gus nithean
aithneachadh, 7c: *am faca tu an*
sporan agam? 2 coinnich; tadhail:
chì mi sa bhaile thu. 3 tuig: *chan eil***fàidheadaireachd b.***iol.* **fàidheadaireachdan**an rud a chanas fàidh a thachras
san àm ri tighinn; ag innseadh na
bhios a' tachairt san àm ri tighinn.

faidhear *co-ghniomhair*
direach.

faigh *gniomhair neo-riaghailteach*
1 ceannach no gabh rudeigin; gabh rudeigin mar thiodhlac bho chuideigin; coisinn; buannaich: *fhuaire mi bainne sa bhùth; faigh tuilleadh dhut fhèin; gheibh mi airgead sa bhanca.* 2 faigh goirteas, peanasachadh, 7c: *gheibh thu do sgriosadh; fhuaire iad an goirteachadh.* 3 lorg. 4 ruig: *an d'fhuaire thu am bus?* 5 **faigh a-mach** faigh fios. 6 **faigh air** dèan a' chùis, soirbhich: *cha d'fhuaire mi air an uinneag a dhùinadh.*
faighinn *b.*, **faotainn** *b.*

faighean *f.*
gin. faighein iol. faigheanan
a' phiob ann am bodhaig boireannaich eadar a' phit agus a' mhachlag.

faighidinn *b.*
faic foighidinn

faighidneach *buadhair*
faic foighidneach

faighinn *b.*
1 a' ceannach no a' gabhail rudeigin. 2 a' faighinn goirteas, peanasachadh, 7c. 3 a' lorg. 4 a' ruighinn.
faic faigh *gniomhair*

faighneach *buadhair*
coim. faighniche
ag iarrайдh fios fhaighinn air nithean.

faighneachd *b.*
a' cur cheistean air cuideigin; a' feòrachadh.

faighnich *gniomhair*
cuir ceist air cuideigin; feòraich: *dh'fhaighnich mi dhith an robh tuilleadh ann.*
faighneachd *b.*

failbheachan *f.*
gin. agus iol. failbheachain
fàinne-cluaise.

failc *b.1*
gin. failce iol. failcean
1 fosgladh; beàrn. 2 tuil. 3 ionnlad.

failc *b.2*
gin. failce iol. failcean
eun-tumaidh dubh is geal.

fàile *f.*
gin. fàile iol. fàilean
faireachdainn a gheibh thu led shròn: *tha fàileadh de na ròsan.*
faic àile

fàileadh *f.*
co-ionann ri fàile.

faileas *f.*
gin. faileis iol. faileasan
1 dealbh rudeigin ann an sgàthan, uisge, 7c; ath-iomhaigh. 2 an cumadh dorch a chi thu ri taobh rudeigin nuair a dheàlraincheas solas air an taobh eile dheth; dubhar. 3 taibhse.
faileasach *buadhair*

fàlidh *buadhair*
coim. fàlidhe
socair.

fàillig *gniomhair*
bi gun shoirbheachadh an dèidh dhut feuchainn ri rudeigin a dhèanamh: *dh'fhàillig mi an deuchainn.*
fàilligeadh *f.*

fàillinn *b.*

gin. fàillinne *iol.* fàillinnean
rudeigin ceàrr a mhilleas duine no
ni; lochd.

failm *b.*

gin. failme *iol.* failmean
crann fada a chleachdar gus stiùir
bàta a thionndadh.

failmean *f.*

gin. failmein *iol.* failmeanan
an roinn chnàmhach air aghaidh
na glùine.

fail-mhuc *b.*

iol. failean-mhuc
togalach airson mhuc.

fàilte *b.*

iol. fàiltean
a' sealtainn gu bheil thu toilichte
nuair a chì thu cuideigin: fàilte ort!

fàilteachadh *f.*

gin. fàilteachaidh
a' cur fàilte air cuideigin.

fàiltich *gniomhair*

cuir fàilte air duine.
fàilteachadh *f.*

faing *b.*

gin. fainge *iol.* faingeann
1 àite-iathaidh airson chaorach, air
a chleachdad gu h-àraidh nuair a
théid an cruinneachadh agus an
toirt dhachaigh gus an rùsgadh,
7c. 2 a bhith a' cruinneachadh agus
a' toirt chaorach dhachaigh mar
seo.

fàinne *f.* agus *b.*

iol. fàinneachan
1 ceartcall de mheatailt, 7c, a
chaitheas tu mud mheur. 2 ceartcall.

fàinne-cluaise *b.*

iol. fàinneachan-cluaise
fàinne air a caitheamh air a'
chluais.

fàinne-solais *b.*

iol. fàinneachan-solais
cearcall solais, gu h-àraidh air a
nochdadh timcheall air ceann
naoimh ann an dealbh.

fairdean *f.*

gin. fairdein *iol.* fairdeinean
feoirling.

faire *b.*

iol. fairean
1 a' coimhead agus ag èisteachd. 2
cuairt lùne sam bi duine a' cumail
faire.

faireil *buadhair*
faic aire

faire *b.*

iol. fairean
an loidhne, mas fhior, far am bi an
t-adhar agus an talamh a'
coinneachadh.

faireachadh *f.*

gin. faireachaidh
a' faireachdainn.

faireachdainn *b.*

gin. faireachdaine *iol.*
faireachdainnean
1 na dh'fhaireacheas tu nad chorp no
nad inntinn; a bhith fiosrach; a'
mothachadh led chorp. 2 a'
saighinn fàileadh.

faireag *b.*

gin. faireig *iol.* faireagan
ball den chorp a chumas cuid de
lionnan agus stuthan bhon fhuil.

fairge b.

iol. fairgeachan, fairgeannan
muir; cuan.

fairich *gniomhair*

1 bi fiosrach led chorp; mothach
led chorp: *thòisich an t-uisge agus*
dh'fhaich mi air m' aghaidh e; a'
bheil thu a' faireachdainn teth? 2
faigh fàileadh.

faireachdainn b., faireachadh f.

fairis *roimhear*

co-ionann ri thairis.

fairtleachadh f.

gin. fairtleachaidh
a' cur iomrall; a' cur tuathal; a'
ceannsachadh.

fairtlich *gniomhair*

cuir iomrall; cuir tuathal; ceann-
saich: *tha thu a' fairtleachadh orm.*
fairtleachadh f.

faisg *buadhair*

coim. faisge
gun a bhith fad air falbh; dlùth: *tha*
an ceann-bliadhna agad faisg.

faisg *gniomhair*

brùth rudeigin bho gach taobh, gu
h-àraidh gus uisce a thoirt às:
dh'fhàisg i an lèine.
fàsgadh f.

faisg air *roimhear* (+ tabh.)

gun a bhith fad air falbh; dlùth ri:
tha an taigh acasan faisg air an
taigh agairne.

faisge b.

a bhith faisg no dlùth.

fàisgte *buadhair*

air fhàsgadh.

faite b.

iol. faitichean
fiamh toilichte no èibhinn air d'
aghaidh.

faiteachadh f.

gin. faiteachaidh
faite; a' déanamh faite.

faite-gàire b.

iol. faitean-gàire
faite; snodha-gàire.

fàitheam f.

gin. fàitheam *iol.* fàitheaman
oir de phios aodaich a tha air
fhlileadh agus air fhuaigheal.

faitich *gniomhair*

dèan faite.
faiteachadh f.

fàl f.

gin. agus *iol.* fail
1 callaid. 2 buaile; crò. 3 taobh
rathaid, far a bheil feur a' fàs.

falach f.

gin. falaich
1 a bhith ann an àite gus nach fhaic
duine thu: *àite falach.* 2 a' cur
rudeigin ann a leithid de dh'ài:
cuir am falach e! 3 àite mar seo.

falachadh f.

gin. falachaidh
a' falach.

falachd b.

còmhstri bhuan.

falach-feed f.

gin. falaich-feed
cluich sam bi cuideigin a' lorg
chàich a bhios am falach.

fàladair f.

iol. **fàladairean**
spear.

falaich *gniomhair*

1 rach a-steach do dh'áite gus nach
fhaic duine thu; ceil. 2 cuir rudeigin
ann a leithid de dh'áite.
salach f., **falachadh** f.

falaichte *buadhair*

am falach.

falainn *buadhair*

faic **fallain**

falamh *buadhair*

coim. **falamhe**
gun chàil na bhoirinn; fàs.

falbh *gniomhair*

1 rach air falbh bho dhuine no bho
áite, 7c; triall; imich: *dh'fhalbh sinn*
nuair a dh'fhàs e dorch; dè cho fada
is a bhios tu air falbh? 2 gluais gu
áird sam bith: *fhalbh dhachaigh!*
falbh f.

falbhanach *buadhair*

coim. **falbhanaiche**

1 siùblach. 2 an-fhoiseil; mi-
stòlda.

fallain *buadhair*

coim. **fallaine**

slàn; làidir.

fallaineachd b.

fallaing b.

gin. **fallainge** *iol.* **fallaingean**
cleòc.

fallainn b.

co-ionann ri **fallaing**.

fallas f.

gin. **fallais**

an taiseachd no uisge a thig tro
phòran a' chraicinn gu h-àraidh
nuair a bhios tu teth: *tha mi leis an*
shallas; bha e a' cur fallas dheth; a'
bheil fallas ort?

fallasach *buadhair*

fallsa *buadhair*

neo-shlior; meallta.

falmadair f.

iol. **falmadairean**
làmh no cuibhle a stiùreas bàta.

falman f.

faic **failmean**

falmhachadh f.

gin. **falmhachaidh**
a' déanamh no a' fàs falamh.

falmbaich *gniomhair*

dèan no fàs falamh; fàsaich.

falmhachadh f.

falt f.

gin. **fault**
còmhach bog a dh'fhàsas air a'
cheann agus air a' chorpa: *tha falt*
fada oirre.

famh f. agus b.

gin. **faimh** *iol.* **famhan**
beathach beag molach a nì tuill fo
thalamh.

famhair f.

iol. **famhairean**
duine uabhasach mòr; fuamhaire.

fan *gniomhair*

feith; firlich: *fanaidh mi riut an seo.*
fantainn b.

fanaid b.

gin. **fanaide**
gàireachdann ri cuideigin; a'

magadh air cuideigin; spòrs a ni
cuideigin air cuideigin eile: *rinn iad
fanaid air*.

fànas f.

gin. fànais *iol.* fànasan

1 àite gu buileach falamh; àite gun
àile ann. 2 **am fànas** an t-àite gu lèir
air falbh bhon t-saoghal sa bheil a'
ghrian, a' ghealach agus na
reultan; na speuran.

fa-near co-*gniomhair*

an aire; an dùil: *tha e fa-near dhomh
dol a shealltann air an-diugh.*

fang f.

gin. faing *iol.* fangan
co-ionann ri faing.

fann *buadhair*

coim. fanna, fainne
gun a bhith làidir; lag.

fannachadh f.

gin. fannachaidh

1 a' dèanamh no a' fàs fann. 2 a'
fanntaigeadh.

fannadh f.

gin. fannadh
a bhith fann; laigse.

fannaich *gniomhair*

1 dèan no fàs fann. 2 rach an laigse;
fanntaig.

fannachadh f.

fanntaig *gniomhair*

rach an laigse; fannaich:
dh'fhanntaig mi.
fanntaigeadh f.

fantainn b.

a' fuireach; a' feitheamh.

faobhar f.

gin. faobhair *iol.* faobharan
oir sgeine, 7c.

faobharaich *gniomhair*

geuraich.

faobharachadh f.

faochadh f.

gin. faochaидh

saorsa o phian, ghoirteas,
anshocair, 7c; furtachd.

faochag b.

gin. faocheag *iol.* faochagan

maorach ion-ithe air a bheil slige
bhithiseach.

faod *gniomhair easbhaidheach*

1 bi cead agad: *am faod mi tuilleadh
fhaighinn?*; *faodaidh tu falbh ma
thogras tu.* 2 **dh'fhaodte** tha e
coltach; is dócha; is math
*dh'fhaodte gun tèid sinn dhachaigh
tràth an-diugh, ach chan eil sinn
cinnteach fhathast.*

faoighe b.

cuideachadh no dèircean, mar
bhiadh, aodach, 7c, air an toirt do
chuideigin.

faoileag b.

gin. faoileig *iol.* faoileagan

eun-mara le sgiathan fada air.

faoileann b.

gin. faoilinn *iol.* faoileannan

co-ionann ri faoileag.

faoilidh *buadhair*

coim. faoiliidhe

1 onarach; ag innseadh na tha thu
a' faireachdainn no a' smaoineach-
adh; fosgalte. 2 fialaidh. 3 ciùin.

Faoilteach f.

(leis an alt)
gin. an Fhaoillich
 co-ionann ri Faoilteach.

Faoilteach f.

(leis an alt)
gin. an Fhaoltich
 a' chiad mhios den bhliadhna.

faoin *buadhair*

coim. faoine
 1 ro mhòr asad fhèin. 2 gòrach. 3
 gun feum.

faoineas f.

gin. faoineis
 1 a bhith ro mhòr asad fhèin. 2
 góraiche. 3 neo-fheumalachd.

faoinsgeul f.

gin. faoinsgeil
 1 sgeulachd no creideamh a tha
 neo-shirinneach. 2 fionnsgeul.
faoinsgeulach *buadhair*

faoisid b.

gin. faoiside iol. *faoisidean*
 aideachadh; rudeigin a
 dh'aidicheas tu.

faoisidich *gniomhair*

aidich.

faoisidich b.**faol** f.

gin. agus iol. faoil
 madadh-allaidh.

faotainn b.

a' faighinn.

faothachadh f.

gin. faothachaidh
 saorsa o phian, ghoirteas, anshoc-air, 7c; faochadh; furtachd.

faothaich *gniomhair*

thoir faochadh, cuideachadh, 7c,
 do chuideigin.
faothachadh f., *faochadh* f.

far *roimhear*

faic *bhàrr*.

far a *naisgear*

an àite sa: *cuir do chòta far a bheil*
an còrr!

faradh f.

gin. faraidh iol. *faraidhean*
 an t-airgead a pháigheas tu gus
 siubhal air bus, trèana, 7c.

fàradh f.

gin. fàraidh iol. *fàraidhean*
 co-ionann ri àradh.

far-ainm f.

gin. far-ainme iol. *far-ainmean*
 ainm a chanar ri cuideigin an àite
 an ainme cheirt aige.

faram f.

gin. faraim
 fuaim; am fuaim a nì rudeigin ann a
 bhith a' tuiteam no a' briseadh;
 stàirn.

faramach *buadhair*

coim. faramaiche
 a' déanamh fàram; fuaimneach.
faramachd b.

farasta *buadhair*

faic *furasta*

farchluais b.

gin. farchluaise
 ag èisteachd ri daoine gun fhios a
 bhith aca.

fàrdach b.

gin. fàrdaich iol. *fàrdaichean*

1 taigh; dachaigh. 2 lòistinn.

farmad *f.*

gin. **farmaid**

a' faireachdainn mì-riaraichte
nuair a bhios tu ag iarrайдh
rudeigin a tha aig cuideigin eile.
farmadach buadhair

farpais *f.*

gin. **farpaise** *iol.* **farpaisean**
co-ionann ri **co-farpais**.

farpaiseach *f.*

gin. agus *iol.* **farpaisich**
cuideigin a stritheas ann an co-farpais.

farranaich *gniomhair*

dèan fein-thoileachas le bhith a'
buaireadh cuideigin eile, ag ràdh
rudan eibhinn ma dheidhinn, 7c;
tarraing à.

farranachadh *f.*

farsaing *buadhair*

coim. **farsainge**
mòr no fada bho thaobh gu taobh;
leathan: *rathad farsaing*.

farsaingeachd *b.*

1 cho farsaing is a tha rudeigin;
leud. 2 àite; lann. 3 **san**
fharsaingeachd gu bitheanta; gu
riaghailteach.

farsainn *buadhair*

faic **farsaing**

farspag *b.*

gin. **farspaig** *iol.* **farspagan**
co-ionann ri **arspag**.

fàs *buadhair*

coim. **fàsa**

1 falamh; còsach. 2 gun a bhith air
àiteach.

fàs *gniomhair*

rach am meud; meudaich; cinn:
dh'fhas am balach cho mòr; *dh'fhas iad beartach.*

fàs (*gin.* **fàis**) *f.*

fasa *buadhair*

faic fo **furasta**

fàsach *f.* agus *b.*

gin. **fàsaich** *iol.* **fàsaichean**

1 tir glè thioram, gu tric làn
gainmhich. 2 tir shiadhach nach
deach àiteach.

fàsachadh *f.*

gin. **fàsachaidh**

1 a' dèanamh bànn no fàs. 2 a'
dèanamh mar fhàsaich. 3 a' toirt
dhaoine a-mach à àite.

fàsaich *gniomhair*

1 dèan bànn no fàs. 2 dèan mar
fhàsaich. 3 thoir daoine a-mach à
àite.

fàsachadh *f.*

fàsail *buadhair*

coim. **fàsala**

fàs; aonarach.

fasan *f.*

gin. **fasain** *iol.* **fasanan**

1 an stoidhle aodaich, 7c, as caomh
leis a' chuid as mòd de dhaoine aig
àm sònraichte; nòs. 2 cleachdad;
àbhaist.

fasanta *buadhair*

a' leantainn an phasain; nòsail.

fasgach *buadhair*

coim. **fasgaiche**

a bheir fasgadh.

fasgadan *f.*

gin. agus *iol.* **fasgadain**

eun-mara mòr creachach.

fasgadh *f.*

gin. **fasgaidh** *iol.* **fasgaidhean**

àite a dhionas daoine, 7c, bhon
uisge, bhon ghaoith, bho chunnart,
7c.

fàsgadh *f.*

gin. **fàsgaidh**

a' bruthadh rudeigin bho gach
taobh.

fàsgag *b.*

gin. **fàsgaig** *iol.* **fàsgagan**

soitheach fada caol a ghabhas
fàsgadh: *fàsgag glaoiadh.*

fasgain *gniomhair*

thoir a' chàth air falbh bho ghràn le
bhith ga thilgeil anns a' ghaoith.

fasgnadh *f.*

fa sgaoil *co-ghniomhair*

mu sgaoil.

fasgnadh *f.*

gin. **fasgnaidh**

a' toirt na càtha air falbh bho
ghràn le bhith ga thilgeil anns a'
ghaoith.

fastachadh *f.*

gin. **fastachaидh**

a' toirt obair do chuideigin; a' toirt
airgead do chuideigin gus an dèan
iad obair air do shon.

fastaich *gniomhair*

thoir obair do chuideigin; thoir
airgead do chuideigin gus an dèan
iad obair air do shon.

fastachadh *f.*

fastaidh *gniomhair*

co-ionann ri **fastaich.**

fastadh *f.*

fastaidhear *f.*

gin. **fastaidheir** *iol.* **fastaidhearan**
duine a dh'fhostaicheas cuideigin.

fàth *f.*

1 adhbhar; reusan. 2 cothrom.

fathann *f.*

gin. **fathainn**

rudeigin a bhios mòran dhaoine ag
ràdh ge b' e a bheil e fior.

feabhas *f.*

gin. **feabhas**

a bhith math; a bhith nas fheàrr.

feachd *b.*

iol. **feachdan**

1 arm. 2 sluagh mòr. 3 cath.

fead *b.*

iol. **feadan**

fuaim air a dhèanamh le bhith a'
séideadh tro do bhilean: *rinn am
balach fead; leig e fead às.*

fead *gniomhair*

dèan fead.

feadail *b.*

feadag *b.*

gin. **feadaise** *iol.* **feadagan**

1 inneal-ciùil. 2 eun air a bheil
casan fada a bhios a' biathadh ann
an uisge tana.

feadail *b.*

a' dèanamh fead.

feadaireachd *b.*

a' feadail.

feadalaich *b.*

a' feadail.

feadan *f.*

gin. **feadain** *iol.* **feadanan**

1 (inneal-ciùil) roinn den phìob. 2 piob: *feadan uisge; feadan gunna; feadan coire.* 3 allt; struth.

feadh f.

1 fad. 2 air **feadh** fad na slighe tro; o cheann gu ceann; rè; am measg. 3 **am feadh is** fhad is; am fad is.

feadhainn b.

daoine; nithean: *dh'aithnichinn an sheadhainn a thàinig a-steach; saoilidh mi gu bheil an sheadhainn seo nas fheàrr; an e an sheadhainn bheag no an sheadhainn mhòr as caomh leat?*

feagal f.

gin. feagail
co-ionann ri eagal.

feàirrde buadhair

gu bheil thu nas sheàrr a chionn rudeigin: *is fheàirrde mi a bhith a-muigh anns a' ghrèim.*

feala-dhà b.

faic fealla-dhà

fealladh f.

gin. feallaidh iol. feallaidhean
gniomh a bhriseas riaghailtean cluiche.

fealla-dhà b.

abhcaid; spòrs.

feall-fhalach f.

gin. feall-fhalach iol. feall-fhalachean
ionnsaigh obann à àite falaich.

feall-fhalach gniomhair

dèan feall-fhalach.

feall-fhalachadh f.

feallsanach f.

gin. agus iol. feallsanaich
cuideigin a sgrùdas feallsanachd.

feallsanachd b.

iol. feallsanachdan

1 an rannsachadh mu fhirinnean na beatha agus bheusan. 2 dòigh smaoineachaidh; riaghailt de chreideamhan.

feallsanachail buadhair

feamainn b.

gin. feamann, feamnach
luibhean a dh'fhásas sa mhuir.

feamainn-bhalgain b.

gin. feamann-bhalgain
seòrsa feamann-duibhe sam bi bulig a' fàs.

feamainn-bhuidhe b.

gin. feamann-buidhe
iomadh seòrsa de dh'fheamainn air dath uaine no donn.

feamainn-dearg b.

gin. feamann-deirge
iomadh seòrsa de dh'fheamainn air dath dearg no ruadh.

feamainn-dubh b.

gin. feamann-duibhe
iomadh seòrsa de dh'fheamainn air dath dubh no dorch.

feannag b.¹

gin. feannaige iol. feannagan
eun mòr dubh.

feannag b.²

gin. feannaige iol. feannagan
stiall talmhainn; druim talmhainn airson àitich.

feanntag b.

co-ionann ri deanntag

feansa b.

(no feans, feansadh)

iol. feansaicheanbacadh timcheall air achadh, 7c,
mar as trice air a dhèanamh à
postaichean agus uèir; lann.**fear f.¹***gin.* agus *iol.* fir

neach fireann; duine.

fear f.²*gin.* firrud fireannta: *bha an leabhar ud*
*math, ach chan eil am fear seo.***fearail buadhair***coim.* fearala1 freagarrach do dh'fhear; duineil.
2 dàna; calma.**fearann f.***gin.* fearainn

1 tìr; talamh àitich. 2 dùthaich.

fear-bainnse f.*gin.* fir-bainnsefear a tha a' pòsadh; fear nuair a'
phòsas e.**fear-brèige f.***gin.* fir-bhrèige1 seòrsa liùdhaig a ghabhas
gluasad leis an làimh no le
uèirichean. 2 Na Fir-Bhrèige ainn
air na tursachan ann an Callanais,
Leòdhas.**fear-bùthha f.***gin.* fir-bùthhafear aig a bheil bùth, no a bhios ag
obair ann am bùth.**fear-cathrach f.***gin.* fir-cathrach

fear a stiùreas coinneamh.

fear-ceàird f.*gin.* fir-ceàird

duine aig a bheil ceàird.

fear-chungaideh f.*gin.* fir-chungaidehfear a nì agus a reiceas
cungaidhean-leighis.**fear-ciùil f.***gin.* fir-ciùilfear a tha ceòlmhor; fear a
chluicheas inneal-ciùil.**fear-cluiche f.***gin.* fir-cluiche

cluicheadair.

fear-cruidh f.*gin.* fir-cruidhfear a bhios an dreuchd aige ri
bhith ag obair le agus a'
buachaillleachd cruidh.**fear-cuideachaidh f.***gin.* fir-cuideachaidhfear a bhios a' cuideachadh duine
eile.**fear-cùirn f.***gin.* fir-cùirnduine gun lagh agus, mar as trice,
siùblach; duine air a chur fon
choill; spùinneadair.**fear-deasachaidh f.***gin.* fir-deasachaidhfear a bhios a' deasachadh nithean,
gu h-àraigheam fear aig a bheil an t-
uallach as mò airson pàipeir-
naidheachd, iris, 7c.**fear-ealain f.***gin.* fir-ealain

fear a chruthaicheas ealain.

fearg *b.*

gin. **feirge**
a bhith feargach.

feargach *buadhair*

coim. **feargaiche**
a' faireachdainn gu bheil thu ag
iarraidh a bhith a' tod no a' sabaid
còmhla ri cuideigin; fiadhaich.

feargaich *gniomhair*

fás feargach.
feargachadh *f.*

fear-gnothaich *f.*

gin. **fir-gnothaich**
fear a bhios an dreuchd aige ri
nithean a reic agus a cheannach;
fear ann an gniomhachas.

fear-labhairt *f.*

gin. **fir-labhairt**
fear a bhruidhneas air sgàth
còmhlan dhaoine, buidhne, 7c.

fearlag *b.*

gin. **feàrlaig** *iol.* **fearlagan**
luch bhuide-dhonn a bhios a'
fuireach ann an coilltean, achaidh-
ean, agus gàrraidhean.

fear-lagha *f.*

gin. **fir-lagha**
éolaiche air an lagh; cuideigin a
bhios an dreuchd aige ri cuideachadh
dhaoine ann an cùisean-lagha.

fearna *b.*

fiodh den chraoibh-fheàrna.

fear-pòsta *f.*

gin. **fir-pòsta**
fireannach a tha pòsta.

fearr *buadhair*

faic fo **math**

fear-reul *f.*

gin. **fir-reul**
1 reuladair. 2 speuradair.

fear-riaghlaidh *f.*

gin. **fir-riaghlaidh**
1 fear a ghabhas bùth, taigh-
ceàrdie, 7c, os làimh. 2 riaghlaidh.

fear-sàbhalaidh *f.*

gin. **fir-sàbhalaidh**
fear a shàbhaileas duine a bhios an
éiginn.

fear-siubhail *f.*

gin. **fir-siubhail**
fear a bhios a' siubhal bho aon àite
gu àite eile, no bho àite gu àite.

fear-smàlaidh *f.*

gin. **fir-smàlaidh**
fear a bhios an dreuchd aige ri
bhith a' smàladh theintean.

fear-stiùiridh *f.*

gin. **fir-stiùiridh**
fear a bhios a' stiùireadh rudeigin.

feart *b.*

gin. **feirt** *iol.* **feartan**
aire: *cha tug mi feart air.*

feart *f.*

gin. **fearta** *iol.* **feartan**
rudeigin a nì duine no nì eadar-
dhealaichte bho chàch.

fear-taighe *f.*

gin. agus *iol.* **fir-taighe**
1 fear-pòsta. 2 am fear leis a bheil
an taigh. 3 fear a fhritheileas
aoighean.

fear-teagaisg *f.*

gin. **fir-teagaisg**
neach-teagaisg fireann.

fear-togail *f.**gin.* **fir-togail**

fear a bhios a' togail thaighean, 7c.

ean, stàilichean, 7c, airson aoigh-eachd no cur-seachad.

feasgar *f.**gin.* **feasgar** *iol.* **feasgaran**1 an t-àm an dèidh meadhain-là gus an oidhche: *fad an sheasgair, feasgar an-diugh; feasgar math dhut!* 2 air an fheasgar: *chì mi feasgar thu!***fèin** *riochdair ath-bhuailteach*

(air a chleachdadh an dèidh

ainmearan no riochdairean eile)

(cuideachd **fhèin, fhin**)a' cheart urra; an dearbh neach no nì: *mi fhìn; sibh fein; a mhàthair fhèin; iad seo fhèin.***fèin-dhion** *f.**gin.* **fèin-dhiona**

dòigh air an dion thu thu fhèin.

fèin-eachdraidh *b.**gin.* **fèin-eachdraidhe** *iol.* **fèin-eachdraidhean**

sgeulachd beatha cuideigin air a sgrìobhadh leis fhèin.

fèin-ghluasadach *buadhair**coim.* **fèin-ghluasadaiche**

a ghluaiseas, a dh'obraicheas, 7c, leis fhèin.

fèin-thoileachas *f.**gin.* **fèin-thoileachais**

toileachas air do son fhèin.

fèir *co-ghniomhair*

faic faidhear

fèis *b.**gin.* **fèise** *iol.* **fèisean**1 àm nuair a nì daoine rudeigin sònraichte: *fèis ciùil.* 2 biadh mòr.**fèist** *b.*co-ionann ri **fèis.****feiste** *b.**iol.* **feistean**

teadhair; taod.

fèith *b.*¹*gin.* **fèithe** *iol.* **fèithean****fèicheadar** *f.**gin.* **fèicheadar** *iol.* **fèicheadaran**

cuideigin fo fhiachaibh.

fèile *f.*co-ionann ri **fèileadh.****fèileadh** *f.**gin.* **feilidh** *iol.* **feilidhean**(no **fèileadh-beag**)

ball-aodaich breacanach mar sgiort fhillte.

fèileadh-beag *f.**gin.* **feilidh-bhig** *iol.* **feilidhean-****beaga**faic **fèileadh****fèileadh-mòr** *f.**gin.* **feilidh-mhòir** *iol.* **feilidhean-****mòra**

breacan.

fèill *b.**gin.* **fèille** *iol.* **fèillean, fèilltean**

1 fèis a ghleidheas là sònraichte. 2

margadh. 3 còmhlan de nithean

mar thimcheallan, giorna-giùirn-

1 aon de na roinnean sa chorp as adhbhar do ghlusad. 2 cuisle.

fèitheach buadhair

feith b.²

gin. fèithe iol. fèithichean
âite bog; boglach.

feith gniomhair

fuirich: *feithidh mi ris a' bhus aig ceann an rathaid.*
feitheamh f.

feobhas f.

co-ionann ri **feabhas**.

feòil b.

gin. feòla, feòladh

1 an stuth bog eadar an craiceann agus na cnàmhain ann an daoine agus beathaichean. 2 feòil a chleachdar mar bhiadh.

feòlmhor buadhair

feòil-caorach b.

gin. feòl-caorach

feòil à caoraich; muiltsheoil.

feòirling b.

iol. feòirlingean

1 sean bhonn airgid Breatannach: *bhitheadh ceithir feòirlingean ann an sgillinn.* 2 seann tomhas talmhainn.

feòirlinn b.

faic **feòirling**

feòladair f.

iol. feòladairean

cuideigin a ghearras feòil agus a reiceas i; bùidsear.

feòladaireachd b.

feòrachadh f.

gin. feòrachaidh

a' faighneachd.

feòrag b.

gin. feòraig iol. feòragan
beathach beag agus earball molach air, a bhios a' fuireach ann an craobhan.

feòraich gniomhair

faighnich.
feòrachadh f.

feuch gniomhair

1 thoir oidhrip air rudeigin a dhéanamh: *tha e a' feuchainn ri obair fhaighinn ann am Peairt.* 2 thoir deuchainn do rudeigin; faigh blas de rudeigin: *feuch an toiseach e!* 3 strì: *bha iad a' feuchainn ri cheile.* 4 déan cinnteach; thoir an aire: *feuchaibh gum bi sibh modhail!*; *feuch nach bi thu ro anmoch!* 5 seal.

feuchainn b.

feudar ainmear

1 's **fheudar gu** dh'fhaodte gu; gabhaidh e bhith gu. 2 's **fheudar do** feum: *b' fheudar dhomh dol dhachaigh nuair a dh'fhás e dorch.*

feum gniomhair easbhaidheach

1 bi aig cuideigin ri rudeigin a dhéanamh: *an-dè dh'fheumainn coiseachd don sgoil, agus an-dugh feumaidh mi coiseachd dhachaigh;* *tha e ag ràdh gum feum e glaine uisge.* 2 bi freagarrach, deatamach, no riatanach: *dèan rud sam bith a dh'fheumas!*

feumach buadhair

coim. feumaiche

ag iarraidh rudeigin a tha a dhìth ort: *tha mi feumach air cadal.*

feumail buadhair

coim. feumala

a bhios cuideachail; a ghabhas

cleachdadhdh.

feumalachd b.

feur f.

gin. **feòir**

1 luibh uaine agus duilleagan caola air. 2 talamh air a chòmhdachadh le feur.

feurach *buadhair*

coim. **feuraiche**

air a chòmhdachadh le feur; le mòran feòir air.

feuraich *gniomhair*

ith feur.

feurachadh f.

feusag b.

gin. **feusaig** *iol.* **feusagan**

am falt a dh'fhàsas air aghaidh fir.
feusagach *buadhair*

feusgan f.

gin. agus *iol.* **feusgain**

maorach mòr dorch a ghabhas ithe.

fhad is a *naisgear*

cho fada agus; am fad is; am seadh is: *cheannaich mi brògan ùra fhad is a bha mi sa bhaile an-dè.*

fhathast *co-ghniomhair*

1 thuige seo; gus an uair seo, gus an uair ud: *an tainig e fhathast?*; a bheil *thu an seo fhathast?* 2 anns a' cheann thall: *ni e sin fhathast.* 3 a' ritist: *can fhathast e!*

fhèin *riochdair ath-bhuailteach*

faic fo **fein**

fhìn *riochdair ath-bhuailteach*

faic fo **fein**

fhuair *gniomhair neo-riaghailteach*

(agus **fhuaradh**, **fhuras**)

faic fo **faigh**

fiabhras f.

gin. **fiabhras** *iol.* **fiabhrasan**

teodhachd ro àrd sa bhodhaig, mar as trice a chionn tinneis; teasach.

fiabhrasach *buadhair*

fiacail b.

gin. **fiacula** *iol.* **fiaclan**

1 tè de na roinnean cruaidh geal, mar chnàmh, a bhios a' fàs sa bheul, air a cleachdadhdh airson bididh agus cagnaiddh. 2 roinn gheur air sàbh, 7c.

fiacail a' *ghliocais* b.

iol. **fiaclan a'** *ghliocais*

fiacail-forais.

fiacail-carbaid b.

iol. **fiaclan-carbaid**

tè de na fiaclan eadar na fiaclan-crìche agus na fiaclan-cùil.

fiacail-crìche b.

iol. **fiaclan-crìche**

fiacail bhiorach eadar na clàr-fhiaclan agus na fiaclan-carbaid.

fiacail-cùil b.

iol. **fiaclan-cùil**

tè de na fiaclan an cùl a' bheòil a bhios math air cagnadh.

fiacail-forais b.

iol. **fiaclan-forais**

tè de cheithir fiaclan-cùil a nochdas nas anmoich na na fiaclan eile; fiacail a' ghliocais.

fiacaill b.

gin. **fiacula** *iol.* **fiaclan**

co-ionann ri **fiacail**.

fiach buadhair**coim. fiacha**

luach: *am fiach dhuinn biadh ithe an-dràsta ma bhios sinn ag ithe ar-rithist?*

fiach f.**gin. féich iol. fiachan**

1 luach; pris. **2** (iolra) rudeigin, gu h-àraigdh airgead, a tha agad ri thoirt do chuideigin. **3** **fo fhiachaibh** an comain; gu bheil agad ri rudeigin a phàigheadh: *bha e fo fhiachaibh dà nota dhomh, ach thug e dhomh air ais iad an-diugh.* **4** **cuir mar fhiachaibh** air thoir air cuideigin rudeigin sònraichte a dhèanamh: *chuir e mar fhiachaibh orm sgeulachd a sgriobhadh mus deighinn dhachaigh.*

fiach gnìomhair**faic feuch****fiacalach buadhair****coim. fiaclaiche**

1 a thaobh fiaclan; deudach. **2** le fiaclan; le fiaclan mòra.

fiaclaire f.**iol. fiaclairean**

duine air ionnsachadh gus fiaclan lobhte a lionadh, no a thoirt às, agus feadhainn bhrèige a shuidheachadh.

fiaclaireachd b.**fiadh f.****gin. agus iol. fèidh**

beathach ceithir-chasach a ruitheas gu luath.

fiadhaich buadhair**coim. fiadhaiche**

1 gun a bhith callda no soitheambh; allaidh: *tha am muir fiadhaich an-diugh.* **2** gun a bhith air a

bheantainn no a làimhseachadh le daoine: *luibh fiadhaich.* **3** feargach.

fial buadhair**coim. fiala, feile**

fialaidh.

fialaidh buadhair**coim. fialaidhe**

1 deiseil gus nithean a thoirt seachad. **2** a chuireas fàilte air daoine agus a bheir aoigheachd dhaibh. **3** ceadach.

fialaidheachd b.**fiamh f.****gin. fiamha**

1 tuar; dath: *bha e buidhe le fiamh dearg air an iomall.* **2** mar a tha aghaidh cuideigin a' coimhead. **3** fiamh a' ghàire gáire beag. **4** eagal.

fiamhail buadhair**coim. fiamhala**

eagalach.

fianais b.**iol. fianaisean**

1 cuideigin a chì rudeigin a' tachairt. **2** an rud a chì e; teisteanas.

fiar buadhair**coim. fiara**

1 claoen. **2** lùbte.

fiar gnìomhair

dèan no fàs fier.

fiaradh f.**fiarach buadhair****coim. fiaraiche**

fiar.

fiaradh f.**gin. fiaraidh**

a' dol suas no sìos beag is beag; gun a bhith còmhnard no direach:

*thàinig am plèana air shiaradh sios
às an adhar.*

fioraich *gniomhair*
co-ionann ri **fiar**.
fiarachadh *f.*

fiar-shùileach *buadhair*
coim. **fiar-shùiliche**
le sùilean a choimheadas gu
àirdean eadar-dhealaichte.

fiasag *b.*
faic **feusag**

fiathaich *gniomhair*
cuir cuireadh gu cuideigin; cuir
fáilte air cuideigin.
fiathachadh *f.*

fichead *f.*
gin. **fichid** *iol.* **ficheadan**
an àireamh 20; a h-aon a
bharrachd air a naoi-deug; a
fichead; **fichead balach**; **fichead nighean**; **dà fhichead**; **tri fichead**.
ficheadamh (*cunntair òrdail*) *f.*

fideag *b.*
gin. **fideig** *iol.* **fideagan**
co-ionann ri **feadag**.

fidhcheall *f.*
gin. **fidhchill**
cluich-buird airson dithis, le 16 de
mhireanan an duine.

fidheall *b.*
gin. **fidhle** *iol.* **fidhlean**
inneal-ciùil le ceithir teudan air, a
chluihear le bogha.

fidhlear *f.*
gin. **fidhleir** *iol.* **fidhlearan**
duine a chluicheas air an fhidhill.

fidir *gniomhair*
beachdaich; feuch; sgrùd.
fidreadh *f.*

fige *b.*
iol. **figean**
meas beag bog làn sil.

figear *f.*
gin. **figeir** *iol.* **figearan**
cunntair; àireamh; suim.

figh *gniomhair*
1 déan rudeigin le bhith a' lùbadh
snàth còmhla, a' cleachdadh
bhioran fada no inneal-fighe. 2
déan rudeigin le bhith a' cur
shnàthainnean thairis air agus fo
chéile.
fighe *f.*, **figheadh** *f.*

figheadair *f.*
iol. **figheadairean**
cuideigin a bhios a' fighe.

fighte *buadhair*
air fhighe.

fileanta *buadhair*
math air bruidhinn, gu h-àraidh
cànan coimheach; deas-labhrach.
fileantachd *b.*

fileantach *f.*
gin. agus *iol.* **fileantaich**
cuideigin a tha fileanta.

filidh *f.*
iol. **filidhean**
bàrd.

fill *gniomhair*
lùb rudeigin gus an laigh an dara
taobh air an taobh eile. 2 déan
preasag.
filleadh *f.*

filleadh *f.**gin. fillidh***1** a' lùbadh rudeigin gus an laigh an dara taobh air an taobh eile. **2** a' dèanamh presag.**fillte buadhair****1** air a dhèanamh à iomadh earrainn. **2** air fhilleadh; sniomhте.**film** *f.**iol. filmichean*

dealbh gluasadach a dh'innseas sgeulachd, mar a chì thu ann an taigh-dhealbh.

fine *b.**iol. fineachan*

cinneadh.

fineachas *f.***finealta** *buadhair**coim. finealite***1** eireachdail; grinn. **2** maoth. **3** modhail; mothachail.**finealtas** *f.***fin-fuinneach** *buadhair*(no **fin-foinneach**)buileach; air fad; gu lèir: *fad fin-fuinneach an latha.***fiodh** *f.**gin. fiodha***1** an stuth às an dèanar craobhan. **2** fiodh airson taighean, 7c, a thogail; pòs fiodha, maide.**fiodhach** *buadhair***fiodhall** *b.*

faic fidheall

fiogais *b.**iol. fiogaisean*

co-ionann ri fige.

fiolan *f.**gin. fiolain iol. fiolanan***1** fríde; biastag. **2** fiolan-gobhlach.**fiolan-gobhlach** *f.**gin. fiolain-ghobhlaich iol. fiolanan-gobhlach*

fríde le seòrsa de chlobha aig ceann a bodhaige; gobhlag.

fion *f.**gin. fiona*

deoch-làdir, mar as tric air a dèanamh à fion-dearcan.

fion-dearc *b.**iol. fion-dearcan*

dearc den chrann-fhiona.

fion-geur *f.**gin. fion-ghèir*

lionn geur no searbh, a chleachdar gus blas a thoirt gu biadh, no gus biadh a ghleidheadh.

fionn *buadhair**coim. fionna*

geal; bán.

fionnach *buadhair**coim. fionnaiche*

molach.

fionnadh *f.**gin. fionnaidh*

salt beathaich; calg.

fionnairidh *b.**iol. fionnairidhean***1** toiseach na h-oidhche; tràth air an oidhche. **2** a' cumail faire.**fionnan** *f.**gin. fionnain iol. fionnain, fionnanan*

crann-fiona.

fionnan-feòir f.

gin. agus *iol.* **fionnain-sheòir**
frìde bheag a bhios a' leum.

fionnar *buadhair*

coim. **fionnaire**
gu math fuar, ach gun a bhith teth.
fionnarachd b.

fionnaradair f.

iol. **fionnaradairean**
fuaradair.

fionnaraich *gniomhair*

dèan no fàs fionnar; fuardaich.
fionnarachadh f.

fionnsgeul f.

gin. **fionnsgeil**
seann sgeulachd bho na linntean a
chaidh seachad.

fior *buadhair*

coim. **fiora**, fire
1 ceart; gun mhearachd. 2 glè: *bha e fior mhath.*

fior-eun f.

gin. agus *iol.* **fior-eòin**
iolaire.

fios f.

gin. **fiosa**
1 rudeigin a dh'ionnsaich thu;
rudeigin nad inntinn; eòlas; tuigse:
a bheil fios aig duine càite a bheil mo bhrògan?; thachair sin gun *fhios dhomh*; *chan eil càil a dh'fhios agam*. 2 rudeigin a dh'ainthicreas
daoine gu bheil e fior; beart. 3 cuir
fios air cuir a dh'iarraidh air. 4 cuir
fios gu inns do dhuine rudeigin le
litir, teachdaireachd, 7c. 5 **gun fhios nach**, **gun fhios nach** gus nach
tachair rudeigin: *cuir còta ort gun fhios nach bi thu fuar!*

fiosaiche f.

iol. **fiosaichean**
cuideigin a dh'innseas dhut dè a
thachras dhut san tide ri tighinn;
fàidh.

fiosrach *buadhair*

coim. **fiosrache**
1 eòlach. 2 na dhùisg; ag
aithneachadh dè a tha a' dol air
adhart.

fiosrachadh f.

gin. **fiosrachaidh** *iol.*
fiosrachaidhean
rudan air a bheil thu eòlach; na
dh'innseas cuideigin dhut; beartan:
a bheil fiosrachadh agaibh mu na busaichean an seo?

fiost f.

faic fo fios

fir-chlis *ainmear iolra*

(*leis an alt*)
ainm air an t-seòrsa solais a
chithear air uairean anns an adhar
mu thuath; (an Laidinn) *aurora borealis*.

fireann *buadhair*

1 den ghnè nach beir leanaban: *tha fireannaich, mic, agus tairbh uile fireann*. 2 (gràmar) tè de dhà ghnè
de dh'ainmearan: 's e ainmearan *fireann a tha ann am facail mar 'cù', 'fear', 'mac', agus 'taigh'*.

fireannach f.

gin. agus *iol.* **fireannaich**
neach inbheach fireann; fear.

fireanta *buadhair*

coltach ri fireannach; le cuid de
dh'sheartan fireannaich.

firinn *b.*

gin. firinne *iol.* firinnean
rudeigin a tha fior; a bhith fior.
firinneach *buadhair*

fitheach *f.*

gin. agus *iol.* **fithich**
eun mòr dubh.

fiù *buadhair*

1 air luach; airidh air: *chan fiù e a'*
phris sin. 2 **fiù agus** eadhon; co-dhiù:
cha robh fiù is seithear air
fhàgail san taigh-dhubh.

fiù *f.*

luach; fiach: *bha e gun fhiù.*

fiùdalach *buadhair*

coim. **fiùdalaiche**
den riaghaitl mheadhan-aoiseach
sam faigheadh daoine air talamh
àiteachadh cho fad is gun dèanadh
iad obair don duine leis an robh an
talamh.
fiùdalachd *b.*

flanainn *b.*

gin. flaninne *iol.* flanainnean
1 seòrsa aodaich a tha bog agus
tiugh; càrann. 2 pios dheth seo a
chleachdas tu airson do nighe
fhèin.

flasg *f.*

gin. flasga *iol.* flasgan
searrag.

flat *f.*

iol. **flataichean**
1 lobhta; lär taighe. 2 sàsar.

flath *f.*

gin. flath *iol.* **flathan, flaithean**
1 riaghlaidair. 2 prionnsa. 3
gaisgeach.

flathail *buadhair*

coim. **flathaile, flathala**
stàiteil.

fleadh *f.*

gin. **fleadha** *iol.* **fleadhan**
fèis.
fleadhachas *f.*

fleadhach *buadhair*

coim. **fleadhaiche**
de no freagarrach do fhleadh no
fhèis; cuirmeach; subhach.

fleasgach *f.*

gin. agus *iol.* **fleasgach**
fear nach eil pòsta.

fleisg *b.*

gin. **fleisge** *iol.* **fleisgean**
ueir so-lùbadh airson sruth
dealain.

fleodrach *buadhair*

a thèid air fleòdradh.

fleòdradh *f.*

gin. **fleòdraidh**
1 a' fuireach no a' gluasad air
uachdar uisge no lionn; a bhith air
bhog: *tha am maide air fleòdradh.* 2
a' snàmh anns an adhar.

fleodraich *gniomhair*

bi air fleòdradh; bi air bhog;
fleodraidh am bioran seo air an allt.
fleodradh *f.*

fliopair *f.*

iol. **fliopairean**
clabar.

fluich *buadhair*

coim. **flìche**
1 air a chòmhdachadh no air a
bhogadh ann an uisge no lionn eile.

2 gun a bhith tioram: *tha am peant fluech.*

fliuch *gniomhair*
dèan fliuch.
fliuchadh *f.*

floodadh *f.*
gin. **flodaidh**
a' fleòdradh; a bhith air bhog.

flùr f.¹
gin. flùir isol. flùraichean
1 an earrann de luibh sam fàs an siol no am meas; blàth. 2 luibh air am bi blàthan a' fàs.

flùr f.2
gin. **flùir**
pùdar air a dhèanamh à arbhar, air
a chealachdadhbh airson aran,
cèicean, 7c. a dhèanamh.

flùranach *buadhair*
coim. **flùranache**
de fhlùraichean; làn fhlùr.

fo-aodach *f.*
gin. **fo-aodaich**
buill-aodaich a chaitheas tu ris a' chraiceann agus fo bhuill-aodaich eile

focal *f.*
co-ionann ri facal.

fochann *f.*
gin. **fochainn**
grà̄n a tha a' fàs.

fod *roimhear leasaichte*
faic fo fo

fodar *f.*
gin. **fodair**
biadh do bheathaichean ain
tuathanas.

fodha *co-ghniomhair*
1 sios: *chaidh am bàta fodha anns an stoirm.* 2 **fodha sin** fo sin.

fodha(san) *roimhear riochdairleil*
(agus **fodhad(sa)**, **fodhaibh(se)**,
fodhainn(e), **fodham(sa)**)
faic fo fo

fodhpà *roimhear* *riochdaireil*
airson fòpa

fògair *gniomhair*
cuir cuideigin a-mach à àite man
pheanasachadh; fuadaich: *bha e air*
fhògairt.
fògradh *f.*, **fògairt** *b.*

fògairt *b.*
a' cur cuideigin a-mach à àite man
pheanasachadh; a' fuadachadh.

fògarrach *f.*
co-ionann ri fògrach.

fogbain gniomhair
1 bi gu leòr. 2 fòghnaidh! sin gu
leòr! 3 fòghnaidh na dh'fhòghnas ma-
tha gu leòr ann, tha gu leòr agaonna
(agus bu chòir dhuinn a bhith
taingeil).
fòghnadh f.

foghar f.

gin. foghair *iol.* fogharan
1 an ràith nuair a thuiteas
 duilleagan bhàrr nan craobh, eadar
 an samhradh agus an greamhradh:
fàsaidh na làithean nas giorra as
t-fhoghar. **2** àm buain an arbhair,
 togail a' bhuntàta, 7c.

foghlaim *gniomhair*

thoir eòlas no sgil do chuideigin;
 teagaisg.
fogham f.

foghlaimte *buadhair*

aig a bheil fogham; làn eòlais;
 ionnsaiche.

fogham f.

gin. foghlaim
 eòlas no sgil a bheirear do
 chuideigin; a' toirt eòlas no sgil do
 chuideigin; oideachas.

fòghnad f.

gin. fòghnaidh
 leòr; a bhith gu leòr.

fòghnan f.

gin. fòghnain *iol.* fòghnanan
 cluaran.

fògrach f.

gin. agus *iol.* fògraich
 duine air fhògairet à àite; fear-cùirn.

fògradh f.

gin. fògraidh
 a' fògairt.

fòid b.

gin. fòide *iol.* fòidean
 cnap talmhainn; cnap ùire; clod.

foidhidinn b.

co-ionann ri foighidinn.

foidhpe *roimhear riochdaireil*
 airson foipe

foighidinn b.

gin. foighidinne
 a bhith foighidneach.

foighidneach *buadhair*

coim. foighidniche
 a gheibh air fuireach fada gun a
 bhith a' fàs feargach.

foighneach *gniomhair*
 faic faighneach

foighnich *gniomhair*
 faic faighnich
 foighneachd b.

foileag b.

gin. foileig *iol.* foileagan
 bonnach tana ròsta air a
 dhèanamh à flùr, uighean, agus
 bainne.

foill b.

gin. foille
 mealladh; cealg.

foillseachadh f.

gin. foillseachaidh
1 rudeigin a chaidh a thaïs-beanadh; rudeigin a chaidh a chlò-bhualadh agus a reic. **2** a' taisbeanadh, no a' clò-bhualadh agus a' reic rudeigin.

foillsich *gniomhair*

1 nochd; taisbein. **2** clò-bhual agus
 reic rudeigin. **3** cuir rudeigin an
 cèill gu coitcheann.
foillseachadh f.

foillsicheadar f.

gin. foillsicheir *iol.* foillsicheadan
 cuideigin a dh'fhoillsicheas
 rudeigin.

	foipe(se) roimhear riochdaireil
foipe(se) roimhear riochdaireil faic fo fo	fomhair f. co-ionann ri famhair .
foirfe buadhair cho math is nach dèanar nas fhèarr e; gun mheang. foirfeachd b.	fomhar f. co-ionann ri foghar .
foirfeach f. gin. agus iol. foirfich éildear.	fòn f. agus b. iol. fònáichean 1 innleachd a chleachdas uèir- ichean dealain, rèidio, 7c, airson bruidhinn ri daoine a tha air falbh bhuat. 2 cuir fòn gu fònaig .
foirmeil buadhair coim. foirmeala riaghailteach; deas-ghnàthach.	fòn gnìomhair co-ionann ri fònaig . fònadh f.
fòirneart f. gin. fòirneirt neart a nì cron no milleadh; ainneart. fòirneartach buadhair	fon roimhear leasaichte faic fo fo
fois b. gin. foise àm nuair a leigeas tu d' anail; àm nuair a bhios a h-uile càil ciùin agus sàmhach; tàmh; sith: <i>aig fois</i> . foiseil buadhair	fònaig gnìomhair bruidhinn ri, no feuch ri bruidhinn ri cuideigin air a' fòn. fònaigeadh f.
fo-lèine b. iol. fo-lèinteann ball fo-aodaich airson an leth as uaisle den chorp.	fonn f. gin. agus iol. fuinn pios goirid de cheòl; sleath taitneach de phongan ceòlmhor.
follais b. a bhith furasta a thuigsinn no fhaicinn; a bhith follaiseach: <i>thig an t-adhbhar am follais fhathast</i> .	fonnmhor buadhair coim. fonnmhoire taitneach a chluinnntinn; binn.
follaiseach buadhair coim. follaisiche a chì no a thuigeas a h-uile duine; soilleir.	fòpa(san) roimhear riochdaireil faic fo fo
fom roimhear leasaichte faic fo fo	for roimhear leasaichte faic fo fo
	fo-rathad f. gin. fo-rathaid , fo-rothaid iol. fo- róidean 1 slighe no rathad a thèid fo thalamh. 2 rathad-iaraínn a thèid fon talamh.

forc b.(no *forca*)*gin.* **forca** *iol.* **forcan, forcaichean**
greimire.**forsair f.***iol.* **forsairean**cuideigin a bhios ag obair ann an
coille.**forsaireachd b.****fortan f.***gin.* **fortain**mar a thachras rudan gun thusa a
bhith a' smaoineachadh orra ro
láimh; sealbh: *fortan leat!***fortanach buadhair****for-thalla f.***iol.* **for-thallachan**an talla aig an dol-a-steach ann an
taigh-òsta, taigh-cluiche, taigh-
dhealbh, 7c.**fosgail gniomhair**dèan fosgailte: *fosgail an uinneag!*
fosgladh f.**fosgailte buadhair****1** gun a bhith dùinte: *tha an doras*
fosgailte. **2** gun a bhith air a
chuartachadh: *àite fosgailte.* **3** gun
a bhith air a phasgadh: *leabhar*
fosgailte. **4** onarach; gun a bhith
rùnmhor. **5** gun a bhith air a
shuidheachadh no air a
chriochnachadh: *ceist fhosgailte.***fosgarra buadhair**a bhios fosgailte, còmhraiteach,
agus suilbhír.**fosgladh f.***gin.* **fosglaidh****1** beàrn; eag. **2** a' dèanamh
fosgailte.**fo-thiotal f.***gin.* **fo-thiotail iol.** **fo-thiotalan**1 na facail air an clò-bhualadh
còmhla ri dealbh gus tuairisgeul a
thoirt air. **2** ceann-fhacail ann am
pàipear-naidheachd, 7c.**fradharc f.***gin.* **fradhairc**

comas faicinn.

Fraigis b.*(leis an alt)*

cànan na Fraing.

Frangach f.*gin.* agus *iol.* **Frangaich**

neach às an Fhraing.

Frangach buadhair**fraoch f.***gin.* **fraoich**preas beag le blàthán bàn, bán-
dhearg, no purpaidh air.**fraochach buadhair****fraoich buadhair***coim.* **fraoiche**

garg; fiadhaich.

fraoidhneas f.*gin.* **fraoidhneis iol.** **fraoidhneasan**1 oir no iomall sgeadaichte. **2**
loidhne de dh'fhalbh goirid a'
crochadh sios thairis air a' mhaoil.**fras b.***gin.* **froise iol.** **frasan**1 sileadh aithghearr de dh'uisge no
de shneachd. **2** siol.**frasach buadhair, frasachd b.****fras gniomhair**

dèan fras.

frasadh f.

	frasair <i>f.</i>
frasair <i>f.</i>	
<i>iol.</i> frasairean	bhith a' cumail sùil air an oirthir, a'
innleachd airson uisge a fhrasadadh	bacadh cùl-mhùtaireachd, 7c.
air duine.	
freagair <i>gniomhair</i>	
thoir freagairt.	
freagairt b. , freagradh <i>f.</i>	1 an earrann de luibh, chraoibh, 7c, a dh'fhàsas fo thalamh. 2 bunadas.
freagairt b.	
<i>iol.</i> freagairtean	
rudeigin a chanas tu no a sgrìobhas	
tu gus déligeadh ri ceist, litir, 7c;	
freagradh: <i>an d'fhuair thu freagairt</i>	
<i>shathast?</i>	
freagarrach <i>buadhair</i>	
<i>coim.</i> freagarrache	
a nì an gnothach; iomchaidh;	
taitneach.	
freagradh <i>f.</i>	
<i>gin.</i> freagraidh	
freagairt; a' freagairt.	
frèam <i>f.</i>	
<i>gin.</i> frèama <i>iol.</i> frèamaichean	
cèis; structair.	
frèam-streap <i>f.</i>	
<i>iol.</i> frèamaichean-streap	
cèis-streap.	
freastail <i>gniomhair</i>	
fritheil.	
freastal <i>f.</i>	
freiceadan <i>f.</i>	
<i>gin.</i> freiceadain <i>iol.</i> freiceadian	
1 cuideigin a dhionas rudeigin. 2	
buidheann de luchd-dòn.	
freiceadan-oirthire <i>f.</i>	
<i>gin.</i> freiceadain-oirthire <i>iol.</i>	
freiceadianan-oirthire	
cuideigin a bhios an dreuchd aige ri	
	frasair <i>f.</i>
	bhith a' cumail sùil air an oirthir, a'
	bacadh cùl-mhùtaireachd, 7c.
freumh <i>f.</i>	
<i>gin.</i> freumha <i>iol.</i> freumhan,	
freumhaichean	
1 an earrann de luibh, chraoibh, 7c, a dh'fhàsas fo thalamh. 2 bunadas.	
friamh <i>f.</i>	
faic freumh	
fríde <i>b.</i>	
<i>iol.</i> frídean	
creutair beag gun chnàmh-droma, mar as trice le sia casan air.	
frids <i>f.</i>	
<i>iol.</i> fridsichean	
fuaradair.	
frioghan <i>f.</i>	
<i>gin.</i> agus <i>iol.</i> frioghain	
calg.	
frioghanach <i>buadhair</i>	
frionasach <i>buadhair</i>	
<i>coim.</i> frionasaiche	
a bhios a' gabhail dragh no a bhios a' fàs troimh-chèile.	
frionas <i>f.</i>	
frith <i>b.</i>	
<i>gin.</i> frithe <i>iol.</i> frithean	
1 àite air a' mhòintich no air na beanntan far am bi fèidh a' fuireach agus a' biathadh. 2	
móinteach.	
frith-ainm <i>f.</i>	
<i>gin.</i> frith-ainme <i>iol.</i> frith-ainmean	
far-ainm.	
frithealadh <i>f.</i>	
<i>gin.</i> frithealaidh	
a' coimhead an dèidh cuideigin no	

rudeigin; a' toirt biadh, 7c, do chuideigin; a' freastal.

frithealaich *gniomhair*

co-ionann ri fritheil.
frithealachadh *f.*

fritheil *gniomhair*

coimhead an dèidh cuideigin no rudeigin; thoir biadh, 7c, do chuideigin; freastail.
frithealadh *f.*

frith-leum *gniomhair*

gearra-leum; boc.
frith-leum *f.*

frith-rathad *f.*

gin. frith-rathaid *iol.* frith-ròidean
slighe chumhang air am bi thu a'
coiseachd; ceum.

froca *f.*

faic frogá

fròg *b.*

gin. fròige *iol.* frògan
cùil; toll; sgàineadh.

frogá *f.*

iol. frogaichean
dreasa.

frogail *buadhair*

coim. frogale
èasgaidh; beothail.

frois *b.*

gin. froise
sgaoileadh de ghràn, übhlàn, 7c.

frois *gniomhair*

sgaoil nithean an siud is an seo; bha e a' froiseadh gràn air feadh an achaidh.
froiseadh *f.*

fruis *b.*
co-ionann ri frois.

fuachd *b.*

iol. fuachdan
1 sìde no teodhachd a tha fuar. 2 cnatan.

fuadachadh *f.*

gin. fuadachaidh
1 fògairt. 2 ruag.

fuadaich *gniomhair*

1 fògairt. 2 ruith an dèidh cuideigin
no rudeigin.
fuadachadh *f.*

fuaign *gniomhair*

co-ionann ri fuaigneil.

fuaigneal *f.*

gin. fuaigneil
1 a' cleachdadadh snàthad agus snàthainn canaich gus piosan aodaich, 7c, a cheangal. 2 ag obair le snàthaid agus snàthainn.

fuaigneil *gniomhair*

1 cleachd snàthad agus snàthainn canaich gus piosan aodaich, 7c, a cheangal. 2 obraich le snàthaid agus snàthainn.
fuaigneal *f.*

fuaighte *buadhair*

air fhuaigheal.

fuaim *f.* agus *b.*

gin. fuame *iol.* fuamean
rudeigin a chluinneas tu; faram: tha a' ghaoth a' déanamh fuaim eadar na craobhan.

fuaimneach *buadhair*

coim. fuaimniche
a nì fuaim; làn fuame; faramach.
fuaimneachd *b.*

fuaimreag *b.*

gin. fuaimreig *iol.* fuaimreagan
gin de na litrichean a, e, i, o, u.

fuamhaire *f.*

iol. fuamhairean
famhair.

fuar *buadhair*

coim. fuaire
1 gun a bhith blàth no teth. 2 gun a
bhith coibhneil; gun
fhaireachdainn.

fuaradair *f.*

iol. fueradairean
inneal airson biadh agus lionn a
chumail fuer.

fuarraig *gniomhair*

dèan no fàs fuer.
fuarachadh *f.*

fuaran *f.*

gin. fuerain *iol.* fuerain, fueranan
àite far an tig uisge a-mach às an
talamh.

fuasgail *gniomhair*

1 thoir freagairt do cheist; cuir
rudeigin romhad mu dheidhinn
ceiste. 2 dèan saor.

fuasgladh *f.*

fuasgladh *f.*

gin. fuasglaidh

1 freagairt; a' toirt freagairt do
cheist; a' cur romhad mu
dheidhinn ceiste. 2 saoradh.

fuath *b.*

gin. fuatha *iol.* fuathan
1 gràin. 2 taibhse.

fuathaich *gniomhair*

gabh fuath; gràinich.
fuathachadh *f.*

fùc *gniomhair*

luaidh clò.
fùcadh *f.*

fùdar *f.*

gin. fùdair *iol.* fùdaran
co-ionann ri pùdar.
fùdarach buadhair

fùdaraich *gniomhair*

1 cuir fùdar air rudeigin. 2 pronn.
fùdarachadh *f.*

fuidheall *f.*

co-ionann ri fuigheall.

fuigheall *f.*

gin. fuighill
rudeigin air fhàgail; còrr.

fuighleach *f.*

gin. fuighlich
salchar.

fuil *b.*

gin. fola, fala
an lionn dearg a ruitheas tro
chuislean agus tro mhòr-chuislean.

fuilear *ainmear*

chan fuilear do feum; iarr; chan
fuilear dhut airgead airson a' bhus
ma tha thu a' dol don bhaile; thuirt
an dotair nach b' fuilear dhomh là
eile anns an leabaidh mus bithinn
nas fheàrr.

fuiling *gniomhair*

1 fairich pian no bròn. 2 bi agad ri
fuireach san t-suidheachadh sa
bheil thu gus an tèid rudeigin mì-
thaitneach air falbh: chan fuiling e
am fuachd.

fulang *f.*

fuil-mìos *b.*

gin. fola-mìos, fala-mìos

an fhuil a leigear às a' mhachraig
timcheall air uair sa mhios, mar a
thachras gu gnàthach do bhoir-eannaich gus am meadhan-aois.

fuilt f.

faic fo falt

fuilteach buadhair

coim. fuilteche

a' call fuit; a' dòrtadh fuit; làn folà.

fuiltean f.

gin. fultein *iol.* fulteanan

pios fuit, dual; ròineag.

fuin gniomhair

1 bruich ann an àmhainn. 2 fàisg
agus sìn rudeigin bog, gu h-àraidh
taois, led làmhan.

fuine b., fuineadh f.

fuineadair f.

iol. fuineadairean

cuidéigin a bhios a' fuineadh aran,
7c; bëicear.

fuinte buadhair

air fhuineadh.

fuireach f.

gin. fuirich

1 a' feitheamh. 2 a' còmhnaidh.

fuireachail buadhair

faic furachail

fuirich gniomhair

1 bi anns an aon àite no
suidheachadh gus an tachair
rudeigin: *fuirich riùm aig a' chàr!* 2
gabh còmhnaidh; bi a' còmhnaidh:
dh'fhuirich iad ann an Glaschu fad
dà bhliadhna.

fuireach f.

fuirneis b.

iol. firneisean

inneal san dèanar teas mòr gus
meatailt, glainne, 7c, a leaghadh.

fulaing gniomhair

co-ionann ri fuiling.

fulang f.

gin. fulaing

1 a' faireachdann pian no bròn. 2 a
bhith agad ri fuireach san
t-suidheachadh sa bheil thu gus an
tèid rudeigin mi-thaitneach air
falbh.

fulangach buadhair

coim. fulangaiche

1 math air fulang; foighidneach. 2
den riochd de gniomhair a bheir
buaidh air a' chùisear: tha 'buail'
na riochd fulangach ann an
'bhuaileadh am bòrd leis an òrd'.

fulmair f.

gin. fulmaire *iol.* fulmairean

eun-mara geal.

furachail buadhair

coim. furachaile

a' feitheamh ri, a' toirt an aire air
rudeigin; deas; deisel.

furasta buadhair

coim. fasa

a ghabhas dèanamh no tuigsinn
gun dhuilgeadas; soirbh.

furim f.

gin. fuirm *iol.* fuirm, fuirmean

being.

furtachd b.

sòlas; cuideachadh.

furtaich gniomhair

thoir furtachd no sòlas do

chuideigin; cuidich; faothaich.
furtachadh *f.*

G**g** [gə]

an t-seachdamh litir san aibidil.

ga roimhear leasaichte¹
faic fo a¹

ga roimhear leasaichte²
faic fo a'

gabh *gniomhair*

1 faigh: *gabh fois!*; *gabh grèim air an t-sreang!* 2 faigh rudeigin a chaidh a thairgse dhut: *gabh mo leisgeul!* 3 cùm: *gabhaidh an cupa seo leth-phinnit bainne.* 4 glac; cuir an sàs: *chaidh am mèirleach a ghabhail leis a' pholas.* 5 ith; òl: *an do ghabh thu do bhiadh fhathast?* 6 fairich: *gabh mi iongantas cho mòr is a bha e!* 7 fàs tinn: *an do ghabh thu an cnatan a-rithist?* 8 stiùir; stèirdhich; déan: *bidh an tidear a' gabhail clas aig tide na diathad.* 9 bruidhinn; seinn: *cò a bha a' gabhail òran aig a' chèiliadh?* 10 gluais; falbh: *gabh e sios an Rathad don bhùth;* *gabh e roimhe;* *gabh mach!* 11 tòisich obair no suidheachadh ùr: *gabh iad san arm nuair a bha iad òg.* 12 obraich; beothaich: *nach eil an teine a' gabhail fhathast?* 13 **gabb** air déan ionnsaigh; buail: *gabh iad air a chèile.* 14 **gabb** ort creid rudeigin nach eil fior; leig ort. 15 **gabb** ort can gun déan thu rudeigin; gabh rudeigin os làimh. 16 **gabb ri;** gabh le aidich; rach le; fuiling; ceadaich. 17 **gabb riut** cuir dragh ort: *dè a tha a' gabhail riut?* 18 **gabb aig** thoir an aire air rudeigin; dèilig ri rudeigin:

feumaidh mi gabhail aig na coin mas tèid mi don leabaidh. 19 air a chleachdadhus gus ràdh gum faod rudeigin a bhith air a dhèanamh: *cha ghabh an geansaидh sin nighe ann an uisge teth;* *bha e cho math is a ghabhas e bhith.*

gabhail *f.*

gàbhadh *f.*

gin. gàbhaidh iol. gàbhaidhean
1 cunnart. 2 àm no suidheachadh cudthromach, duilich, no cunnartach.

gabhall *f.*

gin. gabhalach iol. gabhalaichead
1 còrdadh a bheir cead do chuideigin a bhith a' páigheadh airson fearann no togalach a chleachdadhus fad ùine sònraichte. 2 slighe; seòl. 3 a' faighinn; a' cumail; a' glacadh.
faic **gabb** *gniomhair*

gabhaltach *buadhair*

coim. gabhaltaiche
a thèid a ghabhail le cuideigin bho chuideigin eile: *tinneas gabhaltach.*

gabhar *f.* agus *b.*

co-ionann ri **gobhar**.

gach *buadhair*

a h-uile: *tha leabhar aig gach duine.*

gad *f.*

gin. goid iol. goid, gadan
bioran so-lùbadh.

gad roimhear leasaichte¹
faic fo a¹

gad roimhear leasaichte²
faic fo a'

gadaiche f.*iol.* **gadaichean**
mèirleach.**gadhar** f.*gin.* agus *iol.* **gadhair**
cù a chleachdar ann an seilg; cù
seilg.**gàgail** b.*gin.* **gàgaile**
a' déanamh fuaim mar chirc; a'
glocail.**Gaidheal** f.*gin.* agus *iol.* **Gaidheil**
neach a bhuineas don
Ghaidhealtachd.**Gaidhealach** *buadhair*de no a' gabhail gnothaich ris a'
Ghaidhealtachd.**Gaidhealtachd** b.*(leis an alt)*1 an earrann mhonadail de
dh'Albainn. 2 earann na h-Albann
far am bruidhnear a' Ghàidhlig.**Gàidhlig** b.*gin.* **Gàidhlige**1 cànan Ceilteach na Albann: a
bheil a' Ghàidhlig aige?; tha
Gàidhlig mhath aige. 2 a' Ghàidhlig
Eireannach Ghàidhlig na h-Eireann.
3 a' Ghàidhlig Mhanainneach
Gàidhlig Eilean Mhanainn.**gail** *gniomhair*faic **guil**
gal f.**gailearaidh** f.*iol.* **gailearaidhean**
taisbean-lann.**gaileis** b.stíallan air an caitheamh thairis air
na guailnean gus do bhriogais a
chumail suas; gaileisean.**gaileisean** *ainmear iolra*co-ionann ri **gaileis**.**gailleann** b.*gin.* **gaillinn** *iol.* **gailleannan**
doinneann; stoirm.**gainmheach** b.*gin.* **gainmhich**
na gráinnean de chreig a gheibhear
air tràighean agus ann am
fàsaichean.**gainne** b.

a bhith gann.

gainthead f.*gin.* **gainnid**
gainne.**gainneamh** b.*gin.* **gainneimh**
co-ionann ri **gainmheach**.**gàir** *gniomhair*co-ionann ri **gàirich**.
gàireachdainn b.**gairbhe** b.

a bhith garbh.

gairbhead f.*gin.* **gairbheid**
gairbhe.**gàirdeachas** f.*gin.* **gàirdeachais**
aoibhneas; fior thoileachas.**gàirdean** f.*gin.* **gàirdein** *iol.* **gàirdeanan**
1 roinn na bodhaige eadar a'

ghualann agus an làmh. **2**
muinchill. **3** gàirdean cathrach, 7c.

gàirdeanach buadhair

air a bheil gàirdeanan; air a bheil
gàirdeanan làidir.

gàire *f.* agus *b.*

gniomh no fuaim a nì thu nuair a
bhios tu toilichte no nuair a
shaoileas tu gu bheil rudeigin
éibhinn: *rinn e gàire*.

gàireachdaich *b.*

a' gàireachdainn.

gàireachdann *b.*

a' dèanamh gàire.

gàirich *gniomhair*

dèan gàire.

gàireachdann *b.*, **gàireachdaich** *b.*

gairm *b.*

gin. **gairme** *iol.* **gairmean,**
gairmeannan
eigh; glaodh.

gairm *gniomhair*

eigh; glaodh.

gairm *b.*

gairmeach *buadhair*

(gràmar) a tha a' gairm cuideigin
no rudeigin: *cleachdar an tuiseal*
gairmeach nuair a dh'èigheas tu 'a
Sheumais!', 'A Mhòrag', 7c.

gairmeach *f.*

gin. **gairmich**
an tuiseal gairmeach.

gàirnealaire *f.*

iol. **gàirnealairean**
cuideigin a bhios ag obair ann an
lios no gárradh.
gàirnealaireachd *b.*

gàirneilear *f.*

gin. **gàirneileir** *iol.* **gàirneilearan**
co-ionann ri **gàirnealaire**.

gaisge *b.*

a bhith gaisgil no calma.

gaisgeach *f.*

gin. agus *iol.* **gaisgich**

1 cuideigin a rinn rudeigin a bha
gaisgil no calma. **2** an duine as
fheàrr air cluich, co-fharpais, 7c.

gaisgeachd *b.*

co-ionann ri **gaisge**.

gaisgil *buadhair*

coim. **gaisgeile**

gun eagal ort; deiseil gus rudeigin a
dhèanamh an dèidh cunnairt, 7c.

galaisean *ainmear iolra*

stíllan air an caitheamh thairis air
na guailnean gus do bhriogais a
chumail suas; gaileisean.

galan *f.*

gin. **galain** *iol.* **galanan**

tomhas lionna; ochd pinnt no
timcheall air ceithir liotair gu leth.

galar *f.*

gin. **galair** *iol.* **galaran**
tinneas.

Gall *f.*

gin. agus *iol.* **Goill**

1 Albannach nach eil na Ghaidh-
eal. **2** (aosta) coigreach: *Innse Gall*.

gallan *f.*

gin. **gallain** *iol.* **gallain**, **gallanan**
clach mhòr air a cur na seasamh le
daoine bho chionn fhada; tursa.

Gallda buadhair

de no a' gabhail gnothaich ris a'
Ghalldachd.

gallda buadhair

coimheach; neònach.

Galldachd b.

(*leis an allt*)
earann na h-Albann an ear agus
deas air a' Ghaidhealtachd.

gam roimhear leasaichte¹

faic fo a¹

gam roimhear leasaichte²

faic fo a²

gàmag b.

gin. **gàmaig** iol. **gàmagan**
an t-astar eadar an t-aon phong
agus an t-ath fhear, shios no shuas,
air a bheil an t-aon ainm; an dà
phong seo air an cluiche còmhla:
tha ochd pongan ann an gàmaig,
mar eisimpleir dò, rè, mì, sò, fà, là,
tì, agus dò àrd.

gaman f.

gin. **gamain**
seòrsa hama.

ganhainn f.

gin. agus iol. **gaimhne**, **ganhna**
bò aon bhliadhna.

gamblas f.

gin. **gamlais**
miorun; gràin; dioghaltas.

gan roimhear leasaichte¹

faic fo a¹

gan roimhear leasaichte²

faic fo a²

gann buadhair

coim. **gainne**
gun a bhith paitl; tearc; ainneamh.

gaoid b.

gin. **gaoide** iol. **gaoidean**
meang.

gaoir b.

gin. **gaoire** iol. **gaoirean**
1 fuaim. 2 glaodh; glaodh o chionn
pèin. 3 pian.

gaoisid b.

gin. **gaoiside**
falt eich.

gaoisnean f.

gin. **gaoisnein** iol. **gaoisneinean**
1 fultean. 2 duine a tha uabhasach
caol.

gaoistean f.

co-ionann ri **gaoisnean**.

gaoiteach buadhair

coim. **gaoitche**
co-ionann ri **gaothach**.

gaol f.

gin. **gaoil**
a' faireachdainn gu bheil cuideigin
no rudeigin glè thaitneach agus glè
chudthromach dhut fhèin; gràdh: *a*
bheil gaol agad oirre?
gaolach buadhair

gaoth b.

gin. **gaoithe** iol. **gaothan**
1 sruth àile: *tha gaoth mhòr ann.* 2 a'
ghaoth gas sa chaolan.

gaothach buadhair

coim. **gaothaiche**
le mòran gaoithe.

gar *gniomhair*
dèan blàth.
garadh *f.*

gar roimhear leasaichte¹
faic fo a¹

gar roimhear leasaichte²
faic fo a'

garadh *f.*
gin. **garaidh**
a' dèanamh blàth.

gàradh *f.*
faic gàrradh

garaids *b.*
iol. **garaidsean**
1 togalach san cumar no san
càraichear carbadan-motair. 2 àite
sam faigh thu peatrain.

garbh *buadhair*
coim. **gaирбе**
1 gun a bhith mìn; neo-reìdh. 2
fiadhaich; targ. 3 tiugh. 4 glè:
garbh fada.

garg *buadhair*
coim. **gaирге**
feargach; fiadhaich; scarbh.

ga-riribh *co-ghniomhair*
faic **da-riribh**

gàradh *f.*
gin. **garraidh** *iol.* **gàrraidhean**
1 lios. 2 balla timcheall air achadh,
7c.

gàradh-aghaidh *f.*
gin. **garraidh-aghaidh** *iol.*
gàrraidhean-aghaidh
an gàrradh aig beulaibh taighe, 7c.

gàrradh-margaidh *f.*
gin. **gàrraidh-margaidh** *iol.*
gàrraidhean-margaidh
àite far an toirear fàs air glasraich
agus measan gus an reic.

gartan *f.*¹
gin. **gartain** *iol.* **gartain**, **gartanan**
bann lastaig airson stocainn a
chumail suas.

gartan *f.*²
gin. **gartain** *iol.* **gartain**, **gartanan**
frìde a bhios a' deoghal fuil.

gas *b.*
gin. **gaise** *iol.* **gasan**
1 stuth mar àile. 2 gas lasach air a
chleachdadh airson teasachaidh no
còcaireachd.

gas *b.*
gin. **gaise** *iol.* **gasan**, **gaisean**
1 a' phrìomh earrann de luibh os
cionn na talmhainn. 2 meangan
caol air a bheil duilleag, meas, no
blàth.

gasta *buadhair*
1 brèagha; grinn. 2 còir; coibhneil.
3 glè mhath; ceart gu leòr.

gath *f.*
gin. **gatha** *iol.* **gathan**, **gathannan**
1 bior geur; bior air dubhan,
sleagh, 7c; guin. 2 loidhne de
sholas, theas, no chumhachd eile. 3
x-ghath gath a thèid tro rudeigin
teann; dealbh de thaobh a-staigh
rudeigin air a dhèanamh le x-
ghathan. 4 sleagh.
gathach *buadhair*

gathachadh *f.*
gin. **gathachaidh**
a' cur gath ann an rudeigin.

gathaich *gniomhair*

1 cuir gath ann an rudeigin. 2 **x-**
ghathaich dèan dealbh x-ghatha de
 rudeigin.
gathachadh *f.*

gath-solais *f.*

iol. **gathan-solais**
 gath de sholas.

ge *naisgear*

1 a dh'aindeoin is gu; ged: **ge fada**
an rathad, gabhaidh mi romham; ge
b' iadsan a bha ann. 2 **ge b'** e chan eil
 e gu diosfar: **ge b'** e cò as fheàrr; **ge b'**
e càite an robh iad; ge b' e cò a bha
 ann.

gèadh *f.* agus *b.*

gin. agus *iol.* **geòidh**
 eun mòr air àrach airson uighean
 agus fheòla.

geal *buadhair*

coim. **gile**
 dath a' bhainne; fionn; bànn.

gealach *b.*

gin. **gealaich** *iol.* **gealaichean**
 saideal na talmhainn a dheàlraich-
 eas san adhar air an oidhche.

gealach an abachaидh *b.*

a' ghealach mhòr a chithear aig
 toiseach an fhoghair.

gealagan *f.*

gin. agus *iol.* **gealagain**
 an earrann gheal ann an ugh.

gealaich *gniomhair*

dèan no fàs geal no nas gile.
gealachadh *f.*

gealbhonn *f.*

gin. **gealbhuiinn** *iol.* **gealbhonnán**
 eun beag le mionach bànn air.

geall *f.*

gin. agus *iol.* **gill**
 1 rudeigin a gheallas tu. 2 co-
 chòrdadh gum pàigh thu airgead
 ma bhios tu ceàrr mu dheidhinn
 rudeigin: *chuir e geall gum*
buannaicheadh e san rèis.

geall *gniomhair*

can le cinnt gun dèan thu no nach
 dèan thu rudeigin.
gealltann *f.*

gealladh *f.*

gin. **geallaidh** *iol.* **geallaidhean**
 rudeigin a gheallas tu: *bheir mi*
gealladh dhut nach dèan mi a-rithist
e.

gealladh-pòsaidh *f.*

gin. **geallaidh-pòsaidh** *iol.*
geallaidhean-pòsaidh
 gealladh gum pòs thu cuideigin.

gealltann *f.*

a' dèanamh gealladh.

gealltanach *buadhair*

coim. **gealltanaiche**
 a' coimhead mar gun tachair
 rudeigin air an dòigh as math leat.

geal *sùla* *f.*

roinn gheal na sùla.

gealtach *buadhair*

coim. **gealtaiche**
 gun a bhith gaisgeil no calma;
 buailteach do dh'eagal.
geilt *b.*

gealtaire *f.*

iol. **gealtairean**
 cuideigin nach eil calma no
 gaisgeil; cladhaire.

gèam f.

(no **gèama**)
iol. **gèamannan**
 cluich; gema.

geama f.

iol. **geamannan**, **geamachan**,
geamaichean
 cluich; gèam.

geamair f.

iol. **geamairean**
 cuideigin a dhionas sitheann, gu
 h-àraidh ro phoidsearan.

geamhradh f.

gin. **geamhraidh** *iol.* **geamhraidhean**
 an ràith as fhuaire anns a'
 bhliadhna, eadar am foghar agus
 an t-earrach; *bidh na làithean cho*
goirid sa gheamhradh.

gean f.

gin. **geana**
 mar a tha cuideigin a' faireachd-
 ainn; *tha droch ghean oirre an-*
diugh.

geanm-chnò b.

gin. **geanm-chnotha** *iol.* **geanm-**
chnothan
 1 meas (cnò) den chraoibh-
 gheanmchnò. 2 fiodh den
 chraoibh-gheanmchnò.

geansaidh f.

iol. **geansaidhean**
 ball-aodaich fighte airson an leth
 as uaisle den chorp.

gèar b.

faic glodhar

gearain *gniomhair*

can nach eil thu toilichte le
 rudeigin.

gearan f.**gearanach** *buadhair*

coim. **gearanaiche**
 a bhios a' gearan; buailteach do
 ghearan.

gearastan f.

gin. **gearastain** *iol.* **gearastanan**
 buidheann airm air a suidheachadh
 ann am baile no dùn gus a dhion.

geàrd f.

gin. **geàird** *iol.* **geàrdan**
 freiceadan.

Gemailteach f.

gin. agus *iol.* **Gemailtich**
 neach às a' Gemailt.
Gemailteach *buadhair*

Gemailtis b.

(leis an alt)
 cànan na Gemailt.

geàrr b.

gin. **gearra** *iol.* **gearran**
 beathach mar choineanach mòr;
 maigheach.

geàrr *buadhair*

coim. **giorra**
 goirid.

geàrr *gniomhair*

cleachd sgian, siosar, 7c, gus
 rudeigin a roinneadh; sgath.
gearradh f.

gearradh f.

gin. **gearraigdh**
 1 leòn air a dhèanamh le rudeigin
 geur. 2 a' cleachdadh sgian, siosar,
 7c, gus rudeigin a roinneadh.

gearra-leum *gniomhair*

leum air aon chois.

gearra-leum f.

Gearran f.

(leis an alt)
gin. a' Ghearrain
an dara mios den bhliadhna.

gearrbhall f.

gin. agus iol. gearrbhuill
ainm air eun nach eil tuilleadh ann
am bith; cha b' urrainn don
ghearrball dol air iteig.

geas b.

gin. geasa, geis iol. geasan
1 seun. 2 fo gheasaibh fo bhuaidh
geasa.

geasachd b.

iol. geasachdan
1 an t-eòlas mu gheasan; a'
dèanamh gheasan. 2 geas.

geata f.

iol. geataichean, geatachan
ní a dhùineas agus a dh'fhosglas
ann an gàrradh, feansa, 7c;
cachaileith.

ged a naisgear

a dh'aindeoin is gu; ge: chaidh sinn
a-mach ged a bha e fluch.

ged-tà co-ghniomhair

(no tà)
an dèidh sin; thuirt thu gun dèanadh
tu sin, cha do rinn ged-tà.

ged-thà co-ghniomhair

co-ionann ri ged-tà.

geilb b.

co-ionann ri gilb.

gèile f.

iol. gèilean
gaoth mhòr.

gèill gniomhair

1 sguir a bhith a' sabaid còmhla ri
cuideigin. 2 aontaich.
gèilleadh f.

geimheal f.

gin. geimheil iol. geimhlean
cuibhreach mu adhbrainn ciom-
aich; cuibhreach.

geimhlich gniomhair

cuir geimheal air cuideigin no
ruideigin.

geimhleachadh f.**geir** b.

gin. geire
saill gheal à caoraich no crodh air a'
cleachdadh ann a bhith a'
deasachadh biadh.

geòcach buadhair

coim. geòcaiche
ag ithe cus; craosach.

geòcaire f.

iol. geòcairean
cuideigin a dh'i theas cus; craosaire.
geòcaireachd b.

geodha f. agus b.

iol. geodhachan, geodhaichean
1 tòb cumhang. 2 camas.

geòla b.

gin. geòladh tabh. geòlaidh iol.
geòlachan
seòrsa eathair.

geòlas f.

gin. geòlais
an t-eòlas no an rannsachadh mu
uachdar na talmhainn, mu na
creagan, 7c.

ge-tà co-ghniomhair

faic ged-tà

geug *b.**gin.* **gèige** *iol.* **geugan**

meangan.

geugach *buadhair***geum** *f.**gin.* **geuma, gèime** *iol.* **geuman**
beuc; glaodh.**geum** *gniomhair*

beuc; glaodh mar chrodh.

geumnaich *b.***geur** *buadhair**coim.* **gèire**1 air a bheil faobhar no ceann a
ghearras no a nì tuill; biorach. 2
searbh.**geuradair** *f.**iol.* **geuradairean**innleachd aison nithean a ghearr-
adh; *geuradair pheansail.***geuraich** *gniomhair*

dèan geur; faobharaich.

geurachadh *f.***geur-amhaire** *gniomhair*

geur-choimhead.

geur-amharc *f.***geur-choimhead** *gniomhair*1 coimhead rudeigin gu mion-
aideach. 2 coimhead rudeigin gu
feargach.**geur-choimhead** *f.***geur-chùiseach** *buadhair**coim.* **geur-chùisiche**

carach; glic; eirmseach.

ghan *roimhear leasaichte*airson **dhan****gheat** *b.*

sgoth-long.

gheibh *gniomhair neo-riaghailteach*(agus **gheibheadh**, 7c)

faic fo faigh

gia *clisgear***gia!**, a **ghia!** abairt a sheallas gràin
no mi-thoileachas.**giall** *b.**gin.* **gialla, gèille** *iol.* **giallan**

1 peirceall. 2 giuran.

gibeach *buadhair**coim.* **gibiche**garbh; molach; mì-sgiobalta;
luideach.**gibht** *b.**iol.* **gibhtean**

tiodhlac.

Giblean *f.*

(leis an alt)

gin. a' Ghiblein

an ceathramh mìos den bhliadhna.

Giblinn *b.*

(leis an alt)

gin. na Giblinne

co-ionann ri Giblean.

gidheadh *co-ghniomhair*

an dèidh sin.

gil *b.**gin.* **gile** *iol.* **giléan**lag no clais chumhang air
cliathaich cnuic, 7c.**gilb** *b.**gin.* **gilbe** *iol.* **gilbean**

sgeilb.

gile *b.*

a bhith geal.

gilead *f.**gin.* **gilid**
gile.**gille** *f.**iol.* **gillean**

1 balach. 2 seirbheisach.

gille-brìghde *f.**gin.* **gille-brìghde** *iol.* **gillean-brìghde**
eun-tràghad le itean dubh agus
geal, agus gob dearg air.**gille-bùtha** *f.**iol.* **gillean-bùtha**

fear a bhios ag obair ann am bùth.

gille-cruidh *f.**iol.* **gillean-cruidh**fear a thèid air muin eich timcheall
air tuathanas mòr ann an
Ameireagaidh, a' coimhead an
dèidh cruidh.**gille-cupain** *f.**iol.* **gillean-cupain**gille a bhios a' giùlan cupan do
righ, 7c.**gille-frithealaidh** *f.**iol.* **gillean-frithealaidh**

fear a shritheileas daoine eile.

gin *gniomhair*1 fàs torrach; gabh ri leanabh. 2
beir clann.**gineadh** *f.*, **gineamhainn** *f.***gin** *riochdaир*fear no tè sam bith: *a bheil gin de
bhriosgaidean ann?***gineachas** *f.**gin.* **gineachais**
toiseach.**gineadh** *f.**gin.* **ginidh**1 a' fàs torrach; a' gabhail ri
leanabh. 2 a' breith cloinne.**ginealach** *f.**gin.* agus *iol.* **ginealaich**1 ceum ann an teaghlaich: *bha tri
ginealaichean san taigh: bha a'
chlann, am pàrantan, agus an
seann-phàrantan ann.* 2 sliochd; àl.**gineamhainn** *f.*1 an dualchas a bheir air dithis a
bhith' air an tàladh ri chèile. 2 co-
ghineadh. 3 a' fàs torrach; a' breith
cloinne; a' gineadh.**gineamhainneach** *buadhair,*
gineamhainneachd *b.***ginideach** *buadhair*(gràmar) a sheallas cò no dè a tha a'
seilbheachadh rudeigin; a sheallas
bunadas rudeigin.
faic **tuiseal****ginideach** *f.**gin.* **ginidh**

an tuiseal ginideach.

ginidh *f.**iol.* **ginidhean**bonn airgid Breatainnach air luach
tastan air fhichead, no £1.05.**giobach** *buadhair*faic **gibeach****giadar** *f.**gin.* **giadar**inneir no stuth caithte air a thoirt
air falbh ann an saibhear.**giodhar** *f.**gin.* **giodhair** *iol.* **giodhraicheadan**

sreach de chuibhlichean le fiacan

orra, a bhios ag obair còmhla ann an inneal.

giog gnìomhair

thoir sùil air rudeigin gu luath no gu diomhair.
giogail b., *giogadh f.*

giomach f.

gin. agus *iol.* **giomaich**
maorach mòr le ochd casan agus dàine mhòir air.

gioma-goc f.

(no **gioma-goc-àrd**)
iol. **gioma-gocan**
a bhith nad shuidhe air guailnean cuideigin.

gionach buadhair

coim. **gionaiche**
dealasach; sanntach.

giorna-giùirne b.

iol. **giorna-giùirnean**
sleamhnag bhithiseach.

giorra buadhair

faic fo goirid, geàrr

giorrachadh f.

gin. **giorrachaид**
1 a' déanamh no a' fàs goirid. 2 rudeigin a tha air a dhèanamh goirid: *tha 'm.e.' na ghiorrachadh de 'mar eisimpleir'.*

giorràd f.

gin. **giorràid**
cho goirid no geàrr is a tha rudeigin.

giorràd f.

gin. **giorràid**
a bhith goirid no geàrr.

giorraich gnìomhair

dèan no fàs goirid.
giorrachadh f.

giorraide buadhair

gu bheil thu nas giorra a choinn rudeigin.

giosg f.

iol. **giosgan**

1 an seòrsa fuaim a nì doras rag. 2 am fuaim a nì thu nuair a bhuaileas tu d' fhiacan ri cheile.

giosg gnìomhair

1 dèan fuaim mar a nì doras rag. 2 buail d' fhiacan ri cheile.
giosgail b.

giotàr f.

gin. **giotàir iol.** **giotàran**
inneal-ciùil le teudan a spionas tu led mheòir.

giùlain gnìomhair

1 thoir rudeigin bho aon àite gu àite eile; beir. 2 bi agad còmhla riut: *bha e a' giùlan poca air a dhruim.* 3 dèan rudan air dòigh àraidh; bi modhail: *bha i ga giùlan fhèin cho math is a b' urrainn ahi.*

giùlan f.

giùlan f.

gin. **giùlain iol.** **giùlanan**
1 a' toirt rudeigin bho àite gu àite eile. 2 carbadan, bàtaichean, pléanaichean, 7c. 3 a bhith modhail; a bhith a' déanamh rudan air dòigh àraidh.

giùlanta buadhair

modhail; a' déanamh mar a bu chòir dhut.

giùran f.

gin. **giùrain iol.** **giùranan**

roinn air cliathaich èisg trom bi e a'
leigeil anail.

giuthas f.

gin. giuthais

fiodh den chraoibh-ghiuthais.

glac b.

gin. glaice iol. glacan

1 gleann beag; lag. 2 bas.

glac gnìomhair

1 faigh grèim air rudeigin; bac
rudeigin. 2 bi ann an tide gus bus
no trèana a ghabhail. 3 lorg: *ghlac*
mi e agus è ag ithe nar siùcar. 4 cuir
an sàs.

glacadh f.

glacte buadhair

air a ghlacadh.

glag f.1

gin. glaig

am fuaim a chluinnear nuair a
thuiteas rudeigin; fuaim goirid
cruaidh; brag.

glag f.2

co-ionann ri **clag**.

glagadaich b.

gin. glagadaiche

a' dèanamh fuaim mar għlag.

glagan f.

gin. glagain iol. glaganan

dèideag a bhios a' glagadaich nuair
a chrathas tu i.

glaic b.

co-ionann ri **glac**

glainne b.

iol. glainneachan

1 stuth cruaidh brisg a bhios mar as
trice trìd-shoilleir: *cleachdar*

glainne airson uinneagan, sgàth-
anan, 7c, a dhèanamh. 2 cupa no
muga air a dhèanamh às an stuth
seo. 3 glainnichean speucliffean.

glais gnìomhair

ceangail, dùin, 7c, rudeigin le glas.
glasadh f.

glaisean f.

gin. glaisein iol. glaiseanan

eun beag le gob beag stobach air.

glaiste buadhair

air a għlasadh.

glamh gnìomhair

bid gu h-obann agus gu luath.

glamhadh f.

glamradh f.

gin. glamraiddh iol. glamraighean
inneachd airson rudeigin a
chumail na àite fħad is a bhios tu ag
obair air; teanchair.

glan buadhair

coim. glaine

1 gun a bhith salach. 2 ùr; gun a
bhith air a chleachdad. 3 (neo-
fhoirmeil) math dha-riribh.

glan gnìomhair

dèan glan.

glanadh f.

glaodh f.1

gin. glaoiħd iol. glaodhan

éigh; gaírm.

glaodh f.2

gin. glaoiħd iol. glaodhan

lionn tiugh airson nithean a
cheangal còmha.

glaodhach buadhair

glaodh gniomhair¹**glaodh gniomhair¹**

éigh; gairm.

glaodhach f., glaodhaich f.**glaodh gniomhair²**

ceangal nithean còmhla le glaodh.

glaodhadh f.**glaodhach f.****gin. glaodhaich**

ag éigheach.

glaodhadh f.**gin. glaodhaidh**a' ceangal nithean còmhla le
glaodh.**glaodhaich f.**

a' glaodhach.

glaodhan f.**gin. glaodhain**stuth tais glaodhach air a
dhèanamh, mar eisimpleir, le bhith
a' measgachadh min-fhlùir agus
uisge còmhla; taois.**glaodhraich b.**

a' glaodhach; ag éigheach.

glaovic b.**gin. glaoice iol. glaoicean**

amadan; òinseach.

glas b.**gin. glaise iol. glasan**1 ceangal a thèid fhosgladh le
iuchair. 2 earrann canàil eadar
cachaileithean far an tèid
bàtaichean àrdachadh no isleach-
adh gu ire eadar-dhealaichte.**glas buadhair****coim. glaise**1 dath soilleir, eadar dubh agus
geal. 2 uaine.**glaise b.****glas gniomhair**

co-ionann ri glais.

glasadh f.**glas- ro-leasachan**soilleir: *glas-liath*.**glasach f.****gin. glasaich iol. glasaichean**àite glas feurach, gu tric ri taobh
aibhne.**glasadh f.****gin. glasaidh**a' ceangal, a' dùnadh, 7c, rudeigin
le glas.**glas-làmh b.****gin. glais-làmh iol. glasan-làmh**1 innleachd mheatailt mar chearc-
all airson caol an dùirn a cheangal.
2 càraid dhiubh seo a cheanglas na
làmhan ri chèile.**glasraich b.**luibh no luibhean a ghabhas
cleachdadhbh mar bhiadh.**glè co-ghniomhair**fior; ro; sàr: *tha an teine glè theth*.**gleac f.****gin. gleaca**1 a bhith a' déanamh stri; spàirn. 2
a' stri ri cuideigin agus a' feuchainn
ri thoirt gu lär.**gleac gniomhair**1 déan stri. 2 déan stri ri cuideigin
agus feuch ri thoirt gu lär.**gleacadh f.****gleacadar f.****iol. gleacadairean**

cuideigin a bhios a' gleacadh.

gleann f.

gin. glinn iol. glinn, gleanntan
talamh iosal eadar cnuic; dail.

gleans f.

gin. gleansa iol. gleasan
loinne.
gleansach buadhair

gléidh *gniomhair*

cùm.

gleidheadh f.

gléidhete *buadhair*
air a ghleidheadh.

gléidheteachas f.

gin. gléidheteachais
a' gleidheadh nithean.

gleoc f.

gin. gleoca iol. gleocaichean
uaireadair mòr.

gleus f. agus b.

gin. gleusa, gleòis iol. gleusan, gleòis
1 cor; òrdugh; gniomh. 2 dòigh air
an déanar rudeigin. 3 (ceòl) sreach
de phongan ciùil a thèid suas no
sios air dòigh suidhichte. 4 air
ghleus deasachte; an òrdugh;
(ceòl) aig an àirde cheirt: *cuir a'*
chlàrsach air ghleus!

gleus *gniomhair*

1 deasach; càraich. 2 déan
cinnteach gu bheil rudeigin ag
obair ceart, agus glan e: *tha*
cuideigin a' tighinn a ghleusadh an
inneil-nighe feasgar. 3 cuir inneal-
ciùil air ghleus.

gleusadh f.

gleusta *buadhair*

1 deasachte; air ghleus. 2 ealanta;
tapaidh; geur-chùiseach; seòlta. 3
èasgaidh; dicheallach.

glic *buadhair**coim. glice*

1 aig a bheil fios air mòran; a
thuigeas mòran. 2 cùramach;
ciallach.

gliocas f.

gin. gliocas
a bhith glic.

gliog f.

gin. glioga iol. gliogan
1 fuaim a nì uisge nuair a thuiteas e
na bhoinnean. 2 gliong.

gliong f.

gin. glionga iol. gliongan
fuaim aotrom a chluinnear nuair a
bhuaileas glainne ri glainne,
meatailt ri meatailt, 7c.
gliongach buadhair

gliongar f.

gin. gliongair iol. gliongaran
co-ionann ri gliong.

gliongarsaich b.

a' glionartaich.

gliongartaich f.

a' déanamh ghliong.

gloc *gniomhair*

1 déan fuaim mar chirc. 2 sluig gu
sannitach.

glocail b.

glogadaich b.

co-ionann ri glagadaich.

gloine b.

faic glainne

glòir b.

cliù agus urram.

glòirich *gniomhair*

co-ionann ri glòraich.
glòireachadh f.

glòir-mhiann *f.* agus *b.*

gin. *glòir-mhianna*
rudeigin as toigh leat a dhèanamh
gu mòr; miann làidir gus rudeigin
àraidh a dhèanamh.
glòir-mhiannach buadhair

glòraich *gniomhair*

mol cuideigin no rudeigin gu mòr.
glòrachadh f.

glòrmhor *buadhair*

coim. *glòrmhoire*
aig a bheil glòir; làn glòir.

gluais *gniomhair*

1 rach no cuir rudeigin bho aon àite
gu àite eile; caraich: *ghluais e an dealbh gu ceann eile a' bhalla; gluais thu fhèin!* 2 **gluais romhad** rach air
adhart; triall: *ghluais sinn romhainn gu mullach na beinne.* 3 brosnaich;
thoir buaidh air: *chaidh a ghluasad leis cho àlainn is a bha a h-aghaidh.*
gluasad f., *gluasachd b.*

gluasachd *b.*

gluasad.

gluasad *f.*

gin. *gluasaid iol.* *gluasadan*
1 an gniomh a nì thu nuair a
ghluaiseas tu; a' carachadh. 2
brosnachadh.

gluasadach *buadhair*

coim. *gluasadaiche*
1 a għluiseas. 2 a bheir ort a bhith
ēasgaidh; a bheir ort faireachdainn
lāidir; brosnachail.

glugan *f.*

gin. *glugain*
am fuaim a nì builgeanan.

glumag *b.*

gin. *glumaig iol.* *glumagan*
lòn beag uisge.

glùn *b.*

(no *glùin*)
gin. *glùin iol.* *glùinean, glùintean*
an t-alt am meadhan na coise.

glung *b.*

faic *gliong*

glupa *f.*

iol. *glupaichean*
toll san talamh, mar as trice os
cionn uillt a ruitheas fon uachdar.

gnàth *f.*

gin. *gnàtha* *iol.* *gnàthan,*
gnàthannan
1 nòs; àbhaist; cleachdad. 2 a
gnàth an-còmhnaidh.

gnàthach *buadhair*

coim. *gnàthache*
àbhaisteach; cumanta.

gnè *b.*

1 seòrsa. 2 nàdar. 3 siol. 4 (gràmar)
an còmhlain san cuirear ainmear no
riochdair ann an cuid de chànan:
tha dà ghnè sa Ghàidhlig, boireann agus fireann.

gniomh *f.*

iol. *gniomhan, gniomharan*
1 rudeigin a nì thu; rudeigin air a
dhèanamh. 2 rudeigin sònraichte a
ní cuideigin: *droch ghniomh.*

gniomhach *buadhair*

coim. *gniomhaiche*
1 dicheallach; déanadach. 2

èasgaidh.

gniomhachd b.

gniomhachas f.

gin. gniomhachais

1 bùth no buidheann. 2 reic is ceannach. 3 cuis; gnothach. 4 déanadas.

gniomhair f.

iol. gniomhairean

(gràmar) falac a dh'innseas dè a tha cuideigin no rudeigin a' déanamh, a' faireachdainn, 7c: *se gniomhairean a tha ann am facail mar 'ceannaich', 'ith', 'snàmh', agus 'suidh'*.

gniomhaireach *buadhair*

gnog *gniomhair*

buail leis an làimh no le na rùdan: *ghnog e an doras*.

gnogadh f.

gnòsadaich b.

a' gnòsail.

gnòsail b.

fuaim mar a nì muc; a' déanamh fuaim mar mhuic.

gnothach f.

(no gnothaich)

gin. gnothaich iol. gnothaichean

1 obair; malairt: *bha an gnothach aige ann an Inbhir Nis*. 2 cuis: *nì seo an gnothach*. 3 rudeigin a tha cudthromach do dhuine: *chan e seo do ghnothach-sa!* 4 **gabh** gnothach ri gabh páirt ann: *cha ghabh mi gnothach ri sin*. 5 a dh'aon **ghnothach** a dh'aon rùn.

gnù *buadhair*

mùgach.

gnùis b.

gin. gnùise iol. gnùisean

aghaidh cuideigin; fiamb; dreach.

gnùsadaich b.

co-ionann ri **gnùsadaich**.

gnùstaich b.

faic **gnùsadaich**

gob f.

gin. agus iol. guib

1 an earrann chruaidh adharcach de bheul eòin. 2 (neo-shoirmeil) beul. 3 roinn thoisich rudeigin: *gob an rubha*.

gobach *buadhair*

gobachadh f.

airson **gobachadh**

faic **bogaich**²

gobha f.

gin. gobhann tabh. gobhainn iol.

goibhnean

cuideigin a nì agus a chàraicheas nithean air an déanamh à iarann; cuideigin a nì brògan-eich.

gobhainn f.

co-ionann ri **gobha**.

gobhal f.

gin. gobhail, goibhle iol. goibhlean

1 an uilinn no an oisinn far an coinnich na casan ris a' bhodhaig. 2 rudeigin air a chumadh mar seo.

gobhar f. agus b.

gin. goibhre, gobhair iol. goibhrean,

gobhair

beathach beag adharcach air a ghleidheadh airson a bhainne agus sheòla.

gobhlag b.¹

gin. gobhlaig *iol.* gobhlagan
innleachd le dà bhior agus cois
fhada oirre, airson tràthach, 7c, a
thogail.

gobhlag b.²

gin. gobhlaig *iol.* gobhlagan
fiolan-gobhlach.

gobhlan-gainmhich f.

gin. gobhlain-ghainmhich *iol.*
gobhlanan-gainmhich
eun beag a tha dubh agus geal.

goc f.¹

gin. goca *iol.* gocan
càrn feòir, 7c; cruach bheag.

goc f.²

gin. goca *iol.* gocan, gocaichean
innleachd airson sruthadh uisge no
gas a leigeil no a chasgadh; tap.

gocan f.

gin. gocain *iol.* gocanan
seòrsa de dh'eun beag.

gog f.

an seòrsa fuaim a nì cearc.

gogail b.

a' déanamh fuaim mar chirc.

goibhre f. agus b.

faic fo gobhar

goid gniomhair

falbh le rudeigin gun chead.
goid b.

goil gniomhair

déan uisge no lionn cho teth gus an
tig builgeanan air.

goil b.

goile b.

iol. goilean, goileachan
stamag; cail.

goileach buadhair

coim. goiliche
a tha a' goil.

goilf f.

cluich sam bi thu a' bualadh bàlla
beag le caman a-steach ann an
sreach de thuill bheaga.

goireas f.

gin. goireis *iol.* goireasan
1 rudeigin a ghabhas cleachdad
agus a tha cuideachail no
taitneach. 2 na goireasan an taigh-
beag. 3 uidheam. 4 àirneis.

goireasach buadhair

coim. goireasaiche
furasta a chleachdad no a
ruiginn.

goirid buadhair

coim. giorra
1 gun a bhith fada; geàrr;
aithghearr: ùine goirid. 2 gun a
bhith àrd: duine goirid.

goirid co-ghniomhair

ann an ùine goirid.

goiriola f.

iol. goiriolathan
apa Afraganach a tha mòr agus
làidir.

goirmean-searradh f.

gin. goirmein-shearradh
flùr gàrraidh beag dathach.

goirt b.

co-ionann ri gort.

goirt *buadhair**coim.* **goirte**

pianail; cràiteach.

goirteas *f.***goirtich** *gniomhair*

dèan goirt; ciùrr.

goirteachadh *f.***goistidh** *f.**iol.* **goistidhean**1 cuideigin a bheir airgead no
cuideachadh airson duine no nì: *cò*
goistidh a' Mhòid Nàiseanta am-
bliadhna? 2 cuideigin a bhios a'
bruidhinn mòran mu dhaoine eile.**golf** *f.***faic goiff****gòrach** *buadhair**coim.* **gòraiche**

baoghalta; amaideach.

gòrachd *b.***gòraiche** *b.*

a bhith gòrach.

gorm *buadhair**coim.* **guirme**1 dath an adhair air là brèagha. 2
uaine: *tha am feur a' fàs gorm.* 3
simplidh.**gorm** *f.***gort** *b.**gin.* **gorta**

dìth mhòr bìdh.

grab *gniomhair*

bac.

grabadh *f.***gràbhail** *gniomhair*snaigh loidhnichean, facail, 7c, air
uachdar cruaidh.**gràbhal** *f.***grad** *buadhair**coim.* **grайде**1 air a dhéanamh no a' tachairt gu
luath agus gun dùil; clis: *fuaim*
grad. 2 ealamh; luath.**gradag** *b.***gràdh** *f.**gin.* **gràidh**gaol: *a bheil gràdh agad dhà?***gràdhach** *buadhair***gràdhaich** *gniomhair*

thoir gràdh do chuideigin.

gràdhachadh *f.***gràdhmhòr** *buadhair**coim.* **gràdhmhoire**

làn gràidh; le gràdh; gràdhach.

graf *f.**gin.* **grafa** *iol.* **grafaichean**dealbh-chumadh a sheallas mar a
tha dà mheud co-cheangailte ri
chèle.**gràg** *f.**gin.* **gràig** *iol.* **gràgan**

fuaim mar a nì losgann no feannag.

gràgail *b.*a' déanamh fuaim mar losgann no
mar fheannaig.**gràin** *b.**gin.* **gràime**a' smaoineachadh gu bheil rud-
eigin glè ghrànda no neo-
thaitneach; fuath: *bha gràin agam*
*air.***gràineag** *b.**gin.* **gràineig** *iol.* **gràineagan**beathach beag air a chòmh-
dachadh le gathan biorach.

gràineil *buadhair*

coim. gràineile
1 làn gràin. **2** grànda.
 gràinealachd *b.*

gràinich *gniomhair*

gabha gràin; fuathaich.
gràimeachadh *f.*

gràinne b.

iol. gràinnean
 aon phios de ghràn; aon phios de shiòl.

gràinnean f.

gin. gràinnein *iol.* gràinneanan
 mìr; bìdeag; aon phios de rudeigin:
 gràinnean siùcair; gràinnean
 gainmhich.

gràisg b.

gin. gràisge *iol.* gràisgean
 còmhlan de dhaoine a tha suarach
 no cunnartach.

gram f.

gin. grama *iol.* graman
 aonad tomhais co-ionann ris a'
 mhileamh cuid de chileagram.

gràmar f.

gin. gràmair
 riaghailtean airson facail a
 chleachdadh.
gràmarach *buadhair*

gràin f.

gin. agus *iol.* gràin
1 feur a chleachdar a shiòl mar
 bhiadh: 's e gràin a tha ann an
 coirce, cruthneachd, eòrna, 7c. **2**
 siol den sheur seo. **3** biadh air a
 dhèanamh às an t-siol seo, a
 dh'ithear mar as trice gu bracaist.

granaidh *b.*

iol. granaidhean
 seanmhair.

grànda *buadhair*

coim. gràinde
1 gun a bhith brèagha no
 eireachdail; neo-thaitneach a
 choimhead. **2** glè neo-thaitneach;
 gràineil.

grannda *buadhair*

faic grànda.

gràpa f.

iol. gràpan
 innleachd le bioran meatailt agus
 cois fhada oirre, airson buntàta,
 gual, 7c, a thogail.

gràs f.

gin. gràis *iol.* gràsan
1 àlainneachd. **2** deagh-thoil. **3**
 fàbhar.

gràsmhor *buadhair*

coim. gràsmhoire
 aig a bheil gràs; làn gràis.
gràsmhorachd *b.*

greadhnach *buadhair*

coim. greadhnaiche
 àlainn; òirdheirc.

greallach b.

gin. greallaiche
 caolan.

greannach *buadhair*

coim. greannaiche
1 garbh; fiadhaich. **2** diombach;
 gruamach; crosta. **3** suarach.

greannaich *gniomhair*

1 déan sgraing seach gu bheil thu
 feargach no iomagaineach. **2** cuir

dragh air cuideigin; buair. 3 fàs
gruamach.
greannachadh *f.*

greannmhор buadhair
coim. **greannmhoire**
éibhinn.
greannmhорachd *b.*

greas *gniomhair*
1 dèan nas luaithe; dèan cabhag:
greas ort! 2 thoir air cuideigin no
rudeigin dol air adhart no gluasad.
greasad *f.*, **greastainn** *f.*, **greasadh** *f.*

gréasaiche *f.*
faic greusaiche

greastainn *f.*
a' greasadh.

grèata *f.*
iol. grèataichean
cèis mheatailt a chuirear thairis air
fosgladh, no a chumas connadh
ann an teine; cliath.

greideal *b.*
gin. greideil, greidealach iol.
greidealan
lann mheatailt a chleachdar airson
bonnach, 7c, a bhruch.

grèidh *gniomhair*
bruich rudeigin le bhith ga
theasachadh air beulaibh teine no
fo ghrios: *a' grèidheadh tost.*
grèidheadh *f.*

greigh *b.*
gin. greighe iol. greighean
còmhlan de bheathaichean, gu
h-àraidh de dh'eich.

grèim *f.*
gin. greime iol. greimean,
greimeannan

1 a' beirtinn air rudeigin led làimh.
2 bid. 3 **grèim bìdh** blasad bìdh;
diathad.

greimich *gniomhair*
1 faigh grèim air rudeigin. 2
ceangail.
greimeachadh *f.*

greimire *f.*
iol. greimirean
inneachd bheag le bioran oirre
airson criomagan bìdh a thogail;
forc.

greis *b.*
gin. greise
1 cuairt ùine. 2 ùine ghoirid.

grèis *b.*
gin. grèise
aodach no clò air a sgeadachadh le
pàtranan no dealbhan fuaithe.

greiseag *b.*
gin. greiseig
ùine glè bheag; greis bheag; *chì mi*
ann an greiseig thu.

Greugach *f.*
gin. agus iol. Greugaich
neach às a' Ghrèig.
Greugach buadhair

Greugais *b.*
(*leis an alt*)
cànan na Grèig.

greusaiche *f.*
iol. greusaichean
cuideigin a chàraicheas brògan.

grian *b.*
gin. grèine iol. grianan
1 an reul às am bi an talamh a'
faighinn solas agus blàths. 2 solas
agus blàths bhon ghrèin. 3 èirigh na

grèine an t-àm nuair a dh'èireas a'
ghrian air a' mhadainn. **4 laighe na**
grèine an t-àm nuair a thèid a'
ghrian sios agus a dh'fhàsas e
dorch. **4 dol fodha na grèine** laighe
na grèine.
grianach buadhair

grinn buadhair

coim. **grinne**
1 brèaga; gasta. 2 eireachdail. 3
ceart.

grinneal f.

gin. **grinnejil**
morghan.

grinneas f.

gin. **grinneis**
a bhith grinn.

grìob f.

(no **grioba**)
iol. **grionban**
creag chas; bearradh.

grìogag b.

gin. **grìogsig** *iol.* **grìogagan**
pios beag tollta de stuth cruaidh,
air a chur air snàthainn, uèir, 7c,
airson ball-maise a dhèanamh.

Grioglachan f.

(*leis an alt*)
gin. **Grioglachain**
ainm reul-bhaid.

Griomasach f.

gin. agus *iol.* **Griomasach**
neach à Griomasagh.
Griomasach buadhair

grìos f.

gin. **griosa** *iol.* **griosachan**
innleachd airson biadh a
ghriosachadh.

grìosaich *gniomhair*

bruich rudeigin os cionn no fo
lasair no theas.
grìosachadh f.

griùlach b.

(*leis an alt*)

gin. **griùlaich**
tinneas gabhaltach san nochd buill
bheaga dhearga air a' chraiceann.

griùrach b.

(*leis an alt*)

gin. **griùraich**
co-ionann ri **griùlach**.

griùthach b.

(*leis an alt*)

gin. **griùthaich**
co-ionann ri **griùlach**.

griùthlach b.

faic **griùlach**

griùthrach b.

faic **griùrach**

gròban f.

gin. **gròbain**
luibh dubh-ghlas le boladh làidir
dheth.

grod buadhair

coim. **groda**, **groide**
lobhte.

grod *gniomhair*

lobh.
grodadh f.

gròiseid b.

gin. **gròiseide** *iol.* **gròiseidean**
meas beag uaine a dh'fhàsas air
preas gathach.

grossair f.

iol. **grossairean**

cuideigin aig a bheil bùth a reiceas
biadh, deoch, agus bathar eile dhan
taigh.
grosaireachd b.

gruag b.

gin. **gruaig iol.** **gruagan**
1 falt a' chinn. 2 còmhach de
dh'fhalt bréige airson a' chinn;
piorbhaig.

gruagach b.

gin. **gruagaiche iol.** **gruagaichean**
maighdeann.

gruagaire f.

iol. **gruagairean**
cuideigin a bhios an dreuchd aige ri
falt a ghearradh agus a
rèiteachadh.
gruagaireachd b.

gruaidh b.

gin. **gruaidhe iol.** **gruaidhean**
taobh na h-aghaidhe fon t-sùil: *mo*
dà ghruaidh.

gruaim b.

gin. **gruame**
1 a bhith gruamach. 2 a' preasad
craiceann do mhaoil a chionn is gu
bheil dragh ort no gu bheil thu
feargach, mi-thoilichte, 7c.

gruamach buadhair

coim. **gruamaiche**
brònach; iosal; mi-shona.

grùdadhbh f.

gin. **grùdaidh**
a' brachadh.

grùdaireachd b.

a' togail leann.
grùdaire f.

grùid b.

gin. **grùide**
criomagan a chì thu aig bonn
lionna.

grunn f.

gin. **gruinn**
sluagh; còmhlann; grunnan.

grunnaich gnìomhair

co-ionann ri **grunndaich.**
grunnachadh f.

grunnan f.

gin. **grunnain iol.** **grunnanan**
1 sreath rudan; beagan. 2 còmhlann.

grunnd f.

gin. **gruinnd,** **grunnda iol.** **grunndan**
iochdar; bonn: *grunnd na mara.*

grunndaich gnìomhair

1 feuch cho domhainn is a tha
uisge. 2 coisich tro uisce.
grunndachadh f.

grùnsgal f.

gin. **grùnsail**
fuaim domhainn garbh; dranndan.

gruth f.

gin. **grutha**
biadh tiugh a gheibhear nuair a
bhinnndicheas bainne.
gruthach buadhair

grùthan f.

gin. **grùthain iol.** **grùthanan**
adha beathaich.

gu *mion-fhacal co-ghniomhaireil*
air a chur ro bhuadhairean agus
ainmearan gus co-ghniomhairean
a dhèanamh: *a bheil thu gu math?*;
gu h-obann.

gu dè

airson ciod e

gu dearbh *co-ghniomhair*

gu fior; gu deimhinn.

gu deimhinn *co-ghniomhair*

gu fior; gu dearbh.

guga *f.**iol.* **gugaichean**

1 sùlaire. 2 sùlaire òg.

guidh *gniomhair*

1 iarr gu cudthromach no gu h-èiginneach. 2 déan ùrnaigh.

guidhe *f.* agus *b.***guil** *gniomhair*leag déòir a-mach às do shùilean.
gul *f.***guilbneach** *f.**gin.* agus *iol.* **guilbnich**
eun a bhios a' suireach faisg air a'
chladach no air a' mhachair.**guin** *f.**iol.* **guinean**1 roinn ainmhidh no luibhe as
urrainn do leòn. 2 leòn pianail air a'
thoirt dhut le ainmhidh no luibh.**guin** *gniomhair*goirtich cuideigin le guin: *chaidh*
*mo ghuineadh le seillean.***guineadh** *f.***guineach** *buadhair**coim.* **guinicé**

1 a ghuineas. 2 nimheil. 3 feargach.

guineil *buadhair**coim.* **guineile**

1 guineach. 2 gathach.

guir *gniomhair*1 suidh air uighean gus an tig na
h-iseanan a-mach asta. 2 bris a-
mach à ugh.**gur** *f.***guirean** *f.**gin.* **guirein** *iol.* **guireanan**
atadh beag cruinn air a'
chraiceann.**guireananach** *buadhair***guirmean** *f.**gin.* **guirmein**
stuth gorm a chleachdar gus
aodach, 7c, a dhathadh.**guirmeanach** *buadhair**coim.* **guirmeanaiche**
air dath a' ghuirmein; gorm-liath.**guirmean an fhraoch** *f.*

luibh air a bheil blàthán gorm.

gul *f.**gin.* **guil**
a' leigeil deòir a-mach às do
shùilean.**gu lèir** *co-ghniomhair*

air fad; gu h-iomlan.

gu leòr *co-ghniomhair*faic fo **leòr****gu leth** *abairt buadhaireach*agus leth: *dusan gu leth* dusan agus
leth dusan; *tri gu leth.***gum** *naisgear*¹faic fo **gu****gum** *naisgear*²faic fo **gu (a)**

gum *roimhear leasaichte*
faic fo **gu¹**

1 a' suidhe air uighean gus an tig na h-iseanan a-mach asta. 2 a' briseadh a-mach à ugh.

guma *naisgear leasaichte*
faic fo **gu**

gur *naisgear leasaichte*
faic fo **gu**

gùn *f.*
gin. guin iol. guintean
ball-aodaich fada sruthach, gu h-àraidh airson bhoireannach.

gur *roimhear leasaichte¹*
faic fo **a¹**

gun *naisgear¹*
faic fo **gu**

gur *roimhear leasaichte²*
faic fo **a'**

gun *naisgear²*
faic fo **gu (a)**

gur *roimhear leasaichte³*
faic fo **gu¹**

gun *roimhear (+ bun.)*
gun a bhith ann, gun a bhith agad;
às aonais; a dhith: *gabhaidh e teatha gun bhainne gun siúcar; thuirt e rium gun a bhith fada.*

gurraban *f.*
gin. gurrabain
a' crùbadh.

gun roimhear leasaichte
faic fo **gu¹**

gu ruige *roimhear (+ bun.)*
gu, suas gu: *choisich iad gu ruige am baile; gu ruige an Nollaig.*

gun fhios nach naisgear
(no **gun fhiost nach**)
an dùil gum faod rudeigin tachairt:
cuiridh mi còta orm gun fhios nach bi mi fuar.

gus *roimhear¹*
(no **gu**)
(le ainmear gniomhaireach)
1 a chum is gu: *chaidh e do na buithtean gus brògan a cheannach.* 2 a bhith a' déanamh rudeigin an-ceartuair: *tha mi gu falbh an-dràsta.*

gunna *f.*
iol. gunnaichean
1 ball-airm a thilgeas peilearan no sligean à piob mheatail. 2 **gunna fada** ainm air a' mheur as sfaide.

gus *roimhear²*
faic fo **gu¹**

gùn-oidhche *f.*
gin. guin-oidhche iol. guintean-oidhche
seòrsa dreasa air a caitheamh anns an leabaidh.

gus (a) *naisgear*
(cumaidhean **gus am**, **gus an**, àicheil **gus nach**)
1 a chum is gu; a' toirt gu buil: *falbhaidh mi an-dràsta gus nach bi mi annoch.* 2 suas gu uair shònraichte: *fuirich anns an leabaidh gus an tig mi fhìn suas!*

gur *f.*
gin. guir

gu-tà *co-ghniomhair*
faic **ged-tà**

guth f.*gin.* **gutha** *iol.* **guthan**

1 fuaim bruidhinn no seinn. 2
comas bruidhinn no seinn: *chaill e a ghuth.* 3 falac; naidheachd: *an cuala tu guth ma dheidhinn?*

H

h [hēis]

an ochdamh litir san aibidil.

hàidraidean f.*gin.* **hàidraidein**gas glè aotrom, gun dath gun
bhlas.**halò** *clisgear*falac a chleachdar gus fàilte a chur
air cuideigin.**hamstair** f.*iol.* **hamstairean**

beathach beag le bian donn air.

heactair f.*iol.* **heactairean**tomhas talmhainn co-ionann ri
10,000 meatair ceàrnach, no
timcheall air $2\frac{1}{2}$ de dh'acraichean.**Hearach** f.*gin.* **agus iol.** **Hearach**

neach às na Hearadh.

Hearach buadhair**heileacoptar** f.(no **heileacoptair**)*gin.* **heileacoptair** *iol.***heileacoptaran**seòrsa carbaid-adhair air iomain le
propailear còmhnràid.**Hiortach** f.*gin.* **agus iol.** **Hiortaich**

neach à Hiort.

Hiortach buadhair**hogaidh** f.

cromanachd.

hoigh *clisgear*falac a chleachdar gus am
mothaich duine thu.**huist** *gniomhair easbhaidheach*

co-ionann ri ist.

I

i [i]

an naoidheamh litir san aibidil.

i(se) *riochdair*

(làidir i)

an tè air am bi duine a' bruidhinn:
ciamar a tha i an-diugh?; *an ise an*
tidsear?; *rinn i gàire, is i a' toirt sùil*
*air an dealbh-èibhinn.***iad(san)** *riochdair*na daoine no nithean air am bi
cuideigin a' bruidhinn; na daoine
no na nithean sin: *tha iad glè*
bhrèagha, nach eil?; *chunnaic mi iad*
*nuair a bha iad a' bruidhinn ri chèile.***iadh** *gniomhair*

faic iath

iadhadh f.**iadhaire** f.

faic iathaire

iadh-shlat b.

faic iath-shlat

iall *b.*

gin. èille *iol.* iallan
stiall tana de leathair no stuth eile.

ialtag *b.*

gin. ialtaig *iol.* ialtagan
beathach a bhios ag itealachadh,
coltach ri luch le sgiathan oirre.

iar *ainmear*

an t-àite san laigh a' ghrian: a'
fuireach san iar; a' dol an iar/ chun
an iar; a' tighinn on iar/ às an iar;
tha an taigh aige an iar air a' bhaile;
an taobh an iar/ an taobh siar.

iarann *f.*

gin. iarainn *iol.* iarannan
1 meatailt làidir agus trom. 2
innleachd a nithear teth airson
aodach a dhèanamh mìn. 3 lann
buill-airm.

iar-fhacal *f.*

gin. iar-fhacail *iol.* iar-fhacail, iar-
fhaclan
facail air an sgriobhadh no air an
labhairt aig deireadh rudeigin.

iargalt *buadhair*

(no iargalta)
coim. iargalte
gruamach agus crosta.

iarla *f.*

iol. iarlan
seòrsa uachdarain.
iarlachd *b.*

iar-leasachan *f.*

gin. agus *iol.* iar-leasachain
mion-fhacal a thèid aig deireadh
facail: 's e iar-leasachain a tha ann
an '-an' agus '-ag' a nochdas anns na
facail 'balachan' agus 'nionag'.

iarmailt *b.*

iol. iarmailtean
na speuran.

iarnaich *gniomhair*

co-ionann ri iarnaig.
iarnachadh *f.*

iarnaig *gniomhair*

dèan aodach mìn le iarann.
iarnaigeadh *f.*

iar-ogha *f.*

iol. iar-oghaichean, iar-oghachan
pàiste dhad ogha.

iar *gniomhair*

1 bruidhinn gus am faigh thu
rudeigin: dh'iar mi bainne sa
bhùth. 2 bi airson; lorg: dè a tha thu
ag iarraidh?; a bheil thu ag iarraidh
orm sin a dhèanamh? 3 rach agus
faigh: tha mi a' dol a dh'iarraidh a'
phàipeir-naidheachd.
iarraidh *f.*

iarratas *f.*

co-ionann ri iarrtas.

iarrtas *f.*

gin. iarrtais *iol.* iarrtasan
1 a bhith ag iarraidh rudeigin. 2 na
dh'iarras tu.

iasad *f.*

gin. iasad *iol.* iasadán
a' toirt rudeigin do chuideigin
airson ùine goirid: gheibh thu
leabhraichean air iasad às an
leabhar-lainn.

iasg *f.*

gin. agus *iol.* èisg
beathach a bhios a' còmhnaidh
ann an uisce.

iasgach f.*gin.* **iasgaich**

a' feuchainn ri iasg a ghlacadh.

iasgachadh f.*gin.* **iasgachaidh**

ag iasgach.

iasgachd b.

ag iasgach.

iasgaich *gniomhair*

feuch ri iasg a ghlacadh.

iasgach f., **iasgachd** b., **iasgachadh** f.**iasgair** f.*iol.* **iasgairean**

cuideigin a bhios ag iasgach.

iasg-locha f.*gin.* agus *iol.* **èisg-locha**

iasg a bhios beò ann an uisge neo-shaillte.

iasg-mara f.*gin.* agus *iol.* **èisg-mhara**

iasg a bhios beò sa mhuir.

iath *gniomhair*1 cuartaich. 2 **iath an glacaibh** cuir do ghàirdeanan timcheall air cuideigin.**iathadh** f.**iathaile** f.*iol.* **iathailean**

uèir, slat, 7c, airson tuinn rèidio no telebhisein a ghabhail no a chraobh-sgaoileadh.

iath-shlat b.*gin.* **iath-shlait**

luibh le blàthan cùbhraiddh air, a bhios a' dìreadh.

idir *co-ghniomhair*

air dòigh sam bith; uair sam bith:

*cha b' urrainn dhomh sin a dhèanamh idir; bha an t-uisge ann fad an latha, agus cha d'shuair mi amach às an taigh idir.***ifrinn** b.*iol.* **ifrinnean**

1 àite san sailear gun tèid droch dhaoine a pheanasachadh an déidh dhaibh bàsachadh; iutharn. 2 àite glè neo-thaitneach.

ighne b.faic fo **nighean****illeach** f.*gin.* agus *iol.* **Illich**

neach à Ile.

illeach buadhair**im** f.*gin.* **ime**

biadh buidhe air a dhèanamh à barr a' bhanne.

imcheist b.*iol.* **imcheisteann**1 ceist dhuilich; töimhseachan. 2 teagamh; *tha mi fo imcheist mu dheidhinn sin.***imcheisteach buadhair****imeachd** b.

a' falbh; a' triall.

imich *gniomhair*

falbh; triall.

imeachd b.**imlich** b.*gin.* **imliche**

a' gluasad do theanga air rudeigin.

imlich *gniomhair*

gluais do theanga air rudeigin.

imlich b.

ìmpidh b.

gin. **ìmpidhe** *iol.* **ìmpidhean**
earalachadh.

imrich b.

gin. **imriche** *iol.* **imrichean**
1' toirt rudan leat, gu h-àraidh
àirneis taighe, gu àite eile: *cùine a*
bhios sibh a' dèanamh **imrich?**; air a'
Ghaidhealtachd bhiodh iad a'
dèanamh **imrich chun nan àirighean**
a h-uile bliadhna aig toiseach an
t-samhraidh.

inbhe b.

iol. **inbhean**

1 àite no suidheachadh ann an
sreach de dhaoine no nithean; ire;
cor. 2 a bhith inbheach.

inbheach buadhair

coim. **inbhiche**

1 aig làn fhàs. 2 àrd; uasal;
adhartach.
inbheachd b.

inbheach f.

gin. agus *iol.* **inbhich**
cuideigin aig làn fhàs.

inbhír f.

iol. **inbhirean**

àite san tèid dà uisge (abhairinn, allt,
loch, 7c) a-steach do chèile.

inc f.

dubh.

ìne b.

iol. **ìmean**

1 an còmhdaich cruaidh air ceann
corraig. 2 tè de na h-ìnean cruaidh
geur a tha aig cuid de
dh'ainmhidhean air an casan. 3
spuir.

inneal f.

gin. **inneil** *iol.* **innealan**

1 rudeigin air a dhèanamh à
iomadh pios a bhios ag obair
còmhla ri chèile gus rudeigin
àraidh a dhèanamh; beart. 2
rudeigin air a dhèanamh air rùn
sònraichte; innleachd.
innealach buadhair

inneal-ciùil f.

gin. **inneil-ciùil** *iol.* **innealan-ciùil**
inneal airson ceòl a dhèanamh.

inneal-clàir f.

gin. **inneil-chlàir** *iol.* **innealan-clàir**
inneal a nì fuaimean à clàran.

inneal-claisneachd f.

gin. **inneil-chlaisneachd** *iol.*
innealan-claisneachd
inneal a chuidiceas ri duine a
bhith a' cluinntinn nas fheàrr.

inneal-dealain f.

gin. **inneil-dealain** *iol.* **innealan-dealain**
inneal a nì dealan.

inneal-fighe f.

gin. **inneil-fighe** *iol.* **innealan-fighe**
inneal airson geansaidhean, 7c,
fhighe.

inneal-measgachaidh f.

gin. **inneil-measgachaidh** *iol.*
innealan-measgachaidh
measgaichear.

inneal-nighe f.

gin. **inneil-nighe** *iol.* **innealan-nighe**
inneal a nigheas aodaich, 7c.

inneal-nigheadaireachd f.

gin. **inneil-nigheadaireachd** *iol.*
innealan-nigheadaireachd
inneal-nighe.

inneal-saimeant f.

gin. **inneil-saimeant** *iol.* **innealan-saimeant**
inneal airson saimeant a mheasgachadh.

inneal-séididh f.

gin. **inneil-séididh** *iol.* **innealan-séididh**
inneal-ciùil sam bith a chluicheas tu le bhith ga shèideadh; inneal-ciùil gaoithe.

inneal-tomhais f.

gin. **inneil-tomhais** *iol.* **innealan-tomhais**
inneal airson nithean a thomhas.

innean f.

gin. **innein** *iol.* **inneanan**
ploc mòr iarainn air am bi gobha a' cumadh meatait le bhith ga bualadh le òrd.

inneir b.

gin. **innearach**
biadh caithe à bodhaig ainmhidh.

innidh b.

a' phioib fhada tron tèid biadh bhon stamaig; caolan; mionach.

innis b.

gin. **innse** *iol.* **innsean**
1 ionait; ionaltradh. 2 eilean.

innis gniomhair

co-ionann ri **inns.**
innseadh f.

innleachadh f.

gin. **innleachaidh**
a' cruthachadh rudeigin nach deach a dhèanamh mu thràth; a' smaoineachadh air nì àraidh air nach do smaoinich duine eile mu thràth.

innleachd b.

iol. **innleachdan**
1 rudeigin air a dhèanamh air rùn sònraichte no airson obrach sònraichte. 2 rudeigin ùr; rudeigin a chruthaicheas tu. 3 an dòigh air an dèan thu rudeigin, agus air an do smaoinich thu ro làimh; plana. **innleachdach buadhair**

innleadair f.

iol. **innleadairean**
cuideigin a tha calanta ann an innleadaireachd.

innleadaireachd b.

a' dealbhadh, a' togail, no ag iomain einnseanan, innealan, drochaidean, puirt, 7c.

innlich gniomhair

cruthaich rudeigin nach deach a dhèanamh mu thràth; smaoinich air rudeigin air nach do smaoinich duine eile mu thràth.

innleachadh f.

inns *gniomhair*
thoir fios air sgeulachd, naidheadh, fiosrachadh, 7c, do chuídeigin le bhith a' bruidhinn: **innsidh mi sgeulachd dhut;** **inns dhomh an fhírinne!**
innseadh f.

innseadh f.

gin. **innsidh**
a' toirt fios air sgeulachd, naidheadh, fiosrachadh, 7c, do chuídeigin le bhith a' bruidhinn.

Innseanach f.

gin. agus *iol.* **Innseanaich**
1 neach às na h-Innseachan. 2 cuideigin a bhuineas don chinn-eadh bhunasach ann an Ameireagaidh.

innte(se) *roimhear riochdaireil*
faic fo an

inntinn *b.*

iol. **inntinnean**
comas smaoineachaidh, faireachd-
ainn, tuigsinn, agus cuimhneach-
aidh; do smuaintean: *a bheil sibh*
uile a dh'aon inntinn?

inntinneach *buadhair*

coim. **inntinnicé**
1 a ghabhas gnothach ris an
inntinn. 2 üidheil.
inntinneachd *b.*

inntrig *gniomhair*

rach a-steach ann an rudeigin.
inntrieadh *f.*

iobair *gniomhair*

thoir rudeigin seachad mar iobairt.
iobradh *f.*

iobairt *b.*

gin. **iobairte** *iol.* **iobairtean**
1 a' toirt rudeigin seachad no a'
dèanamh rudeigin gus dia a
thoileachadh. 2 leig rudeigin
luachmhor seachad gus an tachair
rudeigin math. 3 an rud a bheir thu
no a leigeas tu seachad.

iobradh *f.*

gin. **iobraidh**
a' toirt rudeigin seachad mar
iobairt.

ioc *gniomhair*

pàigh.
iocadh *f.*

iochd *b.*

truas; tròcair.
iochdmhor *buadhair*

iochdar *f.*
gin. **iochdair** *iol.* **iochdaran**
bonn rudeigin.

iochdarach *buadhair*
coim. **iochdaraiche**
a tha nas isle.

iochdshlaint *b.*
faic iocshlaint

iocshlaint *b.*
gin. **iocshlainte** *iol.* **iocshlaintean**
stuth, mar as tric a shlugas tu, air a
chleachdadh gus tinneas a
shlànachadh.

iodhal *f.*
gin. **iodhail** *iol.* **iodhalan**
duine no nì don dèan daoine
adhradh mar gum b' e dia a bha
ann; iomhaigh.

iodhlann *b.*

gin. **iodhlainn** *iol.* **iodhlannan**
pios talmhainn air tuathanas no air
croit far an cuirear cruachan
coirce, feoir, 7c.

iogart *f.* agus *b.*

gin. **iogairt** *iol.* **iogartan**
bainne goirt a tha air a bhrachadh,
mar as trice air a bhlasachadh le
meas.

ioghantach *buadhair*

coim. **ioghantaiche**
co-ionann ri **iongantach**.

ioghnadh *f.*

co-ionann ri **iongnadh**.

iolach *f.*

gin. agus *iol.* **iolaich**
éigh mhòr.

iolaire f.

iol. **iolairean**
eun-àir mòr aig a bheil fradharc
làidir; fior-eun.

iolra f.

iol. **iolran**
cumadh facail a dh'innseas gu bheil
barrachd air fear dhiubh ann: 's e
iolran a tha ann an 'cait', 'daoine', 'làmhan', 'peathraighean', agus 'taighean'.
iolra buadhair

iomadach *buadhair*

(*air a chleachdadh ron ainmear*)
iomadh.

iomadh *buadhair*

(*air a chleachdadh ron ainmear*)
1 barrachd air dhà ach gun a bhith
mòran: *iomadh là;* *iomadh duine.* 2
mòran.

iomadh-fhillte *buadhair*

(no **iom-a-fhillte**)
air a dhèanamh à iomadh ni.

iomagain b.

gin. **iomagaine** *iol.* **iomaginean**
cùram; dragh; imcheist: *na bi fo*
iomagain!

iomagineach *buadhair***iomain** b.

gin. **iomaine**
1 cluich-raoin sam bi dà sgioba a'
feuchainn ri bälla a bhualadh
asteach tro phuist an fhir eile le
caman; camanachd. 2 a' toirt air
rudeigin no cuideigin gluasad. 3 a'
toirt air inneal obrachadh.

iomain *gniomhair*

1 thoir air rudeigin no cuideigin
gluasad: *ag iomain bälla.* 2 thoir air
inneal obrachadh.

iomain b.**iomair** *gniomhair*

cleachd ràimh gus bàta a ghluasad.
iomramh f.

iomall f.

gin. **iomall** *iol.* **iomallan**
crioch; oir.

iomallach *buadhair*

coim. **iomallaiche**
fad air falbh; cian.

iomarra *buadhair*

iolra.

iom-a-shlighe b.

iol. **iom-a-shlighean**
lion iomadh-fhillte de ròidean no
loidhnichean a dh'fheumas tu an
leantainn.

iomchaidh *buadhair*

coim. **iomchaidhe**
freagarrach; ri fhaighinn.

iomchair *gniomhair*

giùlain.
iomchar f.

iom-chuartaich *gniomhair*

cuir caran timcheall.
iom-chuartachadh f.

iomchuidh *buadhair*

faic **iomchaidh**

iom-fhillte *buadhair*

co-ionann ri **iomadh-fhillte**.

iomhaigh b.

iol. **iomhaighean**
1 dealbh no cumadh de rudeigin. 2
an rud a chi thu ann an sgàthan, tro
chamara, 7c. 3 an dòigh air an
smaoinich thu air ni. 4 iodhal.

iomlaid *b.*

an t-airgead a gheibh thu air ais
nuair a bheir thu seachad cus ann
am bùth ann a bhith a' pàigheadh
rudeigin.

iomlan *buadhair*

coim. **iomlaine**
slàn; làn.

iompachan *f.*

gin. agus *iol.* **iompachain**
cuideigin a chaidh a iompachadh.

iompaich *gniomhair*

thoir air cuideigin a chreideamh
atharrachadh.
iompachadh *f.*

iompaire *f.*

iol. **iompairean**
fear a riaghlas iompaireachd.

iompaireachd *b.*

iol. **iompaireachdan**
còmhlan dhùthchannan air an
riaghadh le aon duine.

iomradh *f.*

gin. **iomraiddh** *iol.* **iomraighean**
1 tuairisgeul no cuntas air
rudeigin; aithris. 2 rudeigin a
dh'innseas tu: *rinn mi iomradh air*
sin mu thràth.

iomraiteach *buadhair*

coim. **iomraitiche**
ainmeil.

iomrall *f.*

gin. **iomrall** *iol.* **iomrallan**
1 seachran: *air iomrall.* 2
mearachd. 3 rudeigin neònach.

iomrallach *buadhair*

coim. **iomrallaiche**
air iomrall.
iomrallachd *b.*

iomramh *f.*

gin. **iomraimbh**
a' cleachdadh ràimh gus bàta a
ghluasad.

iomsgar *gniomhair*

dèan eadar-dhealachadh.
iomsgaradh *f.*

ionad *f.*

gin. **ionaid** *iol.* **ionadan**
1 àite; bad. 2 oifis.

ionadail *buadhair*

a bhuineas ri, no a bhuineas do,
ionad sònraichte.

ionad-bus *f.*

gin. **ionaid-bus** *iol.* **ionadan-bus**
àite far am bi busaichean a' stad.

ionad-stiùiridh *f.*

gin. **ionaid-stiùiridh** *iol.* **ionadan-**
stiùiridh
an t-àite às an tèid buidheann, 7c, a
stiùireadh.

ionailt *b.*

gin. **ionailte** *iol.* **ionailtean**
ionaltradh.

ionaltair *gniomhair*

ith feur far a bheil e a' fàs: *bha an*
crodh ag ionaltradh anns an achadh.
ionailt *b.* **ionaltradh** *f.*

ionaltradh *f.*

gin. **ionaltraidh** *iol.* **ionaltraidhean**
1 talamh air a chòmhachadh le
feur far an urrainn do chaoraich,
chrodh, eich, 7c, biathadh. 2 ag ithe
feur far a bheil e a' fàs.

ionann *buadhair*

eon; ceart; ceudna.

ionga *b.*
faic ìne

iongantach *buadhair*
coim. **iongantaiche**
a chuireas iongantas ort.
iongantachd *b.*

iongantas *f.*
gin. **iongantais** *iol.* **iongantasán**
1 rudeigin ris nach robh thu an
dùil. 2 an fhaireachdainn nuair a
thachras rudeigin ris nach robh thu
an dùil: *ghabh mi iongantas.*

iongna *b.*
faic ìne

iongnadh *f.*
gin. **iongnaidh** *iol.* **iongnaidhean**
iongantas: *is beag an t-iongnadh.*

ion-ithe *buadhair*
a ghabhas ithe.

ionmhainn *buadhair*
coim. **annsa**
air a bheil mòran gaoil agad;
gràdhach.

ionmhas *f.*
gin. **ionmhasí** *iol.* **ionmhasan**
1 nithean luachmhor, mar sheudan
no airgead; ulaidh. 2 nithean
priseil. 3 beartas.

ionmhasach *buadhair*
coim. **ionmhasaiche**
1 de dh'ionmhas. 2 beartach.

ionmhasair *f.*
iol. **ionmhasairean**
an duine a dhèiligeas ri airgead
club, buidhne, 7c.

ionmholta *buadhair*
airidh air moladh.
ionmholtachd *b.*

ionnan *buadhair*
co-ionann ri **ionann.**

ionndrainn *gniomhair*
iarr rudeigin gu mòr: *an robh thu*
gam ionndrainn fhad is a bha mi air
falbh?
ionndrainn *b.*

ionnlaid *gniomhair*
nigh.
ionnlad *f.*

ionnsaich *gniomhair*
1 faigh fios air rudeigin; faigh eòlas
no sgil. 2 teagaisg.
ionnsachadh *f.*

ionnsaichte *buadhair*
foghlaime.

ionnsaigh *f.* agus *b.*
iol. **ionnsaighean**
1 a' déanamh cron air cuideigin no
rudeigin: *thug iad ionnsaigh air an*
nàmhaid. 2 a **dh'ionnsaigh** gu, gus:
thàinig e dham ionnsaigh. 3 oidhri.
ionnsaigheach *buadhair*

ionnsramaid *b.*
faic **ionnstramaid**

ionnstramaid *b.*
gin. **ionnstramaide** *iol.*
ionnstramaidean
1 inneal-ciùil. 2 innleachd no ball-
acfhainn airson obrach àraidh.

ionraic *buadhair*
coim. **ionraice**
gun a bhith breugach, a' goid no a'
mealladh; firinneach; ceart.
ionracas *f.*

iorghail *b.*

iol. **iorghailean**
fuaim mòr; othail; ùpraid.

iorghaileach *buadhair*

coim. **iorghailiche**
fuaimneach agus èasgaidh.

iosal *buadhair*

coim. **isle**
1 gun a bhith àrd. 2 gun a bhith uasal. 3 sàmhach: *guth iosal*. 4 **osiosal** gun fhios aig duine eile; gu socair.
isleachd *b.*

iotmhor *buadhair*

coim. **iotmhoire**
leis a' phathadh; tioram.

ire *b.*

1 an cor, an àird, 7c, a ràinig cuideigin no rudeigin; inbhe. 2 **an ire mhath** meadhanach; gun a bhith dona. 3 **an ire mhath** gu math; gu bhith: *an ire mhath teth; tha mi an ire mhath deiseil*.

iriosal *buadhair*

coim. **iriosaille**
gun a bhith àrdanach; gun a bhith uasal; umhail.

irioslachd *b.*

a bhith iriosal.

irioslaich *gniomhair*

dèan no fàs iriosal; ümhlaich.
irioslachadh *f.*

iris *b.*

iol. **irisean**
foillseachadh a thig a-mach gu riaghailteach; ràitheachan.

is *gniomhair neo-riaghailteach*

1 bi; air a chleachdadh gus

sealltainn cò a tha annad no dè a tha annad: *is mise Dòmhnaill; an tu a' chiad fhear?*; 's e *tidsear a bha innte*; *b' esan an duine mu dheireadh; 's e seo Pàdraig; am b' e am post a bha sin?*; cò thusa? 2 air a chleachdadh gus cudthrom a chur air rudeigin: 's e *thusa a tha ga iarraidh, chan e mise*; 's ann a-maireach a bhios sinn a' dol don bhaile, *chan ann an-diugh*. 3 air a chleachdadh gus rudeigin a mhineachadh: 's ann a bha mi sgith; 's e *gun robh cus ann*. 4 air a chleachdadh gus clisgear a thoirt a-steach: *is mi tha sgìth!*; *nach e tha fuar!*; *is math a rinn thu!* 4 air a chleachdadh ann an abairtean gniomhaireach: *is caomh leam sin; is fheàrr leam seo; an urrainn dhut tighinn?*; *nach aithne dhut e?*

is naisgear

faic agus

isbean *f.*

gin. **isbein** *iol.* **isbeanan**
piob de chraiceann no phlastaig air a lionadh le pronnfheoil.

iseal *buadhair*

co-ionann ri **iosal**.

isean *f.*

gin. **isein** *iol.* **iseanan**
1 eun òg. 2 beathach òg. 3 **droch isean** leanabh crosta no aimhreiteach.

is gu *naisgear*

faic fo **agus gu**

isle *buadhair*

faic fo **iosal**

islich *gniomhair*

dèan no fàs iosal no nas isle.

isleachadh *f.*

is mathaid *co-ghniomhair*
airson is math a dh'fháodte

isneach *b.*
gin. isnich iol. isnichean
gunna fada a chuireas tu ris a'
ghualainn nuair a tharraingeas tu
e; raidhfil.

Israeleach *f.*
gin. agus iol. Israelich
neach à Israel.
Israeleach *buadhair*

ist *gniomhair easbhaidheach*
(no **huist**, **eist**)
bi sàmhach!: *istibh!*

ite *b.*
iol. itean
1 aon de na còmhdaichean aotrom
a dh'fhàsas air eun. 2 aon de na
sgiathan beaga a dh'fhàsas air iasg,
gus am faigh e air snàmh.

iteach *buadhair*
coim. itiche
air a bheil itean; làn itean.

iteach *f.*
gin. itich
itean.

iteachan *f.*
gin. iteachain iol. iteachain,
iteachanan
seòrsa piorna air a chleachdadh gu
h-àraidh ann am beairt; boban.

iteag *b.*
gin. iteig iol. iteagan
1 ite bheag.
2 air **iteig** ag itealachadh: *chaidh*
sinn air iteig anns a' phléana.

iteagach *buadhair*
co-ionann ri **iteach**.

itealachadh *f.*
gin. itealachaidh
a' gluasad tron adhar le sgiathan
no ann am pléana.

itealaich *gniomhair*
gluais tron adhar le sgiathan no
ann am pléana.
itealachadh f., itealaich *b.*

itealan *f.*
gin. agus iol. itealain
inneal itealachaidh le sgiathan air;
pléana.

iteileag *b.*
gin. iteileig iol. iteileagan
cèis aotrom air a còmhdachadh le
aodach no pàipear, a chuireas tu
air iteig ris a' ghaoith aig ceann
sreanga fada.

ith *gniomhair*
cuir biadh sa bheul agus sluig e;
gabh biadh.
ithe *f., iteadh* *f.*

iubailidh *b.*
iol. iubailidhean
àrd-fhéill.

iubhar *f.*
gin. iubhair
fiadh den chraoibh-iubhair.

iuchar *b.*
gin. iuchrach iol. iuchraighean
1 pìos meatailte air a chumadh gus
am fosgail e glas ann an doras, 7c. 2
inntleachd airson uaireadair, 7c, a
thoinneadh.

Iuchar *f.*
(leis an alt)
gin. an Iuchair
an seachdamh mìos den bhliadhna.

Iùdhach f.*gin.* agus *iol.* Iùdhach

1 ball den chinneadh a bhuineas do sheann threubhan Israel.

2 cuideigin a leanas creidéamh nan Jùdhach.

Iùdhach *buadhair***Iùgo-Slàbhach** f.*gin.* agus *iol.* Iùgo-Slàbhaich

neach à Iùgo-Slàbhia.

Iùgo-Slàbhach *buadhair***iùil-tharraingeach** *buadhair**coim.* iùil-tharraingiche

aig a bheil comas cloich-iùil.

Iùpadar f.*gin.* Iùpadair

a' chòigeamh planaid bhon ghrèin.

iutharn b.

(no iutharna)

gin. iutharna

ifrinn.

L**l** [el]

an deicheadamh litir san aibidil.

là f.*gin.* là, latha *iol.* làithean,

lathaichean, lathachan

1 na ceithir uairean ar fhichead eadar meadhan-oidhche agus an t-ath mheadhan-oidhche. 2 an

earrann shoilleir den là: *ag obair air an là; là math dhut!*; *aig deireadh an là; a h-uile là; là air choreigin.* 3deich là seachdain gu leth. 4 **fichead** là trì seachdainean.**làbha** b.

creag leaghte a dhòirteas à beinn-theine.

labhair *gniomhair*

abair; can.

labhairt b.**là-breith** f.*iol.* làithean-breith

1 an là a rugadh duine. 2 cuimhneachan air an là sin; ceann-bliadhna.

lach b.*gin.* lacha *iol.* lachan

eun casa-eigil air a bheil gob leacach; tunnag.

lachan f.*gin.* agus *iol.* lachain

gàire mhòr.

lachanaich b.

a' gäireachdainn gu mòr.

lachan-gàire f.*gin.* agus *iol.* lachain-gàire

gàire mhòr.

lachdann *buadhair**coim.* lachdaine

buidhe-dhonn.

ladar f.*gin.* ladair *iol.* ladaran

liagh.

ladarna *buadhair*

dàna.

ladarnas f.**ladhar** f.*gin.* ladhair, ladhra *iol.* ladhran
an earrann adharcach de chois eich, mairt, no feidh.**ladhrach** *buadhair***là-eigin** *co-ghniomhair*co-ionann ri **latha-eigin**.

là-fèille f.*iol. làithean-fèille*
saor-là.**lag** *buadhair**coim. laige*
gun a bhith làidir; fann.**lag** f. agus b.*gin. luig, laig iol. lagan*
1 gleann beag. 2 còs.**lagach** *gniomhair*dèan no fàs lag.
lagachadh f.**lagan** f.*gin. lagain iol. laganan*
1 lag no glac bheag. 2 innleachd no toll san tèid rudeigin, gu h-àraidh an t-aite san cuir thu bolgan. 3 bun-dealain.**lag-chùiseach** *buadhair**coim. lag-chùisiche*
nach eil airson rudan ùra a dhèanamh; gun a bhith misneachail no làidir.**lagh** f.*gin. lagha iol. laghannan*
1 riaghait no sreach de riaghailtean a bu chòir don h-uile duine an gleidheadh. 2 rudeigin a thachras an-còmhnaidh.**laghach** *buadhair**coim. laghaiche*
snog.**laghail** *buadhair**coim. laghaile*
ceadaichte a rèir an lagha.**laghairt** f. agus b.*iol. laghairtean*
pèist cheithir-chasach le craiceann lannach oirre.**Laideann** b.*gin. Laidinne*
cànan nan seann Ròmanach.**laidir** *buadhair**coim. làidire*1 gun a bhith lag; cumhachdach; neartmhor: *duine làidir*. 2 nach tèid a bhriseadh gu furasta. 3 glè bhlasta: *fàileadh làidir*. 4 daorachail: *deoch-làidir*.**laidireachd** b.**laige** b.

a bhith lag.

laigh *gniomhair*1 rach ann an suidheachadh rèidh: *bha e na laighe air an leabaidh; laigh sios!* 2 rach fodha: *laigh a' ghrian*. 3 fàs nas laige, 7c: *laigh a' ghaoth*.**laighe** f. agus b.**laigse** b.*iol. laigsean*1 a' faireachdainn gu bheil thu lag.
2 **rach an laigse** fàs neo-fhiosrach; dèan seòrsa de chadal: *chaidh i an laigse nuair a chunnaic i an luch*.**laimhsich** *gniomhair*

bean ri rudeigin no fairich rudeigin led làimh.

làimhseachadh f.**laimrig** b.*gin. laimrighe iol. laimrigean*
port.**laimrig-adhair** b.*iol. laimrigean-adhair*
port-adhair.**lainnir** b.*gin. lainnire*
deàlradh; lasair.

lainnireach *buadhair*

coim. **lainniriche**
boillsgeach; glè shoilleir.

aig làimh an seo; gu bhith ann: *tha cuideachadh aig làimh*, **8 os làimh** fo smachd; a bhith ga dhèanamh.

làir *b.*

(no **làire**)
gin. **làiridh**, **làireadh** *iol.* **làiridhean**
each boireann.

làmhadh *f.*

gin. **làmhaidh** *iol.* **làmhaidhean**
tuagh bheag; làmhthuagh.

làir-bhreapaidh *b.*

gin. **làir-breapaidh** *iol.* **làiridhean-breapaidh**
dreallag.

làmhag *b.*

gin. **làmhaig** *iol.* **làmhagan**
co-ionann ri **làmhadh**.

làir-mhaide *b.*

gin. **làir-maide** *iol.* **làiridhean-maide**
dèile air a cur air mheidh sa mheadhan gus an urrainn do dhaoine suidhe aig gach ceann dhith agus dol sios agus suas.

làmhainn *b.*

iol. **làmhainnean**
1 seòrsa miotaig a thèid suas gu caol an dùirn. 2 miotaig.

lairne-mhàireach *co-ghniomhair*
an ath-là.**làmh-lèigh** *f.*

iol. **làmh-lèighean**
lighiche a dhèligeas ri galar no goirteachadh le bhith a' gearradh às na roinne a tha a' dèanamh cron.

laiste *buadhair*
faic laste**làmh ri roimhear** (+ *tabh.*)
ri taobh.**làitheil** *buadhair*
gach là.**làmh-sgrìobhadh** *f.*

gin. **làmh-sgrìobhaidh** *iol.* **làmh-sgrìobhaidhean**
1 sgrìobhadh air a dhèanamh leis an làimh. 2 an dòigh air an sgrìobh thu fhèin le peann, 7c.

Là-luain *f.*

1 (diadhaidh) là a' bhreitheanais. 2 là nach tig a-chaoiadh.

làmh-sgrìobhaidh *b.*

co-ionann ri **làmh-sgrìobhadh**.

làmh *b.*
gin. **làimhe** *iol.* **làmhan**

1 roinn na bodhaige aig ceann shios a' ghàirdein; cròg: *mo dhà làimh*; *rug iad air làimh air a chèile*. 2 làmh air ball-acfhainn, 7c. 3 **làmh an uachdair** smachd no úghdarras a bhith aig cuideigin; *gabh làmh an uachdair!* 4 **ri làimh** faisg; ri fhaighinn. 5 **an làimh** fo smachd cuideigin; am priosan: *chaidh a chur an làimh*. 6 **às an làimh** a thaobh: *thuirt e sin às an làimh*. 7

làmhthuagh *b.*

gin. **làmhthuagh** *iol.* **làmhthuaghan**
tuagh bheag.

lampà *f.* agus *b.*

iol. **lampairean**
innleachd airson solas a dhèanamh le dealan, gas, no ola; lòchran.

làn *buadhair*

coim. **làine**

1 air a lionadh gu buileach; lonta;
bha an taigh làn dhaoine. **2**
 riaraichte; sàsaichte. **3** iomlan;
 slàn: *tha làn fhios agam air sin.*
lánachd b.

làn f.

gin. agus *iol.* **làn**
1 a bhith làn: *làn mo dhùirn; trì làn*
na spàine. **2** **an làn** an seòl-mara;
 muir-làn.

lanaig b.

gin. **lanaige** *iol.* **lanaigean**
 slighe choitcheann; ùdraid.

làn-aimsireach buadhair

coim. **làn-aimsiriche**
 fad an latha; a h-uile h-uair san là:
obair làn-aimsireach.

Là na Sàbaid f.

a' chiad là den t-seachdain;
 Didòmhnaich.

Là na Sàboinn f.

co-ionann ri **Là na Sàbaid.**

làn-chinnteach buadhair

coim. **làn-chinntiche**
 glè chinnteach; dearbh chinnteach.

langa b.

iol. **langan**
 iasg-mara mòr.

langadar f.

gin. **langadair**
 seòrsa feamann-buidhe a tha
 coltach ri, ach nas giorra na stamh.

langanaich b.

gin. **langanaiche**
 a' geumnaich.

langasaíd b.

gin. **langasaide** *iol.* **langasaidean**

suidheachan fada bog le taobhan
 agus cùl air.

làn-mara f.

gin. agus *iol.* **lain-mbara**
1 seòl-mara. **2** muir-làn.

lann b.1

gin. **lainn** *iol.* **lannan**
1 earrann tire, àite, 7c. **2** an rum a
 ghabhas rudeigin. **3** àite-iathaidh.
4 àite-tasgaidh. **5** feansa; callaid.

lann b.2

gin. **lanna**, **lainne** *iol.* **lannan**
1 an roinn gheur de sgithinn,
 chlaidheamh, 7c. **2** rud sam bith a
 tha cruinn agus rèidh. **3** aon de na
 roinnean tana air craiceann èisg,
 nathrach, 7c.
lannach buadhair

lannaireach buadhair

co-ionann ri **lannaireach.**

lann-leabhairchean b.

co-ionann ri **leabharlann.**

lanntair f.

iol. **lanntairean**
 bogsa trid-shoilleir airson solas a
 chumail ann agus a dhion bhon
 ghaoith; lòchran.

laoch f.

gin. agus *iol.* **laoich**
 gaisgeach.

laochan f.

gin. agus *iol.* **laochain**
 laoch; laoch beag.

laogh f.

gin. **laoigh** *iol.* **laoigh, laoghan**
1 bò no fiadh òg. **2** falal muirne.

laoidh *f.* agus *b.*

gin. **laoidhe** *iol.* **laoidhean**
1 òran diadhaidh; dàn spioradail. 2
duan.

lapach *buadhair*

coim. **lapaiche**
cearbach; slaodach; lag; *tha an Fhraingis agam rudeigin lapach.*

lär *f.*

gin. **lair** *iol.* **laran**
úrlar.

lärach *b.*

gin. **lärach** *iol.* **laraichean**
1 comharradh; lorg: *bha lärach sa chloich.* 2 an t-àite san deach rudeigin a thogail no san tèid a thogail; suidheachadh. 3 togalach a tha air tuiteam gu lär; tobhta.

läraidh *b.*

iol. **läraidhean**
carbad mòr air a chleachdadh gus bathar a ghiùlan.

lärna-mhàireach *co-ghniomhair*
co-ionann ri lärne-mhàireach.

las *gniomhair*

loisg no dealraich gu soilleir.
lasadh *f.*

lasach *buadhair*

coim. **lasache**
a ghabhas lasadh.

lasadair *f.*

iol. **lasadairean**
bioran beag caol a bheir lasair nuair a thèid a shuathadh ann an rudeigin garbh.

lasadan *f.*

gin. agus *iol.* **lasadain**
lasadair.

lasadh *f.*

gin. **lasaidh**
a' losgadh no a' déalradh gu soilleir.

lasaich *gniomhair*

1 sgoil; fuasgail. 2 faothaich. 3
sguir.

lasachadh *f.*

lasair *b.*

gin. **lasair**, **lasrach** *iol.* **lasraichean**
1 teine air a chumadh mar theanga.
2 boillsgeadh.

là-saor *f.*

co-ionann ri **saor-là**.

lasgan *f.*

gin. agus *iol.* **lasgain**
gluasad obann; dòrtadh às de dh'fheirg, shuaim, ghàire, 7c:
lasgan gàire.

lasganaich *b.*

gin. **lasganaiche**
1 a' déanamh lasgan. 2 a'
lachanaich.

lasrach *buadhair*

coim. **lasraiche**
a lasas; a' lasadh.

lastaig *b.*

aodach no ball lastaig.

lastaig *buadhair*

coim. **lastaige**
a thèid na chumadh àbhaisteach an déidh dha bhith air a shìneadh, no air fhàsgadh: *tha bannan lastaig air an déanamh à rubair.*

laste *buadhair*

air a lasadh.

lath gniomhair
meilich; fuaraich.
lathadh *f.*

latha *f.*
co-ionann ri là.

latha-eigin *co-ghniomhair*
là nach aithnich thu; là neoinmichte.

làthair *b.*
gin. làthaire
a bhith ann an àite: *a bheil a h-uile duine an làthair?*; *cùm às an làthair gus nach fhaic duine thu!*

le roimhear (+ *tabh.*)
(ron alt **leis**, *iol.* **le/leis**)
(ron riochdair dhàimheach *a² leis*)
(le buadhair seilbheach **lem led le/le ler ler len/lem**)
(cumaidhean riochdaireil **leam(sa) leat(sa) leis(-san)/leatha(se) leinn(e) leibh(se) leotha(san)**)
1 còmhla ri, maille ri: *tha e a-muigh leis a' chù; cuir do chòta le na còtaichean eile!* 2 a' buntainn do; aig: 's ann *leamsa a tha an càr sin.* 3 a' cleachdadh: *cheannaich mi e le airgead; tiormaich d' fhalt le tubhailte!* 4 (an abairean fulangach) a' comharrachadh cò no dè a rinn rudeigin: *chaidh a bhualadh le cloich; ghilcadh am mèirleach leis a' pholas.* 5 air a chruthachadh le: *tha an leabhar seo le Calum chaidh an leabhar seo a sgriobhadh le Calum; cò leis a tha an dealbh seo?* 6 air an aon shlighe; sios: *leis a' ghaoith; leis a' bheinn sios a' bheinn.* 7 a fèir; am beachd: *is caomh leam teatha;* *is coma leam sin;* *is fhada leis an geamhradh.*

leaba *b.*
co-ionann ri **leabaidh**.

lèabag *b.*
co-ionann ri **leòbag**.

leabaidh *b.*
gin. leapa iol. leapannan
ball-àirneis airson laighe no cadal a dhéanamh air; rudeigin air am bi thu a' cadal.

leabhar *f.*
gin. leabhair iol. leabhraichean
sreath de dhuilleagan páipeir, mar as trice le sgriobhadh no clò-bhualadh orra, air an ceangal còmhla ann an còmhdaidh.

leabhar-cheist *f.*
gin. leabhair-cheist iol. leabhraichean-cheist
leabhar le ceistean agus freagairtean ann, air teagastg diadhaidh na h-eaglaise Criodail.

leabhar-cluich *f.*
gin. leabhair-cluich iol. leabhraichean-cluich
leabhar làn chluichean.

leabhar-iùil *f.*
gin. leabhair-iùil iol. leabhraichean-iùil
leabhar a dh'innseas dhut mu àite, no ciamar a gheibh thu ann.

leabhar-là *f.*
(no **leabhar-latha**)
gin. leabhair-là iol. leabhraichean-là
leabhar san sgriobh thu dè a thachair no dè a thachras tron là.

leabharlann *f.*
(no **leabhar-lann**)
gin. leabharlainn iol. leabharlannan
àite san cumar leabhraichean as urrainn do dhaoine cleachdadh no faighinn air iasad.

leabhar-seòlaidh f.

gin. leabhair-seòlaidh *iol.*
leabhraichean-seòlaidh
 liosta de dh'ainmean dhaoine le
 àireamhan-fòn, seòlaidhean, 7c.

leabhar-sgrìobhaidh f.

gin. leabhair-sgrìobhaidh *iol.*
leabhraichean-sgrìobhaidh
 leabhar le duilleagan bànn, air
 am bi thu a' sgrìobhadh.

leabhrachan f.

gin. leabhrachain *iol.*
leabhrachanan
 leabhar tana le còmhach de
 phàipear no chait-bhòrd air.

leabhran f.

gin. leabhrain *iol.* leabhranan
 leabhar beag; leabhrachan.

leac b.

gin. lic, lice *iol.* leacan
 clach rèidh.

leacach *buadhair*

coim. leacaiche
 1 rèidh mar lic. 2 làn leacan.

leacag g.

gin. leacaig *iol.* leacagan
 pìos tana de chrèadh ròsta a
 chleachdar gus ballachan, ùrlaran,
 7c, a chòmhachadh.

leag *gniomhair*

1 buail gu lår; sgrios: *leag iad an*
seann taigh. 2 cuir air: *chaidh brat à*
leagail air an lår.

leagail b.

leagh *gniomhair*

1 déan no fàs na lionn le bhith ga
 theasachadh. 2 rach à sealladh gu
 slaodach. 3 measgaich rudeigin le
 lionn gus an tèid e am païrt an

lionna.

leaghadh f.

leaghte *buadhair*
 air a leaghadh.

leam(sa) *roimhear riochdaireil*
 faic fo le

leamh *buadhair*

coim. **leamha**
 1 a chuireas dragh air duine. 2 a tha
 air dragh a ghabhail; diombach.

leamhaich *gniomhair*

1 cuir dragh air cuideigin. 2 gabh
 dragh; fàs diombach.
leamhachadh f.

leamhan f.

gin. **leambain**
 fiadh den chraoibh-leamhain.

lean *gniomhair*

1 rach an déidh cuideigin no
 rudeigin. 2 **lean ort** cùm ort.
leantainn f., **leantal** f.

lèana b.

iol. **lèanan**, **lèanachan**
 achadh feoir; raon.

leanabh f.

gin. **leanaibh** *iol.* **leanaban**
 neach òg; páiste.

lèanag b.

gin. **lèanaig** *iol.* **lèanagan**
 lèana bheag.

leanailteach *buadhair*

coim. **leanailtiche**
 a' tachairt fad na tide.
leanailteachd b.

leann f.

gin. **leanna** *iol.* **leanntan**

deoch-làidir air a déanamh à
braich.

leannan f.

gin. leannain *iol.* leannanan
an duine air a bheil gaol mòr agad.

leannanachd b.

'suirghe.

leannra f.

iol. leannran
sabhs; brot.

leantail f.

a' leantainn.

leantainn f.

a' dol an dèidh cuideigin no
rudeigin.

leantainneach *buadhair*

coim. leantainniche
a leanas; a sheasas.

leantair f.

iol. leantairean
slaodair.

leas f.¹

rudeigin a tha feumail no
cuideachail dhut: *cha ruig thu a leas*
sin a dhéanamh.

leas f. agus b.²

co-ionann ri lios.

leasaich *gniomhair*

dèan rudeigin nas fheàrr, nas mò,
nas ùire, nas adhartaiche, 7c.

leasachadh f.

leasaichte *buadhair*

air a leasachadh.

leasan f.

gin. leasain *iol.* leasanan

1 an t-àm nuair a bhios cuideigin
gad theagasg. 2 rudeigin ri
ionnsachadh.

leat(sa) *roimhear riochdaireil*
faic fo le

leatha(se) *roimhear riochdaireil*
faic fo le

leatas f.

gin. leatais *iol.* leatasan
co-ionann ri leiteis.

leathad f.

gin. leathaid, leothaid *iol.* leathaid-ean, leòidean
1 taobh beinne. 2 uachdar a
dh'ëireas gu mall: *ruith am bàlla*
sios an leathad.

leathan *buadhair*

coim. leatha, leithne
gun a bhith caol; farsaing.

leathann *buadhair*

co-ionann ri **leathan**.

leathar f.

gin. leathair
aodach làdir air a dhèanamh à
seicheannan.

led *roimhear leasaichte*

faic fo le

leibh(se) *roimhear riochdaireil*
faic fo le

leibideach *buadhair*

coim. leibidiche
1 gun luach; suarach. 2
tubaisteach. 3 clearbach.

leig *gniomhair*

1 thoir cead; ceadaich: *leig e dhomh*
an càr a stiùireadh; *leig dhomh*

bruidhinn! **2** fàg; *nach leig thu sin leam!* **3** tarraing; *leig e an gunna; a' leigeil a' chruidh; leig e uisge às an tap.* **4** gabh; cuir a-mach; *leig fead'; leig d' anaill; bha a' ghealach a' leigeil solas air an rathad.* **5** **leig** à saor; cuir fa sgaoil; *leig e an cù às; leig i èigh aiste.* **6** **leig ort** dèan no abair rudeigin breugach mar gur e an fhìrinn a bha ann; *sguir a bhith a' leigeil ort nach eil thu gam thuigsinn!* **7** **leig dhiot** sguir; *leigidh mi dhiom ann am mionaid.* **8** **leig de,** **leig seachad** sguir a bhith a' dèanamh rudeigin; sguir a bhith a' gabhall rudeigin; *leig m' athair dheth a dhreuchd an-uiridh; an do leig e seachad siùcaran?* **9** **leig ris** dearbhaich; cuir an cèill; nochd; *leigidh mi ris don pholas dè a thachair.* **10** **leig sios** dèan nas isle; cuir sios; *leig iad sios fuaim an telebhisein nuair a rinn mi gearan.* **11** **leig fios gu** cuir fios gu. **12** **cha leig thu leas** airson *cha ruig thu a leas.*

leigeil f., leigeadh f.

leigeadh f.

gin. **leigidh**
a' leigeil.

leigeil f.

gin. **leigealach**
1 a' toirt cead. **2** a' fàgail. **3** a' tarraing. **4** a' gabhall; a' cur a-mach.
faic **leig gnòmhair**

leigheas f.

gin. **leigheis** *iol.* **leigheasan**
1 rudeigin a shlànaicheas duine no nì. **2** a' slànachadh.

leigheas *gnòmhair*

slànaich.
leigheas f.

lèigh-eòlas f.

gin. **lèigh-eòlais**
co-ionann ri eòlas-leigheis.

leimh *buadhair*

faic leamh

lèine b.

iol. **lèintean**
ball-aodaich tana airson an leth as uaisle den chorp.

leinn(e) *roimhear roichdaireil*

faic fo le

leipreachan f.

faic lucharan

lèir *buadhair*

ri fhaicinn; ri thuigsinn: *cha bu lèir dhomh càil, bha e cho dorch.*

lèireas f.**lèir** *gnòmhair*

cràidh; goirtich.

lèireadh f.**lèirsgrios** f.

iol. **lèirsgriosan**
sgriosadh buileach.

lèirsinn b.

1 fradharc. **2** tuigsinn; mothachadh.
lèirsinneach *buadhair*

leis b.

gin. **leise** *iol.* **leisean**
sliasaid.

leis *co-ghniomhair*

1 sios: *chaidh e leis.* **2** **leis sin** le sin.

leis *roimhear*

faic fo le

leis(-san) roimhear riochdaireil
faic fo le

leisg buadhair
coim. leisge
gun a bhith ag iarraidh obair a dhèanamh; gun a bhith a' dèanamh mòran obrach; diomhain.

leisge b.
(no leisg)
a bhith leisg.

leisgeadair f.
iol. leisgeadairean
cuideigin a bhios leisg.

leisgear f.
gin. leisgeir iol. leisgearan
leisgeadair.

leisgeul f.
gin. leisgeil iol. leisgeulan
ag ràdh gu bheil thu duilich airson rudeigin ceàrr a dhèanamh; adhbhar a bheir thu do chuideigin gus mineachadh carson a rinneadh rudeigin ceàrr: *gabh mo leisgeul!*; *dèan leisgeul!*

leiteas f.
gin. leiteis iol. leiteasan
co-ionann ri leiteis.

leiteis b.
iol. leiteisean
glasraich le duilleagan tana uaine oirre.

leitheach buadhair
ann an cuiid; gun a bhith gu buileach: *chan eil an cupa seo ach leitheach làn; tha na h-uighean leitheach bruich.*

leitheach-fosgailte buadhair
gun a bhith dùinte, ach gun a bhith fosgailte gu buileach.

leitheach-slighe co-ghniomhair
ann am bad a tha anns a' mheadhan eadar dà àite: *tha an taigh againn na laighe leitheach-slighe eadar am muir agus na beanntan.*

leithid b.
gin. leithide iol. leithidean
1 cuideigin a tha coltach ri cuideigin eile; rudeigin a tha coltach ri rudeigin eile; coimeas; seis: *chan fhaca mi a leithid; a leithid seo.* 2 a leithid de (a) uiread de; an t-uabhas de: *bha a leithid de dhaoine ann romhainn, cha robh biadh air fhàgail dhuinn.*

lem roimhear leasaichte
faic fo le

len roimhear leasaichte
faic fo le

leòbag b.
gin. leòbaig iol. leòbagan
iasg-mara reìdh a ghabhas ithe.

Leòdhasach f.
gin. agus iol. Leòdhasaich
neach à Leòdhas.
Leòdhasach buadhair

leòghann f.
faic leòmhann

leòinteach f.
gin. agus iol. leòintich
cuideigin air a leòn no air a mharbhadh ann an cogadh no tubaist.

leòman f.

(no leòmann)

gin. agus iol. leòmain

fríde coltach ris an dealan-dè a
bhios air iteig mar as trice air an
oidhche.

leòmhann f.

(no leòmhan)

gin. agus iol. leòmhainn

beathach mòr odhar, làdir agus
fiadhaich, a gheibhearr ann an
Afraga agus sna h-Innseachan.

leòmhann-mara f.

gin. agus iol. leòmhainn-mhara

seòrsa mòr de ròn.

leòn f.

gin. leòin iol. leòntan

àite goirt; goirteachadh; ciùrradh.

leòn gniomhair

thoir leòn do dhuine.

leòn f., leònadh f.

leònta buadhair

(no leònte)

air a leòn.

leòr b.

1 uimhir is a tha thu ag iarraidh: *an d'fhuair thu do leòr?* 2 **gu leòr**
uimhir is a tha thu ag iarraidh:
saoilidh mi gu bheil gu leòr arain ann; tha sin math gu leòr. 3 **gu leòr**
móran; a tha pait: *airgead gu leòr.*

leòr buadhair

gu leòr; freagarrach.

leòsan f.

co-ionann ri lòsan.

leotha(san) roimhear riochdaireil

faic fo le

ler roimhear leasaichte

faic fo le

leth f.

1 aon den dà earrainn choionannaich san roinnear rudeigin:
gheàrr e an t-ubhal tro mheadhan, is thug e an dara leth dhomh, a' cumail an leth eile dha fhéin. 2 taobh. 3 **air leth** eadar-dhealaichte bho nithean eile; neo-chumanta; neo-àbhaisteach. 4 **air leth** ri aon taobh. 5 **às leth** air sgàth. 6 **fa leth** fear seach fear; air leth. 7 **gu leth** agus leth: *dusan gu leth de dh' uighean.*

leth- ro-leasachan

1 an dara leth: *leth-clearcall; leth-phunnd.* 2 aon de dhà leth: *leth-chàraig.* 3 rud beag; rudeigin: *leth-losgadh.* 4 (ainneamh) glè chas; glè ard: *leth-allt; leth-leathad.*

lethbhreac f.

gin. agus iol. lethbhric

1 rudeigin air a dhèanamh gus am bi e a' coimhead dìreach coltach ri rudeigin eile. 2 rudeigin air athsgriobhadh. 3 aon phàipearnaidheachd, iris, 7c.

leth-chàraig b.

gin. leth-chàraide iol. leth-

chàraidean

duine no beathach a rugadh aig an aon àm ri bhràthair no phiuthar.

lethcheann f.

gin. agus iol. lethchinn

gruaidh; taobh a' chinn.

leth-clearcall f.

gin. leth-clearcaill iol. leth-

clearcallan

an dara leth de clearcall.

leth-cheud f.

iol. leth-cheudandà fhichead 's a deich: *a leth-cheud;*
*leth-cheud duine.***leth-cheudamh** (*cunnair òrdail*) f.

leth-chòilean f.

gin. leth-chòilein *iol.* leth-chòilein,
leth-chòileanancomharradh (;) a chleachdar gus
stad nas fhaide na cromag, ach nas
giorra na stad-phuing a thoirt a-
steach.

leth-chruinne f.

gin. na leth-chruinne *iol.* leth-
chruinnean
an dara leth de chruinne.

leth-chrùn f.

gin. leth-chrùin *iol.* leth-chrùintean
bonn airgid Breatainnach a b'
àbhaist a bhith air luach dà thastan
gu leth.

leth-chuairet b.

gin. leth-chuairete *iol.* leth-
chuairetan
leth-clearcall.leth-fhosgail *gniomhair*fosgail rudeigin rud beag.
leth-fosgladh f.leth-fosgailte *buadhair*

air fosgladh ach rud beag.

leth-loisg *gniomhair*loisg no bruich rudeigin beagan le
lasair no teas; grèidh.
leth-losgadh f.

leth-mhile f.

iol. leth-mhilteancòig cheud: *leth-mhile nota.*

leth-phinnt f.

iol. leth-phinntean

an dara leth de phinnt.

leth-phunnd f.

gin. agus *iol.* leth-phuinnd

an dara leth de phunnd.

leth-uair b.

(no *lethuair*)*gin.* leth-uarach *iol.* leth-uairean
an dara leth de dh'uair; deich
mionaidean fichead.

leud f.

gin. leòidcho leathan is a tha rudeigin;
farsaingeachd.leudaich *gniomhair*

meudaich.

leudachadh f.

leug b.

gin. lèig *iol.* leugan
seud.leugh *gniomhair*coimhead rudeigin a tha air a
sgriobhadh no air a chlò-
bhualadh, agus tuig no can gu
h-àrd e.**leughadh** f.leum *gniomhair*1 gluais gu luath suas san àile. 2
rach thairis air rudeigin le bhith a'
leum: *leum an cù an fheansa*. 3 **leum**
air déan rudeigin le sannt; déan
rudeigin fhad is a bhios an cothrom
ann: *leum e air a' cheic*.
leum f., **leumadaich** b., **leumartaich**
b.

leum f.

gin. lèim *iol.* leuman, leumannan

1 a' gluasad gu luath suas san àile. 2

a' dol thairis air rudeigin le bhith a'
leum.

leumadaich *b.*
a' leum.

leumadair *f.*
iol. **leumadairean**

1 duine a bhios a' leum. 2 beathach-
mara mar mhuic-mhara bhig.

leumartaich *b.*
a' leum.

leumnach *buadhair*
coim. **leumnaiche**
a bhios a' leum.

leus *f.*
gin. agus *iol.* **leòis**

1 lasair; teine; solas. 2 solas no
lampa beag a ghabhas giùlan;
biùgan. 3 balg; at.

leusach *buadhair*

leusaich *gnìomhair*
dèan leus.
leusachadh *f.*

liac *gnìomhair*
smeur.
liacradh *f.*

liadhag *b.*
faic **liaghag**

liadhan *f.*
faic **liaghag**

liagh *b.*
gin. **lèigh** *iol.* **liaghan**
1 spàin mhòr dhomhain airson
brot, 7c, a fhrithealadh; ladar. 2
sluasaid.

liaghag *b.*
gin. **liaghaig**

1 seòrsa feamann-duibhe air a bheil
duilleagan fada caola. 2 am freumh
de sheòrsaicéan àraidh de
dh'fheamainn-duibh.

liana *b.*
faic **lèana**

liath *buadhair*
coim. **lèithe**

1 dath soilleir, eadar dubh agus
geal: *falt liath*. 2 bànn-phurpaiddh. 3
air lobhadh: *aran liath*.

liath- *ro-leasachan*
soilleir; le fiamh liath: *liath-ghorm*;
liath-phurpaiddh; *liath-bhàn*; *liath-*
dhearg.

liath-reothadh *f.*
gin. **liath-reothaidh**
reothadh geal.

libhrig *gnìomhair*
1 thoir nithean mar bhainne,
litrichean, 7c, do thaigh cuideigin.
2 gèill.
libhrigeadh *f.*

lide *f.*
iol. **lidean**
facal no roinn facail aig a bheil
fuaim air leth nuair a chanas tu e:
tha trì lidean san fhacal 'dea-lan-
dè', ach chan eil ach aon lide san
fhacal 'cù'.

lideadh *f.*
gin. **lididh** *iol.* **lididhean**
co-ionann ri **lide**.

lighiche *f.*
iol. **lighichean**
duine air ionnsachadh gus euslaint-
ich a shlànachadh; dotair.

lilidh *b.**iol.* **lilidhean**

flùr gàrraidh a dh'fhàsas à bolgan.

linig *gniomhair*cuir pìos aodaich air taobh a-staigh
ball-aodaich, 7c.**linigeadh** *f.***linn** *b.*²(no **linne**)*gin.* **linne** *iol.* **linneachan**, **linntean**

•1 loch. 2 lòn.

linn *f.* agus *b.*¹*iol.* **linntean**1 ceud bliadhna: *san fhicheadamh linn*. 2 cuairt ùine: *rim linn fhad* 's a bha mi ann/ rè mo bheatha; *ri linn do sheanar* nuair a bha do sheanair beò/ rè beatha do sheanar; *o linn gu linn*.**linne** *b.*co-ionann ri **linn**².**liomaid** *b.**gin.* **liomaide** *iol.* **liomaidean**

meas buidhe searbh.

liomain *b.*co-ionann ri **liomaid**.**liomh** *b.**gin.* **liomha**

1 an dealradh air uachdar mìn. 2 stuth a chleachdar ann an liomhadh.

liomh *gniomhair*

dèan uachdar mìn no liomharra.

liomhadh *f.***liomharra** *buadhair*

air a bheil uachdar deàlrach.

lion *f.*¹*gin.* **lin** *iol.* **liontan**1 rudeigin air a dhèanamh à piosan de shnàth, ròpa, uèir, 7c, air an ceangal còmhla ann am pátran de cheàrnagan: *chuir iad an lion airson iasg a ghlacadh*. 2 aodach air a dhèanamh às an stuth seo.**lion** *f.*²*gin.* **lin**seòrsa luibhe: *nithear seòrsa snàtha à blàthan an lin*, agus ola às a shiol.**lion** *gniomhair*1 dèan no fàs làn: *dòirt an teatha is lion na cupannan!*; tha am muir a' lionadh; *chaidh an seòmar a lionadh le solas*. 2 freagair ceistean air clàriarrtais, 7c.**lionadh** *f.***lionmor** *buadhair**coim.* **lionmhoire**

de dh'aireamh mhòir.

lionn *f.**gin.* **lionna** *iol.* **lionntan**

stuth a shruthas mar uisge no ola.

lionsa *b.**iol.* **lionsaichean**

pios glainne lùbte a nì rudan nas mò no nas lugha, mas fhior, nuair a choimheadas tu troimhe.

lionta *buadhair*(no **lionte**)

air a lionadh.

liopard *f.**gin.* **liopaird** *iol.* **liopardan**

beathach ceithir-chasach a tha mòr agus ballach.

lios *f.* agus *b.**gin.* **liosa**, **lise** *iol.* **liosan**

1 píos talmhainn air am fás
luibhean, glasraich, 7c; gàrradh. **2**
àite-iathaidh. **3** àite air a chuart-
achadh le ballachan no togalaich-
ean. **4** caisteal; dùn.

Liosach f.

gin. agus *iol.* **Liosach**
neach à Lios Mòr.

Liosach buadhair

liosard f.

gin. **liosard iol.** **liosardan**
laghairt.

lios-sgoile f. agus *b.*

iol. **liosan-sgoile**
lios ann an sgoil sam bi clann a'
cluiche.

liosta b.

iol. **liostaichean**

sreath de nithean no de
dh'ainmean air an sgrìobhadh no
air an clò-bhualadh fear seach fear;
clàr.

liotair f.

iol. **liotairean**

tomhas lonna, timcheall air $1\frac{3}{4}$ de
phìnntean.

lip b.

gin. **lipe iol.** **lipean**
bile.

lite b.

biadh tiugh air a dhèanamh à min-
choirce air a bruich ann an uisge.

litir b.

gin. **litreach iol.** **litrichean**

1 fear de na comharrайдhean a
chleachdar airson facail a
sgrìobhadh: *tha a, b, agus c nan*
litrichean beaga, agus tha A, B, C
nan lirichead mòra. **2** teachd-

aireachd sgrìobhte a chuireas tu air
falbh gu duine eile.

litreachas f.

gin. **litreachais**

1 leabhrachean no sgrìobhaidh-
ean, gu h-àraighean a fheadhainn air
an sgrìobhadh gu math. **2** stuth clò-
bhualite mu chuspair sònraichte.

litrich gnìomhair

cuir litrichean san òrdugh cheart
airson facal a dhèanamh.

litreachadh f.

liubbhair gnìomhair

co-ionann ri **libhrig**.

liubhairt f., **liùbhradh f.**

liùdhag b.

gin. **liùdhraig iol.** **liùdhagan**

cumadh beag de naoidhean no
duhine air a chleachdadh mar
dhèideig; doile.

liùg gnìomhair

éalaidh; crom.

liùgadh f.

liùgh b.

(no **liugha**)

gin. **liùgha iol.** **liùghachan**

seòrsa eisg-mhara a tha càirdeach
don trosg.

liùghag b.

gin. **liùghaig iol.** **liùghagan**

co-ionann ri **liùgh**.

liuthad ainmear

uiread: *tha mi air a liuthad trioblaid*
fhaighinn leis a' chàr seo.

lobh gnìomhair

rach bog no dona gus am bi
rudeigin gun fheum; grod.

lobhadh f.

lobhta *f.**iol.* **lobhtaichean**

1 an t-àite ann am mullach togalaich. **2** làr ann an togalach. **3** àite rèidh. **4** taisbean-lann.

lobhte *buadhair*

1 air a lobhadh. **2** grànda; dona.

locair *b.**iol.* **locairean**

co-ionann ri **locar**.

locar *f.*

gin. **locair** *iol.* **locaran**, **locraichean**
ball-acfainn airson fiadh a
dhéanamh rèidh agus còmhnr.

lòcast *f.**gin.* agus *iol.* **lòcaist**

seòrsa mòr de fhionnan-feòir.

loch *f.**gin.* **locha** *iol.* **lochan**

1 àite mòr uisge air a chuartachadh le tir; linne. **2** loch-mara.

lochan *f.**gin.* agus *iol.* **lochain**

loch beag.

lochd *f.**gin.* **lochda** *iol.* **lochdan**

fàillinn.

lochdach *buadhair**coim.* **lochdaiche**

cronail.

Lochlann *b.**gin.* **Lochlann**

1 Nirribhidh, an t-Suain, An Danmhairc, agus Suòmaidh. **2** Nirribhidh.

Lochlannach *f.**gin.* agus *iol.* **Lochlannaich**

1 neach à Lochlainn. **2** fear de na spùinneadairean a shiubhail do chaochladh àitichean san Roinn Eòrpa eadar an ochdamh agus an deicheamh linn.

Lochlannach *buadhair*

loch-mara *f.*

gin. **loch-mhara** *iol.* **lochan-mara**
roinn den mhuiр a thig a-steach
don tir mar mheur; bàgh cumhang.

lòchran *f.**gin.* agus *iol.* **lòchrain**

1 lampa. **2** lanntair. **3** leus.

lod *f.**gin.* **loda** *iol.* **lodan**

eallach; luchd.

lof *f.* agus *b.*(no *lofa*)*iol.* **lofaichean**

buileann.

loga *b.**iol.* **logaichean**

sgonn.

logaidh *f.**iol.* **logaidhean**

1 fraoidhneas fault. **2** muing.

lobhте *buadhair*

faic **lobhte**

loidhne *b.**iol.* **loidhnichean**

1 comharradh fada caol. **2** pìos
ròpa, uèir, 7c. **3** sreach. **4** rathad-
iarainn.

loighne *b.*

faic **loidhne**

loilidh *b.**iol.* **loilidhean**

1 milsean air bioran; loiliopop. 2 pios deighe blasta no reòiteag air bioran.

loiliopop b.

iol. **loiliopan**
loilidh.

loine b.

faic **loidhne**

loingeas f.

gin. **loingeis**

1 àireamh de bhàtaichean a bhuineas don aon dùthaich no bhuidhinn; cabhlach. 2 long.

lònidh f. agus **b.**

(*leis an alt*)

galar a bheir pian dhut sna h-altan agus sna fèithean.

loinne b.

iol. **loinnean**

deàlradh air uachdar.

loisg gniomhair

1 mill no sgrios rudeigin le teas no teine. 2 rach a mhilleadh no a sgriosadh le teas no teine. 3 bi na theine. 4 tilg gunna, 7c.
losgadh f.

loisgte buadhair

1 air a losgadh. 2 glè thioram. 3 maol; gun chàil a' fàs air.

lòistear f.

gin. **lòistear** *iol.* **lòistearan**

cuideigin a phàigheas a bhith a' fuireach ann an taigh cuideigin eile.

lòistinn f.

iol. **lòistinnean**

àite san urrainn dhut a bhith a' fuireach mar lòistear; fàrdach.

lolaidh b.
faic **loilidh**

lom buadhair
coim. **luime**
1 gun chòmhachadh; rùisgte. 2 lomnochd.

lom gniomhair
1 déan lom. 2 beàrr cloimh; rùisg.
lomadh f.

lomadair f.
iol. **lomadairean**
cuideigin no rudeigin a lomas; bearradair.

lomadh f.
gin. **lomaidh**
1 a' déanamh lom. 2 a' bearradh cloimh; a' rùsgadh.

lomair gniomhair
co-ionann ri lom.
lomradh f., lomairt f.

lomaire f.
iol. **lomairean**
1 inneal gearraiddh: **gearraidh**
lomaire feur. 2 lomadair; bearradair.

lomairt f.
a' lomadh.

loma-làn buadhair
gu buileach làn.

lomnochd buadhair
gun aodach ort.
lomnochd b.

lomradh f.
gin. **lomraigdh**
a' lomadh.

lon f.

gin. agus *iol.* **loin**
seòrsa mòr de dh'fhiadh.

lòn f.¹

gin. **lòn iol.** **lòintean**
1 linne bheag; glumag. **2** àite boglach. **3** lèana.

lòn f.²

gin. **lòn**
1 biadh. **2** biadh sònraichte a dh'itheas duine gus am bi e fallain no gus an caill e cudthrom.

lònaid b.

gin. **lònайд iol.** **lònáidean**
rathad beag; frith-rathad.

lon-dubh f.

gin. **loon-dubh iol.** **loin-dubha**
eun-ciüil dubh.

long b.

gin. **luinge iol.** **longan**
bàta mòr.

long-bhriseadh f.

gin. **long-bhrisidh iol.** **long-bhrisidhean**
bàta a chaithd fodha anns a' mhuir, no a chaithd a tolladh, 7c, air creagan.

long-chogaidh b.

gin. **luing-cogaidh iol.** **longan-cogaidh**
long air a dealbhadh airson a cleachdadadh ann an cogadh.

long-fànais b.

gin. **luing-fànais iol.** **longan-fànais**
carbad-speura.

long-fo-mhuir b.

gin. **luing-fo-mhuir iol.** **longan-fo-mhuir**
bàta-tumaidh.

lorg b.

gin. **luirge iol.** **lorgan**
1 làrach a dh'fhàg duine no ni; comharradh. **2** **faigh lorg** faigh rudeigin; faigh fios càite a bheil rudeigin: *an d'fhuair thu lorg air fhathast?*

lorg gniomhair

1 faigh rudeigin a chaill thu. **2** tachair ri rudeigin. **3** faigh fios. **lorgadh f., lorg f.**

lorgaich gniomhair

co-ionann ri **lorg.**
lorgachadh f.

los f.

1 miann; rùn. **2** sgàth; son. **3** **air los,** **air lost** airson; air sgàth.

lòsan f.

gin. agus *iol.* **lòsain**
clàr de ghlainne ann an uinneig.

losgadh f.

gin. **losgaidh**
1 a' milleadh no a' sgriosadh le teas no teine. **2** ga mhilleadh no ga sgriosadh le teas no teine. **3** a bhith na theine. **4** a' tilgeil no a' tarraing gunna, 7c.

losgadh-bràghad f.

gin. **losgaidh-bràghad**
faireachdann **losgaidh** sa bhroilleach.

losgann f.

gin. **losgainn iol.** **losgannan**
beathach beag a bhios a' leum agus a bhios beò an dà chuid air talamh agus ann an uisge.

lot b.

gin. **lota iol.** **lotaichean**
1 croit. **2** pìos beag talmhainn

airson fàs a thoirt air glasraich,
measan, 7c.

lot f.

gin. **lota** iol. **lotan**
léon.

lot gniomhair

léon.

lotadh f.**loth** f. agus b.

gin. **lotha** iol. **lothan**
láire òg.

luach f.

1 an uimhir de dh'airgead air an
reicear rudeigin; fiach. 2 cho
feumail no cudthromach is a tha
rudeigin.

luachmhòr buadhair**luachaich** gniomhair

cuir luach air rudeigin.
luachachadh f.

luachair b.*gin.* **luachrach**

1 luibh le gasan tana air, a
dh'fhàsas ann an àitichean bog no
fliuch. 2 mòran dhiubh seo.

luadhadh f.*gin.* **luadhaidh**

a' bualadh agus a' nighe ann a
bhith a' deasachadh clò; a' fùcadh.

luaidh f.

1 iomradh. 2 moladh. 3 cuideigin
air a bheil mòran gaoil agad;
annsachd: *mo luaidh!*

luaidh gniomhair¹

1 thoir iomradh air cuideigin no
rudeigin. 2 mol.

luaidh f.**luaidh** gniomhair²

buail agus nigh ann a bhith a'
deasachadh clò; fùc.

luadhadh f.**luaireag** b.

gin. **luaireig** iol. **luaireagan**
eun-mara dorch.

luaisg gniomhair

crath; gluais gu tuaireamach;
gluais a-null is a-nall; gluais sios
agus suas: *bha na craobhan a'*
luasgadh leis a' ghaoith.

luasgadh f.**luaisgeach** buadhair*coim.* **luaisgiche**

1 a tha a' luasgadh; a tha a'
crathadh. 2 gun fhios; a' gluasad
bho àite gu àite: *bha e cho*
luaisgeach an déidh dhà an obair
aige a chall.

luaisgeanach buadhairco-ionann ri **luaisgeach**.**luaithe** b.co-ionann ri **luath**.**luamhain** gniomhair

tog, fosgail, no obraich rudeigin le
luamhan.

luamhan f.**luamhan** f.*gin.* **luamhain** iol. **luamhanan**

crann no innleachd eile a thèid a
phutadh no a tharraing gus
rudeigin trom a thogail, rudeigin
fhosgladh, inneal obrachadh, 7c.

luas f.

gin. **luais**
faic luaths

luasgach buadhairco-ionann ri **luaisgeach**.

luasgan f.

*gin. luasgain iol. luasganan***1** a bhith a' luasgadh. **2** ròpa air a chrochadh gus am faigh e air luasgadh.luasganach *buadhair*co-ionann ri **luaisgeach**.

luasganaich b.

a' luasgadh.

luath b.

gin. lúaith, luatha

am pùdar a bhios air fhàgail an dèidh do rudeigin a bhith air a losgadh.

luath *buadhair**coim. luatthe***1** a' gluasad no ag obair air luaths ealamh: *each luath*. **2** tapaidh san inntinn: *nach e a tha luath!*luathaich *gniomhair*

dèan no fàs luath no nas luaithe; greas.

luathachadh f.

luathas f.

*gin. luathais*co-ionann ri **luaths**.

luaths f.

gin. lúaiths

a bhith luath; cho tric is a ghluaiseas no a thachras rudeigin; astar.

lùb b.

*gin. lùib iol. lùban***1** loidhne cham; caime; tionndadh: *tha lùb anns an rathad*. **2** an cumadh air a dhèanamh le caime nuair a thèid i tarsainn oirre fhéin: *rinn e lùb leis an t-sreang*. **3** **an lùib** còmhla ri: *chaidh am measgachadh an lùib a**chèile. 4* an **lùib** fo bhuaidh; an sàs ann.lùb *gniomhair***1** dèan cam. **2** siubhail air loidhne chaim.**lùbadh** f.lùbach *buadhair**coim. lùbaiche*
a lùbas.lùbte *buadhair*

air a lùbadh; crom; cam.

luch b.

gin. lucha, luchainn iol. luchan
beathach beag le sròn bhioraich agus earball fada air.

luchag b.

gin. luchaig iol. luchagan
1 luch bheag. **2** luch.

lùchairt b.

gin. lùcharite iol. lùchairtean
taigh mòr sam fuirich rìgh, bànrigh, no uachdaran eile.

lucharan f.

gin. agus iol. lucharain
duine glè bheag; troich.
luchranach *buadhair*luchd f.¹

daoine.

luchd f.²*gin. luchda iol. luchdan*
eallach.

luchd-altraim f.

daoine a bhios a' coimhead an dèidh dhaoine a tha tinn no goirt.

luchd-bàta f.

1 daoine a bhios ag obair air

bàtaichean; seòladairean. **2** na tha
bàta a' giùlan de bhathar; carago.

luchd-buain f.

daoine a bhuaineas am foghar.

luchd-ceànnach f.

daoine a bhios a' ceannach agus a'
reic nithean.

luchd-ciùil f.

daoine a tha ceòlmhor; daoine a
chluicheas innealan-ciùil.

luchd-coiseachd f.

daoine a bhios a' coiseachd.

luchd-ealain f.

daoine a bhios a' tarraing
dhealbhan, a' sgriobhadh bàrd-
achd, 7c.

luchd-èisteachd f.

daoine a bhios ag èisteachd ann an
coinneimh, 7c.

luchd-foillseachaidh f.

daoine a bhios a' foillseachadh
leabhraichean, phàipearan-
nàidheachd, 7c.

luchd-leughaidh f.

daoine a bhios a' leughadh.

luchdmhor buadhair

coim. **luchdmhoire**
a ghabhas mòran nithean na
bhroinn.

luchd-obrach f.

daoine a bhios ag obair, gu
h-àraidh airson tuarastail.

luchd-rèis f.

daoine a bhios a' dèanamh rèisean.

luchd-riaghlaidh f.

1 daoine a bhios a' gabhail
bhùithtean, thaighean-ceàirde, 7c,
os làimh. **2** riaghlairean; daoine
ann an riaghaltais.

luchd-sàbhalaidh f.

daoine a bhios a' sàbhalaadh
dhaoine a bhios an èiginн.

luchd-siubhail f.

daoine a bhios a' siubhal bho aon
àite gu àite eile, no bho àite gu àite.

luchd-smàlaidh f.

daoine a bhios an dreuchd aca ri
bhith a' smàladh theintean.

luchd-tinn f.

daoine a tha tinn; euslaintich.

luchd-turais f.

daoine a' dèanamh cuairt no
tadhal airson shaor-làithean, 7c.

luchraban f.

co-ionann ri **lucharan**.

Lucsamburgach f.

gin. agus *iol.* **Lucsamburgaich**
neach à Lucsamburg.
Lucsamburgach buadhair

lùdag b.

gin. **lùdaig iol.** **lùdagan**
1 a' chorrag bheag. **2** banntach.

luga b.

iol. **lukan**
seòrsa cnuimhe a bhios a' fuireach
ann an gainmhich air tràighean.

lughà buadhair

faic fo **beag**

lughad b.

gin. **lughaid**

a bhith beag; cho beag is a tha
rudeigin.

piob no structair àrd a bheir ceò air
falbh bho theine; similear.

lughaise buadhair

gu bheil e nas lugh a chionn
rudeigin.

lùig gniomhair

miannaich.
lùigeadh f.

lùghdachadh f.

gin. lùghdachaidh
a' déanamh no a' fàs nas lugh.

luinge b.

faic fo long

lùghdaich gniomhair

dèan nas lugh a no nas bige; fàs nas
lugh.

Luinneach f.

gin. agus iol. Luinnich
neach à Eilean Luinn.
Luinneach buadhair

lùib b.

gin. lùibe iol. lùibeann
co-ionann ri **lùb**.

luinneag b.

gin. luinneig iol. luinneagan
òran no dàn a tha goirid agus
simplidh; duanag.

luibh f. agus b.

gin. luibhe iol. luibhean
rudeigin a dh'fhasas a-mach às an
talamh: se luibhean a tha ann an
craobhan, flùraichean, pris, agus
glasraich.

luisnich gniomhair

deàlraich.
luisneadh f., luisne b.

luibh-eòlas f.

gin. luibh-eòlais
an t-eòlas no an rannsachadh air
luibhean, craobhan, 7c.

Lùnasdal f.

(leis an alt)
gin. an Lùnasdail
an t-ochdamh mios den bhliadhna.

luideach buadhair

coim. luidiche
1 aosta agus caithe; a' coimhead
salach; mi-sgiobalta; clearbach:
chan eil thu a' dol a-mach nad
bhriogais luideach! 2 amaideach.

lurach buadhair

coim. luraiche
1 brèagha; àlainn; cuimir. 2
èasgaidh; clis.

ludeag b.

gin. luideig iol. luideagan
pios aodaich a tha sean no air a
shreubadh; clùd.

lurgann b.

gin. lurgainn iol. lurgannan
roinn thoisich na coise eadar a'
għlun agus an adhbrann.

luidhear f.

gin. luidheir iol. luidheirean

lurmachd buadhair

faic lomnochd

lus f.

gin. lusa, luis iol. lusan
luibh, gu h-àraidh fear air a
chleachdad gus blas a thoirt do

bhiadh no gus leigheas a
dheasachadh.

lus a' chrom-chinn f.

luibh air a bheil blàth buidhe.

lus nam ban-sith f.

luibh àrd le blàthan mar mheòir
miothaig air.

lus nan cluas f.

luibh air a bheil blàthan bàndhearg.

lùth f.

gin. lùtha

1 comas obrachaiddh, gluasaíd, 7c;
cumhachd. 2 lùths.

lùth-chleas f.

gin. lùth-chleasa *iol.* lùth-chleasan
cluich a chuireas a' bhodhaig gu
deuchainn: 's e lùth-chleasan a tha
ann am ball-coise, ann an snàmh, 7c.

lùth-chleasachd b.

eacarsaichean airson na bodhaige
a neartachadh.

lùthmhòr buadhair

coim. lùthmhòire

a ghluaiseas gu luath no gu furasta;
làn lùths.

lùths f.

gin. lùiths

neart gus rudan a dhèanamh;
éasgaidheachd.

M**m [em]**

an aona litir dheug san aibidil.

ma co-ghniomhair
co-ionann ri **ma-thà.**

ma naisgear

(leis a' ghniomhair *is mas*)
(cumaidhean àicheil **mur(a)**,
mar(a), **mana**)
air chor agus gu; air chumha is gu;
a' saoilsinn gu; *bidh mi a' snàmh a-*
màireach ma bhios là math ann;
fhàladh don leabaidh ma tha thu
sgith!; *cha chearnaich mi càil mur bi*
airgead agam; fuirichidh sinn aig an
taigh mur h-eil thu ag iarraidh dol
ann; mas e do thoil e!

ma roimhear leasaichte
faic fo **mu**

mac f.

gin. agus *iol.* mic

1 balach no fear a tha na phàiste do
chuideigin. 2 air a chleachdadh ann
an ainmean fhireannach: *Iain*
MacLeòid.

macan f.

gin. agus *iol.* macain
1 mac òg. 2 gille; balach.

mac bràthar f.

mac dhad bhràthair.

mach co-ghniomhair

faic a-mach

machair f. agus *b.*

(no machaire)

gin. machrach *iol.* machraichean
1 talamh ràidh, gu h-àraidh ri
taobh na mara. 2 a' **Mhachair**
Ghallda a' Ghalldachd, gu h-
àraidh deas air a' Ghaidhealtachd.

machlag b.

gin. machlaig *iol.* machlagan
an roinn am broinn bodhaig

boireannaich far am fàs leanaban
mas beirear iad; brù.

mac-meanmainn f.

co-ionann ri mac-meanmna.

mac-meanmna f.

gin. mic-meanmna

an comas a bhith a' dèanamh
dhealbhan nad inntinn de nithean
agus de dhaoine nach urrainn dhut
faicinn.

mac-meanmnach buadhair

mac peathar f.

mac dhad phiuthar.

mac-samhail f.

gin. mic-samhail

coltas; leithid; samhail.

mac-talla f.

gin. agus *iol.* mic-talla

fuaim a chluinnear a-rithist mar a
thig e air ais an déidh rudeigin a
bhualadh; sgailc-creige.

madadh f.

gin. madaidh *iol.* madaidhean

1 cù. 2 madadh-allaidh. 3 sionnach.

madadh-allaidh f.

gin. madaidh-allaidh *iol.*

madaidhean-allaidh

beathach mar chù mòr fiadhaich;
faol.

madadh-ruadh f.

gin. madaidh-ruaidh *iol.*

madaidhean-ruadha

sionnach.

madainn b.

gin. maidne *iol.* maidnean

an earrann den là ro mheadhan-là:

bidh sinn ag èirigh a h-uile madainn

*aig seachd uairean; madainn mhath
dhut!*

ma-dh'fhaoidte

airson is math dh'fhaodte

mag gniomhair

déan fanaid; farranaich: *bha iad a'*

magadh air an duine bhochd.

magadh f.

magail buadhair

coim. magaile

a chuireas sìos air cuideigin; a nì
fanaid; a dh'fheuchas ri bhith
éibhinn.

magairle f.

iol. magairlean

aon den dà fhàireig aig fireannach
far an déanar siol-lionn; clach.

magarain f.

stuth air a bheil coltas ime, air a
dhèanamh le geir à glasraich no
beathaichean.

maghar f.

gin. maghair *iol.* maghairean

1 innleachd air a dealbhadh mar
chuileig, a chleachdar gus iasg a
ghlacadh. 2 biadh air dubhan
airson iasg a ghlaicadh; baoit.

maide f.

iol. maidean

1 pìos fiodha. 2 bata.

maide-tarsainn f.

gin. maide-tharsainn *iol.* maidean-
tersainn

maide còmhnard, gu h-àraighe
eadar dà mhaide dhreach.

maidne b.

faic fo madainn

maids *f.*

(no maidse)
iol. **maidsichean**
 lasadair.

maids *gniomhair*

co-fhreagair.
maidsigeadh *f.*

Maigh *b.*

(leis an alt)
gin. **na Màighe**
 an còigeamh mìos den bhliadhna;
 an Cèitean.

maighdeann *b.*

gin. **maighdinn** *iol.* **maighdeannan**,
maighdinnean
 1 nighean; boireannach òg. 2 tè
 nach eil pòsta. 3. falal air a
 chleachdadadh ro ainm maighdinn
 nuair a bhruidhneas no a sgrìobhas
 tu gu deas-ghnàthach ma deidhinn
 (air a ghiorrhachadh gu A' Mh). 4
 scarbhanta boireann.

maighdeann-phòsaidh *b.*

gin. **maighdinn-pòsaidh** *iol.*
maighdeannan-pòsaidh
 nighean no boireannach neo-
 phòsta a fhrithileas a' bhean-
 bainnse aig pòsadadh.

maigheach *b.*

gin. **maighiche** *iol.* **maighichean**
 geàrr.

maighistir *f.*

iol. **maighistirean**
 1 cuideigin a ghabhas rudeigin os
 làimh. 2 neach-ealain fior mhath. 3
 rudeigin bhom faighear lethbhric.
 4 falal air a chleachdadadh ro ainm
 fireannaich nuair a bhruidhneas no
 a sgrìobhas tu gu deas-ghnàthach
 ma deidhinn (air a ghiorrhachadh
 gu Mgr). 5 maighistir-sgoile.

maighistir-sgoile *f.*

iol. **maighistirean-sgoile**
 1 fear-teagaig ann an sgoil. 2 am
 priomh shear-teagaig ann an
 sgoil.

maighstir *f.*

faic **maighistir**

màileid *b.*

gin. **màileide** *iol.* **màileidean**
 soitheach a chumas pàipearan,
 leabhracchein, 7c; baga.

maille *b.*

dàil; bacan: *cuiridh sin maille òirnm.*

maille ri *roimhear* (+ tabh.)

còmhla ri; le.

maillich *gniomhair*

dèan maille.
mailleachadh *f.*

mair *gniomhair*

1 bi ann am bith; bi beò. 2 lean;
 seas. 3 nach **maireann** nach eil beò
 tuilleadh.
mairsinn *f.*, **maireachdaiann** *b.*

maireach *co-ghniomhair*

faic a-màireach

maireachdaiann *b.*

a' mairsinn.

maireann *buadhair*

a tha ann am bith; a tha beò.

maireannach *buadhair*

coim. **maireannaiche**
 a sheasas; buan.
maireannachd *b.*

màirnealach *buadhair*

coim. **màirnealaiche**
 1 slàodach; mall. 2 dàileach. 3 leisg.

màirnealachd b.

a bhith màirnealach.

mairsinn f.

- 1 a bhith ann am bith; a bhith beò.
- 2 a' leantainn; a' seasamh.

mairtfheoil b.

gin. **mairtfheola**
feòil à mairt.

maise b.

a bhith maiseach.

maiseach buadhair

coim. **maische**
àlainn; bòidheach; eireachdail.

maiseachd b.

co-ionann ri **maise**.

maith buadhair

co-ionann ri **math**.

maith gniomhair

co-ionann ri **math**.
maitheadh f.

maitheanas f.

gin. **maitheanais**
co-ionann ri **mathanas**.

maitheas f.

gin. **maitheis**
co-ionann ri **mathas**.

màl f.

gin. agus *iol.* **màil**
an t-airgead a phàighear gu
riaghailteach airson rudeigin
(taigh, càr, 7c) a bhuineas do
chuideigin eile a chleachdadh.

mala b.

iol. **malaidhean, malaichean**
loidhne de dh'fhalt a dh'fhàsas os
cionn na sùla.

malairt b.

iol. **malairtean**

reic agus ceannach; gnothach.

malairtich gniomhair

1 dèan gnothach; reic agus
ceannaich nithean. 2 thoir seachad
rudeigin an àite rudeigin eile.

malairteachadh f.**màlda buadhair**

diùid; nàrrach; a' leigil ort gu bheil
thu diùid.

mall buadhair

coim. **maille**

1 slaodach. 2 gun a bhith
adhartach; leisg. 3 ciùin. 4
fadalach.

mallachd b.

iol. **mallachdan**

gairm no ùrnaigh gus an tachair
cron ri duine.

mallaich gniomhair

1 dèan gairm no ùrnaigh gus an
tachair cron ri duine. 2 can facal no
facail a tha feargach. 3 can rudeigin
cronail no glè neo-thaitneach.

mallachadh f.**mallaichte buadhair**

air a mhallachadh.

mamaidh b.

iol. **mamaidhean**

(neo-fhoirmeil) màthair.

man roimhear

co-ionann ri **mar**.

mana naisgear

faic fo **ma, nan**

manach f.

gin. agus *iol.* **manaich**

ball de chomann diadhaidh airson
fhireannach.

manachainn b.

gin. **manachinne** *iol.*
manachinnean
àite sam bi manaich a' còmhnaidh
agus ag obair.

manidsear f.

gin. **manaidseir** *iol.* **manaidsearan**
fear-riaghlaidh.

Manainneach f.

gin. agus *iol.* **Manainnich**
neach à Eilean Mhanainn.
Manainneach buadhair

mànrان f.

gin. **màrrain** *iol.* **màrranan**
1 a' crònán. 2 fuaim ceòlmhor;
binneas. 3 fathann. 4 òran gaoil.
màrranach buadhair

maodal b.

gin. **maodail** *iol.* **maodalan**
stamag.

maoidh gniomhair

bagair.

maoidheadh f.**maoil b.**

iol. **maolean**
bathais; clàr aodainn.

Maoil b.

(*leis an alt*)

gin. na Maoile

an cuan eadar na h-Eileanan Siar
agus na h-Eileanan a-Staigh.

maoil buadhair

co-ionann ri **maol**.

maoile b.

co-ionann ri **maolead**.

maoilead f.

gin. **maoileid**
a bhith maoil.

maoin b.

gin. **maoine** *iol.* **maoinean**
1 nithean a thèid an ceannach agus
an reic; bathar. 2 nithean a thèid an
giùlan ann an làraighean, trèan-
aichean, 7c. 3 saidhbhreas; beartas.

maoiseach b.

gin. **maoiseich** *iol.* **maoiseichean**
fiadh boireann.

maol buadhair**coim. maoile**

1 gun a bhith geur no biorach; gun
fhaobhar. 2 górách; tiugh. 3 gun
fhalt; lom.

maol f.

gin. agus *iol.* **maoil**
1 rubha no àird a tha cruinn. 2
maoil.

maor f.

gin. agus *iol.* **maoir**
1 cuideigin a ghabhas a cho-
oibríchean os làimh. 2 bàillidh;
seumarlan. 3 àrd-bàillidh. 4
oifigeach.

maorach f.

gin. **maoraich**
beathaichean-mara air a bheil
slige.

maoth buadhair**coim. maoithe**

1 gun a bhith cruaidh; caoin; bog. 2
mothachail; fann. 3 ciùin; caomh;
gràdhach.

maothach buadhair**coim. maothaiche**

a maothaicheas; a thèid a maothachadh.

maotheach gniomhair
dèan no fàs maoth.
maothachadh *f.*

maothalachd *b.*
a bhith maoth.

mapa *f.*
iol. **mapaichean**
cairt-iùil.

mar naisgear
faic fo **ma, nan**

mar roimhear
(+ *tabh.*; ach ron alt no ro bhuadhair sealbheach, + *bun.*)
1 air dòigh; an dreach; coltach ri:
ag ithe mar chù; thuit e anns a' bhùrn mar chloich. **2 mar-aon** le chèile;
còmhla.

mar roimhear leasaichte
faic fo **mu**

mara naisgear
faic fo **ma, nan**

mar a naisgear
an dòigh air a: *tha am bodach mar a bha e a-riamh; fág sin mar a tha e!;*
mar as àbhaist.

marag *b.*
gin. **marraig iol. maragan**
1 biadh air a dhèanamh à minchoirce, geir, agus spiosraidi, air am bruich ann am balg de chraiceann no phlastaig; marag gheal. **2 marag dhubh** marag air a dhèanamh le min-choirce, 7c, air am measgachadh le fuil.

maraiche *f.*
iol. **maraichean**
seòladair.

mar an ceudna *co-ghniomhair*
cuideachd.

mar-aon *co-ghniomhair*
còmhla.

màrball *f.*
gin. agus *iol.* **màrbail**
ball beag glainne a chleachdar ann an cluichean; mìrleag.

marbh buadhair
coim. **mairbhe**
1 gun a bhith beò; air bàsachadh. **2** gun a bhith èasgaidh.

marbh *f.*
gin. agus *iol.* **mairbh**
cuideigin a tha marbh; cuideigin a bhàsaich.

marbh gniomhair
cuir cuideigin no rudeigin gu bàs;
cuir às do rudeigin.
marbhadh *f.*

marbhail *f.*
co-ionann ri **màrmor.**

marbhan *f.*
gin. **marbhain iol. marbhanan**
corp duine a tha marbh; corp.

marbhrann *f.*
gin. **marbhrainn iol. marbhrannan**
dàn no òran a chaioneas cuideigin a bhàsaich.

marbhtach *buadhair*
coim. **marbhtaiche**
a mharbas; a bheir bàs dhut.

marcaich gniomhair

bi air muin eich; siubhail air muin eich.

marcachd b., **marcachadh f.**

marcaiche f.

gin. **marcaichean**

cuideigin a bhios a' siubhal air muin eich.

marcaid b.

gin. **marcaide iol.** **marcaidean**
co-ionann ri **margadh.**

marc-shluagh f.

gin. **marc-shluagh**

saighdearan a thèid air muin eich.

margadh f. agus **b.**

(no **margaidh**)

gin. **margaidh iol.** **margaidhean**
àite san tèid nithean a reic agus a cheannach; feill.

margaid b.

gin. **margaide iol.** **margaidean**
co-ionann ri **margadh.**

margarain f.

faic **margarain**

mar gu naisgear

mar a bhithheadh e nan: *bha e air chriθ mar gun robh e tinn.*

màrmor f.

gin. **màrmoir**

seòrsa cloiche cruidhe a thèid a liomadh agus a chleachdadh ann an togail.

màrsail b.

gin. **màrsaille**

a' coiseachd mar shaighdearan, le ceumannan riaghailteach.

mar seo co-gniomhair

a chionn seo; air an dòigh seo.

mar sin co-gniomhair

a chionn sin; air an dòigh sin.

mar sin leat co-gniomhair

(neo-fhoirmeil) abairt a chanas tu ri duine nuair a dhealaicheas tu ris; beannachd leat!

mart f.

gin. agus *iol.* **mairt**

bò; gu h-àraidh tè a tha gu marbhadh.

Màrt f.¹

(*leis an alt*)

gin. **a' Mhàirt**

an treas mìos den bhliadhna.

Màrt f.²

gin. **Màirt**

a' cheathramh planaid bhon ghrèin.

mar-thà co-gniomhair

mu thràth.

màs f.

gin. **màis iol.** **màsan**

1 an dà roinn reamhar air an suidh duine; tòn. 2 aon de na roinnean seo. 3 bonn rudeigin.

mas naisgear

co-ionann ri **mus.**

mas naisgear leasaichte

faic fo **ma**

ma seach co-gniomhair

co-ionann ri **mu seach.**

masg f.

iol. **masgan**

1 còmhach air an aghaidh a chaitheas tu gus d' aghaidh a dhion. 2 còmhach mar seo air rudeigin.

ma sgaoil *co-ghniomhair*
co-ionann ri **mu sgaoil**.

masladh *f.*

gin. **masladh** *iol.* **maslaidhean**
rudeigin air a bheil thu a' gabhail
aithreachas; nàire; támait.
maslach buadhair

maslaich *gniomhair*
nàraich.
maslachadh *f.*

ma-tà *co-ghniomhair*
co-ionann ri **ma-thà**.

matamataig *f.*

an t-eòlas no an rannsachadh air
àireamhan, töimhsean, agus
cumaidhean; meud-àireamhachd.

math *buadhair*
coim. **feàrr**

1 den t-seòrsa as caomh le daoine:
sgeulachd mhath. 2 den t-seòrsa a
mholas daoine, no as miann leotha.
3 fallain: *tha eacarsaich math dhut;*
a bheil thu nas fheàrr an-diugh? 4 gu
math mòr; an ire mhath: *tha greis*
mhath aige aig an taigh fhathast. 5
freagarrach; feumail: *chan eil an*
solas math gu leòr a-staigh an seo. 6
gu math beagan; an ire mhath: *tha e*
gu math fuar an-diugh. 7 **là math!**
fàilte a chuireas tu air daoine nuair
a choinnicheas tu riutha tron là: *là*
math dhut! 8 **madainn mhath!** fàilte
a chuireas tu air daoine air a'
mhadainn: *madainn mhath dhut!* 9
feasgar math! fàilte a chuireas air
daoine feasgar: *feasgar math dhut!*
10 **oidhche mhath!** abairt a chanas
tu ri duine air an oidhche nuair a
dhealaicheas tu ris, nuair a theid
thu nad chadal, 7c: *oidhche mhath*
leat!; *oidhche mhath dhut!*

math *f.*

gin. **maith**
toradh; buannachd; leas; rudeigin
a tha math.

math *gniomhair*

thoir mathanas do chuideigin.
mathadh *f.*

ma-thà *co-ghniomhair*

(no **ma**, **ma-tà**)
1 ma tha e mar sin; mas e sin a'
chùis: *dè a tha thu ag iarraidh* **ma-**
thà? 2 gu dearbh; co-dhiù; uill: *ma-*
thà, tha sin math!

mathachadh *f.*

gin. **mathachaidh**
stuth a chuirear ris an talamh gus
am bi e nas toraiche.

mathaich *gniomhair*

toraich talamh le todhar; leasaich
talamh.
mathachadh *f.*

màthair *b.*

gin. **màthar** *iol.* **màthraighean**
pàrant boireann.
màthaireil *buadhair.*

màthair-chèile *b.*

gin. **màthar-cèile** *iol.* **màthraighean-**
cèile
màthair do chèile.

mathan *f.*

gin. **mathain** *iol.* **mathanan**
beathach mòr trom molach.

mathanas *f.*

gin. **mathanais**
a' sgur a bhith feargach ri duine mu
dheidhinn rudeigin, gu h-àraidi
mu dheidhinn rudeigin a rinn e ort:
nach toir thu mathanas dhomh?

mathan-bàn f.

gin. **mathain-bhàin** *iol.* **màthanan-bàna**
mathan geal a bhios a' fuireach
timcheall air a' Phòla a Tuath.

mathas f.

gin. **mathais**
1 a bhith math. 2 an roinn mhath
de rudeigin.

m.e.

giorrhachadh de *mar eispleir*.

meaban f.

gin. agus *iol.* **meabain**
1 duine suarach. 2 sgudal.

meacan-ruadh f.

gin. **meacain-ruaidh** *iol.* **meacanan-ruadha**
glasraich beag cruinn dearg air a
bheil blas teth.

meadhan f.

gin. **meadhain** *iol.* **meadhanan**
1 an t-àite no an Carrann de
rudeigin a laigheas leitheach-slige
eadar a cheann agus a bhonn, no
leitheach-slige eadar gach taobh
dheth. 2 an earrann chumhang am
meadhan na bodhaige. 3 ni sam bi
rudeigin ann am bith, a' gluasad,
no ga chur an cèill: 's e meadhan a
tha ann am fòn airson bruidhinn ri
daoine a tha sad air falbh. 4
cuideigin a chanas gum bi e a'
còmhradh ri na mairbh.
meadhanach *buadhair*

meadhan-aois b.

gin. **meadhan-aoise** *iol.* **meadhan-aoisean**
1 an t-àm eadar an òige agus an
aois. 2 **na Meadhan-Aoisean** an linn
ann an eachdraidh eadar mu 1100
AC suas gu mu 1500.

meadhan-aoiseil *buadhair*

coim. **meadhan-aoiseile**
de na Meadhan-Aoisean.

meadhan-chearcall f.

gin. **meadhan-chearcail** *iol.*
meadhan-chearcallan
loidhne mhac-mheannach tim-
cheall air an t-saoghal aig astar co-
ionannach eadar am Pòla a Tuath
agus am Pòla a Deas.

meadhan-là f.

gin. **meadhain-là**
dà uair dheug air an là.

meadhan-oidhche f.

gin. **meadhain-oidhche**
dà uair dheug air an oidhche.

meal *gniomhair*

1 faigh taitneas ann an rudeigin. 2
meal do naidheachd! no **gum meal**
thu do naidheachd! rinn thu math
agus tha mi toilichte.
mealtainn f., **mealadh** f.

meala b.

faic fo mil

mealadh f.

gin. **mealaidh**
a' mealtainn.

meal-an-naidheachd *ainmear*

a' cantainn gun do rinn cuideigin
math agus gu bheil thu toilichte:
chuir e **meal-an-naidheachd** orm.

meal-bhuc b.

gin. **meal-bhuc** *iol.* **meal-bhucan**
meas mòr cruinn sùghmhor le
craiceann buidhe no uaine air.

meal-bhucan f.

gin. **meal-bhucain** *iol.* **meal-**

bhucananco-ionann ri **meal-bhuc**.**meall f.***gin.* agus *iol.* **mill**

1 pios teann de rudeigin; cnap. 2 meud mòr. 3 cnoc; cnoc cruinn.

meall gnìomhair

thoir air duine rudeigin breugach a chreidsinn.

mealladh f.**mealladh f.***gin.* **meallaidh**

a' toirt air duine rudeigin breugach a chreidsinn.

meall sgòrnain f.

am meall ann an roinn thoisich na h-amhaiche ann am fireannaich.

meallta buadhair

neo-fhìor; fallsa; brèige; breugach.

mealtainn f.

a' faighinn taitneas ann an rudeigin.

mean buadhairbeag; meanbh; *mean air mhean*.**mèananaich b.***gin.* **mèananaiche**co-ionann ri **mèaranaich**.**meanbh buadhair***coim.* **meanbha**

glè bheag.

meanbh-bhiastag b.*gin.* **meanbh-bhiastaig** *iol.* **meanbh-bhiastagan**

fride.

meanbhchuileag b.*gin.* **meanbhchuileig** *iol.* **meanbh-****chuileagan**

cuileag bheag bhìodach a bhios a' bideadh.

meanbh-phuing b.*gin.* **meanbh-phuinge** *iol.* **meanbh-phuingean**
mion-phuing.**meang b.***gin.* **meanga**, **ming** *iol.* **meangan**
rudeigin ann an neach no nì nach eil math, no a tha neo-fhoirfe.**meangan f.***gin.* **meangain** *iol.* **meangain**,
meanganan

tè de na roinnean mòra a sheasas a-mach à bun-craibhie; geug.

meangach buadhair**meanglan f.**co-ionann ri **meangan**.**mearachd b.***iol.* **mearachdan**

rudeigin ceàrr; cron.

mearachdach buadhair, **mearachdachd b.****mearachdaich gnìomhair**

dèan mearachd.

mearachdad f.**mèaran f.***gin.* **mèarain** *iol.* **mèaranan**

a' fosgladh dò bheòil agus a' tarraing d' analach nuair a bhios tu sgith.

mèaranaich b.*gin.* **mèaranaiche**

a bhith a' fosgladh do bheòil agus a' tarraing d' analach nuair a bhios tu sgith.

Mearcair f.

a' chiad phlanaid bhon ghrèin.

mèarrsadhbh f.

gin. **mèarrsaidh**
a' màrsail.

meas f.¹

a' saoilsinn gu bheil cuideigin no
rudeigin glè mhath, brèagha, 7c:
tha meas agam air a' mhiniestar.

meas f.²

gin. **measa** *iol.* **measan**
an soitheach-sil a dh'fhasas air
craoibh, luibh, 7c, agus a
chleachdar gu tric mar bhiadh: 's e
measan a tha ann an ubhlan.

meas gnìomhair

1 saoil; creid. 2 saoil gu bheil
cuideigin glè mhath, 7c. 3 dearbh
luach rudeigin.

meas f., measadh f.

measach buadhair

coim. **meascaiche**
làn mheas; mar mheas.

measail buadhair

coim. **measaile**

1 a ghabhas moladh; teisteil. 2
measail air a' toirt meas do
chuideigin. 3 **measail air** dèidheil
air.

measarra buadhair

nach gabh gluasad no brosnach-
adh; ciùin a thaobh smuaine is
inntinn.

measg ainmear

faic am measg

measgaich gnìomhair

1 crath no cuir caran de rudan
cadar-dhealaichte còmhla ri chèile

gus an tèid iad nan aon. 2 co-
aontaich.

measgachadh f.**measgaichear f.**

gin. **measgaicheir** *iol.*

measgaichearan
inneal airson nithean a
mheasgachadh.

meata buadhair

gealtach; diùid.

meatailt b.

gin. **meatailte** *iol.* **meatailtean**
stuth cruaidh a leaghlas nuair a
bhios e glè theth: *se meatailtean a*
tha ann an iarann, stàilinn, agus òr.
meatailteach buadhair

meatailt buadhair

air a dhèanamh à meataitl.

meatair f.

iol. **meatairean**
aonad de dh'fad: *tha 1000 meatair*
ann an cilemeatair.

meidh b.

gin. **meidhe** *iol.* **meidhean**

1 innleachd airson nithean a
thomhas; cothrom. 2 **air mheidh** air
a chothromachadh: *chuir mi am*
bioran air mheidh air mo chorraig.

meigeadhaich b.

an èigh a nì gobhar; a' dèanamh
fuaim mar ghobhar.

meil gnìomhair

1 bleith; pronn.
meileadh f.

mèil gnìomhair

dèan fuaim mar chaora no uan.

mèlich b.

meilbheid *b.**gin.* **meilbheide**

seòrsa de dh'aodach bog tiugh.

meileabhaid *b.*co-ionann ri **meilbheid**.**mèilich** *b.*

a' dèanamh fuaim mar chaora no uan.

meilich *gniomhair*

dèan no fàs meilichte; fuaraich; làth.

meileachadh *f.***meilichte** *buadhair*

gun fhaireachdainn, gu h-àraidh a chionn an fhuachd; gun chomas gluasaid.

mèinn *b.1**gin.* **mèinne** *iol.* **mèinnean**

àite far an tèid gual, meataitl, seudan, 7c, a chladhach às an talamh.

mèinn *b.2**gin.* **mèinne**

nàdar duine; aigne.

mèinneadair *f.**iol.* **mèinneadairean**

cuideigin a bhios ag obair ann am mèinn.

mèinnear *f.**gin.* **mèinnear** *iol.* **mènnearan**stuth cruaidh a ghabhas cladhach às an talamh: *se mènnearan a tha ann gual agus criostal.***mènnearach** *buadhair***mènnearachd** *b.*

1 a' cladhach airson mhèinnear, 7c.

2 an t-eòlas no an rannsachadh air mènnearan.

meirg *b.**gin.* **meirge**

stuth ruadh no donn a nochdas air meataitl mar a mheirgeas i.

meirgeach *buadhair***meirg** *gniomhair*

1 caith rudeigin le buaidh cheimigeach; fàs caithe fo bhuaidh cheimigeach. 2 caith le meirg; fàs no dèan meirgeach.

meirgeadh *f.***meirgich** *gniomhair*co-ionann ri **meirg**.**meirgeachadh** *f.***meirgnich** *gniomhair*co-ionann ri **meirg**.**meirgneachadh** *f.***mèirle** *b.*

a' goid.

mèirleach *f.**gin.* agus *iol.* **mèirlich**

cuideigin a ghoideas nithean; gadaiche.

mèith *buadhair**coim.* **mèithe**

1 crèiseach; ùilleach. 2 làdir. 3 reamhar.

meòmhraich *gniomhair*

beachd-smaoinich.

meòmrachadh *f.***meud** *f.*1 cho mòr is a tha cuideigin no rudeigin; tomhas: *chaidh e am meud.* 2 cho liomhor is tha rudan: *co mheud peansail a tha agad?***meudachd** *b.*

mòrachd.

meudaich *gniomhair*

dèan no fàs nas mò, nas àirde, nas fhaide, 7c; rach am meud; leudaich; fàs; cinn.
meudachadh *f.*

meud-àireamhachd *b.*

an t-eòlas no an rannsachadh air àireamhan, tòmhsean, agus cumaidhean; matamataig.

meur *b.*

gin. agus *iol.* **meòir**
1 aon de na roinnean a sheasas a-mach air an làimh; corrag: *fainne air meur.* 2 geug; carrann aibhne, 7c. 3 luamhan beag air piàna, clò-sgriobhadair, 7c, a chuireas tu sios led mheur.

meuran *f.*

gin. **meurain** *iol.* **meurain, meuranan** còmhach meatailt no plastaig airson ceann do chorraig a dhìon nuair a bhios tu a' fuaigneal.

meur-chlàr *f.*

gin. **meur-chlàir** *iol.* **meur-chlàran** sreach de mheòir air piàna, clò-sgriobhadair, 7c.

meurlorg *b.*

gin. **meurluirge** *iol.* **meurlorgan** comharradh air a dhèanamh le ceann do mheòir.

mi(se) ríochdair

(láidir **mi**)
facal a chleachdas duine gus iomradh a thoirt air fhèin; an duine a bhios a' bruidhinn no a' sgriobhadh: *tha mi sgith; ged a tha thusa a' dol ann, cha tèid mise.*

miag *gniomhair*

dèan fuaim mar chat.
miagail *b.*

mial *b.*

gin. **miala** *iol.* **mialan**
1 frìde bheag a bhios beò air ainmhidhean agus luibhean. 2 **mial-chaorach** frìde a bhios a' deoghal fuil; gartan.
mialach buadhair

mialaich *b.*

a' dèanamh fuaim mar chat; a' miagail.

miamhail *b.*

a' mialaich.

miann *f.* agus *b.*

iol. **miannan**
a' faireachdainn gu bheil thu ag iarraidh rudeigin gu mòr; an rud a tha thu ag iarraidh gu mòr; rùn; déidh: *bu mhiann leam nach biodh againn ri dol don sgoil an-diugh.*

miannaich *gniomhair*

iarr rudeigin gu mòr.
miannachadh *f.*

mias *b.*

gin. **mias, mèise** *iol.* **miasan**
1 soitheach mòr. 2 soitheach mòr sam bi thu a' nighe do làmhan, 7c. 3 talamh iosa far am bi uisge na laighe.

miath *buadhair*

co-ionann ri **mèith.**

mi-chàilear *buadhair*

gun a bhith càilear.

mi-cheart *buadhair*

coim. **mi-cheirte**
nach eil ceart no còir; eu-còir.

mi-cheartas *f.*

gin. **mi-cheartais**

a' dèligeadh ri rudeigin air dòigh
nach eil ceart no còir.

mì-chiatach *buadhair*
coim. **mì-chiatache**
gun a bhith ciatach.

mì-chliù *f.*
droch chliù; masladh; a bhith olc a
rèir dhaoine eile.
mì-chliùiteach *buadhair*

mì-chofhurtail *buadhair*
coim. **mì-chofhurtaille**
gun a bhith cofhurtail; anshocrach.

mì-chumadh *f.*
gin. **mi-chumaidh** *iol.* **mì-**
chumaidhean
rudeigin nach deach a chumadh gu
ceart.

mì-chùramach *buadhair*
coim. **mì-chùramaiche**
gun a bhith cùramach.

mi-dhealbhach *buadhair*
coim. **mi-dhealbhaiche**
glè neònach; grànda.

mì-fhaiceallach *buadhair*
coim. **mi-fhaiceallaiche**
gun a bhith faiceallach.

mì-fhoighidneach *buadhair*
coim. **mi-fhoighidniche**
gun a bhith foighidneach.

mì-fhortan *f.*
gin. **mi-fhortain**
1 fortan dona. 2 tubaist; tuiteamas
mì-fhortanach.

mì-fhortanach *buadhair*
coim. **mi-fhortanaiche**
gun a bhith fortanach.

mì-ghnàthaich *gniomhair*
dèilig ri cuideigin no rudeigin gu
dona.

mì-ghnàthachadh *f.*

mil *b.*
gin. **meala**, **mealach** *tabh.* **mil** *iol.*
mealan
biadh milis glaodhach air a
dhèanamh le scilleanan.

mile *f.*¹
iol. **miltean**
deich ceud: *tri mile*; *bha miltean ann.*
mileamh (*cunntair òrdail*) *f.*

mile *f.*²
iol. **miltean**
tomhas de dh'fhad co-ionann ri
1,760 de shlathan no timcheall air 1 $\frac{3}{5}$
de chilemeatair.

mi-leas *f.*
rudeigin a tha na chnap-starra
dhut; duilgeadas.

milis *buadhair*
coim. **milse**
1 air blas siùcair no meala. 2 gun a
bhith searbh. 3 binn.

mill *f.*
faic fo **meall**

mill *gniomhair*
cleachd rudeigin gus nach bi e cho
math, cho feumail, cho taitneach,
7c; cuir rudeigin am miosad: *mhill thu sin led làmhan salach.*
milleadh *f.*

millean *f.*
iol. **milleanan**
mile mile.
milleanamh (*cunntair òrdail*) *f.*

millein *f.*
co-ionann ri **millean**

millte *buadhair*
air a mhilleadh.

millteach *buadhair*
coim. **milltiche**
a mhilleas.

milse *buadhair*
faic fo **milis**

milseachd *b.*
a bhith milis.

milsean *f.*
gin. **milsein iol.** **milsein, milseanan**
biadh milis a dh'itheas tu aig
deireadh na diathad.

mi-mhisnich *gniomhair*
thoir air falbh misneach cuideigin.
mi-mhisneachadh *f.*

mi-mhodhail *buadhair*
coim. **mi-mhodhaile**
gun a bhith modhail.

min *b.*
gin. **mine**
pùdar air a dhèanamh à gràm; flùr;
min-choirce; *min-chruithneachd;*
min-eòrna.

mìn *buadhair*
coim. **mìne**
1 gun a bhith garbh; maoth; rèidh.
2 brisg; lag. 3 ciùin.

mi-naomhaich *gniomhair*
mill rudeigin a tha naomh.
mi-naomhachadh *f.*

mi-nàdarrach *buadhair*
coim. **mi-nàdarrache**
gun a bhith nàdarrach.

mineachail *buadhair*
coim. **mineachaile**
a mhìneachas.

min-fhlùir *b.*
min.

minic *buadhair*
faic **minig**

minich *gniomhair¹*
dèan rudeigin soilleir do chuideigin
eile.
mineachadh *f.*

minich *gniomhair²*
dèan no fàs min.
mineachadh *f.*

minig *buadhair*
tric.

ministear *f.*
gin. **ministeir iol.** **ministearan**
1 cuideigin a ghabhas roinn
Riaghaltais os làimh. 2 pears-
eaglais.
ministearach *buadhair*

ministrealachd *b.*
iol. **ministrealachdan**
1 roinn Riaghaltais. 2 obair pears-
eaglais.

min-sàibh *b.*
pùdar a thig à fiadh nuair a thèid a
ghearradh le sàbh.

miodal *f.*
gin. **miodail**
a' moladh cuideigin nas mò na tha
e airidh air; sodal.

miogadaich *b.*
co-ionann ri **meigeadaich.**

mìolchu *f.*

gin. agus *iol.* **mìolchoin**
cù tana luath.

miomhail *buadhair*

coim. **miomhaile**
co-ionann ri **mì-mhodhail**.

mion *buadhair*

coim. **miona**
glè bheag; meanbh.

mionach *f.*

gin. **mionach** *iol.* **mionaichean**
1 stamag, 2 innidh.

mionaid *b.*

gin. **mionaide** *iol.* **mionaidean**
1 an tri ficheadadh cuid de uair a
thìde: *tha e còig mionaidean fichead*
an dèidh sia uairean. 2 ùine glè
bheag; *bidh sinn deiseil ann am*
mionaid.

mionaideach *buadhair*

coim. **mionaidiche**
pongail; iomlan; cùramach:
rannsaich gu mionaideach e!

mì-onarach *buadhair*

coim. **mi-onaraiche**
gun a bhith onarach.
mi-onair *b.*

mion-chunntas *f.*

gin. **mion-chunntais** *iol.* **mion-**
chunntasan
tuairisgeul a dh'innseas tu mu
dheidhinn gach pios de rudeigin.

mion-eòlach *buadhair*

coim. **mì-eòlaiche**
glè eòlach; fiosrach.

mion-fhal *f.*

gin. **mion-fhacail** *iol.* **mion-fhacail**,
mion-fhaclan

(gràmar) falal beag a chleachdar
còmhla ri facail eile agus nach gabh
cleachdadadh na aonar: 's e *mion-*
fhacail a tha ann an 'cha', 'an',
agus 'na'.

mionn *f.* agus *b.*

gin. **mionna** *iol.* **mionnan**
mallachd, no abairt mhi-mhodhail.

mionnaich *gniomhair*

cleachd mallachdan no abairtean
mì-mhodhail.

mionnachadh *f.***mionnan** *f.*

gin. **mionnain** *iol.* **mionnain**,
mionnanan
mionn.

mion-phuing *b.*

gin. **mion-phuinge** *iol.* **mion-**
phuingean
pios beag de dh'fhiorsachadh.

mions *f.*

gin. **mionsa**
feòil air a pronnadh; pronnfheoil.

mion-sgrùd *gniomhair*

sgrùd rudeigin gu mionaideach, gu
cùramach, 7c.
mion-sgrùdadh *f.*

mion-sgrùdaich *gniomhair*

co-ionann ri **mion-sgrùd**.
mion-sgrùdachadh *f.*

mion-sgrùdaire *f.*

iol. **mion-sgrùdairean**
cuideigin a bhios a' mion-
sgrùdadh.

miorbhail *b.*

gin. **miorbhaile** *iol.* **miorbhailean**
tuiteamas iongantach no draoidh-

eil a' tachairt gun dùil agad ris. miorbhaileach <i>buadhair</i>	mirean f. gin. mircein seòrsa feamann-duibhe.
miorun f. gin. mioruin miann gus cron a dhèanamh air daoine eile.	mì-rean f. gin. agus iol. mìrein 1 mìr beag. 2 mion-flacal.
mìos f. agus b. gin. mìosa iol. miosan tè den dà earrainn dheug sam bi a' bhliadhna air a roinneadh: <i>aig</i> <i>deireadh a' mhiosa.</i> miosach <i>buadhair</i>	mì-riaghailt b. a bhith gun riaghailt.
miosa <i>buadhair</i> faic fo dona , olc	mì-riaghailteach <i>buadhair</i> coim. mì-riaghailtiche gun riaghailt; troimh-chèile.
miosachan f. gin. agus iol. miosachain ruideigin a sheallas làithean a' mhiosa no na bliadhna.	mì-riaraichte <i>buadhair</i> gun a bhith riaraichte.
miosad f. gin. miosaid a bhith dona; a bhith olc.	mirleag b. gin. mirleig iol. mirleagan ball beag glainne a chealachdar ann an cluichean; màrball.
miosail <i>buadhair</i> co-ionann ri measail .	mi-rùn f. faic miorun
mìos nam pòg f. agus b. gin. mìosa iol. mìosan nam pòg a' chiad gheiris an dèidh do dhithis pòsadh.	misg b. gin. misge daorach: <i>bha e air mhisg an dèidh</i> <i>dhà cus òl.</i> misgear f.
miotag b. gin. miotaig iol. miotagan còmhach airson na làimhe; làmhainn.	misgeach <i>buadhair</i> coim. misgiche a tha air mhisg.
mìr f. gin. mìre iol. mìrean pios beag; criomag: <i>mìrean de</i> <i>ghlainne bhriste.</i>	mì-sgiobalta <i>buadhair</i> gun a bhith sgiobalta.
mir <i>gniomhair</i> 1 cluich. 2 a bhith aoibhneach. mire b.	mì-shealbh f. gin. mì-sheilbh mì-shortan.
	mì-shealbhach <i>buadhair</i> coim. mì-shealbhaiche gun a bhith sealbhach.

mì-shona buadhair
gun a bhith sona.

misneach b.
gin. misnich
a bhith misneachail; gaisge;
brosnachadh.

misneachail buadhair
coim. misneachaile
gun eagal an déidh cunnairt, pèin,
7c; calma; sgairteil.

misneachd b.
co-ionann ri **misneach**.

misnich gniomhair
cùm taic ri cuideigin; thoir
misneach do chuideigin;
brosnach.
misneachadh f.

miste buadhair
gu bheil thu nas miosa a chionn
ruideigin: *bu mhiste an là an t-uisge*.

mì-stòlda buadhair
gun shois; luaisgeach; neo-
sheasmhach; corrach.

mì-thaingeil buadhair
coim. mì-thaingeile
gun a bhith taingeil.

mì-thaitneach buadhair
coim. mì-thaitniche
gun a bhith taitneach.

mì-thoileachadh f.
gin. mì-thoileachaidh
a bhith mì-thoilichte.

mì-thoileachas f.
gin. mì-thoileachais
anshocair.

mì-thoilich gniomhair
cuir dragh air cuideigin; buair
cuideigin.
mì-thoileachadh f.

mì-thoilichte buadhair
gun a bhith toilichte.

mì-thuarail buadhair
coim. mi-thuaraile
gun a bhith tuarail; a choimheadas
tinn.

mnà b.
(agus **mnaoi**, **mnathan**)
faic fo **bean**

mò buadhair
faic fo **mòr**

mo buadhair seilbheach
dhiom; a' buntainn dhomh: *m'*
athair is mo mhàthair.

moch buadhair
coim. moich
1 tràth. 2 **moch-thràth** glè thràth.

mocheirigh b.
ag èirigh tràth.

mòd f.
gin. mòid iol. mòdan
1 fèis far am bi co-fharpaisean ann
an ceòl, seinn, dràma, 7c. 2 (aosta)
cùirt.

modail b.
gin. modaille iol. modailean
1 cumadh; dealbh. 2 iomhaigh.

modh b.
gin. modha iol. modhan, modhannan
1 dòigh; nòs. 2 giùlan. 3 air **mhodh**
eile air neo; no.

modhail *buadhair**coim.* **modhaile**a bhith faiceallach agus a' gabhail
cùram a thaobh dhaoine eile.**modhalachd** *b.***mogan** *f.**gin.* **mogain** *iol.* **moganan**
slapag.**Mohamadanach** *f.**gin.* agus *iol.* **Mohamadanach**
neach a leanas teagasc cràbhach
Mhuhamaid.**mòid** *b.**gin.* **mòide**cho mòr is a tha rudeigin; a bhith
mòr; meud.**mòide** *buadhair*gu bheil thu nas mó a chionn
rudeigin.**mòine** *b.**gin.* **mòine**, **mòna(dh)**, **mònach**
stuth bog à luibhean lobhte a thèid
a thiormachadh agus a chleachadh
mar chonnadh: *bha sinn a'*
*buain na mònach an-dè.***mòinteach** *b.**gin.* **mòintich** *iol.* **mòintichean**
àite sa bheil mòine; àite garbh; tir
gann de chraobhan: *chaidh iad a-*
mach chun na mòintich gus na
*caoraich a thoirt dhachaigh.***moit** *b.**gin.* **moite**
uabhar; pròis; àrdan.**moiteil** *buadhair**coim.* **moiteile**
uaibhreach; pròiseil; àrdanach.**mol** *f.**gin.* **moil**, **mola** *iol.* **molan**cladach le mòran chlachan beaga
air.**mol** *gniomhair*1 can gu bheil cuideigin no rudeigin
glè mhath. 2 thoir beachd a
dh'fhaodas a bhith feumail do
chuideigin: *tha iad a' moladh an*
rathad seo a dhèanamh nas mó.
moladh *f.***molach** *buadhair**coim.* **molache**1 le mòran fuit air; ròmach;
fionnach. 2 garbh.**moladh** *f.**gin.* **molaidh**1 a' cantainn gu bheil cuideigin no
rudeigin glè mhath. 2 a' toirt
beachd a dh'fhaodas a bhith
feumail do chuideigin; beachd a
mholas tu.**molag** *b.**gin.* **molaig** *iol.* **molagan**
dèideag; clach chruinn.**mall** *f.**gin.* **muill**

càth.

molldair *f.**iol.* **molldairean**
soitheach airson nithean a chum-
adh; càmas.**molt** *f.*faic **mult****mòmaid** *b.**gin.* **mòmaide** *iol.* **mòmaidean**
tiota; üine glè bheag.

monadail *buadhair**coim.* **monadaile**
cnocach.**monadh** *f.**gin.* **monaidh** *iol.* **monaidhean**
1 mòinteach. 2 beinn.**moncaidh** *f.*faic **muncaidh****mop** *f.**gin.* **mopa** *iol.* **mopaichean**
sguab-fhluch.**mòr** *buadhair**coim.* **mò,** **motha**1 barrachd air a' mheud chumanta;
gun a bhith beag; *làraidh mhòr;*
baile mòr; *beinn mhòr;* *cho mòr ri*
taigh. 2 lìonmhòr; *sluagh mòr.* 3
cudthromach; *daoine mòra;* *is mòr*
leam sin; *a bheil sin mòr agad?* 4
pròiseil; *bha iad mòr às.* 5 **cha mhòr**
gu is beag gu; is gann gu; *cha mhòr*
gun cuala mi e, *bha e cho fada air*
falbh. 6 **cha mhòr nach theab:** *cha*
mhòr nach do thuit mi air a' chloich.
mòrachd *b.***morair** *f.**iol.* **morairean**1 uachdaran a dh'shaodas a bhith
na bhall de Thaigh nam
Morairean. 2 uachdaran glè
chudthromach.**mòran** *co-ghniomhair*gu mòr; glè mhath; *tha e mòran nas*
*fheàrr.***mòran** *f.**gin.* **mòrain**aireamh mhòr de dhaoine no
nithean; meud mòr; *chan eil mòran*
*airgid agam an-dràsta.***mòr-bhùth** *b.**gin.* **mòr-bhùtha** *iol.* **mòr-**
bhùithtean, **mòr-bhùthan**
bùth mhòr san téid iomadh nì
eadar-dhealaichte a cheannach.**mòr-chuid** *b.*a' chuid mhòr de dhaoine no
nithean.**mòrchuis** *b.**gin.* **mòrchuisse**
faoineas; àrdan.
mòrchuisseach *buadhair***mòr-chuisle** *b.**iol.* **mòr-chuislean**
aon de na priomh chuislean sa
chorp.**mòrdhail** *f.**iol.* **mòrdhailean**
1 co-chruinneachadh. 2 coinneamh
mhòr riaghailteach. 3 na daoine
ann an coinneimh mar seo.**morghan** *f.**gin.* **morghain**
clachan beaga air am measgachadh
le gainmhich ghairbh; grinneal.**mòr-roinn** *b.**gin.* **mòr-roinne** *iol.* **mòr-roinnean**
fear de na priomh mhill talmhainn
air an t-saoghal; *is iad seo na mòr-*
roinnean: *Afraga, an t-Aigeann a*
Deas, an Aisia, Astràilia, An Roinn
Eòrpa, Ameireagaidh fo thuath,
agus Ameireagaidh fo dheas.
mòr-roinneach *buadhair***mort** *f.**gin.* agus *iol.* **moirt,** **muirt**
a' mortadh cuideigin.**mort** *gniomhair*

marbh cuideigin a dh'aon ghnoth-

ach; déan mort.

mort f., mortadh f.

mortair f.

iol. mortairean

cuideigin a mharbas cuideigin eile
a dh'aon ghnothach.

mòrthir f.

gin. mòrthire iol. mòrthirean

tir-mòr.

mòr-thìr b.

gin. mòr-thìre iol. mòr-thìrean

1 mòr-roinn. 2 tir-mòr.

mòr-thogalach f.

gin. mòr-thogalaich iol. mòr-

thogalaichean

còmhlan de thogalaichean.

mosach buadhair

coim. mosaiche

salach; breun.

mosg f.

gin. mosga iol. mosgan

togalach airson adhraidh
Ioslamaich.

mosgail gniomhair

dùisg.

mosgladh f.

motair f.

iol. motairean

inneal às am faighear cumhachd.

motair-bàic f.

iol. motair-bàicean

(neo-fhoirmeil) motair-baidhsagal.

motair-baidhsagal f.

gin. motair-baidhsagail iol. motair-

baidhsagalan

motair-rothar.

motair-rothar f.

gin. motair-rothair iol. motair-

rotharan

carbad-motair le dà chuibhle air.

motha buadhair

faic so mòr

mothachail buadhair

coim. mothachaile

1 a mhothaicheas rudan. 2 fiosrach.

3 coibhneil agus càramach.

mothaich gniomhair

faic; bi fiosrach; fairich; *na*

mhothaich thu sin?; *na mhothaich*

thu dhà?

mothachadh f.

motor f.

faic motair

mu roimhean (+ tabh.)

(leis an alt **mun**)

(leis an riochdair dhàimheach *a²*

mu mum mun)

(le buadhair seilbheach **mum mud**

ma/ma mar mur mun/mum)

(cumaidhean riocdhaireil

umam(sa) **umad(sa)**

uime(san)/uimpe(se) **umainn(e)**

umaibh(se) umpa(san))

1 *a'* gabhail gnothaich ri; mu

dheidhinn, air, mu thimcheall: 's e

seo sgeulachd mu na sithichean.

2 faisg air; timcheall air, mu chuairt

air: *tha a' bhùth mu mhile air falbh.*

3 (aodach) air: *tha mi a' cur umam*

tha mi a' cur aodach orm. 4 (*a'*

chombaist) an; gu: *tha iad a'*

fuireach ann am baile mu thuath;

chaidh e mu dheas.

muc b.

gin. muice iol. mucan

beathach tiugh le sròn mhaoil is

casan goirid air, air àrach airson
fheòla.

mucair f.

*iol.***mucairean**

cuideigin a bhios a' coimhead an
dèidh mhuc.

mùch *gniomhair*

bàth; smál.

mùchadh *f.***mu chonneimh** *roimhear* (+ *gin.*)
an aghaidh; fa chomhair.**mu chuairt** *co-ghniomhair*
timcheall, mun cuairt.**mu chuairt** *roimhear* (+ *gin.*)
timcheall.**mu chuairt air** *roimhear* (+ *tabh.*)
1 faisg air; mu, timcheall air. 2
timcheall, mu chuairt.**muc-mhara** *b.*

gin. **muic-mhara** *iol.* **mucan-mara**
beathach uabhasach mòr a bhios
bèò sa mhuir.

mud *roimhear leasaichte*
faic fo **mu****mu dheidhinn** *roimhear* (+ *gin.*)
mu, air, mu thimcheall; *bha iad a'*
*bruidhinn mud dheidhinn.***mu dheireadh** *co-ghniomhair*
1 aig an deireadh; aig a' cheann
thall; *bha i brèagha an ire mhath fad*
an là, ach mu dheireadh thàinig an
t-uisge; tha e air tighinn mu
dheireadh; mu dheireadh thall. 2 as
ùr; *an e sin an naidheachd mu*
*dheireadh?***muga** *f.* agus *b.**iol.* **mugannan**

cupa mòr.

mùgach *buadhair**coim.* **mùgaiche**

cruaidh; gruamach; gnù.

muicfheoil *b.**gin.* **muicfheola**1 feòil à mucan. 2 feòil ghlèidhete à
mucan.**moidhe** *f.**iol.* **moidhean, moidheachan**soitheach mòr airson bainne no
lionna eile; crannag.**muigh** *co-ghniomhair*

faic a-muigh

mùigh *gniomhair*1 fàillig. 2 faic **maoidh.****mùigheadh** *f.***Muileach** *f.**gin.* agus *iol.* **Muilich**

neach à Muile.

Muileach *buadhair***muileann** *f.* agus *b.**gin.* **muilinn** *iol.* **muilnear,**
muileannantogalach le uidheam ann airson
gràn a bhleith. 2 taigh-ceàirde. 3
inneal bleithe: *muileann piobair.***muileann-gaoithe** *f.* agus *b.**gin.* **muilinn-gaoithe** *iol.* **muilnear-,**
muileannan-gaoithemuileann air iomain leis a' ghaoith
le bhith a' gluasad sgiathan mòra
air clithaich a' mhuilinn.**muile-mhàg** *b.**iol.* **muileacha-màg**

beathach coltach ri losgann mòr.

mulicheann *f.*(no **mulichinn**)*gin.* **mulichinn** *iol.* **mulichinnean**
co-ionann ri **muinichill**.**muilinn** *b.**gin.* **muilne** *iol.* **muilnean**
co-ionann ri **muileann**.**muillean** *f.*faic **millean****multfheoil** *b.**gin.* **multfheola**
feòil à mult; feòil-caorach.**muime** *b.**iol.* **muimeachan**
màthair a dh'altraim thu.**muin** *b.*1 druim mo mullach rudeigin. 2
rach air **muin** rach air mullach no
air druim rudeigin; faigh muin. 3
faigh **muin** co-ghin.**muinchill** *f.*faic **muinichill****muineal** *f.**gin.* **muineil** *iol.* **muinealan**
roinn na bodhaige a cheanglas an
ceann ri na guailnean; amhach.**muing** *b.**gin.* **muinge** *iol.* **muingean**
am falt fada air chùl muineal eich
no leòmhainn.**muinichill** *f.**iol.* **muinichillean**
roinn buill-aodaich a chòmhdaich-
eas an gàirdean.**muinntir** *b.**gin.* **muinntire**daoine a bhuineas do dh'aite no do
theaghlaich àraidh; sluagh.**muinntireas** *f.**gin.* **muinntireis**
ag obair aig cuideigin, a' dèanamh
obair-taighe, 7c; seirbheis.**muir** *ainmear**bun.* **am muir** *gin.* **na mara** *iol.* **na**
marannan
1 an t-uisge sailtta a chòmhdaich-
eas a' chuid as mò de dh'uachdar
an t-saoghal; cuan; fairge. 2 àite
mòr den uisge seo.**muir-làin** *f.**gin.* agus *iol.* **muir-làin**
an t-àm nuair a bhios am muir air a
thogail gu lèir.**mùirn** *b.**gin.* **mùirne**
gràdh; maothalachd; caomhal-
achd.
mùirneach *buadhair***muirsgean** *f.**gin.* **muirsgein** *iol.* **muirsgeanan**
maorach fada caol.**mulad** *f.**gin.* **mulaid**
a bhith muladach.**muladach** *buadhair**coim.* **muladaiche**
brònach; tûrsach.**mallach** *f.**gin.* **mullaich** *iol.* **mullaichean**
1 an earrann as àirde de rudeigin;
bàrr; ceann: *chaidh sinn suas a'*
bheinn agus ràinig sinn am mullach;
mullach a' chinn. 2 **am** **mallach** suas;
suas don uachdar; am bàrr.

mult f.

gin. agus *iol.* **muilt**
caora fireann air a spothadh.

mum *naisgear*
faic fo **mun**

mum *roimhear leasaichte*
faic fo **mu**

mùn f.

gin. **mùin**
lionn caithte a thèid a-mach às a' bhodhaig an dèidh dha bhith air a chruinneachadh san aotraman.

mun *naisgear*
(cuideachd **mum**)
mus.

mun *roimhear leasaichte*
faic fo **mu**

muncaidh f.

iol. **muncaidhean**
beathach rudeigin coltach ris an duine, le gairdeanan fada agus earball air.

mun cuairt *co-ghniomhair*
timcheall, mu chuairt.

mur *naisgear*
faic fo **ma, nan**

mur *roimhear leasaichte*
faic fo **mu**

mura *naisgear*
faic fo **ma, nan**

murt f.
gin. agus *iol.* **muirt**
co-ionann ri **mort**.

murt *gniomhair*

co-ionann ri **mort**.
murt f., murtadh f.

murtair f.
co-ionann ri **mortair**.

mus *naisgear*

(no **mas**)
nas tràithe na an tìde nuair a: *bidh sinn sgith mus ruig sinn an taigh; nì mi seo mus ièid mi a-mach.*

mu seach *co-ghniomhair*

1 an dèidh a chèile: *thàinig iad a-steach fear mu seach; uair mu seach.* 2 air seachran; air chall: *chaidh iad mu seach orm.*

mu sgaoil *co-ghniomhair*

air a sgaoleadh; air fhuasgladh; air a shaoradh.

mustard f.

gin. **mustaird**
glaodhan no pùdar buidhe a chleachdar gus blas teth a thoirt do bhiadh.

mùth *gniomhair*

atharraich.

mùthadh f.

mu thimcheall *roimhear* (+ *gin.*)
mu dheidhinn.

mu thràth *co-ghniomhair*

thuige no roimhe seo; a cheana: *bha e air sin a dhèanamh mu thràth; am faca tu mu thràth e?*

N**n** [en]

an dara litir dheug san aibidil.

na buadhair (*an t-alt*)
faic fo an

na mion-fhacal àicheil
air a chleachdadh gus rudeigin a
thoirmeasg; *na dèan sin!*; *na h-òl sin*
gus an ith thu do bhiadh!; *na falbh*
an-dràsta!

na mion-fhacal leasaichte
co-ionann ri **an do:** *na rinn thu*
fhathast e? an do rinn thu fhathast
e?.

na naisgear¹
an coimeas ri cuideigin no rudeigin
eile: *nach eil seo nas àirde na sin?*

na naisgear²
faic no

na riochdair dàimheach
(leis a' ghniomhair *is nas, na bu*)
an rud a; an uimhir a: *dè na tha*
agad de dh'airgead?; *'s e sin na bha e*
ag iarraidh; bha e na bu mhiosa an-
dè, ach tha e nas fheàrr an-diugh.

na roimhear leasaichte
faic fo an

nàbaidh f.
iol. nàbaidhean
cuideigin a tha a' fuireach an ath-
dhoras no faisg ort;
coimhearsnach.
nàbaidheachd b.

nach facal àicheil
(air a chleachdadh ann an iomadach
suidheachadh gus rudeigin a
dhiùltadh no àicheadh)
1 (a mion-fhacal ceisteach) *nach eil*
thu fuar?; (le is) *nach caomh leat*
bainne? 2 (a mion-fhacal naisgeil)
tha cabhag orm gus nach bi mi
anmoch. 3 (a mion-fhacal dàimh-

each) *thèid mi don leabaidh ged*
nach eil mi sgith. 4 (a¹ riochdair
dàimheach) *seo leabhar nach*
ceannach mi a-chaoidh; (le is) *sin*
am prògram nach caomh leam. 5 (a²
riochdair dàimheach) *sin taigh*
anns nach robh mi a-riamh. 6 (gu
naisgear) *tha e ag ràdh nach eil e a'*
tighinn.

nad roimhear leasaichte
faic fo an

nàdar f.
gin. **nàdair**

1 a h-uile cail san domhan nach
deach a chruthachadh le daoine. 2
na beusan no feartan de dhuine no
ni; gnè. 3 seòrsa.

nàdarrach buadhair
coim. **nàdarrache**
1 air a dhèanamh le nàdar, chan
ann le daoine no innealan. 2
gnàthach; gun a bhith iongantach.

naidheachd b.
iol. naidheachdan
fiosrachadh air tachartasan ùra.

naidhlean f.
gin. **naidhlein**
aodach no snàithleach co-dhèanta
a tha glè aotrom.

nàire b.
a' faireachdайн bròn no cionta a
chionn is gu bheil thu air rudeigin
ceàrr a dhèanamh; masladh.

nàireach buadhair
co-ionann ri **nàrach.**

nàisean f.
gin. **nàisein iol. nàiseanan**
1 àireamh mhòr de dhaoine a
dh'fhuiricheas san aon earrainn

den t-saoghal agus aig a bheil an t-aon chànan; cinneadh. 2 dùth-aich agus na daoine a bhios a' fuireach innse.
nàiseanta buadhair

nàiseantach f.

gin. agus *iol.* nàiseantaich
 1 cuideigin a bhios glè ghaolach air a dhùthaich. 2 cuideigin a bhios ag iarraidh air a dhùthaich a bhith saor.
nàiseantachd b.

naisg *gniomhair*
 ceangail còmhlaid.
nasgadh f.

naisgear f.

gin. naisgeir *iol.* naisgearan
 falch no abairt a cheanglas: *se naisgearan a tha ann an 'agus', 'far a', 'gu', 'no', agus 'nuair a'.*
naisgeil *buadhair*

nall *co-ghniomhair*
 faic a-nall

nam *buadhair* (*an t-alt*)
 faic fo an

nam *naisgear*
 faic fo **nan**

nam *roimhear leasaichte*
 faic fo an

nàmh f.
gin. agus *iol.* nàimh
 co-ionann ri **nàmhaid.**

nàmhaid f.
gin. nàmhad *iol.* nàimhdean
 cuideigin aig a bheil gràin ort no a tha ag iarraidh cron a dhéanamh ort.
nàimhdeas f.

nan *buadhair* (*an t-alt*)
 faic fo an

nan *naisgear*
 (cuideachd **nam**)
 (cumaidhean àicheil **mur(a)**,
mar(a), **mana**)
 air chor agus gu; ma: dhèanainn andràsta e nam biodh tide agam;
bhiodh tu ro theth nan do chuir thu geansaids ort; nam biodh iad ann, bha mi toilichte.

nan *roimhear leasaichte*
 faic fo an

naochad f.
gin. naochaid *iol.* naochadan
 ceithir fichead is a deich.

naodh *buadhair* agus *ainmear*
 co-ionann ri **naoi.**

naodhamh *buadhair*
 co-ionann ri **naoidheamh.**

naodhamh deug *buadhair*
 co-ionann ri **naoidheamh deug.**

naodh-deug *buadhair* agus *ainmear*
 co-ionann ri **naoi-deug.**

naodhnar f. agus b.
 co-ionann ri **naoinear.**

naoi *buadhair* agus *ainmear*
 an àireamh 9; a h-aon a bharrachd air a h-ochd: *a naoi; naoi miosan.*

naoi-deug *buadhair* agus *ainmear*
 an àireamh 19; a h-aon a bharrachd air a h-ochd-deug: *a naoi-deug; naoi siùcaran deug.*

naoidh *buadhair* agus *ainmear*
 co-ionann ri **naoi.**

naoidh-deug <i>buadhair agus ainmear</i>	naoidh-deug <i>buadhair agus ainmear</i>
co-ionann ri naoi-deug .	nasgadh <i>f.</i> gin. nasgaidh a' ceangal còmhla.
naoidheamh <i>buadhair</i>	nathair <i>b.</i>
leanaidh seo an t-ochdamh fear.	gin. nathrach <i>iol.</i> nathraighean pèist fhada gun chasan.
naoidheamh deug <i>buadhair</i>	-ne iar-leasachan
leanaidh seo an t-ochdamh fear deug.	air a chleachdadh còmhla ris a' bhuadhair sheilbheach 'ar' gus cudthrom a thoirt air; ar n-athair- ne.
naoidhean <i>f.</i>	neach <i>f.</i>
gin. naoidhein <i>iol.</i> naoidheanan	duine.
leanabh; leanabh òg.	neach-aire <i>f.</i>
naoinear <i>f.</i> agus <i>b.</i>	an duine a choimheadas an dèidh sgoile, 7c.
a h-aon a bharrachd air ochdnar: <i>naoinear nighean</i> .	neach-cathrach <i>f.</i>
naomh <i>buadhair</i>	an duine a stiùireas coinneamh.
coim. naomh	neach-ceàirde <i>f.</i>
beannaichte.	duine aig a bheil ceàird.
naomh <i>f.</i>	neach-ceasnachaidh <i>f.</i>
gin. agus <i>iol.</i> naomh	duine a bhiös a' ceasnachadh.
duine naomh; duine glè chóir.	neach-ciùil <i>f.</i>
naomhachd <i>b.</i>	cuideigin a tha ceòlmhor; cuideigin a chluicheas inneal-ciùil.
a bhith naomh.	neach-cluiche <i>f.</i>
nar <i>roimhear leasaichte</i>	duine a bhios a' cluiche no a bhios a' gabhail pàirt ann an cluich.
faic fo an	neach-comhairle <i>f.</i>
nàrach <i>buadhair</i>	duine a bheir comhairle seachad.
coim. nàraiche	
1 làn nàire. 2 diùid.	neach-cuideachaiddh <i>f.</i>
nàrachadh <i>f.</i>	duine a bhios a' cuideachadh.
gin. nàrachaidh	
a' cur fo nàire; a' maslachadh.	neach-cuidich <i>f.</i>
nàraich <i>gnìomhair</i>	an duine a bhios a' cuideachadh
cuir fo nàire; maslach.	cuideigin eile.
nàrachadh <i>f.</i>	
nas <i>riochdair leasaichte</i>	
faic fo na	

neach-deasachaidh *f.*

duine a bhios a' deasachadh nithean, gu h-àraidh an duine aig a bheil an t-uallach as mò airson páipeir-naidheachd, iris, 7c.

neach-deilbh *f.*

duine a nì deilbh, no a dhealbhas nithean.

neach-ealain *f.*

duine a bhios a' tarraing dhealbh-an, a' sgrìobhadh bàrdachd, 7c.

neach-eòlais *f.*

duine a tha glè eòlach air rudeigin sònraichte.

neach-frithealaidh *f.*

duine a bhios a' frithealadh.

neach-giùlain *f.*

duine a ghiùlaineas nithean.

neach-gnothaich *f.*

cuideigin a bhios an dreuchd aige ri nithean a reic agus a cheannach; cuideigin ann an gniomhachas.

neach-ionaid *f.*

duine a chuireas nithean an grèim airson dhaoine eile: *neach-ionaid siubhail*.

neach-ionnsaigh *f.*

duine a nì ionnsaigh air duine eile.

neach-iùil *f.*

1 duine a reiceas bileagan air bus, tràna, 7c. 2 duine a stiùireas còisir, 7c.

neach-labhairt *f.*

cuideigin a bhruidhneas air sgàth còmhlan de dhaoine, buidhne, 7c.

neach-obrach *f.*

duine air fhastachadh gus obair shònraichte a dhèanamh.

neach-riaghlaidh *f.*

1 duine a bhios a' gabhail bùth, taigh-ceàirde, 7c, os làimh. 2 riaghlaidair.

neach-ruith *f.*

duine a bhios a' ruith.

neach-sàbhalaidh *f.*

duine a shàbhaileas duine a bhios an èiginn.

neach-seòlaidh *f.*

an duine a sheallas an t-slighe do dhaoine, a chuidicheas iad, a bhruidhneas air seallaidean ùidheil, 7c.

neach-sgrùdaidh *f.*

duine a bhios a' sgrùdadadh.

neach-stiùiridh *f.*

duine a bhios a' stiùireadh.

neach-teagaisg *f.*

cuideigin a bhios a' teagasg.

neach-togail *f.*

duine a bhios a' togail thaighean, 7c.

neach-treòrachaидh *f.*

neach-seòlaidh.

neach-ùrnaigh *f.*

duine a bhios a' déanamh ùrnaigh.

neactar *f.*

gin. neactair

lionn milis a bhios seilleanan a' cruinneachadh à fluraichean.

nead *f.**gin.* agus *iol.* **nid**

1 an t-àite sam bi eòin a' breith an uighean. 2 àite cofhurtail.

nèamh *f.**gin.* **nèimh** *iol.* **nèamhan**

1 an t-àite sam bi Dia agus na h-ainglean a rèir a' chreideimh Chriosdaidh. 2 àite àlainn. 3 an t-adhar; an speur.

nèamhaidh *buadhair***neapaigin** *b.**gin.* neapaigine *iol.* neapaigineanco-ionann ri **neapraigear**.**neapraig** *b.**gin.* neapraige *iol.* neapraigeanco-ionann ri **neapraigear**.**neapraigear** *f.**gin.* neapraigear *iol.* neapraigearan
pios ceàrnach de dh'aodach airson
an t-sròn a shèideadh.**nearbhach** *buadhair**coim.* **nearbhaiche**
iomagaineach.**neart** *f.**gin.* **neirt**cho làidir is a tha cuideigin no
ruideigin; a bhith làidir; spionnadh;
cumhachd.**neartaich** *gnìomhair*

dèan no fàs nas làidire.

neartachadh *f.***neartmhòr** *buadhair**coim.* **neartmhoire**

cumhachdach; glè làidir.

neas *f.**gin.* **neasa** *iol.* **neasan**

beathach beag caol a dh'fhaodas a bhith glè fhiadhaich.

neasgaid *b.**gin.* **neasgaide** *iol.* **neasgaidean**1 guirean no at air a' chraiceann. 2
cruinneachadh de bhrachadh sa chorp.**nèibhidh** *f.**iol.* **nèibhidhean**cabhlach de bhàtaichean agus na
daoine a bhios gan cleachdadadh.**neimh** *f.*co-ionann ri **nimb**.**Neiptiùn** *f.**gin.* **Neiptiùn**

an ochdamh planaid bhon ghrèin.

neo *naisgear*1 airson no. 2 faic air **neo**.**neo- ro-leasachan**air a chleachdadadh ro fhacail gus
brigh àicheil a thoirt orra: *tha e*
cudthromach fios a bhith againn dè a
tha fior agus dè a tha neo-fhior.**neo-abaich** *buadhair**coim.* **neo-abaiche**

gun a bhith abaich.

neo-àbhaisteach *buadhair**coim.* **neo-àbhaistiche**

gun a bhith àbhaisteach.

neo-ainmichte *buadhair*gun ainm; gun a bhith air
ainmeachadh.**neo-aithnichte** *buadhair*

nach aithnich thu.

neo-ar-thaing *co-ghniomhair*abair gu; is cinnteach gu: *nam biodh*

*mòran airgid agam, neo-ar-thaing
nach biodh mòran chàirdean agam.*

neo-chinnteach *buadhair*
coim. **neo-chinnliche**
 gun a bhith cinnteach.

neo-chiontach *buadhair*
coim. **neo-chiontaiche**
 gun a bhith ciontach.

neo-chlèireach *f.*
gin. agus *iol.* **neo-chlèirich**
 cuideigin nach eil na bhall den
 chlèir.

neo-chlèireachail *buadhair*
 gun a bhith clèireachail.

neo-choibhneil *buadhair*
coim. **neo-choibhneile**
 gun a bhith coibhneil.

neo-choireach *buadhair*
coim. **neo-choiriche**
 gun a bhith coireach.

neo-chomas *f.*
gin. **neo-chomais** *iol.* **neo-chomasan**
 1 a bhith neo-chomasach. 2
 rudeigin a tha neo-chomasach. 3
 eu-comas.

neo-chomasach *buadhair*
coim. **neo-chomasache**
 1 nach tèid a dhéanamh. 2 eu-
 comasach.
neo-chomasachd *b.*

neo-chriochnach *buadhair*
coim. **neo-chriochnaiche**
 gun chrioch.

neo-chudthromach *buadhair*
coim. **neo-chudthromaiche**
 gun a bhith cudthromach.

neo-chumanta *buadhair*
 gun a bhith cumanta.

neo-chùram *f.*
gin. **neo-chùraim**
 a bhith gun chùram; dearmadachd.
neo-chùramach *buadhair*

neo-dhiadhaire *f.*
iol. **neo-dhiadhairean**
 cuideigin a chreideas nach eil Dia
 ann.
neo-dhiadhaireachd *b.*, **neo-**
dhiadhaireach *buadhair*

neo-dhileas *buadhair*
coim. **neo-dhile**
 gun a bhith dileas.
neo-dhilseachd *b.*

neo-dhìreach *buadhair*
coim. **neo-dhìriche**
 gun a bhith dìreach.

neo-dhreuchdail *buadhair*
coim. **neo-dhreuchdale**
 air a dhéanamh mar chur-seachad.

neo-éibhinn *buadhair*
coim. **neo-éibhinne**
 gun a bhith éibhinn.

neo-eisimeileach *buadhair*
 den riochd de ghníomhair nach eil
 an eisimeil naisgearan, mion-
 fhacail, 7c, mar 'cha', 'nach', agus
 'gu', m.e. '*nì mi sin*'.

neo-fheumail *buadhair*
coim. **neo-fheumaile**
 gun fheum.

neo-fheumalachd *b.*
 a bhith gun fheum.

neo-fhillte *buadhair*
 gun a bhith fillte; simplidh.

neo-fhior *buadhair*

coim. **neo-fhiora**, **neo-fhìre**
gun a bhith fior; fallsa; breugach.

neo-fhiosrach *buadhair*

coim. **neo-fhiosraiche**
gun a bhith fiosrach.

neo-fhìrinneach *buadhair*

coim. **neo-fhirinniche**
gun a bhith firinneach.

neo-fhoirfe *buadhair*

gun a bhith foirfe.

neo-fhoirmeil *buadhair*

coim. **neo-fhoirmele**
gun a bhith foirmeil.

neòghan *buadhair*

coim. **neòglaine**
gun a bhith glan.

neo-ghlic *buadhair*

coim. **neo-ghlice**
gun a bhith glic.

neòinean *f.*

gin. **neòinein** *iol.* **neòinein**,
neòineanan
luibh beag air a bheil blàth buidhe
is geal.

neòinean-grèine *f.*

gin. **neòinein-grèine** *iol.* **neòinein-grèine**, **neòineanan-grèine**
luibh glè àrd le ceann mòr cruinn
air.

neo-inntinneach *buadhair*

coim. **neo-inntinniche**
gun a bhith inntinneach.

neo-laghail *buadhair*

coim. **neo-laghaile**
gun a bhith laghail.

neo-luachmhòr *buadhair*

coim. **neo-luachmhoire**
gun a bhith luachmhòr.

neo-mhearachdach *buadhair*

coim. **neo-mhearachdaiche**
gun mhearachd; ceart.

neònach *buadhair*

coim. **neònache**
àraig; neo-chumanta.

neo-phòsta *buadhair*

gun a bhith pòsta.

neo-rèidh *buadhair*

coim. **neo-rèidhe**
gun a bhith rèidh.

neo-riaghailteach *buadhair*

coim. **neo-riaghaitche**
gun a bhith riaghailteach.

neo-sgeadaichte *buadhair*

gun a bhith sgeadaichte.

neo-shaillte *buadhair*

gun a bhith saillte.

neo-sheasmhach *buadhair*

coim. **neo-sheasmhaiche**
gun a bhith seasmhach.

neo-shoilleir *buadhair*

coim. **neo-shoilleire**
gun a bhith soilleir.

neo-shònraichte *buadhair*

gun a bhith sònraichte.

neo-thaitneach *buadhair*

coim. **neo-thaitniche**
gun a bhith taitneach.

neo-thruacanta *buadhair*

gun a bhith truacanta.

neul f.

gin. agus *iol.* **neòil**

1 meall deattach uisge, ceò, stùir, 7c,
air fleòdradh san adhar; sgòth. 2
tuar; dreach.
neulach buadhair

neulaich gnìomhair

dèan no fàs dorch, neo-shoilleir,
neulach, 7c.
neulachadh f.

nì f.

iol. **nithean**

1 rud sam bith ris am bean thu, a
chì thu, no air an smaoinich thu,
7c; rud. 2 **an Ni Math Dia.**

nì gnìomhair neo-riaghailteach

faic fo **dèan**

nic ainmean

an coimeas ri **mac**, air a
chleachdadh ann an ainmean
bhoireannach: *Anna NicLeòid*.

nigh gnìomhair

glan rudeigin le uisge: *nigh do
làmhan!*; cò a tha a' dol a nighe nan
soithichean?

nighe f.

nigheadair f.

iol. **nigheadairean**

1 cuideigin a nigheas rudan. 2
inneal-nighe.

nigheadaireachd b.

aodach a tha feumach air an nighe,
a tha gan nighe, no a tha air an
nighe.

nighean b.

gin. **nighinne, ighne tabh. nighinn**

iol. **nigheanan, ighnean**

1 caileag no boireannach a tha na
paiste do chuideigin. 2 caileag.

nighean bràthar b.

nighean dhad bhràthair.

nighean-bùth a.

gin. **nighinn-bùth a iol.** **nigheanan-**
bùth a

nighean no boireannach a bhios ag
obair ann am bùth.

nighean peathar b.

nighean dhad phiuthar.

nìghneag b.

gin. **nighneig iol.** **nighneagan**
faic **nionag**

nimh f.

gin. **nimhe**

1 puinnsean. 2 searbhachd. 3
miorun.

nimheil buadhair

coim. **nimheile**
làn puinnsein.

nionag b.

gin. **nionaig iol.** **nionagan**
nighean bheag.

niosgaid b.

co-ionann ri **neasgaid**.

nis co-ghniomhair

(no **nise**)
faic **a-nise**

nithearn gnìomhair neo-riaghailteach

faic fo **dèan**

nitheigin riochdair

ni nach aithnich thu; rudeigin.

nitheil buadhair

coim. **nitheile**

a ghabhas beantainn no làimh-
seachadh; rudail.

no naisgear

air a chleachdadh gus scalltann gu
bheil roghainn ann: *a bheil thu ag
iarraidh am fear sin no am fear seo?*

nobhail b.

gin. **nobhaile** *iol.* **nobhailean**
sgeulachd a lìonas leabhar gu lèir;
rosa uirsgeulach a' riochdachadh
dealbh de dhaoine agus am
beathannan mar gun robh e fior.

nochd gniomhair

1 thig ann an sealladh; thig am
fianais. 2 seal; taisbean; foillsich.
nochdad f.

nodha buadhair

co-ionann ri **nuadh.**

nòisean f.

gin. agus *iol.* **nòisein**
a bhith déidheil air rudeigin: *bha
nòisean aice dheth.*

Nollaig b.

(*leis an alt*)

iol. Nollaige iol. Nollaigean

1 fèis air a' chòigeamh là fichead
den Dùblachd gus ceann-
bliadhna Chriosd a ghleidheadh;
an Nollaig Mhòr. 2 an t-àm
timcheall air seo.

Nollaig Bheag b.

(*leis an alt*)

gin. **na Nolage Bige** *iol.* **na
Nollaigean Beaga**
Là na Bladhna Uire.

norra f.

(no **norradh**)
co-ionann ri **norrag.**

norradraig b.

gin. **norradaiche**
a' déanamh norrag.

norrag b.

gin. **norraig iol.** **norragan**
cadal aithghearr.

nòs f.

gin. **nòis iol.** **nòsan**
an dòigh ábhaisteach a bhith a'
dèanamh rudan; ábhaist; cleachd-
adh; fasan.
nòsail buadhair

nota b.**iol. notaichean**

1 facail air an sgrìobhadh gus
rudeigin a chur an cuimhne. 2 litir
bheag. 3 punnd airgid: *cosgaidh sin
trì notaichean.*

nuadh buadhair

coim. **nuaidhe**
ùr.

nuadhaich gniomhair

dèan nuadh; ùraich.
nuadhachadh f.

nuair a naisgear

an uair a; aig an uair a: *chunnaic mi
e nuair a bha mi sa bhaile.*

nuairsin co-ghniomhair

faic an uair sin

nuallanaich b.

ag ulfhartaich; a' geumnaich.

nuas co-ghniomhair

faic a-nuas

null co-ghniomhair

faic a-null

nur roimhear leasaichte

faic fo an

nurs b.

iol. **nursaichean**
banaltram.

O

o [ð]

an treas litir dheug san aibidil.

O *clisgear*

facal a sheallas iongnadh, aoibhneas, miann, bròn, 7c.

o *roimhear* (+ *tabh.*)(no **h***o*)(leis an alt **on**, no **bh***on*)(leis an riochdair dhàimheach *a² o om on* no **bh***om bh*om*)*(le buadhair seilbheach *om od o/o or or on/om*, no **bh***om*, 7c)(cumaidhean riochdaireil: **uam**(sa) **uat**(sa) uaithe(san)/uaipe(se)uainn(e) uaibh(se) uapa(san), no **bhuam**(sa), 7c)gun a bhith a' dol gu; air falbh o; à: *o thoiseach na bliadhna; o àm gu àm; air falbh on taigh; fhuair mi an leabhar seo uaipe.*o (a) *naisgear*(no **h***o*)on an àm nuair a: *a bheil e fada o thàinig thu an seo?; is fhada o nach fhaca mi thu!*ob *clisgear*

facal a sheallas iongnadh, gu h-àraidh nuair a thachras rudeigin ceàrr.

òb *f.**gin. òba iol. òban*

1 camas cumhang. 2 camas.

obair *b.**gin. obrach, oibre iol. obraighean, oibrichean*

1 rudeigin a tha agad ri dhèanamh a dh'fheumas dicheall no lùths;

saothair: *obair chruaidh.* 2 an obair a bhios aig duine: *aig m' obair.* 3 rudeigin air a dhèanamh le obair: *cheartaich an tidsear an obair againn.***obair-ghrèis** *b.**gin. obrach-grèis*

a' dèanamh aodach grèise; grèis.

obair-taighe *b.**gin. obrach-taighe*

a' glanadh, a' nighe, agus a' liomadh nithean ann an taigh no aig an taigh.

òban *f.**gin. agus iol. òbain*

òb; òb beag.

obann *buadhair**coim. obainne*

grad; luath; aithghearr.

obannachd *b.***obh** *clisgear*(no **òbh**)facal a chealachdar gus bròn, sgìths, dragh, 7c, a shealltainn: *òbh òbh!***òbo** *b.**iol. òbóthan*

inneal-ciùl gaoithe aig a bheil àird àrd.

obrachadh *f.**gin. obrachaidh*

ag obair.

obraich *gniomhair*dèan obair: *obraichidh sin glè mhath.***obair** *b., obrachadh* *f.***och** *clisgear*

facal a sheallas iongnadh, fearg, truacantas, 7c.

ochanaich *b.*

gin. ochanaiche
ag osnaich.

ochd *buadhair agus ainmear*
an àireamh 8; a h-aon a bharrachd
air a seachd: *a h-ochd; ochd uinneagan.*

ochdad *f.*

gin. ochdайд iol. ochdadán
1 ceithir fichead. 2 gámag.

ochdamh *buadhair*
leanaidh seo an seachdamh fear.

ochdamh deug *buadhair*
leanaidh seo án seachdamh fear
deug.

ochd-deug *buadhair agus ainmear*
an àireamh 18; 'a h-aon a
bharrachd air a seachd-deug:
h-ochd-deug; ochd daoine deug.

ochdnar *f. agus b.*
a h-aon a bharrachd air seachdnar:
ochdnar bhalach.

o chionn roimhear (+ *gin.*)
(no *bho chionn*)
on àm; on uair: *thàinig iad a*
dh'fhuireach an seo o chionn
bliadhna.

òcrach *f.*
co-ionann ri òtrach.

ocsáidean *f.*
gin. ocsáidein
fear de na gasan san àile air a bheil
daoine feumach gus a bhith beò.

od roimhear leasaichte
faic fo o

odhar *buadhair*

coim. odhair, uidhre
liath-dhonn.

òg *buadhair*

coim. òige
a rugadh a chionn ghoirid; a bha
beò airson greiseig; gun a bhith
aosta.

òganach *f.*

gin. agus iol. òganach
fireannach òg.

ogha *f.*

iol. oghaichean, oghachan
leanabh aig mac no nighean dhut.

Ogmhios *f.*

(leis an alt)
gin. an Ogmhiosa
an siathamh mìos den bhliadhna.

oibrich *gniomhair*

co-ionann ri obraich.
obair *b.*, oibreachadh *f.*

oibriche *f.*

iol. oibrichean
cuideigin a bhios ag obair.

oide *f.*

iol. oidean
athair a dh'altraim thu.

oideachas *f.*

gin. oideachais
foghlaam.

oidhche *b.*

iol. oidhcheannan
an t-àm nuair a bhios i dorch eadar
éirigh agus laighe na gréine: *cha*
d'fhuair mi mòran cadail air an
oidhche; oidhche mhath leat! no
oidhche mhath dhut!; *a dh'oidhche is*
a là; fad na h-oidhche.

Oidhche-ardaoin b.

a' chòigeamh oidhche den t-seachdain.

saoghal seo agus Tir nan Og a' fosgladh Oidhche Shamhna.

Oidhche-chiadain b.

a' cheathramh oidhche den t-seachdain.

Oidhche-haoine b.

an t-siathamh oidhche den t-seachdain.

Oidhche-luain b.

an dara h-oidhche den t-seachdain.

Oidhche-mhàirt b.

an treas oidhche den t-seachdain.

Oidhche na Sàbaid b.

a' chiad oidhche den t-seachdain; Oidhche-Dhidòmhnaich.

Oidhche na Sàboinn b.

co-ionann ri **Oidhche na Sàbaid.**

Oidhche-shathairne b.

an t-seachdamh oidhche den t-seachdain.

Oidhche Challainn b.

an oidhche ro Là na Bliadhna Uire.

Oidhche-dhiardaoin

faic **Oidhche-ardaoin**

Oidhche-Dhidòmhnaich b.

Oidhche-Dhòmhnaich.

Oidhche-Dhòmhnaich b.

a' chiad oidhche den t-seachdain; Oidhche na Sàbaid.

Oidhche Shamhna b.

an là ro thoiseach na Samhna; an t-aona là deug air fhichead den Dàmhair: *a rèir beul-aithris Ceiltich bhiodh an tallan eadar an*

oidhirp b.

gin. oidhirpe iol. oidhirpean a' feuchainn ri rudeigin a dhèanamh; dicheall; ionnsaigh: déan oidhirp; thug e oidhirp air sin a dhèanamh.

oidhirpeach buadhair

oifigeach f.

gin. agus iol. oifigich 1 cuideigin a nì obair oifigeil. 2 cuideigin a ghabhas daoine eile os làimh, gu h-áraidh san arm, 7c.

oifigear f.

gin. oifigear iol. oifigearan co-ionann ri oifigeach.

oifigeil buadhair

coim. oifigelle

1 air a dhèanamh no air a ràdh le cuideigin aig a bheil ùghdarras. 2 ceangailte ri obair aig a bheil ùghdarras.

oifis b.

gin. oifise iol. oifisean

1 seòmar no togalach sam bi daoine ag obair; ionad. 2 roinn gnothaich no riaghaltais. 3 suidheachadh no obair a tha cudthromach.

oifis a' phuist b.

iol. oifisean a' phuist

àite san urrainn dhut stampaichean, òrduighean-puist, 7c, a cheannach, agus litrichean, 7c, a chur air falbh.

òige b.

a bhith òg.

òigeach f.

gin. agus *iol.* **òigich**
co-ionann ri **àigeach**.

aodach no ball-aodaich a tha
uisge-dionach.

òigear f.

gin. **òigeir** *iol.* **òigearan**
duine òg; cuideigin a tha na
dheugaire.

oillt b.

gin. **oillte** *iol.* **oilltean**
eagal mòr.

òigh b.

gin. **òighe** *iol.* **òighean**
maighdeann; gruagach.

oillteil buadhair

coim. **oillteile**
eagalach; grànda.

oighre f.

iol. **oighreachan**
cuideigin a gheibh oighreachd bho
chuideigin eile.

oilltich gniomhair

cuir eagal a bheatha air cuideigin.
oillteachadh f.

oighreachd b.

iol. **oighreachdan**
1 àite mòr talmhainn a bhuineas do
aon duine. 2 a h-uile cail a bhuineas
do chuideigin nuair a bhàsaicheas
e.

oilthigh f.

iol. **oilthighean**
àite sam bi daoine a' rannsachadh
airson cheum, an deidh dhaibh an
sgoil fhàgail.

òigridh b.

daoine òga.

òinseach b.

gin. **òinsiche** *iol.* **òinsichean**
tè a tha gòrach.

oir b.

gin.. **oire** *iol.* **oirean**
an roinn air fad taobh no ceann
rudeigin: *gheàrr mi m' òrdag air oir*
na sgeine.

oir naisgear

a chionn is gu; airson gu.

oirbh(se) roimhear riochdaireil

faic fo air¹

òirdheirc buadhair

coim. **òirdheirce**
glòrmhor; àlainn; greadhnach.

òirleach f. agus b.

gin. agus *iol.* **òirlich**
tomhas de dh'fhad: *tha dà òirleach*
dheug ann an troigh.

oileanach f.

gin. agus *iol.* **oileanaich**
cuideigin a rannsacheas, gu
h-àraidh ann an colaiste no ann an
oilthigh.

oileanaich gniomhair

teagaisg; ionnsaich.
oileanachadh f.

oilisgin f.

iol. **oilisginean**

òirnn(e) roimhear riochdaireil
faic fo air¹

oirre(se) roimhear riochdaireil
faic fo air¹

oirthir b.

gin. oirthire iol. oirthirean
oir na tire; an t-àite far an ruig am
muir an tìr.

oisean f.

gin. oisein iol. oiseanan
an t-àite far an coinnich dà loidhne,
dà bhalla, 7c; uilinn; cùil.

oiseann b.

gin. oisinn, oisne iol. oisnean
co-ionann ri oisean.

òisgean b.

faic fo othaisg

oisinn b.

gin. oisne iol. oisnean
co-ionann ri oisean.

oistrig b.

gin. oistrige iol. oistrigean
struth.

oiteag b.

gin. oiteig iol. oiteagan
gaoth aotrom.

oitir b.

gin. oitire iol. oitirean
rubha ional a stobas a-mach don
mhuir, mar as trice fear air a
chòmhachadh aig muir-làn.

òl gnìomhair

gabh deoch; sluig lionn.
òl f.

ola b.

iol. olaichean

1 lionn tiugh sleamhainn nach
gabh measgachadh còmhla ri
uisge. 2 seòrsa creag-ola air a
cleachdadh mar chonnadh.

olann b.

gin. olainn
am fionnadh no am falt bog tiugh
air caora, gobhar, 7c; clòimh.

olc buadhair

coim. miosa
dona; cronail.

olc f.

gin. uile
a bhith dona no olc.

ollamh f.

gin. ollaimh iol. ollamhan
1 duine aig a bheil ceum as àirde
bho oilthigh. 2 (leis an alt) air a
chur ro ainm duine aig a bheil a
leithid de cheum (air a ghiorra-
chadh gu An t-Oll).

ollamhachd b.

ollanaich gnìomhair

1 deasaich marbhan mas adhlaic-
ear e. 2 adhlaic.
ollanachadh f.

om roimhear leasaichte

faic fo o

òmar f.

gin. òmair
stuth cruaidh air dath donn-
bhuidhe a chleachdar ann a bhith
a' déanamh bhall-maise.

on roimhear leasaichte

faic fo o

on a naisgear

(no bhon a)

seach gu: *thàinig iad a-steach on a bha e fada ro shuar a-muigh.*

onair b.

gin. **onaire** *iol.* **onairean**
1 urram. 2 dìlse. 3 ionracas.

onarach *buadhair*

coim. **onaraiche**
1 urramach. 2 dileas. 3 ionraic.

onaraich *gniomhair*

1 fairich no nochd onair no urram do chuideigin. 2 aidich.

onarachadh *f.*

onfhadh *f.*

gin. **onfhaidh** *iol.* **onfhaidhean**
1 sèideadh; stóirm. 2 fearg.

opairèisean *f.*

gin. **opairèisein** *iol.* **opairèiseanan**
rudeigin air a dhéanamh le làmh-léigh gus déiligeadh ri galar no goirteachadh.

opara *b.*

iol. **oparathan**
dealbh-chluich san tèid a h-uile, no an ire mhath a h-uile facal a sheinn.

òr *f.*

gin. **òir**
meatailt bhuidhe phriseil.

or *roimhear leasaichte*

faic fo o

òraid *b.*

gin. **òraide** *iol.* **òraidean**
bruidhinn air a ràdh do chòmhlan dhaoine.
òraideach *buadhair*

òraidiache *f.*

iol. **òraidiachean**
neach a bheir seachad òraid.

orainds *buadhair*
faic **orains**

oraindsear *f.*
faic **orainsear**

orains *buadhair*
coim. **orainse**
dath an orainseir; dearg-bhuidhe.

orainsear *f.*
gin. **orainseir** *iol.* **orainsearan**
meas cruinn súghmhor air dath dearg-bhuidhe.

òran *f.*
gin. agus *iol.* **òrain**
fonn airson scinn.

òran-càraig *f.*
gin. agus *iol.* **òrain-chàraig**
pios ciùil airson dithis sheinneadair no shear-ciùil.

òran-dithis *f.*
gin. agus *iol.* **òrain-dithis**
òran-càraig.

òran luadhaidh *f.*
gin. agus *iol.* **òrain luadhaidh**
òran a sheinnte le boireannaich shad is a bhiodh iad a' luadhadh clò.

òran luaidh *f.*
co-ionann ri **òran luadhaidh**.

orcastra *b.*

iol. **orcastrathan**
còmhlan mòr de luchd-ciùil.

òrd *f.*

gin. **ùird** *iol.* **ùird, òrdan**
ball-acfhainn air a chleachdadh gus tarragan a bhualadh, gus clachan a bhriseadh, 7c.

òrdag b.

gin. òrdaig *iol.* òrdagan
a' chorrag bheag reamhar air
taobh gach làimhe agus air taobh
gach coise.

òrdaich gniomhair

1 inns do chuideigin rudeigin a
dhèanamh; deachd. 2 iarr gus am
faigh thu rudeigin. 3 cuir an
òrdugh; riaghailtich. 4 sgiobaich.
òrdachadh f.

òrdaighean ainmear iolra
seirbhisean comanachaидh.**òrdail buadhair**

coim. òrdaile
1 ann an òrdugh; riaghailteach. 2 a
sheallas an t-òrdugh de shreath:
tha 'còigeamh' na chunnntair òrdail.

òrdan f.

gin. agus *iol.* òrdain
òrdugh.

òrdugh f.

gin. òrduigh *iol.* òrduighean
1 ag innseadh do chuideigin
rudeigin a dhèanamh. 2 iarrtas gus
am faighean rudeigin. 3 riaghailt. 4
sgiobaltachd.

òrdugh-puist f.

gin. òrduigh-phuist *iol.* òrduighean-
puist
sgriobhainn air a ceannach ann an
oifis a' phuist, air a cleachdadh gus
airead a chur air falbh leis a'
phost.

òrgan f.

gin. òrgain *iol.* òrganan
inneal-ciùil mòr le aon no barrachd
mheur-chlàran air.

òrgan-beòil f.

gin. òrgain-bheòil *iol.* òrganan-beòil
inneal-ciùil a chleachdar le bhith ga
shèideadh agus ga dheoghal.

òr-iasd f.

gin. agus *iol.* òr-èisg
iasg dearg-bhuidhe, gu tric air a
chumail mar pheata.

orm(sa) roimhear riochdaireil
faic fo air¹**orra(san) roimhear riochdaireil**
faic fo air¹**ort(sa) roimhear riochdaireil**
faic fo air¹**ortha b.**

iol. orthachan, orthannan
seun.

os roimhear

1 os cionn nas àirde na. 2 os iosal gu
diomhair; gu socair. 3 os làimh fo
smachd.

osag b.

gin. osaig *iol.* osagan
oiteag.

osan f.

gin. osain *iol.* osain, osanan
stocainn.

osann f.

gin. agus *iol.* osaínn
co-ionann ri osnadh.

os cionn roimhear (+ gin.)

(no **bhos cionn**)
nas àirde na: tha solas os cionn na
leapa; bha a' ghrian os ar cionn.

os iosal co-ghniomhair

gun fhios aig duine eile; gu
diomhair; gu socair.

os làimh *co-ghniomhair*
fo smachd; ga dhèanamh.

osnachadh *f.*
gin. **osnachaidh**
ag osnaich.

osnad *f.* agus *b.*
(no **osna**)
gin. **osnaidh** *iol.* **osnaidhean**
1 fuaim a nì thu nuair a leigeas tu d'
anail gu luath nuair a bhios tu
sgith, brònach, 7c. 2 gaoth aotrom.
osnach *buadhair*

osnaich *gniomhair*
dèan osnaidhean.
osnaich *b.*, **osnachadh** *f.*

ospadal *f.*
gin. **ospadail** *iol.* **ospadalan**
taigh-eiridinn.

òstair *f.*
iol. **òstairean**
cuideigin aig a bheil taigh-òsta.

Ostaireach *f.*
gin. agus *iol.* **Ostairich**
neach às an Ostair.
Ostaireach *buadhair*

othail *b.*
gin. **othaile** *iol.* **othailean**
1 úpraid; brosnachadh. 2 toirm.

othaisg *b.*
gin. **othaisge** *iol.* **othaisgean**,
òisgean
caora aon bhliadhna.

òtrach *f.*
gin. **òtraich** *iol.* **òtraichean**
1 àite san sad thu shalchar. 2 sitig.

P

p [pē]
a' cheathramh litir dheug san
aibidil.

Pabach *f.*
gin. agus *iol.* **Pabaich**
neach à Pabaigh.
Pabach *buadhair*

pac *f.*
gin. **paic** *iol.* **pacairean**
co-ionann ri **paca**.

paca *f.*
iol. **pacannan**
1 cruinneachadh de nithean;
ultach; eallach. 2 sreath de
chairtean-cluiche. 3 abharsaig.

pacaid *b.*
gin. **pacaide** *iol.* **pacaidean**
parsail; pasgan.

pacaig *gniomhair*
paisg.
pacaigeadh *f.*

pàidh *f.*
iol. **pàidhean**, **pàidhichean**
feòil no meas air fhuineadh ann an
còmhach de phastra.

paidhir *f.* agus *b.*
iol. **paidhiricéan**
dà rud coltach ri chèile; càraid:
paidhir bhrògan.

pайдиреан *f.*
gin. **paidirin** *iol.* **paidirinean**
1 (an Eaglais Chaitligeach) sreath
ùrnaighean; a' Chonaire. 2 bann
għriogagan a chleachdar airson na
h-ùrnaighean seo a chunntadh.

paidse b.

iol. paidsichean
bréid.

pàigh gniomhair

1 thoir airgead an àite rudeigin;
diol: *na phàigh thu do bhiadh?* 2 bi
soirbheachail: *cha phàigh e dhut a
bhith a' diùltadh cuideachadh.* 3
fuing: *dh'fheumamaid na mear-
achdan againn a phàigheadh le
bhith nar seasamh sa chùil.*
pàigheadh f.

pàileis b.

iol. pàileisean
lùchairt.

pàillean f.

gin. pàillein *iol.* pàilleanan
1 togalach air raon lùthchleasa. 2
teanta.

pailm b.

gin. pailme
fiadh den chraoibh-phaiml.

pailt buadhair

(no pailte)
coim. paitle
gu mòr am meud; lionmhor.

pailteas f.

gin. pailteas
1 mòran de rudeigin; uimhir de
rudeigin: *pailteas bidh.* 2 barrachd
air na bha a dhìth.

pàipear f.

gin. pàipeir *iol.* pàipearan
1 stuth tana air a chleachdad
airson sgrìobhaidh, clò-bhualaidh,
pasgaidh, 7c. 2 pàipear-
naidheachd. 3 alt; aiste.

pàipearaich gniomhair

cuir pàipear air balla, 7c; boltaig.
pàipearachadh f.

pàipear-balla f.

gin. pàipeir-balla
an seòrsa pàipeir thiugh, mar as
trice le pàtran air, a chuirear air
balla, 7c; boltaigeadh.

pàipear-èibhinn f.

gin. pàipeir-èibhinn *iol.* pàipearan-
èibhinn
pàipear làn de dhealbhan-èibhinn.

pàipear-gainmhich f.

gin. pàipeir-gainmhich
pàipear làidir le gainmhich air a
glaodhadh air, a chleachdar gus
uachdar an shuathadh gus am bi
iad min agus reidh.

pàipear-naidheachd f.

gin. pàipeir-naidheachd *iol.*
pàipearan-naidheachd
pasgan de dhuiileagan pàipeir le
iomraighean, altan, sanasan-reic,
7c, a thèid shoilseachadh gach là
no seachdain.

pàirce b.

(no pàirc)
iol. pàircean

1 gàrradh mòr a thèid a
chleachdad le duine sam bith. 2
achadh; lèana.

paireafain f.

faic parabhan

pàirt f.

iol. pàirtean
pios; roinn; earrann.

pàrtich gniomhair

roinn.
pàirteachadh f.

paisg gniomhair

1 cuir nithean ann am màileid,
bucas, pàipear, 7c; cuir rudan ann

an òrdugh. 2 fill.
pasgadh f.

paisgte buadhair
air a phasgadh.

pàiste f.
iol. **pàistean**
leanabh.

pana f.
iol. **panaichean**

1 soitheach airson còcaireachd;
prais. 2 am bobhla ann an taigh-beag.

pannal f.
gin. **pannail iol. pannalan**

1 clàr fiodha, meatalte, 7c, a tha na
earrainn de dhoras, bhalla, 7c; clàr.
2 còmhlan dhaoine air an taghadh
gus rudeigin a bheachdachadh.

Pàpanach f.
gin. agus *iol.* **Pàpanaich**
Caitligeach.
Pàpanach buadhair

parabhan f.
gin. **parbain**
ola air a cleachdad mar
chonnadh.

pàrant f.
iol. **pàrantan**
athair no màthair.
pàrantach buadhair, pàrantachd b.

pàrlamaid b.
gin. **pàrlamaide iol. pàrlamaidean**
am mòrdhail a chruthaicheas na
laghan ann an dùthaich: *tha dà*
thaigh anns a' Phàrlamaid
Bhreatannach, Taigh nan
Cumantan agus Taigh nam
Morairean.
pàrlamaideach buadhair

pàrras f.
gin. **pàrrais**
nèamh; àite nèamhaidh.

parsail f.
iol. **parsailean**
rudeigin air a phasgadh ann am
pàipear, 7c, a ghiùlaineas tu, no a
chuireas tu air falbh air a' phost;
pasgan.

pàrtaidh f.
iol. **pàrtaidhean**
1 àm nuair a thig daoine còmhla
airson dibhearsain no tòileachais;
cèilidh: *bidh pàrtaidh againn aig a'*
Bhliadhna Uir. 2 còmhlan dhaoine
ag obair no a' siubhal còmhla. 3
còmhlan dhaoine agus na beach-
dan poileataigeach aca.

partan f.
gin. **partain iol. partanan**
maorach air a bheil deich casan.

pasgadh f.
gin. **pasgaidh**
1 a' cur nithean ann am màileid,
bucas, pàipear, 7c. 2 pasgan;
parsail. 3 a' filleadh.

pasgan f.
gin. agus *iol.* **pasgain**
parsail.

pastra b.
measgachadh de fhlùr, gheir, agus
uisge, air a ridhleadh rèidh agus air
fhuineadh.

pàtaran f.
faic **pàtran**

pathadh f.
gin. **pathaidh**
a' faireachdainn gu bheil thu ag

iarraidh deoch: *a bheil am pathadh ort?*; *tha mi leis a' phathadh.*

pàtran f.

gin. **pàtrain** *iol.* **pàtranan**

1 còmhlan sgeadachaidh de chumaidhean no loidhnichean. 2 dealbh a leanas tu gus rudeigin a dhèanamh, mar dhreasa, 7c.

peabar f.

co-ionann ri **piobar**.

peacach f.

gin. agus *iol.* **peacaich**
cuideigin a nì peacadh.

peacachadh f.

gin. **peacachaidh**

a' dèanamh peacadh no cionta;
peacadh.

peacadh f.

gin. **peacaidh** *iol.* **peacaidhean**

a' briseadh lagh diadhaidh no
beusach; gniomh glè dhona.

peacaich *gniomhair*

dèan peacadh no cionta.

peacachadh f.

peall f.

gin. **pill** *iol.* **pillean**

seiche mholaich.

peallach *buadhair*

coim. **peallaiche**

molach.

peanas f.

gin. **peanais** *iol.* **peasan**
peanasachadh.

peanasachadh f.

gin. **peanasachaidh**

1 rudeigin a dh'sheumas duine a
dhèanamh, no a nì thu air duine, a

chionn is gun do rinn e rudeigin
ceàrr. 2 a' toirt air cuideigin a bhith
a' fulang a chionn is gu do rinn e
rudeigin ceàrr.

peanasachadh f.

thoir air cuideigin a bhith a' fulang
a chionn is gun do rinn e rudeigin
ceàrr.

peanasachadh f.

peann f.

gin. agus *iol.* **pinn**

innleachd le bior meataitl airson
sgriobhaidh le dubh.

peansail f.

iol. **peansailean**

innleachd airson sgriobhaidh no
tarraing, air a dhèanamh à bioran
fiodha no meataitl agus pìos
luaidhe no cailce tro mheadhan.

peant *gniomhair*

cuir peant air rudeigin.

peantadh f.

peanta f.

iol. **peantan**, **peantaichean**

stuth a chuirear air rudeigin gus
dath a chur ann no gus a
chòmhdachadh.

peantair f.

iol. **peantairean**

1 cuideigin a pheantas dealbhan. 2
cuideigin a bhios an dreuchd aige ri
bhith a' peantadh thaighean, 7c.

pearraig b.

gin. **pearraide** *iol.* **pearraidean**

eun dathte aig a bheil comas a
bhith ag ath-aithris rudan a chanas
tu.

pearsa f.

iol. **pearsachan**

1 duine; neach. **2** duine ann an sgeulachd no dealbh-chluich.

beathach mara mar mhuic-mhara bhig.

pearsanta buadhair

1 a' gabhair gnothaich ri duine àraidh; a' buntainn do dhuine àraidh. **2** a' coimhead math; eireachdail. **3** a chòrdas riut; taitneach.

peilear *f.*

(no peileir)

gin. peileir iol. peilearan

meall beag de mheatailt a thilgear à gunna.

pears-eaglais *f.*

iol. pearsan-eaglais
ball den chlèir.

peile-frasaidh *f.*

iol. pelichean-frasaidh

peile airson uisge a fhrasadh air flùraichean, 7c.

peasair *b.*

gin. peasrach iol. peasraichean
glasraich bheag bhiodach a tha cruinn agus uaine, a dh'fhàsas ann am plaosg.

pèin *f.*

faic fo **pian**

pèin *riochdair ath-bhuailteach*

airson **fèin:** *agaibh pèin.*

peata *f.*

iol. peatan, peatachan, peataichean
1 beathach nach eil fiadhaich; beathach a tha callda no soith-eamh. **2** an duine as fheàrr leat.

peirceall *f.*

gin. peircill, peircle iol. peirceallan, peirclean

1 roinn as isle na h-aghaidhe; gall. **2** aon den dà chnàmh a bhios a' cumail nam fiacan.

peata-ruadh *f.*

iol. peatachan-ruadha
eun-mara le gob mòr srianach air; buthaid.

pèist *b.*

gin. pèiste iol. pèistean

beathach a shnàigeas: 's e *pèistean* a tha ann an nathraighean, sligeanach, laghairtean, agus crogaill.

peatrail *f.*

lionn air a dhèanamh à creig-ola, air a chleachdadh gus einnseanan chàraichean, 7c, iomain.

peitean *f.*

gin. peitein iol. peiteanan

1 ball-aodaich caol gun mhuini-chillean, mar as trice air a chaitheamh fo sheacaid. **2** geansaидh.

peighinn *b.*

gin. peighinne iol. peighinnean
sgillinn.

peile *f.*

iol. peilichean
bucaid; cuinneag.

peileag *b.*

gin. peileig iol. peileagan

peitseag *b.*

gin. peitseig iol. peitseagan

meas cruinn sùghmhor le cloich mhòir na bhroinn.

peur b.

gin. peura iol. peuran
meas sùghmhor a dh'fhàsas nas
caoile aig a' mhullach.

pian b.

gin. pèin iol. piantan
faireachdáinn neo-thaitneach a
gheibh thu nuair a bhios tu
euslainteach no air do ghoirteach-
adh; cràdh.

piàna f.

iol. piànathan
inneal-ciùl mòr le meur-chlàr air.

pianail *buadhair*

coim. pianaile
a ghoirticheas; làn pèin.

piàno f.

co-ionann ri piàna.

pic f.

gin. pice iol. picean
ball-acfhainn trom biorach le cois
fhada air airson talamh cruaidh,
7c, a bhriseadh.

piceal b.

co-ionann ri picil.

picil b.

gin. picile
lionn de dh'uisge sailte no fion-
geur anns an cuirear biadh am
bogadh; biadh air a ghleidheadh
air an dòigh seo.

picnig f.

iol. picnigean
cuirm-chnuic.

pile f. agus b.

iol. pilichean, pileachan
bàlla no gràinnean beag de
chungaidh-leighis.

pileat f.

faic *poidhead*

pillean f.

gin. pillein iol. pilleanan
1 poca, mar as trice de dh'aodach,
air a lionadh le stuth bog gus am bi
e cofhurtail nuair a leigeas tu do
thaic air; *tha pillean air a h-uile*
cathair san taigh againn. 2 diollaid.

pinc *buadhair*

coim. pince
bàn-dhearg.

pinnt f.

iol. pinntean
tomhas lionna co-ionann ris an
ochdamh cuid de ghalan.

piob b.

gin. pioba iol. pioban
1 pìos fada còsach de mheatailt,
phlastaig, ghlainne, 7c. 2 piob
airson uisge, dealan, gas, 7c, a
ghiùlan. 3 saidhbhir; drèana. 4
piob airson tombaca a ghabhail. 5
inneal-ciùl a nì fuaim nuair a thèid
àile fhàsgadh à poca a-steach ann
an seath de phioban; piob-mhòr:
am bi thu a' cluiche air a' phiob a-
nochd?

piobach *buadhair*

coim. piobaiche
air a chumadh mar phiob.

piobaire f.

iol. piobairean
duine a chluicheas air a' phiob.

piobaireachd b.

co-ionann ri *piobrachd*.

piob-analach b.

iol. pioban-analach

piob trom bi thu a' tarraing agus a'
leigeil d' analach.

piobar *f.*

gin. piobair

1 pùdar air a bheil blas teth, a
chleachdar gus biadh a bhlas-
achadh. 2 glasraich air a bheil
measan dearg no uaine.

piob-chiùil *b.*

gin. piob-ciùil iol. pioban-ciùil
co-ionann ri piob-mhòr.

piob-mhòr *b.*

gin. piob-mòire iol. pioban-mòra
inneal-ciùil.
faic fo **piob**

piobrachd *b.*

1 a' cluiche air a' phìob. 2 ceòl
airson na pioba.

piobraich *gniomhair*

1 brosnach. 2 cuir piobar air
rudeigin.
piobrachadh *f.*

piob-uisge *b.*

iol. pioban-uisge
1 piob a ghiùlaineas uisge. 2 piob
airson uisge a fhrasadh air nithean.

pioc *gniomhair*

1 bid no ith rudeigin leis a' ghob:
bha na ceartan a' piocadh gràn. 2 a
creim.

piocadh *f.*

Piocach *f.*

gin. agus iol. Piocaich
Cruithneach.

pioghaid *b.*

co-ionann ri pitheid.

piorbhaig *b.*

gin. piorbhaige iol. piorbhaigean
còmhach de dh'fhalbh brèige airson
a' chinn; gruag.

piorna *b.*

iol. piornachan
inneachd chruinn air an tionnd-
aidhearr snàth.

pios *f.*

iol. piosan

1 rud beag de rudeigin; mìr. 2
earrann. 3 ceapaire: *gabhaidh mi*
pios is càise.

piseach *b.*

gin. pisich
adhartas; leasachadh; soirbheach-
adh.

piseag *b.*

gin. piseig iol. piseagan
cat òg.

pit *b.*

gin. pite iol. pitean
an roinn a-muigh de bhuill-
ghineamháinn boireannaich.

pitheid *b.*

gin. pitheide iol. pitheidean
1 eun dubh is geal. 2 pearraig.

piullach *buadhair*

coim. piullaiche

1 a bhios a' coimhead tinn. 2 a
bhios a' coimhead iomagaineach.

piuthar *b.*

gin. peathar iol. peathraichean
boireannach no nighean aig a bheil
na h-aon phàrantan is a tha aig
cuideigin eile.

piuthar athar *b.*

piuthar dhad athair.

piuthar-chèile b.

gin. peathar-cèile *iol.*
 peathraichean-cèile
 piuthar dhad chèile.

piuthar màthar b.

piuthar dhad mhàthair.

plaide b.

iol. plaidean
 1 còmhdaich mòr tiugh air a
 chleachdadadh gu h-àraidh air
 leabaidh; cuibhrig; plangaid. 2
 breacan.

plàigh b.

gin. plàighe *iol.* plàighean
 1 galar cunnartach a sgaoileas gu
 luath. 2 àireamh mhòr de fhridean:
plàigh de chuileagan.

plana f.

iol. planaichean
 an dòigh air an dèan thu rudeigin,
 agus air an do smaoinich thu ro
 làimh; innleachd.

planaid b.

gin. planaide *iol.* planaidean
 meall speurach a thèid timcheall air
 a' ghrèin: *is iad seo na planaidean:*
Mearcair, Bhéineas, an talamh,
Màrt, Iùpadar, Satharn, Uranas,
Neiptiùn, agus Pluta.

planaig gniomhair

beachdaich air dè a nì thu; dealbh;
 dèan plana.
planaigeadh f.

plangaid b.

gin. plangaide *iol.* plangaidean
 plaide.

plannd f.

gin. plannda *iol.* planndaichean
 luibh.

plaosg f.

gin. plaoisg *iol.* plaosgan
 1 rùsg. 2 cochall.

plàst f.

s. plàsta *iol.* plàstan, plàstaidhean
 còmhdaich glaodhach a chuireas tu
 air leòn; plastair.

plastaig b.

gin. plastaige *iol.* plastaigean
 stuth co-dhèanta a tha làdir agus
 aotrom, agus a thèid a chur ann an
 cumaidhean eadar-dhealaichte.

plastaig buadhair

coim. plastaige
 air a dhèanamh à plastaig: *poca*
plastaig.

plastair f.

iol. plastairean
 còmhdaich glaodhach a chuireas tu
 air leòn; plàst.

plastasan f.

gin. plastsain
 stuth bog dathte plastaig a
 chleachdar airson cumaidhean a
 dhèanamh.

pleadhag b.

gin. pleadhaig *iol.* pleadhagan
 co-ionann ri pleadhan.

pleadhagaich gniomhair

1 coisich ann an uisge tana. 2 gluais
 eathar le pleadhan.
pleadhagaich b.

pleadhan f.

gin. pleadhain *iol.* pleadhanan
 ràmh beag.

plèana b.

iol. plèanaichean
 itealan.

pliutha b.

iol. pliuthaichean
am bior air acair.

ploc f.

gin. pluic *iol.* plocan
pios teann de rudeigin; cnap; ceap.

plocan f.

gin. plocain *iol.* plocanan
ploc beag.

plosg f.

gin. ploisg *iol.* plosgan
a' leigeil no a' tarraing d' analach
mar as trice an déidh dhut a bhith
nad ruith.

plosg *gniomhair*

1 buail le ruith làdir. 2 leig agus
tarraig d' anail gu luath, mar as
trice an déidh dhut a bhith nad
ruith, 7c.

plosgadh f., plosgartaich b., plos-
gartach buadhair

plub f.

gin. pluba *iol.* pluban
am fuaim a nì builgean nuair a
bhriseas e; am fuaim a nì rudeigin
nuair a thuiteas e ann an uisce.

plubadaich b.

gin. plubadaiche
a' plubaich.

plubail b.

gin. plubaile
a' plubaich.

plubarsaich b.

gin. plubarsaiche
a' plubaich.

plubrach buadhair

coim. plubraiche
a' déanamh plubaich.

plubraich *gniomhair*

dèan fuaim mar bhuilgeanan; dèan
fuaim mar a nì rudeigin nuair a
thuiteas e ann an uisce.

plubraich b.

plucan f.

gin. plucain *iol.* plucanan
1 rudeigin a thèid a-steach ann am
mullach botail, crogain, 7c, no ann
an toll, gus a dhùnadh. 2 cnag-
dealain.

pluga f.

iol. plugaichean
plucan; cnag.

pluic b.

gin. pluice *iol.* pluicean
gruaidh.

pluicean f.

gin. pluicein *iol.* pluiceanan
pluic bheag chruinn.

plum *gniomhair*

tum.

plumadh f.

plumadaich b.

gin. plumadaiche
1 a' tumadh. 2 a' sàthadh.

plumair f.

iol. plumairean
cuideigin a chuireas a-steach agus a
chàraicheas pioban uisce ann an
togalach.

plumais b.

gin. plumaise *iol.* plumaisean
meas bog sùghmhor le cloich na
mheadhan.

plumas f.

co-ionann ri **plumais**.

Pluta *f.*

an naoidheamh planaid bhon
ghrèin.

poca *f.*

iol. **pocannan**
soitheach de phàipear, phlastaig,
7c; sac.

pòca *f.*

iol. **pòcan, pòcannan**
pòcaid.

poca-cadail *f.*

iol. **pocannan-cadail**
poca blàth airson a bhith a' cadal
ann, gu h-àraidh nuair a bhios tu a'
campadh.

poca-droma *f.*

iol. **pocannan-droma**
abharsaig.

pòcaid *b.*

gin. **pòcaide** *iol.* **pòcaidean**
earrann de bhall-aodaich mar
phoca, sam bi thu a' cur nithean;
pòca.

pòcair *f.*

iol. **pòcairean**
bioran meataitt airson teine a
bhrodadh.

pòcairich *gniomhair*

brod; stuig.

pòcaireachadh *f.***pòg** *b.*

gin. **pòige** *iol.* **pògan**
a' beantainn ri cuideigin led
bhilean mar chomharradh gaoil no
dèidhe.

pòg *gniomhair*

thoir pòg do chuideigin.

pògadh *f.***poidhlead** *f.*

gin. **poidhleid** *iol.* **poidhleadan**
stiùireadair itealain.

poidsear *f.*

gin. **poidseir** *iol.* **poidsearan**
cuideigin a shealgas beathaichean,
gun chead, air fearann a bhuineas
do chuideigin eile.

pòile *f.*

co-ionann ri **pòla**

poileas *f.*

gin. **poileis**
co-ionann ri **polas**.

poileasman *f.*

co-ionann ri **polas**

poileataics *ainmear*

gnothaichean poileataigeach.

poileataigeach *buadhair*

coim. **poileataigiche**
a' gabhlai gnothaich ri bhith a'
riaghadh dùthach.

poilis *f.*

co-ionann ri **polas**.

poirdse *f.* agus *b.*

iol. **poirdsean**
àite còmhdaichte air taobh a'
muigh doras togalaich.

pois *buadhair*

coim. **poise**
spadeil.

poit *b.*

gin. **poite** *iol.* **poitean**
1 soitheach, mar as trice cruinn;
prais; pana. 2 poit-teatha.

poit-dhubh *b.*

gin. **poit-duibhe** *iol.* **poitean-dubha**

innleachd airson uisge-beatha agus
deochannan-làidir eile a
dhèanamh; stail.

fliuch; eabar. 2 lòn. 3 boglach. 4
poll-mònach.

poit-teatha b.

(no poit-ti)

iol. poitean-teatha

poit san dèan thu teatha.

pollag b.

gin. pollaig iol. pollagan
glumag.

poll-mònach f.

(no poll-mòna(dh))

gin. agus iol. puill-mònach
gearradh san talamh far am bi
mòine ga buain.

pòla f.¹

iol. pòlaichean

crann fada cruinn de dh'fhiodh no
mheatailt; cabar.

pònaidh f.

iol. pònaidhean

each beag; capall.

pòla f.²

iol. pòlaichean

1 am Pòla a Tuath, no am Pòla a
Deas tè den dà phuing air uachdar
an t-saoghal as fhaide bhon
mheadhan-chearcall. 2 an dara
ceann air cloich-iùil.

pònair b.

gin. pònarach

an siol de luibh air am bi plaosgan
fada.

pòla-aodaich f.

iol. pòlaichean-aodaich

fear de na pòlaichean a chumas
suas ròp-aodaich.

pong f.

gin. puing iol. pongan

aon fhuaim ann an ceòl.

Pòlach f.

gin. agus iol. Pòlaich

neach às a' Phòlainn.

Pòlach buadhair

pongail buadhair

coim. pongaile

goirid; ag ràdh mòran le beagan
fhacal; a' bruidhinn gu fileanta
agus gu soilleir.

polas f.

gin. polais

1 na daoine a bhios an dreuchd aca
ri eucoraich a ghlacadh, agus ri
dèanamh cinnteach gun tèid an
lagh a ghleidheadh. 2 aon duine
dhiubh seo.

pop f.

ceòl nuadh coitcheanrr.

pòr f.¹

gin. pòir iol. pòran

toll beag sa chraiceann às an tig
fallas.

pòr f.²

gin. pòir iol. pòran

1 rudeigin air an tugadh fàs airson
bìdh: *pòr math buntàta*. 2 siol.

polasman f.

co-ionann ri polas.

port f.¹

gin. agus iol. puirt

poll f.

gin. agus iol. puill

1 talamh no ùir a tha bog agus

1 àite san cuir bâta a luchd gu tîr,
no sam faigh i luchd eile. 2 àite far
an gabh eathar slaodadh suas an
cladach.

port^{f.}²

gin. agus iol. puirt
1 fonn. 2 port-à-beul.

port-à-beul^{f.}

gin. agus iol. puirt-à-beul
òran a tha mar fhonn airson inneil-
chiùil.

port-adhair^{f.}

gin. agus iol. puirt-adhair
àite sam bi itealain a' tighinn gu
talamh, agus às am bi iad a' falbh
air iteig.

Portagaileach^{f.}

gin. agus iol. Portagailich
neach às a' Portagail.
Portagaileach buadhair

portair^{f.}

iol. portairean
1 cuideigin a tha an dreuchd aige ri
bhith a' giùlan mhàileidean,
acfhainn, 7c. 2 dorsair.

port-iasgaich^{f.}

gin. agus iol. puirt-iasgaich
baile-puirt far an cuirear iasg gu tîr.

pòs gnìomhair

1 rach nad chèile do chuideigin. 2
dèan dithis nam fear agus bean.
pòsad^h^{f.}

pòsad^h^{f.}

gin. pòsaidh iol. pòsaidhean
an t-àm nuair a thèid dithis nam
fear agus bean.

post^{f.}¹

(no posta)

gin. posta iol. postaichean
neach a bhios a' togail no a'
libhrigeadh litrichean, 7c.

post^{f.}²

gin. puist

1 a' giùlan litrichean, pasgain, 7c. 2
litrichean, pasgain, 7c, air an
giùlan leis a' phost. 3 a' togail no a'
libhrigeadh litrichean, 7c. 4 stob
fiadhà.

pòsta buadhair
air a phòsadh.

postachd^{b.}

co-ionann ri post².

post-adhair^{f.}

gin. puist-adhair
post air a ghiùlan air itealan.

post-oifis^{f.}

iol. post-oifisean
co-ionann ri oifis a' phuist.

prab^{f.}

gin. prab iol. praban
lionn san t-sùil; lionn air a
chruinneachadh air oir na sùla.

praban^{f.}

gin. prabain iol. prabanan
co-ionann ri prab.

prab-shùileach buadhair

coim. prab-shùiliche
le sùilean làn pràib ann.

prais^{b.}

gin. praise iol. praisean
poit; pana.

pràis^{b.}

gin. pràise
coimheatailt de chopair agus de
shinc.

pràiseach *buadhair*

air a dhéanamh à pràis.

pram *f.*

(no **prama**)

gin. **prama** *iol.* **pramaichean**
carbad ceithir-chuibhleach beag
airson leanabh a ghiùlan.

pràmh *f.*

gin. **pràimh**

bròn; mulad: *na bi fo phràmh!*

prann *buadhair*

faic **pronn**

praoisgeil *b.*

co-ionann ri **braoisgeil**.

prasgan *f.*

gin. **prasgain** *iol.* **prasganan**
treud beag; còmhan de dhaoine;
gràisg.

preantas *f.*

gin. **preantais** *iol.* **preantasan**
cuideigin a tha ag ionnsachadh
ceàird.

preas *f.¹*

(no **preasa**)

gin. **pris** *iol.* **pris, preasan**
ball-àirneis no cùil le doras san cuir
thu nithean.

preas *f.²*

gin. **pris** *iol.* **pris, preasan**

1 dos; bad. 2 preasadhd.

preasach *buadhair*

preas *gniomhair*

1 cuir pìosan fuit, ròpa, 7c, còmhla
le bhith gan sniomhadh. 2 dèan
preasag. 3 fill.

preasadhd *f.*

preasag *b.*

gin. **preasaig** *iol.* **preasagan**

loidhne sa chaiceann; loidhne air a
dèanamh ann an rudeigin le bhith
ga fhàisgeadh; filleadh.

prèsant *f.*

iol. **prèsantan**

tiodhlac.

preas-aodaich *f.*

gin agus *iol.* **pris-aodaich**
preas a chumas aodach.

preas-leabhraichean *f.*

gin. agus *iol.* **pris-leabhraichean**
preas a chumas leabhraichean.

preas-leapa *f.*

gin. agus *iol.* **pris-leapa**

preas-aodaich.

preusant *f.*

faic **préasant**

príne *f.*

iol. **prinicheadan**

pìos goirid de mheatailt le ceann
biorach air, a chleachdar gus
pàipear, aodach, 7c, a cheangal.

priob *gniomhair*

dùin agus fosgail do shùilean gu
luath; caog.

priobadh *f.*

prioc *gniomhair*

1 gathaich; stuig. 2 guin.

priocadh *f.*

priomh *buadhair*

(air a chleachdadh ron ainmear)
as cudthromaiche; a' chiad.

priomhaire *f.*

iol. **priomhairean**

ceannard riaghaltais.

priomh-athair f.

gin. priomh-athar *iol.* priomh-athraichean
sinnsear.

priomh-bhaile f.

iol. priomh-bhailtean
ceann-bhaile.

priomh-stèidh b.

gin. priomh-stèidhe *iol.* priomh-stèidhean
firinn, creideamh, no riaghaitt a tha bitheanta.

prionnsa f.

gin. prionnsa, prinse *iol.* prionnsan
1 mac righ no bànrighe; flath. 2 fear no balach ann an teaghlaich rioghail.

prionnsabal f.

gin. prionnsabail *iol.* prionnsabail,
prionnsabalan
priomh-stèidh.

priosan f.

gin. priosain *iol.* priosanan
àite san cumar eucoraich airson am peanasachadh.

priosanach f.

gin. agus *iol.* priosanaich
cuideigin air a chumail ann am priosan.

pris b.

gin. prise *iol.* prisean
1 an uimhir de dh'airgead air an reicear rudeigin; cosgais. 2 na tha agad ri thoirt seachad no ri dhèanamh gus rudeigin fhaighinn.

priseil buadhair

coim. prisiele
glè luachmhor.

prògram f.

gin. prògram *iol.* prògraman
1 dealbh-chluich, còmhradh, 7c, air an telebhisean no rèidio. 2 liosta de shreath de thachartasan; duilleachan a' toirt fiosrachadh mu fhèis, cho-sharpais, 7c. 3 sreath de ghniomhan a leanas annalair.

proifeasair f.

iol. proifeasairean
àrd-ollamh.

proipeilear f.

faic propailear

pròis b.

gin. pròise
a bhith pròiseil; uabhar; moit.

proiseact f. agus b.

iol. proiseactan
a bhith ag ionnsachadh mu dheidhinn rudeigin àraidh; tionnsgal.

pròiseil buadhair

coim. pròiseile
toilichte leat fhèin no le cuideigin eile a rinn math; uaibhreach.

pronn buadhair

coim. pruinne
1 air a phronnadh. 2 brisg.

pronn gniomhair

dèan mirean beaga de rudeigin:
phronn an cù an cnàmh.
pronnad f.

pronnach b.

gin. pronnaich
na bhios air fhàgail nuair a thèid rudeigin a phronnadh no a bhriseadh.

pronnasg f.	pronnasg f.
<i>gin. pronnaisg</i> ceimig bhuidhe a chleachdar ann an saothair agus eòlas-leighis.	pùdaraich gniomhair 1 cuir pùdar air rudeigin. 2 pronn. pùdarachadh f.
pronnsheoil b.	puimcean f.
<i>gin. pronnsheola</i> feòil air a pronnadh; mions.	<i>gin. puimcein iol. puimceanan</i> meas ana-mhòr cruinn air a bheil craiceann buidhe.
propailear f.	puing b.
<i>gin. propaileir iol. propailearan</i> innleachd air a bheil lannan a chuireas caran gus bàta no itealan iomain.	<i>gin. puinge iol. puingean</i> 1 comharradh; ball. 2 bright; cuspair: <i>bha dà phuing na argamaid</i> . 3 aonad airson teodhachd a thomhas. 4 aonad airson uilnean a thomhas.
prosbaig b.	puinnsean f.
<i>iol. prosbaigean</i> innleachd a chleachdas tu gus sealltann gu dlùth air rudan a tha fad às.	<i>gin. puinnsein iol. puinnseanan</i> stuth as urrainn do mharbhadh no do ghoirteachadh; nimh. puinnseanach buadhair
Pròstanach f.	puinnseanaich gniomhair
<i>gin. agus iol. Pròstanach</i> Criosaidd nach buin don eaglais Chaitligich. Pròstanach buadhair	1 thoir puinnsean do chuideigin. 2 cuir puinnsean ann an rudeigin. puinnseanachadh f.
prothaid b.	pumpa f.
<i>gin. prothaide iol. prothaidean</i> buannachd; tairbhe.	(no pump) <i>iol. pumpaichean</i> innleachd a phutas lionn no àile a- mach à no a-steach ann an rudeigin.
puball f.	punnd f.
<i>gin. pubaill iol. puballan</i> teanta uabhasach mòr.	<i>gin. agus iol. puinnd</i> 1 aonad tomhais a tha co-ionann ri 16 ùnnsa, no timcheall air 454 gram. 2 aonad airgid a tha co- ionann ri 100 sgillinn; nota; punnd Sasannach.
pucaid b.	punnd Sasannach f.
<i>gin. pucaide iol. pucaidean</i> co-ionann ri bucaid .	<i>gin. puinnd Shasannaich iol. puinnd</i> Shasannach punnd airgid; nota.
pùdar f.	
<i>gin. pùdair iol. pùdaran</i> mìrean beaga de rudeigin tioram, mar fhìlùr, stùr, 7c. pùdarach buadhair	

pupaid f.

iol. pupaidean
fear-brèige.

purpaidh buadhair

coim. purpaidhe
dath doch eadar dearg agus gorm;
còrcair.

purpar buadhair

coim. purpare
co-ionann ri **purpaidh**.

purpar f.

gin. purpair
dath purpaidh.

put f.

gin. puta iol. putan
ní à bhios a' fleòdradh, air a
cheangal ri acair gus rudeigin a
chomharrachadh sa mhuij, 7c.

put gniomhair

gluais rudeigin air falbh bhuat le
neart; brùth.

putadh f.**putan f.**

gin. putain iol. putanan
innleachd air a fuaigneal air ball-
aodaich airson a dhùnadh.

R**r [er]**

a' chòigeamh litir dheug san
aibidil.

rabaid b.

gin. rabaide iol. rabaidean
coineanach.

rabhadh f.

gin. rabhaidh iol. rabhaidhean
1 ag innseadh mu dheidhinn
cunnairt no tuiteamais ri tighinn;
bheir taigh-solais rabhadh do
bhàtaichean gus nach tig iad ro
fhaisg air creagan. 2 cùram. 3
innleachd a ni fuaim rabhaidh.

rabhd f.

gin. rabhda iol. rabhdan
sgeulachd, gu h-àraidh tè a
ghabhas creidsinn a rèir coltais.

ràc f.

gin. ràic iol. ràcan
lach fireann; dràc.

ràc gniomhair

déan talamh mìn le ràcan.

ràcadh f.**racaид b.**

gin. racaide iol. racaidean
slacan.

ràcan f.

gin. ràcain iol. ràcanan
ball-acfhainn gàirnealaireachd le
cois fhada agus sreath de spicean
goirid air a cheann.

rach gniomhair

1 gluais gu àird sam bith: *chaidh e dhachaigh.* 2 ruig; lean: *theid an rathad seo chun a' bhaile.* 3 obraich ceart: *a bheil an t-uaireadair a' dol?* 4 fàs; tòisich: *bha e a' dol am seafhas;* *chaidh e na shaighdear;* *chaidh e air chrith.* 5 tachair: *ciamar a chaidh dhut?;* *chaidh an cù a bhualadh;* *a bheil e a' dol math?* 6 **rach às** teich; smál; bàsaich: *an deach e às?;* *chaidh an teine às;* *chaidh às dhaibh.* 7 **rach agad** air faigh air rudeigin a dhèanamh; soirbhich leat.
dol f.

radan *f.*

gin. agus *iol.* **radain**
beathach coltach ri luch mhòir.

ràdh *f.*

a' labhairt; a' cantainn.
faic abair

radha *f.*

co-ionann ri **ràdh**.

rag buadhair

coim. **raige**
duilich a ghuasad: *cho rag ri bòrd.*

rag gniomhair

co-ionann ri **ragaich**.
ragadh *f.*

ragaich gniomhair

dèan rag; fàs rag: *tha mi gus mo ragachadh leis an fhuachd.*
ragachadh *f.*

rag-mhuinealach buadhair

coim. **rag-mhuinealaiche**
gun a bhith deiseil gus na beachdan
agad no na dòighean agad
atharrachadh, ged a dh'shaodas
iad a bhith ceàrr.

raigdh *b.*

faic ràith

raigdhfil *f.* agus *b.*

iol. **raigdhfilean**
gunna fada; isneach.

raigheadh *f.*

gin. **raighdidh**
a' siubhal air muin rudeigin, mar
eisimpleir air baidhsagal; a'
marcachd.

raineach *b.*

gin. **rainich**

luibh air a bheil duilleagan iteach,
agus air nach tig blàthan.

ràinig gniomhair neo-riaghailteach

faic fo ruig

ràith *b.*

gin. **ràithe** *iol.* **ràithean**, **ràitheachan**
1 aon de na ceithir priomh earrannan sa bhliadhna: *se na ràithean 'an t-earrach'*, *'an samhradh'*, *'am foghar'*, agus *'an geamhradh'*. 2 cuairt üine nuair a thachras rudeigin.

ràitheachan *f.*

gin. agus *iol.* **ràitheachain**
iris, gu h-àraidh tè a thig a-mach a h-uile tri miosan.

ràmh *f.*

gin. agus *iol.* **ràimh**
pòla le ceann reidh air airson eathar iomramh.

ràn gniomhair

glaodh; èigh; guil.
rànaich *b.*, **rànail** *f.*

rann *f.*

gin. **rainn** *iol.* **rannan**, **ranntaichean**
1 còmhlan de loidhnichean ann an dàn. 2 aon de na h-earrannan co-ionannach san roinnear ceòl. 3 rosg-rann.

rannaigheachd *b.*

seòrsa sònraichte de ruith ann am bàrdachd.

rannsaich gniomhair

1 lorg; sir. 2 faigh lorg air agus cruinnich fiosrachadh mu rudeigin.
rannsachadh *f.*

raon *f.*

gin. **raoin** *iol.* **raontan**, **raointean**

1 rud sam bith réidh. 2 lèana; achadh. 3 raon-cluiche.

neach à Ratharsaigh.
Ratharsach buadhair

raon-cluiche f.

gin. **raoin-cluiche** *iol.* **raontan-cluiche**
achadh air am bi daoine a' cluiche ball-coise, 7c.

RC

giorrachadh de *ro Chriosd*, air a chleachdadh le bliadhna a tha air a cunntadh air ais bho cheann-bliadhna Chriosd: *thainig Julius Caesar do Bhreatann ann an 55 RC.*

raon-itealan f.

gin. **raoin-itealan** *iol.* **raontan-itealan**
raon ann am port-adhair air an tig itealan gu tir, 7c.

rè b.

1 fad ùine; ùine. 2 gealach.

rapach buadhair

coim. **rapaiche**
luideach; salach.

reòimhear (+ *gin.*)
air seadh: *rè na bliadhna.*

ràsair f.

iol. **ràsairean**
ealtainn.

reacòrdair f.

iol. **reacòrdairean**
inneal-ciùil fiodha a chluicheas tu le bhith ga shèideadh.

rasgail f.

iol. **rasgailean**
slaoghtear.

reaf f.

iol. **reafaichean**
cuideigin a ni cinnteach gun lean daoine riaghailtean cluiche.

rathad f.

gin. **rathaid, rothaid** *iol.* **ròidean**
1 slighe réidh le uachdar cruaidh oirre, air am bi càraichean, 7c, a' dol. 2 slighe.

reamhar buadhair

coim. **reamhra**
tiugh.

reamhrachd b.

cho reamhar is a tha rudeigin.

rathad-iarainn f.

gin. **rathaid-iarainn** *iol.* **ròidean-iarainn**
na crainn mheatait cho-shìnte air am bi trèanaichean a' siùbhal.

reamhraich *gniomhair*
dèan no fàs reamhar.
reamhrachad f.

rathad-mòr f.

gin. **rathaid-mhòir** *iol.* **ròidean-mòra**
rathad no slighe a tha cudthromach.

reannag b.
co-ionann ri rionnag.

Ratharsach f.

gin. agus *iol.* **Ratharsaich**

reic *gniomhair*
thoir rudeigin air falbh is faigh airgead na àite; creic: *reic mi an leabhar air dà nota.*
reic f.

reiceadair f.

iol. reiceadaireancuideigin a tha an dreuchd aige ri
bhith a' reic nithean.

rèidh buadhair

coim. rèidhe

còmhnard; mìn.

rèidhlean f.

gin. rèidhlein *iol.* rèidhleanan1 àite rèidh feurach. 2 àite feurach
ann am baile, 7c.

rèididheatar f.

gin. rèididheatair *iol.* rèididheataran
innleachd airson teas a dhèanamh,
gu h-àraidh soitheach meataitl
trom bi uisge teth a' sruthadh.

rèidio f.

iol. rèidiothan1 uidheam airson fuaim craobh-
sgaoilidh fhaighinn. 2 a' cur no a'
gabhall fuaim le bhith a' cleachd-
adh thuinn dealain.

rèil b.

faic fo reul

rèille f. agus b.

iol. rèilichean1 crann no bioran meataitl. 2 crann
fada meataitl a tha na phàirt de
rathad-iarainn. 3 rèilichean feansa
mheataitl.

rèilig b.

gin. rèilige *iol.* rèiligean

cladh.

reimhe co-ghniomhair

co-ionann roimhe

reimhid co-ghniomhair

co-ionann ri roimhe

rèir roimhear

faic a rèir

rèis b.

gin. rèise *iol.* rèiseanco-fharpais sam bi thu a' feuchainn
ri àite àraidh a ruighinn an
toiseach.

rèis gniomhair

dèan rèis an aghaidh cuideigin.

rèiseadh f.

rèisear f.

gin. rèiseir *iol.* rèisearan1 cuideigin a bhios a' gabhail páirt
ann an rèis. 2 baidhsagal luath.

rèite b.

iol. rèitean

co-chòrdadh; aontachadh.

rèiteachadh f.

gin. rèiteachaidh1 a' ceartaichadh. 2 a' deasachadh
rudan. 3 a' dèanamh sìth. 4
gealladh-pòsaidh.

reithe f.

iol. reitheachan

rùda.

rèitich gniomhair

1 ceartaich. 2 deasaich rudan;
còirich. 3 sìthich. 4 dèan gealladh-
pòsaidh.

rèiteachadh f.

reòdh gniomhair

faic reòdh

reodhadh f.

reòiteag b.

gin. reòiteig *iol.* reòiteaganbiadh milis barragach reòthte; cuid
dheth seo.

reòta *buadhair*

faic reòthte

reòth *gniomhair*rach na dheigh.
reothadh *f.***reothadair** *f.**iol.* **reothadairean**fuaradar mòr a chumas biadh glè
fhuar.**reothadh** *f.**gin.* **reothaidh**deigh air a bheil coltas pùdair a
nochdas air rudan nuair a bhios an
t-side glè fhuar.**reothart** *b.**gin.* **reothairt** *iol.* **reothartan**

an seòl-mara as àirde.

reòthte *buadhair*

air a reothadh.

reub *gniomhair*

srac.

reubadh *f.***reubadair** *f.**iol.* **reubadairean**

spùinneadair; spùinneadair mara.

reubaire *f.*

(no reubair)

iol. **reubairean**

spùinneadair.

reubte *buadhair*

air a reubadh.

reudan *f.**gin.* **reudain** *iol.* **reudanan**creutair beag a gheibhear fo
chlachan, fo rùsg craoibhe, ann am
fiadh, 7c.**reul** *b.**gin.* **réil** *iol.* **reultan**1 aon de na nithean a chì thu shuas
anns na speuran air an oidhche mar
bhuill de sholas; rionnag. 2
cumadh le còig no sia cinn. 3
cumadh mar réil * a chleachdar gus
aire a thoirt do rudeigin. 4 **Reul an**
Fheasgair planaид, mar as trice
Bhèineas, san àird an iar dìreach an
dèidh laighe na gréine. 5 **Reul na**
Maidne planaид, mar as trice
Bhèineas, a chithear dìreach ro
éirigh na gréine.**reuladair** *f.**iol.* **reuladairean**cuideigin a rannsaicheas reul-
eòlas.**reulag** *b.**gin.* **reulaig** *iol.* **reulagan**

reul bheag.

Reul an Iuchair *b.*an reul as soilleire anns na speuran,
air a suidheachadh anns an reul-
bhad *Canis Major*.**reul-bhad** *f.**gin.* **reul-bhaid**

còmhlan de reultan.

reul-clearbach *b.**gin.* **réil-clearbaich** *iol.* **reultan-**
clearbachmeall a' gluasad tro na speuran le
earball solais air; rionnag-earball.**reul-eòlas** *f.**gin.* **reul-eòla**an t-eòlas mu dheidhinn na gréine,
na gealaich, nam planaidean, agus
nan reultan.**reul-eòlasach** *buadhair*

reul-iùil b.*gin. rèil-iùil*

an reul as soilleire anns an reul-bhad *Ursa Minor*, air a suidheachadh san àird a tuath.

reusan f.*gin. reusain*

1 adhbhar. 2 ciall.

reusanta buadhair

1 ciallach. 2 ceart; cothromach.

ri roimhear (+ tabh.)(ron alt *ris*, *iol. ri/ris*)(ron riochdair dhàimheach a^2 *ris*)(le buadhair seilbheach **rim rid ri/ri rir rir rin/rim**)(cumaidhean riochdair eil **rium(sa) riut(sa) ris(-san) rithe(se) rinn(e) ribh(se) riutha(san)**)

1 gu; a dh'ionnsaigh: *bha e a' bruidhinn rium an-dè*. 2 faisg air; *ri taobh: tha a' chathair ris a' bhòrd*. 3 an aghaidh; fa chomhair: *bhuail i a cas ri cloich; tha iad a' cogadh ri cheile; chaидh e ris a' bheinn chaidh e suas a' bheinn; ris a' ghaoith*. 4 an sàs ann: *a bheil thu ri bàrdachd?*; *bha iad ri amaideas fad na tide; tha e ris an deoch*. 5 rè; air feadh: *ri linn do sheanar; ri là grianaich*. 6 mar; co-ionann *ri: an t-aon dath ri seo; cho mòr ri taigh*. 7 (le aig) gu bheil seum agad: *tha agam ri falbh an-dràsta; tha againn ri tuilleadh bainne a cheannach*. 8 co-ionann *ri a'*.

riabhach buadhair*coim. riabhaiche*

donn-bhuidhe.

riaghail gniomhair

gabh dùthaich no buidheann os làimh; stiùir; seòl.

riaghlaadh f.**riaghailt b.***gin. riaghailte iol. riaghailtean*

1 rudeigin a dh'fheumas daoine a bhith umhail dha; dòigh air am bu chòir do dhaoine a bhith a' dèanamh rudeigin. 2 lagh.

riaghailteach buadhair*coim. riaghailtiche*

a réir nòsan agus riaghailtean àbhaisteach.

riaghailtich gniomhair

rèitich; ceartaich; cuir ann an òrdugh.

riaghailteachadh f.**riaghaltas f.**

gin. riaghaltais iol. riaghaltasan an còmhlan de dhaoine a riaghlas dùthaich.

riaghladair f.*iol. riaghlairean*

cuideigin a riaghlas dùthaich, sgire, 7c.

riaghlaadh f.*gin. riaghlaidh*

a' gabhail dùthaich no buidheann os làimh; a' stiùireadh.

riaghlaich gniomhairco-ionann *ri riaghail*.**riaghlauchadh f.****riamh co-ghnìomhair**faic **a-riamh****rian f.***iol. rianan*

1 dòigh; òrdugh. 2 deasachadh ciùil. 3 às a **rian** às a chiall.

riaraich gniomhair

1 dèan toilichte. 2 roinn. 3 cuir a-

mach cairtean ann an cluich.
riarachadh *f.*

riaraichte *buadhair*
 an dèidh gu leòr fhaighinn; an
 dèidh do mhiann fhaighinn;
 sàsachte; toilichte.

rias *f.*
iol. **riasan**
 sal; smal.

riaslach *buadhair*
coim. **riaslache**
 1 mi-sgiobalta; luideach. 2 reubte.

riatanach *buadhair*
coim. **riatanaiche**
 a dh'fheumas a bhith agad no a
 bhith ga dhéanamh.

ribe *f.*
iol. **ribeathan**
 innleachd airson ainmhidhean a
 ghlacadh: *chaidh cas a' choin-*
eanaich an sàs anns an ribe.

ribean *f.*
 co-ionann ri **rioban**

ribh(se) *roimhear riochdaireil*
 faic fo **ri**

ribhinn *b.*
gin. **ribhinne** *iol.* **ribhinnean**
 maighdeann.

ribinn *b.*
gin. **ribinne** *iol.* **ribinnean**
 co-ionann ri **rioban.**

rid *roimhear leasaichte*
 faic fo **ri**

ridhil *f.*
 (no **ridhle**)

gin. **ridhle** *iol.* **ridhlean, ridhleachan**
 dannsa Albannach.

ridhil *gniomhair*
 gluais le bhith a' tionndadh car air
 char, mar bhàlla.
ridhleadh *f.*

ridhle *f.*
 co-ionann ri **ridhil.**

ridire *f.*
iol. **ridirean**
 fear aig a bheil an t-urram a bheir
 cead dhà 'An Ridire' a chur ro
 ainm.

rìgh *f.*
iol. **rìghean**
 fear a chaidh a chrùnadh mar
 cheannard air dùthaich.

righe *f.* agus *b.*
 faic **ruighe**

rig-ola *f.*
 crann-ola.

rim *roimhear leasaichte*
 faic fo **ri**

rin *roimhear leasaichte*
 faic fo **ri**

rinn *f.*
gin. **rinne** *iol.* **rinnean**
 1 ceann biorach rudeigin: *rinn*
peansail. 2 rubha.

rinn *gniomhair neo-riaghailteach*
 faic fo **dèan**

rinn(e) *roimhear riochdaireil*
 faic fo **ri**

rinneadh *gniomhair neo-riaghailteach*
 faic fo **dèan**

riobach *buadhair*

coim. **riobaiche**
reubte agus caithe; luideach.

rioban *f.*

gin. **riobain** *iol.* **riobanan**
stíall naidhlein, sioda, 7c: *cuir rioban nad fhalt!*

rioban-tomhais *f.*

gin. **riobain-tomhais** *iol.* **riobanan-tomhais**
rioban airson nithean a thomhas.

rioichd *f.*

gin. **rioichda** *iol.* **rioichdan**
cumadh; dreach.

rioichdaich *gniomhair*

1 bi mar shamhladh no chomh-arradh air cuideigin no rudeigin. 2 bi mar eisimpleir de rudeigin. 3 éuidich cuideigin le bhith a' bruidhinn no a' déanamh rudeigin air a shon.

rioichdachadh *f.*

rioichdair *f.*

iol. **rioichdairean**

(gràmar) facal a riochdaicheas ainmear: *tha facail mar 'mi', 'thu', 'càch', agus 'rudeigin' nan rioichdairean.*

rioichdaireil *buadhair*

rioichdaire *f.*

iol. **rioichdairean**

duine a chuidicheas cuideigin le bhith a' bruidhinn no a' déanamh rudeigin air a shon.

rioghachd *b.*

iol. **rioghachdan**

dùthach a tha air a riaghlaigh le rìgh no bàrnigh.

rioghaich *gniomhair*

bi nad rìgh no nad bàrnigh;
riaghail.
rioghachadh *f.*

rioghail *buadhair*

coim. **rioghaile**
de no a' gabhail gnothaich ri rìgh
no bàrnigh.
rioghalachd *b.*

riomhach *buadhair*

coim. **riomhaiche**
bòidheach.
riomhachas *f.*

rionnach *f.*

gin. agus *iol.* **rionnaich**
iasg-mara a ghabhas ithe.

rionnag *b.*

gin. **rionnaig** *iol.* **rionnagan**
reul.
rionnagach *buadhair*

rionnag-earball *b.*

iol. **rionnagan-earball**
meall a' gluasad tron fhànas le
earball solais air; reul-clearbach.

rir *roimhear leasaichte*

faic fo **ri**

ris *co-ghniomhair*

1 a' nochdadh; ris an adhar: **bha a cheann ris.** 2 **ris sin** ri sin.

ris *roimhear*

faic fo **ri**

ris(-san) *roimhear riochdaireil*

faic fo **ri**

ris *co-ghniomhair*

faic a-rìs

ri taobh roimhear (+ gin.)
air an taobh de rudeigin.

rithe(se) roimhear riochdaireil
faic fo ri

rium(sa) roimhear riochdaireil
faic fo ri

riut(sa) roimhear riochdaireil
faic fo ri

ro co-ghniomhair
1 barrachd air na tha air iarraidh:
bha e ro fhuar a-muigh an-diugh. 2
glè; fior.

ro roimhear (+ tabh.)
(leis an alt **ron**)
(leis an riochdair dhàimheach *a²* **ro**
rom ron)
(le buadhair seilbheach **rom rod**
ro/ro ror ror ron/rom)
(cumaidhean riochdaireil
romham(sa) **romhad(sa)**
roimhe(san)/roimhpe(se)
romhainn(e) **romhaibh(se)**
romhpa(san))
1 nas tràithe na: *ràinig mi a' bhùth*
ro shia uairean. 2 air beulaibh: *leig*
iad staran ron taigh. 3 a chionn: *tha*
eagal orm ron chù agad.

ro-ainmichte buadhair
air ainmeachadh mu thràth.

ro-aithris gnìomhair
can na bhios a' tachairt mus
tachair e.
ro-aithris b.

robach buadhair
coim. **robaiche**
caithte; luideach; molach.

robaire f.
(no robair)
iol. **robairean**
faic reubaire

robh gnìomhair neo-riaghailteach
(agus **robhar**, **robhas**)
faic fo bi

ròbot f.
gin. **ròboit iol.** **ròbotan**
ineal a bhios a' gluasad agus a tha
beagan coltach ri duine.

roc f.
gin. **roic**
langadar.

roc gnìomhair
dèan no fàs làn fhilleadh no
phreasag.
rocadh f., rocatch buadhair

rocaich gnìomhair
co-ionann ri **roc.**
rocachadh f.

rocaid b.
gin. **rocaide iol.** **rocaidean**
carbad no soitheach a tha pìobach,
a thilgear gu h-àrd anns an adhar.

ròcail b.
gin. **ròcale**
a' dèanamh fuaim mar ròcais.

ròcais b.
gin. **ròcais iol.** **ròcaisean**
eun dubh a tha mar fheannaig.

ròcas f.
gin. **ròcais iol.** **ròcasan**
co-ionann ri **ròcais.**

ròd f.
gin. **ròid iol.** **ròidean**
co-ionann ri **rathad.**

rod roimhear leasaichte
faic fo **ro**

rodan *f.*
co-ionann ri **radan**.

rogħainn *b.*
iol. **rogħainnean**
a' cur romhad a bhith a' gabha l an
dara rud an àite an rud eile.

rogħnaich *gniomhair*
dèan roghainn; tagħi.
roghnachadh *f.*

ròic *f.*
iol. **ròicean**
fēis; biadh mōr.

roid *b.*
gin. **roide** *iol.* **roidean**
leum no rēis bheag luath.

roile *b.*
iol. **roilichean**
buileann bheag chruinn de
dh'aran.

roilear *f.*
gin. **roileir** *iol.* **roilearan**
innleachd airson nithean a
dhèanamh rèidh.

roilear-spèilidh *f.*
gin. **roileir-spèilidh** *iol.* **roilearan-spèilidh**
seòrsa bròige le cuibhlichean air a
bonn; spèil.

roilige *gniomhair*
1 gluais le bhith a' dèanamh
charan, mar bhàlla no chuibhle. 2
gluais rudeigin air an dòigh seo. 3
cum rudeigin na bhàlla. 4 dèan
rudeigin rèidh le bhith a' roiligeadh
rudeigin cruinn thairis air: *roiligidh*
mi an taois leis a' bhotal seo.
roiligeadh *f.*

roimh *roimhear*
faic fo **ro**

roimhe *co-ghniomhair*
mu thrāth: *an robh thu an seo*
roimhe?

roimhe(san) *roimhear* *riochdaireil*
faic fo **ro**

roimhear *f.*
gin. **roimheir** *iol.* **roimhearan**
(gràmar) falac a chuirear ro
ainmear no riocdhair, agus a
sheallas an ceangal eadar an
t-ainmear no an riocdhair agus
facal eile: *tha 'le' na roimhear anns*
na rosgr-rannan a leanas: 'bhual mi
a' chlach le òrd'; 'am b' shearr le
Màiri teatha?'; 'tha an taigh seo le
Seumas'.

roimhpe(se) *roimhear* *riochdaireil*
faic fo **ro**

roimh-ràdh *f.*
faic **ro-ràdh**

roimpe *roimhear leasaichte*
faic **roimhpe**

ròineag *b.*
gin. **ròineig** *iol.* **ròineagan**
1 pios de dh'fhalbh; fuitean.
2 snàithleach.

roinn *b.*
gin. **roinne** *iol.* **roinnean**
1 pārt de rudeigin. 2 earrann ann
an sgoiar, colaise, 7c. 3 sgire ann an
Riaghaltas Ionadail: *Roinn na*
Gaidhealtachd.

roinn *gniomhair*
1 bris no gèarr rudeigin na phiosan.
2 thoir cuid do gach duine. 3 faigh
lorg air co mheud uair a gheibhearr

an dara h-àireamh ann an àireamh eile: *tha sia air a roinneadh le dhà co-ionann ri. tri* ($6 \div 2 = 3$).
roinneadh f.

roinneadair f.

iol. **roinneadairean**

1 cuideigin a roinneas rudeigin. 2 seòrsa balla; tallan. 3 innleachd a thomhaiseas astar.

ròist *gniomhair*

1 bruich rudeigin ann an àmhainn no os cionn teine; fàs no dèan glè theth. 2 bruich ann an aghainn.
ròstadh f.

ro-leasachan f.

gin. agus *iol.* **ro-leasachain**
 (gràmar) mion-fhacal a chuirear ro fhacal gus a chiall a leudachadh no atharrachadh, m.e. ann an 'mìshealbhach', 'neo-chumanta', agus 'so-ruighinn'.

rolla b.

faic **roile**

rom *roimhear leasaichte*

faic fo **ro**

ròmach *buadhair*

coim. **ròmaiche**
 molach.

Romàinianach f.

gin. agus *iol.* **Romàinianaich**
 neach à Romàinia.
Romàinianach *buadhair*

romhad(sa) *roimhear riochdaireil*

faic fo **ro**

romhaibh(se) *roimhear riochdaireil*

faic fo **ro**

romhainn(e) *roimhear riochdaireil*

faic fo **ro**

romham(sa) *roimhear riochdaireil*
 faic fo **ro**

romhpa(san) *roimhear riochdaireil*
 faic fo **ro**

rompa *roimhear leasaichte*
 faic **romhpa**

ròn f.¹

gin. agus *iol.* **ròin**
 beatach-mara a bhios ag ithe iasg.

ròn f.²

gin. agus *iol.* **ròin**
 piob airson uisge a thoirt air falbh
 bhàrr mullach taighe.

ron *roimhear leasaichte*
 faic fo **ro**

rong b.

gin. **ronga**, **roinge** *iol.* **rongan**
 fear de na crainn-tharsainn goirid
 air àradh.

rong f.

gin. agus *iol.* **roing**
 lasadh; sradag; comharradh gu bheil cuideigin no rudeigin beò.

rongas f.

gin. agus *iol.* **rongais**
 rong air àradh.

ronn f.

gin. **roinn**
 an lionn nàdarrach san t-sròin agus an sgamhan.

ron seo *co-ghniomhair*
 roimhe seo.

ròpa f.
 (no **ròp**)
iol. **ròpaichean**

- snàithnean** air an sniomhadh ri chèile; ball.
- ròp-anairt** f.
iol. ròpaichean-anairt
 ròpa no sreang air an croch thu aodach airson a thiormachadh.
- ròp-aodaich** f.
 ròp-anairt.
- ror roimhear leasaichte**
 faic fo ro
- ro-ràdh** f.
gin. ro-ràidh *iol.* ro-ràdhán
 earrann aig toiseach leabhair, òraide, 7c.
- ros** f.
gin. rois *iol.* rosan
 àird; maol; rubha.
- ròs** f.
gin. ròis *iol.* ròsan
 luibh gathach le blàthan cùbhraidih air.
- rosig** f.¹
gin. ruisg *iol.* rosgan
 sgriobhadh nach eil na dhàn.
- rosig** f.²
gin. ruisg *iol.* rosgan
 1 fabhra. 2 fradharc.
- rosgrann** b.
gin. rosgrainn *iol.* rosgrannan
 còmhlan de dh'fhasail a bhuineas do chèile, a' tòiseachadh le litir mhòir agus a' criochnachadh le stad-phuing, comharradh ceiste, no clisg-phuing; rann.
- ròst** *gniomhair*
 co-ionann ri ròist.
- ròsta** b.
iol. ròstaichean
 feòil ròsta; pìos feòla air a ròstadh.
- ròsta buadhair**
 air a ròstadh.
- roth** f. agus b.
gin. rotha *iol.* rothan
 cuibhle.
- rothach** *buadhair*
 air a bheil rothan: 's e càr tri-rothach a tha ann.
- rothaich** *gniomhair*
 1 ridhil; toinn. 2 paisg.
rothachadh f.
- rothaig** *gniomhair*
 co-ionann ri rothaich.
rothaigeadh f.
- rothar** f.
gin. rothair *iol.* rotharan
 baidhsagal.
- ruadh** *buadhair*
coim. ruaidhe
 dubh-dhearg; (falt) dearg.
ruaidhe b.
- ruadh-** *ro-leasachan*
 le fiambh ruadh: ruadh-bhuidhe.
- ruag** *gniomhair*
 1 ruith an déidh cuideigin no rudeigin; suadaich. 2 thoir air cuideigin no rudeigin ruith air falbh.
ruagadh f., **ruagail** b.
- ruaig** b.
gin. ruage *iol.* ruaigean
 1 a' ruith an déidh cuideigin; ruagadh. 2 a' ruith air falbh; teicheadh: chuir iad an ruaig orra.

ruaig gniomhair	deargnachadh na h-aghaidhe, gu h-àraidh nuair a bhios tu air do nàrachadh: <i>thàinig rudhadh air a gruaidh.</i>
ruamhair gniomhair	
cladhaich; lorg. ruamhar f.	
rubair f.	
<i>iol.</i> rubairean	
1 stuth làdir lastaig a chleachdar gus taidhrichean, bàllaichean, 7c, a dhèanamh. 2 píos rubair airson cur às do chomharraighean peansail.	
rùbarab f.	
<i>gin.</i> rùbaraib	
luibh air a bheil gasan tiugh bànn- dhearg, a chleachdar mar mheas.	
rubha f.	
<i>iol.</i> rubhaichean	
píos talmhainn a thèid a-mach don mhuir; àird; sròn.	
rud f.	
<i>iol.</i> rudan	
nì.	
rùda f.	
<i>iol.</i> rùdan	
caora fhireann; reithe.	
rudail buadhair	
<i>coim.</i> rudaile	
a ghabhas beantainn no làimh- seachadh; nitheil.	
rùdan f.	
<i>gin.</i> rùdain <i>iol.</i> rùdanan	
aon de na h-àitichean far an crom thu do mheòir; alt meòir.	
rudeigin riochdair	
rud nach aithnich thu.	
rudhadh f.	
<i>gin.</i> rudhaidh	
rùdhraich gniomhair	
<i>faic rùraich</i>	
rùdhreachadh f.	
rug gniomhair neo-riaghailteach	
<i>faic fo beir</i>	
ruiga f.	
<i>iol.</i> rugaichean	
brat beag airson an ùrlair.	
rugadh gniomhair neo-riaghailteach	
<i>faic fo beir</i>	
ruibh roimhear riochdaireil	
<i>faic ribh</i>	
ruidhil gniomhair	
co-ionann ri ridhil.	
ruidhleadh f.	
ruidhle f.	
<i>iol.</i> ruidhlean, ruidhleachan	
co-ionann ri ridhil.	
ruig gniomhair neo-riaghailteach	
faigh ann an àite; thig gu àite, no thig gu rudeigin: <i>falbhaidh sinn air a' mhadainn, agus ruigidh sinn am baile feasgar.</i> 2 sin a-mach do làmh gus am faigh thu rudeigin no gus am bean thu ri rudeigin: <i>ruig air an t-salann!</i> 3 cha ruig thu a leas chan eil feum ann dhut: <i>cha ruig thu a leas sin a dhèanamh a-rithist.</i>	
ruigsinn b., ruighinn b., ruigheachd b.	
ruige roimhear	
<i>faic gu ruige</i>	

ruighe f. agus b.*iol.* **ruighean**1 roinn shios do ghàirdein. 2
leathad beinne.**ruigheachd** b.

a' ruigsinn.

ruighinn b.

a' ruigsinn.

ruigsinn b.1 a' faighinn ann an àite; a' tighinn
gu àite, no a' tighinn gu rudeigin. 2
a' sineadh a-mach do làimhe gus
am faigh thu rudeigin no gus am
bean thu ri rudeigin.
faic **ruig gniomhair****rùilear** f.*gin.* **rùileir** *iol.* **rùilearan**
slat-thomhais.**ruinn** *roimhear* *riochdaireil*

faic rinn

ruis b.*gin.* **ruise**
fiodh den chraoibh-ruise.**ruisean** f.

(leis an alt)

gin. **ruisein**

biadh air ithe am meadhan an là.

Ruiseanach f.*gin.* agus *iol.* **Ruiseanach**

neach às an Ruis.

Ruiseanach *buadhair***rùisg** *gniomhair*1 thoir an còmhdaich bhàrr
rudeigin: *rùsgidh mi am buntàta*. 2
beàrr; lom: *chaidh na caoraich a*
rùsgadh. 3 sgrìob: *rùisg e a làmh*.
rùsgadh f.**rùisgte** *buadhair*

air a rùsgadh.

ruith b.*gin.* **ruithe** *iol.* **ruithean**1 a' gluasad gu luath dhed chois. 2
ùine nuair a bhios tu nad ruith. 3 a'
siubhal; a' sileadh; a' dòrtadh. 4 ag
obrachadh. 5 pátrán riaghailteach
de bhuillean, shuaimean no
ghluasadan.**ruith** *gniomhair*1 cleachd do chasan gus an gluais
thu gu luath: *ruith an cù dhachaigh*.
2 ruaig: *tha an cù a' ruith a' chait*. 3
rach; siubhail; sil; dòirt. 4 obraich:
tha an càr a' ruith. 5 **ruith** air falbh
teich; fàg. 6 **ruith a-mach** cleachd
na tha agad de rudeigin gu leir: *tha*
sinn gu ruith a-mach à siúcar. 7 **ruith**
sios buail rudeigin le càr,
baidhsagal, 7c.**ruith** b.**ruitheach** *buadhair**coim.* **ruithiche**a ghluaiseas no a ruitheas mar
lionn; a shruthas.**ruitheach** *buadhair*co-ionann ri **ruitheach**.**rùlach** *buadhair*co-ionann ri **rùrach**.**rùlair** f.*iol.* **rùlaran**co-ionann ri **rùilear**.**rum** f.*gin.* **ruim** *iol.* **rumannan**

1 seòmar. 2 àite.

Rumach f.(no **Rùmach**)*gin.* agus *iol.* **Rumaich**

neach à Eilean Ruma.

Rumach *buadhair*

rum-cadail *f.*

gin. **ruim-chadail** *iol.* **rumannan-cadail**
seòmar-cadail.

rum-suidhe *f.*

gin. **ruim-shuidhe** *iol.* **rumannan-suidhe**
seòmar-suidhe.

rum-teagaisg *f.*

gin. **ruim-theagaisg** *iol.* **rumannan-teagaisg**
seòmar-teagaisg.

rùin *f.*

gin. **rùin** *iol.* **rùintean**

1 rudeigin nach bu chòir dhut a bhith ag innseadh no a' sealltainn do dhuine. 2 miann; dùil. 3 a **dh'aon rùin** a' miannachadh agus ag iarraidh rudeigin a dhèanamh; a dh'aon ghnothach. 4 leannan; annsachd. 5 gaol; gràdh.
rùnmhor *buadhair*

rùnaich *gniomhair*

1 miannaich. 2 sònraich.

rùnachadh *f.*

rùnaire *f.*

iol. **rùnairean**

cuideigin a tha an dreuchd aige ri bhith a' clò-sgrìobhadh litrichean, a' freagairt na fòn, agus a' rèiteachadh choinneamh airson duine no buidhne.

rù-rà *co-ghniomhair*

tuathal; troimh-chèile.

rùrach *buadhair*

a rùraicheas.

rùraich *gniomhair*

fairich led làmhan airson rudeigin nach fhaic thu. 2 sir; lorg; ruamhair.

rùrachadh *f.*

rus *f.*¹

gin. **ruis**

gràn geal a chleachdar mar bhiadh.

rus *f.*²

gin. **ruis** *iol.* **rusan**

leum; ruith: *ghabh e rus.*

rùsg *f.*

gin. **rùsg** *iol.* **rùsgan**

1 còmhdaich air taobh a-muigh rudeigin; craiceann; cochall; plaosg: *rùsg buntàta; rùsg craoibhe.* 2 a' chlòimh a chòmhdaicheas caora.

rùsgadh *f.*

gin. **rùsgadh**

1 a' toirt a' chòmhdaich bhàrr rudeigin. 2 a' bearradh.

S

s [*eas*]

an t-siathamh litir dheug san aibidil.

'**s** *gniomhair neo-riaghailteach*
faic is

'**s** *naisgear*

faic agus

sa *naisgear*

airson is a: *fad sa bha e ann.*

sa *roimhear leasaichte*

faic fo an

-sa iar-leasachan¹

air a chleachdadh còmhla ri na
buadhairean seilbheach 'mo' 'do'
gus cudthrom a thoirt orra:
seo mo thaigh-sa.

-sa iar-leasachan²

co-ionann ri seo: 's ann an-dè a
fhuaire mi an litir-sa.

Sàbaid b.

iol. Sàbaidean

là airson fois a ghabhail agus
ùrnaigh a dhèanamh.

sabaid gniomhair

dèan sabaid no còmhraig.
sabaid b.

sabaidich gniomhair

co-ionann ri **sabaid.**
sabaidich b.

sàbh f.

gin. sàibh iol. sàibh, sàbhán
ball-acfhainn le fiaclan biorach air
airson fiadh, meataitl, 7c, a
ghearradh.

sàbh gniomhair

geàrr rudeigin le sàbh.
sàbhadh f.

sàbhail gniomhair

1 faigh cuideigin a-mach à cunnart.
2 cum rudeigin, gu h-àraidh
airgead, air leth gus an gabh e
cleachdadh a-rithist; caomhain. 3
bac rudeigin: *shàbhail e am bàlla.*
sàbhaldadh f.

sàbhailte buadhair

gun a bhith ann an cunnart; air a
sàbhaldadh.

sabhal f.

gin. sabhail iol. sabhalan

togalach air tuathanas san cumar
gràn, 7c.

sàbhalachadh f.

gin. sàbhalachaidh
a' sàbhaldadh.

sàbhaldadh f.

gin. sàbhalaidh

1 a' faighinn cuideigin a-mach à
cunnart. 2 a' cumail no a'
gleidheadh rudeigin; a' caomh-
nadhdh. 3 a' bacadh rudeigin.

sàbhalaich gniomhair

co-ionann ri **sàbhail.**
sàbhalachadh f.

sabhs f.

gin. saibhse iol. sabhsan
lionn air a chleachdadh gus blas a
thoirt gu biadh; leannra.

Sàboinn b.

iol. Sàboinnean

co-ionann ri **Sàbaid.**

sac f.

gin. saic iol. saic, sacan
1 poca. 2 luchd; callach. 3 (leis an
alt) tinneas a bheir buaidh air
comas tarraig analach; a' chuing.

sad gniomhair

tilg.
sadail f., sadadh f.

sagart f.

gin. sagairt iol. sagartan
pears-eaglais.

sàibhear f.

gin. sàibheir iol. sàibhearan
1 piob no clais airson giodar a
thoirt air falbh. 2 drèana.

saideal f.

gin. saideil iol. saidealán
 planaid no carbad-speura a
 chuitaicheas planaid eile: 's e
saideal na talmhainn a tha anns a'
ghealaich, ach 's e saideal na gréine
a tha anns an talamh.

saidhbhir buadhair

coim. saidhbhire
 beartach.
saidhbhreas f.

saidheans f.

iol. saidheansan
 a' rannsachadh nithean agus a' cur
 bheachdan air mar a dh'obraigheas
 iad gu deuchainn; eòlas a
 gheibhearr air an dòigh seo.
saidheansail buadhair

saidhleafòn f.

gin. saidhleafòin iol. saidhleafònán
 inneal-ciùil air a bheil crainn
 bheaga de dh'fhiodha, a bhuaileas
 tu le ùird bheaga.

saighdear f.

gin. saighdeir iol. saighdearan
 ball de dh'arm.

saighead b.

gin. saighde iol. saighdean
 maide caol biorach a thilgear le
 bogha.

sail b.

gin. saile iol. sailean, sailthean
 1 crann fada tiugh de dh'fhiodh no
 mheatait, a chleachdar ann a bhith
 a' togail mhullaichean taighe mar
 eisimpleir. 2 ploc fiadha; sgonn.

sàil b.

gin. sàil iol. sàilean
 roinn na bodhaige air chùl na
 troighe.

sailead f.

gin. saileid iol. saileadan
 measgachadh de ghlasraich air ithe
 amh no fuar.

saill b.

gin. saille
 1 an Carrann gheal de dh'fheòil;
 crèis. 2 picil; uisge saillte.

saill gniomhair

1 déan saillte; cuir salann air: *shaill*
sinn an t-iasg. 2 glèidh rudeigin ann
 an uisge saillte no ann am fion-
 geur.

sailleadh f.

saillear b.

gin. sailleir iol. saillearan
 soitheach beag airson salann a
 chumail, le toll beag sa cheann aige
 às an dòirt thu frasadhl de shalann.

saillte buadhair

le salann; làn salainn; air a
 shailleadh.

saimeant f.

measgachadh de dh'aol agus
 chrèadh a chleachdar gus breig-
 ichean a cheangal ri chèile, ùrlaran
 a dhèanamh, 7c.

sàirdseant f.

iol. sàirdseantan
 saighdear no polas a ghabhas
 saighdearan no polas eile os làimh.

sal f.

gin. sail
 rudeigin salach; poll; stùr; smal.

sàl f.

gin. sàjl, sàile
 uisge saillte; am muir.

salach *buadhair**coim.* **salaiche**

gun a bhith glan.

salachadh *f.**gin.* **salachaideh**

a' dèanamh rudeigin salach.

salaich *gniomhair*

dèan salach.

salachadh *f.***salann** *f.**gin.* **salainn**an stuth geal a bheir do shàl a bhlas
searbh, agus a chleachdar gus
biadh a bhlasachadh.**salchar** *f.**gin.* **salchair**poll; dust; rud sam bith nach eil
glen.**salm** *f.* agus *b.**gin.* **agus iol. sailm**óran diadhaidh, gu h-àraidh fear sa
Bhioball.**saltair** *gniomhair*coisich no cuir do chas air rudeigin.
saltairt *b.* **saltradh** *f.***saltraich** *gniomhair*

co-ionann ri saltair.

sam bith *iar-leasachan*

faic fo bith

sàmhach *buadhair**coim.* **sàmhache**1 gun fhaim; tosdach. 2 gun
ghluasad; ciùin.**samhail** *f.**gin.* **samhla iol.** **samhailean**coltas; leithid; seis: *chan fhaca mi a*
*shamhail.***Samhain** *b.**(leis an alt)**gin.* **na Samhna**an t-aona mìos deug den
bhliadhna.**sàmhchair** *b.**gin.* **sàmhchaire**

a bhith sàmhach.

samhladh *f.**(no samhla)**gin.* **samhlaidh iol.** **samhlaidhean**1 cumadh; dreach; coltas. 2 nì a
riochdaicheas rudeigin; comharradh:
bidh an samhladh '7' a'
riochedachadh 'agus'. 3 sgeulachd,
dàn, 7c, a bhios ag innseadh aon
rud ach a bhios mu dheidhinn
rudeigin eile. 4 taibhse.
samhlachail *buadhair***samhradh** *f.**gin.* **samhrайдh iol.** **samhraidhean**an ràith bhláth eadar an t-earrach
agus an gcamhradh: *bidh mi a'*
*snàmh as t-samhradh.***san roimhear leasaichte**

faic fo an

-san *iar-leasachan*air a chleachdadhe còmhla ris a'
bhudhair sheilbheach 'an' gus
cudthrom a thoirt air: *se an*
seanair-san a chunnaic mi sa bhaile
*an-dè.***sanas** *f.**gin.* **sanais iol.** **sanasan**1 rudeigin sgriobhte no clò-
bhualte agus air a thaisbeanadh
gus am faic daoine eile e. 2 cagar. 3
sanas-reic.**sanas-reic** *f.**gin.* **sanais-reic iol.** **sanasan-reic**

sanas a' moladh bathar gus an ceannaich daoine e.

sann

airson is ann

sannt f.

gin. sannta
a bhith sanntach.

sanntach buadhair

coim. sanntaiche
ag iarraidh barrachd bidh, airgid,
7c, na dh'fheumas.

sanntaich gniomhair

miannaich rudeigin gu mòr, gu
h-àraidh rudeigin le cuideigin eile.
sanntachadh f.

saobh buadhair

coim. saobha, saoibhe
gòrach; air chuthach.

saobhaidh f.

iol. saobhaidhean
an t-àite sam bi beathach fiadhaich
a' fuireach.

saobh-chreideamh f.

gin. saobh-chreideimh *iol.* saobh-
chreideamhan
smuain no gniomh an aghaidh a'
chreideimh chumanta.

saobh-chreidmheach buadhair,
saobh-chreideach f.

saobh-shruth f.

gin. saobh-shruith, -shrutha *iol.*
saobh-shruthan
sruth uisce a ruitheas an aghaidh a'
phriomh shrutha.

saoghal f.

gin. saoghail *iol.* saoghalan
a' phlanaid air a bheil sinn beò,
agus a muinntir; an talamh.

saoibhir buadhair

faic saidhbhir
saoibhreas f.

saoil gniomhair

1 cleachd d' inntinn. 2 gabh
beachd; creid: saoilidh mi gum bi an
t-uisge ann fhathast an-diugh.
saoilsinn b., saoiltinn b.

saoileam gniomhair

saoilidh mi.

saoilibh gniomhair

1 dèanaibh smuain! 2 an saoil thu;
an saoil sibh?

saoil leibh gniomhair

airson saoilibh

saoilsinn b.

gin. saoilsinne

1 a' cleachdadh d' inntinn. 2 a'
gabhair beachd; a' creidsinn.

saoiltinn b.

gin. saoiltinne

a' saoilsinn.

saoithean f.

gin. agus *iol.* saoithein
iasg-mara ciar a ghabhas ithe.

saor buadhair

coim. saoire

1 gun tèid agad air an rud as miann
leat a dhèanamh; gun urrainn dhut
dol gus an t-àite a thogras tu. 2 an
asgaidh. 3 gun a bhith cosgail. 4
gun a bhith fo bhuaidh rudeigin:
saor o phian.

saor f.

gin. agus *iol.* saoir
cuideigin a nì rudan à fiodh.

saor gniomhair

dèan rudeigin no cuideigin saor.
saoradh f.

saor-là f.

(no saor-latha)

iol. saor-làithean, saor-lathaichean
là nuair nach tèid thu gud obair no
don sgoil, 7c.

saorsa b.

a bhith saor.

saorsainn b.

gin. saorsainne
saorsa.

saothair b.

gin. saothrach *iol.* saothraichean
1 a' déanamh nithean ann an
taighean-ceàirde; a' déanamh
bathar airson a reic. 2 obair; obair
chruaidh.

saothraich gniomhair

obraich; obraich gu cruaidh.
saothrachadh f.

sàr co-ghniomhairfior; glè: *sàr mhath.***sàr- ro-leasachan**fior; fior mhath; priomh: *sàr-obair.***sàraich gniomhair**

cuir dragh air cuideigin no
rudeigin; goirtich: *sguir a bhith gam*
shàrachadh!
sàrachadh f.

sàr-ghin f.*iol.* *sàr-ghinean*cuideigin a tha glè thapaidh agus
eirmseach.**sàs f.***gin.* *sàis*

1 trioblaid; duilgheadas; eigin. 2
daorsa; braighdeanas: *chaidh mo*
chas an sàs san toll; *chaidh am bàta*
an sàs air grunnd na mara. 3 a'
dèanamh rudeigin: *tha e an sàs sna*
leabhraichean aige an-dràsta.

sàsaich gniomhairdèan toilichte; riaraich.
sàsachadh f.**sàsaichte buadhair**

toilichte; riaraichte.

Sasannach f.

gin. agus *iol.* Sasannaich
neach à Sasainn.
Sasannach buadhair

sàsar f.

gin. sàsair *iol.* sàsaran
truinnsear airson cupa; flat.

sàth gniomhair

1 cuir toll ann an rudeigin no leòn
rudeigin le sgithinn, 7c. 2 brùth.
sàthadh f.

Satharn f.

gin. Sathairn
an t-siathamh planaid bhon
ghrèin.

se

airson is e

seabhadag f. agus b.

gin. seabhaig *iol.* seabhagan
eun-àir aig a bheil fradharc làidir.

seacaid b.*gin.* seacaide *iol.* seacaidean

1 còta a chòmhdaicheas roinn
shuas na bodhaige. 2 còmhdaich,
mar eisimpleir air leabhar.

seach naisgear

an àite: *chuir mi an cù san taigh seach esan a' ruith air falbh.*

seach roimhear (+ bun.)

1 seachad air: *chaidh e seach an doras.* 2 an àite: *bheir mi dhut peansail seach peann.* 3 an aghaidh; an coimeas ri: *chan aithnich mi duine seach a chéile; chaill sinn 4 seach 2; cha chaomh leam aon seach fear eile; tha iad cho mòr seach an fheadhainn eile.* 4 an déidh: *choimhead mi taobh seach taobh.*

seachad co-ghniomhair

1 gus an taobh thall; seach: *fhad is a bha mi a' coimhead a-mach air an uinneig, chaidh bus seachad.* 2 deiseil; air falbh: *cione a bhios na saor-làithean seachad?*

seachad air roimhear (+ tabh.)

1 gus an taobh thall: *chaidh an càr seachad air an taigh.* 2 an déidh: *bha e seachad air tri uairean mus do rainig e.*

seachain gniomhair

1 cumh thu fhèin air falbh bho chuid eigin no rudeigin. 2 faigh dòigh air nach bi feum agad air rudeigin a dhèanamh.

seachnad f.

seacharan f.

co-ionann ri seachran.

seachd buadhair agus ainmear

an àireamh 7; a h-aon a bharrachd air a sia: *a seachd; seachd oidhcheannan.*

seachdad f.

gin. seachdайд iol. seachdadan
tri fichead is deich.

seachdain b.

gin. seachdaine iol. seachdainean
seachd là, gu h-àraidh bho Là na Sàbaid gus an t-ath Dhisathairne: *an t-seachdайн seo tighinn; an t-seachdain seo chaidh.*

seachdamh buadhair

leanaидh seo an siathamh fear.

seachdamh deug buadhair

leanaидh seo an siathamh fear deug.

seachd-deug buadhair agus ainmear
an àireamh 17; a h-aon a bharrachd air a sia-deug: *a seachd-deug; seachd taighean deug.*

seachdnar f. agus b.

a h-aón a bharrachd air sianar: *seachdnar de theaghlaich.*

seach gu naisgear

bho (a); a chionn is gu: *seach nach eil duine a' tighinn, thèid mi don leabaidh.*

seachnad f.

gin. seachnaidh

1 gad chumail fhèin air falbh bho chuid eigin no rudeigin. 2 a' faighinn dòigh air nach bi feum agad air rudeigin a dhèanamh.

seachran f.

gin. seachdrain

1 a' gluasad bho àite gu àite gun cheann-uidhe a bhith agad. 2 a bhith air chall: *chaidh na caoraich air seachran.*

seachranach buadhair

coim. seachranaiche

1 a thèid air seachran. 2 carach.

seada *f.* agus *b.*
iol. seadaichean
 bothan fiodha.

seadag, *b.*
gin. seadaig *iol.* seadagan
 meas mòr cruinn mar liomaid
 mhòir.

seadh *co-ghniomhair*
 1 abairt a dh'innseas gu bheil thu
 ag aontachadh ri rudeigin, no gun
 cuala tu cuideigin ag èigheach ort.
 2 abairt a sheallas iongnadh. **3**
seadh ma-thà dè a-nise? dè a-rèist?

seagal *f.*
gin. seagail
 gràn a chleachdar gus aran,
 briosaidean, 7c, a dhèanamh.

seagh *f.*
gin. seagha *iol.* seaghan
 1 cùis; gnothach. **2** ciall; brìgh.

seàirdeant *f.*
 faic sàirdseant

seàla *b.*
iol. seàlaichean
 pios aodaich no stuth fighte air a
 chaitheamh timcheall air na
 guailnean no a' cheann, no
 timcheall air leanabh.

sealastair *f.*
 co-ionann ri seileastair.

sealbh *f.*
gin. seilbh
 1 fortan. **2** sealbh.
sealbhach buadhair

sealbhach *gniomhair*
 faic sealbhich
sealbhachadh *f.*

sealbhan *f.*
gin. sealbhain *iol.* sealbhanan
 1 innleachd a phutas tu airson
 inneal iomain nas luaithe. **2** buar;
 treud.

sealg *b.*
gin. seilg *iol.* sealgan
 a bhith a' sealg rudeigin.
sealgach buadhair

sealg *gniomhair*
 1 rach an dèidh beathaich
 fhiadhaich a chionn is gu bheil thu
 ag iarraidh a mharbhadh. **2** lorg.
sealg *b.*

sealgair *f.*
iol. sealgairean
 1 cuideigin a shealgas rudeigin. **2** an
Sealgair Mòr ainm reul-bhaid.

sealgaireachd *b.*
 an t-eòlas agus an sgil mu sheilg.

seall *gniomhair*
 1 cleachd do shùilean; tionndaidh
 do shùilean gus rudeigin; amhaire;
 thoir sùil air: *seall sin!*; *sheall mi air*
 a' phàipear. **2** leig do rudeigin a
 bhith air fhaicinn: *seall dhomh e!* **3**
seall air tâdhail air: *chaidh i a*
shealltainn air a bràthair. **4** **seall** ri
 dèilig ri, coimhead às dèidh:
seallaidh mi ris a-rithist. **5** gu
sealladh air gum biodh Dia, sealbh,
 7c, a' sealltainn air cuideigin, air a
 chleachdadh gus iongnadh, bròn,
 7c, a nochadh.
sealltainn *f.*

sealladh *f.*
gin. seallaidh *iol.* seallaidhean
 1 na chì thu à aon àite: *tha sealladh*
math bhon taigh. **2** fradharc. **3** a'
 coimhead rudeigin; an dòigh air
 am bi thu a' coimhead rudeigin. **4**

aisling. **5 an dà shealladh** an comas a bhith a' faicinn na bhios a' tachart san tide ri tighinn.

1 a' tort sùil air rudeigin. **2** a' leigeil do rudeigin a bhith air fhaicinn. faic **seall gniomhair**

gin. agus **iol.** **Sealtainnich** neach à Sealtainn.
Sealtainneach buadhair

gin. **seamraig** **iol.** **seamragan** luibh fiadhaich beag, mar as trice le trì duilleagan air.

(cuideachd seann)

coim. **sine**

1 gun a bhith ùr; gun a bhith òg; a rugadh no a chaidh a dhéanamh bho chionn fhada; aosta: *nach i bha sean!*; *bhiodh iad a' fuireach san t-sean bhaile; seann duine; seann taigh.* **2** de dh'amannan fad air falbh; *seann eachdraidh.*

iol. **séanaichean**
slabhraidd; cuibhreach.

faic **seanchaidh**

faic **seanchas**

gin. **seanaileir** **iol.** **seanailearan** oifigeach àrd-inbheach san arm.

iol. **seanairean**

athair d' athar no athair do mhàthar.

iol. **seanchaidhean**

1 sgeulaiche. **2** eachdraiche.

gin. **seanchais** **iol.** **seanchasan**

1 eachdraidh bheul-aithriseach. **2** sgeulachd bheul-aithriseach.

gin. **seanfhacail** **iol.** **seanfhaclan** abairt ghóridh ainmeil a dh' innseas rudeigin firinneach: *tha 'nithear càrn à clachan beaga' agus 'am fear nach seall ri gnothach, cha sheall a gnothach ris' nan seanfhaclan.*

coim. **seanga**

1 caol; tana.

2 glè chaol; le coltas an acrais air.

gin. **seangain** **iol.** **seangain,**

seanganan

fride mheanbh, a bhios ag obair fad na tide a rèir coltais.

coim. **seangairre**

sean agus glic.

gin. **seannhar** **iol.** **seannhairean** màthair d' athar no màthair do mhàthar.

co-ionann ri **sean.**

gun a bhith fasanta.

seann-phàrant f.

iol. seann-phàrantan
phàrant dhad athair no dhad
mhàthair.

seantans f.

iol. seantansan
rosg-rann.

Seapanach f.

gin. agus *iol.* Seapanach
neach às an t-Seapain.
Seapanach buadhair

sear *co-ghniomhair*

1 an ear. 2 **sear is siar** a-null is a-
nall; anns a h-uile h-àite.

search *buadhair*

coim. searbhà, seirbhe
1 gun a bhith milis; geur. 2 neo-
thaitneach.
searchbach *buadhair*, **searchbachd** b.

searchadair f.

iol. searchadairean
tubhailte.

searchanta f.

iol. searchantan
duine a dh'obraigheas aig cuideigin
eile, a' dèanamh obair-taighe.

searg *gniomhair*

fàs tioram; cròn.
seargadh f.

seargach *buadhair*

coim. seargaiche
1 a dh'fhàsas searg.
2 (craobhan, 7c) a leagas a
dhuilleagan as t-fhoghar.

seargadh f.

gin. seargaidh
1 (leis an alt) tinneas luibhe. 2 a' fàs
tioram, crion, 7c.

searmon b.

gin. searmoin *iol.* searmonan
1 òraid a bheir pears-eaglais
seachad. 2 òraid chudthromach.

searmonaich *gniomhair*

thoir seachad searmon.
searmonachadh f.

searmonaiche f.

iol. searmonaichean
cuideigin a bhios a'
searmonachadh.

searrach f.

gin. agus *iol.* searraich
each fireann òg.

searrag b.

gin. searraig *iol.* searragan
botal; buideal.

seas *gniomhair*

1 bi air do chasan gun għluasad:
*sheas e far an robh e; bha i na
seasamh ri taobh an dorais.* 2 eirich
air do chasan: *seas an-āird!*
seasamh f.

seasamh f.

gin. seasaimh
1 a bhith air do chasan gun
għluasad. 2 beachd.

seasg *buadhair*

coim. seasga, seisge
1 gun bħainne; tioram: *tha a' bhò
seasg.* 2 fàs:
seasgachd b.

seasgach f.

gin. agus *iol.* seasgaich
bò aig nach eil bainne.

seasgad f.

gin. seasgaid *iol.* seasgadan
tri ficead.

seasgair buadhair

coim. seasgaire

1 cofhurtail; blàth agus tioram. 2 aig fois. 3 am fasgadh.

seasmhach buadhair

coim. seasmhaiche

gun a bhith atharrachadh; daingeann.

seatadh *f.*

a' suidheachadh; a' frithealadh.

seathar *f.*

faic sèithear

seic *b.**gin.* seice *iol.* seicichean

òrdugh sgrìobhte do bhanca gus airgead a phàigheadh à cunntas.

Seiceach *f.**gin.* agus *iol.* Seicich

neach às an t-Seic.

Seiceach buadhair

seiche *b.**iol.* seicheannan

craiceann beathaich; bian.

seic-leabhar *f.**gin.* seic-leabhair *iol.* seic-leabhraichean

grunnan sheicichean bàna air an ceangal còmhla.

sèid *gniomhair*1 gluais mar àile no gaoith: *tha a' ghaoth a' sèideadh.* 2 leig d' anail gu luath a-mach às do bheul no às do shròn: *sèid do shròn!*; *sèididh mi air na coinnlean.* 3 déan fuaim le bhith a' sèideadh: *shèid e a' phioib.* 4 sèid suas lion rudeigin le àile no gas. 5 at.sèideadh *f.*sèighne *b.*

airson sèana

seilbh *b.**gin.* seilbhe *iol.* seilbhean

1 rudeigin a tha agad; rudeigin a tha leat; rudeigin a bhuiteas dhut. 2 faic sealbh.

seilbheach buadhair

coim. seilbhiche

1 a sheilbhicheas. 2 ginideach.

seilbhich *gniomhair*bi agad; bi leat: *tha iad a' seilbheachadh taigh sa bhaile-mhòr agus taigh air an dùthaich.*seilbheachadh *f.*seilcheag *b.**gin.* seilcheig *iol.* seilcheagan

creutair beag bog le slige air.

seile *f.*

an lionn nàdarrach ann am beul duine.

seileach *f.**gin.* seilich

fiodh den chraoibh-sheilich.

seileastair *f.*

luibh air a bheil duilleagan mar chlaimhnean agus blàthan buidhe.

seillean *f.**gin.* seillein *iol.* seillein, seilleanan

fríde ghuineach a nì mil; beach.

sèimh *buadhair**coim.* sèimhe

ciùin.

sèimhe *b.*

a bhith sèimh.

seinn gniomhair

dèan ceòl led ghuth.
seinn b.

seinneadair f.

iol. seinneadairean
cuideigin a sheinneas.

seinn-phàirteach buadhair

co-sheirmeach.

seipeal b.

gin. seipeile *iol.* seipealan
caibeal.

seirbheis b.

gin. seirbheise *iol.* seirbheisean

1 ag obair aig cuideigin. 2 rudeigin a chuidicheas daoine, agus a bheir dhaibh na tha iad ag iarraidh. 3 cruinneachadh gus adhradh a dhéanamh do Dhia: *bha seirbheis san eaglais Oidhche-chiadain*. 4 a' srithealadh dhaoine le biadh agus deoch, 7c. 5 a' gleusadh carbad, inneal-nighe, 7c.

seirbheiseach f.

gin. agus *iol.* seirbheisch

neach a bhios an dreuchd aige ri bhith ag obair ann an taigh cuideigin eile.

seirc b.

gin. seirce
gràdh; carthannas.

seirm gniomhair

1 dèan fuaim mar chlag. 2 thoir air clag fuaim a dhéanamh.
seirm b.

seis f.

(no *seise*)

iol. seisean

1 rudeigin a tha co-ionann ri

rudeigin eile; leithid. 2 cuideigin a ni stri riut: *gheibh e a sheis fhathast.*

seisear f.

co-ionann ri sianar.

sèist f. agus b.¹

iol. séisteán

na facail air an ath-aithris an dèidh gach roinne de dh'oran no dàn.

sèist f. agus b.²

iol. séisteán

a' cuartachadh àite le feachdan armaichte; a' toirt ionnsaigh air àite bho gach taobh: *chuir iad sèist air a' bhaile.*

sèithear f.

gin. séitheir *iol.* séithrichean

cathair.

sèithear-cuibhle f.

gin. sèitheir-chuibhle *iol.*

séithrichean-cuibhle

sèithear air a bheil cuibhlichean.

sèithear-putaidh f.

gin. sèitheir-phutaidh *iol.*

séithrichean-putaidh

sèithear air a bheil cuibhlichean, gu h-àraidh fear airson pàiste a ghiùlan.

seitrich b.

co-ionann ri sitrich.

seo buadhair

còmhla riut; faisg ort: *am fear seo;* *an tè seo;* *tha an fheadhainn seo nas fheàrr na an fheadhainn eile.*

seo riochdair

an duine no an nì a tha a-bhos: *tha seo math;* *an e thusa a rinn seo?;* *dè a tha seo?;* 's e *Calum a tha seo.*
faic **an seo co-gniomhair**

seòbhrach *b.*

gin. seòbhraich *iol.* seòbhraighean
luibh air am bi blàthan bànn-
bhuidhe as t-earrach.

seòclaid *b.*

co-ionann ri teòclaid.

seòl *f.¹*

gin. agus *iol.* siùil
1 dòigh; rian: dhèanainn fhìn air
seòl eile e. 2 àird; stiùireadh; slighe.
3 cuimse.

seòl *f.²*

gin. agus *iol.* siùil
pios mòr aodaich air a cheangal ri
crann gus bàta a ghuasad.

seòl *gniomhair*

1 siubhail ann am bàta. 2 stiùir. 3
riaghail.
seòladh *f.*

seòladair *f.*

iol. seòladairean
1 cuideigin a bhios a' seòladh. 2
ball de sgioba bàta.

seòladh *f.*

gin. seòlaidh *iol.* seòlaidhean
1 am fiosrachadh mu dheidhinn an
àite sam bi cuideigin a' fuireach: 's
e an seòladh agam, I Sràid na
h-Eaglaise, Am Baile Meadhanach,
Earra Ghaidheal. 2 a' siubhal ann
am bàta. 3 a' stiùireadh. 4 a'
riaghladh.

seòl-beatha *f.*

gin. agus *iol.* siùil-beatha
dòigh-beatha.

seòl-mara *f.*

gin. agus *iol.* siùil-mhara
togail agus tràghadh na mara, a

bhios a' tachairt mar as trice dà
uair san là.

seòlta *buadhair*

carach.
seòltachd *b.*

seòmar *f.*

gin. seòmair *iol.* seòmraichean
earrann togalaich le chuid bhalla-
chan: tha trì seòmraichean shuas an
staidhre san taigh againn.

seòmar-bìdh *f.*

gin. seòmair-bhìdh *iol.*
seòmraichean-bìdh
an seòmar sam bi thu ag ithe biadh.

seòmar-cadail *f.*

gin. seòmair-chadail *iol.*
seòmraichean-cadail
seòmar sam bi duine a' cadal;
seòmar-leapa.

seòmar-còmhnaidh *f.*

gin. seòmair-chòmhnaidh *iol.*
seòmraichean-còmhnaidh
am prìomh sheòmar ann an taidhe;
seòmar-suidhe.

seòmar-fuirich *f.*

gin. seòmair-fhurich *iol.*
seòmraichean-fuirich
àite airson feithimh ann.

seòmar-ionnlaid *f.*

gin. seòmair-ionnlaid *iol.*
seòmraichean-ionnlaid
seòmar sam bi thu gad nighe fhéin.

seòmar-ithe *f.*

gin. seòmair-ithe *iol.* seòmraichean-
ithe
seòmar sam bi thu ag ithe.

seòmar-leapa *f.*

gin. seòmair-leapa *iol.*

seòmraichean-leapa

seòmar sa bheil leabaidh; seòmar-cadail.

seòmar-leughaidh f.

gin. seòmair-leughaidh *iol.*
seòmraichean-leughaidh
seòmar sam bi thu a' sgrìobhadh
agus a' leughadh.

seòmar-sgeadachaidh f.

gin. seòmair-sgeadachaidh *iol.*
seòmraichean-sgeadachaidh
seòmar sam bi thu a' cur aodach
ort.

seòmar-suidhe f.

gin. seòmair-shuidhe *iol.*
seòmraichean-suidhe
seòmar le cathraichean cofhurtail;
seòmar-còmhnaidh.

seòmar-teagaisg f.

gin. seòmair-theagaisg *iol.*
seòmraichean-teagaisg
seòmar san tèid clas a theagast.

seòrsa f.

iol. seòrsachan, seòrsaichean
1 còmhlan de nithean no dhaoine a
tha coltach ri chèile; gnè: *dè an*
seòrsa a tha thu ag iarrайдh? 2
eisimpleir à còmhlan no gnè de
nithean a tha coltach ri chèile: *tha*
seòrsa de phian nam dhruim.

seòrsachan gniomhair

roinn rusan a rèir an seòrsa.
seòrsachadh f.

seud f.

gin. seòid *iol.* seòid, seudan
1 clach phriseil; leug; àilleag. 2 gille;
laoch.

seudar f.

gin. seudair
fiadh den chràobh-sheudair.

seud-muineil f.

gin. agus *iol.* seòid-mhuineil
crios-muineil.

seumarlan f.

gin. agus *iol.* seumarlain
bàillidh; maor.

seun f.

gin. seuna *iol.* seunan, seuntan
abairt le cumhachd dhraoidheil;
ortha.

seunta buadhair

draoidheil.

seuthar f.

faic séithear

sgadan f.

gin. agus *iol.* sgadain
iasg-mara a ghabhas ithe.

sgàil b.

(no sgàile)

gin. sgàile *iol.* sgàilean
1 brat; còmhdaich. 2 dubhar. 3
taibhse.

sgàil gniomhair

dion; ceil; còmhdaich.
sgàileadh f.

sgailc b.

gin. sgailce *iol.* sgailcean
1 buille. 2 fuaim obann; brag.

sgailc gniomhair

bheir sgailc do chuideigin no
rudeigin.
sgailc b.

sgailc-creige b.

iol. sgailcean-creige
mac-talla.

sgàileadh f.

gin. sgàilidh
a' dion; a' cur am falach; a' còmhdaichadh.

sgàilean f.

gin. sgàilein *iol.* sgàileanan
1 rudeigin a dhionas no a cheileas.
2 sgàilean uisge.

sgàile sùla b.

an còmhdaich shios no shuas air an t-sùil; fabhra: *tha rudeigin bho sgàile mo shùla.*

sgàilich gniomhair

co-ionann ri sgàil.
sgàileachadh f.

sgàin gniomhair

1 déan sgàineadh, rach a sgàineadh. 2 bris. 3 spreadh.
sgàineadh f.

sgàineadh f.

iol. sgàinidh
1 loidhne air uachdar rudeigin far an deach a bhriseadh ach nach deach a sgoltadh air fad. 2 briseadh.

sgàird b.

(*leis an alt*)
gin. sgàirde
a' bhuinneach.

sgairt b.1

gin. sgairte *iol.* sgairtean
éigh; sgreuch.

sgairt b.2

(*leis an alt*)
gin. sgairte *iol.* sgairtean
roinn fhéitheach na bodhaige eadar a' bhoilleach agus am balg.

sgairteil buadhair

coim. sgairteile
1 beothail; èasgaidh. 2 misneachail; smiorail.
sgairtealachd b.

sgait b.

gin. sgaite *iol.* sgaitean
iasg-mara mòr rèidh a ghabhas ithe.

sgal f.

gin. sgala *iol.* sgalan
1 sèideadh; gaoth làidir. 2 éigh; glaodh.

sgàl f.

gin. agus *iol.* sgàil
pios rèidh de dh'fhiadh, mheatailt no phlastaig, mar as trice le oir lùbte, airson biadh, glainneachan, 7c, a ghiùlan.

sgal gniomhair

glaodh; sgreuch.
sgaladh f., sgalartaich f.

sgàla b.

iol. sgàlaichean
gleus ciùil.

sglag f.

gin. sgalaig *iol.* sgalagan
seirbhiseach air tuathanas.

sgall f.

gin. sgail
a bhith maol no sgallach; brèid maol air mullach a' chinn.

sgallach buadhair

coim. sgallaiche
gun fhalt; maol; lom.

Sgalpach f.

gin. agus *iol.* Sgalpaich

neach à Sgalpaigh.

Sgalpach buadhair

sgaltaich b.

gin. sgaltaiche

sreuchadh.

sgamhan f.

gin. sgamhain iol. sgamhanan

tè den dà roinn sa chorp a
chleachdas tu airson d' anail a
tharraing; an dà roinn seo.

sgaoil gniomhair

1 sgap. 2 fuasgail.

sgaoileadh f.

sgaoilte buadhair

air a sgaoileadh.

sgaoth f.

gin. sgaoith, sgaotha iol. sgaothan
aireamh mhòr de fhridean no de
dh'eòin.

sgap gniomhair

1 sad nithean an siud agus an seo;
sgaoil. 2 gluais gu luath gu iomadh
àird.

sgapadh f.

sgar gniomhair

bris.

sgaradh f.

sgarbh f.

gin. agus iol. sgairbh

eun-mara mòr dubh.

sgarfa f.

iol. sgarfaiscean

stoc.

sgàrlaid buadhair

dath dearg a tha làidir agus soilleir.

sgàrlaid b.

Sgarpach f.

gin. agus iol. Sgarpach

neach bhon Sgarp.

Sgarpach buadhair

sgath f.

pios; bideag; bloigh; dad: *cha do dh'ith e sgath.*

sgàth f.

gin. sgàtha iol. sgàthan

1 dubhar; sgàile. 2 dìon; fasgadh. 3
air sgàth airson; às leth.

sgath gniomhair

geàrr rudeigin dheth.

sgathadh f.

sgàthan f.

gin. sgàthain iol. sgàthanan

innleachd ghlainne no mheataitt a
thilgeas air ais faileas: *coimhead thu fhèin san sgàthan!*

sgeadaich gniomhair

1 déan nas brèagha, nas dathte. 2
còmhdaich le aodach. 3 cuir an
òrdugh; sgioblaich.

sgeadachadh f.

sgeadaichte buadhair

air a sgeadachadh.

sgealb b.

gin. sgeilb iol. sgealban

mìr.

sgealb gniomhair

buail mirean beaga bhàrr rudeigin;

snaigh.

sgealbadh f.

sgealbag b.

gin. sgealbaig iol. sgealbagan

ainm air a' chorraig ri taobh na

h-òrdaig.

sgeap b.

*gin. sgip iol. sgeapan, sgeapaichean
soitheach sam bi seilleanan a'
fuireach.*

sgeatadh f.

*gin. sgeataidh
a' spèileadh.*

sgeilb b.

*gin. sgeilbe iol. sgeilbean
ball-acfhainn air a bheil ceann geur
airson fiadh, clach, 7c, a chumadh;
gilb.*

sgeileid b.

*gin. sgeileide iol. sgeileidean
prais bheag; prais; pana.*

sgeilf b.

co-ionann ri sgeilp.

sgeilp b.

*iol. sgeilpichean
bòrd air a cheangal ri balla, no ann
am preas, gus leabhairchean, 7c, a
chumail air.*

sgèimhich gniomhair

faic sgeumhaich
sgèimheachadh f.

sgeir b.

*gin. sgeire iol. sgeirean
creag anns a' mhuir.*

sgeith gniomhair

diobhair.
sgeith f., sgeitheadh f.

sgèith b.

1 a' sgiathadh. 2 faic fo sgiath.

sgèith gniomhair

sgiaithaich.
sgeith b.

sgeith-rionnaig b.

piosan creige no meatailte a
ghluaiseas tron fhànas agus a
loisgeas nuair a thig e faisg air an
talamh; fras de dhreagan.

sgeul f. agus b.

*gin. agus iol. sgeòil
1 sgeulachd. 2 lorg: an robh sgeul
air an-diugh?*

sgeulachd b.

*iol. sgeulachdan
facail a dh'innseas mu thach-
artasan fior no breugach; sgeul.*

sgeulaiche f.

*iol. sgeulaichean
1 cuideigin a dh'innseas sgeulachd.
2 eachdraiche.*

sgeumhach buadhair

*coim. sgeumhaiche
eireachdail; boidheach.*

sgeumhaich gniomhair

sgeadaich.
sgeumhachadh f.

sgeumhail buadhair

*coim. sgeumhaile
sgeumhach.*

sgeunach buadhair

*coim. sgeunaiche
diùid; a ghabhas eagal; fiadhaich.*

sgialachd b.

faic sgeulachd

sgiamh f.

*gin. sgiamha iol. sgiamhan
fuaim fada geur.*

sgiamh gniomhair

dèan sgiamh.
sgiamhadh f.

sgiamhach buadhair¹

coim. sgiamhaiche
a sgiamhas.

sgiamhach buadhair²

faic sgeumhach

sgiamhaich gniomhair

faic sgeumhaich
sgiamhachadh f.

sgian b.

gin. sgeine *tabh.* sgithinn *iol.*
sgeinean, sgineachan
1 innleachd le lann ghoirid oirre
airson nithean a ghearradh. 2 **sgian**
dubh sgian bheag sgeadachaidh air
a chaitheamh ann am mullach na
stocainne nuair a bhios feileadh
ort.

sgiath b.

gin. sgèithe *iol.* sgiathan

1 tè de na roinnean air eun no frìde,
a chleachdar gus itealachadh. 2 tè
de na roinnean air plèana a
dh'fheumas i airson itealachaidh. 3
tè de na lannan mòra a bhios ag
iomain muileann-gaoithe. 4 pìos
togalaich, càir, 7c, a shineas a-
mach bhon chòrr. 5 pìos mòr de
mheatailt, de dh'fhiodh, 7c, a
dhionas an corp. 6 fasgadh; dòn. 7
iteileag.

sgiathach buadhair

sgiathadh f.

gin. sgiathaidh
a' falbh air iteig; ag itealachadh.

sgiathaich gniomhair

falbh air iteig; itealaich.
sgiathadh f.

sgiathalaich b.

a' sgiathadh.

Sgiathanach f.

faic Sgitheanach

sgil f.

iol. sgilean

1 an comas a bhith a' déanamh
rudeigin glè mhath. 2 céard.

sgileil buadhair

coim. sgileile

aig a bheil sgil; math air rudeigin;
tapaidh: *tha e glè sgileil le làmhan.*

sgillig b.

faic sgillinn

sgillinn b.

gin. sgillinne *iol.* sgillinnean

bonn airgid Breatannach air luach
aon cheudamh de phunnd airgid,
.i. £0.01.

sgioba f. agus *b.*

iol. sgioban

1 na daoine a bhios ag obair air
bàta, plèana, 7c. 2 còmhlan
dhaoine a bhios air an aon taobh
ann an cluich. 3 còmhlan dhaoine a
bhios ag obair còmhla.

sgiobadh f.

a' surdagach.

sgiobair f.

iol. sgiobiairean

an ceannard ann an sgioba, air
bàta, 7c.

sgiobalta buadhair

cuimir; grinn; ann an òrdugh.

sgiobaltachd b.

a bhith sgiobalta.

sgioblaich gniomhair

1 déan cuimir. 2 cuir nithean ann
an òrdugh: *an do sgioblaich thu an*

*rum agad?***sgioblachadh** *f.***sgiorradh** *f.**gin. sgiorraidh iol. sgiorraidhean
tubaist.***sgiorrghail** *b.**ag eiginneach agus a' sgreuchail.***sgiort** *b.**gin. sgiorra iol. sgiorran
ball-aodaich boireannaich a
chrochas bhàrr meadhan na
bodhaige.***sgios** *b.**faic sgiths***sgìre** *b.**iol. sgìrean**1 (eaglaiseil) earrann den dùthaich
sa bheil eaglais le cuid ministèir no
sagairt. 2 coimhleasach; ceàrn.
sgireil buadhair***sgìreachd** *b.**iol. sgìreachdan**co-ionann ri sgìre.**sgìreachdail buadhair***sgith** *b.**gin. sgithe iol. sgithean**pios fada fiadh, plastaig, 7c, a
cheanglas tu rid chois, airson
gluasad gu luath air sneachd no
uisge.***sgìth** *buadhair**coim. sgìthe**a' faireachdainn gu bheil feum
agad air cadal no fois: tha mi sgith
den obair seo.***sgitheach** *f.**gin. sgìthich**fiadh den chraobh-sgithich.***sgitheadair** *f.**iol. sgitheadairean**cuideigin a bhios a' sgitheadair:
sgitheadair-uisge.***sgitheadh** *f.**gin. sgithidh**a' gluasad air sgithean.***Sgitheanach** *f.**gin. agus iol. Sgitheanaich**neach às an Eilean Sgitheanach.
Sgitheanach buadhair***sgitheil** *buadhair**coim. sgitheile**a nì sgith thu.***sgithich** *gniomhair**gluais air sgithean.***sgitheadh** *f.***sgithich** *gniomhair**dèan no fàs sgith.***sgitheachadh** *f.***sgithinn** *b.**faic fo sgian***sgiths** *b.**a bhith sgith.***sgìurs** *gniomhair**1 buail rudeigin no cuideigin le
cuip. 2 ruag.***sgìursadh** *f.***sgìursair** *f.**iol. sgìursairean**cuip.***sglàib** *b.**measgachadh de dh'aol, ghainmhich,
agus uisce, air a chleachdadh
gus ballachan agus mullaichean a
chòmhachadh.*

sglàibeadair f.*iol. sglàibeadairean*cuideigin a bhios an dreuchd aige ri
bhith a' sglàibrich bhallachan, 7c.1 airgead air a thoirt do chuideigin
gus fhoghlam a phàigheadh. 2 an
t-eòlas agus na dòighean ranns-
achaidh aig sgoilearan.**sglàibrich gnìomhair**cuir sglàib air balla, 7c.
sglàibrich b.**sgoilt gnìomhair**gearr no bris rudeigin na roinnean.
sgoltadh f.**sgléat f.***gin. sglèata iol. sglèatan*1 creag liath a tha furasta a
sgoltadh na piosan rèidhe. 2 pios
den chreig seo air a chleachdadh
mar phàirt de mhullach taighe.**sgoinneil buadhair***coim. sgoinneile*1 faiceallach. 2 cuimir; grinn;
taitneach.**sgléatair f.***iol. sgléatairean*cuideigin a chàraicheas sglèatan air
taighean.**sgol gnìomhair**nigh rudeigin ann an uisce glan;
sruthail.**sgoladh f.****sgleog b.***gin. sgleoig iol. sgleogan*
buille; brag.**sgolt gnìomhair**

co-ionann ri sgoilt.

sgoltadh f.**sgòd f.***gin. sgòid iol. sgòdan*1 pios aodaich. 2 oisean pios
aodaich.**sgoltadh f.***gin. sgoltaidh*

fosgladh cumhang; sgàineadh.

sgoil b.*gin. sgoile iol. sgoiltean*1 an t-àite far am faigh clann
foghlam. 2 a' chlann a bhios a' dol
do sgoil àraidh. 3 acadamh.**sgona b.***iol. sgonaichean*bonnach beag, mar as trice air ithe
le im.**sgoilear f.***gin. sgoileir iol. sgoilearan,*
*sgoileirean*1 cuideigin a thèid don sgoil. 2
cuideigin aig a bheil mòran eòlais
no a bhios a' déanamh mòran
rannsachaidh.**sgonn f.***gin. sgoinn, sguinn iol. sgonnan*1 ploc fiadha. 2 pìos mòr arain,
feòla, 7c.**sgoilearchd b.**

(no sgoileireachd)

*iol. sgoilearchdan***sgor f.***gin. sgor iol. sgoran*1 eag; gearradh; sgoltadh. 2 geodha
chumhang.**sgorach buadhair****sgòr f.***gin. sgòir iol. sgòran, sgòraichean*

an àireamh de phuingean air am

buannachadh ann an cluiche;
cunntas.

sgreab *gniomhair*
sgriob; tachais.
sgreabadh *f.*

sgor *gniomhair*
geàrr rudeigin na mhìrean.
sgoradh *f.*

sgread *f.*
gin. sgreada iol. sgreandan
sgreuch.

sgòrnan *f.*
gin. sgòrnain iol. sgòrnanan
a' phioib san amhaich a ghabhas
biadh agus àile a-steach don chorp.

sgread *gniomhair*
sgreuch.
sgreadail *b., sgreadadh f.*

sgòrr *f.*
co-ionann ri sgùrr.

sgreadhail *b.*
gin. sgreadhaile iol. sgreandan
1 ball-acfhainn mar spàin mbòir
airson tuill bheaga a dhèanamh,
luibhean a chur, 7c. 2 ball-acfhainn
air a bheil lann rèidh airson
saimeant, aol-tàthaidh, 7c, a
sgaoileadh.

sgot *f.*
gin. sgoit
1 beachd; smuain. 2 **bi gun sgot** bi
aineolach; bi górách: *chan eil sgot*
aige.

sgreamh *f.*
gin. sgreamha, sgreimhe
dèisinn; gràin.

sgoth *b.*
gin. sgotha iol. sgothan
bàta-siùil.

sgreamhail *buadhair*
coim. sgreamhaile
grànda; oillteil.

sgòth *b.*
gin. sgòtha iol. sgòthan
neul.
sgòthach *buadhair*

sgreataidh *buadhair*
coim. sgreataidhe
grànda; sgreamhail.

sgoth-long *b.*
gin. sgoth-luinge iol. sgoth-longan
bàta-siùil air a cleachdadh gu
h-àraidh airson rèisidh.

sgreuch *f.*
gin. sgreucha iol. sgreuchan
éigh mhòr àrd.

sgraing *b.*
gin. sgrainge iol. sgraingeann
gruaim.

sgreuch *gniomhair*
éigh gu h-àrd, gu h-àraidh le pian
no eagal; sgreach.
sgreuchadh *f., sgreuchail b.*

sgreab *b.*
gin. sgreaba iol. sgreaban
rùsg cruaidh a dh'fhasas air gearr
adh no león.
sgreabach *buadhair*

sgrìach *gniomhair*
faic sgreuch
sgrìachadh *f., sgrìachail b.*

sgriob *f.* agus *b.**gin.* sgrioba *iol.* sgrioban

1 làrach air a déanamh le
sgriobadh. 2 cláis a nithear le
treabhadh. 3 srian. 4 cuairt: *thog i*
oirre air sgriob timcheall a' bhaile. 5
oidhirp; deuchainn.

sgriob *gniomhair*

1 mill uachdar rudeigin le bhith a'
suathadh rudeigin geur ann. 2
sgriob an craiceann led inean seach
gu bheil e tachasach. 3 déan
loidhne anns an talamh le bhith ga
thionndadh le crann. 4 tog rudeigin
le bhith ga sgriobadh suas.
sgriobadh *f.*

sgriobag *b.**gin.* sgriobaig *iol.* sgriobagan
sgriob beag.**sgrioban** *f.**gin.* sgriobain *iol.* sgriobanan

1 innleachd airson sgriobaiddh. 2
tòdha.

sgriob-cheangail *b.**iol.* sgrioban-ceangail
tâthan.**sgriobh** *gniomhair*

1 cuir facail no samhlaidhean air
pàipear, 7c, gus an leugh duine iad.
2 bi nad ùghdar de rudeigin: *chaidh*
ân dàn seo a sgriobhadh le Alasdair
Mac Mhaighistir Alasdair.
sgriobhadh *f.*

sgriobhadair *f.**iol.* sgriobhadairean
sgriobhaiche.**sgriobhadh** *f.**gin.* sgriobhaidh *iol.* sgriobhaidhean
rudeigin air a sgriobhadh.**sgriobhaiche** *f.**iol.* sgriobhaichean

cuideigin a bhios a' sgriobhadh.

sgriobhainn *b.**gin.* sgriobhainne *iol.*

sgriobhainnean

rudeigin cudthromach air a
sgriobhadh no air a chlò-
bhualadh.**sgriobhte** *buadhair*

air a sgriobhadh.

sgriobtar *f.**gin.* sgriobtar *iol.* sgriobtaran1 leabhar naomh, gu h-àraidh am
Bioball. 2 sgriobhaidhean às a
leithid de leabhar.sgriobtarail *buadhair***sgrios** *f.**gin.* sgriosa *iol.* sgriosan

a' milleadh; creach.

sgrios *gniomhair*mill; déan gun fheum; cuir crioch
air rudeigin.sgriosadh *f.***sgriosail** *buadhair**coim.* sgriosaile1 a sgriosas; a mhilleas. 2 glè
dhona.**sgriubha** *b.**iol.* sgriubhaicheantarrag le druim sniomhach oirre;
bithis.**sgriubhaire** *f.**iol.* sgriubhaireanball-acfhainn airson sgriubha a
thionndadh.**sgrob** *gniomhair*

1 sgriob. 2 cuir rudeigin às le

loidhne; dubh às.
sgròbadh *f.*

sgrùd gniomhair

rannsaich; ceasnaich; cuir gu
deuchainn; coimhead rudeigin gu
mionaideach.
sgrùdadh *f.*

sgrùdaich gniomhair

co-ionann ri **sgrùd**.
sgrùdachadh *f.*

sgrùdaire *f.*

iol. **sgrùdairean**
cuideigin a sgrùdas rudeigin.

sguab *b.*

gin. **sguaibe** *iol.* **sguaban**
1 inneal airson an t-ùrlar, 7c, a
ghlanadh. 2 ultach feòir, arbhair,
7c.

sguab gniomhair

1 glan le sguab: *bha e a' sguabadh
an làir.* 2 gluais gu luath: *tha a'
ghaoth a' sguabadh timcheall an
taighe.*

sguabdh *f.*

sguabadair *f.*

iol. **sguabadairean**
innleachd a bhios a' sùghadh stùr.

sguab-fhlìuch *b.*

gin. **sguaib-fliche** *iol.* **sguaban-**
flìucha
sguab airson an làr a nighe.

sgud gniomhair

geàrr rudeigin le bhith ga bhualadh
le tuagh, sgithinn, 7c.
sgudadh *f.*

sgudal *f.*

gin. **sgudail**
1 rudan nach eil thu ag iarraidh;

rudan a tha gun fheum. 2 salchar.

sguir gniomhair

cuir stad air; *sguir a bhith ag
èigheach!*; *sguir dheth!*
sgur *f.*

sgur *f.*

gin. **sguir**
a' cur stad air cuideigin no
rudeigin.

sgùr gniomhair

suath rudeigin gus am bi e glan
agus soilleir.
sgùradh *f.*

sgùrr *f.*

gin. **sgurra** *iol.* **sgurran**
1 creag, creagan. 2 cnoc.

sheadh co-ghniomhair

co-ionann ri **seadh**.

shios co-ghniomhair

1 an t-àite as isle: *shios san talamh*.
2 aig a' cheann eile: *tha e shios an
rathad.*

shuas co-ghniomhair

an t-àite as àird: *shuas san adhar*.

si

airson **is i**

sia buadhair agus **ainmear**

an àireamh 6; a h-aon a bharrachd
air a còig: *a sia; sia uairean*.

siab gniomhair

1 suath; sguab: *shiab i am bòrd le
clobhd.* 2 séid.
siabadh *f.*

siaban *f.*

gin. **siabain**
cathadh bhon mhuir.

siabann f.

gin. agus *iol.* **siabainn**
stuth a chleachdar le uisge airson
nithean a għlanadha.

sia-cheàrnach f.

gin. **sia-cheàrnaich** *iol.* **sia-**
cheàrnachan
cumadh rèidh le sia taobhan air.

siad

airson is **iad**

sia-deug *buadhair* agus *ainmear*
an àireamh 16; a h-aon a
bharrachd air a còig-deug: *a sia-*
*deug; sia duilleagan deug.***siampù** b.

iol. **siampùthan**
siabann lionna airson falt a nighe.

sian b.

gin. **sine** *iol.* **siantan**
stoirm.

sian f.

faic **sion**

sianar f. agus b.

a h-aon a bharrachd air còignear:
sianar bhodach.

siar *buadhair*

1 an iar. 2 **sear** is **siar** a-null is a-
null; anns a h-uile h-àite.

siathamh *buadhair*

leanaidh seo an coigeamh fear.

siathamh deug *buadhair*

leanaidh seo an coigeamh fear
deug.

sibh(se) *riochdair*

na daoine ris am bi cuideigin a'

bruidhinn: *ciamar a tha sibh uile an-*
diugh?

side b.

an t-uisge, a' ghaoth, an sneachd,
7c, aig uair shònraichte agus ann
an àite sònraichte; aimsir: *droch*
shide.

sìdhiche f.

faic **sìdhiche.**

sil *gniomhair*

1 tuit na bhoinnean; snigh. 2 dòirt.
3 déan uisge.

sileadh f.**sileagan** f.

gin. **sileagain** *iol.* **sileaganan**
soitheach air a dhèanamh à glainne
no crèadh.

silean f.

gin. **silein** *iol.* **silein,** **sileanan**
grainne.

silidh f.

1 biadh milis air a dhèanamh à
meas air a bhruich còmhla ri siúcar
gus am bi e tiugh. 2 slaman-milis.

silteach *buadhair*

coim. **siltiche**
a shileas; sruthach.
silteachd b.

similear f.

gin. **simileir** *iol.* **similearan**
luidhear.

simplidh *buadhair*

1 furasta; gun a bhith duilich. 2
neo-sgeadaichte; cumanta. 3
gòrach.

sin *buadhair*

air falbh bhuat; thall: *am fear sin;*
an tè sin; na làithean sin.

sin gniomhair

1 slaod rudeigin gus am fàs e nas fhaide, nas fharsainge, no nas teinne. **2** fàs nas fhaide, 7c, nuair a thèid a shlaodadh. **3 sin a-mach** cuir a-mach: *shìn e a-mach a làmh.* **4 sìn gu** cuir a-null gu: *sìn thugam an salann!*

sineadh *f.*

sin riochdair

an duine no an nì a tha thall no air falbh: *seall sin!; a bheil sin a' còrdadh riut?; a bheil fios agad air sin?*

faic **an sin co-ghniomhair**

sinc *f.*

meatailt gheal.

since *b.*

iol. sincean

mias mhòr le gochan oirre, sam bi thu a' nighe shoithichean.

sine *b.*

iol. sinean

1 aon de na roinnean beaga a' seasamh a-mach air broilleach duine no beathaich. **2** innleachd air chumadh sine tron deoghal leanabh no beathach òg bainne.

sineach *f.*

gin. agus iol. sinich

beathach sam bith dem bi an tè bhoireann a' biathadh a h-àil leis a' bhainne aice fhèin.

sineadh *f.*

gin. sinidh

1 a' slaodadh rudeigin gus am fàs e nas fhaide, 7c. **2** a' fàs nas fhaide, 7c.

faic **sìn gniomhair**

singilte buadhair

(gràmar) a ghabhas gnothach ri aon duine no ri aon nì a-mhàin: *tha na facail 'bràthair', 'cù', agus taigh', singilte.*

sinn(e) riochdair

facal a chleachdas duine gus ionradh a thoirt air fhèin agus air daoine eile aig an aon àm: *bha sinn uile taingeil nach robh an t-uisce ann; churraic am bodach sinn agus ruith sinn air falbh.*

sinn-seanair *f.*

iol. sinn-seanairean
athair do sheanar.

sinn-seanmhair *b.*

gin. sinn-seanmhar iol. sinn-seanmhairean
màthair do sheanmhar.

sinnsear *f.*

gin. sinnseir iol. sinnseirean
duine sam bith san teaghach agad a rugadh romhad: *am measg mo shinnseirean bha fear air an robh Dòmhnull - 's e mo shinn-seanair a bha ann.*

sinnsearachd *b., sinnseireil buadhair*

sinteag *b.*

gin. sinteig iol. sinteagan
cas-cheum fada.

siobhag *b.*

gin. siobhaig iol. siobhagan
an t-sreang a thèid tro mheadhan coinnle; buaic.

siobhalta *buadhair*

1 de shiobhaltairean. **2** modhail.
siobhaltachd *b.*

siobholtair *f.*

iol. siobhaltairean

cuideigin nach eil sna feachdan
armaichte.

siobra *f.*

iol. **siobrathan**
asal-stiallach.

siochail *buadhair*

coim. **siochaile**
làn sìthe.
siocaint *b.*

sioda *f.*

iol. **siodachan**
1 scòrsa de shnàth mìn sleamhainn.
2 aodach air a dhèanamh às an t-snàth seo.

siogàr *f.*

gin. **siogàir** *iol.* **siogàran**
ridhleadh de thombaca fàisgte
airson smocaidh.

siol *f.*

gin. **sil**
1 roinn bheag bhiodach de luibh as
urrainn fàs anns an ùir gus luibh
eile a dhèanamh. 2 a' chealla
fhireann a dh'aonaicheas le ugh
boireann gus naoidhean no
beathach òg a thoirt gu cinneas. 3
sliochd; clann. 4 beathaichean den
aon sheòrsa a tha coltach ri chèile;
gnè: *siol eich*.

siolachan *f.*

gin. agus *iol.* **siolachain**
innleachd air a dèanamh à meatailt
no plastaig thollta, a chleachdar
gus mill a thoirt à lionn no stuth
eile; criathar.

siolaidh *gniomhair*

1 fàs nas lughá; rach sìos. 2 cuir
rudeigin tro shiolachan. 3 tàrm-
aich; gin. 4 **siolaidh** às bàsaich aig
fois.

sioladh *f.***siolandair** *f.*

iol. **siolandairean**
ní air a bheil taobhan direach agus
cinn chruinn.

siol-lionn *f.*

gin. **siol-lionna**
lionn geal a nì fireannaich nuair a
thèid gluasad gineamhainn orra.

sioltachan *f.*

co-ionann ri **siolachan**.

sioman *f.*

gin. **siomain** *iol.* **siomanan**
ròpa air a dhèanamh à connlaich
no tràthach sniomhte.

siompansaidhe *f.*

iol. **siompansaidhean**
apa Afraganach.

sion *f.*

1 nì; mir. 2 rud sam bith.

Sionach *f.*

gin. agus *iol.* **Sionaich**
neach à Siona.
Sionach *buadhair*

sionnach *f.*

gin. agus *iol.* **sionnaich**
beathach fiadhaich mar chù le
earball fada molach air; madadh-
ruadh.

sionnsar *f.*

gin. **sionnsair** *iol.* **sionnsaran**
feadan (na pìoba).

sior *buadhair*

daonnan; an-còmhnaidh.

sioraf *f.*

gin. **sioraif** *iol.* **siorafan**
beathach àrd le amhaich fhada air.

siorc f.*gin. siorca iol. siorcan*
cearban.adh, air a dhèanamh à dà lainn air
an ceangal còmhla.**siorrachd** b.*iol. siorrachdan*tè de na sgirean ann an dùthaich: 's
e siorrachdan a tha ann an
Siorrachd Pheairt, Siorrachd Rois
is Crombaigh, agus *Siorrachd*
*Inbhir Nis.***siorraidh** *buadhair*

bith-bhuan.

siorraideachd b.**siorraidh** f.*iol. siorraighean*

siorram.

siorram f.*gin. siorraim iol. siorraman*1 (ann an Albainn) am priomh
bhritheamh ann am baile no ann
an sgire. 2 (ann an Sasainn) am
priomh oifigeach aig a' chrùn ann
an siorrachd. 3 (ann am Ameir-
eagaidh) am priomh oifigeach a nì
cinnteach gu bheil an lagh ga
ghleidheadh.**siorramachd** b.co-ionann ri **siorrachd**.**sior-uaine** *buadhair*a bhios an-còmhnaidh uaine; nach
caill a dhUILLEAGAN.**sios** *co-ghniomhair*1 gu àite as isle: *sios an leathad*. 2 air
an t-slighe gu: *chaidh e sios chun*
*nam bùiùthean.***siosar** b.*gin. siosair iol. siosaran*
innleachd airson rudan a ghearr-**siosarnaich** b.a' dèanamh fuaim mar 's': *bidh*
*nathair a' siosarnaich.***sioata** b.*iol. sioataichean*

anart-leapa.

siotàr f.*gin. siotàir iol. siotàran*inneal-ciùil Innseanach a chluich-
eas tu le bhith a' spionadh theud.**siothchail** *buadhair*faic **siochail****sir** *gniomhair*

lorg; rannsaich.

sireadh f.**siris** b.(no **sirist**)*iol. sirisean*meas beag cruinn dearg le cloich na
mheadhan.**siteag** b.*gin. siteig iol. siteagan*co-ionann ri **sitig**.**sith** b.*gin. sìthe*1 àm nuair nach eil cogadh,
fòirneart no mì-riaghaitt ann. 2
fois; tàmh.**sith** *buadhair*de no a' gabhail gnothaich ri
sithichean.**sitheadh** f.*gin. sithidh iol. sithidhean*

putadh no ionnsaigh läidir.

sithean f.*gin.* agus *iol.* **sithein**1 tom beag. 2 (faoinsgeul) àite sam
biadh na sithich a' fuireach. 3 flùr,
blàth.**sitheann** b.*gin.* **sithinn**, **sithne**beathaichean fiadhaich no eòin air
an sealg airson an cuid feòla.**sitheil** *buadhair**coim.* **sitheile**

siochail; làn sìthe.

sithich *gniomhair*1 dèan no fàs siochail no ciùin. 2
dèan sìth; aontaich.
sitheachadh f.**sithiche** f.*iol.* **sithichean**creutair mac-meanmnach a nì
rudan iongantach.**sitig** b.*iol.* **sitigean**

càrn de dh'inneir beathaich.

sitir b.*gin.* **sitire**

am fuaim a nì each.

sitrich b.*gin.* **sitriche**

a' déanamh sitir.

siubhail *gniomhair*1 gluais, rach bho àite gu àite: *bha sin a' siubhal air seadh na dùthcha.*
2 rach thairis: *siùbhlaidh sinn na beanntan.* 3 coisich. 4 bàsaich:
shiubhail an duine na chadal.
siubhal f.**siùbhlaich** *buadhair**coim.* **siùbhlaiche**1 a ghluaiseas gu luath agus gu
furasta; luath. 2 falbhanach. 3 an-
fhoiseil.**siùbhlas** f.**siùcar** f.*gin.* **siùcair** *iol.* **siùcaran**1 biadh milis à iomadh luibh. 2
suiteas.**siud** *riochdair*1 an duine no an nì a bha ann, no
air an robh sinn a' bruidhinn: *nach b' e siud an là mu dheireadh agad?* 2
thall; an sin.faic an siud *co-ghniomhair***siùdaibh** *gniomhair*airson **siuthadaibh**faic fo **siuthad****siuga** b.*iol.* **siugannan**soitheach airson lionna le cluais
agus srùb air.**siuthad** *gniomhair easbhaidheach**iol.* **siuthadaibh**tòisich!; lean ort!: *siuthad, ith do bhiadh!***slabhraids** b.*iol.* **slabhraidhean**sreach de dh'fhaìnneachan meatailt
air an ceangal ri chèile; cuibhreach.**slac** f.(no **slaic**)*gin.* **slaic** *iol.* **slacan**an seòrsa fuaim a nì thu nuair a
shlacas tu rudeigin.**slac** *gniomhair*

buail rudeigin le brag no sgailc.

slacadh f.

slacan *f.*

gin. **slacain** *iol.* **slacain**, **slacanan**
bata a chleachdar ann an cluich-
cneutaig, 7c, air a dhèanamh le
sreangan air an sineadh thairis air
céis de dh'fhiodh no mheatailt.

slag *b.*

co-ionann ri lag.

slaighdeadh *f.*

a' steamhnachadh.

slàinte *b.*

1 an cor a tha air bodhaig no
inntinn duine; fallaineachd. 2 a
bhith slàn agus fallain. 3 **slàinte**
mhath! no **slàinte mhòr!** gum biodh
slàinte mhath agad! 4 **air do**
slàinte! slàinte mhath dhut!

slaman *f.*

gin. **slamain**
gruth.

slaman-milis *f.*

gin. **slamain-mhilis**
biadh milis bog a bhios a' leaghadh
nad bheul.

slàn *buadhair*

coim. **sláine**

1 gun a bhith tinn; fallain. 2
iomlan; lán.

slànaich *gniomhair*

dèan no fàs slàn no fallain; faigh
saor o għalar no thinneas.
slànachadh *f.*

slaod *f.*

gin. **slaoid** *iol.* **slaodan**
carbad airson a bhith a' siubhal air
an t-sneachd, le stíallan de
dh'fhiodh no mheatailt an àite
chuibhlichean air.

slaod *gniomhair*

tarraing; dragh.
slaodadh *f.*

slaodach *buadhair*

coim. **slaodaiche**
gun a bhith luath; air a chumail air
ais; māirnealach.
slaodachd *b.*

slaodair *f.*

iol. **slaodairean**
carbad a shlaodar le càr no làraidh.

slaoightear *f.*

gin. **slaoighteir** *iol.* **slaoightearan**
duine mi-onarach agus
aimhleasach.

slapag *b.*

gin. **slapaig** *iol.* **slapagan**
bròg bhog chofhurtail a chaitheas
tu aig an taigh.

slat *b.*

gin. **slait** *iol.* **slatan**
1 bata fada. 2 slat iasgaich. 3 aonad
tomhais: *tha trì troighean ann an*
slat.

slatag *b.*

gin. **slataig** *iol.* **slatagan**
1 slat bheag. 2 slat-draoidheachd.

slat-draoidheachd *b.*

gin. **slait-draoidheachd** *iol.* **slatan-**
draoidheachd
bioran goirid caol air a chleachd-
adh le draoidh.

slat-drùidheachd *b.*

faic slat-draoidheachd

slat-iasgaich *b.*

gin. **slait-iasgaich** *iol.* **slatan-**
iasgaich

slat a chleachdas tu nuair a bhios tu ag iasgach.

slat-thomhais b.

gin. slait-tomhais *iol.* slatan-thomhais
stíall fiodha, plastaig no meatailte le taobhan còmhnard air, a chleachdar gus loidhnichean direach a thomhas no a tharraing.

sleagh b.

gin. sleatha *iol.* sleaghan
pòla fada le ceann biorach air, air a chleachdadh mar bhall-airm.

sleamhaineag b.

faic sleamhnag

sleamhainn buadhair

coim. sleamhna
cho mìn, fiuch, 7c, is gu bheil e duilich a bhith a' coiseachd, a' faighinn grèim, 7c.

sleamhnach buadhair

coim. sleamhnaiche
sleamhainn.

sleamhnag b.

gin. sleamhnaig *iol.* sleamhnagan
uachdar fiarach a tha mìn no sleamhainn, air am bi clann a' cluiche.

sleamhnaich gniomhair

gluais gu mìn air uachdar: *bha iad a' sleamhnachadh air an deigh.*
sleamhnachadh f.

sleids f.

slaod.

sleuchd gniomhair

bi air do ghlùinean; rach ann an suidheachadh air do ghlùinean.
sleuchdadh f.

sliabh f.

gin. slèibh *iol.* slèibhteann
1 leathad. 2 beinn.

sliasaid b.

gin. sliasiade *iol.* sliasiadean
roinn na coise os cionn na glùine; leis.

slige b.

iol. sligean, sligeachan
1 an còmhdaich cruaidh timcheall air cnò, ugh, sligeanach, seilcheig, 7c. 2 peilear glè mhòr.

sligeach buadhair

coim. sligiche
1 air a bheil slige. 2 coltach ri slige.

sligeanach f.

gin. agus *iol.* sligeanaich
beathach le slige thairis air a chorpa, a bhios a' gluasad gu slaodach.

slighe b.

iol. slighean
1 rathad; ceum. 2 an àird no an t-astar gu àite.

Slighe Chlann Uisnidh b.

an reul-bhad sa bheil an talamh.

slinnean f.

gin. slinnein *iol.* slinneinean
gualann.

slìob gniomhair

gluais do làmh air fad rudeigin gu h-aotrom; slìog.

slìobadh f.

sliochd f.

gin. sliochda *iol.* sliochdan
an t-àl no a' chlann a theàrnas bho shinnsear.

sliog <i>gniomhair</i>	sloinneadh <i>f.</i>
sliob.	<i>gin.</i> <i>sloinnidh</i> <i>iol.</i> <i>sloinnidhean</i>
sliogadh <i>f.</i>	ainm an teaghlaich agad; an t-ainm deireannach agad; cinneadh: 's e <i>Iain MacLeòid a tha orm, agus 's e</i> <i>Anna NicLeòid a tha air mo</i> <i>phiuthar – 's e MacLeòid an</i> <i>sloinneadh a tha air an teaghlaich</i> <i>againn.</i>
slios <i>f.</i>	sluagh <i>f.</i>
<i>gin.</i> <i>sliosa iol.</i> <i>sliosan</i>	<i>gin.</i> <i>sluaigh iol.</i> <i>slóigh gin.</i> <i>iol.</i> <i>slógh</i>
taobh; cliathaich.	mòran dhaoine.
slip <i>b.</i>	sluagh-ghairm <i>f.</i>
<i>iol.</i> <i>slipean</i>	<i>gin.</i> <i>sluagh-ghairme iol.</i> <i>sluagh-</i>
bile; lip.	<i>ghairmean</i>
slis <i>b.</i>	abairt a chleachdar gus rudeigin a reic, no gus cuimsean buidhne fhoillseachadh.
sliseag <i>b.</i>	sluasaide <i>b.</i>
<i>gin.</i> <i>sliseig iol.</i> <i>sliseagan</i>	<i>iol.</i> <i>sluasaide iol.</i> <i>sluasaidean</i>
slis bheag; slis.	1 innleachd sam bi thu a' sguabdh stùr bhon lär. 2 spaid le taobhan lùbte oirre airson gual, gainmh- each, 7c, a thogail.
slisinn <i>b.</i>	slug <i>f.</i>
<i>gin.</i> <i>slisinne, slisne iol.</i> <i>slisinnean,</i>	<i>gin.</i> <i>agus iol.</i> <i>slugig</i>
<i>slisnean</i>	slugadh.
1 slis. 2 slis air a thoirt à cluais beathaich mar chomharradh air co leis a tha e.	
slisnich <i>gniomhair</i>	slugadh <i>f.</i>
geàrr rudeigin na slisean.	<i>gin.</i> <i>slugaidh</i>
slisneadh <i>f.</i>	a' toirt air rudeigin dol sios do sgòrnan.
sloc <i>f.</i>	slugan <i>f.</i>
<i>gin.</i> <i>sluic iol.</i> <i>slocan</i>	<i>gin.</i> <i>slugain iol.</i> <i>sluganan</i>
toll; lag; doca.	1 slug beag. 2 sgòrnan.
slochd <i>f.</i>	sluidearachd <i>b.</i>
faic sloc	airson sluigeachd
sloinn <i>gniomhair</i>	slugig <i>gniomhair</i>
1 thoir sloinneadh do chuideigin.	thoir air rudeigin dol sios do
2 faigh lorg air na sinnseirean agad.	
sloinneadh <i>f.</i>	

sgòrnan.
slugadh *f.*

sluigearachd *b.*

a' slugadh gu luath agus gu
sanntach.

slupraich *b.*

gin. slupraiche
a' sleamhnachadh.

smachd *f.*

ceannsachadh; riaghailt; üghdarras:
chaidh a h-uile càil a chur fo
smachd a' cheannaird.

smachdail *buadhair*

coim. smachdaile
1 de no a' gabhail gnothaich ri
smachd. 2 nas làidire no nas
cudthromachaie.

smàil *gniomhair*
faic smál**smal *f.***

gin. small
1 ball no comharradh salach air
rudeigin: *fàgaidh sin smal air an*
lèine. 2 stùr. 3 meang.

smál *gniomhair*

1 cuir às; bàth: *smál e às an teine.* 2
bris na mhirean.
smàladh *f.*

smàladair *f.*

iol. smàladairean
rudeigin no cuideigin a smàlas
teintean.

smalan *f.*

gin. smalain
bròn; gruaim.

smalanach *buadhair*
coim. smalanache
brònach; gruamach.

smaoin *b.*

gin. smaoine *iol.* smaoointean
rudeigin a smaoinicheadas tu;
beachd.

smaoinich *gniomhair*
1 cleachd d' inntinn. 2 gabh
beachd.
smaoineachadh *f.*, smaointinn *f.*

smaointich *gniomhair*
co-ionann ri smaoinich.
smaointeachadh *f.*

smàrag *b.*

gin. smàraig *iol.* smàragan
seud uaine.

smeagaid *f.*
co-ionann ri smiogaid.

smèid *gniomhair*
crath do làmh ri cuideigin.
smèideadh *f.*

smeòrach *b.*

gin. smeòraich *iol.* smeòraichean
eun air a bheil broilleach geal le
buill dhonna air.

smeur *b.*

gin. smeura *iol.* smeuran
dearc na drise.

smeur *gniomhair*
suath rudeigin salach no crèiseach
ann an rudeigin eile; salaich.
smeuradh *f.*

smid *b.*

gin. smide *iol.* smidean
facal; biòg; lide.

smig f.*iol. smigean*roinn na h-aghaidhe fon bheul;
smiogaid.**smigead f.**co-ionann ri **smiogaid****smiogaid f.***iol. smiogaidean*

smig.

smior f.*gin. smior, smir*1 an stuth bog am broinn
chnàmhan. 2 an roinn as sfeàrr no
as cudthromaire de rudeigin. 3
spionnadhb; neart.**smiorail buadhair***coim. smioraile, smiorala*1 làdir; calma. 2 èasgaidh; luath.
smioralachd b.**smiùr gniomhair**

smeur.

smiùradh f.**smoc gniomhair**1 gabh ceò tombaca. 2 cuir a-mach
ceò.**smocadh f.****smocaig gniomhair**co-ionann ri **smoc.****smocaigeadh f.****smodal f.***gin. smodail*

criomagan; mìrean; piosan.

smuain b.*gin. smuaine iol. smuaintean*

smaoin.

smuainich gniomhair

smaoinich.

smuaineachadh f.**smuaintich gniomhair**co-ionann ri **smuainich.****smuainteachadh f.****smugaid b.***gin. smugaide iol. smugaidean*

seile air a thilgeil às a' bheul.

smùid b.*gin. smùide iol. smùidean*1 an gas liath no glas a dh'èireas à
teine; toit. 2 gas le fàileadh làdir
dheth. 3 (gu samhlachail) deoch-
làdir: *bha smùid air.***smùirnean f.***gin. agus iol. smùirnein*

dadam.

smùirneanach buadhair**smùr f.***gin. smùir*1 dust agus mìrean de ghual,
mhòine, 7c. 2 dust.**sna roimhean leasaichte**

faic fo an

snag f.*gin. snaig iol. snagan*fuaim mar a ni rudeigin nuair a
bhriseas tu e: *rinn am maide snag.***snagadaich b.***gin. snagadaiche*a' dèanamh fuaim mar snag; a'
glagadaich; a' bualadh d' fhiacan
ri cheile a chionn an fhuachd.**snàgadh f.***gin. snàgaidh*

a' snàgail.

snàgail b.*gin, snàgaile*

1 a' gluasad romhad faisg air an talamh. 2 a' gluasad gu sàmhach agus gu diomhair.

snàgair f.*iol. snàgairean*

rudeigin a shnàgas nuair a ghluaiseas e.

snagan-daraich f.*gin. snagain-daraich iol. snaganan-daraich*

eun a nì tuill ann an craobhan le ghob gus frídean a lorg.

snaidhm f.*iol. snaidhmean, snaidhmeannan*

an t-àite far an deach piosan
sreanga, ròpa, 7c, a cheangal; cnot.

snàig gnìomhair

1 gluais romhad faisg air an talamh; èalaidh; crùb: *bidh nathair a' snàgail*. 2 gluais gu sàmhach agus gu diomhair.
snàgadh f., snàgail b.

snàigeach buadhair*coim. snàigiche*

a bhios a' snàgail.

snàigeadh f.

co-ionann ri **snàgadh**.

snaigh gnìomhair

geàrr rudeigin gu cùramach no gu h-ealanta.

snaigheadh f.

snàithleach f.*gin. snàithlich iol. snàithlichean*

1 snàthainn caol. 2 stuth air a dhèanamh à snàithnean caola.

snàithlean f.*gin. snàithlein iol. snaithleanan*

snàthainn.

snàmh gnìomhair

1 gluais tron uisge. 2 bi làn de rudeigin.

snàmh f.

snasail buadhair*coim. snasaile*

snasmhor.

snasmhor buadhair*coim. snasmhoire*

grinn; eireachdail.

snàth f.*gin. snàtha, snàith iol. snàithean*

pìos fada de chanaich, chlòimh,
nàidhlean, 7c, a chleachdar airson
fuaigheil, fighe, 7c.

snàthad b.*gin. snàthaid iol. snàthadan*

pìos caol de mheatailt le ceann
biorach air, a chleachdar airson
fuaigheil.

snàthainn f.*gin. snàthainne, snàithne iol.**snàthainnean, snàithnean*

pìos snàtha.

snàthlainn f.

snàthainn.

snàthlainneach buadhair*coim. snàthlainniche*

làn snàithnean.

sneachd f.

(no sneachda)

gin. sneachda

boinnechan uisge reòthte a thig às
an adhar: *tha i a' cur an t-sneachda*.

snèap b.

gin. snèip *iol.* snèapan
luibh ion-i the air a bheil freumh
mòr cruinn geal.

snèip b.

co-ionann ri **snèap**.

snigh *gniomhair*

tuit na bhoinnean; sil: *bha an tuisge a' snighe tro mhullach an taighe.*
snighe f.

sniomh f.

gin. sniomha *iol.* sniomhan
1 sniomhadh ann an rudeigin;
rudeigin sniomhte. 2 ciùrradh a
gheibh adhbrann, 7c, nuair a thèid
a sniomhadh.

sniomh *gniomhair*

1 tionndaidh rudeigin mun cuairt.
2 tionndaidh bho thaobh gu taobh.
3 déan snàth à piosan clòimh,
canaich, 7c, le bhith gan toinneadh.
4 slaod rudeigin air falbh gu
h-obann no gu luath.
sniomhadh f.

sniomhach *buadhair*

coim. sniomhaicte
a shniomhas; sniomhte.

sniomhaire f.

iol. sniomhairean
ball-acfhainn airson tuill a
dhèanamh.

sniomhte *buadhair*

air a shniomhadh.

snodha-gàire f.

iol. snodhan-gàire
fiamh toilichte no èibhinn air d'
aghaidh; faite-gàire.

snog *buadhair*

coim. snoige
1 brèagha, grinn; laghach. 2 còir:
duine snog.

snot *gniomhair*

1 gabh fàileadh. 2 tarraing d' anail
gu luath trod shròin.
snotadh f.

snòtaich *gniomhair*

snot.
snòtadh f.

snuadh f.

gin. snuaidh
aogas; sealladh.

so *buadhair agus riochdair*

faic seo

sòbhrach b.

gin. sòbhraich *iol.* sòbhraichean
co-ionann ri **sòbhrach**.

socair b.

gin. socaire, socrach
fois; tàmh; cofhurtachd: *nach gabh*
thu air do shocair?

socair *buadhair*

coim. socaire
ciùin; sàmhach.

socais b.

iol. socaisean
stocainn.

sochar b.

gin. sochar
a bhith socharach.

socharach *buadhair*

coim. socharaiche
lag; bog; simplidh; èasgaidh.

socraich *buadhair*

coim. **socraiche**
air a shocair; cofhurtail.

socraich *gniomhair*

1 dèan socair. 2 dèan roghainn:
socraichidh mi a' cheist sin a-
màireach.
socraichadh *f.*

sodal *f.*

gin. **sodail**
miodal.

so-dhèanamh *buadhair*

a ghabhas dèanamh.

so-dhionta *buadhair*

a ghabhas dòn.

sòfa *b.*

iol. **sòfathan**
langasaid.

so-ghiùlan *buadhair*

a ghabhas giùlan.

soilir *f.*

gin. **soilire**
glasraich le gasan brisg geal no
uaine oirre.

soilleir *buadhair*

coim. **soilleire**
1 gun a bhith dorch; a dheàrlas,
mar sholas. 2 ri thuiginn.

soilleireachd *b.*

a bhith soilleir.

soilleirich *gniomhair*

1 dèan no fàs soilleir. 2 seall;
mìnich.
soilleireachadh *f.*

soillse *f.*

solas; gath solais.

soillseach *buadhair*

coim. **soillsiche**
1 soilleir. 2 a tha a' soillseachadh
no a' déalradh.

soillsich *gniomhair*

1 cuir solas air. 2 dèan no fàs
soilleir; soilleirich.
soillseachadh *f.*

soirbh *buadhair*

coim. **soirbhe**
furasta.

soirbheachail *buadhair*

coim. **soirbheachaile**
a shoirbhicheas leis.

soirbheas *f.*

gin. agus *iol.* **soirbheis**
1 a bhith soirbheachail; soirbh-
eachadh. 2 gaoth fhàbharach.

soirbhich *gniomhair*

rach gu math leat a thaobh na tha
thu ag iarraidh no a' sònráchadh:
an do shoirbhich leat?; *shoirbhich an*
obair leis.

soirbheachadh *f.*

soirceas *f.*

gin. **soirceis** *iol.* **soirceasan**
cur-seachad no aoigheachd le
ainmhidhean, cleasaichean, 7c.

sòisealta *buadhair*

1 de no ceangailte ri co-chomann;
comannach. 2 a chuidicheas daoine
ann an co-chomann. 3 a chuid-
icheas daoine a bhith a' coinn-
eachadh ri chèile.

soisgeul *f.*

gin. **soisgeil**
teagastg Chriosd.

soisgeulaiche f.*iol. voisgeulaichean*

cuideigin a bhios a' searmon-achadh mu shoisgeul Chriosc.

soisgeulach buadhair**soitheach f.***gin. soithich iol. sothicéan*

1 rudeigin air a dhealbhadh gus nithean a chumail: 's e soitheach a tha ann am botal. 2 bàta. 3 (iolra) cupannan, sàsaran, truinnsearan, 7c.

soitheach-sgudail f.*gin. soithich-sgudail iol.***sothicéan-sgudail**

soitheach a chumas sgudal.

soitheach-sil f.*gin. soithich-sil iol. sothicéan-sil*

roinn luibhe sam bi an siol a' fàs.

soitheamh buadhair*coim. soithheimhe*

gun a bhith fiadhaich; ciùin; sèimh; solt.

sòlaimte buadhair

suidhichte; cudthromach; urramach.

solair gniomhair

1 reic no thoir do chuideigin na tha e ag iarraidh; fritheil cuideigin le rudeigin. 2 faigh rudeigin gus am bi e ann, deiseil, 7c; dèan rudeigin deiseil.

solar f., solaradh f.**solaraich gniomhair**

co-ionann ri solair.

solarachadh f.**solas f.***gin. agus iol. solais*

1 na leigeas dhut rudan fhaicinn;

ceart-aghaidh an dorchadais. 2 rudeigin a bheir solas no lasair dhut, gu h-àraidh lampa dealain.

sòlas f.*gin. sòlais*

cofhurtachd no co-fhulangas a bheirear do dhuine; furtachd.

sòlasach buadhair*coim. sòlasaiche*

1 a bheir sòlas; làn sòlais. 2 cofhurtail. 3 aoibhneach.

solas-stad f.*gin. agus iol. solais-stad*

solas a ghabhas trafaig os làimh.

so-leigheas buadhair

a ghabhas leigheas no slànachadh.

solt buadhair

(no solta)

gun a bhith fiadhaich; gun a bhith cronail; soitheamh; ciùin.

so-lùbadh buadhair

a ghabhas lùbadh gu furasta.

sòluimte buadhair

faic sòlaimte

somalta buadhair

ciùin; sèimh; siochail.

somaltachd b.

a bhith somalta.

son f.

cùis; sgàth.

faic airson, airson gu

son roimhear

faic airson

sona buadhair

1 àghmhor. 2 fortanach.

sonas f.*gin.* sonais

a bhith sona.

sònraich *gniomhair*1 can, seall, no mìnich dè a tha ann
an rudeigin. 2 bi air smaoineachadh
air na bhios tu a' déanamh no
ag iarraidh a dhèanamh.
sònraichadh *f.***sònraichte** *buadhair*

àraighe; air leth.

sop f.*gin.* suip *iol.* suip, sopan

1 sràbh. 2 bagaid de shràbhan.

soraidh *b.*beannachd; dùrachd: *soraidh leat!*
*soraidh slàn leat!***so-ruighinn** *buadhair*

furasta faighinn ann.

so-ruigsinn *buadhair*co-ionann ri **so-ruighinn**.**sòs** f.

faic sabhs

sosais *b.**iol.* sosaidsean

isbean.

spàgail *b.*a' coiseachd air dòigh a tha mi-
sgiobalta no cearbach.**spaid** *b.**gin.* spaide *iol.* spaideanball-acfhainn le cois fhada agus
lainn leathain air airson cladhaich;
caibe.**spaideil** *buadhair**coim.* spaideile1 ann an aodach grinn. 2 snog;
taitneach. 3 pròiseil.**spaidirich** *gniomhair*

coisich gu h-àrdanach.

spaidearachd *b.***spàin** *b.**gin.* spàine *iol.* spàinean, spàinteán,

spàineachan

innleachd de mheatailt no de
dhífhiodh, air a bheil bobhla beag
agus làmh, a chleachdar airson
biadh a thogail, nithean a
thomhas, 7c.**spàinn** *b.*

faic spàin

Spàinneach f.

(no Spàinn teach)

gin. agus *iol.* Spàinnich

neach às an Spàinn.

Spàinneach *buadhair***spàin-teatha** *b.*

(no spàin-ti)

iol. spàinean-teatha

spàin bheag.

spàirn *b.**gin.* spàirne

strì; gleac; duilgheadas.

spanair f.*iol.* spanaireanball-acfhainn airson cnò a theann-
achadh no fhuasgladh.**spàrdan** f.*gin.* spàrdain *iol.* spàrdain,

spàrdanan

spiris.

spàrr f.*gin.* sparra *iol.* sparran

1 sail; crann-tarsainn. 2 spiris.

spàrr gniomhair

thoir air cuideigin rudeigin a dhèanamh; cuir rudeigin a-steach le neart: *tha iad a' spàrradh òirnn gèilleadh don lagh; spàrr e an tarrag leis an òrd.*
spàrradh f.

speak b.

gin. speacha iol. speachan
fride itealachaidh a bhios a' guineadh.

speal b.

gin. speala iol. spealan
ball-acfhainn le lainn fhada chaim air, a chleachdar airson feur a ghearradh.

spealg b.

gin. speilg iol. spealgan
mir; sgealb.

spealg gniomhair

sgoilt; sgealb; bris.
spealgadh f.

spèil b.

gin. spèile iol. spèilean
1 bròg le lainn stàilinn air a ceangal air a' bhonn airson a' bhith a' gluasad no a' sleamhnachadh air deigh; spèile-deighe. 2 roilear-spéilidh.

spèil gniomhair

gluais le spèilean air do chasan.
spèileadh f.

spèileabord f.

gin. agus iol. spèileabuird
bòrd beag le cuibhlichean air, airson a bhith a' gluasad gu luath fhad is a bhios tu nad sheasamh air.

spèile-deighe b.

iol. spèilean-deighe
spèil.

spèis b.

gin. spèise
1 a' faireachdainn gu bheil cuideigin no rudeigin glè thaitneach; meas; urram. 2 **le (mòran) spèis** air a chur aig deireadh litreach deas-ghnàthaich.

speuclairean ainmear iolra

dà lionsa ann an cùis a chuidicheas ri duine faicinn nas sheàrr.

speuclairean-grèine ainmear iolra

speuclairean a chaithreas tu gus do shùilean a dhòn bho sholas làidir.

speur f.

gin. speura iol. speuran
1 an t-àite os ar cionn nuair a bhios sinn a-muigh; adhar. 2 **na speuran** an t-àite eadar na planaidean, na reultan, 7c; am fànas.

speurach buadhair

speuradair f.

iol. speuradairean
1 duine a bhios a' rannsachadh speuradairreachd. 2 speur-sheòladair.

speuradaireachd b.

a' rannsachadh mar a dh'fhaodadh buaidh a bhith aig planaidean agus reultan air ar beatha.

speuradaireach buadhair

speurair f.

iol. speurairean
speur-sheòladair.

speur-sheòladair f.

iol. speur-sheòladairean
cuideigin a bhios a' siubhal anns na speuran no anns an fhànas.

spic b.

gin. spice iol. spicean

pios de dh'fhiodh no mheatailt air
a bheil ceann biorach; bior.

spideag b.

gin. spideig *iol.* spideagan
eun-ciùil beag donn aig a bheil guth
binn.

spiocach buadhair

coim. spiocache
a chaiteas airgead cho beag is as
urrainn dha; a thaisgeas airgead.

spioaire f.

iol. spioairean
duine spiocach.

spioaireachd b.

a bhith spiocach.

spiol gniomhair

1 bid rudeigin a tha cruaidh; *bha an*
cù a' spioladh cnàmh. 2 creim. 3
rùisg. 4 spion; slaod.
spioladh f.

spiolg gniomhair

thoir an cochall bhàrr rudeigin;
rùisg.
spiolgadh f.

spion gniomhair

1 beir air rudeigin gu h-obann;
sniomh. 2 tarraing teud agus leig às
a-rithist e; tabhainn.
spionadh f.

spionnadhb f.

gin. spionnaidh
neart; lùths.

spiorad f.

gin. spioraid *iol.* spioradan
1 anam. 2 taibhse. 3 misneach;
éasgaidheachd.

spioradail buadhair

coim. spioradaile
den anam; diadhaidh.
spioradalachd b.

spiosrachadh f.

gin. spiosrachaidh
1 a' cur spiosraidh air biadh. 2 a'
gleidheadh corp duine le
spiosraidh an déidh dhà
básachadh.

spiosradh f.

gin. spiosraidh *iol.* spiosraidhean
stuth a chleachdar gus biadh a
bhlasachadh; *gu tric tha blas teth*
air spiosraidhean.
spiosrach buadhair

spiosraich gniomhair

1 cuir spiosraidh air biadh. 2 glèidh
corp duine le spiosraidh an déidh
dha básachadh.
spiosrachadh f.

spiosraidh b.

spiosraidhean.

spiris b.

gin. spirise *iol.* spirisean
àite sam bi eun a' gabhail fois.

splais b.

plub.

splaiseadh f.

gin. splaisidh
a' plubaich.

spliuchan f.

(no spliuchan)
gin. spliuchain *iol.* spliuchanan
màileid bheag airson tombaca a
chumail.

spòg b.

gin. spòig *iol.* spògan

1 cas beathaich. 2 spuir. 3 aon de na crainn a thèid bho mheadhan cuibhle gus a h-iomall. 4 làmh uaireadair.

spong f.

gin. spuing *iol.* spongan

cnap de stuth bog sa bheil móran thuill bheaga, air a chleachdadadh ann a bhith gad nighe fhèin.

sporan f.

gin. agus *iol.* sporain

màileid bheag airson airgead a chumail.

sporghail b.

a' dèanamh fuaim mar dhuilleagan tioram air an sguabadh leis a' ghaoith, no mar luchainn air chùl balla.

spòrs b.

gin. spòrsa

1 scalla-dhà; cleas. 2 cluich.

spòrsail buadhair

spot f.

iol. spotan

1 ball; smal. 2 bad; àite.

spoth gniomhair

thoir na magairlean bhàrr beathaich.

spothadh f.

spreadh gniomhair

bris às a chèile; sgàin.
spreadhadh f.

sprèidh b.

gin. sprèidhe

1 crodh. 2 beathaichean tuathanais.

spreidh gniomhair

faic spreadh

spreigeach buadhair

den riochd de ghniomhair a bheir buaidh air a' chuspair: *tha 'buail na riochd spreigeach ann an 'bhual e am bòrd'*.

spring b.

iol. springichean

cuaireag.

sprùilleach f.

gin. sprùilllich

criomagan; sprùilleagan.

sprùilleag b.

gin. sprùilleig *iol.* sprùilleagan

pios beag biodach rudeigin, mar eisimpleir de dh'aran; criomag.

spùill gniomhair

faic spùinn

spùinn gniomhair

goid.

spùinneadh f.

spùinneadair f.

iol. spùinneadairean

1 cuideigin a bhios a' goid nithean.

2 spùinneadair mara seòladair a bheir ionnsaigh air bàtaichean eile gus an creachadh. 3 fear-cùirn.

spuir f.

(no spur)

iol. spuirean

ìne eòin.

spulg gniomhair

co-ionann ri spiolg.

spùt gniomhair

sil no òdòrt gu luath: *bha an t-eas a'*

spùtadh.

spùtadh f.

sràbh *f.*

gin. sràibh *iol.* sràbhan
piob chaol trom bi thu a' deoghal
lionn; gas chòsach; sop.

srac *gniomhair*

1 tarraing rudeigin às a chèile;
tarraig rudeigin na mhìrean; reub.
2 rach às a chèile air an dòigh seo.
sracadh *f.*

sracach *buadhair*

coim. sracaiche
a shracas; mar shràcadh.

sradag *b.*

gin. sradaig *iol.* sradagan
lasair no boillsgeadh aithghearr, gu
h-àraidh à teine.

sràid *b.*

gin. sràide *iol.* sràidean
rathad ann am baile.

sràid-thobar *f.* agus *b.*

gin. sràid-thobair, -thobrach *iol.*
sràid-thobraichean
toll còmhdaichte san talamh trom
faigh duine a-steach ann an
sàibhean.

strainnsuar *f.*

gin. strainnsuir *iol.* strainnsuaran
coigreach.

srann *b.*

gin. strainn *iol.* srannan
1 am fuaim a nì feadhainn ann a
bhith a' leigeil an analach nuair a
bhios iad nan cadal: *bidh srann aige*
fad na h-oidhche. 2 fuaim mar seo;
crònán..

sreang *b.*

gin. sreanga, sreinge *iol.* sreangan
ròpa tana.

sreap *gniomhair*

co-ionann ri streap.
sreapadh *f.*

sreath *f.*

gin. sreatha *iol.* sreathan
1 àireamh de nithean a' leantainn
a chèile, no co-cheangailte ri chèile. 2
loidhne de dhaoine no nithean.

srèathart *f.*

gin. srèathairt *iol.* srèathartan
co-ionann ri sreothart.

srèathartaich *b.*

co-ionann ri sreothartaich.

sreothart *f.*

gin. sreothairt *iol.* sreothartan
a' putadh àile trod shròin gu
h-obann agus gun iarraidh.

sreothartaich *b.*

a' dhèanamh shreothart.

sreub *gniomhair*

co-ionann ri reub.
sreubadh *f.*

srian *b.*

gin. sréine *iol.* sriantan, sréinean
1 loidhne no comharradh a tha
fada agus caol; stiall. 2 an earrann
de dh'uidheam eich a chumas a
cheann fo smachd. 3 cùm srian air
cùm cuideigin no rudeigin fo
smachd.

srianach *buadhair*

coim. srianaiche
air a bheil sriantan.

srianag *b.*

gin. srianaig *iol.* srianagan
srian bheag; srian.

sròin *b.*

co-ionann ri sròn.

sròn b.*gin. sròine iol. srònán*

1 roinn na h-aghaidhe trom bi thu
a' faighinn fàileadh. 2 roinn
thoisich rudeigin: *sròn na h-àirdé*.

sròn-adharcach f.*gin. agus iol. sròn-adharcaich*

beathach mòr trom le adhairc no
dà adhairc air a shròin.

srùb f.*gin. srùib iol. srùban*

piob no beul às an dòirtear lionn:
tha srùb air a' phoit-teatha.

srùb gniomhair

spùt.

srùbadh f.**srùbag b.***gin. srùbaig iol. srùbagan*

1 balgam; rud beag. 2 cupa teatha.

srùban f.*gin. agus iol. srùbain*

coilleag.

srùladh f.

airson srùthladh

sruth f.*gin. srutha, sruith iol. sruthan*

uisge, àile, no dealan, a' gluasad gu
àird shònraichte; buinne: *tha sruth
laidir eadar an dà eilean.*

sruth gniomhair

gluais mar uisge; sil.

sruthadh f.**sruthach buadhair***coim. sruthaiche*

a shruthas.

sruthail gniomhair

nigh rudeigin ann an uisge glan;

nigh; sgol.

srùthladh f.**sruthan f.***gin. agus iol. sruthain*

sruth beag.

srùthladh f.*gin. srùthlaidh*

a' nighe rudeigin ann an uisge glan;
a' sgoladh.

stàball f.*gin. stàbaill iol. stàballan*

togalach airson each.

staca f.*iol. stacannan*

1 colbh; post. 2 creag àrd, gu
h-àraidh anns a' mhuiр.

stacach buadhair**stad f.**

a' sgur; a' criochnachadh.

stad gniomhair

criochnaich; sguir; cuir stad air:
*chaidh sinn don bhaile sa chàr agus
stad sinn aig na bùithlean.*

stad f., stadadh f.**stad-phuing b.***gin. stad-phuinge iol. stad-**phuingean*

an comharradh (.) a chleachdar aig
deireadh rosg-rainn, no ann an
giorrachaidhean.

staid b.*gin. staide iol. staidean*

cor; suidheachadh.

staidhir b.*gin. staidhreach iol. staidhrichean*

co-ionann ri staidhre.

staidhre b.*iol. staidhrichean*

1 àite rèidh air an cuir thu do chas ann a bhith a' dol suas no sios gu lär eile. 2 grunnan dhiubh seo: *tha an seòmar-cadail agam shuas an staidhre.*

staigh co-ghniomhair*faic a-staigh***stail b.**

gin. staile iol. stailean.
poit-dhubh.

stailc b.

gin. stailc iol. stailcean
a' diùltadh a bhith ag obair a chionn gearain no casaid.

stàile b.*iol. stàilichean*

1 bòrd no bùth gun aghaidh far an tèid nithean a reic. 2 fear de na suidheachain air lär taigh-dhealbh no taigh-chluiche.

stàilinn b.*gin. stàilinne*

meatailt làidir air a dèanamh à iarann; cruaidh.

stain b.*gin. stàine*

co-ionann ri **staoin¹**.

stairn b.*gin. stàirne*

am fuaim mòr nuair a thuiteas no a bhriseas rudeigin; faram.

stairseach b.

gin. stairsich iol. stairsichean
co-ionann ri **stairsneach**.

stairsneach b.*gin. stairsnich iol. stairsnichean*

1 a' chlach no am bòrd fo dhoras togalaich; an dol-a-steach. 2 staidhre.

stàit b.*gin. stàite iol. stàitean*

1 nàisean. 2 roinn dùthcha. 3 riaghaltas agus a chuid oifigeach.

stàiteil buadhair*coim. stàiteile*

aig a bheil mèinn chudthromach no urramach; gu h-àrd-inbheach; flathail.

stalc f.*gin. stailc*

1 gualaisg geal a gheibhearr ann an aran, ann am buntàta, 7c. 2 seo, no stuth mar seo a cheileachdar gus aodach a ragachadh.

stalla f.*iol. stallachan*

creag chas.

stamag b.*gin. stamaig iol. stamagan*

1 roinn na bodhaige far an tèid biadh a chnàmhadh; maodal; mionach: *tha mo stamag làn.* 2 càil; miann: *chan eil stamag aige.*

stamh f.*gin. staimh*

seòrsa feamann-buidhe air a bheil duilleagan fada leathan.

stamp b.(no **stampa**)*iol. stampaichean*

pios beag pàipeir a dh'sheumas tu glaoadhadh air litir, 7c, mus cuir thu air falbh i.

stamp gnìomhair

breab do chasan air an lär.

stampadh f.

staoig <i>b.</i>	slisinn bheag thiugh de mhairtfeoil.	a-steach agus a spùtadh a-mach a- rithist.
staoin <i>b.¹</i>	<i>gin.</i> staoine meatailt bhog gheal.	steapa <i>f.</i> <i>iol.</i> steapaichean ceum.
staoin <i>b.²</i>	<i>gin.</i> staoine fiadh den chraoibh-staoine.	steatascop <i>f.</i> <i>gin.</i> steatascoip <i>iol.</i> steatascopan inneachd a chleachdar le ligh- ichean gus buillean a' chridhe, an anail, 7c, a chluinntinn.
staran <i>f.</i>	<i>gin.</i> starain <i>iol.</i> staranan frith-rathad caol cruaidh suas gu doras taighe.	stèic <i>b.</i> <i>gin.</i> stèice <i>iol.</i> stèicean co-ionann ri staoig.
starradh <i>f.</i>	<i>gin.</i> starraidh 1 rudeigin anns an rathad ort; bacadh. 2 crann a bhacas an rathad.	stèidh <i>b.</i> <i>gin.</i> stèidhe <i>iol.</i> stèidhean 1 riaghait, creideamh no firinn a tha bitheanta; priomh-stèidh; prionnsabal. 2 bonn; bun.
starrag <i>b.</i>	<i>gin.</i> starraig <i>iol.</i> starragan seòrsa feannage a tha donn agus dubh.	stèidhich <i>gniomhair</i> cuir ann am bith; cuir air chois; suidhich.
stàt <i>b.</i>	<i>gin.</i> stàite <i>iol.</i> stàtan co-ionann ri stàit.	stèidheachadh <i>f.</i>
steach <i>co-ghniomhair</i> faic a-steach		steigeach <i>buadhair</i> <i>coim.</i> steigiche glaodhach.
steall <i>b.</i>	<i>gin.</i> still <i>iol.</i> steallan 1 spùtadh. 2 fras mòr. 3 mòran uisge.	stèisean <i>f.</i> <i>gin.</i> stèisein <i>iol.</i> stèiseanan 1 còmhlan de thogalaichean far am bi daoine a' dol air no bhàrr bhusaichean no thrèanaichean. 2 togalach airson polais, luchd- smàlaidh, 7c. 3 àite às an tig craobh-sgaoileadh telebhisein no réidio.
steall <i>gniomhair</i> spùt. stealladh <i>f.</i>		stèisean-peatrail <i>f.</i> <i>gin.</i> stèisein-peatrail <i>iol.</i> stèiseanan-peatrail àite san reicear peatrail.
steallair <i>f.</i>	<i>gin.</i> steallaire <i>iol.</i> steallairean inneachd airson lionn a dheoghal	

stiall *b.**gin.* stéill *iol.* stiallan1 pios rudeigin a tha fada agus caol; teip; srian; *stiall leathair*. 2 stiall aodaich pios aodaich.**stiall** *gniomhair*

1 comharraich rudeigin le stiallan. 2 buail rudeigin le stiall no bann rudeigin; sgìurs.

stialladh *f.***stiopall** *f.**gin.* agus *iol.* stiopaill

tùr eaglaise le binnean air a' mhullach aige.

stiùir *b.**gin.* stiùire, stiùireach *iol.* stiùirean, stiùirichean

1 innleachd rèidh air banntaich air cùlaibh bàta no carbaid-adhair, air a chleachdadh airson stiùridh. 2 falmadair. 3 an roinn a stiùreas baidhsagal. 4 earball coilich.

stiùir *gniomhair*

thoir air carbad, bàta, 7c, dol gus an t-àite a thogras tu. 2 thoir seòl do dhuine. 3 gabh rudeigin os làimh.

stiùireadh *f.***stiùireadair** *f.**iol.* stiùireadairean

cuideigin a stiùreas bàta no carbad-adhair.

stob *f.**gin.* stuib *iol.* stoban

1 am pios beag de rudeigin a bhios air fhàgail an déidh don chòrr a bhith air a thoirt dheth; rudeigin a tha a' stobadh a-mach. 2 post; bioran. 3 fear de na tri biorain aig gach ceann de raon-cnagraire.

stob *gniomhair*1 thig a-mach: *tha an rubha a'* stobadh a-mach don mhuir. 2 put. 3 sáth. stobadh *f.***stobach** *buadhair**coim.* stobaiche

a stobas a-mach; mar stob.

stòbha *b.**iol.* stòbhacchein

innleachd a nì teas airson còcaireachd no airson seòmar a bhlàthachadh.

stoc *f.**gin.* agus *iol.* stuic

1 bun; freumh. 2 post. 3 sprèidh. 4 calpa; beartas.

stoc *f.²**gin.* agus *iol.* stuic

stiall aodaich a chaiteas tu mud amhaich no mud ghuaillean.

stocainn *b.**gin.* stocainne *iol.* stocainnean

1 ball-aodaich a chòmhdaicheas an troigh agus an roinn as isle den chois; socais. 2 ball-aodaich a chòmhdaicheas a' chas air fad.

stoidhle *b.**iol.* stoidhlichean

an dòigh air an tèid rudeigin a dhèanamh, a bhruidhinn, no a sgriobhadh.

stoighle *b.*

faic stoidhle

stòir *gniomhair*

cùm nithean gus am bi feum orra; taisg.

stòradh *f.*

stoirm f. agus b.

gin. stoirme iol. stoirmean
 gaoth glè làdir le mòran uisge,
 sneachda, 7c; doineann; gailleann.
stoirmeil buadhair

stòl f.

gin. stòla, stòil iol. stòlan
 suidheachan beag gun druim air.

stòlda *buadhair*

seasmhach; suidhichte.

stòr f.

gin. stòir iol. stòran, stòraichean
 1 àite airson nithean a thasgadh. 2
 ionmhas.

stòr *gniomhair*

co-ionann ri **stòir**.
stòradh f.

stòradh f.

gin. stòraidh
 a' cumail nithean gus am bi feum
 orra; a' tasgadh.

stòraidh f.

iol. stòraidhean
 sgeulachd.

stòras f.

gin. agus iol. stòrais
 co-ionann ri **stòr**.

stràbh f.

faic stràbh

stràc f.

gin. stràic iol. stràcan
 comharrachadh 'thairis air litir a
 sheallas ciamar a chanas tu i.

stràchd f.

faic stràc

strann b.

faic strann

streap *gniomhair*

rach suas; dirich.
streap f., streapadh f.

streapadair f.

iol. streapadairean
 streapaiche.

streapaiche f.

iol. streapaichean
 cuideigin a bhios a' streapadh.

stri *gniomhair*

1 thoir oidhirp mhòr air rudeigin. 2
 feuch ri cuideigin eile; gabh pàirt
 ann an co-fsharpais, 7c.
stri b.

stri b.

1 a' toirt oidhirp mhòr air rudeigin.
 2 a' feuchainn ri cuideigin eile; a'
 gabhail pàirt ann an co-fsharpais,
 7c. 3 còmhstrij; spàirn.
stritheach *buadhair*

strian b.

faic srian

strioch b.

iol. striochan

1 loidhne ghoirid (-) a chleachdar
 ann an sgrìobhadh no clò-
 bhualadh. 2 tåthan. 3 srian. 4
striochag.

striochag b.

gin. striochaig iol. striochagan
 1 comharradh beag, mar √, a
 chleachdar gus innseadh gu bheil
 rudeigin air a dhéanamh no gu
 bheil rudeigin ceart. 2 strioch.

striochd *gniomhair*

1 gèill. 2 déan stailc.
striochdadh f.

strùbag *b.*
faic strùbag

structair *f.*
iol. structairean

1 rudeigin a chaidh a thogail no a chur ri chéile. 2 an dòigh air an deach rudeigin a thogail; céis; dealbh; cnámhan.

struth *f.* agus *b.*
gin. strutha *iol.* struthan

eun mòr fad-chasach a ruithéas gu luath ach nach fhaigh air itealachadh.

stuadh *b.*
faic stuagh

stuagh *b.*

gin. stuagh *iol.* stuaghan,
stuaghannan
1 earrann lùbte a bheir tajc do dhrochaid, thogalach, 7c. 2 an roinn cham air bonn do choise. 3 tonn.

stuama *buadhair*
coim. stuaimé

1 nach eil cus no ro bheag; meadhanach. 2 gun a bhith ag òl deoch-làidir.

stuaim *b.*, stuamachd *b.*

stuig *gniomhair*

1 cuir gath no bior ann an rudeigin.
2 brosnaich.

stuigeadh *f.*

stùr *f.*

gin. stùir

mirean meanbh de dh'ùir no stuthan eile; duslach.

stùrach *buadhair*, stùrachd *b.*

stuth *f.*

gin. stutha *iol.* stuthan

1 rud sam bith a chleachdar gus rudeigin eile a dhèanamh. 2 rudeigin as urrainn dhut faicinn no làimhseachadh; nithean.

stuthaigeadh *f.*

gin. stuthaigidh

sthuth a chleachdar gus aodach a ragachadh; stalk.

stuth-fhiaclan *f.*

uachdar-fhiaclan.

sù *f.* agus *b.*

co-ionann ri sutha

suaicheantas *f.*

gin. agus *iol.* suaicheantais

1 rudeigin a chaiteas tu air d' aodach gus sealtainn cò thu, no cò an sgoil, cò a' bhuidheann, 7c, dom buin thu. 2 samhla: 's e an calman suaicheantas na sìthe.

suain *b.*

gin. suaine

1 cadal. 2 suain cadail cadal trom.

suain *gniomhair*

cuir sreang, ròpa, 7c, timcheall air rudeigin.

suaineadh *f.*

Suaineach *f.*

gin. agus *iol.* Suainich

neach às an t-Suain.

Suaineach *buadhair*

suairc *buadhair*

coim. suaircé

modhail; còir.

suaирceas *f.*

suarach *buadhair*

coim. suaraiche

1 gun luach. 2 neo-choibhneil; tâireil.

suas *co-ghniomhair*

gu àite as àird; an-àird: *suas an staidhre.*

suath *gniomhair*

1 gluais rudeigin a-null is a-nall, ga fhàsgadh aig an aon àm, air mullach rudeigin eile: *bha e a' suathadh a làmhan a chionn an fhuachd.* 2 tiormaich no glan rudeigin le bhith ga shuathadh.
suathadh f.

sùbailte *buadhair*

lùbach; so-lùbadh; gun a bhith rag.

subh *b.*

co-ionann ri **sùbh**.

sùbh *f.*

gin. **sùbh** *iol.* **sùbhan**
dearc.

subhach *buadhair*

coim. **subhaiche**
aoibhneach; suilbhír.
subhachas f.

sùbhag-craoibh *b.*

co-ionann ri **sùbh-craoibh**

sùbh-craoibh *f.*

gin. **sùibh-chraoibh** *iol.* **sùbhan-craoibh**
meas bog dearg.

sùbh-làir *f.*

gin. **sùibh-làir** *iol.* **sùbhan-làir**
meas beag dearg sùghmhor.

sud *buadhair agus riochdair*
faic siud**sùgach** *buadhair*

coim. **sùgaiche**
suilbhír; aoibhneach; taitneach.
sùgachas f.

sùgh *f.*

gin. **sùigh**, **sùgha** *iol.* **sùghan**
an lionn à measan, glasraich, no biadh eile.

sùgh *gniomhair*

1 deoghail; deoc. 2 tràigh; tiormaich.

sùghadh *f.***sùghach** *buadhair*

coim. **sùghaiche**
1 taitneach; tálaidheach. 2 sùghmhor.

sùghadh *f.*

gin. **sùghaidh**
1 a' deoghal; a' deocadh. 2 a' tràghadh; a' tiormachadh.

sùghmhor *buadhair*

coim. **sùghmhoire**
làn sùigh; le mòran sùigh.
sùghmhorachd b.

sùgradh *f.*

gin. **sùgraiddh**
a bhith sùgach; sùgachas.

suibseig *b.*

iol. **suibseigean**
1 cuspair. 2 (gràmar) cùisear.

suidh *gniomhair*

gabh fois air do mhàs, mar a nì thu nuair a bhios tu air cathair: *suidh siost!* *bha e na shuidhe air being; a bheil thu a' dol a shuidhe an sin fad an là?*

suidhe *f.***suidhe** *f.*

iol. **suidhean**, **suidheachan**
1 a' gabhail fois air do mhàs, mar a nì thu nuair a bhios tu air cathair. 2 **suidheachan.**

suidheachadh f.

gin. **suidheachaidh** *iol.*
suidheachaidhean
 1 an t-àite sa bheil rudeigin. 2 cor;
 staid.

suidheachan f.

gin. agus *iol.* **suidheachain**
 rudeigin air am bi thu a' suidhe.

suidhich gniomhair

1 cuir rudeigin sìos an àiteigin. 2
 cuir ann an òrdugh. 3 tagh
 cuideigin airson obrach.
suidheachadh f.

suidhichte buadhair

1 air a shuidheachadh. 2 stòlda;
 cudthromach; sòlaimte.

suidse b.

iol. **suidsichean**
 innleachd airson töiseachadh no
 stad a chur air rudeigin, gu
 h-àraidh air nithean air an iomain
 le dealan.

suigeart f.

iol. **suigeirt**
 sùrd.
suigeartach buadhair

sùil b.

gin. **sùla** *iol.* **sùilean** *gin.iol.* **sùl**
 1 roinn a' chinn a chleachdar gus
 faicinn: *tha sùilean gorma innte.* 2
 fosgladh cruinn sam bith. 3
 sealladh: *thug e sùil orm.* 4 dùil:
chan eil sùil agam ri sin. 5 sùil chrom
 aghaidh dhiomhair. 6 sùilean geala
 an doille; a' ghòrachd: *bha na*
sùilean geala aige.

suilbhír buadhair

coim. **suilbhíre**
 aoibhneach; subhach.
suilbhireachd b.

sùilich gniomhair

bi an dùil ri rudeigin: *cha tug e*
dhomh an t-airgead air ais, ach bha
mi a' sùileachadh ris.

suim b.¹

gin. **suime** *iol.* **suimean,** **suimeannan**
 1 üidh; meas: *gabhaidh mi suim ann;*
chan eil suim agam ann. 2 diofar:
chan eil suim ann dhomhsa.

suim b.²

gin. **suime** *iol.* **suimeannan**
 1 am meud a gheibh thu nuair a
 chuireas tu àireamhan ri chèile. 2
 ceist ann an àireamhachd. 3 meud
 airgid.

suipeir b.
faic suipeir**suipeir** b.

(*leis an alt*)
gin. **suipeire,** **suipeireach** *iol.*
suipeirean
 biadh no blasad bidh air ithe air an
 oighche.

suirghe b.

a' feuchainn ri gaol cuideigin
 fhaighinn; leannanachd.
suirghiche f.

sùist b.

(no **sùiste**)
gin. **sùiste** *iol.* **sùistean**
 innleachd airson arbhar a
 bhualadh gus am faighear an gràn
 às.

sùist gniomhair

buail arbhar le sùist.
sùist b., **sùisteadh** f.

suiteas f.

gin. agus *iol.* **suiteis**

mir beag de bhiadh milis, air a dhèanamh à siúcar, teòclaid, 7c; siúcar.

suparmharcaid *b.*
gin. **suparmharcaide** *iol.*
suparmharcaidean
mòr-bhùth.

sùith *f.*

gin. **sùithe**
am pùdar dubh a bhios ceò a' fàgail
ann an luidhearr.

surcas *f.*
faic soirceas

sùlaire *f.*

iol. **sùlairean**
eun-mara mòr.

sùrd *f.*

gin. **sùird**
1 gaireachdaich; mire. 2 a bhith
beothail; a bhith sgairteil.

sult *f.*

gin. **sult**
1 a bhith reamhar; reamhrachd. 2
subhachas. 3 eireachdas.

sùrdag *b.*

gin. **sùrdaig** *iol.* **sùrdagan**
an seòrsa leum a nì thu ann a bhith
a' sùrdagaich; gearra-leum.

Sultain *b.*

(*leis an alt*)
gin. **na Sultaine**
an naoidheamh mìos den
bhliadhna.

sùrdagaich *b.*

a' gluasad le bhith a' gearra-leum;
a' bocadaich.

sultmhor buadhair

coim. **sultmhoire**
1 reamhar. 2 subhach. 3
eireachdail.
sultmhorachd *b.*

suth *f.*

gin. **sutha** *iol.* **suthan**
naoidhean no beathach òg mus
beirear e.

sumainn *b.*

gin. **sumainne** *iol.* **sumainnean**
gluasad na mara, sios agus suas;
tonn mòr.

sutha *b.*

iol. **suthachan, suthan**
àite san cumar ainmhíthean gus an
urrainn do dhaoine am faicinn.

T**sunnd** *f.*

1 a bhith sunndach. 2 gean: *tha*
droch shunnd air.

t [t̪]

an t-seachdamh litir dheug san
aibidil.

sunndach buadhair

coim. **sunndaiche**
suilbhír; aighealach.

tà co-ghniomhair

1 co-ionann ri **ged-tà**. 2 uill; co-
dhiù; ma.

Suòmach *f.*

gin. agus *iol.* **Suòmaich**
neach à Suòmaidh.
Suòmach buadhair

tabhainn gnìomhair¹

1 spion teud inneil-chiùil. 2
tabhannaich.
tabhann *f.*

tabhainn *gnìomhair*²

taир.

tabhann *f.***tabhair** *gnìomhair neo-riaghailteach*

co-ionann ri thoir

tabhairt *b.*

co-ionann ri toirt.

tabhairteach *f.**gin.* agus *iol.* **tabhairtich**co-ionann ri **tabhairtiche**.**tabhairtiche** *f.**iol.* **tabhairtichean**cuideigin a bheir airgead no
cuideachadh eile seachad.**tabhann** *f.*¹*gin.* **tabhainn**1 a' spionadh teud inneil-chiùil. 2
comhart; a' tabhannaich.**tabhann** *f.*²*gin.* **tabhainn**

a' taирgsinn.

tabhannaich *gnìomhair*

dèan comhart.

tabhannaich *b.***tabhartach** *buadhair*(gràmar) a bheir a-steach rudeigin.
faic tuiseal**tabhartach** *f.**gin.* **tabhartaich**

an tuiseal tabhartach.

tabhartas *f.**gin.* **tabhartais** *iol.* **tabhartasan**rudeigin a bheir cuideigin seachad;
tiodhlac; cuideachadh.**tac** *b.**gin.* **taca**, **taic** *iol.* **tacannan**,**tacaichean**tuathanas a gheibh thu air mhàl
airson ùine sònraichte.**taca** *b.*1 taic. 2 **an taca ri** an coimeas ri;
faisg air; ri.**tacaid** *b.**gin.* **tacaide** *iol.* **tacaidean**
tarrag bheag.**tacaideach** *buadhair**coim.* **tacaidiche**

làn thacaidean.

tacaidich *gnìomhair*

cuir tacaidean ann an rudeigin.

tacan *f.**gin.* **tacain** *iol.* **tacanan**
greiseag.**tacar** *f.**gin.* **tacair** *iol.* **tarakan**
toradh; biadh.**tachair** *gnìomhair*1 gabh àite; thig ann am bith: *cuire a thachair sin?* 2 **tachair do** thoir
buaidh air; thig riut: *dè a thachair dhut?* 3 **tachair ri** coinnich ri:
thachair mi ri Seumas air an t-slighe dhachaigh an-diugh.
tachairt *b.***tachais** *gnìomhair*sgriob an craiceann, mar as trice
led inean, seach gu bheil tachas
annad.**tachas** *f.***tachartas** *f.**gin.* **tachartais** *iol.* **tachartasan**
rudeigin a thachras, gu h-àraigdh
rudeigin cudthromach; tuiteamas.

tachas f.*gin. tachais*

faireachdainn dhiogalach nad
chraiceann a bheir ort a sgríobadh.
tachasach buadhair

tacsá f.

1 taic. **2** an tacsa ri ri taobh; ri; faisg
air.

tacsaidh f.**faic tagsaidh****tadhail gniomhair**

1 rach a dh'fhaicinn cuideigin;
dèan cèiliadh. **2** fuirich am badeigin
car ùine.

tadhal f.**tadhal f.**

gin. tadhal iol. tadhalaicheadh
1 a' dol a dh'fhaicinn cuideigin. **2** a'
fuireach am badeigin car ùine. **3**
puing a gheibhear ann am ball-
coise, iomain, 7c; bàir.

tagair gniomhair

1 bruidhinn gu fàbharach air sgàth
cuideigin no rudeigin eile. **2** iarr
rudeigin a bhuineas dhut. **3** innis
rudeigin gu soilleir no gu dian.
tagradh f., tagairt b., tagrach
buadhair

tagh gniomhair

1 dèan roghainn. **2** tagh cuideigin
gu oifis.
taghadh f.

taghta buadhair

1 air a thaghadh. **2** (neo-fhoirméil)
cho math is a ghabhas; ceart gu
leor; gasta.

tagsaidh f.*iol. tagsaidhean*

càr le dràibhear as urrainn dhut
pàigheadh airson dol air turas.

taibhse f. agus b.*(no taibhs)**iol. taibhsean*

spiorad duine mhairbh a chithear
le duine beò; tannasg.

taibhseil buadhair**taic b.***(no taice)**gin. taice*

1 nì a chumas rudeigin eile suas:
cuir taic ris a' bhalla. **2** nì a
chuidicheas tu: *bheir mi taic airgid*
dhut; an cum thu taic rium? **3** an taic
a' cur do chudthrom ri rudeigin; a'
beantainn ri; ri taobh: *tha spaid an*
taic an dorais; bha e na shuidhe an
taic an teine. **4** **taic** ri faisg air; an
coimeas ri.

taiceil buadhair*coim. taiceile*

a chumas taic ri cuideigin no
rudeigin.

taidhr b.*iol. taidhríchean*

cearcall de rubair timcheall air oir
cuibhle.

taifeid f.*iol. taifeidean*

seang air bogha (am ball-
acfhainn).

taigeis b.*gin. taigeise iol. taigeisean*

marag spiosrach.

taigh f.*gin. taighe iol. taighean*

1 togalach far am bi daoine a'
fuireach; fàrdach. **2** togalach air a

thogail air adhbhar sònraichte:
Taigh nan Cumantan.

agus mar bu trice bhiodh an t-àite-
teine am meadhan an ùrlair.

taigh-bainne f.

iol. **taighean-bainne**
 togalach san tèid crodh-bainne a
 bhleoghan.

taigh-eiridinn f.

iol. **taighean-eiridinn**
 àite san coimheadar an dèidh
 euslaintich.

taigh-beag f.

gin. **taigh-bhig** *iol.* **taighean-beaga**
 àite san dèan thu mùn no cac.

taigh-faire f.

(no *taigh-faire*)
iol. **taighean-faire**
 taigh far am bi marbhan na laighe.

taigh-bìdh f.

iol. **taighean-bìdh**
 àite san urrainn dhut biadh a
 cheannach gus ithe ann.

taigh-feachd f.

gin. **taigh-freachd** *iol.* **taighean-**
feachd
 togalach sam firlich saighdearan.

taigh-ceàirde f.

iol. **taighean-ceàirde**
 togalach mòr san cleachdar
 innealan gus nithean a dhèanamh.

taigh-fuine f.

gin. **taigh-fhuine** *iol.* **taighean-fuine**
 togalach san tèid aran, cèicean, 7c,
 fhuineadh.

taigh-cluiche f.

gin. **taigh-chluiche** *iol.* **taighean-**
cluiche
 taigh beag airson cluiche ann.

taigh-geal f.

gin. **taigh-ghil** *iol.* **taighean-geala**
 taigh nach robh na thaigh-dubh;
 ainm a chaidh a thoirt air na
 taighean ùra a bhathas a' togail
 nuair a sguir daoine a bhith a'
 fiureach ann an taighean-dubha.

taigh-cuibile f.

iol. **taighean-cuibile**
 àite còmhdaichte air bàta às am bi
 thu ga stiùireadh.

taigh-cùirte f.

iol. **taighean-cùirte**
 togalach sam bi cùirt ga chumail.

gin. **taigh-ghlainne** *iol.* **taighean-**
glainne
 taigh air a dhèanamh à glainne, gu
 h-àraidh airson fàs a thoirt air
 luibhean ann.

taigh-dhealbh f.

iol. **taighean-dhealbh**
 àite dhan tèid daoine a dh'fhaicinn
 fhilmichean.

taigh-gnothaich f.

gin. **taigh-ghnothaich** *iol.* **taighean-**
gnothaich
 bùth, companaidh, no buidheann.

taigh-dubh f.

gin. **taigh-dhuibh** *iol.* **taighean-**
dubha
 seann seòrsa de thaigh: *bhiodh*
ballachan tiugha aig an taigh-
dhubh, agus mullach tughaidh air,

taigh-grùide f.

iol. **taighean-grùide**
 togalach san tèid leann a
 dhèanamh.

taigh-mhanach f.

iol. taighean-mhanach
manachainn.

Taigh nam Morairean f.

am fear as àirde den dà thaigh anns
a' Phàrlamaid.

Taigh nan Cumantan f.

am fear as isle den dà thaigh anns a'
Phàrlamaid.

taigh-nighe f.

iol. taighean-nighe
àite san nighear aodach.

taigh-òsta f.

iol. taighean-òsta
togalach sam bi thu a' pàigheadh
airson biadh ithe agus fuireach an
oidhche.

taigh-seinnse f.

gin. taigh-sheinnse *iol.* taighean-
seinnse
1 bàr. 2 taigh-òsta.

taigh-solais f.

gin. taigh-sholais *iol.* taighean-
solais
tùr le solas mòr air a' mhullach
aige, a bheir rabhadh do bhàtaich-
ean gu bheil creagan no cunnart
faisg.

taigh-staile f.

iol. taighean-staile
togalach san tèid uisce-beatha agus
deochannan-làidir eile a
dhèanamh.

taigh-stòir f.

iol. taighean-stòir
àite san tèid nithean a thasgadh gus
am bi feum orra.

taigh-tasgaidh f.

gin. taigh-thasgaidh *iol.* taighean-
tasgaidh
àite san tèid nithean inntinneach,
gu h-àraidh seann nithean, a
thaisbeanadh airson gum faic
daoine iad.

taigh-tionnsgain f.

gin. taigh-thionnsgain *iol.* taighean-
tionnsgain
taigh-ceáirde.

taigh-tughaidh f.

gin. taigh-thughaidh *iol.* taighean-
tughaidh
taigh le tughadh air a mhullach.

tailc b.

gin. tailce
1 neart; spionadh. 2 teanntachd. 3
(mar ro-leasachan) gu buileach:
tailc ùr.

tàileasg f.

gin. tàileisg
cluich-bùird airson dithis, le
mirean agus disinn.

tàillear f.

gin. tàilleir *iol.* tàillearan
cuideigin a tha an dreuchd aige ri
bhith a' déanamh bhall-aodaich.

tàllibh roimhear

faic air tàllibh

taingeil buadhair

coim. taingeille
a' faireachdainn toilichte gun do
rinn cuideigin rudeigin air do shon;
buidheach.

taing b.

tàinig gnìomhair neo-riaghailteach

faic fo thig

tàir b.*gin.* **tàire iol.** **tàirean**a' cur sios air cuideigin no rudeigin;
a' faireachdainn gràin do rudeigin:*rinn e tàir orm.***tàireil buadhair****tàir gniomhair**1 falbh; teich: *tàir às!* 2 faigh; faigh
air.**tàireadh f.****tairbeart b.***gin.* **tairbeirt iol.** **tairbeartan**
fadail.**tairbhe b.**rudeigin cuideachail no feumail;
buannachd; prothaid.**tairbheach buadhair****faic tarbhach****tairbhich gniomhair****faic tarbhach**
tairbheachadh f.**tairg gniomhair**1 seall rudeigin do chuideigin is gun
urrainn dha a ghabhail ma tha e ga
jarraidh. 2 can gu bheil thu
deònach rudeigin a dhèanamh.**tairgse b., tairgsinn b., tairgseadh f.****tairig b.****co-ionann ri tarrag.****tairneanach f.***gin.* agus *iol.* **tairneanaich**
am fuaim mòr a leanas dealanach.**tairnge b.****faic fo tarrang****tais buadhair***coim.* **taise**beagan fluch; gun a bhith gu
buileach tioram.**taisbean gniomhair**

seall rudeigin; nochd.

taisbeanadh f.**taisbeanach buadhair**den riochd de gniomhair a
sheallas rudeigin, a bheir seachad
fiosrachadh, 7c: *tha 'seinn' na
riochd taisbeanach ann an 'sheinn i
òran aig a' chèilidh'*.**taisbean-lann b.***gin.* **taisbean-lainn iol.** **taisbean-
lannan**

àite san taisbeanar dealbhan, 7c.

taisg gniomhair1 cuir nithean air falbh an àiteigin;
cùm nithean gus am bi feum orra;
stòir. 2 cruinnich mòran nithean
agus cùm iad am falach; càrn.
tasgadh f.**taisich gniomhair****dèan tais.****taiseachadh f.****taitneach buadhair***coim.* **taitniche**a' còrdadh riut; aoibhinn; ciatach.
taitneachd b.**taitneas f.***gin.* **taitneis iol.** **taitneasan**
tlachd; toileachadh mòr; rudeigin a
bheir tlachd dhut.**tàladh f.***gin.* **tàlaidh iol.** **tàlaidhean**1 a' faighinn aire cuideigin; a bhith
taitneach do chuideigin; a'
tarraig. 2 a' faochadh pian,
7c; a' ciùineachadh. 3 òran a

sheinnear mar as trice gus leanabh
a chur na chadal. 4 marbhrrann.

tàlaidh gniomhair

1 faigh aire cuideigin; bi taitneach
do chuid eigin; tarraing. 2 faothaich
pian, goirteachadh, 7c; ciùinich.
tàladh f.

tàlaidheach buadhair

coim. tàlaidhiche
a thàlaidheas.
tàlaidheachd b.

talamh ainmear

bun. (f.) an talamh gin. na talmhainn
iol. talamhan
1 a' phlanaid air a bheil sinn beò. 2
ùir. 3 fearann; tir.
talmhaidh buadhair

talamh-àitich ainmear

bun. (f.) an talamh- gin. na
talmhainn- iol. talamhan-àitich
talamh far am bi duine ag àiteach.

tàlann f.

gin. tàlainn iol. tàlainn, tàlanntan
comas nàdarrach airson rudeigin a
dhèanamh gu soirbheachail.
tàlantach buadhair

talc b.

co-ionann ri tailc

talla f. agus b.

iol. tallachan, tallaichean
1 a' chiad seòmar a ruigeas tu nuair
a thèid thu a-steach air doras-mòr
taighe. 2 seòmar glè mhòr airson
choinneamh, 7c. 3 togalach mòr
cudthromach.

talla-ciùil f.

gin. talla-chìùil iol. tallachan-ciùil
togalach sam bi thu a' faicinn agus
a' cluinnntinn cuirm-ciùil.

tallan f.

gin. tallain iol. tallanan
balla tana eadar dà sheòmar, 7c.

tàmailt b.

gin. tàmailte iol. tàmailtean
1 abairt no gniomh a tha
tàmailteach. 2 näire; masladh.

tàmailteach buadhair

coim. tàmailtiche
1 a ni cron air faireachdann
cuideigin. 2 a tha nàrach.

tàmailtich gniomhair

bruidhinn no dèan rudeigin air
dòigh is gun dèan e cron air
faireachdann cuideigin.
tàmailteachadh f.

tambairìn b.

gin. tambairìn iol. tambairinean
inneal-ciùil cruinn a chrathas no a
bhuaileas tu gus am bi e a'
giongartaich.

tàmh f.

gin. tàimb
fois; sàmhchair; sith: bha e na
thàmh.

tàmh gniomhair

1 fuirich; bi a' còmhnaidh. 2
tàmhach.
tàmh f.

tàmhach buadhair

coim. tàmhache
foiseil; sàmhach.
tàmhachd b.

tàmhach gniomhair

gabh fois; bi nad thàmh.
tàmhachadh f.

tana buadhair

coim. taine

gun a bhith reamhar; gun a bhith tiugh; caol.

tanaich gniomhair

dèan no fàs tana.
tanachadh *f.*

tanca *b.*

iol. tancaichean

1 carbad trom dionta a chleachdar ann an cogadh. 2 amar.

tancair *f.*

iol. tancairean

1 làraidh air a bheil soitheach mòr airson lionn, peatrain, ceimigean, 7c, a ghiùlan. 2 bàta a ghiùlaineas gas, ola, 7c.

tannasg *f.*

gin. agus *iol.* tannaisg
taibhse.

taobh *f.*

gin. taoibh *iol.* taobhan

1 uachdar rèidh: taobh bogsa. 2 oir, no aite faisg air an oir: tha tri taobhan air triantan. 3 an earrann nach e aghaidh no cùl rudeigin; cliathaich: sheas iad taobh ri taobh. 4 pàirt; leth: tha e a' peantadh taobh a-muigh an taighe. 5 sgioba; còmhlan. 6 ri taobh ri; faisg air. 7 a thaobh a' gabhail gnothaich ri.

taobh-duilleige *f.*

gin. taoibh-duilleige *iol.* taobhan-duilleige

dara taobh na duilleige ann an leabhar no iris.

taod *f.*

gin. agus *iol.* taoid
1 ròpa. 2 teadhair; feiste.

taois *b.*

gin. taoise *iol.* taoisean

1 measgachadh tiugh de mhin agus uisge air a chleachdadh airson aran, cèicean, 7c, a dhèanamh. 2 glaodhan.

taoiseag *b.*

gin. taoiseig *iol.* taoiseagan

bonnach cruinn a tha air a ròstadh agus air a chòmhachadh le siúcar.

taom gniomhair

1 doirt. 2 traigh.

taomadh *f.*

tap *b.*

gin. tapa *iol.* tapaichean
goc.

tapa *f.*

faic tapadh

tapadh *f.*

gin. tapaidh

1 a bhith ag ionnsachadh agus a' tuiginn rudan gu luath. 2 lùths. 3 gaisge. 4 tapadh leat dòigh air am bi thu a' toirt taing do chuideigin.

tapaidh buadhair

coim. tapaidhe

1 a bhios ag ionnsachadh agus a' tuiginn rudan gu luath; sgileil. 2 luath; deas; clis. 3 calma.

tapachd *b.*

tarag *b.*

gin. taraig *iol.* taragan
co-ionann ri tarrag.

Tarasach *f.*

gin. agus *iol.* Tarasaich

neach à Tarasaigh.

Tarasach buadhair

tarbh *f.*

gin. agus *iol.* tairbh
beathach cruidh fireann.

tarbhach *buadhair**coim.* **tarbhache**

1 a tha math dhut; luachmhor. **2** a nì tairbhe no buannachd dhut.

tarbhach *gniomhair*

buannaich; dèan tairbhe no prothaid.

tarbhachadh *f.***tarbh-nathrach** *f.*

gin. agus *iol.* **tairbh-nathrach**
fride le bodhaig fhada agus dà sgèith thrìd-shoilleir oirre.

tar-cheann *f.*

gin. agus *iol.* **tar-chinn**
na gheibh thu ma chuireas tu an suim de dh'iomadh cunnair than an àireamh de chunntairean: 's e **4 tar-cheann** *1 + 3 + 5 + 7.*

targaid *b.*

gin. **targaide** *iol.* **targaidean**
1 cuimse; rudeigin air am bi thu a' cuimseachadh. **2** (aosta) sgiath chruinn.

tàrmach *gniomhair*

1 gin. **2** cùm beathaichean gus am faigh thu beathaichean òga bhuapa.

tàrmachadh *f.***tàrr** *gniomhair**co-ionann ri tàir.***tarrag** *b.*

gin. **tarraig,** **tàirne** *iol.* **tarragan,** **tàirnean**
pios beag biorach de mheatalt air a chleachdadh gus piosan fiodha, 7c, a chur ri chèile.

tarraing *gniomhair*

1 faigh grèim air rudeigin agus thoir air tighinn còmhla riut no do

leantainn; slaod. **2** leig ruith le lionn: *tharraing e uisge às an tap. **3** dèan dealbh, cumadh, 7c, le peansail, peann, cailc, 7c. **4** talaidh. **5** *tarraing gu crich* thig gu crich. **6** *tarraing à* dèan fanaid air cuideigin: *bha iad a' tarraing às.* **7** *tarraing b.**

tarraingeach *buadhair*

coim. **tarraingiche**
a tharraingeas.

tarrainn *gniomhair**faic tarraing***tarrang** *b.*

gin. **tàirnge** *iol.* **tàirngean**
co-ionann ri **tarrag.**

tarsaing *co-ghniomhair**co-ionann ri tarsainn.***tarsainn** *co-ghniomhair*

thairis.

tarsainn air roimhear (+ tabh.)

thairis air; thar.

tart *f.*

gin. **tairt**
pathadh mòr.
tartmhòr *buadhair*

tasgadh *f.**gin.* **tasgaidh**

1 a' cur nithean air falbh an àiteigin; a' cumail nithean gus am bi feum orra. **2** a' cruinneachadh mòran nithean agus gan cumail am falach.

tastan *f.**gin.* **tastain** *iol.* **tastanan**

bonn airgid Breatainnach a b' àbhaist a bhith air luach aon fhicheadamh de phunnd airgid.

tàth gniomhair

ceangail rudeigin, m.e. le glaodh,
gus nach gabh e gluasad.
tàthadh f.

tathaich gniomhair

rach gu àite gu tric: *bidh taibhse a'*
tathaich an t-seann togalaich sin.
tathaich b.

tàthan f.

gin. tàthain iol. tàthanan
strioch bheag a chleachdar gus
facail no earrannan de dh'fhacail a
cheangal: *tha tàthanan anns na*
facail 'an-dè', 'an-diugh', agus 'a-
màireach'.

tè b.

1 rud boireann: *dùin na*
h-uinneagan, ach fàg an tè seo! 2
neach boireann.

tea b.

faic teatha

teachd f.

a' tighinn.

teachd gniomhair easbhaidheach

rach am broinn àite: *cha teachd sin*
anns a' phoca, tha e ro mhòr.

teachd-a-steach f.

co-ionann ri **dol-a-steach**.

teachdaire f.

iol. teachdairean
cuideigin a ghiùlaineas
teachdaireachd.

teachdaireachd b.

iol. teachdaireachdan
ceist no fiosrachadh a chuireas aon
duine gu duine eile.

teachd-an-tir f.

beòshlaint.

teadaidh f.

iol. teadaidhean
déideag bhog mholach mar
mhathan beag.

teadhair b.

gin. teadhrach iol. teadhraichean
rópa airson beathach a cheangal;
taod.

teagaisg gniomhair

1 thoir èolas no sgil do chuideigin;
foghlaim; ionnsaich. 2 thoir
fiosrachadh seachad air cuspair
àraidh ann an clas.

teagasg f.

teagamh f.

gin. teagaimh iol. teagamhan
a' faireachdainn neo-chinnteach
mu dheidhinn rudeigin; amharas;
imcheist.

teaghmach buadhair

teagasg f.

gin. teagaisg

1 a' toirt èolas no sgil do
chuideigin; ag ionnsachadh. 2 a'
toirt fiosrachadh seachad air
cuspair àraidh ann an clas.

teaghlaich f.

gin. teaghlaich iol. teaghlaichean
1 an dà chuid párrantan agus a'
chlann aca, air uairean a' gabhail
oghaichean agus càirdean eile san
àireamh. 2 a h-uile duine a
dh'fhuiricheas san aon taigh
còmhla.

teallach f.

gin. teallaich iol. teallaichean

1 earrann de sheòmar ri taobh an
teine. 2 teine ann an ceàrdaich. 3
innean.

teampall f.

gin. agus *iol.* teampall
1 togalach far an tèid dia adhradh.
2 (aosta) eaglais.

teanas f.

gin. teanas
 cluich-cneutaig.

teanchair f.

iol. teanchairean
 glamradh.

teanga b.

gin. teangaidh *iol.* teangan
1 an roinn bhog a ghluaiseas mun
 cuairt sa bheul, agus leis an tèid
 blas fhaighinn. **2** cainnt.

teann buadhair

coim. teinne
1 air a shineadh gu cruaidh; rag. **2**
 gun a bhith còsach; cruaidh;
 daingeann.
teanntachd b.

teannachadh f.

gin. teannachaidh *iol.*
 teannachaidhean
 innleachd a chumas rudeigin na
 àite.

teannaich gniomhair

1 dèan no fàs teann. **2** dèan nas
 lugh a no nas giorra, 7c. **3** dèan nas
 làidire no nas cruaide; daingnich.
4 faigh grèim air rudeigin; beir air
 rudeigin gu teann. **5** cùm rudeigin
 na àite le taic.
teannachadh f.

teanta b.

iol. teantaichean
 seòrsa fasgaidh air a dhèanamh à
 canabhas, agus air a chumail suas
 le puist; pàilean.

Tearach f.

co-ionann ri Hearach.

tèarainn gniomhair

1 sàbhail; glèidh; teasairg. **2** dion.
téarnadh f.

tèarainte buadhair

1 air a shàbhaladh; air a
 ghleidheadh; air a theasairginn. **2**
 air a dhion.
téarainteachd b.

tearc buadhair

coim. teirce
 gann; beag.

tèarmainn gniomhair

dion; thoir fasgadh do chuideigin.
téarmann f.

tèarmann f.

gin. tèarmainn
 dion; fasgadh.
téarmannach buadhair

teàrn gniomhair

rach sios; rach bhàrr rudeigin.
téarnadh f.

téarnadh f.

gin. téarnaidh
1 a' dol sios; a' dol bhàrr rudeigin. **2**
 a' sàbhhaladh; a' gleidheadh; a'
 dionadh.

teàrnaich gniomhair

co-ionann ri **teàrn**.
téarnadh f.

teàrr b.

gin. tearra
 bith.

teàrr gniomhair

cuir teàrr air rudeigin.
tearradh f.

teàrr-anart f.*gin. teàrr-anairt*

seòrsa stuth air a dhèanamh le
teàrr, a cleachdar gus mullaich-
ean taighe a chòmhachadh.

teas f.

a bhith teth; blàths mòr.

teasach b.

gin. teaasich iol. teasaichean
fiabhrs.

teaasich gniomhair

dèan teth.

teasachadh f.

teaasiche f.

iol. teaasichean

innleachd airson teas a dhèanamh.

teasaidear f.

gin. teaasideir iol. teaasidearan
teasaiche.

teasairg gniomhair

sàbhail; gléidh; tèarainn.

teasairginn b.

teas-mheidh b.

iol. teas-mheidhean

tomhas-teas.

teasraig gniomhair

co-ionann ri **teasairg**.

teasraiginn b.

teatha b.

deoch air a dèanamh le uisge teth
agus duilleagan bhàrr pris araidh.

teiceid b.

faic **ticead**

teich gniomhair

1 ruith air falbh. 2 rach a-mach;

rach air falbh.

teicheadh f.

teicneolach buadhair

coim. teicneolaiche

a ghabhas gnothach ri mar a bhios
nithean ag obair, ri innealan, 7c.

teicneolas f.

gin. teicneolais

cuspairean teicneolach; a' ranns-
achadh no a' cleachdadh dhòigh-
ean teicneolach.

tèid gniomhair neo-riaghailteach

faic fo rach

tèidear gniomhair neo-riaghailteach

faic fo rach

tèile riochdair

airson tè eile

teileagraf f.

gin. teileagraif

1 dòigh air an cuirear teachd-
aireachd air falbh le bhith a'
cleachdadh uèirichean dealain, nc
le rèdio. 2 pòla **teileagraif** pòla a
chuireas taic ri uèirichean fòn.

teileagram f.

gin. teileagaim iol. teileagraman

teachdaireachd a chuirear gr
cuideigin leis an teileagraf.

teileasgop f.

gin. teileasgoip iol. teileasgopan

pìob le lionsa aig gach ceann, tron
bi thu a' faicinn nithean na
soilleire.

teine f.

iol. teintean

1 losgadh; an teas agus an solas a'
chì thu nuair a thèid rudan a'
losgadh: *chaidh an teine às.* 2 gual

fiodh, móine, 7c, a' losgadh ann an cagailte no ann an stòbha airson teas a dhèanamh. 3 inneal a chleachdas dealan, gas, 7c, airson teas a dhèanamh. 4 *an teine a' losgadh: chaidh an similear na theine.* 5 *cuir teine thuige* tòisich air rudeigin a losgadh.

teine-aighir f.

iol. teinteán-aighir

teine a-muigh gus fèill no fèis a ghleidheadh.

teine-èibhinn f.

co-ionann ri **teine-aighear.**

teinntean f.

gin. agus iol. teinntein

cagailte.

teip b.

iol. teipichean

1 stiall chaol de phàipear, phlastaig, 7c. 2 stiall iùil-tharraingeach a chleachdar airson ceòl, 7c, a chlàrachadh. 3 céiseag.

teirig gniomhair

1 rach. 2 caith; fàillig.

teireachdainn b.

teirinn gniomhair

rach sios; rach bhàrr rudeigin; teàrn.

teàrnadh f.

teis-meadhan f.

gin. teis-meadhain

am fior mheadhan.

teisteanas f.

gin. teisteanais iol. teisteanasan

sgriobhainn oifigeil a ghabhas cleachdadh gus rudeigin a dhearr-bhadh; barrantas: *teisteanas breith.*

teisteil buadhair

coim. teisteile

a ghabhas moladh; measail.

teistich gniomhair

inns rudeigin gu h-ofigeil.

teisteachadh f.

telebhisean f.

gin. telebhisein iol. telebhiseanan

1 uidheam airson dealbhan craobh-sgaoilidh fhaighinn. 2 a' cur no a' gabhail dhealbhan le bhith a' cleachdadh thuinn rèidio.

teòdh gniomhair

teasaich.

teodhadh f.

teòclaid b.

iol. teòclaidean

1 biadh milis donn. 2 pùdar milis a chleachdar airson deochannan a dhèanamh; deoch às a' phùdar seo.

teodhachd b.

cho teth no cho fuar is a tha rudeigin.

teòma buadhair

éalanta.

teòmachd b.

teth buadhair

coim. teotha

1 glè bhlàth; air teodhachd àird. 2 air blas losgaidh.

teud f.

gin. teuda, tèid iol. teudan

1 sreang; ròpa. 2 sreang air inneal-ciùil.

tha gniomhair neo-riaghailteach

faic fò bi

thabhair *gniomhair neo-riaghailteach*
faic fo thoir

thàinig gniomhair neo-riaghailteach
faic fo thig

thairis *co-ghniomhair*

1 bho aon taobh gus an taobh eile;
tarsainn: *ruith e thairis.* **2** gus no air
an taobh eile: *cuine chaidh iad*
thairis?

thairis air roimhearr (+ tabh.)

bho aon taobh gus an taobh eile,
gus no air an taobh eile; a' comhdachadh; tarsainn air; thar:
ruith e thairis air an rathad.

thall co-ghniomháit

an sin; gun a bhith a-bhos.

thalla gniomhair
airson fhalbh
faic fo falbh

thallaibh *gniomhair*
airson **fhalbhaibh**
faic fo **salbh**

thall thairis *co-ghniomhair*
ann no gu dùthach eile

thar rainbear (+ gin)

(cumaidhean roichdaireil
tharam(sa) tharad(sa) thairis(-san)/
thaire(se) tharainn(e) tharaibh(se)
tharta(san) 1 thairis air: *bha baga*
*thar a ghuaile*n. 2 seachad air: *thar*
bheannan àrda. 3 *thar a chèile*
troimh-chèile; mi-riaghailteach;
tuathal. 4 faic ar.

thatar *gniomhair neo-riaghailteach*
(agus *thathar*, *thathas*)
faic so bi

thabhair gniomhair neo-riaghailteach

theab *gniomhair easbhaidheach*

cha mhòr nach do rinn: theab mi
tuiteam nuair a bha mi a' cromadh
na staidhre; theabadh an cù a
mharbhadh le càr.

theabadh *gniomhair easbhaidheach*
faic theab

theagamh *co-ghniomhair*
gun teagamh.

thèid gniomhair neo-riaghailteach
(agus **thèidear**)
faic fo rach

their *gniomhair neo-riaghailteach*
(agus *theireadh*, *theireamaid*,
theirear)
faic fo abair

theirig gniomhair neo-riaghailteach
(agus theirigear)
faic fo rach

**theirinn gniomhair neo-riaghailteach
faic fo abair**

theirte(adh) *gniomhair* *neo-*
riaghailteach
faic so abair

thig gniomhair neo-riaghailteach

1 gluais a dh'ionnsaigh duine no
aite: *thigibh a-steach!* 2 ruig: *an*
tainig e fhathast? 3 tachair. 4 *thig ri*
tachair ri; bi ceàrr air: *dè a tha a'*
tighinn ris an-diugh? 5 *dèan suim:*
tha sin uile a' tighinn gu dà nota gu
leth. 6 *thig a-steach ort* *thig gu*
cuimhne; *aithnich.*
tighinn f., teachd f.

thoir gniomhair neo-riaghailteach

(no tabhair)

1 leig do chuideigin rudeigin a
bhith aige: *thug i dhomh siùcar.* **2**

thoir leat gabh, beir, giùlain: *thoir leat tuilleadh!*; *bheir mi leam còta gun fhios nach bi mi fuar.* 3 **thoir à tog à:** *thug mi an ceann às a' chanastair.* 4 **thoir air cleachd do neart gus an dèan cuideigin rudeigin:** *thug mi orra falbh dhachaigh.* 5 **thoir ort rach gu, siubhail gu:** *bheir mi na beanntan orm a-màreach.*
toirt b., tabhairt b.

thu(sa) riochdair
(cuideachd **tu(sa)**)

(làidir **tù**)
an duine ris am bi cuideigin a'
bruidhinn: *cò thusa?*; *a bheil thu gu math an-diugh?*; *nach tu a rinn math!*

thubhairt gniomhair neo-riaghailteach
(agus **thubhairteadh**)
faic fo **abair****thuca(san) roimhear riochdaireil**
faic fo **gu¹****thug gniomhair neo-riaghailteach**
faic fo **thoir****thugad(sa) roimhear riochdaireil**
faic fo **gu¹****thugadh gniomhair neo-riaghailteach**
faic fo **thoir****thugaibh(se) roimhear riochdaireil**
faic fo **gu¹****thugainn gniomhair easbaidheach**
co-ionann ri **tugainn****thugainn(e) roimhear riochdaireil**
faic fo **thoir****thugam gniomhair neo-riaghailteach**
(agus **thugamaid**)
faic fo **thoir**

thugam(sa) roimhear riochdaireil
faic fo **gu¹**

thugnaibh gniomhair neo-riaghailteach
thigibh.

thuice(se) roimhear riochdaireil
faic fo **gu¹**

thuige co-gniomhair
1 a-steach; a-steach ann: *thàinig am bàta thuige;* *cuir thuige an teine!* 2 **thuige seo gu seo.**

thuige(san) roimhear riochdaireil
faic fo **gu¹**

thuirt gniomhair neo-riaghailteach
(agus **thuirteadh**)
faic fo **abair**

thun roimhear leasaichte
faic fo **gu¹**

tì b.
co-ionann ri **teatha**

tiamhaidh buadhair
coim. **tiamhaidhe**
gruamach; aonarach; a nì sgìth
thu.

tibhre f.
iol. **tibhrean**
lag bheag air a' chraiceann.

ticead b.
gin. **ticeid iol. ticeadan**
pios páipeir no cairteach a bheir
cead dhut a bhith a' faicinn film,
dealbh-chluich, 7c, no a bhith a'
siubhal air bus, trèana, 7c; bileag.

ticeard b.
gin. **ticeaird iol. ticeardan**
co-ionann ri **ticead.**

tide b.*iol. tidean*(no **tid**)1 ùine; uair shòraichte: *fad na tide*. 2 sìde. 3 **an tide** an tide-mhara.**tide-mhara b.***gin. tide-mara iol. tidean-mara*

an seòl-mara.

tidsear f.*gin. tidseir iol. tidsearan*cuideigin a bhios a' teagast
dhaoine eile, gu h-àraidh san sgoil.**tig gniomhair neo-riaghailteach**(agus **tigeadh**, **tigeamaid**)faic fo **thig****tigear f.***gin. tigeir iol. tigearan*beathach mòr fiadhaich agus bian
buidhe le srianagan dubha air.**tigh f.**faic **taigh****tighe buadhair**faic fo **tiugh****tighead f.***gin. tigheid*

cho tiugh is a tha rudeigin.

tighearna f.(no **tighearn**)*iol. tighearnan*1 priomh riaghladair; flath. 2 **an Tighearna** Criod.**tighinn f.**

a' teachd.

faic **thig gniomhair****tiginn gniomhair neo-riaghailteach**faic fo **thig****Tileach f.***gin. agus iol. Tilich*

neach à Innis Tile.

Tileach buadhair**tilg gniomhair**1 thoir air rudeigin gluasad tron
àile: *tilg mo bhrògan thugam!* 2 cuir
peilear à gunna, 7c. 3 **tilg às** sad às.
tilgeil b., **tilgeadh f.****till gniomhair**1 thig no rach air ais: *cuine a thilleas tu?* 2 thoir rudeigin air ais do
chuideigin. 3 stad a chionn
imcheist: *ruith e a-steach gun tilleadh.***tilleadh f.****tim b.***gin. time iol. timean*

ùine; tide; tràth.

timcheall co-ghniomhair1 a' dol ann an lùib no cearcall; mu
chuairt; mun cuairt: *fhalbh tim-
cheall gu cùl an taighe.* 2 air gach
taobh: *cuir timcheall a' phoit!* 3 air
feadh an àite: *bha a' chlann nan
ruith timcheall.* 4 gu àird eile: *cuir
timcheall a' chathair!* 5 gu taigh
cuideigin, no oifis, 7c: *thig
timcheall aig 3!* 6 an àiteigin faisg.**timcheall roimhear (+ gin.)**1 a' dol ann an lùib no cearcall
timcheall; mu chuairet; timcheall
air, mu chuairet air: *thèid an talamh
timcheall na grèine.* 2 air gach
taobh de: *leanaidh an rathad
timcheall an taighe.* 3 air feadh: *bha
sinn a' cluiche timcheall na pàirce.***timcheall air roimhear (+ tabh.)**1 faisg air; mu, mu chuairet air. 2
timcheall, mu chuairet.

timcheallan *f.*

gin. agus *iol.* **timcheallain**
1 crois rathaid far am feum trafaig
 a' dol mun cuairt cearcail. **2** inneal
 a chuireas caran, air am bi daoine,
 gu h-àraidh clann, a' siubhal.

tinn buadhair

coim. **tinne**
 gun a bhith slàn; bochd.

tinneas *f.*

gin. **tinneis iol.** **tinneasan**
 a bhith tinn; rudeigin a nì tinn thu;
 galar.

tinneas-mara *f.*

gin. **tinneis-mhara**
 co-ionann ri **tinneas na mara**.

tinneas na mara *f.*

tinneas a thig bho għluasad bāta.

tinneas tuiteamach *f.*

(*leis an alt*)
gin. **an tinneas thuiteamaich**
 tinneas a bheir ort a bhith air chrith
 agus a' tuiteam.

tiocaid *b.*

iol. **tiocайдean**
 co-ionann ri **ticead**.

tiodhlac *f.*

gin. **tiodhlaic iol.** **tiodhlacan**
 tabhartas; gibht: *dè an tiodhlac a*
bhios tu ag iarraidh aig an Nollaig?

tiodhlaic *gniomhair*

1 thoir tiodhlac do chuideigin. **2**
 adhlaic.
tiodhlacadh *f.*

tiomnadhbh *f.*

gin. **tiomnaidh iol.** **tiomnaidhean**
1 cunntas sgríobhete. **2** sgríobhainn
 a dh'innseas dè a bu mhiann leat

dèanamh led chuid airgid, 7c, an
 dèidh dhut bàsachadh. **3** tè de dhà
 earrainn a' Bhiobaill, an Seann
 Tiomnadh agus an Tiomnadh
 Nuadh.

tiomnaich *gniomhair*

fág rudeigin do chuideigin ann an
 tiomnadh.

tiomnachadh *f.***tiompan** *f.*

gin. **tiompain iol.** **tiompain,**
tiompanan

1 lann mhēatailt chruinn le glaic na
 meadhan, a bhuailear gus gliong-
 artaich a dhèanamh; seòrsa
 ineil-chiùil. **2** cnoc; àird.

tiona *f.*

iol. **tionaichean**
 canastair.

tionail *gniomhair*

cruinnich.
tional *f.*

tionndaidh *gniomhair*

1 rach mun cuairt; rach gu àird
 eile. **2** cuir rudeigin mun cuairt;
 cuir car air rudeigin: *tionndaidh an*
goc! **3** atharraich. **4** eadar-
 theangaich. **5** iompairich.
tionndadh *f.*

tionnsgail *gniomhair*

1 innlich; cruthaich. **2** ionnsaich
 mu dheidhinn rudeigin àraidh;
 planaig.
tionnsgal *f.*

tionnsgal *f.*

gin. **tionnsgail iol.** **tionnsgalan**
1 a bhith ag innleachadh no a'
 cruthachadh. **2** a bhith ag
 ionnsachadh mu dheidhinn rud-
 eigin àraidh; proiseact.

tioraidh *co-ghniomhair*

(neo-fhoirmeil) mar sin leat!;
beannachd leat!

tioram *buadhair*

coim. **tiorama**

1 gun a bhith fliuch; gun a bhith
tais: *tha am buntàta glè thioram.* 2
neo-inntinneach: *bha an òraid aige*
rudeigin tioram dhomhsa. 3
iotmhòr.
tiormachd *b.*

tiorcaids *f.* agus *b.*

eun-Frangach.

tiormadair *f.*

iol. **tiormadairean**

inneal a thiormaicheas nithean.

tiormaich *gniomhair*

dèan no fàs tioram: *cò a*
thiormaicheas na soithichean a-
nochd?

tiormachadh *f.*

tiormaichte *buadhair*

air a thiormachadh.

Tiortach *f.*

co-ionann ri Hiortach.

tiota *f.*

iol. **tiotan, tiotaidhean**

ùine glè bheag: *tha trì fichead tiota*
ann am mionaid.

tiotal *f.*

gin. **tiotail iol. tiotalan**

1 ainm leabhair, pios ciùil, 7c. 2
facal a sheallas suidheachadh no
dreuchd duine, mar *Mgr, A' Bh, An*
i-Urr, 7c.

tiotan *f.*

gin. agus *iol.* **tiotain**

co-ionann ri tiota.

tir *b.*

gin. **tire iol. tirean**

1 talamh; fearann. 2 dùthaich.

tir-eòlas *f.*

faic cruinn-eòlas

Tiristeach *f.*

gin. agus *iol.* **Tiristich**

neach à Tiriodh.

Tiristeach *buadhair*

tir-mhòr *b.*

gin. **tir-mòire iol. tirean-mòra**

co-ionann ri tir-mòr.

tir-mòr *f.*

gin. **tir-mhòir iol. tirean-mòra**

a' phriomh chuid de dhùthaich,
gun a bhith a' gabhail a-steach nan
eilean timcheall oirre; mòrthir.

Tir nan Og *b.*

(beul-airthris Cheilteach) tir làn
dhaoine-sith agus draoidheachd;
nèamh sa chreideamh Cheilteach.
faic Oidhche Shamhna

tiùba *b.*

iol. **tiùban**

inneal-ciùil gaoithe air a dhèanamh
à pràis, aig a bheil fuaim
domhainn.

tiugainn *gniomhair easbhaidheach*

co-ionann ri tugainn

tiugh *buadhair*

coim. **tighe**

1 gun a bhith tana; fada bho
thaobh gu taobh; reamhar: *leabhar*
tiugh. 2 görach.

tiuilib *b.*

iol. **tiuilibean**

luibh dathach a dh'fhàsas à
bolgan.

tiùrr f.co-ionann ri **tòrr**.**tlachd b.**

toileachadh mòr; taitneas.

tlachdmhor buadhair*coim.* **tlachdmhoire**

a bheir tlachd dhut; làn tlachd.

tnù f.

farmad.

tòb f.co-ionann ri **òb**.**toban f.***gin.* **tobain** *iol.* **tobanan**

am bann timcheall air aid.

tobar b.*gin.* **tobrach** *iol.* **tobraichean**co-ionann ri **tobar f.****tobar f.***gin.* **tobair** *iol.* **tobraichean**1 toll domhainn air a dhèanamh
san talamh airson uisge fhaighinn
às. 2 fuaran.**tòbhadh f.***gin.* **tòbhaidh**

a' slaodadh.

tòbhaig gniomhair

slaod.

tòbhaigeadh f.**tobhta b.***iol.* **tobhtaichean**

làrach taighe.

tocasaid b.*iol.* **tocasaidean**co-ionann ri **tocsaid**.**tocsaid b.***iol.* **tocsaidean**

baraille mòr.

todha f.*iol.* **todhaichean**ball-acfhainn airson an talamh a
sgriobadh.**todhaig gniomhair**

sgriob agus bris talamh le todha.

todhaigeadh f.**todhair gniomhair**

1 cuir todhar air an talamh. 2

gealaich.

todhar f.**todhar f.***gin.* **todhair**inneir, gu h-àraidh air a measg-
achadh le connlaich no tràthach.**tofaidh f.***iol.* **tofaidhean**suiteas glaodhach air a dhèanamh
à im agus siúcar.**tog gniomhair**1 cuir suas; èirich: *tog do làmhan!**tha an làn air a thogail.* 2 àraich:*thogadh mi sa bhaile seo.* 3 cuir richéile; déan: *tha iad a' togail taigh**ùr;* *tog an teine!* 4 déan leann. 5gluaise; brosnaich: *tog ort!***togail b.****togair gniomhair**miannaich; iarr gu mòr: *dèan mar a**thogras tu!***togradh f., togairt b.****togalach f.***gin.* **togalaich** *iol.* **togalaichean**

rudeigin a chaidh a thogail, mar

thaigh, oifis, 7c; aitreasb.

tograth *f.*

gin. **tograigd** *iol.* **tograighean**
1 miann. 2 buailteachd; sgil.

togsaid *b.*

co-ionann ri **tocsaid**.

togte *buadhair*

air a thogail.

toibheum *f.*

gin. **toibheim** *iol.* **toibheuman**
a' bruidhinn gu h-eas-urramach
mu rudan naomha.

tòidh *f.*

iol. **tòidhean**
déideag.

toifidh *f.*

faic **tofaidh**

toigh *buadhair*

math; taitneach: *is toigh leam cèic.*

toil *b.*

gin. **toile** *iol.* **toilean**
1 deòin; toileachas. 2 **mas e do thoil**
e! air a chleachdadh ma dh'iarras
tu rudeigin gu modhail.

toileach *buadhair*

coim. **toiliche**
deònach; sona.

toileachas *f.*

gin. **toileachais**
a bhith toilichte.

toileachas-inntinn *f.*

gin. **toileachais-inntinn**
a' faireachdainn riaraichte, toilich-
te, 7c.

toileat *f.* agus *b.*

taigh-beag.

toilich *gniomhair*

dèan no fàs toilichte.
toileachadh *f.*

toilichte *buadhair*

sona air sgàth rudeigin; riaraichte;
air a thoileachadh: *tha sinn toilichte*
leis a' chàr ùr; cho toilichte ris an
righ.

toil-inntinn *b.*

gin. **toil-inntinne** *iol.* **toil-inntinnean**
1 toileachas-inntinn. 2 rudeigin a
bheir toileachas dhut.

toill *gniomhair*¹

bi airidh air rudeigin: *thoill thu na*
fhuaire thu.
toilltinn *f.*

toill *gniomhair*²

co-ionann ri **teachd**.

toillteanas *f.*

gin. **toillteanais** *iol.* **toillteasan**
an rud air a bheil thu airidh.
toillteanach *buadhair*

toilltinn *f.*

a bhith airidh air rudeigin.

tòimhseachan *f.*

gin. agus *iol.* **tòimhseachain**
1 ceist dhuilich; imcheist. 2 cleas
sam b' sheudar dhut ceist
fhuasgladh.

tòimhseachan-tarsainn *f.*

gin. agus *iol.* **tòimhseachain-**
tharsainn
imcheist far am bi thu a' tomhas
fhacal à dubh-cheisteann agus gan
cur air ceàrnag bhreacanach.

toinisg *b.*

gin. **toinisge**

comas smaoineachaidh, a bhith
glic, 7c; ciall.

toinn gniomhair

1 sniomh. 2 tionndaidh cuairteag,
pios sreanga, 7c, gus am fás e nas
teinne: *feumaidh mi an t-uaireadair*
a thoinneadh.

toinneadh f.

tòir b.

gin. **tòire,** **tòrach iol.** **tòirean,**
tòirichean

1 ruaig. 2 **an tòir air** air lorg; a
dh'iarraidh. 3 **air tòir** air lorg; a
dh'iarraidh: *thàning e air mo thòir.*

toir gniomhair neo-riaghailteach

(agus **toireadh,** 7c)
faic fo **thoir**

toirm b.

gin. **toirme iol.** **toirmean**
fuaim mòr; fuaim mar
thàirnearach.

toirmeasg f.

gin. **toirmisg**

1 ag innseadh do dhuine gun
rudeigin a dhèanamh. 2 a bhith gun
rudeigin a cheadachadh.

toirmeasgach buadhair

coim. **toirmeasgaiche**
a thoirmisgeas.

toirmisg gniomhair

1 innis do dhuine gun rudeigin a
dhèanamh. 2 bi gun rudeigin a
cheadachadh. 3 bac.

toirmeasg f.

toirsgeir b.

iol. **toirsgeirean**

ball-acfhainn airson mòine a
ghearradh, le lainn agus cois
fhada air.

toirt b.

faic fo **thoir gniomhair**

toiseach f.

gin. **toisich iol.** **toisichean**

1 tòiseachadh; tùs: *sgriobhaidh mi*
'a charaid' aig toiseach na litreach. 2
aghaidh rudeigin: *toiseach bàta;*
toiseach a' chàir. 3 **an toiseach** a'
tighinn ro chàch; aig an toiseach. 4
air **thoiseach** air adhart; luath. 5 air
thoiseach air air beulaibh.

toiseachadh f.

gin. **toiseachaidh**

a' gabhail a' chiad cheuma ann a
bhith a' déanamh rudeigin.

thòisich gniomhair

gabh a' chiad cheum ann a bhith a'
déanamh rudeigin: *thòisich an*
leanabh a' gul; an do thòisich thu air
an obair sin fhastast?

toiseachadh f.

toit b.

gin. **toite iol.** **toitean**

1 deattach a nochdas ann a bhith a'
goil uisce. 2 smùid. 3 deattach.

toitean f.

gin. **toitein iol.** **toitein, toiteanan**
ridhleadh tana de thombaca air a
chòmhachadh le pàipear, airson
smocaidh.

toll f.

gin. agus *iol.* **tuill**

béarn no fosgladh ann an rudeigin:
tha toll nam gheansaидh.

toll gniomhair

déan toll ann an rudeigin.

tolladh f.

tollan f.

gin. **tollain iol.** **tollanan**

toll beag.

tollta <i>buadhair</i>	tomhas-teas <i>f.</i>
air a tholladh.	<i>gin.</i> tombais-teas <i>iol.</i> tomhasan-teas , tòimhsean-teas innleachd airson teodhachd na bodhaige a thomhas.
tolltach <i>buadhair</i>	tòn <i>b.</i>
<i>coim.</i> tolltaiche	<i>gin.</i> tòine <i>iol.</i> tònán
làn tholl.	màs.
tolman <i>f.</i>	tonn <i>f.</i> <i>agus b.</i>
<i>gin.</i> tolmain <i>iol.</i> tolmain , tolmanan	<i>gin.</i> tuinn , tuinne <i>iol.</i> tuinn , tonnan 1 druim air uachdar uisge; gu h-àraidh air a' mhuir; stuagh. 2 an gluasad a nì fuaim, teas, solas, 7c, ann a bhith a' siubhal.
tom <i>f.</i>	tonna <i>f.</i>
<i>gin.</i> tuim <i>iol.</i> tomannan	<i>faic tunna</i>
meall; cnoc.	
tomadach <i>buadhair</i>	topag <i>b.</i>
<i>coim.</i> tomadaiche	<i>gin.</i> topaig <i>iol.</i> topagan
mòr; làidir; fèitheach.	uiseag.
tomaltach <i>buadhair</i>	torach <i>buadhair</i>
co-ionann ri tomadach .	<i>coim.</i> toraiche
tomàto <i>f.</i>	1 math gus fàs a thoirt air luibhean; air am bi mòran mheas. 2 faic torach.
<i>iol.</i> tomàtothan	torachas <i>f.</i>
meas bog cruinn dearg; <i>ithidh tu tomàtothan ann an saileadan.</i>	
tombaca <i>f.</i>	toradh <i>f.</i>
<i>iol.</i> tombacan	<i>gin.</i> toraidh <i>iol.</i> toraidhean
duilleagan bhàrr luibhean àraidh air an tiormachadh airson an ceò a ghabhail ann an toiteanan, siog-àran, no pioban.	1 meas; biadh; tacar. 2 buil. 3 buaidh. 4 leas.
tomhais <i>gniomhair</i>	toraich <i>gniomhair</i>
dèan tomhas.	dèan torach; mathaich.
tomhas <i>f.</i>	torachadh <i>f.</i>
tomhas <i>f.</i>	torc <i>f.</i>
<i>gin.</i> tomhais <i>iol.</i> tomhasan , tòimhsean	<i>gin.</i> agus <i>iol.</i> tuirc
1 cho mòr, trom, 7c, is a tha cuideigin no rudeigin. 2 cudthrom. 3 ag annaladh dè cho mòr, trom, 7c, is a tha cuideigin no rudeigin. 4 tuaiream.	1 muc fhiadhaich; cullach. 2 muc shireann.
	torman <i>f.</i>
	<i>gin.</i> tormain <i>iol.</i> tormanan
	fuaim iosal crònach.

tòrr f.

*gin. torra iol. torran*1 càrn; dùn; cnoc. 2 mòran: *tha tòrr bhàtaichean sa bhàgh*.torrach *buadhair**coim. torraiche*1 le leanabh a' fàs anns a' mhachlaig. 2 faic **torach**.

tosd f.

a bhith tosdach; sàmhchair.

tosdach *buadhair**coim. tosdaiche*

gun a bhith a' dèanamh fuaim; sàmhach.

tosdachd b.

tosgaire f.

iol. tosgairean

cuideigin air a chur thall thairis gus a riaghaltas a riochdachadh.

tosgaireachd b.

iol. tosgaireachdan

an togalach sam bi tosgaire a' còmhnaidh agus ag obair.

tost f.

gin. tosta

aran air a leth-losgadh.

tostair f.

iol. tostairean

innleachd airson tost a dhèanamh.

trabhaig b.

faic **trafaig**

tractar f.

gin. tractair iol. tractaran

carbad-motair air a chleachdadh air tuathanas, croit, 7c, gus innealan no luchdan troma a tharraing.

trafaig b.

gin. trafaige

càraichean, busaichean, làraidhean, 7c, a' siubhal air an rathad; giùlan.

tràghadh f.

gin. tràghaidh

1 a' toirt uisge a-mach à rudeigin; a' tiormachadh; a' traoghadh. 2 (am muir) a' dol sios.

traidhsagal f.

gin. traidsagail iol. traidsagalan

baidsagal tri-rothach.

tràigh b.

gin. tràighe, tràghad iol. tràighean, tràghannan
cladach gainmhich.tràigh *gniomhair*1 thoir uisge a-mach à rudeigin; tiormaich; traogh. 2 (am muir) rach sios.
tràghadh f.

tràilear f.

*gin. tràileir iol. tràilearan*co-ionann ri **tràlair**.

tràill f. agus b.

*gin. tràill, tràille iol. tràillean*1 cuideigin a dh'sheumas obair do chuideigin eile gun phàigeadh. 2 cuideigin a ni no a chleachdas rudeigin nach fhaigh e air a leigeil seachad: **tràill droga**.**tràilleil buadhair, tràillealachd b.**tràillich *gniomhair*

dèan tràill de chuideigin.

tràilleachadh f.

tràlair f.

iol. tràlairean

seòrsa báta-iasgaich.

trang *buadhair*
coim. **trainge**
 dripeil.

tuilleadh); an tràth cumhach
 (*rachainn don chèilidh, nam* biodh
 airgead agam).

trannsa *b.*
iol. **trannsaichean**

slighe fhada chumhang às am bi
 dorsan a' fosgladh a-steach do
 sheòmraichean.

tràthach *f.*

gin. **tràthaich**

feur air a ghearradh agus air a
 thiormachadh.

traogh *gniomhair*

1 thoir uisge no lionn a-mach à
 rudeigin; tiormaich; tràigh. 2 (am
 muir) rach sios.

traoghadh *f.*

traon *f.*

gin. agus *iol.* **traoin**
 seòrsa eòin-raoin a nì fuaim mar
 ghràg.

tràth-nòin *f.*

feasgar.

tre *roimhear* (+ *tabh.*)

tro.

treabh *gniomhair*

tionndaidh ùir le crann.

treabhadh *f.*

trasg *b.*

gin. **traisg** *iol.* **trasgan**
 cuairt ùine nuair nach ith thu
 biadh.

trealaich *b.*

iol. **trealaichean**

1 rudeigin a bharrachd; rudeigin
 air fhàgail; rudan gun sheum. 2
 (iolra) na màileidean, 7c, a tha nad
 chois.

tréalaire *f.*

iol. **tréalairean**

slaodair.

treallaich *b.*

faic **trealaich**

tréana *b.*

iol. **tréanaichean**

1 còmhlan de charbadan air an
 rathad-iarainn, air an ceangal
 còmhla agus air an tarraig le
 inneal. 2 àireamh dhaoine no
 ainmhidhean a' siubhal còmhla.

tràth *f.*

gin. **tràtha, tràith** *iol.* **tràthan**

1 ùine; uair. 2 **mu-thràth** a cheana;

mar-thà. 3 riochd de ghniomhair a
 sheallas cuine a thachras rudeigin;
an tràth làthaireach (*tha* mi sgith);
an tràth teachdail (*thèid* mi ann a-
 màireach); an tràth caithte
 (*dh'fhalbh* e an-dè); an tràth neo-
 choileanta (*bhitheamaid* a' cur
 buntata, ach chan eil croit againn

treas *buadhair*

leanaidh seo an dara fear.

treasa *buadhair*

faic fo **treun**

treas deug buadhair

leanaidh seo an dara fear deug.

trèiceil f.

lionn tiugh a tha milis agus glaodhach.

treidhe b.*iol.* treidhean
sgàl.**trèig gniomhair**

fág.

trèigsinn f.

trèimh b.

co-ionann ri treubh.

tréine b.

faic trèana

treis b.

co-ionann ri greis.

treise buadhair

faic fo treun

treiseag b.*gin.* treiseig *iol.* treiseagan
co-ionann ri greiseag.**treòraich gniomhair**seòl no stiùir cuideigin no rudeigin.
treòrachadh f.**treubh b.***gin.* treubha, trèibh *iol.* treubhan
còmhlan theaghlaichean a
dh'fhuiricheas còmhla fon aon
cheannard.**treud f.***gin.* trèid, treuda *iol.* treudan
còmhlan de bheathaichean, gu
h-àraidh de chaoraich, a bhios a'
biathadh còmhla.**treun buadhair***coim.* treasa, treise
làdir; neartmhor; calma.**trì buadhair agus ainmear**an àireamh 3; a h-aon a bharrachd
air a dhà: a trì; trì seachdainean.**triall gniomhair**gluais romhad; falbh: *thriall iad gu*
deireadh an t-saoghail.
tríall f.**trian f.**

an treas cuid.

triantan f.*gin.* agus *iol.* triantain
cumadh reidh le trì taobhan
direach agus trì uilnean ann.**triath f.***iol.* triathan
flath; tighearna.**tric buadhair***coim.* trice
mòran uairean; an iomadh cor: *cha*
bhi mi a' gabhail cosaidh glè thric, 's
fheàrr leam teatha.
tricead f.**trì-cheàrnag b.***gin.* trì-cheàrnaig *iol.* trì-
cheàrnagan
triantan.**trì-chrannach buadhair**air a bheil trì crainn: *bàta trì-*
*chrannach.***trìd- ro-leasachan**tro: *trid-shoilleir.***trìd roimhear (+ gin.)**

1 tro. 2 le.

428	trì-deug	<i>buadhair agus ainmear</i>	trì-deug	<i>buadhair agus ainmear</i>
		an àireamh 13; a h-aon a bharrachd air a dhà-dheug: <i>a trì-deug; trì fhìr dheug.</i>	tromham(sa)	<i>tromhad(sa)</i>
	trìd-shoilleir	<i>buadhair</i>	troimhe(san)/troimhpe(se)	<i>tromhaibh(se)</i>
	coim.	<i>trid-shoilleire</i>	tromhainn(e)	<i>tromhaibh(se)</i>
	tron	<i>urrainn dhut faicinn.</i>	tromphab(san))	bho aon cheann gus an ceann eile;
	trìne b.		tre; trid: <i>tha an t-uisge a' tighinn tro mhullach an taighe; tron allt; tron uinneig.</i>	tre; trid: <i>tha an t-uisge a' tighinn tro mhullach an taighe; tron allt; tron uinneig.</i>
	faic	<i>trèana</i>	trobhad	<i>gniomhair easbhaidheach</i>
	trioblaidd b.		iol.	<i>trabhadaibh</i>
	gin.	<i>trioblaide iol. trioblaidean</i>	thig	(a-null) <i>thugam! thig còmhla</i>
	1	<i>dragh; buaireas. 2 ceist; imcheist.</i>	rium!	<i>trobhad a chluiche!</i>
	trioblaideach	<i>buadhair</i>	tròcair b.	
	trì-rothach f.		gin.	<i>tròcaire iol. tràcairean</i>
	gin.	<i>agus iol. trì-rothaich</i>	a bhith	<i>tròcaireach; truas.</i>
	carbad	<i>le trì rothan air.</i>	tròcaireach	<i>buadhair</i>
	trì-rothach	<i>buadhair</i>	coim.	<i>tròcairiche</i>
	trìthead f.		coibhneil	<i>ri cuideigin an àite a</i>
	gin.	<i>tritheid iol. tritheadan</i>	bhith	<i>ga pheanasachadh.</i>
	fichead	<i>is a deich.</i>	trod f.	<i>agus b.</i>
	tritheamh	<i>buadhair</i>	gin.	<i>agus iol. troid</i>
	co-ionann	<i>ri treas</i>	1	<i>ag innseadh do chuideigin gu</i>
	tritheamh deug	<i>buadhair</i>	bheil	<i>e céarr le guth àrd agus</i>
	co-ionann	<i>ri treas deug</i>	feargach:	<i>rinn e troid; sgùir a bhith a'</i>
	triubhas f.		<i>troid rium!</i>	<i>2 connachsachadh. 3</i>
	gin.	<i>triubhais iol. triubhasan</i>	còmhstri.	
	brigais.		trod	<i>roimhear leasaichte</i>
	triùir f.	<i>agus b.</i>	faic	<i>fo tro</i>
	a h-aon	<i>a bharrachd air dithis:</i>	troich f.	<i>agus b.</i>
	triùir	<i>dhaoine.</i>	gin.	<i>troiche iol. troicheadan</i>
	tro	<i>(leis an alt tron)</i>	1	<i>duine crotach. 2 duine beag;</i>
		<i>(leis an riochdair dàimheach a' tro</i>	lucharan.	<i>3 gealtaire.</i>
	trom	<i>tron)</i>	troicheil	<i>buadhair</i>
	(le	<i>buadhair seilbheach trom trod</i>	troid	<i>gniomhair</i>
	tro/tro	<i>tror tror tron/trom)</i>	dèan	<i>trod.</i>
	(cumaidhean	<i>rioichdaireil</i>	troigh b.	
			gin.	<i>troighe iol. troighean</i>
			1	<i>roinn na bodhaige son adh-</i>

brainn; an roinn aig ceann shios na coise. 2 (fad) dà òirlich.dheug.

troighean f.

gin. troighein iol. troigheanan
roinn inneil air iomain le cois duine: *tha dà throighean air baidhsagel.*

troilidh b.

gin. troilidhe iol. troilidhean
basgaid no bòrd air a bheil cuibhlichean.

troimh roimhear

faic fo tro

troimh-chéile co-ghniomhair

1 gun a bhith ann an òrdugh; bun-
os-cionn. 2 gun a bhith a' tuigsinn;
tuathal.

troimhe co-ghniomhair

1 bho aon cheann gus an ceann eile:
an tainig e troimhe? 2 deiseil: *a bheil thu troimhe?*

troimhe(san) roimhear riochdaireil

faic fo tro

troimhpe(se) roimhear riochdaireil

faic fo tro

troimpe roimhear leasaichte

faic troimhpe

trollaidh b.

faic troilidh

trom buadhair

coim. truime

1 gun a bhith aotrom; air mhòr
cudthrom. 2 cudthromach;
domhainn.
truime b.

trom roimhear leasaichte

faic fo tro

trombaid b.

gin. trombaide iol. trombaidean
inneal-ciùil gaoithe air a dhèanamh
à pràis.

tromhad(sa) roimhear riochdaireil

faic fo tro

tromhaibh(se) roimhear riochdaireil

faic fo tro

tromhainn(e) roimhear riochdaireil

faic fo tro

tromham(sa) roimhear riochdaireil

faic fo tro

tromhpa(san) roimhear riochdaireil

faic fo tro

trom-inntinneach buadhair

coim. trom-inntinniche

gun a bhith inntinneach; a nì sgìth
thu.

trom-laighe f. agus b.

iol. trom-laighean

1 bruadar a chuireas eagal ort. 2
bròn mhòr.

trompa roimhear leasaichte

faic tromhpa

trompaid b.

faic trombaid

tron roimhear leasaichte

faic fo tro

tror roimhear leasaichte

faic fo tro

trosg f.

gin. agus iol. truisg

iasg-mara mòr a ghabhas ithe.

trotan *f.**gin.* **trotain**

1 a' ruith gu slaodach, gu h-àraidh airson eacarsaich. 2 a bhith a' marcachd air astar meadhanach: *bha na h-eich a' trotan air an tràigh.*

truacanta *buadhair*

a' gabhail truas.

truacantachd *b.***truacantas** *f.**gin.* **truacantais**

truas.

truagh *buadhair**coim.* **truaghe**

1 mi-shona; glè bhrònach: *is truagh sin.* 2 bochd. 3 ag adhbharachadh truas.

truaghag *b.**gin.* **truaghraig iol.** **truaghagan**

tè a tha truagh.

truaghan *f.**gin.* **truaghain iol.** **truaghanan**

fear a tha truagh.

truail *gniomhair*

dèan rudeigin salach, neòghlan, 7c: *bha an t-allt air a thruailleadh le salchar.*

thruailleadh *f.***truas** *f.**gin.* **truasis**

a' faireachdann duilich gu bheil cuideigin ann am pian no gu bheil crón air cuideigin, 7c; truacantas: *ghabh e truas dhiom;* *ghabh e truas riom.*

trusail *buadhair**coim.* **truasaile**

a' gabhail truas.

truleis *b.*

cor mi-sgiobalta no salach; rud-eigin a tha salach; rudan gun flueum; sgudal.

truimead *f.**gin.* **truimeid**

1 cho trom is a tha rudeigin. 2 a' faireachdann iosal, mi-shona, 7c.

truinnsear *f.*

gin. **truinnseir iol.** **truinnsearan** soitheach rèidh: *cuir an càise air an truinnsear!*

truitich *f.*

a' biogail gu luath.

trus *gniomhair*

1 cruinnich; tionail. 2 ceangail. **trusadh** *f.*

trusgan *f.*

gin. **trusgain iol.** **trusganan** aodach; culaidh.

trustar *f.**gin.* **trustair iol.** **trustairean**

1 duine salach no mosach. 2 duine drabasta no draosta.

tu(sa) *riochedair*faic fo **thu(sa)****tuagh** *b.**gin.* **taigh iol.** **tuaghanan**

ball-acfhainn airson gearraidh no sgudaidh.

tuainealach *buadhair**coim.* **tuainealaiche**

a' faireachdann gu bheil a h-uile cail a' dol timcheall; guanach.

tuainealaich *b.***tuaiream** *b.**gin.* **tuaireim iol.** **tuaireaman**

1 beachd no freagairt a bheir thu seachad mu dheidhinn rudeigin às nach eil thu cinnteach.

tuaireamach *buadhair*
gun rian gun rùn; air thuaiream.

tuairisgeul *f.*

gin. **tuairisgeil** *iol.* **tuairisgeulan**
cunnas no mìneachadh a dh'innseas dè an coltas a tha air rudeigin.

tuairisgeulach *buadhair*

tuairmeas *f.*

gin. **tuairmeis** *iol.* **tuairmeasan**
tuaiream.

tuairmse *b.*

iol. **tuairmsean**
co-ionann ri tuairmeas.

tuaispear *f.*

gin. **tuaispeir** *iol.* **tuaispearan**
amadan; cleasaiche.

tuar *f.*

gin. **tuair** *iol.* **tuaran**
1 dath; fiadh.
2 dreach.

tuarail *buadhair*

coim. **tuaraile**
air a bheil tuar no dath math.

tuarastal *b.*

gin. **tuarastail** *iol.* **tuarastalan**
airgead air a chosnad.

tuarastalaich *gniomhair*

fastaich.
tuarastalachadh *f.*

tuath *b.*

gin. **tuatha**
1 muinntir choitcheann dùthcha. 2
air an tuath air an dùthaich.

tuath *buadhair agus ainmear*

an àird air do làimh chli ma bhios tu a' coimhead chun an ear: a' fuireach mu *tuath*; a' dol a *tuath*/ *gu tuath*; a' tighinn on *tuath*/ à *tuath*; tha an taigh aige *tuath* air a' bhaile; an taobh *tuath*/ a *tuath*/ mu *tuath*/ o *tuath*.

tuathal *buadhair*

coim. **tuathaile**

1 a' gluasad air slighe an aghaidh an uaireadair. 2 a' gluasad air slighe an aghaidh na gréine. 3 troimh-chéile.

tuathanach *f.*

gin. agus *iol.* **tuathanach**
cuideigin aig a bheil tuathanas.

tuathanachas *f.*

gin. **tuathanachais**
ag obair air tuathanas; àiteachd.
tuathanachail *buadhair*

tuathanas *f.*

gin. **tuathanais** *iol.* **tuathanasan**
àite fearainn far am bi cuideigin a'
toirt fàs air luibhean no a' biathadh
bheathaichean airson bìdh.

tuba *f.* agus *b.*

iol. **tubannan**
soitheach cruinn; ballan.

tùba *b.*

faic **tiùba**

tubaist *b.*

gin. **tubaiste** *iol.* **tubaistean**
tuiteamas ris nach robh dùil agad;
sgiorradh.
tubaisteach *buadhair*

tubhalte *b.*

iol. **tubhaltean**
pios aodaich a chleachdar airson

nithean a thiormachadh;
searbhadar.

tugtadh gniomhair neo-riaghailteach
faic fo **thoir**

tubhailte-bùird b.

iol. tubhailtean-bùird
còmhach aodaich airson bùird.

tuig gniomhair

1 bi le fios dè as ciall do rudeigin, dè
a tha ann, no ciamar a
dh'obraigheas rudeigin: *thuig mi na*
bha e ag rádh. 2 ionnsaich; bi air
rudeigin a chluinntinn: *tha mi a'*
tuigsinn nach eil e gu math.
tuigsinn b.

tubhailte-shoithichean b.

iol. tubhailtean-shoithichean
tubhailte airson soithichean a
thiormachadh.

tuigse b.

comas tuigsinn, smaoineachaidh,
no ionnsachaidh; ciall.

tubhairt gniomhair neo-riaghailteach

(agus **tubhairteadh**)
faic fo **abair**

tuigseach buadhair

coim. **tuigsiche**
a tha làn tuigse; ciallach: *duine*
tuigseach.

tùch gniomhair

1 (guth) fàs iosal agus garbh:
dh'èigh e cho mòr is gun deach a
thùchadh. 2 mùch; bàth.
tùchadh f.

tuigsinn b.

1 a bhith le fios dè as ciall do
rudeigin, dè a tha ann, no ciamar a
dh'obraigheas rudeigin. 2 a bhith
air rudeigin a chluinntinn.

tùchail buadhair

coim. **tùchaille**
le guth iosal garbh; air a thùchadh.

tuil b.

gin. **tuile** *iol.* **tuilean, tullean**
mòran uisge a' sgaoileadh thairis
air talamh a bhios mar as trice
tioram.

tudan f.

gin. **tudain** *iol.* **tudanan**
1 meall beag. 2 goc feòir, 7c.

tuill f.

faic fo **toll**

tug gniomhair neo-riaghailteach

(agus **tugadh**)
faic fo **thoir**

tuilleadh co-gniomhair

1 a-rithist; uair eile; às an uair seo:
cha dèan mi sin tuilleadh; cha tig iad
tuilleadh; gu bràth tuilleadh; cha bhi
e fada tuilleadh. 2 a **thuilleadh** air a
bharrachd air; ach: *cha dèan mi càil*
a thuilleadh air sin.

tugainn gniomhair easbhaidheach

falbhamaid; rachamaid.

tuilleadh f.

leasachadh; barrachd: *tha mi ag*

tugh gniomhair

déan mullach taighe le tughadh.
tughadh f.

tughadh f.

gin. **tughaidh**
connlach no cuilcean a chleachdar
gus mullach taighe a dhèanamh.

iarraidh tuilleadh bainne; thoir dhomh tuilleadh!

*a' bhaile.
tuiteam f.*

tuineap f.

snéap.

tùirse b.

a bhith tùrsach.

tuirt *gniomhair neo-riaghailteach*
(agus **tuirteadh**)
faic fo **abair**

tuiseal f.

gin. tuiseil iol. tuisealan
(gràmar) cumadh no suidheachadh
facail a dh'innseas mar a cheanglar
ri facail eile: *gabhaidh an tuiseal*
busasach a-steach an dà chuid an
tuiseal aimneach ('tha an uinneag
dùinte') agus an tuiseal cuspaireach
('dhùin mi an uinneag'); cleachdar
an tuiseal tabharrach leis a' chuid as
mòd roimhearan neo-fhillete ('bha
mi aig an uinneig'); cleachdar an
tuiseal ginideach gu tric an dèidh
ainmeanan ('bha mi a' dùnadh na
h- uinneige'; 'ri taobh a' choin');
cleachdaidh tu an tuiseal gairmeach
ma dh'eigheas tu air duine
(‘trobhad, a Sheumais’).

tuisleach buadhair

coim. tuisliche

1 a bhios a' tuisleachadh. 2 air nach
robh dùil agad; tubaisteach.

tuislich gniomhair

steamhnaich no tuit gun dùil agad
ris.

tuisleachadh f.

tuit gniomhair

1 thig sìos, thig a-nuas gu h-obann.
2 fàs nas lughá: *thuit na prisean.* 3
tuit do tachair do chuideigin: *thuit*
dhaibh coinneachadh ri chéile anns

tuiteamach buadhair

coim. tuiteamaiche
a' tachairt gun dùil agad ris;
fortanach.

tuiteamas f.

gin. tuiteamais iol. tuiteamasan
tachartas; cothrom.

tulach f.

gin. tulaich iol. tulaichean
tom; cnoc.

tulg gniomhair

gluaise bho thaobh gu taobh; luaisg.
tulgadh f.

tulgach buadhair

coim. tulgaiche
a thulgas.

tum gniomhair

rach sios no cuir rudeigin sios ann
an uisce no lionn.
tumadh f.

tunail f. agus b.

iol. tunalean

toll fada air a dhèanamh fo
thalamh no tro chnoc, gu h-àraighe
airson rathaid-iarainn.

tunna f.

iol. tunnachan

1 aonad cudthruim co-ionann ri
2,240 de phuinnd, no timcheall air
1,016 de chileagraman. 2 baraille
mòr.

tunnag b.

gin. tunnaig iol. tunnagan
lach.

tur buadhair

1 buileach; iomlan. 2 **gu tur gu**
buileach, gu lèir.

tùr f.¹

gin. agus *iol.* **tùir**
ciall; gliocas: *duine gun dùr.*

tùr f.²

gin. agus *iol.* **tùir**
togalach àrd caol; turaid.

turadh f.

gin. **turaidh**
1 cuairt ùine nuair nach eil an
t-uisge ann. 2 dìth uisge.

tùradh f.

gin. **turaidh iol.** **tùraidhean**
cuairt; a' dol air chuairt.

turaid b.

gin. **turaide iol.** **turaidean**
1 tùr beag air caisteal. 2 **tùr.**

turas f.

gin. **turas iol.** **tursan, turasan**
1 a' dol bho aon àite gu àite eile;
cuairt. 2 an t-astar a shiùbhlas tu,
no an uair a ghabhas tu, ann a
bhith a' dol a dh'àite. 3 uair: *bha mi*
ann am Peart turas eile an dèidh
sin.

Turcach f.

gin. agus *iol.* **Turcaich**
neach às an Turc.
Turcach buadhair

turrach buadhair

coim. **turraiche**
1 bun-os-cionn. 2 **turrach-air-**
tharrach bun-os-cionn; troimh-
chèle.

tursa f.

iol. **tursachan**

clach mhòr air a cur na seasamh le
daoine bho chionn fhada; gallan.

tùrsach buadhair

coim. **tùrsaiche**
brònach; muladach.

tùs f.

gin. **tùis**
toiseach: *bho thùs.*

tuthag b.

(no **tùthag**)
gin. **tuthaig iol.** **tuthagan**
bréid: *tuthag mhaol.*

U**u [u]**

an ochdamh litir dheug san aibidil.

uabhar f.

gin. **uabhair**
àrdan; pròis.

uabhas f.

gin. **uabhas**
1 rudeigin glè mhòr; meud mòr. 2
eagal mòr.

uabhasach buadhair

coim. **uabhasaiche**
1 glè mhòr. 2 glè eagalach. 3 glè; air
leth: 's e là *uabhasach brèagha a bha*
ann.

uachdar f.

gin. **uachdair iol.** **uachdaran**
1 taobh a-muigh rudeigin. 2
mullach. 2 bàrr a' bhainne.

uachdarach buadhair

coim. **uachdaraiche**
a tha nas uaisle.

uachdaran *f.*

gin. **uachdarain** *iol.* **uachdaranan**
1 duine dom buin fearann. **2** duine
 glè chudthromach.

uachdar-fhiacan *f.*

gin. **uachdair-fhiacan**
 glaodhan a chleachdar airson na
 fiacan a għlanadha.

uachdar-reòthte *f.*

gin. **uachdair-reòthte**
 milsean reòthte air a dhèanamh à
 uachdar a' bħanne; reòiteag.

uagh *b.*

co-ionann ri **uaimh**.

uaibh(se) *roimhear riochdaireil*

faic fo o

uaibhreach *buadhair*

coim. **uaibhriche**
 prōiseil.
uaibhreachas *f.*

uaibhreas *f.*

gin. **uaibhreis**
1 uabhar. **2** uaibhreachas.

uaigh *b.*

gin. **uaighe**, **uaghach** *iol.* **uaighean**,
uaghachean
 an t-àite san cladhaicħear
 marbhan.

uaigneach *buadhair*

coim. **uaigniche**
1 na aonar. **2** fàsail. **3** gruamach.
uaigneas *f.*

uaimh *b.*

gin. **uaimhe**, **uamha** *iol.* **uaimhean**,
uamhan
 toll mòr ann an cliathaich cnuic no
 creagain, no fo thalamh.

uaine *buadhair*

dath an fheòir; glas.
uaine *b.*

uainfheoil *b.*

gin. **uainfheola**
 feòil à uain.

uainn(e) *roimhear riochdaireil*

faic fo o

uaipe(se) *roimhear riochdaireil*

faic fo o

uair *b.*

gin. **uarach** *iol.* **uairean**

1 tri fishead mionaid; uair a thid. **2**
 uair a thid a rēir an uaireadair: *dè*
an uair a tha e?; *tha e uair*; *dà uair*;
tri uairean; *aon uair deug*; *dà uair*
dheug; *cairteal na h-uarach*; *leth*
uair an dèidh aon uair deug. **3** cuairt
 üine: *carson a tha thu an-áird aig an*
uair seo?; **4** *air uairean* aig
 amannan, an-dràsta 's a-rithist.

uaireadair *f.*

iol. **uaireadairean**

inneal a dh'innseas dè an uair a tha
 e.

uaireadair-gréine *f.*

iol. **uaireadairean-gréine**

innleachd a sheallas an uair le
 faileas na gréine.

uaireannan *co-ghniomhair*

air uairean.

uaireigin *co-ghniomhair*

aig uair air nach eil thu cinnteach.

uaisle *b.*

daoine de theaghlaichean cud-
 thromach; daoine àrd-inbheach.

uaisle *buadhair*

faic fo **usal**

uaithe(san) <i>roimhear riochdaireil</i>	uaithe(san) <i>roimhear riochdaireil</i>
faic fo o	ubhal <i>f.</i> <i>gin. ubhail iol. ùbhlann</i> 1 meas den chraoibh-ubhail. 2 fiadh den chraoibh-ubhail.
uaithe <i>co-ghniomhair</i>	ubhalghort <i>f.</i> <i>gin. ubhalghoirt iol. ubhalgoirtean</i> àite sam bi mòran chraobh-meas a' fás.
1 air falbh; <i>cuine a chaidh iad uaithe?</i> 2 uaithe sin o sin.	
uallach <i>f.</i>	ucas <i>f.</i>
<i>gin. agus iol. uallaich</i>	<i>gin. agus iol. ucais</i>
1 cùram. 2 dragh. 3 eallach; luchd.	iasg-mara a ghabhas ithe.
uam(sa) <i>roimhear riochdaireil</i>	uchd <i>f.</i>
faic fo o	<i>gin. uchda iol. uchdan</i> 1 broilleach. 2 roinn na bodhaige eadar na glùinean agus am meadhan nuair a bhios tu nad shuidhe; <i>trobhad is suidh air m'</i> <i>uchd!</i>
uamh <i>b.</i>	uchd-leanabh <i>f.</i>
faic uaimh	<i>gin. uchd-leanaibh iol. uchd-</i> leanaban leanabh a thugadh a-steach ann an teaghlaich mar gum b' e an teaghlaich aige fhèin a bha ann.
uamhann <i>f.</i>	uchd-mhac <i>f.</i>
<i>gin. uamhainn</i>	<i>gin. agus iol. uchd-mhic</i> mac a tha air uchd-mhacachd.
eagal mòr.	
uamhas <i>f.</i>	uchd-mhacachd <i>b.</i>
faic uabhas	a' gabhail cuideigin a-steach nad theaghlaich mar gum b' e do phàiste fhèin a bha ann; <i>tha mi air m' uchd-</i> <i>mhacachd.</i>
uamhasach <i>buadhair</i>	uchd-mhacaich <i>gniomhair</i>
faic uabhasach	gabh cuideigin a-steach nad theaghlaich mar gum b' e do phàiste fhèin a bha ann.
uan <i>f.</i>	uchd-mhacachadh <i>f.</i>
<i>gin. agus iol. uain</i>	
caora òg.	
uanan <i>f.</i>	
<i>gin. agus iol. uanain</i>	
uan òg; uan beag.	
uapa(san) <i>roimhear riochdaireil</i>	
faic fo o	
uasal <i>buadhair</i>	
<i>coim. uaisle</i>	
1 àrd-inbheach. 2 math agus fial. 3 facal a chleachdar an déidh ainm cuideigin gus spèis a shealltainn: <i>a</i> <i>dhuine uasail!</i>	
uatt(sa) <i>roimhear riochdaireil</i>	
faic fo o	
	uchd-nighean <i>b.</i>
	<i>gin. uchd-nighinne iol. uchd-</i>

nigheanan

nighean a tha air a h-uchd-mhacachd.

ud buadhair

1 a bha ann; air an robh sinn a' bruidhinn: *a bheil cuimhne agad air an duine ud?* 2 sin; a tha thall.

ud clisgear

abairt a sheallas nach eil thu a' dol le cuideigin, nach eil rudeigin math, gu bheil thu a' gabhail iongantas, 7c: *ud ud!*

ùdraid b.

faic ùtraid

uèir b.**iol. uèirichean**

stíall fhada chaol de mheatailt.

uèir-bhiorach b.**gin. uèir-bioraiche**

uèir agus bioran beaga oirre, a chleachdar gus feansaichean a dhèanamh.

ugan f.**gin. ugain iol. ugannan**

1 an roinn as uachdaraiche den bhroilleach. 2 cnàmh an ugain an cnàmh ann an roinn thoisich do ghualainn.

ugh f.**gin. uigh iol. uighean**

1 nì cruinn no ugh-chruthach air a bheil plaosg tana: 's ann ann an uighean a bhios eòin, frìdean, èisg, 7c, a' breith an àil. 2 a' chealla bhoireann às am bi naoidhean no beathach òg a' fás.

ùgh f.

faic ùth

ughach buadhair**coim. ughaiche**

air a chumadh mar ugh no an àireamh 0; ugh-chruthach.

ughach f.**gin. agus iol. ughaich**

cumadh mar ugh; ugh-chruth.

ughagan f.**gin. agus iol. ughagain**

lionn tiugh milis buidhe air ithe le milseanan.

ugh-chruth f.**gin. ugh-chrutha iol. ugh-chruthan**

cumadh mar ugh.

ugh-chruthach buadhair**coim. ugh-chruthaiche**

air a chumadh mar ugh no an àireamh 0.

ùghdar f.**gin. ùghdair iol. ùghdarán**

sgriobhaiche leabhair, dàin, 7c.

ùghdarras f.**gin. ùghdarras iol. ùghdarrasan**

1 a' choir no a' chumhachd òrdraighean a thoirt seachad; barrantas.

2 buidheann no duine a dh'fhaodas òrdugh a thoirt do dhaoine eile.

ùghdarrasail buadhair**coim. ùghdarrasaile**

le ùghdarras; aig a bheil ùghdarras.

uibhir b.

faic uimhir

Uibhisteach f.**gin. agus iol. Uibhistich**

neach à Uibhist.

Uibhisteach buadhair

ùidh b.¹*gin.* **ùidhe iol.** **ùidhean**

1 ag iarraidh a bhith a' coimhead,
ag eisteachd, agus a' cuideachadh
le rudeigin, 7c; suim: *nach eil thu a'*
gabhair ùidh ann am ball-coise idir?
2 aire. 3 dùil.

ùidheil buadhair**ùidh b.²***gin.* **ùidhe iol.** **ùidhean**

àth; fadhaill.

uidheam b.*gin.* **uidheim iol.** **uidheaman**

na rudan a bhios tu ag iarraidh
airson obair shònraichte a dhéan-
amh; acfhainn.

uidheamachd b.*iol.* **uidheamachdan**

a bhith freagarrach do dh'obair
àraidh; feart; buadh.

uidheamaich gnìomhair

thoir do chuideigin na dh'fheumas
e airson rudeigin sònraichte a
dhéanamh.

uidheamachadh f.**uile buadhair**

(ro ainmear a h-uile)

gach: *a h-uile h-uair; a h-uile duine;*
sinn uile.

uile riochdair

gach duine no nì.

uileann b.co-ionann ri **uilinn**.**uilebheist f.***iol.* **uilebheistean**

creutair mòr eagalach.

uile-chumhachdach buadhair*coim.* **uile-chumhachdaiche**

nas cumhachdaiche na càch.

uile-chumhachdachd b.**uilinn b.**(no **uileann**)*gin.* **uilinn,** **uilne iol.** **uileannan,**
uilnean

1 an t-alt am meadhan do
ghàirdein. 2 an t-àite eadar dà
loidhne far am bi iad a'
coinneachadh ri chèile.

uill co-ghníomhair

gu dearbh; ma-thà.

ùilleach buadhair*coim.* **ùilliche**

crèiseach; làn saille.

ùillean ainmear iolra

saill air uachdar lionna.

uillt f.

faic fo allt

uime(san) roimhear riochdaireil

faic fo mu

uime sin co-ghníomhair

mu sin.

uimhir b.

1 àireamh; meud: *dè an uimhir a tha*
agad? 2 (a) **uimhir,** **na h-uimhir**
àireamh mhòr; meud mòr; uiread:
bha na h-uimhir de dh'fhuaim ann;
tha e ag òl uimhir de dh'fhion; *chan*
eil mi ag iarraidh uimhir ri sin.

uimpe(se) roimhear riochdaireil

faic fo mu

ùine b.*iol.* **ùinichean,** **ùineachan**

1 àm; tide; uair shònraichte. 2
cuairt ùine.

uinneag *b.**gin. uinneige iol. uinneagan*

fosgladh ann am balla no ann am mullach, 7c, gus solas agus àile a leigeil a-steach, air a lionadh le glainne mar as trice; a' ghlinne seo.

nach eil fior; mac-meanmnach; faoinsgeulach.

uiseag *b.**gin. uiseig iol. uiseagan*

eun beag donn a sheinneas fhad is a bhios e shuas san adhar.

uinnean *f.**gin. uinnein iol. uinneanan*

glasraich chruinn air dath buidhe-gheal, le blas làidir air.

uisge *f.**iol. uisgean, uisgeachan*

1 lionn trid-shoilleir gun dath a tha na mheasgachadh de háidraidean agus ocsaidean; bùrn. 2 boinn-eachan uisce a thig às an adhar; frasachd: *tha an t-uisge ann.*

uinnseann *f.**gin. uinnsin*

fiodh den chraobh-uinnsinn.

uisgeadian *f.**gin. agus iol. uisgeadain*

amar beag.

ùir *b.**gin. ùire, ùireach*

an talamh sam bi luibhean a' fàs.

uircean *f.**gin. uircean iol. uirceanan*

muc òg.

gin. uisge-bheatha

deoch-làidir air a déanamh à gràn.

uiread *b.*

1 (a) **uiread** an t-aon mheud: *a bheil uiread agad is a tha agam?*; *rinn mi a dheich uiread is a phàigh mi*; *leth uiread sin.* 2 (a) **uiread, na h-uiread** meud mòr; àireamh mhòr; a leithid: *tha i a' déanamh na h-uiread de chadal an-dràsta; bha uiread dhaoine anns a' bhaile an-diugh; tha e a' déanamh na h-uiread.*

uisge-dionach *buadhair**coim. uisge-dionaiche*

air a dhionadh bho uisce; nach leig uisce a-steach.

uirsgeul *f.**gin. uirsgeil iol. uirsgeulan*

1 sgriobhaidhean mu thuit-eamasan nach do thachair; sgeulachdan agus nobhailean. 2 sgeulachd a bhios a' teagast rudeigin.

uisgich *gniomhair*

cuir uisce air rudeigin.

*uisgeachadh f.***ulaidh** *b.**gin. ulaidhe iol. ulaidhean*

rudeigin príseil; ionmhas.

ulfhart *f.**gin. agus iol. ulfhairt*

an èigh a nì cù, gu h-àraidh nuair a bhios e ann am pian; donnal.

uirsgeulach *buadhair,**coim. uirsgeulaiche***ulfhartaich** *b.*

a' déanamh fuaim mar a nì cù, gu h-àraidh nuair a bhios e ann am pian; a' donnalaich.

ullaich gniomhair
deasaich.
ullachadh f.

ullamh buadhair
coim. **ullaimhe**
deiseil.

ultach f.

gin. **ultaich iol.** **ultaichean**
1 na chumas tú nad ghàirdeanan. 2
âireamh de nithean air am pasgadh
còmhla; pasgan.

umad(sa) roimhear riochdaireil
faic fo mu

umaibh(se) roimhear riochdaireil
faic fo mu

umainn(e) roimhear riochdaireil
faic fo mu

umam(sa) roimhear riochdaireil
faic fo mu

umha f.

coimheatailt de chopar agus stàin,
air dath buidhe-dhonn.

umhail buadhair
coim. **umhaille**

1 gun a bhith àrdanach; iriosal. 2 a'
dèanamh mar a dh'òrdaicheas
cuideigin eile; a' dèanamh do
dhleastanais: *bi umhail dhomh!*

umhal buadhair
co-ionann ri **umhail**.

ùmhlaichadh f.

gin. **ùmhlaichadh**
a' dèanamh no a' fàs umhail.

ùmhlaichd b.

1 irioslachd. 2 a' dèanamh mar a
dh'òrdaicheas cuideigin eile. 3 a'

cromadh do chorp ro chuideigin:
rinn iad ùmhlaichd ron bhànrigh.

ùmhlaich gniomhair
dèan no fàs umhail.
ùmhlaichadh f.

umpa(san) roimhear riochdaireil
faic fo mu

uncail f.
iol. **uncailean**
bràthair dhad athair no dhad
mhàthair.

Ungaireach f.
gin. agus *iol.* **Ungairich**
neach às an Ungair.
Ungaireach buadhair

unnam roimhear leasaichte
(agus **unnad**, **unnainn**, **unnaibh**,
unnta)
co-ionann ri **annam**, 7c.
faic fo an

ùnnlagh f.
iol. **ùnnlaghan**
airgead a phàigheas duine mar
pheanasachadh.

ùnnsa f.
iol. **ùnnsaidhean**, **ùnnsachan**
aonad tomhais co-ionann ri $\frac{1}{16}$ de
phunnd, no timcheall air 28
graman.

ùpag b.
gin. **ùpaig iol.** **ùpagan**
putadh, gu h-àraidh leis an uilinn.

ùpraid b.

gin. **ùprайде iol.** **ùprайдean**
fuaim no aimhreit mhòr.

ùpraideach buadhair
coim. **ùprайдиче**
a nì ùpraid.

ùr buadhair*coim.* **ùire**

1 gun a bhith aosta; nuadh: *thog iad taigh ùr.* **2** (a thaobh bìdh) gun a bhith goirt, cruaidh, lobhte, 7c; gun a bhith air a ghleidheadh: *bainne ùr.* **3** as **ùr** a-rithist: *thachair an t-aon rud as ùr.*

ur buadhair seilbheach*(no bhur)*

dhibh; a' buntainn dhuibh: ur n-athair is ur màthair.

ùraich gniomhair

dèan no fàs ùr; nuadhaich.

ùrachadh *f.***Uranas** *f.**gin.* **Uranais**

an t-seachdamh planaid bhon ghrèin.

urchair *b.**gin.* **urchaire,** **urchrach** *iol.***urchraichean**

am fuaim a nì gunna, 7c.

urchasg *f.**gin.* **urchaisg** *iol.* **urchasgan**

rudeigin a chleachdar an aghaidh tinneis, puinnsein, 7c.

ùrlar *f.**gin.* **ùrlair** *iol.* **ùrlaran**

1 earrann seòmair air am bi daoine a' coiseachd; lär. **2** a h-uile seòmar a tha aig an aon àird ann an togalach.

ùrnaigh *b.**iol.* **ùrnaighean**

1 a' bruidhinn ri Dia: *rinn iad ùrnaigh ri Dia.* **2** ag iarraidh rudeigin air Dia.

ùr-nodha *buadhair*

glè ùr, glè nuadh; den àm seo.

urra *b.**iol.* **urraidhean**

1 neach; duine. **2** ùghdarris: *tha e an urra riut fhèin dè a nì thu.*

urrainn *buadhair*

comasach: *is urrainn dhomh sin a dhèanamh.*

urram *f.**gin.* **urraim**

1 meas; spèis. **2** inbhe àrd; uaisle; suidheachadh uasal.

urramach *buadhair**coim.* **urramaiche**

1 àrd-inbheach; uasal. **2** de mhodh no shuidheachan uasal. **3** (leis an alt) air a chur ro ainnm pears-eaglais (air a ghiorrhachadh gu **An t-Urr**).

urras *f.**gin.* **urrais** *iol.* **urrasan**

1 ag aontachadh ri suimean de dh'airgead a thoirt gu riaghailteach do bhuidhinn a bhios a' diol dhut ma chailleas tu càil no ma thig cron ort. **2** rèiteachadh gus airgead no seilbh a thoirt do chuideigin eile. **3** buidheann a choimheadas an dèidh airgid air sgàth duine no daoine eile.

ursainn *b.**iol.* **ursainnean**

fear de na puist air gach taobh de dhoras.

usgar *f.**gin.* **usgair,** **usgrach** *iol.* **usgaran,****usgraichean**

ball-maise airson caol an dùirn no a' muineil; crios-làimh, no crios-muineil.

uspag b.

gin. **uspaig iol.** **uspagan**

1 oiteag. **2** clisg.

ùth f.

gin. **ùtha iol.** **ùthan, ùthannan**

an roinn de bhoin, ghobhar, 7c, às
am faighear bainne.

ùtraid b.

gin. **ùtraide iol.** **ùtraidean**

1 lònaid. **2** slighe choitcheann;
lanaig. **3** rathad chun na mòintich.